

6.20.

6.20.

H.M. 28.





A I R

DIOMHAIREACHD GHLORMHOIR
PEARSA CHRIOSD;

MAILLE RI

GLIOCAS, AGUS GRADH, AGUS CUMHACHD NEO-CHRIOCHNACH DHE
'NA DHEALBHADH AGUS 'NA CHOMH-SHUIDHEACHADH.

LE IAIN OMHAIN, D.D.

EADAR-THEANGAICHTE
LE ALASTAIR MACDHUGHAILL, MAIGHSTIR-SGOILE,
GLEANN-URCHUDAIN.

IN BHIRNIS:
CLO-BHUAILTE DO'N EADAR-THEANGAIR
LE R. CARRUTHERS AGUS A MHIC.
1884.



AN CLAR-INNSIDH.

TAOIBH-DUILLEAG

An Roimh-ràdh

v

CAIBIDEIL I.

Aideachadh Pheadair ; Mata xvi. 16—Faoin-bheachdan Phapanach
d' a thaobh—Brigh an Aideachaidh sin 1

CAIBIDEIL II.

Naimhdeas air a noehdadh do'n eaglais mar a tha i air a togail air
Pearsa Chriosd 8

CAIBIDEIL III.

Pearsa Chriosd toradh a's glòrnihoire gliocais agus maitheis Dhé :
An seadh anns am bheil e mar sin 20

CAIBIDEIL IV.

Pearsa Chriosd stéidh uile chiomhairlean Dhé 31

CAIBIDEIL V.

Pearsa Chriosd mar Fhear-foillseachaidh mòr Dhé 45

CAIBIDEIL VI.

Pearsa Chriosd mar Ionad-tasgaidh gach uile Fhirinn Dhiadhaidh 62

CAIBIDEIL VII.

Cumhachd agus éifeachd air an cur ann an dreuchd Chriosd, chum
sláinte na h-eaglais, o a Pearsa 70

CAIBIDEIL VIII.

Creidimh eaglais an t-Seann Tiomnaidh a thaobh Pearsa Chriosd 89

CAIBIDEIL IX.

Urram diadhaidh dligeach do Phearsa Chriosd 93

CAIBIDEIL X.

Freumh an urrainn dhiadhaidh do Phearsa Chriosd; eadhon creidimh ann	113
--	-----

CAIBIDEIL XI.

Umhlachd do Chriosd—A nàdur agus a h-aobhairean	132
---	-----

CAIBIDEIL XII.

Freumh àraidh na h-ùmhlachd do Phearsa Chriosd, eadhon gràdh—Firinn agus brigh a' ghràidh air au dion	138
---	-----

CAIBIDEIL XIII.

Nàdur, agus oibreachadh, agus aobhairean a' ghràidh dhiadhaidh, ann an coimh-cheangal ri Pearsa Chriosd	152
---	-----

CAIBIDEIL XIV.

Aobhairean-brosnachaidh ar gràidh do Chriosd	167
--	-----

CAIBIDEIL XV.

Comh-chumadh ri Criosd, agus leantuinn 'na cheumaibh	177
--	-----

CAIBIDEIL XVI.

Sealladh air a ghabhail de għliexas neo-ċhriochnach Dhé ann an comh-shuidheachadh Pearsa Chriosd	189
--	-----

CAIBIDEIL XVII.

Nithe eile a tha 'taisbeanadh gliocais dhiadhaidh ann an innleachd na sláinte ann agus trid Pearsa Chriosd	224
--	-----

CAIBIDEIL XVIII.

Nàdur Pearsa Chriosd, agus aonadh pearsanta a dhà nàdur air a chur an céill	246
---	-----

CAIBIDEIL XIX.

Air ġardachadh Chriosd, maille r'a shuidheachadh a nis ann an glòir ré mairsinneachd a drenċhd mar eadar-mheadhonair	260
--	-----

CAIBIDEIL XX.

Clech-dadh eadar-mheadhonairachd Chriosd air nèamh	281
--	-----

AN ROIMH-RADH.

Is gealladh mòr e a thaobh pearsa Chriosd, mar a bha e gu bhi air a thabhairt do'n eaglais,—oir bu duine-cloinne e air a bhreith, agus bu mhac e air a thabhairt, Isa. ix. 6,—gu'n deanadh Dia a shuidheachadh ann an Sion mar stéidh, mar “chlach dhearbhta, clach - chinn na h-oisinn; sàrbhunait;” agus “esan a chreideas, nach cuirear gu h-amhluadh e:” Isa. xxviii. 16. Gidheadh bha e mar an ceudna air innseadh roimh-làimh d'a thaobh, gu'm bitheadh an sàrbhunait so “’na chloich-thuislidh agus ’na charraig-oilbheim do dhà thigh Israeil; ’na lion agus ’na ribe do luchd-àiteachaidh Ierusaleim:” Isa. viii. 14, 15. Agus a réir a' gheallaidh agus na fàidheadaireachd so thachair anns gach linn de'n eaglais; mar a tha an t-abstol Peadar a' cur an céill a thaobh a' cheud linn. Faic 1 Phead. ii. 6-8.

Dhoibh-san a chreideas chum tèarnadh an anama, tha e, agus bha e riamh, luachmhòr—grian, agus carraig, agus beatha, agus lòn an anama—na h-uile ni a tha maith, agus tarbhach, agus àluinn, agus ion-mhiannaichte, ann an ùine no gu siorruidh. Annsan, agus uaithsan, agus tridsan, tha am beatha spioradail agus siorruidh gu léir—an solus, an cùmhachd, ain fàs, an comhfhurtachd, an aoibhneas air thalamh, maille ri slàinte shiorruidh air nèamh. Is ann tridsan a mhain a tha iad a' miannachadh agus a' sealltuinn

airson saorsa o'n tuiteam eagalach sin o Dhia, aig am bheil fillte suas ann, a thaobl brìgh agus toillteanais, na h-uile ni a tha eronail, agus aimhleasach, agus millteach, d'ar nàdur, agus aig am bi a chrioch ann an dòruinn shiorruidh, mur bi saoradh air fhaotainn uaithe.

Air na h-aobharan so agus an samhuil eile, is e priomh rùn am beatha-san gu léir d'am bheil e mar so luachmhor, a bhi fàs ann an eòlas air—ag gabhair aithne air diomh-airreachd glioeais, agus gràis, agus gràidh Dhé, 'na phearsa agus 'na eadar-mheadhonaireachd, mar air fhoillseachadh anns an Sgriobtuir, ni a's e "a' bheatha mhaireannach," Eoin xvii. 3;—a' eur am muinghin ann, a thaobb uile churaman siorruidh an anaman—a bhi 'ga ghràdhachadh agus a' toirt urraim dha le'n uile chridhe—ag oidhirpeachadh comh-chumaidh fhaotainn ris ann an uile chomharaidhibh a' mhaitheis agus na naomhachd dhadhaidh a tha air am foillseachadh dhoibh ann.

Ach air an làimh eile,—a réir na fàidheadaireachd a dh' ainmicheadh,—mar a bha e 'na shàr-bhunait dhoibh-san a bha creidsinn, is amhuil a bha e " 'na chloich-thuislidh agus 'na charraig-oilbheim, dhoibh-san a thuislicheas air an fhocal." Cha-n 'eil ni sam bith 'na phearsa, 'na dhà nàdur, 'na dhreuchd, 'na ghràs, 'na ghràdh, 'na chumhachd, 'na ùghdarras, 'na dhàimh do'n eaglais, nach robh do mhòran 'na chloich-thuislidh agus 'na charraig-oilbheim. Is iad so na nithe mu'n robh cho liuthad connsachaidh thruaigh 'nam measg-san a bha 'g aideachadh a' chreidimh Chriosdail. Agus 'an àit a bhi lughdaehadh, is ann a tha an connsachadh a' dol am meud, eadhon gus an là'n diugh, gus am bheil an saoghal ri osnaich fo na toraidhibh bronach a tha e giùlan.

Uime sin, mar a tha iadsan d'am bheil e mar so 'na charraig-oilbheim ro dhichiollach ann an cur an aghaidh a ghlòire air gach dòigh, is amhuil sin is e àrd dhleasdanas na muinnitir sin d'am bheil e luachmhòr, cha-n e mhain a bhi gleidheadh na fìrinn a thaobh a phearsa, agus a spioraid, agus a ghràis, agus a dhreuchd, agus 'ùghdarrais, ach mar an ceudna a bhi 'eur an cèill 'òirdheirceis, a bhi tagradh aobhair a ghlòire, a bhi dòn 'onoir, agus a bhi 'deanamh fianuis uime mar aon shuaimhneas agus duais ro mhòr anama dhaoine, a réir mar a tha iad air an gairm agus a' faotainn a' chothroim.

Is e so, ma seadh, agus so a mhain, rùn nan caibideilean a leanas ; agus mar a tha na h-uile ni a tha anna teachd gearr ann an tombas do-labhairt air glòir, agus òirdheirceas, agus mòralachd a' chinn-theagaisg a tha air a thoirt fainear anna, is anihuil sin, gun teagamh sam bith, a dh' fhagadh air an ionlan iomadh comharadh o fhàillinnibh, agus nìhi-ionlanachd, agus anmhuiinneachdaibh an ùghdair. Gidheadh is éigin dhomh a ràdh ann an dànanachd, gu bheil anns an ionlan, fìrinn shiorruidh sin Dhé a thaobh dìomhaireachd a ghliocais, agus a ghràidh, agus a ghràis, agus a chumhachd, ann am pearsa agus ann an eadar-mheadhonaireachd Chriosd, maille r'ar dleasdanas do'n Athair, do'n Mhac, agus do'n Spiorad shiorruidh ann, air a tagradh agus air a dòn, nach bi gu bràth air a crathadh le uile oidhirpibh agus le uile naimhdeas gheatachan na h-ifrinn.

IAIN OMHAIN.

N O T E.

The publishing of the following translation into Gaelic of the Christology of Owen, first printed in Edinburgh in 1880, has been unavoidably delayed until now, owing to circumstances over which those entrusted with it had no control. The present is a carefully revised reprint.

It is humbly hoped that all who are specially interested in the spiritual well-being of our Gaelic-speaking population will kindly lend their influence and encouragement to the circulation of this important and valuable treatise of the Great Theologian.

AIR PEARSA CHRIOSD.

CAIBIDEIL I.

Aideachadh Pheadair; Mata xvi. 16—Faoin-bheachd an Phàpanach d' thaobh—Brigh agus Oirdheirceas an Aideachaidh sin.

AIR d' ar Slànuigheur beannaichte a bhi' feòraich d' a dheisciobluibh an smuaintean a thaobh a phearsa, agus an creidimh ann, air do Shimon Peadar an ceum toisich a ghabhail mar bu ghnàth leis, tre ghniomhaichas ereidimh agus bhraise na h-eud, fhreagair e 'nan ainm uile, Mata xvi. 16, "Agus fhreagair Simon Peadar agus thubhairt e, Is tusa Criosc, Mac an Dé bheò."

Tha Baronius,* agus cuid eile de'n Eaglais Phàpanaich, a' cumail a mach gu'n d' rinn an Tighearn Criosc ann an so comhairle choitchionn a ghairm. "Oir aon an so," a deir iad, "tha prìomh earrann a chreidimh Chriosdaidh air a cur an cùill agus air a suidheachadh le Peadar, ris an do chuir na h-abstoil eile gu léir an aonta, mar a bha mar fhiachaibh orra a dheanamh." Bha so deanta, mar a tha iad a' meas, chum a bhi 'na riaghait agus 'na lagh do na h-inntibh a bha chum teachd, ann an òrduchadh agus ann an suidheachadh theagasan a' chreidimh. Oir bha e gu bhi deanta leo-san a thigeadh 'an aite Pheadair chum a bhi air ceann chomhairleau, mar a bha e nise deanta le Peadar féin ann an comh-chruinneachadh so Criosc agus nan abstol.

Ach tha iad coltach ri 'bhi leigeadh as an eunmhne gu'n robh Criosc féin a nis a làthair, agus uime sin nach robh feum air fear-ionaid a bhi aige, air bhi dha air an ceann 'na phearsa féin. Tha iad a' tagradh gu bheil a shamluil sin de cheann fhollaiseach na h-eaglais 'na nì neo-sheachanta air thalamh, chum a bhi 'suidheachadh theagasan creidimh, agus sin do bhrigh neo-làthaireachd Criosc o chaidh e suas air nèamh. Ach gu'm bitheadh fear-ionaid aige agus e féin a làthair, tha so gle neómach; agus fhad 's is beò iad, cha dean iad gu bràth ceann-suidhe de'n phàpa far am bheil Criosc féin a làthair. Ach da rireadh, cha-n 'eil e 'cur fa chomhair nan deisciobul idir a bhi 'suidheachadh puinc creidimh, ach a mhain a' feòraich m' an creidimh féin, a chuireadh an cùill leò amns an

* Easbuig agus Ughdair Pàpanach a bh' anns an Eadailt dà cheud bliadhna roimh so.—EAD.

aideachadh so. Ciod air nach euir daoine aghaidh, a tha fo riaghlaigh chlaon-bheachdan agus chrìochan feòlmhor, agus aig am bheil an inntinnean air an roimh-ghlacadh le smuaintibh truaillidh an eridhe fèin, chum maslaidh, seadh, chum sgrios na fior dhiadhadh?

Tha aideachadh aithghearr ach òirdheire so Pheadair, a' filleadh suas ann air dhòigh inbheach an t-ionlan de'n flìrinn a thaobh pearsa agus dreuchd Chriosd :— a thaobh a phearsa, anns nach e mhain gu'm bu Mhae an duine e—an t-ainm fo'n do chuireadh a cheisd sin leis, “Cò a tha daoine 'g radh is e Mac an duine?”—ach gu'm b' e mar an eudna Mac siorruidh an Dé bhèò :—agus a thaobh a dhreuchd, ams gu'm b' e an Chriosd e, an ti a rìm Dia 'ungadh chum a bhi na Slànuighear na h-eaglais, ann an cleachadh a chumhachd mar rìgh, mar shagart, agus mar fhàidh. Tha eisampleiream eile de'n aideachadh aithghearr so againn ann an àitibh eile de'n Sgriobtuir. Rom. x. 9, “Ma dli'aidicheas tu le do bheul an Tighearna Iosa, agus ma chreideas tu ann ad chridhe gu'n do thog Dia o na mairbh e, gu'n saorar thu.” 1 Eoin iv. 2, 3, “Gach uile spiorad a dh' aidicheas gu'n d' thàinig Iosa Chriosd 's an fheòil, is ann o Dha tha e: agus gach uile spiorad nach aidich gu bheil Iosa Chriosd air teachd 's an fheòil, cha-n ann o Dha a tha e.” Agus tha e soilleir, gu bheil a shamhuil sin a chomh-aonadh aig firinnibh na diadhachd 'nam measg fèin, agus gu bheil iad a' coinneachadh air a' leithid a dhòigh ann ann pearsa Chriosd mar eadar-mheadhonair na h-eaglais, as gu bheil iad uile a thaobh brìgh air am filleadh suas anns an aideachadh so; agus measar iad mar sin leo-sun uile nach 'eil 'gan trnailleadh le teag-asaibh bréige nach 'eil coimh-fhreagarrach rin, ged is e dleasdamas nan uile dhaoine a bhi 'faotainn èolais air gach aon diubh fa leth, a ràir nan cothroman a tha iad a' sealbhachadh. Tha cùnnart anama dhaoine a' luidh, cha-n ann anns gu bheil iad gun chomas a bhi 'breithneachadh aidmheilean creidimh a tha ni's farsuinne agus ni's inuleachdaiche na so, ach ann an gabhlail ri nithibh a tha an aghaidh bunait so a' chreidimh, no a tha neo-fhreagarrach ris. Cia b'e air bith ni anns am bheil daoine teachd gearr, gun an Ceann a chumail, ged nach robh e 'nan stílibh ach mar ni beag, tha sin 'na uonar cronail, Col. ii. 18, 19.

Tha an t-aideachadh so, ma seadh,—mar a tha e 'tilleadh suas ann suinn agus brìgh a' chreidimh sin mu'n robh iad gu bhi 'deanamh fiumis, agus a thaobh an robh àm an deuchaimh a' dlùthachadh—air a mhòladh le ar Slànuighear. Agus cha-n e mhain sin, ach tha sochairean inbheach air am buileachadh airson a rinn e, agus annsan air an eaglais uile, a bhithleadh beò anns a' chreidimh agus anns an aideachadh cheudna, rainn 17, 18, “Is beannachtae thusa, a Shimoine Bhar-Iona; oir cha d' fhoillsich ful

agus feòil sin duitse, ach m' Athair-sa a tha air nèamh. Agus tha mise ag ràdh riut, Gur tusa Peadar, agus air a' charraig so togaidh mise m' eaglais ; agus cha toir geatachan na h-ifrinn buaidh oirre."

Tha dà ni a tha ar Slànuighcar a' toirt fainear anns an fhreagradh a thugadh air a' cheisd a chuir e. 1. Creidimh Pheadair anns an aideachadh so—creidimh an neach a rinn an t-aideachadh ; 2. Nàdur agus firinn an aideachaidh : dà ni a tha mar fhiachaibh air uile dheisciobluibh Chriosd—"Oir is ann leis a' chridhe a chreidear chum fireantachd ; agus leis a' bheul a dh' aidiclear chum slàinte," Rom. v. 18.

1. Is e an ceud ni air am bheil e 'labhairt, creidimh Pheadair, a rinn an t-aideachadh. As eugmhais so cha-n 'eil tairbhe no buannachd ann an aideachadh sam bith o'n leth a muigh. Oir bha còlas aig na deamhnaibh féin air mar Aon Naomh Dhé, Lucas iv. 34 ; gidheadh cha d'fhuiling e dhoibh a bhi 'ga labhairt, Marcus i. 34. Is e 'bhi creidsinn leis a' chridhe chum fireantachd, a tha 'toirt glòire do Dhia ann an aideachadh sam bith, agus a' toirt còire dhuinn féin anns an flìrinn a tha sinn ag aideachadh. Agus fhreagair Iosa agns thubhairt e ris, "Is beannaichte thusa, a Shinoind Bhar-Iona : oir cha d' fhoillsich fuil agus feòil sin duitsa, aeh m' Athair-sa a tha air nèamh."

Tha e 'moladh agus a' cumail a mach creidimh Pheadair—(1.) O a thoradh ; (2.) O a cheann-aobhar. B' e a thoradh gu'n d' rinn e esan beannaichte anns an robh e. Oir cha-n e mhain gur ni beannaichte creidsinn ann an Iosa Chriosd, agus còlas 'fhaotainn air, mar a ghoirear dheth a' bheatha mhaireannach, Eoin xvii. 3 ; aeh is ann d'a thrid a tha còir neo-mheadhonach air a faotainn ann an staid bheannaichte an fhìreanachaidh, an uehd-mhacachaidh, agus an deadh-ghean maille ri Dia, Eoin i. 12. (2.) Is e ceann-aobhar neo-mheadhonach a' chreidimh so taisbeanadh diadhaidh an Fhocaill. Cha-n 'eil e 'na thoradh ar comasan féin, nach 'eil aig a' chuid a's fearr ach 'nam tuil agus 'nam feòil. An creidimh sin a tha 'gan deanamh-san beannaichte anns am bheil e, tha e air 'oibreachadh annnta le eumhachd Dhé a' foillscachadh Chriosd d'am anamaibh. Iadsan aig am bheil barrachd comais annnta féin chun na crìche so na bha aig Peadar, cha-n 'eil gnothuch againn riù.

2. Tha e 'labhairt, anns an dara ait, mu'n aideachadh féin, a' leigeadh ris do na deisciobhuibh a nàduir agus 'fheuma, an ni sin féin a bha gu h-àraidh air aire o'n toiseach, rann 18, "Agus tha mise ag ràdh riut, Gur tusa Peadar, agus air a charraig so togaidh mise m' eaglais ; agus cha toir geatachan ifrinu buaidh oirre."

O'n chàinnt so a labhradh ri Peadar, tha comsachadh air Éirigh anns an t-saoghal, eo ac is e an Tighearn Iosa Chriosd féin, no pàpa na Ròimh a' charraig air am bheil an eaglais air a togail. Agus tha nithe air teachd a dh' ionnsuidh na h-inbhe sin anns an

diadhachd, 'nam measg-sau d'an goirear Criosdaidhean, gu bheil an àireamh a's mò air taobh a' phàpa agus 'an aghaidh Chriosd anns a' chùis. Agus tha an deadh aobhar aca air son an roghaimi a riunn iad. Oir ma's e Criosd a' charraig air am bheil an eaglais air a togail, do bhrigh gu bheil esan 'na chloich bheò, is éigin doibh-sau a bhitheas air an leagadhl agus air an togail air a bhi 'nan clachaibh beò mar an cendna, a réir dearbh-chinnt an abstoil so féin, 1 Litir ii. 4, 5; is éigin doibh a bhi cosmhuil ri Criosd, 'nan luchd-comhpairt d'a nàdur, air am beothachadh le a Spiorad, chum, mar gu'm b' ann, a bhi 'nan enàimh d' a chmàmhaibh, agus 'nam feòil d' a fheòil, Eph. v. 30. Cha mhò a dh' fheudas neach sam bith a bhi air a thogail air achi tre chreidimh beò, a bhitheas éifeachdach ann an uile shligheibh na h-àmhlaichd. Ach gu coit-chiomh cha-n' eil tlachd idir aig daoinibh anns na nithibh so; agus, nime sin, cha-n' eil aitreabh a' bheò-theampuill a tha togta air a' bluainit so achi mar is tric gle bheag, gun a bhi comharaichte no glòrnhor o'n leth a muigh achi ro ainmig. Ach ma's e am pápa a' charraig so, feudaidh na h-uile Pàpanach anns an t-saoghal, no ma h-uile leis an àill —cia b'e air bith cho enoireach agus cho aindiadhadh as a bhitheas iad —a bhi air an togail air, agus a bhi 'faotainn comhpairt de'n t-saorsa sin gu léir o chumhachdaibh na h-ifrinn a dh' fheudas a' charraig sin a bhuleachadh orra. Agus feudar so uile 'fhaotainn air gle bheag dragh; oir cha-n' eil air 'iarraidh achi a mbain gu'm bitheadh ùghdarris àrd-uachdarach a' phàpa anns an eaglais air 'aideachadh. Cha bhi sinn a' feòraich ann an so mar a tha iad a' stéidheachadh chòirichean a' phàpa air Peadar,—air gu'n robh e anns an Roimh, 'na easbuig an Roimhe, a' bàsachadh anns an Roimh, a' suidheachadh a chaithreach anns an Roimh, a' coisrigeadh agus a' toirt thairis a chòir, agus 'inbhe, agus a chumhachd, agus 'úghdarris, na h-uile ni achi a chreidimh, agus a naomhachd, agus a shaothair anns a' mhinistreileachd, do'n phàpa; rinn sinn sin a cheana ann an àit eile. Is ann 'an so 'tha freumh na craobh-e air a sbuidheachadh, a tha air fas ro mhòr, cosmhuil rithe sin ann an aisling Nebneadhnesair, gus am bheil beathaichean na macharach air sgùl 'fhaotainn foipe, agus eunlaith an athair air còmhnuidh a dheanamh 'na geungaibh—daoine collaidh agus spioradan neo-ghan. Ni sinn, nime sin, gu h-aithghearr tuath a chur r'a freumh, le bhi deamamh soilleir nach e pearsa Pheadair leis an robh Criosd air aideachadh a' charraig air am bheil an eaglais air a togail; achi pearsa Chriosd a bha air 'aideachadh le Peadar.

1. Tha an t-eadar-dhealachadh a tha anns an dòigh-labhairt a' dearbhlaichd gu soilleir gu'n robh ar Slànnighear a' ciàllachadh nach tuigeamaid gu'm b'e pearsa Pheadair a' charraig. Tha e 'gabhlail a' chothruim o ainn Pheadair a bhi eur 'an eill an ni sin a bha

'na rùn, agus gun ni sam bith ach sin ; "Agus tha mise ag ràdh riut, Gur tusa Peadar." Thug an Tighearn an t-ainm so air, 'nuair a ghairmeadh air tùs e, Eoin i. 42 ; agus a nis tha e'g ainm-eachaidh an aobhair air son gu'n d' rinn e sin, eadhon, do bhrigh an aideachaidh urramaich a bha e gu dheanamh air carraig na h-eaglais ; mar a thugadh ainm Dhé fo'n t-Seann Tiommadh mar ainm air daoinibh, agus air nithibh, agus air ionadaibh comharaichte, do bhrigh dàimh àraidh anns an robh iad a' seasamh dha. Uime sin, tha eadar-dhealachadh deanta anns an dòigh-labhairt a dh'aon ghnothuch chum a bhi cur an céill, eia b' e air bith seadh a bhluineas do'n ainm Peadar, gidheadh nach b' e pearsa Pheadair a' charraig a bha air a ciallachadh. Is iad na briathran, "Is tusa Peadar, agus air a' charraig so." Nam bitheadh e 'ciallachadh pearsa Pheadair, theireadh e gu soilleir, "Is carraig thusa, agus orts a togaidh mi," anns am bitheadh ni-eigin de leithsgaile aca air son a' bheachd amaidlich so.

2. Ma bha an eaglais air a togail air pearsa Pheadair, eba robh seasamh sam bith aice 'nuair a fluair esan bàs. Oir cha-n urrainn aitreatbh sam bith seasamh 'nuair a bheirear air falbh a bunait. Air an aobhar sin tha iad ag innseadh dhuinn nach 'eil iad a' ciallachadh le pearsa Pheadair, a phearsa 'na aonar ann fèin mar a' charraig so ; ach e fèin agus iadsan a bha gu teachd 'na dhéigh mar easbuigibh na Ròimh. Ach cha-n 'eil anns an leithsgaile so gu léir ach faoineas mbàslach a rinn iad fèin a dhealbhadh. Ma bhithreas pàpa na Ròimh 'na fhior chreideach, tha e 'faotainn còir anns na sochairibh a bhluineas do'n aideachadh so, mar a tha na h-uile creideach eile ; agus mur bi e mar sin, cha-n 'cil euid no cramchur idir aige anns a' chùis. Ach tha diomhanas an leithsgaile so soilleir o ni eile mar an cendna. Air do'n abstol a bhi 'nochdadhl neo-fhoghainteachd sagartachd Aaroin,—eadhon far an robh daoine air an comharachadh an déigh a chéile le Dia fèin,—tha e 'eur an céill nach b' urrainn am frithdealadh sin an eaglais a thoirt chum fairfeachd, do bhrigh na h-àrd-shagartan a bhi 'faotainn bàis, aon 'an déigh aoin, agus mar sin gu'n robh iad mòran ann, Eabh. viii. 8, 23, 24. Agus air a so tha e 'nochdadhl nach urrainn an eaglais a bhi air a deamanh coimhlionta, mur 'eil i 'soeirachadh gu h-ionlan annsan agus airsan a tha beò gu siormidh, agus a rinneadh 'na shagart "a réir cumhachd beatha gun chrich." Agus ma bha an Spiorad Naomh a' meas gu'n robh sudheachadh Eaglais nan Iudhaich annmhunn agus mi-ionlan, do bhrigh a bhi air a stéidheachadh air àrd-shagartair a bha 'faotainn bàis fear an déigh fir, ged a bha iad a' teachd 'an déigh a chéile a réir àithne Dhé fèin ; am bheil e r'a smuaineachadh a thaobh an Tighearn Iosa Criod, a thàinig a thoirt na h-eaglais a dh' ionnsuidh na coimhliontachd a b' àird a bha 'na comas anns an t-saoghal so, gu'n d'

rinn e a togail air daominibh bàsmhor a bha 'leantuinn a chéile aon an déigh aoin, gun an dearbhadh a's lugha gu'n robh iad a' deanamh sin a réir comharachaidh Dhé? Agus a thaobh firinn na cùis, tha fios againn nach do lean iad so sios an déigh a chéile, gun ionadh briseadh, agus gur h-iomadh uile-bheist a bha 'nam measg, a tha 'deanamh soilleir nach ann o Dhia a shuidhicheadh iad.

3. Cha-n 'eil ann ach aon charraig, aon bhunait. Cha-n 'eil an Sgriobtuir ann an aite sam bith a' toirt iomraidi air dà charraig a bhi aig an eaglais. A thaobh sin a dh' fheudas muinntir eile 'bhi dealbh ehum na críche so cha-n 'eil gnothuch againn ris. Agus ni sinn a dhearbhadh air ball gur e an Tighearn Criod a mhain aon charraig agus aon bhunait so na h-eaglais. Uime sin, cha-n e aon chuid Peadar féin a' charraig so, no iadsan a tha 'leigeadh orra a bhi 'suidhe 'na aít. A thaobh carraig sam bith eile, cha bhui i d' ar creidimh-ne; iadsan a dhealbh i gnàthaicheadh iad i mar a chi iad iomchuidh. "Cosmhuil riu féin tha iadsan a ni iad, agus gach neach a dh' earbas asda," Salm exv. 8. "Oir mar ar carraig-ne cha-n 'eil an carraig-san, air bhi dhoibh féin 'nam breitheamh-naibh;" mur dean iad am pàpa gu h-iomlan coimh-ionann ri Iosa Criod.

4. Air d' ar Slànuighear a rùn a chur an céill, an eaglais a thogail air a' charraig, tha e air ball a' foillseachadh d' a dheisciobluibh an dòigh amns an robh e gu bhi 'leagadh a bunait, eadlion, 'na fhulangasaibh agus 'na bhàs, rann 21. Agus air a so, air do Pheadar, an neach a tha iad a' meas a b' e a' charraig, a bhi air 'thagail ré tammuill dha féin, rinn e aithnichte nach robh ann ach "eile air a crathadh le gaoith." Oir is eo fad a tha e o bhi 'ga chur féin fo chudhrrom an aitreibh, as gu bheil e 'eur amalaidh roimh bhi 'leagadh a bhunait. Thòisich e air Criod féin a chron-achadh air son a bhi 'g aimneachadh 'fhulangas, amns an robh bunait eaglais an Tiomnaidh Nuaidh gu bhi air a leagadh, rann 22; agus air a so fhuaire e féin an eronachadh a bu ghéire a thug an Tighearn Iosa riann do neach sam bith d' a dheisciobluibh, rann 23. Agus tha e aithnichte mar a rinn e 'na dhéigh sin na b' urrainn e—air bhi dha air a ghlacadh fo chumhaichd a' bhuairdh — gu bhi 'g àiceadh an aideachaidh a rinn e ann an so, air an robh an eaglais gu bhi air a togail. Oir, e hun nach deanadh feòil sam bith uайл amnta féin, bha esan a bha comharaichte ann an aideachadh Criod, cho comharaichte mar an ceudna ann a bhi 'ga àiceadh. Agus ma rinn esan aithnichte 'na phearsa féin cho neo-fhreagarrach as a bha e air son a bhi 'na bhunait 'na h-eaglais is iongantach an druidheachd fo'm bheil iadsan a's urrainn a bhi 'smuaineachadh gu bheil pàpa na Ròinn mar sin.

Air dhuinn diomhanas na bréige so a nochdadhl, feudar brìgh na diomhaireach mòire sin a tha fillte suas amns an fhanuis a thug

ar Slànuighean do aideachadh Pheadair, agus an gealladh a tha coimhcheangailte ris, 'ainmeachadh fo na tri chinn so :—

1. Gur e pearsa Chriosd, Mae an Dé bheò, air a sgeadachadh le 'dhreuehdaibh, chum an robh e air a ghairm agus air 'fingadh, bunait na h-eaglais. a' charraig air am bheil i air a togail.

2. Gu'm bi cumhachd agus innleachd na h-ifrinn air an cleachadh a ghnàth an aghaidh an dàimh anns am bheil an eaglais a' seasann do'n bhunait so, no an aghaidh a togail air a' charraig so.

3. Nach bi an eaglais a tha air a togail air a' charraig so gu bràth air a sgaradh uaire, no buaidh air 'fhaontainn oirre le uile naimhdeas gheatachan na h-ifrinn.

Labhraidh sinn air a' cheud dà cheann gu h-aithghearr, do bhrigh gur e ar priomh rùn a bhi 'daingneachadh firion áraidh a tha filte suas anna uile.

Tha bunait na h-eaglais dà-fhille :—(1.) Am *fior* bhunait ; (2.) Am bunait *teagascach*. Agus anns an dà sheadh so, is e Criosd a mhain am bunait. Is esan fior stéidh na h-eaglais, tre'n aonadh dhìomhair a tha aice ris, maille ris gaeil sochair a bhuiocas dhi trid an aonaidh sin. Oir is e so a mhain tobar a beatha spioradail, agus a gràis, agus a tròcair, agus a fairfeachd, agus a glòire gu h-ionlan, Eph. iv. 15, 16 ; Col. ii. 19. Agus is esan a bunait teagascach, a mheud 's gur e an creidimh no an teagasc sin a tha m'a thimchioll féin agus a dhreuchdan, an flìrim dhiaidh sin a tha air dhoigh araidh a' beothachadh agus a' comh-suidheachadh eaglais an Tiomnaidh Nuaidh, Eph. ii. 19-22. As eugnabais creidimh agus aideachaidh na firinne so, cha bhuin neach do'n eaglais sin. Cha-n 'cill fios agam ciod a tha 'nis air a chreidisinn, ach tha mi a' meas naeibh bi e co dhiù fathast air 'aicheadh, gur e a tha 'toirt bith fhàicsinnich do eaglais an Tiomnaidh Nuaidh, eadhon, aidmhéil a' chreidimh a thaobh pearsa, agus eadar-mhheadh-omaireachd, agus gràis Chriosd, leis gach dileasdanas a tha mar fhiaochaibh oirnne coimhcheangailte ri sin. Bithidh eairadheanamh làn shoilleir 'na dhéigh so ciod an seadh anns am bheil sinn a' tagradh nan nithe so.

Ann an Isa. xxviii. 16, tha fianuis againn air gur e an Tighearn Criosd mar so bunait na h-eaglais ; "Mar so deir an Tighearn Iehobhab, Feuch suidhichidh mise mar stéidh ann an Sion clach, clach dhearbhta, clach-chinn na h-oisinn ; sàr-blunait : esan a chreideas, eha chuirear gu h-amhlaoadh e." 'Am measg nan ionnsuidh ladarna thugadh anns na làithibh deireannach so air beatha na fior dhiadhachd, tha an t-eadar-mhineabhadh sin a tha cuid a' deanamh air an earrann so, ann an comh-chòrdadh ri beachd nan Iudhach, 'nuair a tha iad a comh-chur a' gheallaidh so ri Heseciah. Gidheadh tha iad a' fiaradh inntinn an Spioraid Naomh ann, mar a dh' fhendtadh a nochdadh o na h-uile focal

de'n choimh-theagascg. Ach o'n eadar-mhineachadh agus o'n chomh-chur a rinneadh leis na h-abstoil air na briathraibh mu dheireadh a tha anns a' ghealladh so, cha d' fhadadh leithseul sam bith air son a' mhearachd so. "Esan a chreideas eha chuirear gu h-amhluadh e, Rom. ix. 33, x. 11; 1 Phead. ii. 6; is e sin, tèarnar gu siorruidh e,—ni gur e an toibheum a's àirde 'bhi 'ga chomh-chur ri neach sam bith ach Iosa Criod a mhain. Is esan uime sin, 'na aonar am bunait sin a rinn Dia a leagadh ann agus air son na h-eaglais. Faic Salm cxviii. 22; Sech. iii. 9; Mata xxi. 42; Eph. ii. 20-22. Ach tha an fhàrrimh bhunaiteach so—gur e Criod 'na aonar stéidh na h-eaglais—air a daingneachadh cho soilleir leis an abstol Phol, as nach 'eil feum air tuilleadh dearbhaidh, 1 Cor. iii. 11, "Oir bunait eile cha-n urrainn duine sam bith a leagadh, ach am bunait a leagadh a cheana, eadhon Iosa Criod."

CAIBIDEIL II.

Naimhdeas air a nochdadhbh do'n Eaglais mar a tha i air a togail air Pearsa Criod.

ANNS na briathraibh a labhair ar Slànnighear ri Peadar a thaobh bunait na h-eaglais, tha gealladh gu'm bitheadh i air a gleidheadh, agus tha an naimhdeas a bhithheadh air a chleachadh 'na h-aghaidh air 'inmseadh roimh-làimh. Agus, a réir 'fhocail, tha na h-uile ni air tachairt, agus a' faotainn cleachdaidh gach là a dh' ionnsuidh coimhliomaidh iomlain. Oir—chum a bhi tòiseachadh leis an naimhdeas a roimh-labhradh—bha cumbhaich agus seòltachd na h-ifrimh riabhach air an guàthachadh, agus bithidh iad mar sin chum na criche, 'an agbaidh na h-eaglais air a togail eir a' bhunait s— is e sin, 'an aghaidh creidimh na h-eaglais a thaobh a phearsa, agus 'adar-mheadhonaircheachd, agus a ghráis, trid am bheil i air a togail air. Tha sùil aige so, a thaobh na h-aimsir a chaidh seachad, ris na fluair coimhliomadh a cheana; air am feum sinu, uime sin, ionradh aithghearr a thoirt anns a' chéud àit; agus 'an sin bheir sin flàinear an gearbhadh a tha agaum air an naimhdeas cheudna anns an àm a tha làthair.

Tha geatachan na h-ifrimh, mar a tha na h-uile ag aideachadh, a' ciallaeachadh a cumbhaich agus a cuillheartachd, no oibreachadh Shatain, araon mar leòmhain agus mar nathair, le feirg agus le scòltachd. Ach do blàrigh nach 'eil e 'ga chleachdadhbh féin anns na nthibh so gu faicsinmeach 'na phearsa féin, ach le 'chuid inmealan, tha a ghnàth dà sheòrsa aige dhiubh 'na sheirbhis. Leis an dara

h-aon tha e 'cleachdad 'theirge, agus leis an aon eile a chuilbheartachd. Tha e 'g oibreachadh ann an aon mar leòmhan, agus ann an aon eile mar nathair. Anns an dara h-aon tha e 'gniomhachadh mar an dràgon, anns an aon eile mar am fiadh-bheathach aig an robh dà adhaire cosmhuil ri uan, ach a labhair mar dhràgon. Is e an ceud aon saoghal nam mi-chreideach; an dara h-aon mealltairean de gach gnè a threig an creidimh. Uime sin, tha an gnè oibre so de nàdur dà-flillte :—an dara h-aon, ba thoradh a chumh-acnd agus 'theirge, air a chleachdad le daoinibh aingibh an t-saoghal ann an geur-leanmhuinn—an t-aon eile, na thoradh a sheòltachd agus a chuilbheartachd, air a chleachdad ann an saoibh-chreidimh mhéalltairean. Agus annta so araon is e a rùn a bhi 'sgaradh na h-eaglais o a bunait.

Chuir e an ceud seòrsa naimhdeis air chois gu neo-mheadhonach an aghaidh pearsa Chriosd fèin ann an nàdur an duine. Chleachd e foil aig aon àm 'na bhuaividhíbh, Mata iv., ach dh' fhògħluim e gu h-aithghearr nach robh 'na chomas làmh 'thaotainn ann air an dòigh sin. Bha uachdar an t-saoghal so air teachd, ach cha robh ni air bith aig annsan. Uime sin chaidh e 'an ceann an naimhdeis fhollaisich, a' cur gach meadhon 'na chomas air chleachdad chum a sgrios. Air a' mhodh chendna, mar is mò a tha an eaglais aig àm sam bith air a daingneachadh tre chreidimh agus faire 'an aghaidh mealltaireachd, is ann is mò 'tha e 'dusgadh suas ann am feirg 'na h-aghaidh ann an geur-leanmhuinn fhollaiseach. Agus (mar eisempleir agus mar chomhflurtachd do' n eaglais 'na comh-chumadh ri Criosd) cha d' fhàgadh meadhon sam bith gun għnàthachadh a dh 'fheudadh a bhi 'dusgadh suas agus a' deasachadh an t-saoghal air son a bhi cur as da. Bha maslaidhean, agus tàir, agus fochaid, agus casaidean bréige, air an tilgeadh air, air comhairle Shàtain, air gach làimh. Le so, ré aimsir a mhiniestreilleachd gu leir, "dh' fbuiling e ana-caimnt o pheacaich 'na aghaidh fèin," Eabh. xii. 3. Agus ann an so tha deasachadh beannaichte de chomhflurtachd ro luachmhòr air a dheanamh dhoibh-san uile a tha "air an roimh-òrdueachadh chum a bhi comh-chosmhuil ri ionhaigh a' Mhic," 'nuair a bheir Dia dhoibh tre chreidimh a bhi 'deanamh fenna d' a eisempleir. Tha e 'gan gairm chum a chroinn-cheusaiddh-san a thogail agus esan a leantuinn; agus nochd e dhoibh ciod a tha fillte suas ann, le bhi 'ga għiùlan e fèin. Bha tàir, agus masladh, agus naimhdeas, agus tuaileas, agus casaidean breige, air an tilgeadh air a phearsa; labhradh gu toibheumach an aghaidh a theagaist, agus bha a bhriathran uile air am fiaradh; bha na h-uile ni a thubbairt e agus na h-uile ni a rinn e coimhcheangailte ri riaghla dhaoine, air am breugnachadh ré a làithibh uile air thalamh. Agus thug e dearbh-chinnt d' a luchd-leanmhuinn,

gu'm bitheadh an crannchur ceudna aca-san, mar is trice, anns an t-saoghal so. Agus tha euid anns na h-uile limi aig am bheil fein-fhiosrachadh anns na nithibh so ann an tomhas comharaichte. Ach am bheil aobhar idir gearain aca? C' arson a bhitheadh suil aig an oglach ri caradh ni's caidriche na choinnich r'a Thighearn t' Is e 'bhi air ar deanamh comh-chosmhuil ris anns na h-uile a's amhghairdiche, air a sgath, an cor a's fearr agus a's urramaiche anns an t-saoghal so. Dia gu'n deomaicheadh do chuid a bli 'ga chreidsinn! Is ann le so a rinneadh sligh 'fhosgladh d'a bhas. Ach, anns an iomlau, rinneadh aithnichte gu soilleir mar a tha Satan a' teachd gearr gu neo-chriochnach, 'na chleasaibh agus 'na naimhdeas gu leir, air innleachdaibh a' ghliocais agus a' chumhachd dhialdhaidh. Oir ciod air an d' amais e ann an oibreachadh báis Chriosd, ann an uair an dorchadair, ach a cheann fein 'fhaotainn air a bhriseadh, le 'oibrribh gu leir air an sgrios, agus a rioghachd a leagadh sios na h-aibhist? agus na dh' flagadh fathast chum a thruaigh shiorruidh a choimhliomadh, is iad a lámhan fein a bheir gu h-ire e, ann an cleachdadh a naimhdeis 'an aghaidh na h-eaglais. Tha guthlas iomairteach a chridhe dhorch' a' cur catbhaig ri ceumannaiibh a chorruich, gus an gearrar sios e fa dhéoidh lám abeich air son nam piantan siorruidh—a tha e 'greasad gach aon là. Oir an uair a ni e cupan 'aingidheachd a lionadh suas, agus a ni e tomhas aingidheachd an t-saoghal mar innealaibh a chorruich a choimhliomadh, 'an sin euiridh breitheanas siorruidh gach ni d' a àite fein. Fosglaidh so dorus dha féin agus do'n t-saoghal mihi-dhialdhaidh do na lasraibibh siorruidh; agus do'n englais gu leir, a thogadh air a charraig, a dh' ionnsuidh suaimhneis agus gloire bith-bláin.

Cha bu luaidhe a theann eaglais an Tiomnaidh Nuaidh r' a eirigh air a' bhunait so, na chuir saoghal nan Iudhach agus nan Cinneach gu leir iad fein ann an comh-bhoinn gu follaiseach chum eur as dith. Agus b'e ecamh-aobhar an comsachaidh na h-aghaidh, a creidimh agus a h-aideachadh, gu'm b'e "Iosa an Criosc, Mac an Dé bheo." Be an rùn uime sin a sgaradh o'n bhunait so, air neo a sguabdh bhàrr aghaidh na talmhainn. Tha tomhas de chuimhne againn, anns an euchdraidh a dh' flagadh againn, o bhà斯 Stepein gu laithibh Chonstantaine,* air an àirdé naimhdeis, agus air an an-iochd fhulteach agus oillteil, anns an robh ionnsuidhean gheatachan ifrinne air an eur air chleachdadh chum na crìche so. Ach ged a chuireadh na's leòir air chuimhne chum scallaidh a thoirt dhuinn de guthlas do-shasachaidh an t-searn mhortair, agus tuisbeannadh eagalach de nàdur an duine air claoenadh a dh' ionnsuidh 'iomhaigh ann an gniomhachadh gach uile ghné aingidheachd

* An t-Impire Ròmhanaeb, a rioghaich ea-lar 306 agus 337.—EAD.

an-iocldmhor, borb,—gidheadh, cha-n 'eil ann ach neo-ni 'an coimeas ris an t-sealladh a bhithreas r' a fhaotainn dheth aig an là dlicireannach, 'nuair a ruisgeas an talamh a fuil gu léir, agus a bheir am Breitheamh cothromach air lom gach innleachd a chuir-eadh air chois chum a dortadh, maille ris gach car fraochaidh agus aimhleasach leis an do chuireadh làmh inntre. Tha an naimhdeas ceudna a' fantuinn fathast gun tràghadh 'na thobar. Agus ged a tha Dia 'na fhreasdal air a chumail fo smachd ann an iomadh àit, le suidheachadh ghnothuichean aimsireil dhaoine, gidheadh tha e ghnàth ag oidhirpeachadh a dhol 'an cleachdadhl ann an tombas mòr no beag, a réir a' chothruim a' dh' fhosglar fa 'chomhair. Ach cia b'e air bith cho duaichnidh as a dh' fheudas nithe a bli'sealltuinn anns an t-saoghal, cha n 'eil aobhar eagail gu'n cuirear an eaglais gu bràth gu dith leis an naimhdeas a' s fuitche a dh' fheudas bualadh oirre. Theid féin-fhiosrachadh nan àm a dh' fhalbh an urrais air cunnartailbh nam àm ri teachd. Tha i air a togail air a' charraig, agus cha toir geatachan sin na h-ifriinn buaiddh oirre.

Is e an dara dòigh a bha, agus a tha, Satan a' gnàthachadh chum na crìche ceudna, a bli'meudachadh mhearrachdan agus iomadh saobh-chreidimh ebailltich. Oir bha na mearachdan sin gu léir leis an do chuireadh dragh air an eaglais air son àireimh cheudan bliadhna, a' bualadh an aghaidh an creidimh ann am pearsa Chriosd. Bheir sinn fainear gu h-aithghearr na priomh dhòighean air an robh an naimhdeas so 'ga nochdadhl fein, do bhrigh gu bheil iad a nis an déigh iomadh linn a dhol seachad, a' togail cinn a ris, ged a tha iad fo choslas agus fo leithsgeul nuadh. Agus bha iad trifillte:—

1. Iad sin a bha toirt a steach theagasan agus bheachdan eile mu nithibh Dhé, a bha gu h-ionlan a' dimadh a mach pearsa agus cadar-mheadhonaireachd Chriosd. B' ann dinbh so a bha saobh-chreidimh nan Gnostach, a chuireadh air chois, a réir barail dhaoine, le Simon an druidh. Bu bhuidheann iad leis an do chuireadh mòr dhragh air na ceud eaglaisibh, an déigh bàis nan abstol, agus leis an do chuireadh creidimh mhòran bun os ecam. Oir 'an àite Chriosd, agus 'an àite Dhé ann an Criosd a' deanamh an t-saoghal réidh ris téin, agus ùmlachd a' chreidimh a tha 'leantuinn sin a réir an t-soisgeil, thug an dream so a steach faoin-sgeulachd agus sloinnteireachd gun chrích, maille ri iomadh dia coimheach a rinn iad a chomh-nasgadh r'a chéile; mearachdan a chriochnaich a thaobh cleachdaidh ann an so,—gur e'bha ann an Criosd solus agus eòlas éigin a chòmhnuich annta féin, trid an d'rinneadh iad coimhlionta—is e sin, a thug air falbh gach uile eadar-dhealachadh maith agus uile, agus a thug saorsa dhoibh ni sam bith a b' àill leò a dheanamh, gun mhothachadh peacaidh, no eagal peanais. B'e so an ceud dòigh air an d' thug Satan ionn-

suidh air creidimh na h-eaglais, eadhon, le bhi 'eur suas soluis agus còlais a bha deanamh dhaoine coimhlionta, an àite pearsa Chriosd. Agus cha-n'eil tios agaunne nach e so aon de na dòighibh deireanach air an toir e làmh chum na eriche eudna. Cha mhò a dhéanamaid ionradh idir air na faoin-bheachdaibh millteach so a bha 'nan luidh a' grodadhbh ann an uaigh na di-chuinadh, ré iomadh linn, mur bitheadh cuid ag oidhirpeachadh an ath-bheothachadh a ris, gu h-àraidh mar a bha iad a' bualadh an aghaidh creidimh agus còlais pearsa Chriosd.

2. Chaidh Satan an ceann na h-oibre ceudna leo-san a bha 'g àicheadh nàduir a dhiadhachd—is e sin, a thaobh brigh, a bha 'g àicheadh gu'm bu Mhae an Dé bheò e, am bunait sin air am bheil an eaglais air a togail. Agus bha dà sheòrsa ann dhiubh so:—

(1.) Iadsan a bha 'g àicheadh gu soilleir agus gu follaiseach gu'n robh bith riabh aig a phearsa mu'n do ghabhadh anns a' bhroinn e, agus mu'n d'rugadh e o'n Oigh naoimh. B'ann diubh so a bha na h-Ebionaich, na Samosataich, agus na Photinianaich.* Oir bha iad uile a' cumail a mach nach robh ann ach duine a mhain, ged a bha cuid dhinbh ag aideachadh gu'n do ghineadh e agus gu'u d'rugadh e o'n Oigh air dhoigh miorbhuileach; agus gu'm b'e sin an t-aobhar gu'n goirteadh Mac Dhé dheth. Bha so a' bualadh calg-dhireach an aghaidh na carraige siornuidh, agus a' eur bunait gaineimh na h-àite. Oir cha-n fhearr na sin a' chuid a's barraichte de nàdur na daomachd mar bhunait do'n eaglais, mur 'eil aonadh aige ris an diadhachd. Bha mòran anns na laithibh sin ag imeachd anns na slighibh cronaill sin; gidheadh sheas bunait Dhé daingeann, agus cha do għluiseadh an fhior eaglais dheth. Ach gidheadh, an deigh cho liuthad linn a dhol sheachad, tha na h-innealan eundna air an gnàthachadh a' ris 'na h-aghaidh. Tha an scium namhaid a' gabhail a' chothruim, air do aingidbeachd agus do Dhia-àicheadh a bhi 'meudaeachadh 'nam measg-san d'an goirear Chriosdaidhean, gu bhi 'eur creidimh na h-eaglais bun os ceann leis na meadhonaibh eundna, agus sin le barrachd seòltachd na rinn e roimh, anns na Socinianaich. Oir is coimh-ionann an creidimh-san, no mar is fearr a dh' fheudar a rádh, am mi-chreidimh, a thaobh pearsa Chriosd, riu sin a dh' ainnicheadh roimh. Agus an ni sin a tha gimealach diomhain agus maenusach a' moladh 'nam reusonachadh chealgach, cha ni sam bith eile e ach sin air an d' thugadh buaidh leis an eaglais anns na eud linntibh, ann an saobh-chreidimh ioma-lubach nan Samosataich, nam Photinianach, agus mluinntir eile. Agus tha so 'na dhearbhadh nach 'eil Satan gun aithne aige air oibreachadh an dorchadais

* Saobh-chreidich a bha 'eur dragh air eaglais na h-àerde n-Ear anns na eud linntibh.—EAD.

agus an diomhanais sin ann an aigne truaillidh sin inntinnean dhaoine, trid am bheil iad air an aomadh gu bhi 'deanamh taire air diomhaireachd an t-soisgeil. Cò a shaoileadh gu'm bitheadh seann mhearachdan eronail nan Samosatach, agus nam Photinianach, agus nam Pelagianach, 'an aghaidh cumhachd agus gràis Chriosd, agus a chuireadh air eùl o chionn ionadh linn le tàir, a ris a' togail an ceann cho àrd agus cho buadhach as a tha iad a' deanamh air an là 'n dùngh! Ach tha mòran dhaoine, cho fad as is léir dhomh-sa, air a samhul sin de mhi-thoil a thoirt do Chriosd Dhé, as gu bheil na h-uile ni a thaobh a phearsa, agus a Spioraid, agus a ghráis, 'na ghráimeileachd dhoibh. Cha-n e easbluidh tuigse ann am breithneachadh theagasan a tha 'giùlan an leithide so a thaobh, ach fuath a bhi aca do na teagasgaibh féin. Agus cha-n 'eil ni sam bith de'n ghnè so nach dean nàdur truaillidh a chuideachadh gus a' cheum a's àirde 'na chomas.

(2.) Bha iad ann a bha 'eur an aghaidh nàduir a Dhiadhachd, ann an rathad a bhi 'ga chur an céill air dhòigh eile na sin anns an robh creidimh na h-eaglais a' foiseachadh. B'ann diubh so a bha na h-Arianaich, anns an robh geatachan ifrinn aon uair coltach ri buaidh fhaotainn. Oir is beag nach robh an saoghal gu léir aig an robh an t-aideachadh air an giùlan air falbh a dh' ionnsuidh a mheallaidh sin. Ann am briathraibh bha iad ag aideachadh a phearsa dhiadhaidh; ach ann an eur chriochan mu'n aideachadh so, bha iad ag ràdh gu'n robh an nàdur diadhaidh a bha aige air a chruthachadh air tùs le Dia á neo-ni; anns an robh toibheum dà-flìllte,—ga àicheadh mar an Dia fior, agus a' deanamh dé de chreutair. Ach anns gach ionnsuidh dhiubh so, bha naimhdeas gheatachan ifrinn 'an aghaidh na h-eaglais a' bualadh air a' chreidimh a bha ann am pearsa Chriosd mar Mac an Dé bheò.

(3.) Le euid eile bha nàdur a dhaomachd air' àicheadh—oir cha d'fhag Satan elach gun tionndadh ann an leantuinn a rùm. Agus is e a bha air aire anns na nthibh so gu léir, a bhi 'eur suas Chriosd bréige 'an àit a' Chriosd sin a b'e ar aon Mac an duine agus mar an ceudna Mac an Dé bheò anns an aon phearsa. Agus ann an so rinn e inntinnean dhaoine a lionadh le faoin-bheachd-aibh gun chrich. Bha euid ag àicheadh gu'n robh fior nàdur duine idir aige,—nach robh ann ach faileas, no cruth agus coslas duine, anns an robh an diadhachd 'ga cleachdadh féin; euid gur h-i feòil néamhaidh o'n d'rinneadh e, a thugadh o'n àirde, agus a bha 'na h-earrann—mar a bha euid ag ràdh—de nàdur na diadhachd. Bha euid a' cumail a mach nach b'e anam reusonta mar a tha agamne a bha 'eur beatha 'na chorp, ach oibreachadh neomheadhonach na Diadhachd, a bha do'n chorp a bha aige 'an àit anama beò; agus euid eile gu'n robh an fheòil a bha aige de

nàdur neo-chorporra, neo-thalmhaidh, a bha fa dhèoidh air a thionndaidh a steach do'n ghréin ; le h-ionadh mealladh ain-diadhaidh eile d'an leiuhidibh sin. Agus cha-n'eil ar là fèin as eug-mhais ionadh oidhirp aig am bheil mar chrìch a bhi 'eur làimh ann am fiirinn a dhaonnaichd ; cha mhò a tha fios agam ciod anns an chriochnaich cuid de bheachdaibh neonach mu nàdur nan corp glòraichte, a tha o cheann tìne ghearr air togail einn. Is e rùn Shatan anns na faoin-bheachaibh cronail so gu léir, a bhi 'sgaileadh na daimhe sin a tha eadar Criosc ann an nàdur a dhaonnaichd agus an eaglais, air am bheil a sláinte gu h-ionlan an crochadh.

3. Rinn e naimhdeas robh gharg a dhùsgadh suas an aghaidh an aonaidh phearsanta, no aonadh an dà nàdur so anns an aon phearsa. Rinn e so ann an saobh-chreidimh nan Nestorianach, a chur mòr dhraighe air an eaglais air son tìne fhada. Bha iad so ag aideachadh gu'n robh nàdur na diadhachd aig an Tighearn Iosa Criosc, agus gu'n b'e Mac an Dé bheò e, eadhon mar sinn fèin. Ach bha iad ag àicheadh an aonaidh phearsanta eadar an dà nàdur so. Bha aonadh eatorra, bha iad ag ràdh, ach bha e 'coimh-sheasamh a mhain ann an gràdh, ann an cumhaichd, agus ann an cùram. Rinn Dia e fèin 'thoillseachadh, bha iad ag ràdh, ann an rathad ro chomharaichte agus ro chumhachdach anns an duine Iosa Criosc—bha meas agus gràdh àraiddh aige dha, agus bha e 'ga chleachdadhbh fèin ann mar nach robh e deanamh ann an neach sam bith eile. Ach gu'n do ghabh Mac Dhé ar nàdur a dh'iomnsuidh aonaidh phearsanta ris fèin, trid an robh Criosc gu h-ionlan 'na aon phearsa, agus na h-uile gniomh a choimhlion e mar eadar-mheadhonair 'nan gniomharaibh an aon phearsa sin, a bha 'na Dhai agus 'na dhuine—bha iad ag àicheadh so. Agus ged a uineastadh gu'n robh mòran firinn air aideachadh leis a' bheachd chronail so, giltheadh bha bunait na h-eaglais air a chur bun os ceann leis cho éifeachadh ri aon air bith a dh'aimmichealbh roimh. Oir, mur 'eil diadhachd agus daonnachd Chriosc a' deanamh suas aoin phearsa, cha d' rinn e gach ni a rinn e air ar son-ne ach mar dhuime a mhain—a bhitheadh gu h-ionlan neo-fhoghainteach air son sláinte na h-eaglais, agus cha bhitheadh Dia air a ceannach le fluill fèin. A réir coslais, tha cuid 'nar measg air an là 'n dingh, aig am bheil a' bheachd cheudna mu phearsa Chriosc. Tha iad ag aideachadh fior dhaonnachd an duine Iosa Criosc. A mbain gu bheil iad ag ràdh, gu 'n robh am Focal siornuidh anns an duine Iosa Criosc agus maille ris, anns an aon seadh anns an bheil e maillo ri creidich eile, ach gu'n robh e ann-san am an tonhas foillseachaidh agus cumhaichd a bha barraichte. Ach ged a tha oidhirp dhichiollach air a cleachdadhbh anns na nithibh so, chum a bhi 'eur croicinn mnaidh na firinn air seann mhearachdaibh, tha rùn

Shàtain an ni ceudna amnta uile—cadhon, a bhi bacadh do'n eaglais a bhi air a togail air a bunait iomchuidh féin. Agus bithidh na nithe so air an toirt fainear air dhòigh araidh an déigh so.

Ann a bhi 'g ainmeachadh nan eisampleir so, is e 'tha gu sònruichte air m'aire, a bhi dearbhadh gu h-aithghearr, gu'n robh priomh naimhdeas gheatachan ifrinn a ghnàth air a chleachdadhl 'an aghaidh na h-eaglais, ann an rathad a bhi bacadh a togail, tre chreidimh, air pearsa Chriosd.

Bhitheadh e furasd a dhearbhadh mar an ceudna nach 'eil ni sam bith eile ann an aidmheil an fhàidlì-blrière, a bha riabh 'na bhuelle ro ghoirt do'n aideachadh Chriosdaidh, ach dà dhòigh so an ainmeirt agus na foille air an eur 'an conbh-bhoinn 'an aghaidh pearsa Chriosd.

Tha e fior, an déigh so uile, gu'n d' thug Sàtan ionnsuidh, ann an rathad eile, air teagast dhreuchdan agus gràis Chriosd, maille ri aoradh Dhé ann, a thrualeadh. Agus bluadhaich e cho mòr a thaobh chuid, as gu bheil an ionnsuidh a thug e air erioe-nachadh ann an cùl-sleamhnachadh sgriosail agus ana-criosdail ; air nach 'eil sinn gu bhi labhairt.

Ach rachamaid air ar n-aghaidh a dh' ionnsuidh sin a's e ar gnothuech àraidh féin. Tha an olair cheudna sin a chuireadh an céill a' dol 'an gniomh fathast. Is iad pearsa Chriosd, agus creidimh na h-eaglais ann agus a dàimh ris, maille r' a togail suas air, chum beatha agus tèaruinteachd da thrid, na nithe an aghaidh ann bheil naimhdeas gheatachan ifrinn fathast air a chleachdadhl. Oir,—

1. Tha e aithnichte cia cho scòlta as a tha na Socinianaich a' cur thuige an naimhdeis an aghaidh nàduir a dhiadhachd agus a phearsa. Tha e mar an eundna soilleir do na h-uile d' am bheil an diadhachd air dhòigh sam bith 'na cùram, ciod an leasachadh a tha am mi-chreidimh-san a' faotainn gach aon là, agus mar a tha intinnean dhaoine gun aircamh ag aomadh chum an sligheam cluona. Ach shaothraich sinn a cheana ann an àit eile anns a' chonnsachadh so.

2. Tha mòran ann, ged nach 'eil iad ann am briathraibh ag àicheadh a phearsa dhiadhaidh, gidheadh a tha air fàs neo-aireil agus mi-chùramach da thaobh. Tha diadhachd nàdurra, no bhi gun diadhachd idir, ni's taitniche leò na creidimh ann an Dia tre Iosa Chriosd. Tha iad ro liomhòr nach aidich gu bheil feum do ni sam bith anns an diadhachd, nach foilsichear dhuinn le solus nàduir, maille ri dleasdanais modhamail sin an treibhdhireis agus na còrach a dh' ionnsuidh am bheil e 'gar treòrachadh. Gach ni a tha os ceann comasan nàduir agus reusoin, tha e air a chur air eùl mar dhùiomhaireachd agus amaideachd do-thuigsinn. Tha iad

a' meas gur e pearsa agus gràs Chriosd ceann-fàth gach connsachaidh a tha anns an diadhachd. Feudaidh daoine bhi air an treòrachadh do shonas siorruidh maith na's leòir as an eugmhais, le beachlaibh coitchionn mu Dhia agus m'a mhaitheas. Dh' fhoghainn iad mu'n d' thàinig e idir 's an fhéoil, agus c'arson nach foghmadh iad fathast air bhi dha a nis air nèamh.

3. Tha cuid a tha air aidmheil creidimh a shuidheachadh ann an rathad as gu bheil e gle mhi-chimteach an d'fhag iad àit sam bith do phearsa Chriosd ann no nach d'fhag. Oir, cha-n e mhain a bhi 'g àicheadh aonaidh phearsanta a dhà nàdar, tha iad mar an ceudna a' cur sin uile as leth solais a tha amta fein, nach oibrich Dia ach a mhain tre Chriosd mar eadar-mheadhonair. Cha-n'eil fios again ciod iad cleachdailhean an inntinnean anns an leth a stigh, a thaobh creidimh agus muinghìn ann; ach is beag nach 'eil e air a dhùnad a mach gu h-ionlan o'n aidmheil a tha iad a' deanamh o'n leth a muigh.

4. Tha cuid eile aig am bheil aideachadh gle àrd anns an diadhachd, agus nach 'eil a' cur chlaon-bheachdan sam bith an cùll a thaobh teagaitsg pearsa Chriosd, gidheadh nach 'eil a' taisbeanadh a' chùraim sin d' a thaobh a tha air 'aitmeadh anns an t-soisgeul. Uaith so tha cho liuthad leabhair air an sgriobhaill 'nar measg air cleachdadh faiesinneach na naomhachd, agus dleasdanais na h-àmhlachd, agus sin ann an cainmt shmas-briathrach, agus le reusonachadh eudthromach, anns nach coinnich sinn ri ni sam bith, ach ro bheag, mu Iosa Crioss 'na eadar-mheadhonaireachd no na ghràs. Seadh, is iongantach mur bi ni-éigin air a labhairt amfa ann an rathad cronachaiddh orra-san a tha 'meas gur h-iad so eridh agus beatha 'na fìor diadhachd. Ann am breithneachadh na muimtír so, cha-n 'eil tairbhe sam bith ann an nithibh Chriosd, saor o eisampleir a chaithe-beatha air thalamh, ann an cur air aghaidh na naomhachd agus na h-àmhlachd soisgeulaich. A thaobh ionadh leabhair de'n nàdur so, feudar a rádh mar a thubh-airt neach fòglunta mu aon a sgriobhadh o shean, "Bha ionadh ni taitneach agus ion-mholta ann, ach cha robb ainn Iosa r'a fhaoitaim ann."

5. Oimh-flreagarrach ri aomadh faiesinneach so inntinnean dhaoine gu bhi dearmad Chriosd, anns an diadhachd sin a tha iad a' dealbh dhoibh fein, tha samasan cunnartach agus aimhleasach air an leagadh a mach 'nam measg a thaobh an àit a bhuiineas da 'nar smuaintibh. Mar, (I.) Gu bheil iad a' feòraich gu ladarna, "Ciod am feum a tha idir do phearsa Chriosd 'nar diadhachd ?" Is i so aon do cheisdibh dhaoine a tha 'smuaineachadh gu feud ni sam bith a bli anns an fhìor diadhachd aums nach 'eil àit aig pearsa Chriosd—mar nach b'e so a bha 'eur anam' agus beatha anns an ionlan, agus a bha 'toir a chumadh àraidh fein do'n

aideachadh Chrisodail—mar gu'm bitheadh ar n-aidmheil a' giùlan sochair, no gràis, no tràcair, no glòire d'ar n-ionnsuidh o Dhia, nach robh air 'fhaotainn tre phearsa Chriosd—mar gu'm bitheadh aon dleasdanas a bhuineas do'n diadhachd air a choimhlionadh leinne ann an rathad taitneach do Dhia, gun dàimh idir a bhi aig an dleasdanas sin ri pearsa Chriosd, agus mar gu'm bitheadh aon fhìrinne a bhuineas do'n chreidimh Chriosdail, nach robh ann an coimh-cheangal r'a phearsa. Tha an samhuil so a cheisdibh ladarna, maille ris gach freagradh diomhain a bheirear orra, a' leigeadh ris gu soilleir ciod a' ghnè eòlais a tha aca-san a tha 'gan cur, air Criod fén, air am bheil iad a' deanamh tair' ann am muinntir eile, no air a shoigsgeul, a tha iad a' leigeadh orra a bhi 'creidsinn. (2.) Tha samhladh fanoideach de dhiadhachd air a dhealbhadh lèò, chum a bhi 'taisbeanadh amaideachd na muinntir sin a tha 'miannachadh a bhi 'foghluin imntinn agus toil Dé ann agus trid a phearsa. (3.) Tha ionadh beum inisgeach air a thoirt dhoibh-san a tha 'tagradh gur ni neo-sheachanta eòlas Chriosd, mar gu'm bitheadh feum an t-soisgeil air a chur air eùl lèò ann a bhi deanamh sin. (4.) Ma dh' aidicheadh gràdh do pearsa Chriosd, tha sin air a chàineadh, mar phaoineas smuaireanach luchd nan imntinn euslainteach agus laga. (5.) Cha-n fheudar aonadh sam bith aideachadh eadar an Tighearn Iosa Criod agus 'eaglais ach sin a mhain a tha o'n leth a muigh ann an laghannaibh agus ann an reachdaibh a riaghlaidh. Tha ionadh ni eile d' an leithidibh so air an tagradh, a tha tarcuiseach air a ghàdir, agus 'an aghaidh creidimh na h-eaglais ; nithe nach do labhradh le neach sun bith rianh o leagadh bunait na h-eaglais Chriosdail, nach robh ag aideachadh mearachd aingidh eigin gu follaiseach a thaobh a phearsa. Agus cha-n 'eil teaganh idir agam nach fheud daoine air uairibh a bhi air an ribeadh ann an ionadh beachd chlaon m'a phearsa, le ni's lugha de chiont dhoibh fén, agus le ni's lugha a dh' oilbheim do'n diadhachd, na bhitheas air an làmhainbh-san a tha 'ga aideachadh ann an rathad a tha 'ga spùinneadh d'a ghloir gu h-iomlan, a thaobh ar gnothuich-ne ris ann an cleachdadh ar n-ùmhachd do Dhia. Na nithe so thoill sinn a bhi 'faicinn agus a' cluinnintinn.

6. Tha "searmonachadh Chriosd" air teachd gu bhi 'na fhocal maslachaidh agus taire ; cha mhò is urrainn cuid, mar a thair iad, a thuigseinn ciod is ciall da, mur e inmeal a ta ann a ghnàthaichear gu bhi 'ruagadh gach uile searmonachadh reusonta, agus mar sin gach uile mhodhalachd agus stuamachd bhàrr aghaidh na talmhainn.

7. Tha na nithe so gu léir a' críochnachadh agus a' coimmeachadh anns a' chaithe-beatha mhi-naomh agus eagalaich sin, agus anns an dearmad sin air uile dleasdanais an t-soisgeil, agus anns

an tarcuis sin air uile ghràsaibh am Spioraid maille r'an toraidhíbh gu leir, chum am bheil iadsan, ann an ionadh àit, de'n goirear Chriosdaidhcean mar is tric air an toirt thairis. Cha-n 'eil fios agam nach bitheadh e ni's mò chum onoir Chriosd, gu'n deanadh a' muinntir so 'ainm 'aicheadh gu follaisceach, na gu'm bitheadh iad a' taisbeanadh 'nan cleachdadh an tarcuis a tha iad a' deanamh air 'nan eridhe.

Tba e soilleir do na h-uile aig am bheil a bheag sam bith de chùram mu shoirbheachadh na h-eaglais, gu bheil Sàtan fathast ag oidhirpeachadh, air na dòighibh so agus an samhail eile, a bhi 'ga cur bun os ceann, ionnus nach bitheadh i gu bràth air a togail air a' charraig shiorruidh. Agus (ciod sam bith smuaintean a dh'fheudas a bli aig muinntir eile mu shuidheachadh so nithe anns an t-saoghal) cha-n 'eil fios agam-sa cionnus a dh'fheudas neach sam bith a tha' gràdhachadh an Tighearn Iosa ann an treibhddhireas —gu h-àraidlh iadsan a ghairmeadh gu bhi 'ga chur an céill agus gu bhi 'ga thaisbeanadh do dhaoimbh ann an dreuchd na ministreileachd—iad fèin a ghiùlan gu dileas dha, gun am fianuis a thogail an aghaidh nan nithe so, agus gun an uile dhichioll a chleachdadhbh gu bhi cur stad air a chlaonadh choiteachionn so o fhior bhunait na h-eaglais ; cha mhò a bhitheas e furasda dhoibh fèin a chur an céill. Agus ri aghaidh nam beachdan eugsamhuil so a tha m'a thimchioll, agus an naimhdeas sin a thaisbeamar dha, cha-n 'eil ni sam bith a's feumaila na gu'n deanamaid air n-aidmheil 'athnuadhachadh agus a dhaingneachadh uime—mar Mhae an Dé bhcò—a' charraig sin a mhain air am bheil eaglais na muinntir sin air a stéidheachadh agus air a togail a bhitheas air an tèarnadh.

Uime sin, bitidh beagan nithe mu phearsa Chriosd, ann an coimh-cheangal ri aideachadh Pheadair, agus an gealladh a thugadh 'na lorg—anns an do chuireadh an céill e mar aon bhunait na h-eaglais—air an toirt fainear anns an teagasc a leanas. Agus an Ti sin a dh' òrduich neart a beul naoidhean agus chiochran, mar a thug e comas a bhi 'eur an céill nan smuaintean bochda agus diblidh so m'a ghlòir, is urrainn e mar an ceudna onoir dla fèin a thoirt a steach d'an trid ann an eridheachaibh na muinntir a tha creidsinn. Agus tha beagan nithe a's éigin duinn a roimh-bheachdachadh, ann an rathad coitchionn, a thaobh ar rùin. Mar,—

1. Na h-eisampleirean a bheir sinn seachad a thaoblh taibhse pearsa Chriosd agus an t-àit a bhuineas da anns a' chreidimh Chriosdail, no mar is esan am bunait air am bheil an eaglais air a togail, cha bhi iad ach tearc : agus theagamh nach iad sin fèin na h-eisampleirean a's comharaichte agus a's imbheiche a dh'fheudadh muinntir eile aig am bheil barrachd gliocais agus tuigse spioradail a thoirt air an aghaidh. Ach, gu cinnteach, cò idir a ghabhas os

laimh a bhi eur an céill na priomh eisampleirean de thoradh domheasrachaидh so gliocais Dhé? "Ciod a's ainm dha? agus ciod e ainm a mhic, ma tha fhios agad?" Gnàth-fhoc. xxx. 4. Faic Isa. ix. 6. Is leòir dhuinn seasamh ann an cleachdadhl an iongantais naoimh, air tràigh a' chuain do-rannsachaидh so, agus a bhi 'diogluim, rann air roinn, anns an ionmhas dhiadhaidh sin a thaisgeadh ann am focal na firinn.

2. Cha-n 'eil sinn air dhòigh sam bith a' gabhail os làimh a bhi 'rannsachadh a dh' ionnsuidh iochdair no doimhneachd earrainn sam bith de dhìomhaireachd mhòir so na diadhachd, "Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil." Tha iad gu h-iomlan do-rannsachaيدh anns a' bheatha so do'n iantinn a's barraichte soluis. Is ann aig Dia a mhain a tha fios ciod air an ruig sinn d' an taobh anns an t-siorruidheachd. Cha-n 'eil e nar comas anns na nithibh so, eadhon le'r sgrùedadhl a's dìchiollaiche, "an t-uile-chumhaechdach fhaghail a mach gu h-iomlan." Cha robh so 'an comas nam faidhean o shean, cha mhò a tha e nis 'an comas nan aingeal, leis am miann a bhi beachdachadh air na nithibh so, 1 Phead. i. 10-12. A mhain gu'n toir sinn oidhirp air a bhi taisbeanadh do chreidimh nan naomh ni-éigin de na bheil air 'fhoillseachadh gu soilleir anns an Sgriobtuir—a' nochdadhl ciod an seadh anns an e pearsa Chriosd aon bhunait na h-eaglais.

3. Ann an teagast a leanas cha ghabh sinn gnothuch gu neomheadhonach riu sin a tha eur 'an aghaidh pearsa Chriosd agus a tha 'ga àicheadh. Rinn sinn a cheana e ann an rathad nach urrainn iadsan a fhreagradhl. Ach is e bhitheas 'nar n-aire a bhi 'dearbhadh na firinn orra-san a tha, aon chuid ann an teagast, no ann an cleachdadhl, ann an aineolas, no ann an rùn—aig Dia tha fios co aca, cha-n 'eil fios agamsa—ag oidhirpeachadh a bhi 'lagachadh creidimh na h-eaglais ann an dlùth-leantuinn ris a bhunait so; agus sin am feadh a tha iad féin ag aideachadh na firinn o'n leth a muigh. Gidheadh, cha-n 'eil àite sam bith aca so maraon 'na mo smuaintean, 'an coimeas ri teagast agus togail suas na muinntir sin a tha 'gràdhachadh an Tighearn Iosa Chriosd ann an treibhdhireas.

CAIBIDEIL III.

Pearsa Chriosd priomh Thoradh do-labhairt Gliocais agus Maitheis Dhe—
Uime sin, aobhar neo-mheadhonach na fior Dhiadhachd gu h-ionlan—
An Seadh anns am bheil e mar sin.

Is e pearsa Chriosd priomh thoradh glòrmhor agus do-labhairt gliocais, agus gràis, agus cumhachd na diadhachd ; agus uime sin, buairt neo-mheadhonach gach uile chreidinn agus aoraidh a tha tuinneach do Dhia. Is e nàdur na Diadhachd ann fèin priomh aobhar, agus bhunait, agus chuspair an aoraidh dhiadhaidh gu h-ionlan. Tha e gu léir an crochadh air a bhi 'gabhairt Dhé mar D'na dhuinn fèin ; ni a's e an cend àithne. Oir cha-n'eil ni sam bith eile anns an aoradh dhiadhaidh gu léir ach an cleachdadhl sin a tha mar fhiachaibh o chreutairibh reusonta do nàdur na Diadhachd, maille ris na h-iòrdheircceis neo-chriochnach a bhuineas dha. Is e a blàrigh a bhi 'glòrachadh Dhé mar Dhia ; air do'n dòigh anns am bheil sin deanta a bhi air a riaghlaigh le toil fhoillsichte Dhé. Gidheadh cha-n'e bith na Diadhachd ann fèin aobhar *neo-mheadhonach* an aoraidh dhiadhaidh. Ach is e *foillseachadh* a bhith so 'na òirdheircceis glòrmhor air am bheil imntinnean nan creutair reusonta gu neo-mheadhonach a' faotainn cleachdaidh, agus leis am bheil iad air an cur fo fhiachaibh a bhi 'g iocadh gach uile urraim agus aoraidh dhiadhaidh a tha dligheach dha a bhi faotainn, agus a tha neo-sheachanta do blàrigh ar dàimh dha. Air do'n fhoillseachadh so a bhi aon uair air a dhéanamh, chuireadh na h-uile creutair aig am bheil nàdur tuigseach d'am bheil e comasach beachd a ghabhail air, fo fhiachaibh neo-sheachanta gach uile urram agus glòir a thoirt do Dhia.

Is iad gniomharan agus toraidhean o'n leth a muigh a mhain anns an urraim am foillseachadh so a bhi deanta. Oir, ann fèin, tha nàdur na Diadhachd folcichte o shùilibh nan uile bheò, agus tha a chòmhuidh anns an t-solus sin a dh' ionnsuidh nach fheud creutair sam bith teachd. Uime sin, rimeadh am foillseachadh so le Dia, anns a' chéud àite, ann a bhi 'cruthachadh nan uile nithe a neo ni. Air bhi dha an duine fèin a chruthachadh, le buadhaibh reusonta agus tuigseach 'na nàdur, agus le coguis a bha 'deanamh fianuis gu'm b' iochdar an do Dhia ; agus air bhi dha na h-uile ni eile a chruthachadh mar an ceudna, leis an robh glòir a ghliocais

agus a mhaitheis, agus a chumhachd, air an cur an céill,—bie so o thus, agus is e so fathast, bunait neo-mheadhonach gach uile aoraidh *nàdurra* do Dhia. Agus tha glòr a' chruthachaidh so ann an comh-chòrdadh ionlan ri meadhonaibh agus ri doighibh foillseachaidh na Diadhachd, 'na bith, 'na h-òirdheirceis, agus 'na buadhaibh. Agus far am bheil tair air a deanaun air an *fhoillseachadh* a rinneadh ann—far am bheil e air a dhearmad, tha sin deanta air Dia fèin, mar a tha an t-abstol a' cur 'an céill,—Rom. i. 18-22.

Ach 'am measg uile thoraidhean nan òirdheirceas diadhaidh, is e comh-shuidheachadh pearsa Chriosd mar bhunait an dara cruthachaidh, agus mar "Dhiomhaireachd na Diadhachd," a tha toirt barrachd do-labhairt ann an glòr. Cha-n 'eil sinn a' labhairt m'a phearsa dhiadhaidh ann fèin a mhain ; oir bha bith agus pearsantachd eadar-dhealaichte a' Mhic air am faotainn tre ghniomh siorruidh ann an nàdur na Diadhachd ann am pears' an Athar, no o'n ghineamhuinn shiorruidh—a tha neo-sheachanta do nàdur na Diadhachd,—gniomh anns nach do chruthaicheadh agus anns nach d' oibriceheadh ni sam bith as iùr o'n leth a muigh. Ann an t-seadh so cha robh, agus cha-n 'eil, am Mac 'na thoradh a' ghliocais agus a' chumhachd dhiadhaidh, ach is e gliocas agus cumhachd siorruidh Dhé fèin e. Ach tha sinn a' labhairt uime a mhain mar a ghabh e ar nàdur a dh' ionnsuidh aonaidh phearsanta ris fèin. Bha a ghineamhuinn ann am broinn na h-Oighe, a thaobh fior bhrìgh na daonnachd, 'na thoradh mhiorbhuileach cumhachd na Diadhachd. Ach ann an so tha ni a tha os ceann nan uile mhior-bhuilean, agus nach urrainn a bli air 'aimmeachadh orra,—eadhon, gu'n do bhacadh do nàdur sin na daonnachd bith a bli aige ann fèin, le bhi air a ghabhail a dh' ionnsuidh aonaidh phearsanta ri Mac Dhé, anns a' cheud thiotadh anns an do ghineadh e. Is diomhaireachd so de ghnè cho àrd os ceann uile oibre a' chruthachaidh agus an fhreasdail, as nach d' fhagadh coimeas idir dha 'am measg nan gniomharan a's ro mhiorbhuilich a tha anna. Ann an so rinn Dia uile bhuadhan a nàduir a ghlòrachadh, 'gan cleachdadh ann an rathad gliocais, agus gràis, agus irioslachd neo-chriochnaich. Tha doimhneachdan na diomhaireachd so gu h-ionlan do-mheasrachaidh do inntinnibh cruthaichte, cha-n fleudar an tomhas ach leis an tuigse sin a tha neo-chriochnach. Thugadh na h-uile ni eile gu bith le focal cumhachd o bheul Dhé. Thubhaint e, "Bitheadh solus ann, agus bha solus ann." Ach a mheud 's gu'n do ghabh-adh ar nàdur ann an aonadh phearsanta ri Mac Dhè,—gu'm bith-eadh comh-shuidheachadh so an aoin phearsa cheudna ann an dà nàdur a tha cho neo-chriochnach 'nan eadar-dhealachadh o chéile ri Dia agus duine—iomus gu'n do chruthaicheadh an Dia siorruidh ann an ùine, gu'n d' rinneadh an Neo-chriochnach criochnach,

agus an Neo-bhàsmhor bàsmhor, gidheadh a' fantuinn siorruidh, agus neo-chriochmach, agus neo-bhàsmhor—is e so, tha sinn ag ràdh, sàr-thoradh òirdheire sin gliocais, agus maitheis, agus cumhachd na Diadhachd, anns am bi Dia air a chliùthachadh agus air a ghlòrachadh, gu saoghal man saoghal. Ann an so thugadh a steach an t-atharrachadh mòr sin do shuidheachadh a' cheud chruthachaidh gu léir, trid an robh na h-ainglean beannaichte air an àrdachadh, Sàtan agus oibre gu leir air an tilgeadh sios, an cinne-daoine air a thogail o'n leagadh eagalach a fhuair e, na h-uile ni air an deanamh nuadh, na h-uile nithe air nèamh agus air talamh air an deanamh réidh agus air an ath-chruinmeachadh fo Cheann nuadh, agus saoibhreas glòire a teachd a steach do Dhia ann an tomhas gun choimeas os ceann sin a bha comasach do cheud shuidheachadh nan uile nithe a réir òrduigh nàduir.

Ann an labhairt mu'n diomhaireachd so, tha an Sgriobtuir air uairibh a' tarruing folaich air a h-aghaidh, mar ni anns nach comasach dhuinn sealantuim a steach. Mar sin, a thaobh an aonaidh so a bha ann an comh-chuideachd a ghineamhluinn o'n Oigh, a dubhradh rithe, "Cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort," Lucas i. 35. Bha e'na thoradh cumhachd an Ti a's àirde, gidheadh, a thaobh a nàduir, bha e folaichte o shùilibh dhaoine; agus, uime sin, an ni naomh sin a bha gu bhi air a bhreith, agus aig nach robh bith riamh ann féin, bha e gu bhi 'faotainn mar ainu "Mac Dhé," air a dheanamh 'na aon phearsa ris. Air uairibh tha ro mheud na diomhaireachd so air a chur an céill, agus an sin air 'fhàgail na chuspair ar n-ióngantais naoimh, 1 Tim. iii. 16, "Agus gun ambarus is mòr rùn diomhair na diadhachd; dh' fhoillsicheadh Dia 's an fheòil." Is diomhaireachd e da rireadh, a tha domheasrachaidh do gach uile chreutair a chruthaicheadh. Air uairibh tha an dà nàdur air an iomradh ri taobh a chéile, chum gu'm bitheadh an t-eadar-dhealachadh a tha eatorra a' cur glòire an aoin phearsa ann am barrachd soluis, Eoin i. 14, "Rinneadh am Focal 'na fheòil, agus ghabh e còmhnuidh 'nar measg-ne :" Ach ciod am Focal a bha ann an so? Am Focal sin a bha anns an toiseach, a bba maille ri Dia, agus a b'e Dia, leis an d' rinneadh na h-uile nithe, agus as eugmhais nach d' rinneadh ni sam bith a rinneadh; neach a b'e an solus agus a' bheatha. Rinneadh am Focal so 'na fheòil, cha b' ann le bhi 'g atharrachadh a nàdur no a bhith féin, cha b' ann le bhi 'caochladh brìgh na Diadhachd gu brìgh na daonnachd, cha b' ann le bhi 'sgur do bhi an ni sin a bha e, ach le bhi air a dheanamh an ni sin nach robh e, agus ann an ghabhail ar nàdur-ne chum a bhi 'na nàdur ann féin, anns an do ghabh e còmhnuidh 'nar measg. Am Focal glòrmhor so, ma seadh, neach a's e Dia, agus a chuireadh an céill le a shiorruidheachd agus a neo-chriochnachd ann an oibríbh a' chruthachaidh agus an

fhreadsail, “rinneadh e 'na fheòil,”—a tha 'cur an cùill staid agus suidheachadh a's isle nàduir na daonnachd. Gun amharus, ma scadh, is mòr rùn-diomhair so na diadhachd ! Agus anns an t-suidheachadh sin anns an d' fhoillsicheadh e gu faicsinneach mar a rinneadh e 'na fheòil, chunnaic iadsan d' an d' thugadh suilean o'n àird “a ghlòir, mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar. Air do'n Fhocal shiorruidh a bhi air a dheanamh 'na fheòil, agus air 'fhoillseachadh innse chunnaic iad a ghlòir mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar. Cò an inntinn a mheasraicheas, cò an teang' a ni sgeul, air an earrann a's lugha de ghlòir a' ghliocais agus a' gìnàis dhiadhaidh so ? Mar sin mar an ceudna chuireadh r' ar n-aghaidh e, Isa. ix. 6, “Rugadh dhuinne duine-cloinne, thugadh dhuinne mac ; agus bithidh an uachdaranaichd air a ghualainn ; agus goirear mar ainnm dheth, Iongantach, Comhairliche, an Dia cumhachdach, an t-Athair siorruidh, Prionnsa na sithe.” Goirear dheth, anns a' cheud àit, Iongantach. Agus is airidh air e, Gnàth-fhoc. xxx. 4. Is airidh da rireadh e air an ainnm Iongantach, air do'n Dia cumhachdach a bhi 'na dhuine-cloinne air a bhreith, agus an t-Athair siorruidh a bhi 'na mhac air a thabhairt dhuinne.

Tha euid 'nar measg a tha 'g ràdh, mur robh dòigh sam bith eile air son saorsa agus slàinte na h-eaglais, ach a mhain eadar-mheadhonaireachd Mhic Dhé ann an nàdur an duine, nach robh gliocas sam bith ann a bhi 'ga dhealbhadh. B'aill leis an duine fhaoin, gun amharus, a bhi glie, ged is ann mar loth asail fhiadhaich a bheirear e. Nach robh gliocas ann an dealbhadh an ni sin, air bhi dha air a choimhlionadh, nach d' fhàg do na h-uile gliocas cruth-achte ach cleachdadhl an iongantais naoimh ? Cò aig an robh fios inntinn an Tighearna anns an ni so, no cò a b' fhear-comhairle dha anns an obair so, anns an d' rinneadh an Dia cumhachdach 'na dhuine-cloinne air a bhreith, agus 'na mhac air a thabhairt dhuinne ? Sguireadh ma seadh, uile smuaintean diomhain dhaoine ; cha d' fhàgadh ni sam bith dhoibh, ach aon chuid pearsa diadhaidh Chriosd a chur air èil—mar a tha mòran a' deanamh chum an sgrios féin—no gu h-iriosal a bhi 'moladh diomhaireachd gliocais agus gràis neo-chriochnaich Dhé ann. Agus feumar a theachd gle iosal ann am breth na carthannachd, ma mheasar gu bheil iadsan da rireadh a' creidsinn gu'n d' rinneadh Mac Dhé 'na fheòil, nach 'eil beò gach là ann an cleachdadhl an iongantais naoimh air mar thoradh a's ion-nholta gliocais Dhé.

Tha fianuis againn air glòir na diomhaireachd ceudna ann an àite eile, Eabh. i. 1-3, “Labhair Dia anns na làithibh deireannach so ruinne tre a Mhac, a dh'orduich e 'na oighre air na h-uile ni, tre'n do chruthaich e fòs na saoghal ; neach air bhi dha 'na dhealradh a ghlòire-san, agus 'na fhìor iomhaigh a phearsa, a cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd, għlan e ar peacaidhean

troimh féin. Tha air 'aideachadh gn'n do għlan e ar peacaidhean le a bhäs, le e féin a thoirt suas ann do Dhia. Ach gu'm bitheadħ so deanta trid-san tre'n do chruthaicheadħ na saogħail, neach a's e fior dhealradh na glöire diadhaidh, agus fior ionhaigh pearsa an Athar ann, a tha 'eumail suas agus a' riaghlaħ nan uile nithe le focal a chumhachd, agus trid an do cheannaich Dia an eaglais le 'fhuil féin, Gniomh. xx. 28,—is ni so anns am bi e 'na chuisi-ongantais tre'n uile shiorruidheachd. Faic Phil. ii. 6-9.

Ann an Isaiah caib. vi., tha e air a thaisbeanadh 'na shuidhe air caithir riogħail, agus iomall trusgain a ghloire a' lionadh an teampuill. B'e Mac Dhé a thaisbeanadh air a' mhodh so, agus sin mar a bha e gu teampull a dhaonnachd a lionadh le a ghloir dhiadħaidh, 'nnair a ghabb lānachd na Diadhachd cōmhnuidh ann gu corporra. Agus ann an so bha sè sgiathan aig na seraphim a bha frithealadh dha, le dithis chòmhdaich iad an aghaidh, a' nochdadh am mī-chomais air a bhi 'g amħarc a steach do dliomhaireachd ghlorihoir a theachd 's an fheòil, rainn 2, 3; Eoin xii. 39—41, ii. 19; Col. ii. 9. Ach an uair a bha na spioradan frithealaidd ceudna, fo aimmi cheruban, a' cuairteachadh rīg-chaithreach Dē, ann am frithealadh a fħreasdail, a' riaghlaħ agus ag ɔrduchadh an t-saogħail, cha robb aca ach ceithir sgiathan, agus cha do chòmhdaich iad idir an aghaidhean, air do chomas a bhi aca amħarc gu seasmħach air glōri an fħrithealaidd sin—Esec. i. 6, x. 2, 3.

Is e so glōir a' chreidinh Chriosdail—am bunait agus an stéidh a tha 'giulan eudthruim an aitreibh uile—am freumh air am bheil e fas. Is e so a tha 'cur beath' agus anam ann—anns am bheil e 'g eadar-dhealachadħ o ni sam bith a bha anns an fħior chreidinh roimh sin, agus anns am bheil e 'toirt barracbd ann an tomħas do-thuġsinn air na h-uile ni a tha għach uile chreidinh bréige 'g aideachadħ. Ann an ceud staid neo-thruallte agus fħior-ghlan ar nàduir, bha an fħior dhiadħachd 'na ceud shuidheachadħ, ro ɔrdail, agus mhaiseach, agus ghloriħor. Air do'n duine 'bhi air a chruthachadħ ann an ionhaigh Dhé, bha e freagarrach agus comasach air a bhi 'ga għlōrachadħ mar Dhia. Ach cia b'e air bith tomħas na fairfeachd a bhui�ieh Dia air ar nàdur, do blhrigħ nach d'rinn e 'aonadh ris féin ann an aonadh phearsanta, thuit an aitreabh sios gu h-obann anns an duslach. A mheud 's nach do thogadħi e air a bhunait so bha e buailteach do thuitem. Rinn Dia a noċċadħ ann an so, nach b' urrainn dàimh gràsmħor sam bith eadar e féin agus ar nàdur-ne a bhi seasmħach agus maireannach, mur bitheadħ e air a għabbail a dh'ionnsuidh aonaidħ agus bith phearsanta ris féin. Is e so, ma seadħi, aon charraig agus stéidh neo-thuiteamach na dàinhe sin anns am bheil an eaglais a' seasmħiġ do Dhia, nach urrainn, a nise, gu bràth a bhi air a sgaoileadħ

gu buileach as a chéile. Tha ar nàdur air a dhaingneachadh gu siorruidh anns an aonadh sin, agus sinne féin mar an ceudna da thrid, mar a chi sinn an déigh so. "Annsan tha na h-nile ni a' coimh-sheasamh,"—Col. i. 17, 18; uime sin, eia b'e air bith maise agus glòir a bhuiineadh do cheud shuidheachadh na diadhachd nàdurra, anns an dàimh a bha eadar Dia agus an duine, agus na h-uile ni eile da thrid, cha robh maise no glòir sam bith aum an coimeas ri sin a tha toirt barrachd, ann am foillseachadh Dhé anns an fheòil—an Diadhachd agus an daonnachd air am foillseachadh ann an aonachd an aoine phearsa cheudna. Agus a mhend 's gu'n d'thug Dia uachdaramachd do'n duine, ann an ceud shuidheachadh ar nàduir, "os ceann eisg na mara, agus os ceann eunlaith nan speur, agus os ceann na spréidhe, agus os ceann na talmhainn uile,"—Gen. i. 26, cha robh ann uile ach samhladh dorch de'n àrd-achadh a thugadh d'ar nàdur ann an Criod—mar a tha an t-abstol a' cur an céill—Eabh. ii. 6-9.

Bha an flior dhiadhachd anns an t-saoghal an déigh an tuitein, araon roimh thabhairt an lagha agus 'na dhéigh sin; diadhachd a bha air a stéidheachadh agus air a filleadh suas anns an taisbeannadh dhiadhaidh. Agus a thaobh a glòire o'n leth a muigh—am frithealadh sin chum an do ghiùlaineadh i fo'n phàilliun agus an teampull—bha so a' toirt barrachd air sin a tha air a thaisbeannadh ann an òrduighibh an t-soisgeil. Gidheadh tha an creidimh Criodail, ar n-aidmheil shoisgeulach, agus suidheachadh na h-eaglais ann, a' toirt barrachd gu mòr ann an glòir, ann am maise, agus ann am fairfeachd, air ni sam bith a bha comasach do'n fhrithealadh sin. Agur mar a tha so soilleir anns gu'n d' rinn Dia 'na ghliocas, agus 'na ghràs, agus 'na ghràdh do'n eaglais, am frithealadh sin 'fhilleadh seachad, chum frithealaidh an t-soisgeil a chur na àit, is amhuil sin a tha an t-abstol 'ga dhearbhadh—anns gach 'uile eisemleir chomharaichte—'na Litrí chum nan Eabhruidheach, a bha air a sgrìobhadh chum na criche sin. Bha dà ni anns an diadhachd fo'n t-seann fhrithealadh;—an gealladh, ni a b'e a beatha; agus suidheachadh an aoraidh fo'n Lagh, anns an robh a glòir agus a maise o'n leth a muigh a' coimh-sheasamh. Agus cha robh annta so araon ach neo-ni, gun bhrigh sam bith annta féin, ach a mhain mar a bha iad a' taisbeannadh agus a' samhlachadh Chriod roimh-làimh, mar Dhia air 'fhoillseachadh anns an fheòil. B' ann m'a thimchioll-san a bha an gealladh, agus cha robh ann an suidheachadh an aoraidh ach nithe a bha 'ga shamhlachadh. Mar sin tha an t-abstol a' cur an céill,—Col. ii. 17. Uime sin, mar a bha an diadhachd sin gu léir a bha anns an t-saoghal an déigh an tuitein air a stéidheachadh air gealladh oibre so Dhé, a bha gu coimhlionadh 'fhaotaimh ann an àm iomchuidh; is amhuil sin is e làn choimhlionadh na h-oibre ceudna bunait a'chreidimh Criodail, agus

sin a tha 'toirt barrachd inbhe dha air na h-uile ni a bhi air thoiseach air. Tha an t-abstol a' eur so an céill, Eabh. i. 1-3, "Dia a labhair o shean gu minic, agus air ionadh dòigh ris na h-aithrichibh leis na faidhribh, labhair e anns na laithribh dearannach so ruinne tre a Mhae, a dh' òrduich e 'na oighre air na h-uile ni, tre'n do chruthaich e fòs na saoghail; neach air bhi dha 'na dhealradh a ghlòire-san, agus 'na fhior ionhaigh a phearsa, agus a' cunail suas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'nuair a gilan e ar peacaidh-ean troimh féin, shuidh e air deas làimh na Mòrachd anns na h-árdaibh."

Bha gach uile chreidimh meallta riamh a' leigeadh air diomhaireachdan a bhi ann. Agus mar is mò a b' urrainn daoine a dhealbh, no an diabhal a theagasc dhoibh, aig am bitheadh coslas diomhaireachd—mar a bha ionadh ni eagalach agus oillteil de'n nàdur sin a chuireadh air chois—is ann is mò a bha de mheas agus de urram air an taisbeanadh dhoibh. Ach cha robb e 'an comas uile sheòltaghdh Shàtain agus uile innleachd chridheachan dbaoine an coslas a bu lugha a dhealbh de'n diomhaireachd so. Agus cha-n'eil e mi-choltach, mar a tha cuid a' meas, nach robb air aire an abstoil ann a bhi 'ga eur an céill, I Tim. iii. 16, a bhi 'cronachadh agus a' diteadh nan diomhaireachd amaideach a bha fo mhòr chliù agus mheas 'am measg nan Cinneach.

Ma ni sinn an diomhaireachd ghlòrmhor so a thoirt air falbh, tha sinn a' rùsgadh a' chreidimh Chriosdail d' a ghlòir, agus 'ga isleachadh a dh' ionnsuidh sin a tha creidimh an fhàidh-blreige a leigeadh air, agus sin a bha eaglais nan Iudhach da rireadh a' mealtuim.

Tha creidimh na diomhaireachd so ag uaisleachadh na h-inntinn anns am bheil e,—'ga deanamh spioradail agus nèamhaidh, 'ga h-atharrachadh a dh' ionnsuidh ionhaigh Dhé. Is ann 'an so a tha òirdheirecas a' chreidimh ag coimh-sheasamh os ceann uile chomasan agus chleachdaidhean eile an anama—gu bheil e 'gabbail ri nithibh a tha 'nan nàdur féin gu h-iomlan do-mheasrachaidh, ag aontachadh riu, agus a' foiseachadh amnta. Is e an creidimh so "dearbh-chìmte nan nithe nach faicear," Eabh. xi. 1,—sin a tha 'deanamh soilleir, mar le coimh-dhearbhadh neo-inhearachdach, nithe nach 'eil idir 'nan cuspairibh faicsinneach, agus nach comasach do reuson a thuiginn. Mar is áirde agus is glòrmhoire—mar is do-ruiginn do bhuadhaibh nàdurra an duine—na nithe a tha sinn a' creidsinn, is ann is mò a tha sinn air ar n-atharrachadh a dh' ionnsuidh ionhaigh Dhé ann an cleachdadh a' chreidimh d'an taobh. Agus air an aobhar so, tha toradh ro ghlòrmhor so a' chreidimh, ann an cruth-atharrachadh na h-inntinn a dh'ionnsuidh ionhaigh Dhé, r'a fhaotaimh cho fior, agus cho soilleir, agus cho inbheach ann am mòran, aig am bheil an comasan reusonta gle

anmhunn agus dhìblidh, ann an sùilibh gliocais an t-saoghal, as a tha e annta sin a's géire comasan gu nàdurra, aig am bheil am buadhan reusonta air an leasachadh gus a cheum a's àirde. Oir "thagh Dia bochdan an t-saoghal so, saoibhir ann an creidimh agus 'nan oighreachaibh air an rioghachd," Seumas ii. 5. Cia b'e air bith mar a dh' fheudas iad a bhi bochd, agus mar a tha abstol eile a' labhairt, "amaideach, anmhunn, an-uasal, agus tareuiseach," 1 Cor. i. 27, 28; gidheadh tha an creidimh sin a tha 'gan deanamh comasach air a bhi 'gabhal ri diòmhaireachdaibh na diadhachd, 'gan deanamh saoibhir ann an sùilibh Dhé, a mheud 's gu bheil e 'gan deanamh cosmhuil ris féin.

B'aill le cuid gu'm bitheadh na h-uile ni a tha sinn gu bhi 'creidimh air a thoir a nuas 'an coimh-inbhe ris na nithibh sin air an ruig ar comasan reusonta—ni a tha, air an là'n diugh, a' crathadh bhunacharan a' chreidimh Chriosdail. Cha-n fhoghainn e, tha iad ag ràdh, chum a dhearbhadh gu bheil creidimh no eòlas ni sam bith feumail chum ar n-ùmhlachd agus ar slàinte, gu'm bitheadh an ni sin air 'fhoillseachadh gu soilleir anns an Sgriobtuir—mur 'eil e mar an ceudna réidh agus so-thuigsim d'ar reuson nàdurra ; beachd a tha fàs suas o fhreumh an àrdain sin a tha 'na thoradh nàdurra aineolais air Dia agus oirnn féin ; agus cha-n e mhain gur innleachd e a dhealbhadh chum a bhi 'g isleachadh na diadhachd, ach is inneal e air a ghnàthachadh gu bhi 'tionndadh creidimh na h-eaglais a thaobh o phriomh dhiomhaireachdaibh an t-soisgeil —gu h-araidh o theagasc na Trionaid agus teachd Mhic Dhé 's an fheòil. Ach an creidimh sin a tha da rireadh o Dhia cha-n 'eil e gu bràth cho mòr na chleachdadh coimh-ghnèidheil féin, no aig àm sam bith a' coimh-chumadh an anama cho mòr ri 'iouinhaigh, as an uair a tha e 'faotainn cleachdaidh ann am beachdachadh nan diomhaireachd a' s do-mheasrachaidh a chuireadh r' a aghaidh anns an taisbeanadh dhiadhaidh.

Uaith so tha feallsanachd, agus nithe a bhuineas do sgrùedadhl agus do reusonachadh geur-thuigseach, a' faotainn mòr mheas anns an t-saoghal ; air am bheil iad mar an ceudna airidh, 'nan àite féin. Tha daoine air an uidheamachadh le buadhaibh nàdurra coimh-fhreagarrach riu, agus tha iad 'gam faotainn 'a comh-chòrdadh ri prìomh cleachdaidhibh an tuigse féin. Ach a thaobh nan diomhaireachd sin a tha spioradail agus nèamhaidh, is ann a theid smuaintean dhaoine mar is tric air theicheadh uatha, 'nuair a chuirear iad r' an aghaidh, ionnus nach cuirear impidh orra 'dhol gu dichiollach 'gan rannsachadh,—seadh, cuiridh iad gu coitchionn cùl riu mar amaideas, no cò dhiùbh mar nithibh ris nach 'eil gnothuch sam bith aca. Agus is e an t-aobhar, mar a tha an t-abstol a' labhairt a thaobh nì àraidh eile, "Cha-n ann aig na h-uile a tha creidimh,"—2 Tesal. iii 2 ; agus a chionn nach ann,

tha iad neo-thuigseach agus mi-reusonta ann am beachdachadh chuspairean àraidh a' chreidimh. Ach far am bheil an creidimh so, is ann a tha ro mhead nan diomhaireachd ris am bheil e 'gabhair, a' leasachadh na h-éifeachd a tha aige, 'na uile thoraidhbih beanmaichte, air an anam. Is ann diubh so a tha comh-shuidheachadh pearsa Chriosd, anns am bheil glòir uile bhuidhán agus ionlanachdan naomha na Diadhachd air a foillseachadh, agus a' dealradh a mach. Mar sin tha an t-abstol a' labhairt,—2 Cor. iii. 8, "Ach air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir." Is i glòir gnùis Dhé a tha sinn a' faicinn ann an Iosa Chriosd, caib. iv. 6, no an taisbeanadh glòrmhor a tha deanta de Dhia ann am pearsa Chriosd, air an labhair sinn an déigh so. Is e an sgàthan anns am bheil a' ghlòir so air a foillseachadh dhuinn, agus air a eur r' ar n-aghaidh mar chuspair beachdachaidh, an taisbeanadh diadhaidh anns an t-soisgeul. Ann an so tha sinn a' faicinn a ghlòire, tre chreidimh a mhain. Agus iadsan a tha 'g àmharc gu seasmhach, agus a sior mheudachadh anns a' bheachdachadh so ann an cleachadh a' chreidimh, tha iad le sin air an "atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir,"—no air an ath-nuadhachadh agus air an cruth-chumadh ceum air cheum chum cosmhuiileachd Dhé a tha mar so air a taisbeanadh dhoibh.

Is e an taisbeanadh sin a tha a réir seallaidh leis am bi ar cosmhuiileachd a's àirde ri Dia air a thoirt fa dheòidh chum foirfeachd, agus trid sin, ar sonas siorruidh. "Bithidh sinn cosmhuil ris ; oir chi sinn e mar a tha e,"—1 Eoin iii. 2. Tha creidimh a' tòiseachadh am an so an ni sin a ni sealladh a thoirt chum foirfeachd an déigh so. Gidheadh tha sinn fathast "a' gluasad a réir creidimh, agus cha-n am a réir seallaidh—2 Cor. v. 7. Agus ged a tha beath' a' chreidimh agus beath' an t-seallaidh ag eadar-dhealachadh ann an tonuhasaibh—no, mar a tha cuid a' saoilsinn, ann an gnè—gidheadh tha an t-aon chuspair aca araon, agus na h-aon chleachdaidhean, agus tha mòr dhàimh aca r'a chéile. Is e *cuspair* an t-seallaidh an t-ionlan do bhith Dhé agus a thoil ; agus is e a thoradh cruth-chumadh no cosmhuiileachd ionlan ris, anns am bi ar sonas a' coinbh-sheasamh. Tha an cuspair ceudna aig a' chreidimh, agus an toradh ceudna 'na thomhas féin. Is iad a chuspairean àraidh, diomhaireachdan mòra agus do-mheasrachaidh Dhé—a thoil' agus a ghliocais ; agus is e a thoradh, d'ar taobh-ne, cruth-chumadh agus cosmhuiileachd ris. Agus tha so a' faotaimi coinbhionaidh air dhòigh àraidh da thrid, ann am beachdachadh air glòir Dhé ann an gnùis Iosa Chriosd, anns am bheil an fhagusachd a's dlùithe againn air an ruig sinn anns an t-saoghal so do bheatha an t-seallaidh, agus d'a toraidhbih. Oir anns a' chleachd-

adh so, air dhuinn a bhi “'g amharc air glòir Dhé ann an gnùis Iosa Criod, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-iomhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir ;” agus is e toradh an t-seallaidh ann an glòir, an obair so a dheanamh gu h-iomlan foirfe. Ann an cleachdadh so a' chreidimh, tha an inntinn a' faotainn àrdachaidh agus coimhliontachd spioradail, agus aomadh a dh' ionnsuidh suidheachaiddh nan aigne naomha agus nèamhaidd, ann an tomhas a tha 'toirt barrachd air na h-uile dleasdanais eile.

Is e 'bhi am fagus do Dhia, a bhi cosmhul ri Dia. A bhi a ghàth maille ris agus a bhi gu h-iomlan cosmhul ris, is e so a bhi beannaichte gu siorruidh. Is e 'bhi beò tre chreidimh ann am beachdachadh air glòir Dhé ann an Iosa Criod, an ceud-thòiseachadh sin anna araon, air am bheil sinn comasach anns an t-saoghal so. Tha oidhirpean chuid ann am beachdachadh agus ann an eur an céill gloire Dhé ann an oibrabh a' chruthachaidh agus an fhreasdail—ann an iongantsaibh na gréine agus na geallaich—gun teagamh r'am moladh ; agus is ni e chum am bheil an Sgriobtuir ann an ionadh aite 'gar gairm. Ach an uair a tha daoine a stad aca sin, agus a' criochnachadh an rannsachaidh anna, 'nuair a tha cuspair ni's ro òirdheirc agus ni's glòrmhoire r'an aghaidh air son am beachd-smuaintean—eadhon, glòir Dhé ann an Iosa Criod—tha iad araon a' deanamh tàire air gliocas Dhé anns an taisbeanadh sin deth féin, agus a' teachd gearr air éifeachd cruth-atharrachaidh sin a' chreidimh ann am beachdachadh air, trid am bheil sinn air ar deanamh cosmhul ri Dia. Oir is ann do chleachdadh so a' chreidimh a mhain a bhuineas an toradh sin, agus cha-n ann do eòlas nàdurra sam bith, no do eòlas sam bith anns na dliomhaireachdaibh a's mò a tha r'am faotainn anns a' chruthachadh nàdurra.

Is e a mhain na their sinn, d' an taobh-san aig nach 'eil eòlas air cuspairibh so a' chreidimh—aig nach 'eil comh-aontachadh eridhe, agus tlachd agus toil-inntinn anama, ann an nthibh domheasrachaidh, mar a tha comh-shuidheachadh so pearsa Chriosd —leis am b' àill na h-uile ni 'isleachadh a dh' ionnsuidh tomhais an tuigse féin, no a bhi beò ann an dearmad thoileach air na h-uile ni nach urrainn iad a thuiginn—cha-n eil iad 'gan ulluchadh féin air son seallaidh sin nan nithe so ann an glòir, anns am bheil ar sonas siorruidh a' coimh-sheasamh.

Os bàrr, do bhrìgh gur e comh-shuidheachadh so pearsa Chriosd an toradh a's iongantaich agus a's do-labhairt a dh' oibrich gliocas, agus gràs, agus cumhachd Dhé, is esan o mhain d'an comasach a bhi 'gùlan cudthruim uile dliomhaireachd na diadhachd—anns am bheil naomhachadh agus slàinte iomlan na h-eaglais a' coimh-sheasamh—sin a mhain anns am bheil an creidimh a' faotainn suaimhneis agus síthe. “Oir bunait eile cha-n urrainn duine sam

bith a leagadh, ach am bunait a leagadh cheana, eadhon Iosa Criod,"—1 Cor. iii. 11. Is e fois agus sìth maille ri Dia air am bheil sinn an geall. "Ciod a ni sinn chum a bhi air ar tèarnadh?" Anns an fhiosrachadh so, tha gniomhara eadar-mheadhonaireachd Criod air an cur, anns a' cheud àit, r'ar n-aghaidh, anns an t-soisgeul—gu h-àraidh a thabhartas agus 'eadar-ghuidhe. Leò so tha e comasach air a bhi tèarnadh gus a' cheum a's fhaide mach an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san. Ach bha tabhartais air son peacaidh, agus eadar-ghuidhe air son pheacach, air an gnàthachadh fo'n t-Seann Tiomnadh; gidheadh tha'n t-abstol a' cur an cíll d' an taobh uile, nach b' urrainn iad a chaoi'dh an dream sin a dheanamh coimhlionta a bha teachd a dh' ionnsuidh Dhé, no a' choguis pheacaidh a bha aca a thoirt air falbh, Eabh. x. 1-14. Uime sin, cha-n iad na nithe so annta féin anns am bheil fois agus sìth r'am faotainn, ach an dàimh anns am bheil iad a' seasamh do phearsa Criod. Cha deanadh tabhartas agus eadar-ghuidhe neach air bith eile ar tèarnadh a chaoi'dh. Air an aobhar sin, chum a bhi' daingneachadh ar creidimh, tha air innseadh dhuinn, gu'n do cheannaich Dia an eaglais le 'fhuil féin, Gniomh. xx. 28. Cheannaich an ti sin i a b'e Dia, air 'fhoillseachadh anns an fheòil. Is e fuil an Ti sin a mhain a b' urrainn ar coguissean a għlanadh o oilribb marbha, a thug e féin suas tre'n Spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia, Eabh. ix. 14. Agus an uair a tha an t-abstol 'gar gairm gu bhi beachdachadh na réite agus na h-eadar-ghuidhe, chum saorsa dhuinn an aghaidh cionta peacaidh, tha e air mhodh àraidh a' cur an cuimhne dhuinn pearsa an Ti sin leis am bheil iad so air an coimhlionadh, 1 Eoin ii. 1., 2, "Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criod am firean: agus is esan an iobairt-réitich air son ar peacaidhean." Agus feudaidh sinn gu h-aithghearr òrdugh nan nithe so a thoirt fainear.

1. Smuainicheamaid, anns a' chor so, gu bheil a' choguis air dùsgadh suas fo mhothachadh peacaidh, anns gu'n do chuireadh cul air Dia tre'n pheacadh. Tha daoine an diugh ag amharc air na nitibh so mar nitibh air bheag suim—le cuid air an deanamh 'nan cuiis-fochaid—agus, leis an àireamh a's mò, air am meas 'nan gnothuchaibh a tha furasda na's leòir a chur air dòigh, 'nuair a chi iad ionchuidh. Ach an uair a chuireas Dia mothachadh d'a dhiom sàs anns an anam do blàrigh peacaidh, euiridh e daoine air ionairt air son fuasglaidh, mur 'eil an gnothuch tuilleadh as annoch.

2. Tha am fuasgladh so air 'fhoillseachadh anns an t-soisgeul. Agus tha e r'a fhaotainn a mhain ann 'am bàs agus ann an réite Criod. Annta so is éigin sìth fhaotainn ri Dia, no sguiridh e am feasd. Ach,—

3. 'N uair a thig neach sam bith gu bhi 'faicinn ann am firinn cia mòr an ni do pheacach cailte a bhi 'faotainn maitheanais pheacaidhean, agus oighreachd am measg na muintir sin uile a tha air an naomhachadh, bithidh eagalan gun àireamh a' togail cheann, tre chumhachd a mhi-eindreidh, chum a chur fo bhuaireas. Uime sin,—

4. Is e fior chleachdadhl creidimh ann am beachdachadh air toradh neo-chriochnach so gliocais agus maiteis Dhé ann an comhshuidheachadh pearsa Chriosd, an ni sin a mhain a tha air dhòigh àraidih freagarrach gu bhi 'toirt suaimhneis, agus sìthe, agus riarrachaidh dha; agus as eugmhais só cha-n fhaighear sin ann an ni sam bith eile. Bheir an ceud sealladh de'n chuspair so an imntinn a dh' ionnsuidh a' chomh-dhùnaidh sin, "Ma's urrainn thusa creidsinn, tha gach aon ni comasach do'n neach a chreideas." Oir ciod air nach ruigear d'a thrid? ciod a' chrioch nach fhaigh coimhlionadh a bha riamh air a rùnachadh ann? Am bheil ni sam bith do-dheanta do Dhia? An d' rinn Dia riamh ni sam bith cosmhuil ri so, no an do ghmàthaich e riamh a shamhuil so de mheadhon air son crìche sam bith eile? Ciod an t-eagal a's urrainn seasamh suas ri aghaidh so? Air do'n chreidimh a bhi 'beachdachadh Chriosd anns an t-suidheachadh so, tha e 'ga mheasrachadh mar chumhachd Dhé, agus mar ghliocas Dhe, chum slàinte dhoibh-san a chreideas; agus ann an deananh sin a' faotainn suaimhneis agus sìthe.

CAIBIDEIL IV.

Air Pearsa Chriosd mar Stéidh uile Chomhairlean Dhé.

Anns an dara àite, Is e pearsa Chriosd stéidh uile chomhairlean Dhé, a thaobh a ghlòire siorruidh féin ann an gairm, ann an naomhachadh, agus ann an slàinte na h-eaglais. Tha sinn a' ciallachadh an ni sin féin a tha an t-abstol a' cur an céill, Eph. i., 9, 10, "A dh' fhoillsich dhuinn rùn-diombair a thoile, a réir a dheadh-ghean féin, a rùnaich e ann féin: chum ann am frithealadh coimhlionaidh nan aimsir, gu'n cruinnicheadh e ann an aon na h-uile nithe ann an Chriosd, ar aon na nithe a tha air neamh, agus na nithe a tha air thalamh, eadhon amsan." Is iad "diomhair-eachdan toil" Dhé, a réir a dheadh-ghean féin, a rùnaich e ann féin"—a chomhairlean a thaobh a ghlòire siorruidh féin, ann an naomhachadh agus ann an slainte na h-eaglais air thalamh, chum a bhi air a h-aonadh ris an eaglais air nèamh. Bha ceud éirigh

nan nithe so gu h-ionlan 'na dheadh-ghean fén, no ann an cleachadh árd-uachdaranach a ghliocais agus a thoile. Ach bha so uile gu bhi 'faotainn coimhlionaidh *ann an Criosd*—a tha an t-abstol ag ainmeachadh dà nair : bha e gu bhi 'cruinneachadh nan uile nithe “fo aon cheann ann an Criosd, eadhon annsan”—is e sin, ann-san a mhain.

Mar so theirear uime, a thaobh a theachd 's an fheòil ann an coimhlionadhl na h-aimsir, agus a thaobh oibre na réite, gu'n robh Esan aig an Tighearn ann an toiseach a shlighe, roimh oibríbh o shean ; o shiorruidheachd gu'n do chuireadh suas e, o'n toiseach, mu'n robh an talamh ann, Guàth-fhoc. viii. 22, 23. Tha bith pearsanta Mhic Dhé o shiorruidheachd air a thuiginn anns na briathraibh so, mar a rinn sinn a dhearbhadh ann an àite eile. As eugmhais so, cha b'urraimi aon air bith de na nthibh so a bhi air a chur as a leth. Ach tha sùil aig na briathraibh ri teachd Chriosd anns an fheòil, agus ris a' choimhlionadhl a bha comhairlean Dhé gu bhi 'faotainn d'a thrid sin. A thaobh so, ma seadh, bha Esan “aig an Tighearn ann an toiseach a shlighe,” agus “chuireadh suas e o shiorruidheachd.” Bha e aig an Tighearn o shiorruidheachd mar fhìor ghliocas a bhith—mar a bha, agus mar a tha e ghnàth, ann an uchd an Athar, ann an comh-ghràdh dolabhairt an Athar agus a' Mhic, ann an dlùth-cheangal shiorruidh an Spioraid. Ach bha e aige ann an seadh ro chomharaichte “ann an toiseach a shlighe”—mar a ghliocas, 'ga chleachdadhl fén ann an toirt gu bith nan slighean agus nan oibre sin gu léir a tha o'n leth a muigh o Dhia. Is e “toiseach slighean Dhé,” roimh oibríbh o shean, a comhairlean d'an taobh—eadhon mar is iad comhairlean dhaoine toiseach an slighean-san, a thaobh nan oibre a tha iad gu bhi 'coimhlionadh. Agus “o shiorruidheachd chuireadh suas e,” mar bhunait uile comhairlean a thoile, anns an robh, agus trid an robh, iad gu bhi air an oibreachadh agus air an coimhlionadh.

Mar sin theirear ann an rainn 30, 31, “Bha mise aige mar neach a dh' altrnmadh maille ris ; agus bu mhi a thlachd gach là, a' deanamh gàirdeachais 'na fhianuis an còmhnuidh ; a' deanamh gàirdeachais anns a' chuid a dh' àitichear d'a thalamh, agus mo thlachd maille ri cloinn nan daoine.” Agus tha air ainmeachadh, gu'n robh so mar so, mu'n do shuidhicheadh na beannan, no a' chuid a's àirde do dhuslach na talnhainn—is e sin, mu'n do chruthaicheadh an duine. Cha'n e mhain gu'n robh tlachd an Athar ann-san, ach bha a thlachd-san anns a' chuid a dh' àitichear d'a thalamh, agus 'am measg chloinn nan daoine —mu'n do chruthaicheadh an saoghal. Uime sin is e a tha air a chiallachadh ann an so an scalladh a bha e 'gabbail o shiorruidheachd de'n obair a bha aige r'a coimhlionadh air son chloinn nan daoine. Annsan agus

maille ris, rinn Dia bunait 'ule chomhairlean a thoile a leagadh a thaobb a ghráidh do chloinn nan daoine. Agus feudar dà ni a thoirt fainear ann an so :—

1. Gu'n robh pears' a' Mhic "air a chur suas," no air àrdachadh ann an so. "O shiorruidheachd," a deir e, "chuireadh suas mi." Cha-n urrainn so a bhi air a labhairt mu phears' a' Mhic mar a tha e gu h-iomlan ann féin; cha chomasach do nàdur na Diadhachd a bhi air a chur suas air a' mhodh so. Ach bha glòir agus urram sònruichte a bhineadh do phears' a' Mhic, mar a rùnaich-eadh e leis an Athair chum a bhi 'toirt coimhlionaidh do uile chomhairlibh a thoile. Agus uaith so, chuireadh suas an ùrnuigh sin leis, air bhi dhoibh coimhlionadh 'fhaotainn, Eoin xvii. 5, "Agus a nis, Athair, glòraich thusa mise maille riut féin, leis a' ghlòir a bha agam maille riut mu'n robh an saoghal ann." An neach sin a smuainicheas gu'n robh an Tighearn Iosa Criosd anns na briathraibh so a' guidhe gu'm bitheadh a shamhuil sin de chomhpàirteachadh aig a dhaonnachd de bhuidhaibh na Diadhachd as gu'm bitheadh an daonnachd air a deanamh neo-chriochnach, agus uile-fhiosrach, agus uile-làthaireach,—is éigin da a smuaineachadh gu'n robh e 'guidhe air son a bhi ga sgrios, 'an ait a bhi 'ga h-àrdachadh. Oir, a réir an smuain so, is éigin d'a dhaonnachd a buadhan nàdurra féin a chall, agus uinne sin a *bith* a chall mar an ceudna. Cha mhò a tha e 'coltach ri bhi guidhe air son foillseachaidh nàduir a Dhiadhachd, a chuireadh fo dhuibhre ann an gabhail cruth seirbhisich. Cha robh aobhar gu'm bitheadh so air a chur an céill leis mar—a "ghlòir a bha aige maille ris an Athair mu'n robh an saoghal ann." Oir cha robh i aige, anns an t-seadh so, ann an rathad sònruichte sam bith, mu'n robh an saoghal ann; ach mar a bha i aige coimh-ionann o'n uile shiorruidheachd, agus anns gach uile thiotadh a dh' ùine Uime sin, bha glòir àraidih a bhineadh dha féin, maille ris an Athair, mu'n robh an saoghal ann. Agus cha bu ghlòir sam bith eile so ach an t-àrdachadh sònruichte sin a bha aige 'mair "a chuireadh suas e o shiorruidheachd," mar bhunait uile chomhairlean Dhé, air son slàinte na h-eaglais. Ann an guothuichibh siorruidh sin a' choimhcheangail a bha eadar an t-Athair agus am Mac, anns an do ghabh am Mac os làimh a bhi 'coimhlionadh uile chomhairlean siorruidh gliocais agus gràis an Athar, bha glòir ro chomharaichte a bha aig a' Mhac maille ris, eadhon, "a' ghlòir a bha aige maille ris mu'n robh an saoghal ann. Air son foillseachaidh na glòire so tha e nis a' guidhe—eadhon, gu'm bitheadh glòir a mhaiteis, agus a ghràis, agus a ghráidh, ann an gabhail os làimh a bhi 'coimhlionadh uile chomhairlean Dhé, air a cur 'am follais. Agus is e so priomh rùn an t-soisgeil. Mar a tha an soisgeul 'na fhoillseachadh gràis Dhé an Athar, is amhuil sin a tha e mar an

ceudna a' cur an céill gràidh, agus gràis, agus maitheis, agus truais a' Mhic, ann an gabhail os làimh o shiorruidheachd a bhi 'coimhlionadh uile chomhairlean Dhé, ann an slàinte na h-eaglais. Agus le so tha bunaitean na talmhainn air an cumail suas leis, an cruthachadh lochdrach so, a bhitheadh air sheòl eile, maille r'a luchd-àiteachaidh, air sgaoileadh as a chéile tre'n pheacadh. Agus iadsan a tha 'g àicheadh a bhith o shiorruidheachd ann an cruth Dhé, mu'n do ghabh e ar nàdur, tha iad a' deanamh na's urrainn iad chum a bhi 'ga spùinneadh de'n ghlòir sin gu léir a bha aige maille ris an Athair mu'n robh an saoghal ann. Mar sin tha ar rùn gu h-ionlan againn ann an so. "Ann an toiseach slighean Dhé, roimh 'oibríbh o shean,"—is e sin, 'na chomhairlibh siorruidh a thaobh chloinn nan daoine, ann an naomhachadh agus ann an slàinte na h-eaglais—bha am Mac aig an Tighearn, bha e 'ga mhéaltuinn, mar a ghliocas siorruidh féin, ann agus maille ris an robh na comhairlean sin air an leagadh, ann agus trid an robh iad gu bhi 'faotainn coimhlionaidh, agus anns an robh a thlachd maille ri cloimh nan daoine.

2. Gu'n robh tlachd do-labhairt eadar an t-Athair agus am Mac anns a' chur suas no anns an àrdachadh so a rinneadh air. "Bu mhi," a deir e, "a tlachd gach là, a' deanamh gairdeachais 'na fhianuis an còmlhuidh." Cha-n e a tha gu h-àraidh air a chiallachadh, an tlachd siorruidh sin eadar an t-Athair agus am Mac a tha 'g éirigh o ionlanachd nan aon òirdheirceas diadhaidh anns gach pearsa. Ach tha sùil aig na briathraibh gu soilleir ri comhairlibh Dhé a thaobh slàinte dhaoine da thrid-san a's e a chumhachd agus a ghliocas chum na crìche sin. Bha comhairle so na sithe air tùs eadar Ichobhah agus am Meangan, Sech. vi. 13, no an t-Athair agus am Mac mar a bha e gu bhi air 'fhoillseachadh 'nar nàdur. Oir anns a' chomhairle sin bha e air a "roimh-orduchadh roimh chruthachadh an t-saoghail," 1 Phead. i. 20; is e sin, chum a bhi 'na Shlànuighear agus 'na fhear-saoraidh, leis an robh uile chomhairlean Dhé gu bhi 'faotainn coimhlionaidh; agus sin o 'shaor thoil féin, ann an comh-aontachd comhairle ris an Athair. Agus bha a' shamhuil sin de blunait air a leagadh air son slàinte na h-eaglais ann an comhairlibh so Dhé, as gu'n bheil e air a ràdh, gu'n robh "a' bheatha mhaireannach air a gealltuinn roimh chruthachadh an t-saoghail," Titus i. 2. Oir, ged a bha ceud ghealladh foillsichte na beatha air a thabhairt an déagh an tuiteim, gidheadh bha a' shamhuil sin a dh' ulluchadh gràis agus beatha maireannaich air a dheanamh ann an comhairlibh so Dhé, maille r'a rùn neo-chaochlaidheach a bhi 'gam páirteachadh ruinn, as gu'n robh dilseachd Dhé gu h-ionlan air teachd fo ghealladh anna. "Gheall Dia, do nach comasach breug a dheanamh, roimh chruthachadh an t-saoghail." Bha a' bheatha mhair-

cannach maille ris an Athair; is e sin, 'na chomhairlibh a thaisgeadh ann an Criosd, agus 'na dhéigh sin a dh' fhoillsicheadh dhuinn ann, 1 Eoin i. 2. Agus, chum a bhi 'nochdadhl seasmhachd rùin agus comhairle so Dhé, maille ri toradh neo-thuiteamach a gheallaidh, agus an coimhlionadh eifeachdach a bha e gu 'fhaotainn, theirear gu'n d' thugadh "gràs dhuinn ann an Iosa Criosd roimh thoiseach an t-saoghal," 2 Tim. i. 9.

Is ann anns na comhairlibh so, ma seadh, a bha tlachd Dhé—no ann am pearsa Chriosd, mar a ghliocas shiorruidh féin ann a bhi 'gan dealbhadh, agus mar mheadhon an coimhlionaidh 'na theachd's an fhèoil. Air an aobhar sin tha e 'deanamh fianuis uinne, "Feuch, m' òglach, a chumas mi suas; m' aon taghta, anns am bheil tlachd aig m' anam," Isa. xlvi. 1; amhuil a rinn e an tlachd ceudna a chur an céill o néamh, ann an làithibh fheòla, Mata iii. 17, xvii. 5. B'e tlachd Dhé e, mar an Ti sin anns an do leagadh agus anns an do shuidhicheadh a chomhairlean gu léir, chum a ghlòire féin, ann an saorsa agus ann an slàinte na h-eaglais: "M' òglach, anns am bi mi air mo ghlòrachadh," Isa. xlix. 3; is e sin, ann an "togail suas gheugan Iacoib, agus ann an aiseag mheanglan Israeil, ann a bhi 'na sholus do na Cinnich, agus 'na slàinte Dhé gu ionall na talmhainn," rann 6.

Cha-n 'eil sinn a' smuaineachadh gu ceart mu chomhairlibh Dhé, 'nuair nach 'eil sinn 'gan toirt fainear ach a mhain 'nan toraidhbih, agus anns a' ghlòira a tha 'g éirigh o bhi 'gan coimhlionadh. Tha e 'na fhìrinne neo-mhearrachdach gu'n criochnaich iad uile 'na ghlòir féin, agus bitidh foillseachadh na glòire sin a lionadh suas na siorruidh-eachd. Tha glòir fhoillseachail Dhé gu saoghal nan saoghal, a' coimh-sheasamh ann an toraidhbih agus ann an coimhlionadh a chomhairlean naomha. Is e néamh an staid sin anns am bheil iad uile air coimhlionadh 'fhaotainn, ann an naomhachadh agus ann an slàinte na h-eaglais. Gidheadh cha-n e dòigh dhaoine dòigh Dhé. Cia b'e air bith an tomhas gliocais a bhitheas ann an comhairlean dhaoine, tha e gu mòr a' lughdachadh an tlachd anna nach urrainn a bhi aca ach tuaiream a thaobh nan toraidhean anns an criochnaich iad. Ach air do chomhairlibh Dhé gu léir a bhi 'giùlan gu neo-chaochlaidheach an coimhlionaidh ionlain anna féin, agus sin tre linntibh de ghniomharaibh ioma-lubach dhaoine, nach deanadh gach uile thugse cruthaichte a riaghadh, tha tlachd agus toil-inntinn mòr Dhé anns na comhairlibh so anna féin.

Tha Dia gun teaganmh a' gabhail tlachd ann an dearbh choimhlionadh uile 'oibre. Cha do chruthaich e an saoghal so, no ni sam bith a tha ann, air an sgàth féin. Agus is ro lugha na sin a rinn e an talamh so a chruthachadh gu bhi 'na ionad-cluiche air am bitheadh daoine a' riarachadh an ana-mianna—am feum chum am bheil e 'nis air a ghnàthachadh, agus fo'm bheil e ag osnaich. Ach

"rinn an Tighearn gach ni air a shon féin," Gnàth-fhoc. xvi. 4; agus "air son a thoil-san tha iad ann," Taisb. iv. 11; is e sin, cha-n e mhain le gniomh na h-àrd-uachdaranachd, ach air son a tlachd agus a thoil-inntinn féin. Agus thug e dearbhadh dàfhillte air a' chrich so, a thaobh oibre a' chruthachaidh. (1.) Anns an deadh theisteas a thug e air an ionlan air dha amharc thairis air : "Agus chunnaic Dia gach ni a rinn e, agus feuch bha e ro mhaith," Gen. i. 31. Bha comharadh sin a ghliocais agus a chumhachd, agus a mhaitheis air an ionlan, a bha foillseachadh a ghàidhle ; anns an robh e làn toilichte. Oir air ball 'na dhéigh sin, bha gach uile chreutair aig an robh comas a ghàidh a mheasrachadh agus a bheach-dachadh, a' cantuinn a chliù, Iob xxxviii. 6, 7. (2.) Anns gu'n do ghabh e fois o'oibribh, no annta, 'nuair a bha iadairan criochnachadh, Gen. ii. 3. Cha b'e fois a bha so do bhrigh sgios ann an saothair na h-oibre, ach fois na tlachd agus na toil-inntinn anns an obair féin a choimhlion e.

Gidheadh tha priomh tlachd agus thoil-inntinn Dhé 'na chomhairlibh siorruidh. Oir cha-n 'eil a tlachd 'na oibríbh ach mar a tha iad nan toraidhibh nam buadhan diadhaidh sin aig am bheil am priomh chleachdadadh àraidih anns na comhairlibh sin féin o'm bheil na h-oibre a' sruthadh a mach. Tha e mar so air mhdh àraidih a thaobh chomhairlean sin an Athar agus a' Mhic mu shaorsa agus nu shláinte na h-eaglais, anns am bheil an tlachd, agus anns am bheil iad a' deanamh conbh-ghàirdeachais ann an aon a chéile d'an taobh. Tha iad uile 'nan gniomharaibh siorruidh gliocais, agus maitheis, agus gràidh neo-chriochnaich Dhé ; agus tha an tlachd agus an toil-inntinn a tha aig annta a' deanamh suas earrainn nach 'eil beag de shonas na Diadhachd. Tha na nithe so 'n h-ionlan do-thuiginn agus do-labhairt d'ar taobh-ne ; cha-n 'eil e 'nar comas an t-Uile-chumhachdach fhaghail a mach gu h-ionlan. Gidheadh, tha e ro chimirceach, o na beachdaibh a tha againn de nàdur agus de òirdheircuis na Diadhachd, agus o'n fhoillseachadh a thug e dheth féin, gu bheil tlachd neo-chriochnach a' faotainn cleachdaidh ann, agus sin ann an cleachdaidh siorruidh a ghliocais, agus a mhaitheis, agus a ghràidh, anns am feud sinn a rádh gun mhìearachd, a réir nam breithneachadh dorcha agus annluinn a tha againn de nitibh, gu bheil earrann nach 'eil beag de shonas na Diadhachd a' coimh-sheasamh. Is e am priomh bheachd a tha againn de shonas so na Diadhachd, gur Bith neo-chruthaichte a ta ann d'an còmhnuidh a Mhòrachd neo-chriochnach féin, anns am bheil féin-fhoghainteachd air a shon féin ann féin anns na h-uile ni, agus aig am bheil féin-shàsachadh ionlan uaith féin.

Tha Dia a gabhail tlachd anns na comhairlibh siorruidh so ann an Criosd, mar a tha iad 'nan toraidhibh a ghliocais neo-chriochnaich —mar an t-eisampleir a's àirde anns an dean gliocas i féin a

chleachdadhbh. Uime sin, ann a bhi 'gan coimhlionadh, goirear de Chriosd air dhòigh ro chomharaichte, "Gliocas Dé," 1 Cor. i. 24 ; an ti sin anns an robh uile chomhairlean a għliocais gu bhi 'faotainn coimhlionaidh. Agus ann-san tha gliocas eugħsamhuil Dhé air a deanamh aithnichte, Eph. iii. 10. Do bhrīgh gur i an gliocas neochriochnach am buadh sin ann an nàdur na Diadhachd leis am bheil a chleachdaidhean gu léir air am buileachadh agus air an riaghla, coimh-fħreagarrach ri glōir Dhé 'na bīrdheirceis diadhadhbh gu léir,—cha-n urrainn e gun tlachd a għabbail 'na għniomħaraibh uile. Eadhom 'am measg dhaqnejha—aig am bheil an gliocas 'na amaideas 'an coimeas ri gliocas Dhé—cha-n 'eil ni sam bith anns am bheil fior thoil-inntinn reusonta aca, coimh-fħreagarrach ri priomh bħuadhaibh an nàduir a thugadh dħoibh, ach ann an cleachdaidhibb a għliocais sin a tha aca, 'na tomħas féin, ehun uile chriochan āraidh am bith agus an dleasdanais. Cia mòr is mò na sin a tha tlachd aig Dia ann an iomlanachd neo-chriochnaich a għliocais féin, agus 'na cleachdaidhibb siorruidh ann an taisbeanadh nan bīrdheirceas glòrmhor a tha 'na nàdur ! Is ann d' an leithide so, ma seadh, a tha a chomhairlean a thaobh sláinte na h-eagħlais tre Iosa Criosc ; agus do bhrīgh gu'n do shuidhicheadha iad uile ann agus maille ris, theirear gu'm b' ħe tlachd Dhé e gach là mu'n robh an saogħal ann. Is e so a chuireadħ suas r' ar n-aqħaidh mar cluspair ar n-iøgħantais naoimħ ann an Rom. xi. 33-36.

2. Is għniomħaran maitheis neo-chriochnach na comhairlean so, uime sin cha-n urrainn Dia gun tlachd neo-chriochnach a għabbail annta. Mar is e gliocas am feart treorachaidh ann an uile oħbirib na Diadhachd, mar sin is e maitheas am feart komhpāirteachaidh a tha eifeachdach annta. Tha e féin maith, agus a' deanamh mhaith—seadh, tha e 'deanamh mhaith do bhrīgh gu bheil e maith, agus do bhrīgh sin a mhain—cha-n ann o neo-sheachantachd nàduir, ach do bhrīgh gur e sin a dheaddh thoil fén. Tha a mhaiteas gu h-ġiordan neo-chriochnach ; a thaobh a bhith tha e coimhlionta ann fén ; agus cha b' urrainn e bhi mar sin, nam b' ēgin da a bhi 'ga chomhpāirteachadh fén gu nàdurra agus gu neo-sheachanta ri ni sam bith an leth a muigh de Dha fén. Tha riarachadh siorruidh aig nàdur na Diadhachd ann agus le a mhaiteas fén ; ach is feart e a tha 'na thobar neo-mheadhonach o'm bheil gach uile mhaith a sruthadh do mħuinntir eile, a mhain do bhrīgh gur e sin saor thoil Dhé. Mar sin 'nuair a għuidh Maois gu'm faiceadħ e a għl-dir, thubhaġġ Dia ris, "Bheir mi air mo mhaiteas uile dol seachad ann ad lathair,—agus bithidh mi gràsmhor dha-san d'am bi mi gràsmhor," Eesod. xxxiii. 19. Tha uile għniomħaran sin na Diadhachd, anns am bheil Dia gu gràsmhor 'ga chomhpāirteachadh fén, a teachd o a mhaiteas, mar thoradħ air gniomħ shaoir a thoile. Agus tha'n sàr-chleachdadħ

a bu shaoibhir a shruth riamh a nuas o thobar a mhaitheis dhiadhaidh r'a fhaicinn ann an comhairlibh naomha so Dhé, air son sláinte na h-eaglais tre Iosa Criosc. Oir a mheud's nach d'rinn e ann an uile thoraidhíbhl eile a mhaithéis ach a bhi buileachadh *de a chuid*, ann an so tha e 'ga bhuileachadh féin, ann an gabhail ar nadur da ionnsuidh féin. Agus naith so, mar a tha e 'cur an céill rùin an duine 'na thuitem, ann an rathad a bhi 'cur amaideachd agus mi-ghuéitheileachd as a leth, "Feuch, tha'n duine air fàs mar aon dhinn féin," Gen. iii. 22, feudaidh sinne, ann an cleachdadhl a' bhuidheachais iriosail, a ràdh, a thaobh meadhoin ar leigheis, "Feuch, tha Dia air fàs mar aon dhinn féin," mar a tha'n t-abstol a' cur an céill, Phil. ii. 6-8. Buinidh e do nàdur a' mhaitheis threibhdhirich—eadhon anns an tomhas a's isle—os ceann uile bhuadhan eile ar nàduir, a bhi toirt toil-inntinn do'n anam anns am bheil e 'ga chleachdadhl féin, agus ann a bhi 'ga chomhlipairteachadh féin 'na thoraidhíbhl. Tha toil-inntinn aig duine maith ann an 'deanamh mhaith, agus tha mòr dhuais aige *air son* a dheanamh, *ann a bhi 'ga* dheanamh. Agus ciod a tha 'nar comas a mheasrachadh a thaobh a' mhaitheis sin a tha siorruidh, agus ionlan, agus neo-chriochmach, agus neo-mheasgaichte, ag oibreachadh, a réir a ghné féin, anns a' chleachdadhl sin a's àird dh'ionnsuidh am feud e teachd? B'e so nàdur comhairlean sin Dhé, a ghabhadh a thaobh teachd a Mhic anns an fheòil, agus sláinte na h-eaglais da thrid. Cha-n urrainn eridhe sam bith a smuaineachadh, cha-n urrainn teanga sam bith a chur an céill, ciod e eadhon an earrann a's lugha de thlachd do-labhairt an Dé naoimh agus bheannaichte anns na comhairlibh so, anns an d'fhoillsich agus anns an do chleachd e maiteas a nàduir, gus a cheum a's fhaide mach. An dealbh duine fial nithe fiala, do bhrigh gu bheil iad coimh-fhreagarrach r'a ghné? am faigh duine maith riarachadh agus toil-inntinn uaigneach ann an cleachdadhl a' mhaitheis iosail, agus anmhuiinn, agus mhi-ionmlain, agus mheasgaichte sin, a tha r'a fhaotainn fathast na nàdur?—agus nach bi aige-san anns am bheil maiteas mar bhuadh neo-sheachanta 'na nàdur, neach gur e maiteas a dhearbh blith, an tobar neo-mheadhonach o'm bheil e 'ga pláirteachadh féin ri muinntir eile—nach bi aige-san, tha sinn ag ràdh, tlacl'd neo-chriochnach ann an cleachdadhl sin a's àird a mhaitheis a dh' ionnsuidh an do threòr-aich glicas na Diadhachd riamh.

Tha toradh chomhairlean siorruidh so Dhé, anns a' ghlòir a tha fathast r'a foillseachadh, air a ghlèidheadh air an son-san a tha creidsinn; agus anns an toradh sin ann an glòir bitidh an tais-beanadh a's dlùithe aca de ghlòir Dhé féin, "'mair a thig e gu bhi air a ghlòrachadh 'na naomhaibh, agus chum a bhi air a dheanamh iongantach annta-san uile a tha 'creidsinn.'" Ach bha, agus tha,

tlachd agus riarachadh beannaichte Dhé anns na comhairlibh so annta féin, mar a tha iad 'nan gniomharaibh a ghliocais agus a mhaitheis neo-chriochnaich. Annta so b'e an Tighearn Iosa a "thlachd gach là" mu'n do leagadh bunaitean an domhain, do bhrigh gur ann *ann-san* a bha iad air an suidheachadh, agus gur ann *tridsan* a bha iad gu bhi faotainn coimhlionaidh. B'e comhshuidheachadh a phearsa an t-aon dòigh trid an deanadh gliocas agus maitheas Dhé iad féin a chleachdadadh, ann an rathad a bhi 'gan comhpàirteachadh féin ri cloinn nan daoine—cleachdaidhean anns am bheil tlachd agus toil-inntinn siorruidh na Diadhachd.

3. Tha a' bhuaidh cheudna aig gràdh agus gràs ann an comhairlibh so Dhé, as a tha aig gliocas agus maitheas. Agus ann am beachd nan Sgriobtuir d'an taobh, tha iad a' cur a' bheachd so a leasachadh ri maitheas Dhé—eadhon, gur e a's cuspair aca peacaich, agus muinntir a tha neo-airidh. Tha Dia a' comhpàirteachadh d'a mhaitheas ann an rathad coitchionn r'a chreutairibh uile, ged a tha cleachdadadh áraidh a mhaitheis d'an taobh-san a tha creidsinn. Ach mu thimchioll a ghráidh agus a ghràis, mar a tha iad air an cleachdadadh a mhain a thaobh an taghaidh—an eaglais a thaghadh ann an Criosd roimh bhunait an domhain—is amhuil sin a tha iad air an cleachdadadh d'an taobh, anns a' cheud àit, ann an cor millte agus caillte tre'n pheacadh. "Tha Dia a' moladh a ghráidh fèin duinne, do bhrigh an uair a bha sinn fathast 'nar peacaich gu'n d' fhuiling Criosd bàs air ar son," Rom. v. 8. "Is gràdh Dia," deir an t-abstol. Tha a nádur gu neo-sheachanta 'na ghrádh. Agus am beachd a's cubhaidh a dh'fheudas a bhi againn mu chleachdadhibh nádurrá nam pearsa diadhaidh annta féin, is e gur grádh iad ; agus tha uile chleachdaidhean a ghráidh sin làn tlachd. Is e so, mar gu'm b'ann, am bolg anns an do ghiùlaineadh nile chomhairlean siorruidh Dhé, o'm bheil a thoil-inntinn annta gu h-ionlan do-labhairt. Is ann do bhrigh so a tha e 'cur an céill air dhòigh cho iongantach a tlachd agus a thaitneis ann an cleachdaidhibh a ghráidh a thaobh na h-eaglais, "Tha'n Tighearn Dia ann ad mheadhon cumhachdach ; ni e do thèarnadh ; ni e gairdeachas os do cheann le luathghair ; gabhaidh e fois 'na ghràdh ; ni e gairdeachas os do cheann le seinn," Sech. iii. 17. Is e an t-aobhar gu bheil e'deanamh gairdeachais le luathghair agus le seinn, ann an slàinte na h-eaglais—a' chainnt a's àird anns an urrainn taitneas diadhaidh a bhi air a chur an céill—gu bheil e gabhail fois 'na ghràdh, ionnus gu bheil toil-inntinn aige ann an cleachdadadh a thoraidhean.

Ach is éigin duinn pilleadh chum a bhi 'nochdadadh air dhòigh áraidh cionnus a bha uile chomhairlean so Dhé air an leagadh ann am pearsa Chriosd ; agus chum na crìche so feudar na nithe a leanas a bheachdachadh gu h-eadar-dhealaichte :—

1. Anns an toiseach rinn Dia na h-uile nithe gu ro mhaith, barraichte maith. Bha an obair gu léir a cloimhlion e air a cur r'a chéile ann an eomh-chòrdadh, ann am maise, agus ann an òrdugh ionlan, coimh-fhreagarrach ris an fhoillseachadh sin d'a ghlòir a rùnaich e innte. Agus mar a bha a bhith eadar-dhealaichte féin aig na h-uile ni a chruthaicheadh, agus cleachdaidhean coimh-fhreagarrach r'am bith, agus mar an ceudna d'an robh crioch, no fois, no sonas comasach, coimh-ghnèitheil do gach nàdur 'nan cleachdajdhibh fa leth—is amhuil sin, anns na daimhibh eugsamhuil anns an robh iad a' seasamh d'a chéile, anns an robh iad a' coimh-leasachadh agus a' comh-chuideachadh gach aon a chéile, bha iad uile ag aomadh a dh' ionnsuidh na h-àrd chrière deireannaich sin—glòir siorruidh Dhé. Oir mar a bha iad, a thaobh am bith, 'nan toraidhibh a chumhaechd neo-chrioch-naich, mar sin, 'nan dàimhibh gach aon d'a chéile agus 'nan crìochaibh fa leth, bha iad air an riaghlaigh ann an gliocas neo-chriochnaich. Air a so, bha cumhachd agus gliocas shiorruidh Dhé air an glòrachadh anna ; a chumhachd ann an toirt bith dhoibh, agus a ghliocas 'nan riaghlaigh gu h-eagarra ann an òrdugh agus 'am maise. Chruthaich Dia an duine, chum d'a thrid-san gu'm bitheadh e 'faotainn na glòire sin gu léir a rùnaich e ann agus o'n chruthaechadh neo-reusonta—an dà chuid, sin a bha bhos, a bha 'na mheadhon cuideachaidh dha, agus sin a bha shuas, a bha 'na chuspair beachdachaidh aige. B'e so crioch ar nàdur 'na cheud chomh-shuidheachadh. Agus a dh' ionnsuidh so tha sinn a rìs air ar n-aiseag ann na Criosd ; Seumas i. 18 ; Salm civ. 24, exxxvi. 5 ; Rom. i. 20.

2. Bu toil le Dia cead a thoirt do'n pheacadh a theachd a steach, araon do nèamh shuas agus do'n talamh a bhos, leis an robh an riaghailteachd agus an eomh-chòrdadh so air a chur as na h-altaibh. Tha comharaidhean a chumhaechd, agus a ghliocais, agus a mhaiteis dhiadhaidh, r'am faicinn fathast air oibribh a' chruthaechaidh, air bhi dhoibh neo-sgaraichte o'm bith. Ach b'i ümhlaichd an duine am meadhon trid an robh a' ghlòir sin sù léir a rùnaich Dia air tùs a bhi faotainn uatha, gu bhi air a giulan a steach dha, gu sònruichte a thaobh nan uile nithe air an talamh a bhos, a chuireadh fo iochdranachd dha. Bha soirbheachadh nan nithe so 'an crochadh air an iochdranachd dha-san ann an rathad cuideachaidh nàdurra, amhuil a bha a shonas-san 'an crochadh air Dia ann an rathad na h-ümhlaichd modhamail, Gen. i. 26-28 ; Salm viii. 6-8. Chruthaich Dia an duine, mar a thubhairt sinn, chum d'a thrid-san gu'm bitheadh a' ghlòir sin air a giulan a steach dha a rùnaich e'bhi faotainn ann agus trid a' chruthaechaidh neo-reusonta. B'e so crioch ar nàdur 'na cheud chomh-shuidheachadh. Agus a dh' ionnsuidh so tha sinn a rìs air ar n-aiseag

ann an Criosd : Seumas i. 18. Ach rinn teachd a steach a' pheacaidh an t-òrdugh so gu léir a chur air aimhreidh, ionnus gu'n d' thugadh am mallachadh air na h-uile ni air an talamh a bhos. Do blàrigh so thuit iad o'n inbhe sin anns an do chuireadh an céill gu'n robh iad uile ro mhaith, agus chuireadh iad fo dhiomhanas, an t-uallach sin fo'm bheil, agus fo'm bi iad ag osnaich a dh' ionnsuidh na crìche, Gen. iii. 17, 18 ; Rom. viii. 20, 21. Ach is éigin na nithe so a bheachdachadh a ris an déigh so.

3. Cha do ghlacadh an gliocas diadhaidh air dhòigh sam bith gun fhios leis a' challdach so. Bha Dia, o'n uile shiorruidheachd, air comhairlean a shuidheachadh air son a bhi 'g ath-thogail nan uile nithe chum inbhe ni's ro fhearr agus ni's seasmhaische na sin a chailleadh tre'n pheacadh. Is e so na *h-umannan fionnuireachd, na h-aimsirean aisig nan uile nithe* air am bheil iomradh, Gniomh, iii. 19, 21 ; no cruinneachadh sin nan uile nithe air nèamh agus air talamh ann an aon cheann nuadh ann an Iosa Criosd, Eph. i. 10. Oir ged a tha ni's mò de neònachas, theagamh, na tha de theagasc ann a bhi 'feòraich gu mean an déigh dòigh no òrduigh chomhairlean siorruidh Dhé, agus mar a tha iad air am buileachadh leis ann an rathad a bhi 'coimh-fhrithealadh gach aon do'n aon eile ; gidheadh is éigin duimh *so* a smuaineachadh o ghliocas, agus o roimh-fhiosrachd, agus o neo-chaochlaindheachd Dhé—nach 'eil ni sam bith a teachd gun flaireachadh air, agus nach 'eil aige ri dhol 'an ceann chomhairlean nuadha sam bith, o thachartais sam bith ann an oibríbh a' chruthachaidh. Bha na h-uile nithe air am buileachadh leis o shiorruidheachd, a dh' ionnsuidh nan slighean agus nam meadhon sin a tha comh-chuideachail do'n ghlòir a rùnaich e fa dheòidh 'fhaotainn uatha, agus anns an eriochnaich iad uile air dhòigh neo-mhearachdach. Oir mar a tha sinn cùramach a bhi labhairt mu rùintibh siorruidh Dhé, agus mu oibríbh a fhreasdail, ann an rathad anns nach bi saorsa toil an duine, mar aoibhar neo-nheadhonach a ghniomharan modhannail gu léir, air a briseadh ; is anhuil sin, air an làimh eile, a bu chòir dhuinn a bhi cùramach gun a samhuil sin de shaorsa mhi-naomh a chur as leth toil chreutairean sam bith, as a bhitheadh a' toirt comais dhoibh ni sam bith a chur an gniomh a thigeadh gun fhaireachadh air Dia, ionnus gu feumadh e a rùinteán a chaochladh. Oir "aithnichte do Dhia tha 'obre féin uile o thoiseach an t-saoghail," agus maille ris cha-n 'eil "atharrachadh, no sgáil tionndaidh."

4. Rinn Dia, uime sin, comhairlean siorruidh a shuidheachadh, trid an robh na h-uile nithe air am buileachadh ann an òrdugh nuadh, chum a ghlòir féin, ann an naomhachadh agus ann an slainte na h-eaglais. Agus feudar dà ni a thoirt fainear d an taobh : (1.) An tobar o'n d' éirich iad ; (2.) Innleachd an coimh-lionaidh.

(1.) Bha an ceud éirigh aca ann an toil agus ann an gliocas Dhé a mhain, gun cheann-aobhar sam bith o'n leth a muigh. Cha-n urrainn reuson no aobhar sam bith a bhi air son nan comhairlean so ach saor-thoil Dhé a mhain. Uime sin goirear dhiubh "A dheadh-ghean féin, a rùnaich e ann féin," Eph. i. 9 ; "rùn an Ti sin a tha 'g oibreachadh nan uile nithe a réir comhairle a thoil féin," raun 11. "Cò aig an robh fios inntinn an Tighearna, no cò a b' flear-comhairle dha ? no cò thug dha air tùs, agus a làn-diolar a ris dha e ? Oir is ann uaith-san, agus trid-san, agus air a shon-san a tha na h-uile nithe," Rom. xi. 34-36. Cha b'e eadar-mheadhonaireachd Chriosd 'nar nàdur a *choisinn* comhairlean siorruidh so Dhé, ach b'e féin agus eadar-mheadhonaireachd *toradh* nan comhairlean sin, mar a tha an Sgriobtuir a ghnàth a cur an céill. Ach,—

(2.) Bha innleachd an coimhlionaidh air a leagadh ann am pears, a' Mhic a mhain. Is ann leis a' Mhac, mar ghliocas siorruidh nàdair Dhé, a chruthaicheadh na h-uile nithe air tùs. Ach air do roimh-shealladh a bhi aig Dia de'n mhilleadh a thigeadh air na h-uile nithe tre'n pheacadh, shònruich e gu'm bitheadh iad air an aiseag ann agus trid-san, mar a bha e air a roimh-òrduchadh chum ar nàdur a ghabhail. Bha comhairlean Dhé gu h-iomlan a thaobh na criche so a' coinneachadh annsan a mhain. Air an aobhar sin theirear gu ceart gu bheil an stéidh air a leagadh annsan, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, Eph. i. 4. Oir tha tobar naomhachaidh agus sláinte na h-eaglais a' luidh ann an gniomh an taghaidh, anns am bheil comhairlean Dhé d' an taobh fillte suas. Ann a' gniomh so, "thagh Dia sinne o thùs chum sláinte, tre naomhachadh an Spioraid, agus creidsinn na firinn," 2 Tesal. ii. 13 ; air dha an ceud ni a rùnachadh mar chrìch, chum am bheil an dara ni ag oibreachadh mar mheadhon. Ach so rinn e ann an Criosd ; "thagh e sinn anusan, mu'n do leagadh bunait an domhain, chum gu'm bitheamid naomha, agus neo-choireach 'na làthair-san ann an gràdh ;" is e sin, thagh e sinn "chum sláinte, tre naomhachadh an Spioraid." Cha robh sinn annsan aon chuid 'nar pearsaibh féin no tre chreidimh mu'n do leagadh bunait an domhain ; gidheadh bha sinn o thùs air ar taghadh annsan, mar an t-aon bhunait air an robh uile comhairlean Dhé gu bhi 'faotainn coimhlionaidh a thaobh ar naomhachaidh agus ar sláinte shiorruidh.

Air a' mhodh so, ma seadh, mar a chruthaicheadh na h-uile nithe leis air tùs mar *ghliocas shiorruidh nàdair* Dhé, is amhul sin a tha na h-uile nithe air an ath-nuadhachadh agus air an aiseag leis mar *ghliocas fhreasdalach* Dhé, ann agus trid a theachd 's an fheòil. Air an aobhar sin, tha na nithe so air an eur cuideachd agus air an coimeas chum a ghlòire. Is esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich, ceud-ghin a chruthachaidh uile : oir is ann leis-san a

chruthaicheadh na h-uile nithe a tha air nèamh, agus a tha air talamh, faicsinneach agus neo-fhaicsinneach, is ann leis-san agus air a shon-san a chruthaicheadh na h-uile nithe : agus tha esan roimh na h-uile nithibh, agus trid-san tha na h-uile nithe a' coimh-sheasamh : agus is e ceann a' chuirp, eadhon na h-eaglais ; neach a's e an toiseach, an ceud-ghin o na mairbh ; chum gu'm bitheadh aige àrd-cheannas anns na h-uile," Col. i. 15-18.

Tha dà ni air an ainmeachadh, a tha mar stéidh an iomlain a chuirear as leth an Tighearn Iosa Criod ann an so : rann 15.— (1.) Gur esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich." (2.) Gur e "ceud-ghin a chruthachaidh uile ;" dà ni a tha coltach ri bhi anabarrach fad o chéile anna fein, ach a tha 'coinneachadh agus a' faotainn aonaidh ro ghlòrmhor 'na phearsa.

(1.) Is esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich ;" no, mar a chuirear 'an céill ann an àit eile, tha e "ann an cruth Dhé"—cruth a bhith, oir cruth eile cha-n'eil ann an nàdur na Diadhachd—"dealradh glòire, agus fior-iomhaigh pearsa an Athar." Agus goirear dheth ann an so "an Dia neo-fhaicsinneach," cha-n ann gu h-iomlan a thaobh a bhith, ged a tha sin da rìreadh fior—air do bhith na Diadhachd a bhi gu h-iomlan neo-fhaicsinneach, co dhiù a tha e air a bheachdachadh anns an Athair no anns a' Mhae—ach goirear so dheth a thaobh a chomhairlean, a thoil', a ghràidh, agus a ghràis. Oir d'an taobh so, cha-n fhaca neach sam bith Dia riamh, an t-aon-ghin Mic a tha ann an uchd an Athar, is esan a dh'fhoillsich e, Eoin i. 18. Air a' mhodh so, ma seadh, mar is esan iomhaigh shiorruidh an Dé neo-fhaicsinnich, a ghliocas agus a chumhachd, tha bith a' cheud chruthachaidh air a chur as a leth, agus tha e 'coimh-sheasamh annsan air dha bith 'fhaotainn : "Oir is ann leis-san a chruthaicheadh na h-uile nithe, a tha air nèamh, agus a tha air talamh, faicsinneach agus neo-fhaicsinneach," Col. i. 17. Agus do bhrigh nam beachdan agus nan smuaintean mòra a bha am measg dhaoine aig an àm sin—gu sònruichte am measg nan Iudhach, a bha aig innse ann an abstoil anns an litir so—mu ghlòir agus mu mhòrachd na h-earrainn neo-fhaicsinnich de'n chruthachadh a bha air nèamh shuas, tha e 'gan iomradh ann an so air dhòigh àraighe, fo na h-ainmibh a's airde a b' urrainn neach sam bith a chur as an leth,—"Ma's àrd-chaithrichean iad, no tighearnais, no uachdarananachdan, no cumhachdan ; is ann leis-san agus air a shon-san a chruthaicheadh na h-uile nithe ;"—an dòigh-labhairt ceudna a tha air a chur as leth Dhé air a bheachdachadh a réir a bhith, Rom. xi. 36 ; Taisb. iv. 11. Cuireamaid na h-àitean sin eile de'n fhirinn riu so chum na criche ceudna, Eoin i. 1-3 ; Eabh. i. 1-3 ; agus cha-n urrainn neach sam bith nach 'eil fo bhuaidh na druidheachd spioradail, gun a bhi air an lionadh le h-iogantas mu chumhachd a' mhi-chreidimh, agus mu dhoille

na h-inntinn, agus mu chuilbheirteachd Shàtain, anna-san a tha 'g 'aicheadh Diadhachd Iosa Criod. Oir air do'n abstol a chur an céill gu soilleir, gu bheil oibre a' chruthachaidh a' dearbhadh cumhachd shiorruidh agus Diadhachd an Ti sin a chruthaich iad, Rom. i. 19, 20 ; agus cha-n e mhain sin, ach tha e so-fhaicsinneach ann an solus nàduir féin ann an rathad nach fheudar cur na aghaidh : agus mar an ceudna air bhi dha air a chur an céill cho tric agus cho soilleir, gu'n robh na h-uile nithe air nèamh shuas agus air an talamh a bhos, air an cruthachadh gu h-iomlan le Criod—is e an ceannaireas a's àirdé 'an aghaidh soluis agus theagasan Dhé, a bhi 'g 'aicheadh a chumhachd shiorruidh agus a Dhiadhachd.

(2.) Tha air 'ainmeachadh a rìs, gur esan "ceud-ghin a' chruthachaidh uile;" a tha gu sònruichte a' ciallachadh an dara cruthachaidh, mar a tha air a chur an céill, rann 18 :—" Is e ceann a' chuirp, eadhon na h-eaglais ; neach a's e an toiseach, an ceud-ghin o na mairbh ; chum gu'm bitheadh aige àrd-cheannas anns na h-uile." Oir annsan bha uile chomhairlean Dhé, a thaobh aisig nan uile nithe dha féin, air an leagadh—mar a bha e gu bhi air 'fhoillseachadh anns an fheòil. Agus tha coimhlionadh chomhairlean so Dhé air a chur an céill 'am farsuimeachd anns na rannaibh 'na dhéigh sin. Tha na nithe so araon, ma seadh, air an comh-aonadh r'a chéile anns an àite so. Mar nach d' rinn an t-Athair ni sam bith anns a' cheud chruthachadh aeh tre'n Mhac—mar a ghliocas shiorruidh, Eoin i. 3 ; Eabh. i. 2 ; Gnàth-fhoc. viii. ; cha mhò a rùnaicheadh ni sam bith leis anns an dara cruthachadh, no ann an aiseag nan uile nithe chum a ghliòire féin, ach annsan mar an ceudna, mar a bha e gu bhi air 'fhoillseachadh anns an fheòil. Uime sin, is ann 'na phearsa a leagadh bunait uile chomhairlean Dhé air son naomhachaidh agus sláinte na h-eaglais. Ann an so tha e air a ghìlòrachadh, agus sin ann an rathad a tha toirt barrachd do-labhairt air a' ghìlòir sin gu léir a bhitheadh e 'faotainn o'n cheud chruthachadh, ged a robh na h-uile ni air fantuinn 'nan ceud shuidheachadh.

Is e pearsa Chriosd, ma seadh, sàr-bhunait na h-eaglais—diomhairreachd mhòr na diadhachd, no a' chreidimh sin a tha sinn ag aideachadh—beatha agus anam gach uile fhìrinn spioradail—agus sin air a mheud 's gu'n do leagadh amisan uile chomhairlean gliocais, agus gràis, agus maitheis Dhé, air son saorsa, agus gairm, agus naomhachaidh, agus sláinte na h-eaglais, agus gur ann trid-san a bha iad uile gu bhi 'faotainn coimhlionaiddh.

CAIBIDEIL V.

Air Pearsa Chriosd mar Fhear-taisbeanaidh mòr Dhé agus a Thoile.

Is e na dh' fheudar 'aithneachadh de Dhia, a nàdur agus a bhith, maille ri conhairlibh naomha a thoile. Is e taisbeanadh dhiubh so a bhi air a dheanamh dhuinne bunait gach uile dhiadhachd, agus meadlon ar comh-chumaidh ris—anns am bheil ar dleasdanas anns a' bheatha so agus ar sonas an déigh so a' coimh-sheasamh. Oir is i priomh chrioch an duine, eòlas a bhi aig air Dia aig ami bitheadh mar thoradh a bhi 'ga dheanamh cosmhuil ri Dia. Tha 'n t-eòlas so r' a fhaotainn aum am fairfeachd a mbain ann am pearsa Chriosd, air do na h-uile meadhan eòlais eile a bhi fo iochdranachd dha, agus gun aon idir dhiubh a bhi de 'n aon nàdur ris. Is i críoch an Fhocaill féin, a bhi 'gar teagasc ann an eòlas Dé ann an Chriosd. Uime sin, is e a tha sinn a nis gu bhi dearbhadh, gu bheil taisbeanadh beannaichte air a dheanamh dhuinn ann am pearsa agus ann an eadar-mheadhonaireachd Chriosd—oir tha iad sin neo-sgaraichte ann an uile ghnothuichibh a' chreidimh ris—de bhuadhaibh glòrmhor nàduir na Diadhachd, agus de chomhairlibh naomha toil Dé. Labhrайдh sinn air a' cheud ni dhiubh so anns a' chaibideil so, agus air an dara ni anns a' chaibideil 'na dhéigh sin ; anns an dean sinn a nochdadhbh mar a tha na h-uile firinn diadhaidh a' coinneachadh ann am pearsa Chriosd. Agus tha nithe eadar-dhealaichte a dh' fleumar a thoirt fainear chum so 'fhosgladh suas.

1. Tha Dia, air a bheachdachadh 'na bhith féin a mhain, gu h-iomlan do-mheasrachaidh. Air d'a nàdur a bhi gun tomhas, agus air do uile bhuadhaibh naomh' a nàduir a bhi neo-chriochnach 'nam bith, cha-n urrainn creutair sam bith aon idir dhiubh a thuigsinn gu neo-mheadhonach no gu h-iomlan. Is éigin da-san a bhi neo-chriochnach, a bhitheas comasach air sin a tha neo-chriochnach a mheasrachadh gu h-iomlan ; uime sin cha-n eil eòlas iomlan air Dia ach aig Dia féin—ach air ar sonne, cia cho beag as a ta a' chuibhrionn sin a chluinnear dheth ! Air an aobhar sin goirear dheth, "An Dia neo-fhaicsinneach," agus theirear gu bheil a "chòmhnuidh's an t-solus 'dh' ionnsuidh nach feudar teachd." Ged a dh' fheudas am *bith* a tha aig

nàdur aon-fhillte agus neo-mheasgaichte Dhé ann an trì pearsaibh eadar-dhealaichte, cleachdaidhean a chreidimh 'àrdachadh agus 'uaisleachadh 'nuair a tha e air a thaisbeanadh, gidheadh tha e 'glacadh an reusoin nàdurra sin ann an uamhunn, a bhithheadh 'an crochadh air féin a mhain ann a bli 'ga bheachdachadh—trid an teid daoine air thuaineal aig nach 'eil treòrachadh sam bith eile, ionnus gu'n giùlaineas iad a thaobh á slíge na firinn. "Cha-n fhaca neach sam bith Dia rianh, an t-aon-ghin Mic, a tha ann an uehd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e," Eoin i. 18; 1 Tim. vi. 16.

2. Uime sin, cha chomasach d' ar n-inntinnibh beachdan neo-mheadhonach a bhi aca idir mu bhith no mu bhuadhaibh na Diadhachd annta féin. Tha an t-eòlas so ro iongantach air ar son. Cia b' e air bith na dh' fheudas a bhi air a thagradh air son seallaidh inntinneil de bhith Dhé ann an solus na glòire, gidheadh cha-n 'eil neach sam bith a their gur comasach breithneachadh neo-mheadhonach agus làn 'fhaotainn dheth. Ach am feadh a tha sinn anns a' cholúinn, tha Dia dhuinn, mar a bha e do Mhaois fo na h-uile foillseachadh d' a ghlòir o'n leth a muigh "anns an dorchadas," Ecsod. xx. 21. Tha uile smuaintean reusonta inntinnean dhaoine air an slugadh suas as an t-scalladh, 'nuair a dheanadh iad an cleachdadhbh gu neo-mheadhonach air sin a tha gu h-iomlan gun tomhas, agus siorruidh, agus neo-chriochnach. 'Nuair a tha sinn ag ràdh gu bheil Dia mar so, cha-n 'eil sinn a' tuigsinn ar cainnt féin, ach a mhain nach 'eil e air sheòl eile. Is aithne dhuinn ann an tomhas na nithe a tha sinn *ay àicheadh* de Dhia, ach cha-n aithne dhuinn iad sin a tha sinn *a' cur as a leth*; a mhain gu bheil sinn a' cur an céill sin a tha sinn *a' creidsinn* agus a' eliuthachadh. Cha-n 'eil meadhon, no inmeal, no comasan corporra no inntinneil againn, air son a bhi 'làn-thuigssinn Dhé; cha mho a tha sin aig creutair sam bith. "Oir an ni sin a's e Dia" (bith Dhé), deir Crisostom* air Eoin i. 18, "cha-n e mhain nach fhaca na fàidhean e, ach cha-n fhaca na h-ainglean no na h-àrd-ainglean e. Ma dh' fheòraicheas tu dliubh, cha chluinn thu ni sam bith aca mu bhith Dhé, ach a mhain, 'Gloir do Dhia anns na h-àrdaibh.' Ma dh' fheòraicheas tu de na Cerubain agus na Seraphim, cha chluinn thu aca ach moladh na naomhachd, 'Tha an talamh uile làn d'a ghlòir.'" Gu bheil Dia ann féin gu h-iomlan do-mheasrachaidh d'ar taobh-ne, tha so na thoradh neo-sheachanta an astair neo-chriochnaich a tha sinn uaithe. Ach is ann a tha ar beachdan uime air am faotainn o'n foillseachadh a tha e deananh dheth féin o'n leth a muigh, agus o na smuaintibh a tha air an gintinn annainn le na toraidhibh a tha a bhuadhan ag oibreacdhadh, Salm

* Searmhonaiche agus Ughdair a bh' ann an eaglais na h-Àirde n-Ear tim-chioll 350.—EAD.

xix. 1 ; Rom. i. 20. Tha so air a chur an céill anns an fhreagradh a thugadh do athehuinge sin Mhaois, "Foillsiech dhomh, guidheam ort, do ghlòir," Eesod. xxxiii. 18. Chuala Maois guth a' labhairt ris, ach bha an Ti a labhair ris ann an "dorchadas"—cha-n fhac se e. Thug e dha comharaidhean ro ghlòrmhor air a làthaireachd mhòralaich, ach cha-n fhacas a bhith no a phearsa. Agus air a so ghuidh Maois, chum làn riarachaidh 'fhaotainn d'a anam féin—oir mar is dlùithe 'tha neach sam bith do Dhia, is ann is déine a thogradh an déigh làn sheilbh 'fhaotainn air—gu'm faigheadh e sealladh d'a ghlòir—cha b'ann de'n ghlòir chruthaichte sin a chunnaic e ann an comharaidhlibh a làthaireachd agus a chumhaechd o'n leth a muigh, ach de ghlòir neo-chruthaichte a bhith, Tre dhian-oibreachadh a ghràidh do Dhia, bu mhiann leis a bhi air nèamh am feadh a bha e fathast air an talamh; seadh, a' miannachadh tuillidh na bheireadh nèamh féin dha, nam b' s gu faiceadh e bith Dhé le 'shuilibh corporra. Mar fhreagradh air tha Dia ag innseadh dha, nach urrainn e 'aghaidh-san 'fhaicinn agus a bhi beò; cha-n urrainn neach sam bith aon chuid sealladh eòorporra no sealladh neo-mheadhonach na h-inntinn 'fhaotainn de bhith Dhé. Ach so ni mi, deir Dia, "An uair a bhitheas mo ghlòir a' dol seachad, . . . bheir mi air falbh mo làmh, agus ehi thu mo chùlaobh," Eesod. xxxiii. 18-23. Is e so uile na cheadaicheadh Dia, eadhon, a shanhuil sin de thaisbeanadh dheth féin o'n leth a muigh, ann an cur an céill 'ainme, agus ann am buileachadh sheallaidhean cruthaichte d'a ghlòir, as a tha againn de dhuine, 'nuair nach fhaic sinn ach a mhain a chùlaobh ann an gabhail seachad oirnn. Aeh a thaobh bith Dhé, agus mar a tha e 'coimh-sheasamh ann an Trionaid de phearsaibh, cha-n'eil sealladh-inntinn neo-mheadhonach againn amta, agus ni's ro lugha na sin a's urrainn sinn am breithneachadh.

3. Tha e soilleir, uime sin, gu bheil na beachdan a's urrainn a bhi againn mu Dhia, agus mu bhuadhaibh glòrmhor a nàduir, araon air an gintinn annainn agus air an riaghladh, fo threorachadh an taisbeanaidh dhiadhaidh, le comharaidhlibh faicsineach a ghlòire air nithibh eile, agus gach taisbeanadh a thugadh d'a bhuadhaibh òirdheire 'nan toraidhlibh o'n leth a muigh. Mar sin tha na nithe sin nach fheudar 'fhaicinn a thaobh Dhé, eadhon a chumhaechd siorruidh agus a Dhiadhachd, air am faicinn gu soilleir, air dhoibh a bhi so-thuiginn o na nithibh a rinneadh, Rom. i. 20. Gidheadh is éigin 'aideachadh, nach 'eil creutair sam bith, eadhon na h-ainglean shuas, no nèamh nan nèamh, freagarrach no comasach air son a bhi 'giùlan an sanhuil sin a chomharaidhlibh nan òirdheireas diadhaidh, as a dh' fhàgadh iad 'nan taisbeanadh ionlan agus coimhlionta de bhith agus de bhuadhaibh Dhè dhuinne. Tha iad uile cruthaichte agus crìochnaichte, agus uime

sin gun chomas aca a bhi 'taisbeanadh dhuinne gu cothromach sin a tha neo-chruthaichte agus neo-chriochnach. Agus is e so am fior aobhar gu bheil gach uile aoradh a bhcirear dhoibh na ìodhol-aoraidh. Gidheadh tha comharaidhean glòire nan òirdheirceas diadhaidh air an giùlan leò ann an tomhas nach urrainn sinne a mheasrachadh no a rannsachadh gu b-iomlan. Cia cho beag as a tha ar n-eòlas mu nàdur, agus mu ghlòir, agus mu chumhachd nan aingeal! Is co fad a tha sinn o bhreithneachadh neo-mheadhonach a bhi againn de ghlòir neo-chruthaichte Dhé, as nach 'eil e 'nar comes a measrachadh gu ceart mar a tha i 'dealradh air a h-ais o na creutairibh sin a tha annta féin cruthaichte agus criochnaichte. Uaith so, bha iad a meas o shean, 'nuair a chunnaic iad aingeal gu'm facas tomhas cho mòr de ghlòir Dhé leò as gu'm faigheadh iad bàs, Breith. xiii. 21, 22. Gidheadh tha na h-ainglean féin a' teachd geàrr gu neo-chriochnach air taisbeanadh coimhlionta a dheanamh de Dhia; cha mhò a tha sin conasach do chreutair sam bith eile.

4. Cha-n' eil e mi-choltach nach robh smuaineachadh coitchionn riabh 'am measg a' chinne-dhaoine air gu'n robh taisbeanadh ni bu dlùithe agus ni bu choimhlionta a dhith orra, na sin a bha deanta ann an aon air bith a dh' oibrribh a chruthachaidh no an fhreasdail. Bha na nèamhan, gun amharus, a' cur 'an céill a ghlòire, agus na speuran a ghnàth a' nochdadh gniomh' a làmh—bha na nithe nach feudar 'thaicinn, eadhon a chumhachd siorruidh agus a Dhiadhachd, air am faicinn a ghnàth o na nithibh a rinn-eadh; gidheadh bha daoine mar 'bu trice air seacharan 'nam beachd-smuaineachadh orra, mar a tha an t-abstol a 'cur an céill, Rom. i. Ach bha iad fathast fo bhuidh a' bheachd choitchinn, gu'm feumadh taisbeanadh ni bu shoilleire agus ni bu dlùithe a bhi deanta de Dhia—air do'n taisbeanadh a rinneadh ann an oibrribh a' chruthachaidh agus an fhreasdail a bhi neo-fhoghainteach chum an treòrachadh d'a ionnsuidh. Gidheadh ann an rannsachadh 'na dhéigh, is ann a rinn siad iad féin gu buileach a sgrios; b'aille leò sin a dheanamh nach d' rinn Dia riabh. Le aon chomh-rùn rinn iad mòran dhealbhan de Dhia a chumadh dhoibh féin; agus bha iad cho mòr air an dalladh ann an seacharan an slighean féin, as gu'n do chaill iad gu buileach a' bhuamachd a dh' fheudadh iad 'fhaotainn o'n fhoillseachadh a thugadh dhoibh dheth ann an oibrribh a' chruthachaidh, agus dh' fhàs iad diomhain 'nan reusonachadh féin. Oir a mheud 's gu feudadh iad bith, agus gliocas, agus cumhachd, agus maitheas, Dhé 'fhìoghluim, o'n comharaidhibh air na nithibh a rinneadh, is ann a "chaochail iad glòir an Dé neo-thrusaillidh gu dealbh a rinneadh, cosmuil ri duine truaillidh, agus ri eunlaith, agus ri aimhidhribh ceithir-chosach, agus béisdhibh, snaigeach," Rom. i. 23. Uime sin, a thaobh a'

bheachd choitchinn sin--nach robh dòigh air breithneachadh cubhaidh 'fhaotainn de Dhia ach tre thaisbeanadh éigin—ged a bha e firinneach ann fén, gidheadh, tre chuilbheartachd Shàtain, agus innleachdaibh amaideach chridheachan dhaoine, rinneadh c'na cheann-aobhar gach uile iodhol-aoraidh agus aingidheachd dhroch-mhuinte a tha anns an t-saoghal. B'e so an tobar o'n d'éirich gach faoin-bheachd amaideach leis an robh Sàtan a' mealladh nan Cinneach, agus gach dòigh a rinn iad a dhealbhadh chum a bhi 'eur Dhé ann an coslas dhaoine. Air an aobhar sin, anns na h-uile taisbeanadh a rinn Dia riabh dheth fein—de imntinn agus a thoile—rinn e an cleachdadhl sin a ghnáth a chur fo gheur-chronachadh agus thoirmeasg, a bhi 'eumadh dhealbhan dheth fein. Agus rinn e sin gu soilleir air son an dà aobhar so :-

(1.) Do bhrigh gu'n robh e 'na bhriseadh a stigh a bha ladarna agus amaideach air criochaibh gliocais freasdalaich Dhé anns a' chiuis. Shònruich Dia gu'n bitheadh ionmaigh agus taisbeanadh dheth féin air 'ulluchadh, gu neo-chriochnach os ceann sin a b' urrainn gliocas eruthaichte sam bith 'fhaotainn a mach. Ach mar nach fanadh na h-Israelic ri Maois an uair a chaidh e suas do'n bheinn, ach gu'n d'rinn iad laogh 'na áit; is amhuil sin an cinne-daoine—air dhoibh diultadh fantaim gus an foillsichteadh ionmaigh ghlòrmhor sin Dhé a rinn e féin a dheasachadh—bhris iad a stigh air gliocas agus air àrd-uachdarachd Dhé chum ionhaighean a dhealbhadh dhoibh féin. Air a shon so bha Dia echo mòr air a bhrosnachadh, as gu'n d' thug e thairis iad do amaid-eachd agus do dhoille, ionnuis gu'n do nocladh diomhain agus taireil iad, anns na nitibh sin anns an do shaoil iad a bhi 'taisbeanadh gliocais, ann a bhi 'toirt Dhé ni's faisge dhoibh—ag isleachadh an nàduir féin, agus uile bhuadhan fitghanta na h-inntim, gu h-ifrim, agus a'dol air seacharan gus a' cheum a's fhaide mach o'n Dia sin a bha iad a' ciallachadh a bhi 'toirt am fagus.

(2.) Do bhrigh nach 'eil imntinnean dhaoine cemasach air ni sam bith a smuaineachadh no a dhealbhadh ach sin a bhitheadb 'na thaisbeanadh bréige de Dhia, mar sin a' cur suas iodhoil 'na áit. Tha comharaidhean mòra nan òirdheirceas diadhaidh r'am faicinn air oibríbh Dhé féin, ged a tha iad dorch agus deacair r'an leughadh dhuinne as eugmhais soluis an fhocail. Bha ni-eigin de a làthaireachd ghlòrmhoir—ged nach ro de a bhith—air a thais beanadh o shean ann an òrduighibh faiesinneach 'aoraidh. Ach cha-n 'eil ann an innleachdaibh dhaoine gu léir chum na criche so, 'an taobh a mach a dh' oibríbh a' chruthachaidh agus a dh' òrduighibh an aoraidh òriadhaidh, ach dealbhan bréige de Dhia, agus uime sin air am mallachadh leis.

Tha e fior, uime sin, gu'n d' rinn Dia ionadh comharadh nan òirdheirceas diadhaidh a chur air oibríbh a' chruthachaidh agus

an fhreasdail—iomadh comharadh a làthaireachd ghlòrmhoir air a phàilliun agus air an teampull o shean—gidheadh cha robh a leithid a dh' fhoillseachadh de Dhia air a thabhairt ann an aon air bith de na nitibhb so—ni mò a bha sin 'n an comas—as a bhitheadh a' toirt län-riarachaidh a dh' anamaibh dhaoine, no a bheireadh beachdan soilleir dhoibh m'a thimchioll, trid am bitheadh iad comasach air urram agus aoradh dligheach 'iocadh dha. Cha-n' eil e 'nan comas, tha sinn ag rádh, le ni sam bith a tha r'a fhacinn anna, no r'a flòghlum uatha, Dia a thaisbeannadh mar chuspair ionlan ar n-aigne gu léir, agus uile chleachdaidhean ar n-anama ann an eréidinh, ann am muinghin, ann an gràdh, ann an eagal diadhaidh, agus ann an ùmhlaichd, ionnus gu'm bitheadh esan air a ghlòrachadh, agus sinne air ar tabhairt a dh' ionnsuidh sonais shiorruidh maille ris. Tha so, fathast, ma seadh r'a rannsachadh leinn. Uime sin—

5. Cha robh taisbeannadh teagascach sam bith o'n leth a muigh de nàdur agus de bhuadhaibh na Diadhachd, as eugnhais fior shamhlachais no fior ionhaigh dhiubh, air dhòigh sam bith foghaointeach gu bhi 'coimhlionadh crìche Dhé ann a bhi 'ga fhoillseachadh féin. Tha so deanta anns an Sgriobtuir. Ach tha an Sgriobtuir gu léir togta suas air a' bhunait so, no tha an smuain so a' ruith tre'n ionlan, eadhon, gu bheil fior thaisbeannadh de nàdur na Diadhachd air a dheanamh dhuinn, a tha air a chur 'an céill ann agus leis. Agus mar a bha a' bheachd choitchionn sin air imntinnibh nan uile dhaoine, gu'n robh e neo-sheachanta gu'm bitheadh taisbeannadh éigin de Dhia ann, anns am feudadh e 'bhi 'am fagus doibh—beachd a bha fàs o bhi 'toirt fainear an astair neo-chniochnaich a bha eadar an Diadhachd agus nàdur an duine, nach robh ceadaichadh coimeas sam bith eatorra—is anhuil sin, mar a tha air a nochdadh, a rinn Dia féin a chur 'an céill, gu'n robh a leithid sin a thaisbeannadh, a bhitheadh deanta 'na rathad féin, neo-sheachanta dhoibh, chum a bhi 'coimhlionadh na crìche sin a bha 'na rùn am a bhi 'ga fhoillseachadh féin idir. Oir—

6. Tha so uile deanta ann am pearsa Chriosd. Is esan fior ionhaigh agus taisbeannadh coimhlionta nàdur na Diadhachd 'na bìrdheireis gu léir. Cha-n' eil sinn a' labhairt mu nàdur na Diadhachd gu h-ionlan ann féin, ach mar a tha e air a chumail a mach dhuinne, mar chuspair ar creidimh, agus ar muinghin, agus ar n-ùmhlaichd. Uime sin, is e Dia mar an t-Athair a tha air dhòigh àraidh air a thaisbeannadh ami agus le Chriosd; mar a tha e féin ag rádh, "An ti a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair, 'Eoin xiv. 9.

Tha dà ni feumail 'na shamhuil so de thaisbeannadh :—(1.) Gu bheil nile bhuadhan sin na Diadhachd, air am feum sinne còlas fhaotainn chum cleachdaidh ar n-ùmhlaichd air thalamh agus ar

sonais shiorruidh air nèamh, air an cur an céill ann agus air am foillseachadh dhuinne leis. (2.) Gu bheil nàdur na Diadhachd air teachd cho fagus dhuinn ann, as a bu chomasach *dha-san* teachd, no *dhuinne* a ghabhail. Agus tha an dà ni so r'am factainn ann am pearsa Chriosd, agus annsan a mhain.

Ann am pearsa Chriosd, tha sinn a' beachdachadh araon a chomhshuidheachaiddh ann an aonadh an dà nàdur, agus an dàimh anns am bheil e do obair na h-eadar-niheadhonaireachd, crìoch a' chomhshuidheachaiddh sin. Agus—

(1.) Ann am pearsa Chriosd, ma seadh, fo'n bheachd so, tha taisbeanadh beannaichte againn a dh' uile bhuidhaibh naomha nàdur Dhé—a ghliocas, a chumhachd, a mhaiteas, a ghràs, a ghràdh, a cheartas, a naomhachd, 'fhirinn, a thòicair agus 'fhoighidin. Agus mar a tha so air a thagradh d'an taobh uile ann an rathad coitchionn, no a thaobh glòire Dhé annta, a tha air a faicinn agus air a h-aithneachadh a mhain ann an gnuis Iosa Criosd, is an huil sin a bhitheadh e furasd' a nochdadhl d'an taobh fa leth, o flianuisibh soilleir an Sgriobtuir. Ach cha téid sinn ni's fhaide aig an ám na bhi 'dearbhadh na firinne coitchinn a dh' ainnmich sin anns na beachdaibh a leanas.

(2.) Annsan tha nàdur na Diadhachd air teachd, anns an tomhas a's do-mheasrachaidh, cho fagus d'ar nàdur-ne, as gu bheil na smuaintean a's àirdé a thàinig riann ann an eridhe duine d'a thaobh air teachd gearr gu neo-chriochnach air—mar a chuireadh a cheana an céill. Ann an ghabail ar nàdur a dh' ionnsuidh aon aidh phearsanta ris féin, agus anns an dàimh anns am bheil sinn do Dhia d'a thrid, maille ris an aonadh a tha aig creidich ris ann—air bhi dhoibh 'n an aon anns an Athair agus anns a' Mhac, mar a tha an t-Athair anns a' Mhac, agus am Mac anns an Athair, Eoin xvii. 20, 21,—ann an so, tha sinn ag ràdh, tha nàdur na Diadhachd air dlùthachadh cho fagus dhuinne as a tha nàdur nan nithe féin comasach air a ghiulan. Bha an dà chrioch so air an rùnachadh anns gach taisbeanadh de Dhia a rimmeadh aig làmhainbh dhaoine; ach chaidh iad gu buileach air seacharan d'an taobh maraon. Oir 'an àite dhoibh a bhi taisbeanadh aoin air bith de bhuidhaibh glòrmhor na Diadhachd, is ann a rinn iad a h-isleachadh, a' cur eas-urrainn oirre, a' lionadh imntinnean dhaoine le smuaintibh gràineil d'a taobh; agus 'an àit a bhi 'toirt Dhé ni's fhaigse dhoibh féin, is ann a chur siad iad féin, ann an seadh modhannail, gu neo-chriochnach ann fad as uaithe. Ach is e ar rùn a bhi 'daingneachadh nam firinn so o'n Sgriobtuir.

Is esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich," Col. i, 15. Tha an tabstol ann an so ag ainmeachadh Dhé mar an Dia "neo-fhaicsinneach," chum a bhi 'nochdadhl ann feum a bha air iomhaigh no taisbeanadh dheth, cho maith ri neach anns an cuireadh e an

céill comhairlean a thoile. Oir cha-n e mhain gu bheil e 'ciallachadh gu bheil bith na Diadhachd gu h-ionlan neo-fhaicsinneach, ach gu bheil Dia neo-aithnichte dhuinn ann féin. Uime sin—mar a thugadh a cheana fainear—bha an cinne-daoine gu coitchionn ullamh air dealbhaibh faicsinneach a dhéanamh de'n Dia neo-fhaicsinneach so, chum gu'm bitheadh iad a' beachdachadh air annta agus gu'm bitheadh e a làthair maille riu, mar a bha iad gu h-amaideach a' saoilsinn. B' e aomadh nàdurra so dhaoine, air a mhi-ghmàthachadh le cuilbheartachd Shatain, ceud éirigh an iodhol-aoraidh, agus sin a bha riabh 'ga leasachadh anns an t-saoghal : gidheadh, bha e air na h-uile dòigh feumail gu'm bitheadh an Dia neo-fhaicsinneach so air a thaibeanadh dhuinne le ionhaigh éigin dheth, ionnus gu'm bitheadh eòlas againn air, agus gu'n tugamaid aoradh dha inntre a réir 'inntinn agus a thoile féin. Ach is éigin do'n ionhaigh so a bhi 'na toradh a għiliċais neo-chriochnaich féin. Air an aobhar sin, mar a tha e 'cur cùil gu h-ionlan ris na h-uile h-ionhaigh agus taisbeanadh dheth féin a dh' fhendadh daoine 'bhi 'dealbhadh—air na h-aobhairibh a dh' ainnmicheadh a cheana—agus a' cur an céill nach ann dha-san a bha urram air a thabhairt d' an trid, ach do'n diabhal ; is amhul sin a tha an ionhaigh a rinn e féin 'ulluchadh, chum a chriochan agus a rùintean naomha féin, anns na h-uile seadh taitneach leis. Oir is àill leis gu'n "tugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, amhul mar a tha iad a' toirt urrainm do'n Athair ;" agus sin air dhòigh as "an ti nach 'eil a' toirt urrainm do'n Mhac, cha-n'eil e 'toirt urrainm do'n Athair a chuir uaith e," Eoin v. 23.

Is i an ionhaigh so, ma seadh, pearsa Chriosd ; is esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich." Tha so ag amhare, anns a' cheud àit, ri pearsa dhiadhaidh a' Mhic air a bheachdachadh gu h-ionlan ann féin, mar ionhaigh shiorruidh an Athar ; air am feum sinn labhairt gu h-aithghearr.

1. Theirear air uairibh gu bheil am Mac "anns an Athair," agus an t-Athair anns a' Mhac : "Nach 'eil thu creidsinn gu bheil mise anns an Athair, agus an t-Athair annam-sa ?" Eoin xiv. 10. Tha so o aonachd no o ionannachd an nàdur—oir esan agus an t-Athair is aon iad, Eoin x. 30. Uime sin na h-uile nithe a tha aig an Athair, is leis-san iad, caib. xvi. 15, do bhrigh ionannachd an nàduir. A thaobh *bith* na Diadhachd, air a bheachdachadh gu h-ionlan ann féin, anns an bheil an t-Athair anns a' Mhac, agus am Mac anns an Athair, cha-n urrainnear a ràdh gu bheil an dara aon 'na ionhaigh an aoin eile. Oir esan agus an t-Athair is aon iad ; agus cha-n urrainm an t-aon ni ceudna a bli 'na ionhaigh dheth féin, anns an ni sin anns an bheil e 'na aon.

2. Theirear gu bheil cha-n e mhain am Mac "anns an Athair," ann an aonachd an aoin bhith ; ach mar an ceudna gu bheil e

"maille ris an Athair," no "maille ri Dia," 'na phearsantachd eadar-dhealaichte: "Bha am Focal maille ri Dia, agus b'e am Focal Dia," Eoin i. 1. "B'e am Focal Dia," ann an aonachd bith na Diadhachd—agus "bha am Focal maille ri Dia," 'na phearsantachd eadar-dhealaichte. Bha "am Focal"—is e sin, pears' a' Mhic, mar a tha e eadar-dhealaichte o'n Athair—"maille ri Dia," no maille ris an Athair. Agus anns an t-seadh so is e am Mac ionmh-aigh shiorruidh an Athar, mar a theirear uime anns an àite so, agus ann an Eabh. i. 3; agus sin do bhrigh comh-roinn a bhi aige a dh' uile bhudadhaibh na Diadhachd coimh-ionann ris an Athair.

Ach, air an làimh eile, ged a tha comhpàirt aig an Athair ann an uile bhudadhaibh diadhaidh agus siorruidh a' Mhic, gidheadh cha-n abrar gur esan ionmaigh a' Mhic. Oir tha an ionmaigh, mar bhuaidh, ag éirigh, cha-n ann o nàdur nan nithe annnta féin, ach o'n dòigh anns am bheil comh-roinn air 'fhaotainn dhiubh. A nis tha am Mac a' faotainn nau uile nithe o'n Athair, gun an t-Athair a bhi 'faotainn ni sam bith o'n Mhac. Oia b'e air bith ni a bhuiteas do phears' a' Mhic, mar phears' a' Mhic, tha e'ga fhaotainn uile o'n Athair tre ghineamhuinn shiorruidh: Oir mar a tha aig an Athair beatha ann féin, is amhail sin a thug e do'n Mhac beatha a bhi aig ann féin," Eoin v. 26. Is e am Mac uime sin ionmaigh shiorruidh an Athar, do bhrigh uile bhudhan nàduir na Diadhachd maille r'a phearsantachd eadar-dhealaichte a bhi air an comhpàirteachadh ris o'n Athair.

3. Ann an gabhail ar nàduir, rinneadh am Mac 'na *iomhaigh thaisbeanta* Dhé dhuinne—mar a bha e, 'na phearsa féin 'na *iomhaigh shiorruidh* an Athar, tre ghineamhuinn shiorruidh. Ann-san tha an Dia neo-fhairesinneach—neach, 'na nàdur agus 'na òirdheirceis diadhaidh, 'dh' ionnsuidh nach fheud ar tuigse teachd—'ga fhoillseachadh, 'ga thaisbeanadh, no 'ga thoirt féin 'am fagus d'ar creidimh, agus d'ar mothachadh spioradail, ann an uile iomlanachdaibh glòrmhor a nàduir.

Uime sin, tha tri dòighean anns am feudar ar Tighearn Iosa Criod, Mac Dhé, a bheachdachadh.

1. A thaobh *nàluir a Dhiadhadhachd* a mhain. Tha so anns na h-uile seadh coimh-ionann ri nàdur an Athar. Agus anns an t-seadh so cha-n'eil an dara h-aon 'na ionmaigh an aoin eile, oir tha iad araon coimh-ionann.

2. A thaobh a *phearsa dhiadhaidh* mar Mhac an Athar, an t-aon-ghin, Mac siorruidh Dhé. Fo'n bheachd so, *mar* a tha e 'faotainn a phearsantachd, is *amhail* a tha e'faotainn uile òirdheirceas na Diadhachd, o'n Athair; agus anns an t-seadh so, is e am Mac ionmaigh shiorruidh pears' an Athar.

3. Mar a *ghabh e ar nàdur* a dh' ionnsuidh aonaidh phearsanta

ris féin, chum oibre na h-eadar-mheadhonaireachd a choimhlionadh. Anns an t-seadh so is e am Mae aon ionlhaigh thaisbeanta Dhé dhuinne—an neach sin a mhain anns am bheil sinn a' faicinn, agus ag aithneachadh, agus a' foghlum nan òirdheireas diadhaidh gu léir—ionnus gu'm bitheamaid bò do Dhia, agus air ar treorachadh gu bhi 'ga mhealtuinn. Na nithe so gu léir tha e féin a' teagasc dhuinn.

Tha e tilgeadh air na Phairisich, mar thoradh an doille agus an an-eòlais, nach euala iad riagh Guth Dhé, agus nach fhac iad a choslas, Eoin v. 37. Agus mu choinneamh so, tha e 'g innseadh d'a dheisciobluibh, gu'm b'aithne dhoibhsan an t-Athair, agus gu'm fac iad e, caib. xiv. 7. Agus tha e 'toirt an aobhair so seachad air a shon, do bhrigh an neach aig an robh aithne air-san, gu'n robh aithne aig air an Athair mar an ceudna. Agus an uair a fhreagair a b-aon d'a dheisciobluibh, nach robh fathast air a theagast na's leòir anns an diomhaireachd so, "A Thighearn, foillsich an t-Athair dhuinne, agus is leòir leim e," rann 8, is e a thubhaint e, "Am bheil mise ùine eo fada maille ribh, agus nach aithne dhuit fathast mi? an ti a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair," rann 9.

Tha trì nithe a dh' fheumadh a bhi fior mu'm b' urrainn an Tighearn so a rádh :—

1. Gu bheil an t-aon nàdur agus an t-aon bhith aig an Athair agus aige féin. Air sheòl sam bith eile, cha b' urrainn an ti a chitheadh esan an t-Athair 'fhaicinn mar an ceudna. Tha aobhar so na firinn a labhair e air a chur 'an cùill leis anns an rann 'na dhéigh sin, "Tha mise anns an Athair, agus an t-Athair annama-sa,"—is e sin, do bhrigh gu'm b'aon iad ann an nàdur agus ann am bith. Oir air do nàdur na Diadhachd a bhi coimh-ionannu anna uile, tha na pearsa diadhaidh ann an aon a chéile, do bhrigh aonachd an aon nàduir sin.

2. Gu bheil e eadar-dhealaichte uaithe. Oir mur bitheadh eadar-dhealachadh ann, cha b' urrainn an t-Athair a bhi air fhaicinn le bhi 'ga fhaicinn-san. Tha e air 'fhaicinn anns a' Mhae, mar air a thaisbeanadh leis—mar ionlhaigh an Athar—am Focal —Mae an Athar, mar a bha e maille ri Dia. Is e ionannachd an nàduir agus eadar-dhealachadh nam pearsa stéidh na firinn sin a labhair ar Slànuighear, "An ti a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair mar an ceudna."

3. Ach, os barr, tha seadh nam briathar a' comharachadh an Tighearna Iosa Criod 'na phearsa ionlan féin ann an nàdur an duine, agus ann an coimhlionadh oibre na h-eadar-mheadhonaireachd anns a' phearsa sin. "Am bheil mise ùine eo fad maille ribh, agus nach aithne dhuit fathast mi?" Am feadh a bha e maille ri, a' gabhail còmhuidh 'n am measg, agus a' comh-labhairt ri,

b'e fear-taisbeanaidh mòr glòire Dhé dhoibh e. Agus ged a chaidh iad ceum iomrall aig an àm so, chunnaitc iad d'a rìreadh a ghlòir, "mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athair," Eoin i. 14. Agus aumsan bha glòir an Athar air a foillseachadh. Is esan "iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich." Annsan bha Dia, annsan bha e 'chòmhnuidh, annsan tha eòlas r'a fhaotainn air, annsan tha aoradh air a thoirt dha a réir'inn tinn féin, annsan tha nàdur na Diadhachd air teachd ni's dlùithe dhuinn na b' urrainn eridhe duine gu bràth a smuain-eachadh. Ann an comh-shuidheachadh a phearsa, ann an da nàdur, cho neo-chriochnach eadar-dhealaichte amnta féin, agus anns an obair sin chum an do shònruicheadh e, tha glicias, agus cumhachd, agus maitheas, agus gràdh, agus gràs, agus tròcair, agus naomhachd, agus dilseachd Dhé, air am foillseachadh dhuinn. Is e so aon iomhaigh bheannaichte sin "An Dé neo-fhaicsinnich," anns am feud sinn uile iomlanachdan glòrmhor a nàduir 'fhòghluim, agus a bheachdachadh, agus a mholaodh.

Tha an fhìrinne cheudna a' faotainn fianuis ann an Eabh. i. 3. Labhair Dia ruinne anns a' Mhac, neach a's e "dealradh a ghlòire, agus fior iomhaigh a phearsa." Tha nàdur a Dhiadhachd air fhillleadh ann an so, mar an ni sin as eugmhais nach b' urrainn e bhi 'na thaisbeanadh coimhlionta de Dhia dhuime. Oir tha an t-abstol a' labhairt uime, mar an ti sin "tre'n do chruthaich e fòs na saoghail," agus a tha "cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd." Gidheadh cha-n 'èil e 'labhairt uime gu h-iomlan mar Dhia a mhain, ach mar an ceudna mar an ti sin "a għlan ar peacadhean troimh féin, agus a shuidh air deas làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh," is e sin, 'na phearsa gu h-iomlan. Anns an t-seadh so is esan deàrsadh no dealradh na glòire diadhaidh—sin anns am bheil glòir na Diadhachd a dealradh a mach dhuinne ann an taisbeanadh shoilleir dhi féin. Agus, mar leasachadh minneachaidh air an diomhaireachd cheudna, theirear mar an ceudna, gur esan dealbh no "fior iomhaigh" pearsa an Athar. Tha a' shamhuil sin a chomharadh nan òirdheirceas diadhaidh gu léir air, as gu bheil iad uile so-fhaicsinneach ann-san do'n dream sin gu léir a tha 'creidsinn.

Is amhuij sin a tha an t-abstol ceudna a rìs a' cur an céill gur esan "iomhaigh Dhé," 2 Cor. iv. 4; tha an seadh agus a' chrioch air an cur an céill leis ann an rann 6; tha sinn a' faotainn "soluis eòlais glòire Dhé ann an gnùis Iosa Criosd." Ach tha e fathast r'a thuiginn gu bheil glòir shiorruidh Dhé, mar a tha i imte féin, gu h-iomlan neo-fhaicsinneach agus do-mheasrachaidh d'ar taobh-ne. Gidheadh tha tomhas eòlais oirre neo-sheachanta dhuinn, chum gu'm bitheamaid beò dha, agus gu'n tigeamaid fa dheòidh gu bhi 'ga mhealtuinn. Agus tha so r'a fhaotainn a mhain ann an gnùis no ann am pearsa Chriosd; oir annsan tha a' ghlòir so air a taisbeanadh dhuinn.

B'e so fianuis nan abstol d'a thaobh, 'nuair a ghabh e còmhnuidh 'nam measg ann an làithibh 'fheòla. Chummaie iad a ghlòir, "mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar, làn gràis agus firinn," Eoin i. 14. Bha glòir na Diadhachd air a taisbeanadh ann, agus ann-san chunnaie iad glòir an Athar. Air a' mhodh cheudna tha an t-abstol so féin a' eur an céill a ris, neach a sgrìobh an flianuis, "Oir dh' fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnaic sinne i, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' eur an céill dhuibhса na beatha mair-cannaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh' fhoillsicheadh dhuinne," 1 Eoin i. 2. Anns a' Mhae 'n ar nàdur, dh' fhoillsicheadh dhuinne a' bheatha mhaireannach ud a bha air tùs ann agus maille ris an Athair.

Feudaidh cuid a bhi 'g ràdh, gur leòir an Sgriobtuir ann féin chum a bhi 'eur an céill Dhé dhuinne, ionnus nach 'eil feum air iomhaigh sam bithe eile dheth; agus nach 'eil anns na teagasgaibh so ach a bhi 'tionndadh intinnsean dhaoine air falbh o bhi 'foghlum intinn agus toil Dé ann, gu bhi sealltuim air son na h-uile ni ann am pearsa Chriosd. Ach is i fior chrioch nan nithe so mar a tha iad air an eur r'ar n-aghaidh, a bhi 'eur dhaoine thuige gu bhi 'rannsachadh nan Sgriobtuir gu diehiollaich, anns am bheil iad so air am foillseachadh agus air an eur an céill. Agus 'na ghàth-achadh eubhaidh féin, agus chum a chrich àraidh féin, tha an Sgriobtuir, gun amharus, coimhlionta agus foghainteach na's leòir. Is e "focal Dé" e; gidheadh cha-n e am Focal siorruidh e aig am bheil a chòmhluidh ann an Dia —ach am focal a labhradh le Dia o'n leth a muigh. Cha-n e an Sgriobtuir, uime sin, iomhaigh Dhé, cha mhò a tha sin 'n a chomas; cha-n e aon chuid iomhaigh shiorruidh no iomhaigh thaisbeanta Dhé e, ach tha e 'coimh-sheasamh ann a bhi 'foillseachadh agus a' eur an céill na h-iomhaigh so dhuinn, as eugnhais nach eomasach dhuinn eòlas air bith a bhi againn oirre.

Is e Criosc, ma seadh, iomhaigh an Dé neo-fhaiesinnich, fior iomhaigh pearsa an Athar; agus is i priomh chrioch an Sgriobtuir, gu h-àraidh an t-soisgeil, a bhi 'ga chur an eill fo'n t-suidheach adh sin, agus eionnus a tha e ann. Na h-uile ni a gheall Dia le fhàidhribh féin anns na Sgriobtuiribh naomha, a thaobh a Mhic Iosa Criosc, tha sin gu léir air a chur 'an eill anns an t soisgeul : Rom. i. 1-4. Is e an soisgeul Criosc air a chur an eill mar "chumhachd Dhé, agus gliocas Dhé," 1 Cor. i. 23, 24; no mar thaisbeanadh shoilleir de Dhia dhuinne, air a dheanamh na phearsa agus 'na eadar-mhheadhonaireachd : Gal. iii. 1. Uime sin tha tri nithe r'an toirt fainear ann an so :—

1. *Fior chuspair ar creidimh* anns a' ghnothuch so. Is e sin pearsa Chriosd, Mac Dhé 'n ar nàdur, iomhaigh thaisbeanta glòir Dhé dhuinne; mar anns na fianuisibh a thugadh fainear.

2. *Meadhon foillseachaidh* na h-iomhaigh so, no an solus an leth a muigh trid am bheil breithneachadh agus eòlas na h-iomhaigh air an giùlan d'ar n-inntinnibh. Is e sin an soisgeul ; air a choimseas ri sgàthan do bhrigh an t-seallaiddh a tha againn de ghlòir Dhé ann : 2 Cor. iii. 18. Ach as eugmhais so—le meadhon sam bith eile eadar-dhealaichte uaithe —cha-n 'eil e 'nar comas ni sam bith fhaicinn de ionmaigh so Dhé.

3. *Solus na h-iuntinn auns an leth a stigh* ann an soillseachadh shláinteil an Spioraid Naoimh, 'g ar deanamh comasach, ann an cleachdad a' mheadhoin sin, air a bhi 'faicinn agus air a bli 'g amhare air mhodh spioradail air glòir Dhé ann an gnùis Iosa Criosd : 2 Cor. iv. 6.

Tre'n dà sholus so, 'nan dòighibh oilbreachaidh fa leth, tha feart an cruth-atharrachaidh a' sruthadh o fhìor chuspair ar creidimh — Criosd, mar ionmaigh Dhé—leis am bheil an t-anamh air'atharrachadh chum na h-iomhaigh ceudna, no air a dheanamh comh-chosnuilidh ri Criosd ; an na sin féin chum am bheil sinn air ar roimh-òrduchadh. Ach feudaidh sinn beagan tuillidh beachdachaidh a dheanamh air na nithibh so, ann an euid de eisampleiribh coimhcheangailte ri glòir Dhé agus ar dleasdanas féin.

1. Tha glòir gliocais Dhé air a h-àrdachadh, agus àrdan chridh-cachan dhaoine anns an tomhas cheudna air 'isleachadh. Agus anns an dà ni so tha fiòr bhunait gach uile dhiadhachd 'nar n-anamaibh a' coimh-sheasamh. B'e so rùn Dhé ann a bhi 'ga fhrithealadh féin agus a thoile, 1 Cor. i. 29, 31 ; is ann a dh'ionnsuidh so a tha e 'gar gairm-ne, Isa. li. 22 ; Sech. ii. 13. Ann an tomhas anns am bheil an suidheachadh cridhe so a' meudachadh annainn, bithidh na h-uile gràs eile a' dealradh agus a' fàs. Agus is e so a tha aig freumh ar dleasdanas gu léir, anns an tomhas anns am bheil iad taitneach do Dhia. Agus cha-n 'eil firinn sam bith a's éifeachdaich chum na crìche so na sin a tha r' ar n-aghaidh. B'i breth choitchionn dhaoine, gu feumadh taisbeanadh comharaichte éigin a bhi deanta de Dhia dhuinne, anns am feudamaid bìrdheirceis glòrmhor a nàdur a bheachdachadh, agus anns am feudadh esan teachd 'am fagus dhuinne, agus a bhi 'chòmhnuidh maille ruinn ; agus tha crìoch na cùis air dearbhadh gu feumadh e bhi da rireadh mar sin. Uime sin, thug daoine an *oidharp* a bhi 'faotainn a mach an taisbeanaidh so iad féin ; ach rinn Dia da rireadh a *choimhlionadh*, agus cha robb neach a b' urrainn sin a dheanamh ach e féin. Agus ann an so tha na dòighean fa leth a ghnàthaicheadh leò chum na crìche so air an deanamh soilleir. Mar is e an dòigh anns an d' rinn Dia a *choimhlionadh* anns am bheil priomh àrdachadh a ghliocais agus a mhaiteis a' coimh-sheasamh—mar a bheir sinn fainear air ball—is amhul sin is e an dòigh air an d' thug daoine an *oidharp* ceum a's

airde na h-aingidheachd agus na h-amaideachd. Mar a chuireadh an céill, rinn Dia so a choimhlionadh *ann an Criosd a mhain*. Agus is e fiamnis an t-soisgeil, agus an Spioraid agus na h-eaglais, gu'n d' rinn e saoibhreas ro phайл a ghlíocais agus a mhaithéis neo-chriochnaich 'árdachadh agus 'fhoillseachadh ann. Foillseachadh ní's òirdheiree, no toradh ní's s glòrmhoire glicais agus maithéis na Diadhachd, riabhach a bhí 'faotainn a mach agus a' suidheachadh doigh taisbeanaidh so Dhé dhuinne. Bha dòigh-ean dhaoine, chum na críche so, cho fad o bhi 'toirt taisbeanaidh iomhnuidh de ghlòir nan òirdheireas diadhaidh, as gu'n robh iad uile gu h-ionlan neo-airidh air an nàdur féin. Oir cha d' rinn doille, agus dorchadas, agus amaideachd ar nàduir, 'na chor truaillte, iad féin riabhach a chur an cleachdadh agus 'an follais, mar a rinn iad ann a bhi 'dealbhadh dhùighean chum a bhi taisbeanaidh Dhé dhuinne—is e sin, amns an iodhol-aoraidh, gráineileachd nan gráineileachd : Faic Salm. cxv. 4-8 ; Isa. xliv. ; Taisb. ix. 19, 20. B'e àrdan agus amaideachd so dhaoine leis an do chuireadh gach uile còlas air Dia anns an t-saoghal air chùl, agus mar an ceudna gach uile ùmhachd dha. Cha-n 'eil anns na deich àitheantan ach solus agus lagh ar ceud chruthachaidh air an sgrìobhadh as ùr. Bha an ceud àithne dhiubh so ag iarrайдh gu'm bitheadh Dia—an t-aon Dia fior—Cruithfhear agus Tighearn nan uile—air 'aideachadh, agus aoradh agus ùmhachd air an toirt dha, agus creidimh air a chleachdadhd air. Agus b'i an dara àithne, nach deanamaid dhuinn féin ionchaigh no samhladh air bith de Dhia. Cia b'e air bith a chitheadh e féin ionchuidh a bhi deanamh, rinn e gu geur a thoirmeasg dhuinne ni sam bith dhiubh so a dheanamh dhuinn féin. Agus b'e so ceud cheum a' chùl-shleamhnaidh leis an d' fhàlbh an saoghal o Dhia. Cha d' rinn iad a chur air chùl gu h-ionlan, ann an tilgeadh dhiubh *ceul* phriomh reachd lagh'an cruthachaidh—ach cha do stricheadh iad d' a ghlíocais agus d' a ùghdarras anns an *dara* reachd, a bha gu soilleir air a tharr-uing o'n cheud aon. B' aill leis ionchaighean agus dealbhan de Dhia a dheanamh dhoibh féin; agus leis an innleachd so, rinn iad, amns a' cheud àit, eas-urrann a thoirt dha, agus a' ris threig iad e, 'g an toirt féin suas do riaghladh agus do sheirbhis an diabhluil. Air an aobhar sin, mar is e an dòigh a fhuaireadh a mach le Dia 'na ghlíocais neo-chriochnaich, air son a bhi 'ga thaisbeanaidh féin dhuinne, an t-aon mheadhon air a bhi 'leigheas a' cheud chùl-shleamhnaidh—b'e an dòigh a fhuaireadh le daoimibh air son na críche cendna, am meadhon mòr trid an robh an cinne-daoine air an cur cho fad air falbh o Dhia, ann an cùl-sleamhnaidh nuadh, as a bu chomhasach d' ar nàdur a dhol. Agus bithidh na h-uile ni air 'faotainn de'n nàdur cheudna, a dh' fheudas

a bhi air a dhealbh leinne, ann an coimh-cheangal ri aoradh agus glòir Dhé, ged a dh' fheudadh sinne 'bhi 'g am meas taitneach agus feumail. Bu chòir da so, ma seadh, ar treòrachadh gu bhi 'g àrd-mholadh gliocais agus gràis Dhé a ghnàth, fò mhoothachadh ar gràineileachd agus ar neo-fhiinghalachd féin a thaobh nàduir. Oir cha'n eil sinn ceum air thoisearch orra-san ann am maitheas no ann an gliocas, a thuit air falbh chum na h-amaideachd agus na h-aingidheachd a bu mhò, anns na h-innleachdaibh a rinn iad a dhealbhadh air son a bhi 'taisbeanadh Dhé dhuinne. Mar is mò a bheachdaicheas sinn air na nithe so, is ann is mò a bhitheas eagal agus urram diadhaidh, maille ri creidimh, agus muinghin, agus tlachd ann an Dia, air am meudachadh annainn—mar an eudna irioslachd annainn féin, le mothachadh de ghràdh agus de ghràs Dhé.

2. Tha aobhar ro chomharaichte air son na h-éifeachd spioradail a tha anns an taisbeanadh sin a rinneadh de Dhia ann an Criod. Tha na h-uile taisbeanadh a rinn e dheth féin ann am buadhaibh glòrmhor a nàduir, ann an oibríbh a' chruthachaidh agus an fhreasdal, gle shoilleir, agus gle chomharaichte annnta féin : Salm xix. 1, 2 ; Rom. i. 19, 20. Iad sin a tha deanta ann an Criod tha iad òirdheire agus diomhair. Tha an t-eòlas sin a tha r'a fhaotainn air Dia mar a tha e air a taisbeanadh ann an Criod, a' toirt barrachd ann an solus, ann an cinnteachd, ann an seasmhachd, ann an éifeachd, agus ann an gniomhachas, air tomhas sam bith eòlais a dh' fheudar 'fhaotainn tre mhheadhonaibh taisbeanaidh sam bith eile. Is e an t-aobhar air son sin, cha'n e mhain do bhrìgh taisbeanadh ni's coimhlionta de Dhia, maille r'a chomh-airlibh agus a thoil, a bhi deanta ann an Criod agus anns an t-soisgeul, na tha deanta ann an uile oibríbh a' chruthachaidh agus an fhreasdal ; ach do bhrìgh an taisbeanadh so de Dhia a bhi air a ghabhail leimme tre *chreidimh* a mhain, agus an taisbeanadh eile le cleachdadhl an *reusoin* : agus is e creidimh freumh an t-soluis agus na beatha spioradail a tha annainn. Na tha gabhla leimn d'a thrid, tha e gniomhach agus éifeachdach, chum uile chrìochan beatha Dhé. Oir anns a' bheatha so tha sinn beò a réir creidimh, mar a bhitheas sinn a réir seallaидh air nèanu. Cha'n urrainn reuson 'na aonar—gu h-àraidh mar a tha e air a thruailleadh—glòir sam bith fhaicinn anns an taisbeanadh a rinneadh de Dhia ann an Criod ; seadh, is ann a tha gach ni a tha air a labhairt uime anns an t-soisgeul 'na amaideachd leis. Uime sin tha mòran beò ann an aidnheil litireach an t-soisgeil, gidheadh, air bhi dhoibh gun solus agus gun treòrachadh eile ach sin a tha o'n reuson nàdurra, cha'n urrainn iad fìor shealladh a bhi aca de ghàidh Dhé ann an gnùis Iosa Criod ; cha mhò a tha éifeachd sam bith aig taisbeanadh na glòire sin air an anamaibh.

Tha am foillseachadh a rinneadh de Dhia ann an solus a' chruth-achaidh nàdurra ann an comh-chòrdadh r' an reuson nàdurra, agus tha buaidh aig air; aeh a thaobh an fhoillseachaidh a rinneadh ann an Criosd, tha e dhoibh mar a bha am mana a thàinig a nuas o nèamh do Israel, cha'n eil fios aca ciod e. Oir is foillseachadh so a tha deanta do chreidimh a mhain, agus cha'n ann aig na huile a tha creidimh. Agus an uair a tha Dia a' dealradh a steach anns a' chridhe, leis a' chreidimh sin a tha e féin ag oibreachadh, tha sinn 'an sin "le aghaidh gun fholach, ag amhare mar ann an sgàthan air glòir Dhé;" no a' faotainn eolais glòire Dhé ann an gnùis Iosa Criosd. The measrachadh ni's glòrmhoire de Dhia, 'na ghliocas, 'na ghràs, 'na mhaitheas, agus 'na òirdheireccis diadhaidh gu léir, aig a' chreideach a's isle—ann am fior chleachdadhl creidimh air Criosd—na 'dh' fheudas an duine sin a's fòghlumta agus a's glice anns an t-saoghal a bhi aige, ann an cleachdadhl a reusoin air a chuspairibh nàdurra féin. Is anbuil a chuireadh na nithe so mu choinneamh a chéile leis an abstol, 1 Cor. i. Air an aobhar sin, is e creidimh ann an Criosd an t-aon mheadhon air fior eòlas 'fhaotaim air Dia; agus cha'n eil sealladh eile a dh'-fheudar 'fhaotaim de ghlòir nan òirdheirceas diadhaidh ach sin a mhain a tha tre chreidimh, a bhithreas éifeachdach ann a bhi 'gar n-atharrachadh a dh' ionnsuidh 'iomhaigh agus a chosmhuiileachd. Agus is e so an t-aobhar gu bheil cho beag buaidh aig an t-soisgeul air cuid a dhaoinibh, a dh' aindeoin cho tric as a shearmonaichear dhoibh e, agus a dh' aindeoin aideachaidh a tha iad a' deanamh air. Cha-n eil buaidh bheannaichte sam bith aig air an anamaibh. Tha iad ann an tomhas a' mothachadh cumhachd Dhé ann an oibríbh a' chruthachaidh agus an fhreasail, 'na riaghlaidh agus 'na uachdarananachd, agus mar an eudna ann an oibreachadh an coguis nàdurra. Aeh os ceann na nithe so, tha iad anns an dorch d'a thaobl. Agus is e an t-aobhar, do bhrigh nach eil creidimh aca—an meadhon sin a mhain trid am bheil an taisbeanadh a rinneadh de Dhia ann an Criosd, agus a chuireadh 'an céill anns an t-soisgeul, air a dheanamh éifeachdach a dh' anamaibh dhaoine. Uime sin—

3. Tha na daoine sin fo bhuaidh a chlaonaidh a's ro mliò o dhìomhaireachd a' chreidimh Chriosdail, a dh' fheudas a bhi 'gan riarachadh féin le foillseachadh nàdurra de Dhia agus d'a bhuaadh-aibh, as eugnhais a bhi 'faotainn eòlais air an taisbeanadh choimhlionta a rimeadh dhiubh ann am pearsa Criosd, mar a tha e air 'fhoillseachadh agus air a chur 'an céill anns an t-soisgeul. Tha sinn ag aideachadh gu feud deadh fleum a bhi air a dheanamh de'n flianus a tha 'n reuson nàdurra a' tabhairt o chleachdadhl a bhuaadh-aibh féin, ann an coimh-cheangal ri oibríbh a' ghliocas agus a' chumhachd dhiadhaidh o'n leth a muigh, mu

bhith agus mu riaghlaigh Dhé. Ach an uair a tha sinn a' foiseachadh ann an so, agus 'ga mheas mar an t-eòlas a's coimhlionta a dh' feudar 'fhaotainn air Dia—"nuair nach 'eil sinn ag éirigh a dh' ionnsuidh eòlais an fhoillseachaidh iomlain, agus shoilleir, agus làin, a thug e dheth féin ann an Criod"—tha sinn a' cur an eàill ar mi-chreidimh, agus 'n ar cleachdadhl a' cur cuil ris an t-soisgeul. Is e so ceann-aobhar a chlaonaidh fhollaisich sin a dh' ionnsuidh diadhachd nàdurra a tha 'ga thaisbeanadh féin ann am mòran, agus a tha gu coitchionn a' criochnachadh ann a bhi 'g àicheadhl gu follaiseach pearsa dhiadhaidh Chriod. Oir an uair a tha *crioch* àraidh a phearsa air a cur fo dhimeas, cha-n fhad is urrainn *teagast* a phearsa 'bhi air a ghleidheadh. Mur bitheadh e 'na 'iomhaigh *shiorruidh* an Athar 'na phearsa *dhiathaidh* féin, cha b' urrainn e 'bhi 'na 'iomhaigh *thaisbeanta* Dhé ann an gabhail ar nàdur. Oir mur bitheadh e ach 'na dhuine a mhain, eia b'e air bith cho miurbhuleach as a dh' fheudadh a chruthachadh a bhi, agus cho glòrmhor as a dh' fheudadh e bhi air 'ardachadh, gidheadh bhithheadh na h-ainglean naomha, agus na nèamhan fior għlan shuas, agus righ-chaithir Dhé, maille ri toraidhbibh eile a ghliocais agus a chunhachd cruthachaidh, a' taisbeanadh a ghliore coimlionanu ris-san. Gidheadh cha ghoirear dhiubh so ann an àite sam bith, aon chuid gu h-eadar-dhealaichte no maraon, "iomhaigh an Dé neo-fhaicessinnich" — "dealradh a ghliore, agus fior iomhaigh a phearsa;" cha mhò a tha Dia a' dealradh 'nar eridheachaibh chum eòlais a ghliore a thoirt dhuinn ann an gnùis nan nithe so. Agus tha e 'na dhearbhadh soilleir air naimhdeas truagh na h-inntinn feòlmhoir 'an aghaidh Dhé agus uile thoraidhean a ghliocais, "nuair a tha Dia air iomhaigh agus taisbeanadh cho glòrmhor a thoirt dhuinne dheth féin, nach 'eil tlachd againn ann, nach 'eil toil-inntinn againn ann a bhi beachdachadh air, ach gu bheil sinn aon chuid 'ga dhimeas no 'ga dhearmad, agus 'gar toileachadh féin ann an taisbeanadh nach 'eil air dhòigh sam bith r'a choimeas ris.

4. Is e so an t-aobhar gu bheil eòlas Dé cho neo-tharbhach anns an t-saoghal, eadhon, nach 'eil e air 'aithneachadh air a' *mhodh* so ann an Criod. Dh' fheudamaid fianuisean gun àircamh 'ainmeachadh o mheasg ùghdairean nan Cinneach, mu bhith, mu ùghdarras, mu uachdaranaichd, agus mu riaghlaigh Dhé; gidheadh ciod na toraidhean a bha an t-eòlas so a giùlan? A bhàrr air gràineileachd sin an iodhol-aoraidh thruaighe anns an robh iad uile air an eabradh, mar a tha an t-abstol a cur an eàill, Rom. i., cha robh comas aig an teasairginn o aon air bith de chuibhrichibh nan aingidheachd agus nan do-bheart anns an robh iad air an ribeadh; a réir fianuis a' chaibideil cheudna. Agus bha gach subhaile nàdurra a bha 'nam measg a' fàs suas gu soilleir o fhereumh-aibh eile, eadar-dhealaichte o'n eòlas a bha aca air Dia. Tha

eòlas Dé aig na h-Iudhaich ann an litir an t-Seann-tiomnaidh ; ach gidheadh- -air dhoibh a bhi aineolach air ann an Criosd, agus fior sheadh nan samhlaidhean sin gu lèir a chall anns an d' fhoillsicheadhl dhoibh e ann an Criosd fo'n lagh—tha iad gu coitchionn a' fantuinn 'n an sluagh feòlmhor, agus reasgach, agus aingidh. Cha-n 'eil aon chuid beusan nan Cinneach 'n am measg, no cumhachd na fior dhiadhachd. Mar a bha e d'an taobh-san o shean, is amhuil a tha fathast, "tha iad a' gabhail orra eòlas a bhi aca air Dia, ach ann an oilribh tha iad 'ga aicheadh, air dhoibh a bhi grànciel agus eas-ùmhail, agus a thaobh gach deadh oibre, as eugmhais tuigse," Titus i. 16. Is amhuil sin cor mìòran anns an t-saoghal de'n goirear Criosdaidhean air an là'n diugh : tha iad a leigeadh orra mòran eòlais a bhi aca air Dia ; gidheadh cha d' thug na Cinnich féin barrachd air mòran 'n am measg ann a bhi 'meudachadh gach peacaidh agus aingidheachd dhroch-mhuint. Is e eòlas air "Dia ann an Criosd" a mhain a tha éifeachdach agus cumhachdach ann an toirt anama dhaoine a dh' ionnsuidh comh-chuinaidh ris. Is e iadsan a mhain a tha 'g amhare air glòir Dhé ann an gnùis Iosa Criosd a tha air an atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, o ghloir gu glòir.

CAIBIDEIL VI.

Air Pearsa Chriosd mar Ionad-tasgaidh mòr gach nìle Flìrinne Dhiaidh-udh—
Diomh na Firme d'a Phearsa.

GOIREAR de'n flìrinne dhiadhaidh leis an abstol, "An flìrinne a tha réir diadhachd." Uime sin, a mhèud's gur e pearsa Chriosd diomhaireachd mhòr na diadhachd, is éigin duinn, anns an ath àit, a bhi 'feòraich—Ciod an dàimh anns am bheil gach uile flìrinne dhiadhaidh agus nèamhaidh a' seasamh d'a phearsa ? Agus so ni sinn, ann an coimh-cheangal ri sin a dh' ainnicheadh anns a' chaibideil mu dheireadh, cadhon, gur e pearsa Chriosd fear-taisbeanaidh mòr Dhé, ann am buadhaibh naomha a nàduir, agus ann an comhairlibh a thoile, do'n eaglais.

Feudar gach uile flìrinne dhiadhaidh 'ainmneachadh fo dhà cheann. I. An tobar-flìrinne shiorruidh, cadhon Dia féin. II. An flìrinne fhioillsichte, cadhon comhairlean a thoile.

I. Is e Dia féin a mhain an ceud thobar-flìrinne shiorruidh ; is ann 'na bhith agus 'na nàdur a tha tobraighean gach uile flìrinne a' luidh. Cia b'e air bith ni a tha 'na flìrinne—anns an tomhas

anns am bheil e 'na fhírinn, tha e 'sruthadh sios o'n cheud thobar shiorruidh sin. Bith, firinn, agus maitheas, is iad so priomh bheachdan na h-inntinn mu Dhia; agus annsan tha iad uile 'nan aon. Chuir sinn 'an céill a cheana mar a tha so air a thais-beanadh ann an Criod, mar is e ionhaigh *shiorruidh* an Athar e ann *féin*, agus mar is e ionhaigh *thaisbeunta* an Athar e ann an *nàdur an duine*.

11. Is iad comhairlean Dhé ceann-aobhar *neo-mheadhonach*, agus mar an ceudna fior bhrigh, gach uile fhírinn fhoillsichte. Is e a th'anns an fhírinn dhiadhaidh, "foillseachadh uile chomhairlean Dhé," Gniomh. xx. 27. Agus is e pearsa Chriod ionnhas agus ionad-tasgaidh naomh nam firinn so gu léir—is ann annsan a tha iad r'am foghlum. Tha an tairbhe agus an éifeachd gu léir an crochadh air an dàimh anns am bheil iad dha. Tha gach uile fhírinn dhiadhaidh, agus spioradail, agus nèamhaidh, a' coinneachadh mar dhèarsadh soluis ann am pearsa Chriod, an grìan, am meadhon, agus an ionlanachd gu léir. Agus cha-n fhaicear gu bràth a maise ach anns an taisbeanadh a tha deanta dhi 'na ghnùis no 'na phearsa. Cha-n' eil sealladh r'a fhaotaim dhi, no eòlas r'a ghabhail oirre, ach anns an tomhas anns am bheil Dia a' dealradh ann ar eridheachaibh chum a h-eòlas a thoirt dhuinn ann an gnùis Iosa Chriod, 2 Cor. iv. 6.

Is i so an fhanuis a labhair e uime féin, "Is mise an fhírinn," Eoin xiv. 6. Is esan an fhírinn a thaobh a *priomh bhith*,—mar a tha e coimh-ionann ris an Athair, Dia na firinn: Deut. xxxii. 4. Is esan an fhírinn a thaobh *éfeachd*—do bhrigh gur ann tridsan a mhain a tha i gu h-éifeachdach agus gu coimhlionta air a cur an céill; oir, "cha-n fhaca neach air bith Dia riabh; an t-aon-ghim Mic, a tha ann an uchd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e," Eoin i. 18. Is esan an fhírinn a thaobh *fior bhrigh*—mu choinneamh shamhlaidhean agus sgailean an t-Seann-tiomnaidh, oir "annsan tha uile ionlanachd na Diadhachd a' ghabhail còmhnuidh gu corporra," Col. ii. 9. "Is le Chriod an corp." rann 17. Is esan an fhírinn mar a *h-ionud-tusnailh*—oir na h-uile firinn dhiadhaidh a tha coimh-cheangalite ri eòlas sláinteil Dhé, tha i taisgte suas annsan. Annsan tha "uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais folaithe," rann 3. Is e sin, gliocas agus eòlas Dé—"na chomhairlibh a thaobh gairme, agus naomhachaidh, agus sláinte, na h-eaglais—mu'm bheil an t-abstol a' briseadh a mach ann an cleachdadh a' mholaidh naoimh sin, "O doimhne saoibhreis araon gliocais agus eòlais Dhé!" Rom. xi. 33. Agus goirear "ionmhais" dhiubh air son aobhair dhà-fhillte, air an aimmeachadh còmhla leis an t-Salmadair. "O cia luachmhor leamsa do smuaintean-sa, a Dhe! cia mòr an aireamh!" Is ionmhais iad, do bhrigh gu bheil iad luachmhor os ceann coimeis—agus air an aobhar sin air am meas os ceann uile

ionmhais an t-saoghail a tha mòr agus luachmhor ann an sùilibh dhaoine, Gnàth-fhoc. iii. 14, 15. Agus is ionmhais iad, do bhrigh ro-mheud an àireimh; agus uime sin goirlear dhiubh "saoibhreas nach feudar a rannsachadh," Eph. iii. 8. Tha ionmhais luachmhor agus do-rannsaichte so gliorais agus èolais Dhé—is e sin, uile fhìrinnean spioradail agus nèamhaidh Dhé—folaichte, no taisgte suas gu tèaruinte ann an Criosd—anns am bheil iad a mhain r'am fòghluim, agus o'm bheil iad a mhain r'am faotaim.

Mar sin theirear gu'n do theagaisgeadh sinn mar a tha an fhìrinn ann an Iosa, Eph. iv. 21. Agus tha èolas uile fhìrinnean naomha an t-soisgeil air a chur an cèill mar is trice anns an Sgriobtuir le èolas air Criosd, Eoin. viii. 19; Eph. i. 17; 2 Phead ii. 20.

Gum a bhi 'dol thairis a ris air sin a labhradh agus a dhearbhadh a cheana—mu bhunait uile chombhairlean Dhé a bhi air a leagadh ann am pearsa Criosd, agus mar a tha iad uile air an taisbeanadh ann an comh-shuidheachadh do-labhairt a phearsa—bheir sinn seachad beagan eisampleir air an dàmh so anns am bheil nile fhìrinnean naomha na diadhachd a' seasamh dha—a' nochdadh nach 'eil e comasach dhuinn am fòghluim, no èolas fhaotaim orra, ach ann an coimh-cheangal ris.

1. Tha dà ni anns am bheil glòr na firinn a' coimh-sheasamh. (1.) Solus na firinn, (2.) Eifeachd no cumhachd na firinn. Agus tha na h-uile firinn dhiadhaidh agus nèamhaidh a' faotaim an dà ni so o'n dàmh so anns am bheil iad do Criosd.

(1.) Cha'n 'eil firinn sam bith a ghiùlaineas tomhas sam bith soluis spioradail do'n innitinn, ach ann an coimh-cheangal ris. "Annsan tha beatha, agus is i a' bheatha solus dhaoine," Eoin i 4. Is esan "an solus fior a tha soillseachadh gach uile dhuine 'tha teachd chum an t-saoghail," ram 9. Uime sin, mar is i an fhìrinn aon mhéadhon ar soillseachaidh, is amhuil sin cha-n urrainn i solus sam bith a phàirteachadh r'ar n-innitinnean ach a mhain mar is deàrsadh i uaith-san a's e tobar mòr an t-soluis. Dealaichte o'n dàmh so ris-san, cha-n urrainn i fior sholus no fior thugse spioradail sam bith a ghleidheadh imte féin, no a phàirteachadh ri anamaibh dhaoine. Cionnus a dh' fheudas i, ma's esan ceud thobar gach uile sholuis—mar a tha an Sgriobtuir a' deanamh fianuis? Is ann 'an sin a mhain a tha an innitinn air a soillseachadh leis an fhìrinn nèamhaidh, 'nuair a tha i air a galadhail thugainn mar għath-solus a' sruthadh o Ghrian na Fireantachd, agus a tha treòrachadh air ais d'a l-ionnsuidh-san a ris—tobar uile-bheannsichte an t-soluis spioradail gu léir - eadhon Criosd féin. Cia b'e air bith tomhas an èolais litireil a dh' fhendas a bhi aig daoinibh air firinnibh na diadhachd, mar a tha iad air an cur an cèill gu teag- asgach anns an Sgriobtuir, gidheadh—mur 'eil èolas aca orra ann

an coimh-cheangal ri pearsa Chriosd mar bhunait uile chomhair-lean Dhé—mur 'eil iad a' faicinn mar a tha iad a' sruthadh uaith-san, agus a' coinneachadh ann—cha ghiùlain iad solus spioradail no tèarnuidh sam bith a dh' ionnsuidh an tuigse. Oir tha beatha agus solus spioradail a chòmhnuidh gu h-iomlan annsan, agus uaith-san a mhain tha iad r'am faotainn. Tha eisempleir againn anns na h-Iudhaich. Tha Sgriobtuire an t-Seann-tiomnaidh aca-san, anns am bheil brìgh gach uile fhìrinn dhiadhaidh air 'fhoill-seachadh agus air a chur an céill ; agus tha iad dichiollach ann a bhi 'gan rannsachadh ; gidheadh, cha-n 'eil an inntinnean idir air an soillseachadh leis na firinnibh a tha anna, ach tha iad beò agus agimeachd ann an dorchadas eagalach. Agus tha sin do bhrigh nach 'eil eòlas ac air an *dàimh* anns an bheil iad a' seasamh do Chriosd, seadh, gur ann a tha iad a' cur cuil ris an *dàimh* sin, a tha a mhain comasach air éifeachd soillseachaidh a chur anna.

(2.) Is e *éifeachd* no cumhachd dara buaidh na firinne diadhaidh. Agus is i crioch na h-éifeachd so a bhi 'g ar deanamh cosmuil ri Dia, Eph. iv. 20-24. Is iad na nithe a rùnaich Dia a bhi 'coimhlionadh leis an fhìrinn dhiadhaidh, am peacadh a chlaoidheadh annainn, ar nàdur 'athl-nuadhachadh, ar n-inntinnean, agus ar eridhleachan, agus ar n-aigne a naomhachadh, ar n-anaman a chomhfhurtachadh agus a thogail suas anns gach earrann de bheatha Dhé maille r'an samhuil eile (Eoin. xvii. 16) ; uaith so tha an fhìrinn "comasach air ar togail suas, agus oighreachd a thoirt dhuinn 'am measg na muintir sin a tha air an naomhachadh." Gniomh. xx. 32. Ach tha an cumhachd agus an éifeachd so aig an fhìrinn a mhain o'n *dàimh* anns am bheil i 'seasamh do phearsa Chriosd. Cha-n 'eil éifeachd innte air dhòigh sam bith eile ach mar a tha i 'na meadhon air a bhi 'giùlan gràis Chriosd do anam-aibh dhaoine, Faic 1 Eoin. i, 1, 2.

Air an aobhar sin, mar a tha luchd-aideachaidh na firinn 'n an geugaibh marbha, ma tha iad dealaichte o Chriosd a thaobh fìor aonaidh, is amhuil sin na firinnean a dh' aidiclear, ma tha iad gu teagascach air an dealachadh o'n *dàimh* ris, tha iad gun chumhachd agus gun éifeachd bheò ann an anamaibh dhaoine. 'Nuair a tha Criosd air a dhealbhadh anns a' chridhe d'an trid, agus a tha e 'gabhair còmhnuidh gu saoibhir anns an anam tre'n oibreachadh, is ann 'an sin a mhain a tha an cumhachd agus an éifeachd àraidh féin a' faotainn cleachdaidh. Air sheòl eile, tha iad mar uisgeibh air an dealachadh o'n tobar—tha iad aon chuid gu h-obann a' tiormachadh suas, no a' fas 'n an eabar mhi-fhallain ; no mar ghath-gréine air a ghearradh a mach o thobar a sholuis, tha e gu h-obann a' call a dheàrsaidh.

2. Tha gach uile fhìrinn spioradail agus dhiadhaidh a' cur an céill, aon chuid gràidh agus gràis Dhé dhuinne, no an dleasdanas,

agus an ùmhlaichd, agus am buidheachas a tha mar fhiachaibh oirnne dha-san. Ach, a thaobh na nithe so, is e' Criosd na h-uile agus anns na h-uile; cha-n 'eil e'n comas dhuinn beachdan cubhaidh sam bith a bhi againn mu ghràdh agus mu ghràs Dhé, no fior thugse ann am firinnibh diadhaidh an fhocail—anns am bheil iad air am foillseachadh agus air an taisbeanadh dhoibhsan a tha 'creidsinn—ach ann an cleachdadhl a' chreidimh air Criosd féin. Oir is ann ann-san, agus trid-san, agus uaith-san a mhain, a tha iad air an cur r'ar n-aghatidh, agus a tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd-comhpairt dhiubh. Is ann as a lànachd-san a tha gach uile ghràs air 'fhaotainn. Cha-n urrainn firinn sam bith coimhcheangailte riu, a bhi air dhìogh sam bith air a dealachadh uaithe. Is esan am beatha agus an éifeachd gu h-ionlan—dealachte uaithe, cha-n 'eil anna, mar a tha iad sgriobhta anns an fhocal, ach litir mharbh, anns nach comasach dhuinn fior shealladh sam bith fhaotainn de ghràs agus de ghràdh Dhé. Agus a thaobh nam firinn sin eile a tha 'gar teagascg 'n ar dleasdanas, agus 'n ar n-ùmhlaichd, agus 'n ar taingealachd do Dhia—cha-n 'eil e 'n ar comas a bhi ann an cleachdadhl aoin air bith dhiubh, ach le cuideachadh gràis air fhaotainn uaith-san. Oir as 'eughais-san cha-n urrainn sinn aon ni a dheanamh, Eoin xv. 5; agus cha-n 'eil neach sam bith a' *tuigsiun* na firinne diadhaidh ach an neach a tha 'ga *coimhlionadh*, Eoin vii. 17. Air an aobhar sin, cha-n 'eil e comasach dhuinn aon flírinne a tha anns an Sgriobtuir a thuigsim, anns am bheil ar dleasdanas do Dhia air àithneadh, ionnuis gu'm bitheadh an dleasdanas sin air a choimhlionadh leinne ann an rathad a bhith-eadh taitneach dha, gun sùil a bhi againn ri Criosd, esan a mhain o'm bheil comas air a fhrithealadh oirnu chum a bhi 'ga choimhlionadh, agus trid am bheil e air a dheanamh taitneach 'an làthair Dhé.

3. Tha *dearbh chinnt* na firinne spioradail agus diadhaidh gu léir, agus am bunait sin gu léir air am bheil fior chòir againn anns gach sochair, agus tairbhe, agus comhfhurtachd, a chuireadh 'an eill imte, an crochadh gu h-ionlan air an dàimh anns am bheil iad do Criosd. Feudaidh sinn aon eisampleir a shlùnachadh ann an aon de theagascuibh sin na firinne diadhaidh, a's coltaiche ri bhi ann an tomhas saor o'n dàimh so, eadhon, aiseirigh nam marbh. Ach cha-n 'eil duine sam bith a tha 'creidsinn no a' tuigsim na firinne so gu ceart, nach 'eil a' deanamh sin o'n dearbhadh a thugadh air, ann an eisampleir pearsa Criosd ag eirigh o na mairbhe. Cha mho is urrainn duine sam bith creidimh no dochas comhfhurtail a bhi aige a thaobh eòir àraighe ann an aiseirigh bheannichte (oir tuilleadh gnothuich cha-n 'eil againn anns an firinn sin, Phil. iii. 11), ach tre aonadh diomhair ris-san, mar cheann na h-eaglais a bhithreas air a togail suas chum glòire,

Tha an t-abstol a' leudachadh air an dà ni so ann an 1 Cor. xv.
Agus tha an ni ceudna fior a thaobh na h-uile firinn eile.

Uime sin, do bhrìgh nach 'eil anns na h-uile firinn spioradail agus diadhaidh a dh' fhoillsicheadh anns an Sgriobtuir, ach comh-airlean sin Dhé air an cur an céill, aig an robh am bunait air a leagadh ann am pearsa Chriosd ; agus a mheud 's gu bheil iad a' cur 'an céill aon chuid gràidh, agus gliocais, agus maitheis, agus gràis Dhé dhuinne, no an dleasdanas a tha mar fhiachaibh oirnne dha-san—a tha uile faotainn cleachdaidh annsan agus trid-san a mhain ; agus a mheud 's gu bheil beatha, agus cumhachd, agus maise, agus coimh-fhreagarrachd nam firinn so gu léir 'n an comh-aonadh r' a chéile ann an gliocas diadhaidh, air am faotainn gu h-ionlan uaith-san, a tha mar spiorad bheò a' cur beatha agus gluasaid anns an ionlan—is maith, uime sin, a dh' fheadar a rádh gu bheil ionmhais na firinn, agus a ghliocais, agus an eòlais, uile folaithe ann. Agus feudar cuid a nthibh a thoirt fainear a tha mar thoradh a' leantuinn so.

1. Is e so an t-aobhar, gu bheil an dream a tha 'g áicheadh pearsa dhiadhaidh Chriosd, agus nach 'eil a' faicinn gliocais, agus gràis, agus gràidh, agus cumhachd Dhé ann, a ghnàth ag áicheadh no a' truailleadh gach uile flírinne spioradail eile a tha anns an taisbeanadh dhiadhaidh. Cha mhò is urrainn e 'bhi air sheòl eile. Oir tha iad ann an comh-chòrdadh gach aon r'a chéile, a mhain anns an dàinm anns an bheil iad do dhionmhaireachd na diadhaidh—"Dia air 'fhoillseachadh anns an fleòil"—o'm bheil iad a' faotainn am brigh agus an seadh. 'Nuair a bheirear air falbh am bunait so, tha an flírinne, ann an uile theagascáibh eile na diadhaidh air ball a' tuiteam chum na talmhainn. Tha eisempleir againn anns na Socinianaich. Oir, ged a tha iadsan a' gléidheadh nam beachdan coitchionna mu aonachd agus mu bhith na Diadhaidh, nach gabh dubhadh a mach a intinnibh dhaoine, gidheadh cha-n 'eil aon flírinne sam bith a bhuiteas air dhòigh áraidh do'n chreidimh Chriosdail, nach 'eil iad aon chuid ag áicheadh no a' truailleadh gu h-anabarrach. Tha iomadh ni mu Dhia agus mu bhuadhaibh siorruidh a nàduir,—mar a tha a neo-chaochlaidheachd, a neo-chriochuachd, a roimh-eolas—a rinn iad 'fhiaradh gu ro mhòr. Mar sin tha an flírinne air a coimhlionadh anna a labhradh leis an abstol Indas, rann 10. Tha iad "a' labhairt gu toibheumach air na nthibh nach aithne dhoibh : ach na nithe sin a's aithne dhoibh air mhodh nàdurra, mar ainmhidhibh gun reuson, tha iad 'g an truailleadh féin anna." Is anhuil a tha iadsan a' deanamh anns na nthibh a dh' ainmicheadh mu'm bheil beachdan nàdurra ann an intinnibh dhaoine : ach a thaobh flírinnean soisgeulach—air am bheil iad aineolach—tha iad a' labhairt uile umpa, agus 'g an deanamh n an cui-s-mhagaidh. Tha

iad a' toirt toibheim do theagascg na Trionaid naoimh—tha teachd Mhic Dhé 's an fheòil mar bhall-fochaid 'n am beul—tha iad a' cur eùil ri 'obair mar Eadar-mheadhonair 'na thabhartas agus 'na eadar-ghuidh, maille ri toillteanas 'umhlachd agus riarachadh 'fhuilangas. Air a' mhodh cheudna tha iad a' cur eùil ri teagasc truailidhbeachd ar nàduir leis an tuiteam, agus ri teagasc ath-muadhachaidh ar nàduir leis an Spiorad Naomh; agus air uile fhìrimmibh eile ar diadhachd tha iad a' deanamh ainneirt, chum an truailleadh. Is e ceud cheunn an seacharain, a bhi 'g àicheadh pearsa dhiadhaidh Chriosd. Air dhoibh so a chur air chùl, tha gach uile fhìrimm naomh eile air an gluasad a mache o'm bunait, o'm bheil an comh-aonadh agus an comh-chòrdadh gu h-ionlan aca. Air a so tha iad ag itealaich sios agus suas am an inntinnibh dhaoine, agus, air dhoibh a bhi 'g amhare orra air falbh o'm bunait dhligheach fèin, tha iad gu furasd non chuid a' cumadh bheachdan cliona m'an tìmeachadh, air neo 'gan cur gu h-ionlan air chùl. Seadh, cha chomasach an cur 'n am fior sholus àraigdh fèin ri aghaidh inntinnean dhaoine idir. Ma dh' fluasglar am priomh-bhann anns a' bheart a's maisiche dealbh, tuitidh gach ball á ceangal nan alt, ionnus gu'n bi gach aon diubh a' meudaechadh na mi-riaghait, mar a bha iad roimh gach aon a' leasachadh coimh-fhreagarrachd an ionlain. Is amhul sin uile fhìrimmean agus theagascguan eagarakh an t-soisgeil. Bitheadh pearsa Chriosd air a bhuntuinn asda, bitheadh an dáimh anns am bheil iad dha-san air a sgaoileadh,—ionnus nach cumar ni's fhaide an Ceann ann a bhi 'gan aideachadh—agus cha-n urrainn inntinnean dhaoine an saoradh o eas-aonachd do-réiteachaidh eatorra fèin. Air a so tha cuid dhiubh air ball air an cur air chùl, agus cuid eile air an truailleadh; oir tha iad air call an soluis agus am maise nàdurra fèin. Cha-n 'eil comh-chòrdadh no coimh-sheasmhachd aca ann an ionad air bith ach ann an Chriosd. Is e so an t-aobhar nach robh aon neach riabh o thoiseach a' chreidimh Chriosdail, leis an robh pearsa diadhaidh Chriosd air 'aicheadh, a rinn aon air bith eile de theagascgaibh an t-soisgeil a gheildheadh glan agus neo-thruailidh. Agus tha mi ag aideachadh gu saor, nach 'eil anns na h-uile ni a tha sinn a' creidsinn mu'n Trionaid naoimh, mu chonhairlibh siorruidh Dhé, agus mu éifeachd eadar-mheadhonair-eachd Chriosd, 'na riarachadh agus 'na thoillteanas, maille ri fireanachadh, agus naomhachadh, agus slàinte na h-eaglais—ach sgeulachdan faoine, mar a tha na Soeinianaich ag ràdh, ma's e's gu bheil na tha sinn ag creidsinn mu phearsa Chriosd mar sin mar an eudna.

2. Is e so an t-aobhar gu bheil eòlas agus aideachadh na firinn cho neo-tharbhaich agus cho neo-éifeachdach, a thaobh mhòran. Cha-n 'eil eòlas air a ghabhail oirre—cha-n 'eil i air a tuiginn no

air a creidsinn, anns an dàimh anns am bheil i do Chriosd ; an dàimh sin a mhain trid an dean i solus no cumhachd a ghiùlain a steach do'n anam. Tha daoine 'g aideachadh eòlais na firinn a bhi aca ; ach cha-n aithne dhoibh i 'na h-òrdugh, 'na coimh-fhreagarrachd, agus 'na feum àraidh féin. Cha-n 'eil i 'gan treòrachadh a dh' ionnsuidh Chriosd, no Criosd d'an ionnsuidh-san ; uime sin, tha i gun bheatha agus gun tairbhe dhoibh. Uaith so, cha-n 'eil neach sam bith, gu tric, a' s mò a tha 'n an coimhich do bheatha Dhé, na iad sin aig am bheil mòr eòlas ann an teag-asgaibh litireach nan Sgriobtuir. Oir tha iad uile neo-tharbhach, agus ro ullamh air mi-bhuileachadh 'faotaimi aig lèanhaibh dhaoine, 'nuair nach 'eil Criosd air a dhealbhadh, anns an anam d'an trid, chum a bhi 'g atharrachadh an duine gu h-ionlan a dh' ionnsuidh 'iomhaigh agus a chosmhуileachd. Agus cha bhi an toradh so air a ghiùlan leò, far nach 'eil an dàimh do Chriosd air a thuiginn, agus far nach 'eil iad air an gabbail agus air am fòghluin mar thaisbeanadh de Chriosd, maille ri diomhaireachd toile agus glicais Dhé ann. Oir a mheud 's gur esan ar beathaine, agus air dhuinne bhi beò do Dhia, nach e sinne a tha beò ach esan annaimh, agus gu bheil a' bheatha a tha sinn a' caitheadh anns an fheòil air a caitheadh tre chreidimh ann—ionnas nach 'eil aon chuid freumh no cumhachd na beatha spioradail againn, ach ann, agus trid, agus uaithe—cia b'e air bith tomhas ar n-eòlais anns an fhìrinne, mur bi e eifeachdach ann an aonadh ar n-anama ris, bithidh e gun bheatha annaimh, agus gun tairbhe dhuinn. Is e bhi 'fòghlum na firinn mar a tha i ann an Iosa, a ni ar n-atharrachadh chum ionhaigh Dhé, Eph. iv. 21-24. Far am bheil e air sheòl eile—far am bheil beachdan aig daoinibh mu fhìrimh an t-soisgeil, gun eòlas aca air Criosd amta—cia b'e air bith an aideachadh, 'nuair a thig iad ann am firinn gu bhi 'gan ceasnachadh féin, bithidh iad air am faotaimi gun tairbhe sam bith dhoibh ; nithear aithmichte gu bheil na h-uile ni eadar Dia agus an anam-aibh air bunait ghainimh sin an t-soluis nàdurra agus nam baraillean coitchionna.

CAIBIDEIL VII.

Cumhachd agus Eifeachd air an Comhpairteachadh ri Drenchd Chriosd, chum Sláinte na h-Eaglais, o a Phearsa.

Is ann tre chleachdadhl eadar-mheadhonaireachd Chriosd—mar righ, mar shagart, agus mar fhàidh na h-eaglais—a tha sinn air ar saoradh, air ar naomhachadh, agus air ar tèarnadh. Is ann tre chleachdadhl na dreuchda so a tha e 'comhpairteachadh uile shochairean an t-soisgeil gu neo-mheadhonach ruinne—a' frithealadh slighe a steach dhuinn a dh' ionnsuidh Dhé tre ghràs amns a' bheatha so, agus ann an glòir air nèamh ; oir tha e 'gar tèarnadh mar an t-eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh. Ach ann an so feudar ceisd fheòraich—cia uaith a tha cleachdadhl uile ghniomharan agus dhleasdanas eadar-mheadhonaireachd Chriosd, a' faotainn a shamhail so de chumhachd agus de éifeachd, a thaobh an crìochan spioradail agus siorruidh ; oir is iad na nithe sin uile a tha an crochadh orra, agus a tha air an coimhlionadh leò, priomh mheadhona glòire Dhé, agus àrd-ghnothuicheadh anama dhaoine. Agus tha so air fhaotainn, tha sinn ag rádh, o a phearsa naomh agus dhiomhair ; is e so an t-aon thobar o'm bheil gach uile chumhachd agus éifeachd air am faotainn, agus air an cur 'ba dhreuchdaibh uile, agus amns gach ni a tha an crochadh air cleachdadhl a dhreuchdan.

Is firinn so a tha cho cudthromach, as gur e priomh rùin an ionlain de Litir an Abstoil Phoil chum nan Eabhruidheach a bhi 'ga cur an céill agus 'ga dearbhadh. Is e suim agus brìgh nan teagasan a chuireadh sios amns an Litir sin, gur e òirdheirceas glòrmhor pearsa Chriosd a tha 'ga dheanamh comasach, ann an cleachdadhl a dhreuchdan, air a bhi 'coimhlionadh nan crìochan sin, nach l'urrainn neach sam bith eile a choimhlionadh, ann an cleachdadhl nan dreuchdan ceudna. Ann an so, ma seadh, is éigin duinn ar beachd-smuaintean a shoerachadh ré tamuill bhig—agus tha ar tairbhe shiorruidh 'gar gairm d'a ionnsuidh. Oir ma tha na nithe so mar so, tha e soilleir nach bi e 'n ar comas maith no buannachd sam bith fhaotainn o aon air bith de dhreuchdaibh Chriosd, no o thoraidhibh an cleachdaidh, as eugmhais cleachdadhl a' chreidimh air a phearsa, o'm bheil beatha agus cumhachd air an cur amnta gu léir.

Thug Dia o shean righrean, agus sagartan, agus faidhean do'n eaglais. Rinn e an dà chuid an ìngadh chum an dreuchdan, an

treòrachadh 'n an cleachdadhbh, a làthaireachd a thoirt dhoibh 'n an obair, agus an dleasdanais a ghabhail gu taitneach aig an làmhaibh ; gidheadh cha robh an eaglais air a soillseachadh gu spioradail, no air a riaghlaibh anns an leth a stigh, no air a tèarnadh gu siorruidh, le aon air bith dhiubh, no leis gach aon diubh maraon : cha mhò na sin a b'urrainn i a bhi. Bha aig euid dhiubh—gu h-àraidh aig Maois—tomhas cho mòr de chunhachd, agus de làthaireachd Dhé maille ris, as a dh' fheudadh neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain 'fhaotainn ; gidheadh, cha robh eadhon esan, ann an cleachdadhbh a mhinistreileachd, 'na fhear-saoraidh na h-eaglais ; agus cha robh sin 'na chomas aon an rathad sam bith eile ach ann an seadh samhlach agus aimsireil. Bha am ministreileachd-san gu léir ann an iochdranachd do'n chrich àraidh sin, do nach b' urrainn i coimhlionadh a thabhairt 'na neart féin.

Tha e soilleir, uime sin, nach 'eil saorsa agus slàinte na h-eaglais an crochadh air so,—gu'n d'thugadh neach le Dia chum a bhi 'na rìgh, agus 'na shagart, agus 'na fhàidh do'n eaglais, dreuchdan trid am bheil i air a saoradh agus air a tèarnadh : ach air pearsa an neach sin a thugadh mar so dhuinn : mar a tha air a chur 'an céill, Isa. ix. 6, 7.

Is éigin duinn so a chur an céill.

Bha dà ni feumail, gu coitcheann, ann am pearsa Chriosd, chum a dhreuchdan a bhi eifeachdach ann an slàinte na h-eaglais, agus as eugnhais nach b' urrainn iad a bhi mar sin. Agus tha iad de leithid a nàduir, as nach b'urrainn gliocas cruthaichte sam bith 'fhaotainn a mach eionnus a dh' fheudadh iad a bhi air an faotainn ann an comh-shuidheachadh an aoin phearsa cheudna. Uime sin tha gliocas neo-chriochmach Dhé gu ro ghìormhor air fhoillseachadh ann.

I. Is e an ceud ni, gu'm bitheadh nàdur eile air 'ulluchadh dha, nach robh aige féin air tùs. Oir ann an nàdur a Dhiadhachd, air a bheachdachadh ann féin, cha robh a samhuil sin de dhàimh aige riu-san air son an robh e gu bhi 'cleachdadhbh a dhreuchdan, as a bha feumail chum an toraidbean a bhi air an pàirteachadh riu, cha mhò a b' urrainn e priomh dhleasdanais nan dreuchdan sin a choimhlionadh idir. Cha b' urrainn Dia bàs 'fhaotainn, no éirigh a ris, no bhi air 'àrdachadh 'na Cheannard agus 'na Shlànughear, ann an nàdur a Dhiadhachd. Agus cha robh an comh-dhàimh àraidh sin eadar e agus ar nàdur-ne, a bheireadh còir àraidh dhuinn anns na blitheadh air a choimhlionadh leis.

B' ann as leth dhaoine a bha na dreuchdan so gu bhi air an cleachdadhbh leis. Cha robh e gu bhi 'g an giùlan gu neo-mheadhonach a thaobh nan aingeal ; agus, uime sin, "cha do ghabh e nàdur nan aingeal air," Eabh. ii. 16 ; "cha d' riùn e sin do blàrig nach robh e gu bhi 'na cadar-mheadhonair air an son, no 'na

shlànuighear dhoibh. A mheud dhiubh as à pheacaich, thugadh thairis iad do sgrios shiorruidh ; agus an dream a ghleidh an ceud fhìreantachd eha robh feum aca air saoradh. Aeh dh' ulluiich Dia corp dha—sin r'a ràdh, nàdur duine : Eabh. x. 5. B' e an gealladh a thugadh air a so—ann a bhi de shìol na mnà—bumait na h-eaglais ; is e sin, rimmeadh e mar sin do'n eaglais ann agus trid a' gheallaidh sin, Gen. iii. 15. Agus ann an coimhlionadh a' gheallaidh so, "ghineadh e o mhuaoi," chum gu'm bitheadh e air a dheanamh fo'n lagh, Gal. iv. 4 ; agus ghabh e "siol Abrahaim air." Oir "a mheud 's gu bheil aig a chloinn comh-roinn a dh' fheòil agus a dh' fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin," Eabh ii. 13. Oir "b' theumail da anns na h-uile nithibh a bhi air a dheanamh cosmhuil r' a blhràthraibh, chum gu'm bitheadh e 'na àrd-shagart tròcaireach agus dileas ann an nithibh a thaobh Dhé," rann 17. Agus bha so gu h-iomlan neo-sheachanta do chleachdadadh a dhreuchdan, air an dà aobhar a dh' ainmicheadh roimh. Oir—

1. Cha b' urrainn gniomharan sin a dhreuchdan air am bheil naonhachadh agus sláinte na h-eaglais gu h-àraighe an crochadh, a bhi air an coimhlionadh ach ann agus leis an nàdur sin. Is ann ann a mhain a b' urrainn e tìmhachd a thoirt do'n lagh, chum gu'm bitheadh e air a choimhlionadh amainne--as 'eugmhais nach b' urrainn sinn seasamh ann am breitheanas fa chomhair Dhé. Faic Rom. viii. 3 ; x. 3, 4. Is ann ann a mhain a b' urrainn e mallachadh an lagha a ghiùlan, no 'bhi air a dheanamh 'na mhàllachadh air ar son, chum gu'n tigeadh am beannachadh oirme, Gal. iii. 13, 14. B' éigin dà, mar shagart, ni-éigin a bhi aige r' a thabhairt suas do Dhia, chum réite 'dheanamh air son peacaidh, Eabh. viii. 3. Feudar an ni ceudna a ràdh mu a mhàinistreileachd gu léir air thalamh, agus uile thoraidhibh a theachd 's an fheòil.

2. Is ann air so a tha an dàimh agus an coimh-cheangal sin an crochadh, a tha eadar e fein agus an eaglais, a bha feumail chum còir a bhi aice-san air comhpairt 'fhaotainn de shochairibh na réite a choimhlionadh leis. Oir is ann trid so a rimmeadh e 'na fhear-dàimh dhùim, d' am buineadh còir an fhuasglaidh—an neach sin a mhain o'm feudamaid saorsa agus fuasgladh a thagradh 'n ar eor chaillte. Tha an tabstol a' leudachadh gu h-iomgantach air a so ann an Eabh. ii. 10-18. Air dhuinn an coimh-theagast so 'thosgladh suas 'n ar n-eadar-mhineachadh air a' chaibideil sin, agus air dhuinn tairbhe agus neo-sheachantachd na dàimhe so eadar an eaglais agus a h-Ard-shagart a chur 'an cùill ann, cho dean sinn a' leantuinn nì's fhaide ann an so. Faic chum na crìche eudna, Eph. v. 25-27. Air an aobhar sin, mur bitheadh e air coimh-roinn a ghabhail de'r nàdur, cha b' urrainn sinne

buannachd sam bith fhaotainn, ann an rathad saoraidh agus stàinte shiorruidh, o dhreuchd sam bith a dh' fheudadh e ghabhail os làimh. Bha so, ma seadh, feumail do chomh-shuidheachadh a phearsa, ann an coimh-cheangal r'a dhreuchdaibh. Ach—

II. Bha tuilleadh air 'iarrайдh chum a *dhrenchulan* a dheanamh eifeachdach a dh' ionnsuidh an crìochan àraidh féin. Cha bhitheadh a h-aon dhiubh mar sin mur bitheadh e ach 'na dhuine a mhain—mur bitheadh nàdur idir aige ach ar nàdur-ne. Ni sinn so air dhòigh àraidh a dhearbhadh, a' beachdachadh orra, mar is gnàthach, ann an coimh-cheangal ri glòir a phearsa dhiadhaidh, agus ar tairbhe féin tre chreidimh.

I. Mur bitheadh e ach 'na dhuine a mhain, cia b'e air bith cho bìrdheire agus cho glòrmhor as a bhiththeadh e, eba b' urrainn e 'bhi 'na *fhaidh* mòr agus comharaichte na h-eaglais, air son nan trì aobhairean so : —

(1.) Bha e gu bhi 'na fhàidh na h-eaglais coitchiouma gu h-ionulan ; sin r'a ràdh, taghadh Dhé gu léir, a bhitheas air an tèarnadh anns na h-uile linn agus ionad, o thoiseach an t-saoghal chum na crìche. Bha ministreileachd phearsanta aige air son teagaisg na h-eaglais, am feadh a bha e air thalamh ; gidheadh cha b' ann ré na h-aimsir sin a mhain, a bba a dhreuchd mar fhàidh air a cleachdadhbh. Cha robh sin ach 'am measg aoin chinnich a mhain, Mata xv. 24 ; Rom. xv. 8 ; agus a mhain air son uine gheàrr. Gidheadh cha robh an eaglais riann gu fhàidh—is e sin, neach d'am buineadh a bhi 'foillseachadh dhi toil' Dé, agus a bhi 'ga teagasg innite—cha mhò is urrainn i a bhi as 'eugmhais faidh gu aimsir coimhlionaidh nan uile nithe. Agus is e so Criosd a mhain. Oir—

[1.] Tha sinn a' ghabhail mar ni ceadaichte air gach làimh, gu'n d' rinn Mac Dhé, o'n fhìor thoiseach, eadhon, o'n thugadh an ceud ghealladh, cùram na h-eaglais a ghabhail, air dhòigh àraidh, os làimh—a thaobh uile chriochan gliocais, agus toile, agus gràis Dhé ; agus tha sinn 'ga ghabhail ann an so mar ni ceadaichte, do bhrigh gu'n d' rinn sinn a dhearbhadh ann an àit eile. Tha e gu soilleir a' leantuinn mar thoradh a' chomh-chòrdaidh shiorruidh a bha eadar an t-Athair agus e féin air son na crìche so. Agus anns an obair a bhuiねadh do'n t-suidheachadh so, tha sin a bha coimh-cheangailte ri teagasg na h-eaglais ann an toil Dé, agus a bhi 'ga soillseachadh gu slàinteil ann an gliocas spioradail, 'na earrann cho cudthromach, as nach comasach do neach sam bith comhpairt fhaotainn, as eugmhais so, de bheannachdaibh sam bith eile. Is ann anns an teagasg agus anns an t-soillseachadh so, ma seadh, a tha cleachdadhbh dreuchd Chriosd mar fhàidh a' coimh-sheasamh.

[2.] Do bhrigh gu'n d'rinn am Mac, air a bheachdachadh mar

Dhia, dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd a ghabhail os làimh, eadhon mu'n d' fhoillsieheadh e anns an fheòil, labhrar uime, ann an cleachdadhl na dreuchda sin, mar neach a chuireadh o Dhia chum na h-oibre, Micah v. 2, "Uachdaran Israel, aig an robh a dhol a mach o shean, o làithibh na siorruidheachd." Cha-n'eil a dhol a mach ann an so a' ciallachadh a ghineamhuinn shiorruidh, a tha 'coimh-sheasamh ann an aon ghmionh shiorruidh an Athar; ach is e a dhol a mach ann an cleachdadhl a chumhachd agus a chàraim a thaoblh na h-eaglais, a tha air a chur an céill. B'e so o'n fhior thoisceach ceud blumait na h-eaglais, coimh-flireagarrach r'a chomh-airlibh o shiorruidheachd, Sech. ii, 8, 9, "Oir mar so tha Tighearn nan sluagh ag ràdh, An deigh na glòire so chuir e mise chum nan cinnéach a chreach sibhse?" agus a ris, "Crathaidh mise mo làmh orra, agus bithidh iad 'n an cobhartaich d'an tràillibh: agus aithmichidh sibhse gu'n do chuir Tighearn nan sluagh fios leamsa." Tha esan a tha air a chur 'ga aimmeachadh féin "TIGHEARN nan sluagh," agus tha e'g ràdh gu'n dean e na cinnich a sgrios le a làmh a chrathadh orra; neach is e Dia fein. Is e sin, b'e Mac Dhé e, a bha gu bhi air 'fhoillseachadh anns an fheòil, mar anns na briathraibh a tha 'leantuim: "Seinn agus dean gairdeachas, O nighean Shioin; oir feuch tha mise teachd, agus gabhaidh mi còmhnuidh ann ad mheadhon, deir an Tighearn. Agus bithidh nòran chinneach air an eur ris an Tighearn auns an là sin, agus bithidh iad 'n an sluagh dhomhsa: agus gabhaidh mise còmhnuidh ann ad mheadhon; agus bithidh fios agad gu'n do chuir Tighearn nan sluagh mise a' d' ionnsuidh," rainn 10, 11. Is e a ghealladh gu'n gabh e còmhnuidh 'am meadhon an t-sluagh; ni mar an ceudna a choimhlionadh, an uair "a rinneadh am Focal 'na fheòil, agus a ghabh e còmhnuidh 'nar u-easg-ne," Eoin i. 14; agus b'e sin 'am gairm nan Cinnéach, 'nuair a bha nòran chinneach gu bhi air an eur ris an Tighearn; agus iadsan a bha gu bhi mar so air an gairm, bha iad gu bhi 'n an sluagh dha-san: "Bithidh iad 'n an sluagh dhomh-sa." Agus gidheadh ann an so uile bha e air a chur le Tighearn nan sluagh: "Bithidh fios agad gu'n do chuir Tighearn nan sluagh mise a' d' ionnsuidh." Uime sin, ann an coimhcheangal r'a dhreuchdaibh a ghabh e os làimb as leth na h-eaglais, theirear gu bheil Tighearn nan sluagh ann am pearsa a' Mhic air a chur le Tighearn nan sluagh ann am pearsa an Athar. Air a' mhodh so, b'e faidh na h-eaglais e mu'n d' fhoillsieheadh e anns an fheòil, air a chur no air a rùnachadh leis an Athair chum a bhi 'ga teagasc, ann an comhpairteachadh soluis spioradail agus tèarnaidh rithe. Is andhuit a rinn e fianuis d'a thaoblh féin do na h-Iudhaich, "Mu'n robh Abraham ann, THA MISE." Eoin viii. 58. Agus tha so, cha-n' e mhain a' dearbhlaidh gu soilleir a bhith o shiorruidheachd roimh dha teachd's an fheòil, ach mar an ceudna

gu'n robh cùram na h-eaglais air riamh o'u fhior thoiseach. Agus bha an dreuchd so air a cleachdadhl leis ann an ceithir dòighibh:—

An cend dòigh,—Le taisbeanadh pearsanta ann an coslas na daonnachd, ann an cruth mar dhuine, mar chomharadh air a theachd 's an fheòil ann an lánachd na h-aimsir: agus fo na cruthaibh so bha e 'teagasg na h-eaglais. Air a' mhodh so dh' fhoillsicheadh e do Abraham, do Iacob, do Mhaois, do Joshua, mar a rinn sinn a dhearbhadh aum an aít eile. Agus tha gach taibseanadh àraidh dhiubh so a thugadh de phearsa a' Mhic chum teagasg nan creideach, 'na dhearbhadh soilleir air gu'n robh cùram agus obair na h-eaglais air an earbsa ris air mhodh sònruichte. Agus a thaobh na euid sin dé'n t-Seann-tiomadhl gu léir ams am bheil Dia a' deanamh gnothuich ri daoinibh, mar gu'm b' am tre bhudadhaibh agus aigne duine, mar sin 'gar tarruing le còrdaibh duine, cha-n'eil mi gun smuaintean a bhi agam d'a thaobh, ged a tha mi faicinn tomhais de dhéacaireachd ann, gu bheil e air teachd gu léir o phears' a' Mhic, ann an rathad ulluchaidh air son a theachd 's an fheòil, agus mar roimh-shealladh dheth.

An dara dòigh,—Le ministreileachd nan aingeal. Air dha-sam gabhail os làimh a bhi 'na eadar-mheadhonair na h-eaglais maille ri Dia, bha na h-ainglean air mhodh àraidh air an eur fo iochdranachd dha, eadhon mar a rinneadh e 'na cheann nuadh agus neo-mheadhonach do'n chruthachadh uile. Bhuineadh so do'n ghlior àraidh sin a bha aige maille ris an Athair "mu'n robh an saoghal ann," air an do labhair sinn a cheana. Bha na h-uile nithe gu bhi air an ath-chruinneachadh fo cheann nuadh amsan, "araou na nithe a tha air nèamh, agus na nithe a tha air thalamh," Eph. i. 10. Agus rinneadh e 'na "cheud-ghin a' chruthachaidh uile," Col. i. 15, Tighearn agus Uachdaran nan uile chreutairean. Uaith so chuireadh ministreileachd nan aingeal gu h-iomlan fo iochdranachd dha: agus cia b'e air bith an tonhas teagaisg a thugadh do'n eaglais, tre mheadhon nan aingeal, ann an intinn agus ann an toil Dé, thugadh e gu neo-mheadhonach uaith-san, mar fhàidh mòr na h-eaglais.

An treas dòigh,—Le bhi 'eur a Spioraid Naoimh chum a bhi 'deachdadhl, agus a' treòrachadh, agus a' cleachdadhl nam fàidhean, trid am b' àill le Dia a bhi 'ga fhoillseachadh féin. "Labhair Dia le beul 'fhàidhean naomha féin, a bha ann o thoiseach an t-saoghail," Lucas i. 70. Ach b'e Spiorad Chriosd a bha labhairt annta, agus a bha foillseachadh nan nithe sin a bhuineadh do shaorsa agus do shlàinte na h-eaglais, 1 Phead. i. 11, 12. Agus leis an Spiorad cheudna so shearmonaich e féin do'n dream sin a bha eas-ùmhal ann an làithibh Noah, a tha nise ann am priosan air son an eas-ùmhachd, 1 Phead. iii. 19, 20. Oir bha e riamh 'na fhàidh na h-eaglais a' tairgseadh iomadh teagaisg eugsamhul

dóin t-saoghal mhi-chreideach a bha 'dol am mugha. Uime sin theirear gu bheil e "soillseachadh gach uile dhuine 'tha teachd chum an t-saoghail," Eoin i. 9; ann an aon rathad no rathad eile a' phírteachadh bheachdan éigin riù mu Dhia agus mu a thoil; oir tha a sholus a' soillseachadh anns an dorchadas fén—an dorchadas sin a tha air teachd air imntinnibh dhaoine leis a' pheacadh—ged nach do "ghabh an dorchadas e," ram 5.

Au ceithreamh dòigh,—Le ministreileachd dhaoine naomha, air an ghasad agus air an seòladh le a Spiorad. Air a' mhodh so rinn e 'fhoical a chur a mach, a bha air a sgríobhadh mar riaghail creidhinn agus ümhilachd dóin eaglais gu bràth.

Air an dòigh so, ma seadh, bha dreuchd agus obair soillseachaidh agus teagaisg na h-eaglais air a làimh o'n fhior thioseach, agus air a' mhodh so rinn e an cleachdad. Cha robh so 'na obair do neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain. Cha robh bith aig nàdur a dhaonnachd gus an d'thàinig coimhlionadh na h-aimsir, eadhon na làithean deireannach, agus uime sin cha robh gniomhachadh sam bith comasach dóin daonnaichd roimh sin. Agus a mheud's gu bheil an t-abstol a' deanamh eadar-dhealachaidh eadar Dia a bhi 'labhairt tre a Mhae agus a bli 'labhairt leis na faidhbh, gan eur mu choinneamh a chéile, Eabh. i. 1, 2, tha e 'deanaimh sin ann an coimh-cheangal ri ministreileachd phearsanta Chriosd do eaglais nan Indhach, agus cha-n ann ann an coimh-cheangal r'a shuidheachadh mar thobar àraidiu na beatha agus an t-soluis dóin eaglais choitchinni anns gach uile linn.

Tha e fior, gu bheil ionadh sochair dolabhairt againn fo'n t-soisgeul o dhreuchd Chriosd mar fhàidh, os ceann sin a bha iad a' mealtuinn fo'n t-Seann-tiomnadh; ach b'e faidh na h-eaglais e coimh-ionann anns na h-uile lim. A mhain gu'n robh e frithdealadh èolais imntinn Dhé ann an tomhaibh eadar-dhealaichte; air do'n fhrithealadh a bu choimhlionta a bli, air ionadh aobhar, air a gheildheadh fa chomhair làithean an t-soisgeil; agus is e suim na cùis, gu'n do rùnaich Dia gu'm bitheadh aige-san an t-àrd-cheanmas os ceann nan uile 'na mhàistreileachd phearsanta fén.

Ma dh' fhòraicheadh a nis le neach sam bith ciomus a b' urrainn Chriosd a bli 'na fhàidh na h-eaglais mu'n do gabh e ar nàdur, agus mu'n do ghabh e còinlbuidh 'n ar measg; feudaidh sinne mar an ceudna 'fhòraich ciomus a tha iad a' saoilsinn gur fhàidh na h-eaglais a nis e air dha an saoghal so flagail agus dol suas air néamh, ionnus nach 'eil sinn aon chuid 'ga fhaicinn no 'ga chluimintinn tuilleadh! Ma their iad gu bheil e mar sin le a Spiorad, agus le fhoical, agus leis a' mhàistreileachd a dh' òrduich e; their sinne, gu'n b'e faidh na h-eaglais e air an dòigh cheudna mu'n d'fhoillsicheadh e anns an fhéoil. Iadsan a tha 'dùnadh

suas dhreuchdan Chriosd, a thaobh an cunlachd agus an eifeachd, ri làithibh an t-soisgeil a mhain, tha iad gu h-ionlan a' cur air chàl a' cheud gheallaidh, maille ri coimhcheangal nan gràs a dhaingnicheadh ann. Agus tha dìth creidimh 'na phearsa dhiadhaidh a' buadhachadh gu h-uaigneach ann an inntinnibh na muinntir sin, a tha saoilsinn nach robh ceangal sam bith aig an eaglais ri Criod ann an rathad creidimh, agus gràidh, agus muinghin, agus teagaisg, gus an d' fhoillsicheadhlanns an fhèòil.

(2.) Cha b'urrainn e bhi 'na fhàidh mòr na h-eaglais mar dhuine a mhain, anns an dara áit, do bhrigh nach b' urrainn breith-neachadh coimhlionta ann an inntinn agus ann an toil Dé, maille ri comhairlibh diadhaidh a ghàibre ann an naomhachadh agus ann an slàinte na h-eaglais, còmhnuidh fhaorainn còmhla ann an inntinn chruthaichte sam bith. Gidheadh bha so neo-sheachanta d'a thaobh-san a bhitheadh 'na fhàidh 'na n-eaglais; is e sin, dh' fheumadh e 'bhi 'na thobar beatha, agus firinn, agus eòlais dhì. Uaith so goirear mar ainm dheth, "Iongantach, Comhairliche," mar an neach anns an do thaisgeadh uile chomhairlean siorruidh Dhé, agus 'an lorg sin, anns an robh uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais dhiadhaidh folaithe 'n ar nàdur, Col. ii. 3. Cha b' urrainn so a bhi ann an neach sam bith ach annsan anns an robh beatha, agus "b'i a' bheatha solus dhaoine," Eoin i. 4. Rinn Dia, gun amharus, inntinn agus a thoil 'fhoillseachadh tre ainglibh agus dhaoinibh. Ach mar a rinn e sin gu minic, is anhuil a rinn se e air ionadh dòigh, no ann an tomhasaibh eugsamhuil —cha-n e mhain mar a bha an eaglais comasach air a bhi 'ga ghabhail, ach mar an ceudna mar a bha iadsan comasach air a bhi 'ga chomhpaирteachadh. Cha robh inntinn neach sam bith dliubh comasach air comh-chruinneachadh nan comhairlean diadhaidh gu léir a ghabhail, uime sin cha b' urrainn iad an cur an cùill. Air an aobhar sin, a thaobh nan aingeal féin —ged a tha còmhnuidh aca an làthair Dhe, a' faicinn a' ghnùis, agus ged a chuireadh iad air cho liuthad teachdaireachd : hlòrmhor leis—dh' fhòghluim iad tomhas ni's mò a dh' inntinn Dhé 'an déigh ministreileachd phearsanta Chriosd, agus an taisbeanadh a rimmeadh de dhòmhaireachdaibh a chomhairle ann, na dh' fhòghluim iad riàmh roimh, Eph. iii. 8, 9, 11; 1 Phead. i. 12. Agus do bhrigh an neo-fhoghainteachd ann am breithmeachadh ionlanachd a chomhairlean, theirear, "as leth 'ainglean cuiridh e amaideachd," Iob iv. 18. Agus eadhon a thaobh nam fàidhean a bu bharraichte, cha-n e mhain gu'n d' thugadh dhoibh an taisbeanadh diadhaidh àithne air àithne, agus rann air roinn, ach cha robh iad a' breithmeachadh nan doimhneachdan a bha anns na firinnibh sin a dh' fhoillsicheadhlhoibh, 1 Phead. i. 11, 12.

Ann an coimh-cheangal ri so tha an fhanuis dhiadhaidh sin

againn, Eoin i. 18, "Cha-n fhaca neach air bith Dia riamh; an t-aon-ghin Mie a tha ann an uchd an Athar, is esan a dh' thoillsich e." Is ann mu thimchioll nam faidhean uile a tha sin air a radh, nach fhaca neach sam bith Dia riamh. Tha so soilleir anns gu bheil Maois am priomh fhàidh, agus an Tighearn Criosc air an eur mu choinneamh a chéile, anns an rann air thoiseach air sin: "Oir thugadh an lagh le Maois, aeh thàinig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Criosc." Uime sin, cha-n fhaca neach sam bith, cha-n fhaca duine no faidh sam bith eile, Dia riamh; sin r'à radh, cha robh breithneachadh coimhlionta aig neach dhiubh riamh 'na chomhairlibh, 'na innse agus 'na thoil, mar a bha iad sin gu bhi air an eur 'an cùill do'n eaglais. Is e so sochair an aoin-ghin Mhic, a tha ann an uchd an Athar; cha-n e mhain mar a thlachd agus a ghràdh shiorruidh, aeh mar an eudna mar neach aig am bheil eòlas air a chomhairlibh diomhair gu léir—mar a dhùth-chompanach a tha 'faotainn uile smuaintean a bhroillich.

Tha e 'g radh, Eoin x. 8, "Iadsan uile a thàinig romham-sa, is gaduichean agus luchd-reubainn iad." Bha cuid o shean a' comhchur so gu mi-naomh ri fàidhlibh an t-Seann-tiomnaidh; ged a tha e 'cìallachadh a mhain na faidhean bréige a bha leigeadh orra gu'm b' iad fèin am Mesiah, Buachaill mòr nan caorach, ris nach d' eisd a chaoraich taghta fèin. Ach tha e fior d'an taobh-san uile a thàinig roimh-san, nach robh eòlas Dé aca, aon chuid aig neach fa leth dhiubh, no aca uile maraon, ionnus gu'm b'urrainn iad a chur 'an cùill gu h-ionlan do'n eaglais.

Tha beachd ro amайдeach agus aingidh 'am measg nan Socinianach, a rinn iad a dhealbhadh chum a bhi gabhail leithsgeil am mi-chreidimh agus am fuatha d'a phearsa dhiadhaidh, eadhon, gu'n robh e, ann an làithibh fleòla, air a ghabhail suas do nèamh, agus gu'n do theaguisgeadh e ann an sin ann am firinnibh an t-soisgeil, amhuil a bha am faidh-bréige a' leigeadh air d'a thaobh fèin agus a theagascgan meallaidh. B'e aobhar agus bunait an eòlais ionlain a tha aig air Dia, gu'm b'e an t-aon-ghin Mie e ann an uchd an Athar, agus cha b'e seallaidhean faoin-sgeulach a thugadh do nàdur a dhaonnachd.

Coimhcheangailte ri so tha 'fhiamus fèin againn, Eoin iii. 13, "Agus cha deachaidh aon neach suas do nèamh, ach an ti a thàinig a nuas o nèamh, Mac an duine a tha air nèamh." Is ann mu thaisbeannadh nan nithe nèamhaidh a tha e labhairt. Oir, air dha Nicodemus 'thaotainn mall ann a bhi breithneachadh teagaist agus neo-sheachantachd na h-ath-ghineamhuiinn, a bha gidheadh soilleir agus réidh 'an coimeas ri cuid eile de na diomhaireachdaibh nèamhaidh, tha e feòraich dheth, "Ma dh' imnis mi dhuibh nithe talmhaidh, agus nach ereid sibh," (nithe air an

coimhlionadh air an talamh, agus 'n'ur n-uchd féin), "cionsus a chreideas sibh ma dh'innseas mi dhuibh nithe nèamhaidh?" mu chuireas mi an céill dhuibh comhairlean diomhair toil' Dé air nèamh, rann 12. Ach air a so dh'fheudadh ceisd éirigh, cionsus a bha e féin air teachd gu èolas fhaotainn air na nithibh nèamhaidh sin mu nach euala iad rianlh roimh, agus nach b'urrainm duine sam bith eile a chur an céill dhoibh, gu sòrnruichte 'muair a bheachdaicheadh ciod a labhair e féin roimh sin, rann 14, "Tha sinn a' labhairt an ni a's tios duinn, agus a' toirt fianuis air an ni sin a chunnaic sinn." Tha e 'freagradh anns na briathraidh a dh' ainnmicheadh, rann 13, Uime' sin, an dol suas sin do neamh a tha e 'g àicheadh do na h-uile dhaoinibh—"Cha deaclaidh aon neach suas do nèamh"—is e 'tha r'a thuiginn leis, an dol a steach a tha aige do uile chomhairlibh nèamhaidh agus diadhaidh Dhé; annsta so cha robh agus cha-n'eil breithmeachadh coimhlionta aig aon duine rianlh ach aige féin. Agus tha so air a chur as a leth-san air son aobhair dhà-fhìllte:—(1.) Gu'n d'thàinig e nuas o nèamh; (2.) Gu'n d' fhan e fathast air nèamh, eadhon ann an teachd a nuas: anns am bheil dà bhuaidh a tha cur 'an céill pearsa Chriosd mar neach ann an làn sheilbh air uile chomhairlibh Dhé. Thàinig e nuas o nèamh, ann an gabhairil nàduir an duine, trid an d'rimmeadh e 'na Mhae an duine; gidheadh tha e, agus bha e, anns a' cheart àm sin féin air nèamh ann am bith agus ann an glòir a dhiadhachd. Is e so, ma seadh, an t-ionlan a tha sinn a' tagradh. Tha dreuchd Chriosd mar fhàidh a coimh-sheasamh ann an èolas agus ann an taisbeanadh nan diomhair-eachdan nèamhaidh, chum gairme, agus naonhachaidh, agus sláinte na h-eaglais. Agus tha e gu soilleir a' cur an céill nach b'urrainn so coimhlionadh fhaotainn air dhòigh sam bith eile ach annsan agus trid-san, aig an robh a chòmluidh, air dha teachd a nuas o nèamh, anns a' cheart thiotadh sin féin air nèamh. Is e so am pearsa glòrmhor sin air am bheil sinn a' labhairt. An Ti sin, air bhí dha a ghnàth air nèamh ann an glòir agus ann am bith na Diadhachd, a thàinig a nuas o nèamh, cha b' ann ann an rathad a bhí 'g atharrachadh 'aite-còmhnuidh, ach ann an rathad frithealaidh, ann an gabhairil ar nàduir a dh' ionnsuidh aonaidh phearsanta ris féin—is esan a mhain a tha freagarrach agus comasach air a bhí 'na fhàidh na h-eaglais ann a bhí 'taisbeanadh dhòmhairreachdan nèamhaidh uile chomhair-lean toil Dé. Annsan a mhain bha "uile ionmhais a ghliocais agus an èolais folaithe," Col. ii. 3, agus sin do bhrìgh gu'n robh "uile ionlanachd na diadhachd a' gabhairil còmhnuidh ann gu corporra," rann 9.

Cha-n' eil sinn ann an so a' cur uil-fhiosrachd, no tuigse, agus gliocais, agus èolais neo-chriochnaich as leth nàduir an duine ann

an Criosd. Bha e agus tha e 'na chreutair a mhain, cruthaichte agus eriochnach, cha mhò is euspair e d' am bheil buadhan a tha gu h-ionlan neo-chriochnach comasach. Lionadh e le solus agus gliocas gus a cheum a b' aird' a bha ann an comas creutair a ghabhail ; ach bha so deanta, cha b' ann le bhi air 'atharrachadh gu nàdur no bith na diadhachd, ach le bhi 'faotainn an Spioraid gun tomhas. Ghabh Spiorad an Tighearna còmhnuidh air, spiorad gliocais agus tuigse, spiorad comhairle agus cumhachd, spiorad eòlais agus eagail an Tighearna, agus rinnmeadh e geurnhoothachail ann an eagal an Tighearna, Isa, xi. 2, 3.

(3.) Air do Spiorad Dhé còmhnuidh a ghabhail ann, ann an fànanachd nan uile ghràs agus thiodhlaican, thugadh tuigse ro chomharaichte dha, do nach robh coimeas idir r'a fhaotaim ; agus am feadh a bha i os ceann tuigse nan uile chreutair eile, bha i fo uil-fhiosrachd shiorruidh na Diadhachd. Uime sin, mar dhuine bha euid de nithibh air nach robh eòlas aige (Marcus xiii. 32), ach mar a dh' fhoillsicheadh dha iad, Taisb. i. 1. Ach is e faidh na h-eaglais e 'na phearsa gu h-ionlan, agus dh' fhoillsicheadh comhairle Dhé leis, mar a bha e air nèamh ann an uchd an Athar. Is malaichte an neach a chuireas a dhòchas ann an duine, agus a ni feòil 'na gairdean da, a thaobh a bhi taisbeanadh chomhairlean Dhé dha. Ann an so tha seasmachd, agus tèaruinteachd, agus glòir na h-eaglais a' luidh. Cia cho truagh as a tha dorchadas a' chinne-dhaoine, 'n an aineolas air tia agus air nithibh nèamhaidh ! Cia cho diomhain agus cho truagh as a tha na slighean air an deachaidh daoine gu coitchionn air faonndriamh o chuir iad an eùil air Dia ! Cha-n' eil ni sam bith a muigh à ifrinn féin a's doimhlíne a chaidh fodha ann an uamharrachd agus ann an aimhlreite na inntinnean agus slighean dhaoine as eugmhais an t-soluis nèunhaidh. Cia cho truagh as a dh' fhàs iadsan ann an diomháanas an reusonachaidh féin, a bha 'deanamh uaille asda féin mar dhaoinibh glice ! Agus a thaobh am fiosrachaidh gu lèir an déagh nàduir agus toil' Dhé, maille r'an cor, agus an dileasdanas, agus an sonas féin, cia cho muladach as a chriochnaich e uile ann an neadhachas, agus an teagamh, agus 'an diomháanas, agus 'an mealladh ! Gidheadh rinn Esan a tha neo-chriochnach 'na mhàitheas agus 'na thruacantachd beagan fuasglaidh a fhrithhealadh o'n fhìor thoiseach anns a' chor thruagh so, le tomhasaibh sin an taisbeannidh dhiadhaidh a bha e 'faicinn iomchuidh a phàirteachadh riù leis na faidhbibh o shean, mar a bha iad comasach air a bhi 'gan giùlan. Leo sin rinn e solus a lasadh a bha 'dealradh ann an ionad dorch, mar sholus nan reul anns an oidhche. Ach b'e éirigh Grìan na Fireantachd a mhain a rinn an dorchadas a sgapadh a bha air an talamh, agus an dall-cheò a bha air na cinnich, a' toirt beatha agus neo-bhasmhorachd chum

soluis tre an t-soisgeul. Tha pearsa diadhaidh Mhie Dhé, anns am bheil uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais folaichte, neach a tha ann an uchd an Athar, a nis air na h-uile nithe a dheanamh aithnichte do'n eaglais, a' toirt dhuinn fior bheachd agus cinnte nam firinn diadhaidh gu léir, agus làn dearbh-bheachd nan nithe neo-fhaicsinneach agus siorruidh.

Tha tri nithe feumail, chum gu'm bitheadh againne buannachd agus comhfhurtachd na firinne diadhaidh :—*Anns a' chend àit*,—Làn-thaisbeanadh na firinn ; *anns an dara àit*,—Uile-sheasmhachd na firinn ; agus, *anns an treas àit*,—Ughdarras an ti a tha 'ga labhairt. Ma tha aon air bith dhiubh so air chall, cha ruig sinn air seasmhachd agus dearbh-bheachd a bhi againn ann an creidsinn na firinn, no ann an ùmhachd a thoirt dhi.

Anns a' chend àit,—Is éigin do'n taisbeanadh a bhi *làn* agus soilleir, chum a bhi air ar saoradh o gach imcheist a thaobh ni sam bith a bhi air a ghleidheadh no air 'fholach uainn, air am bitheadh feum againn eòlas a ghabhail. As eugmhais so cha-n urrainn inntinnean dhaoine gu bràth teachd gu bhi 'foiseachadh ann an eòlas na firinn. Feudaidh na h-uile ni air am bheil eòlas aca a bhi gun tairbhe dhoibh, as eugmhais an eòlais sin nach 'eil aca, no nach urrainn a bhi aca, do bhrìgh nach d'fhoillsicheadh e.

Anns an dara àit,—Is éigin do'n fhìrinn a bhi mar an ceudna *uile-sheasmhach*. Oir air do'n fhìrinn dhiadhaidh so air am bheil sinn a' labhairt a bhi mu thimchioll nithe neo-fhaiesinneach agus nèamhaidh—dìomhaireachdan siorruidh, air nach ruig reuson duine—cha-n' eil ni sam bith ach uile-sheasmhachd ionlan an ti sin a dh'fhoillsich i a's urrainn inntinnean dhaoine a thoirt gu bhi 'socrachadh le dearbh-bheachd imte. Agus a mheud 's gu bheil an fhìrinn cheudna so a' eur dhleasdanas mar fhiachaibh oirinne, a tha gu tric a' dol tarsuinn air ar tograidhibh agus ar buannachdaibh nàdurra—cinn-iùil mòra sin ar nàduir thruaillte—is éigin do thaisbeanadh na firinn sruthadh o 'ughdarras àrd-uachdaranaach Dhé, chum gu'm bitheadh an toil a' comh-aontachadh ris an inntinn ann an gabhail rithe. Tha na nithe so uile, ma seadh, air am faotainn 'n an ionlanachd ann am pearsa dhiadhaidh fàidh mhòir na h-eaglais. Tha gliocas, agus maiitheas, agus firinn neo-chriochmach agus neo-chaochlaidheach a nàduir, maille ri 'ughdarras àrd-uachdaranaach os ceann nan uile, a' toirt an dearbh-chinnte a's ro àirdre a's urrainn tuigse chruthaichte a ghabhail, nach do chumadh ni sam bith 'am folach, agus nach comasach do mhearachd sam bith a bhi anns na chuireadh 'an céill dhuinn, agus nach d' fhàgadh an leithsgeul a's lugha air son ùmhachd 'aicheadh do reachdaibh na firinne sin ris am bheil sinn a gabhail. Tha so a' toirt fois' agus sìthe sheasmhaich do'n

anam ann an creidsinn nithe nach "fhaca sùil, agus nach euala cluas, agus nach d' thàinig ann an eridhe duine a smuaineachadh." Is ann o dhearbh-bheachd na firinne so a mhain is urrainn e le h-aoibhneas roghainn a dheanamh de nithibh neo-fhaicsineach agus siorruidh, os ceann uile thoil-inntinnean na beatha 'ta làthair. Air dha cinnte sheasmhach fhaotainn d' a taobh, tha e furasda gach tairbhe saoghalta a's fearr 'aicheadh, agus na h-uile a's àmhgharaich a ghiùlan; sin r' a rádh, 'nuair a tha mothachadh a làthair aige de eifeachd na firinn, agus dearbh-chinnt a thaobh na duaise siorruidh a dhaingnicheadh dha innte. Agus cha-n' eil an neach sin idir a' creidsinn an t-soisgeil ann an rathad buannachd dha féin, no chum glòire Dhé, aig nach 'eil a chreidimh a' foiseachadh air pearsa dhiadhaidh Iosa Criosd, fàidh mòr na h-eaglais. Agus an neach sin a tha air faotainn suaimhneis d' a anam féin ann, cha cheadaich e do neach sam bith eile comhroinn a thagrach maille ris ann an teagasg inntinn Dhé do dhaoinibh.

Anns an treas àit,—Bha e feumail do fhàidh mòr so na h-eaglais ann an cleachdad a dhreuchd, gu' m bitheadh cunhachd agus tighdarras aige gu bhi 'cur an Spioraid Naoimh chum na firinnean diadhaidh sin a dh' fhoillsich e a dheanamh eifeachdach do inntinnibh dhaoine. Oir cha-n e mhain gu'n robh an eaglais a bha e gu bhi 'teagasg 'na luidh ann an dorchadas, do bhrigh a h-aimeolais agus dith soluis an taisbeanaidh dhiadhaidh, ach bha i gun chomas aice nithe spioradail a ghabhail air mhodh slàinteil 'nuair a bha iad air am foillseachadh dhi. Air an aobhar sin, b'i obair an fhàidh so, cha-n e mhain teagasgan sin na firinn a dheanamh aithnichte agus a chur an céill, a tha 'n an solus sedlàidh dhuinn o'n leth a muigh, ach mar an ceudna ar n-inntinnean a shoillseachadh, chum gu'm bitheamaid comasach air an tuigsinn air mhodh slàinteil. Agus mar sin cha-n iongantach ged a tha iadsan a' cur suarach pearsa dhiadhaidh Chriosd mar fhàidh na h-eaglais, a tha 'meas gu bheil iad féin comasach air nithe spioradail Dhé a ghabhail mar bu chòir, 'nuair a bhitheas iad air an cur r'an aghaidh. Ach gu bràth cha ruig an dream so air féin-fhiosrachadh ann ann beatha agus ann an cunhachd theagasan an t-soisgeil, ma tha sinn gu bhi 'creidsinn an abstoil, 1 Cor. ii. 9-12. A nis, is e Spiorad Naoimh Dhé a mhain a tha comasach air inntinnean dhaoine a shoillseachadh air a' mhodh so chum aidmheil na firinn, Eph. i. 17-19; 2 Cor. iii. 18. Uime sin, cha robh neach sam bith a b' urrainn a bhi 'na fhàidh na h-eaglais, ach esan aig an robh cunhachd a bhi 'cur an Spioraid Naoimh, chum a deanamh comasach air a bhi 'gabhal r' a theagasg, tre shoillseachadh slàinteil so na h-inntinn. Agus cha robh an cunhachd so aig neach sam bith eile, ach aige-san d' an Spiorad e, a tha teachd a mach

uaithe; neach, uime sin, a tha gu tric a' gealltuinn a chur chum na crìche sin.

Cha-n'eil e'n ar comas, ma seadh, fior chomhpairt fhaotainn de shocairibh agus de thoraidbibh slainteal dreuchd' so Chriosd mar fhàidh, gun a bhi 'toirt an àite dhliglich féin do na nithibh so. Agus cha bhi so deanta leinn ach a mhain ann an cleachadh a' chreidimh air a phearsa dhiadhaidh, an tobar siorruidh sin o'm bheil beatha agus éifeachd na dreuchda so gu léir a' sruthadh.

Is i àithne Dhé dhuinne, a thaobh Chriosd mar fhàidh na h-eaglais, "Is e so mo Mhac gràdhach, anns am bheil mo mhòr-thlachd; eisdibh ris." Mur 'eil sinn ann am firinn 'ga thoirt fainear tre chreidimh mar aon-ghin Mhic Dhé, cha bhi e'n ar comas aon dleasdanas a choimhlionadh gu cubhaidh ann a bhi 'g éisdeachd ris, cha mhò a dh' fhòglumas sinn an fhùrrim mar 'bu chòir. Is e so an t-aobhar nach 'eil iadsan a tha 'g àicheadh a phearsa dhiadhaidh a' fòghlum firinn sam bith uaithe, ged a tha iad a' leigeadh orra a bhi 'ga thoirt fainear mar fhear-teagaisg na h-eaglais, ach, 'an àite sin, a' toirt caidrimh do mhearrachdaibh cronail eile. Is amhuil sin cor nan Socinianach, agus iadsan uile 'tha 'g an leantuinn. Oir a mheud 's gu bheil iad ach ro bheag ag àicheadh gach dreuchd eile a tha aig Chriosd ach a dhreuchd mar fhàidh a mhain—ag anharc air mar dhuine a chuireadh a theagaisg inntinn Dhé do dhaoinibh, agus a dhaingneachadh a theagaisg le 'fhublangasaibh, air son an d' àrdaineachadh e 'na dhéigh sin le Dia—cha-n'eil iad a' fòghlum ni sam bith uaithe mar a bu chòir.

Gidheadh is e bhi 'toirt fainear pearsa Chriosd air a' mhodh so a ghineas annaimh an deasachadh naomh cridhe sin a tha neo-sheachanta chum ar deanamh comasach air a bhi 'gabhair eòlais air inntinn agus toil' Dé. Oir is e so o'm bheil urram, agus irioslachd, agus creidimh, agus tlachd, agus dearbh-bheachd, ag éirigh agus a' sruthadh; agus far nach 'eil na nithe so ann an gnàth-chleachdad, is dònachain do dhaoinibh a bhi 'g altrum dòchais gu'm fòghluim iad toil Dé le cleachdad a's airde an oidhirpean féin. Is e 'bhi as an eugmhais a tha aig freumh an eòlais mhairbh agus mhi-naomhaichte sin air theagaisg-aibh an t-soisgeil a tha 'n ar measg. Cha-n'eil iad a' fòghlum na firinn o Chriosd, ann an rathad stùl a bhi aca ris gach uile theagaisg o a chumhachd dhiadhaidh-san. Uime sin cha-n'eil iad gu bràth a' teachd chum eòlais na firinn, aon chuid 'na maise nàdurra féin, a' cosnadh an anama ann an gràdh agus ann an tlachd do na nithibh air am bheil iad a' gabhair eòlais, no ann an cumhachd chruth-atharrachaidh na firinn ag atharrachadh na h-inntinn chum a h-iomhaigh agus a cosmhualeachd féin.

2. Tha so mar an ceudna fìor a thaobh *dreachd* agus *cumhachd*

rìoghail Chriosd. Ach leudaich sinn air so a cheana, agus sin ann an tomhas chum na crìche ceudna, 'n ar n-eadar-mhineachadh air Eabh. i. 3. Uime sin cha labhair sinn ach gu h-aithghearr air ann an so.

A réir coslais tha cuid a' saoilsinn, gu bheil cumhachd *rìoghail* Chriosd a thaoblh na h-eaglais a' coimh-sheasamh a mhain ann an riaghlaidh o'n leth a muigh le laghannaibh an t-soisgeil, ag iarraidh ùmhlaichd iocadh do'n luchd-dreuchd agus do'n luchd-riaghlaidh a shuidhich e innte. Tha e fior, gu'm buin so mar an ceudna d'a riaghlaidh agus d'a chumhachd *rìoghail*; ach a bhi 'smuaineachadh gu bheil e 'coimh-sheasamh ann an so a mhain, cha-n'eil ann an sin ach sruthan salach a tha teachd o'n tobar nimheil sin a tha 'g àicheadh a phearsa dhiadhaidh. Oir ma's e's nach Dia e os ceann nan uile, cha-n 'eil riaghlaidh no cumhachd sam bith eile 'na chomas, cia b'e air bith a dh'fheudar a chur as a leth ann am briathraibh. Ach gu eimneach cha-n urrainn aon ghniomh a bhuineas d'a dhreuchd *rìoghail* a bhi aon chuid air a thuiginn no air 'aideachadh gu ceart, gun a bhi 'toirt fainear a phearsa dhiadhaidh. Cha dean sinn ach dà éisempleir a shonrachadh ann an rathad coitchionn ann an coimh-cheangal ri so.

(1.) Tha *farsuinneachd a riaghlaidh agus a chumhachd* a' dearbh-adh a phearsa dhiadhaidh. Tha so os ceann cruthachaidh Dhé gu h-ionlan. "Thugadh dha-san na h-uile cumhachd air nèamh agus air talamh," Mata xxviii. 18. Tha na h-uile nithe air an cur fo a chosaibh, a mhain gu bheil esan a chuir na h-uile nithe fodha, 'an leth a muigh dheth so, 1 Cor. xv. 27; agus "thug se e gu bhi 'na cheann os ceann nan uile nithe do'n eaglais," Eph. i. 22. Cha-n e mhain na creatairean sin a tha os ceann riaghlaidh lagha o'n leth a muigh, mar a tha na h-ainglean naomha; agus iadsan a thilg dhiubh gach uile shamhuil sin de riaghlaidh, mar na deamhnaibh féin; ach mar an ceudna na h-uile ni do nach d' thugadh nàdur no comas ùmhlaichd a thoirt do lagh no do riaghait o'n leth a muigh, mar a tha an cruthachadh nàdurra gu léir—an speur, agus an talamh, agus an cuan, maille ris gach ni a tha amfa agus fodhpá (Phil. ii. 10), agus mar an ceudna cuirp marbha dhaoine, a ni e thogail snas aig an la dheir-cannach.

Oir a thaoblh cumhachd so Chriosd os ceann a' chruthachaidh gu léir, cha-n e mhain gur a còir modhamail riaghlaidh a tha ann, ach tha feartan, agus éifeachd, agus cumhachd uile-chumhachdach, 'na chomh-chuildeachd, chum a riaghlaidh, agus 'òrduchadh, agus a bhuileachadh mar a chi e ionchuidh. Is amhuil sin a tha an t-abstol 'ga chur an céill o chainnt an t-Salmadair, Eabh. i. 10, 12, "Leag thusa, a Thighearna, bunaitean na talmhainn air tùs;

agus is iad na nèamhan oibre do làmh: teirgidh iadsan ach mairidh tusa; agus fàsaidh iad uile sean mar eudach; agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tusa an ti ceudna, agus cha-n fhàilnich do bhliadhnhachan." Tha an cumhachd ceudna sin air 'iarraidh chum cleachdaidh a dhreuchd rioghail, leis an do chruthaich e na h-uile nithe air tùs, agus leis an dean e an caochladh uile aig a' chrìch, mar a ni duine brat 'filleadh suas. Agus cha-n' eil ni sam bith eile foghainteach air son so ach cumhachd uile-chumhachdach, maille ri siorruidheachd agus neo-chochlaidheachd nàduir.

Cha-n' eil anns a' bheachd sin, uinne sin, ach faoineas, a tha saoilsinn gu feud an cumhachd so còmhnuidh 'thaotainn ami an neach nach 'eil ach 'na chreutair a mhain, cia b'e air bith mar a dh' fheudar a ghlòrachadh agus 'àrdachadh. Tha gach uile bhuadhan siorruidh na Diadhachd 'na chomh-chuideachd, agus neo-sgaraichte uaithe. Agus far am bheil buadhan Dhè, ann an sin tha nàdur Dhè; oir tha a bhith agus a bhuadhan 'n an aon agus coimh-ionann.

Mur 'eil anns an Tighearn Iosa Criod, mar righ na h-eaglais, ach duine a mhain, agus mur 'eil e'r a bheachdachadh ach mar dhuine, cia b'e air bith mar a dh' fbendas e 'bhi air 'àrdachadh agus air a ghlòrachadh—air a sgeadachadh le h-urram, agus inbhe, agus uighdarras—gidheadh cha-n urrainn e fior ghnionmh sam bith cumhachd a chur gu neo-mheadhonach 'an cleachdadhl ann an ionad sam bith ach far am bheil e féin gu corporra. A nis tha a làthaireachd chorporra air nèamh a mhain; oir, "is éigin do nèamh a ghabhail gu aimsiribh aisig nan uile nithe," Gniomh. iii. 21. Agus a réir a' bheachd so, cha b'urrainn calldach ni's mo teachd air an eaglais, na gu'm bitheadh an cumhachd riaghlaidh ann an làmhaibh Chriosd. Oir smuainicheamaid an eaglais a bhi fo riaghlaidh neo-mheadhonach Dhè, eadhon an Athar; bhitheadh 'uil-fhiosrachd agus uile-làthaireachd, maille r'a chumhachd agus a ghliocas neo-chriochnaich—trid am b'urrainn e bhi 'lathair a ghnàth maille ris gach aon diubh, a' gabhair eòlais air am feumaibh, agus a' frithealadh saorsa orra a réir comhairle a thoile—'na bhunait seasmhach d'an creidimh, agus 'na thobar sòlais shiorruidh. Ach a nis, air do na h-uile cumhachd, agus breitheanas, agus riaghlaidh, a bhi air an deanamh thairis do'n Mhac, agus nach'eil an t-Athair a' deanamh ni sam bith as leth na h-eaglais ach annsan agus tridsan a mhain, ma's e's nach'eil an cumhachd agus na buadhan diadhaidh ceudna aig a Mhac a tha aig an Athair, tha bunait a' creidimh air a thilgeadh sios, agus tobar a sòlais gu buileach air a għlasadh suas.

Cha-n urrainn mi creidsinn anns an ti sin mar mo righ nèamhlaidh, aig nach 'eil an comas ann féin, trid eifeachd a làthaireachd

maille rium, a bhi riaghlaadh ann an inntinnibh dhaoine agus ann an cruthachadh Dhé gu léir, mar a chi e ionchuidh, chum m' fhuasgladh, agus mo ghleidheadh, agus mo theasaирginn, agus mo chorp a thogail suas aig an là dheireannach.

Iadsan a tha 'saoilsinn nach 'eil cumhachd diadhaidh agus neo-chriochnach aig an Tighearn Iosa Criosd, mar rìgh agus mar cheann na h-eaglais, trid am bheil e a ghnàth comasach air a bhi 'ga fuasgladh, 'ga cuideachadh, 'ga saoradh, agus 'ga teasaирginn—ged a l' éigin sin a dheanamh ann an rathad a bhi 'caochladh an ionlainn no carrainn sam bith de chruthachadh Dhé, ionnus nach deanadh teine an losgadh, no uisge am bàthadh, no daoine an comas a ghleidheadh ré aon tiotadh chum an dochann; iadsan a tha 'meas nach ann a tha a h-àmhgharan nile 'n an toraidhíbh a ghliocais, 'an àit a bhi 'n an comharaidhíbh air easbhuidh cumhachd,—tha iad a' tilgeadh gach creidimh, agus dòchais, agus diadhachd gu léir bun os ceann.

Uime sin ma's e's nach cuirear as leth an Tighearna Iosa Criosd, ann an cleachdadhdh a dhreuchd rioghail, ach cumhachd modhannail a mhain, ag oibreachadh tre riaghaitibh agus laghann-aibh, le cuideachadh mheadhona o'n leth a muigh—mu bhuitear air falbh uile-làthaireachd agus uil-fhiosrachd uaithe, maille ri cumhachd agus éifeachd dhiadhaidh agus neo-chriochnach, a dh'fheudas e 'chleachdadhdh mar is àill leis os ceann a' chruthachaidh gu léir—bithidh bunait gach uile chreidimh agus dhòchais Chriosdail air a thilgeadh gu h-iomlan bun os ceann.

Cha-n'eil fior chreideach sam bith a dhéalaicheas ri so air son an t-saoghal gu léir; sin r'a rádh, gu bheil an Tighearn Iosa Criosd comasach, le a làthaireachd agus le a chumhachd dhiadhaidh, air a bhi 'frithealadh cuideachaidh, agus fuasglaidh, agus saorsa neo-mheadhonaich air creidich, anns na h-uile buaireadh, agus eagal, agus cunnart, anns am feud iad tuiteam—anns na h-uile deuchainn agus dleasdanais chum am feud iad a bhi air an gairm, agus anns gach cath agus comhrag ris an coinnich iad. Agus cha-n' eil an dream sin ach a' mealladh gu ro thruagh an anama féin, aig am bheil sùil ris na nithibh so air sheòl sam bith eile ach o dhiadhachd a phearsa. Oir is e a th' ann an so obair Dhé.

(2.) Tha riaghlaadh Chriosd, mar rìgh na h-eaglais, 'na riaghlaadh *spioradail* agus *neofhaicsinneach*, os ceann inntinnean, agus anaman, agus chogaisean nan uile a tha creidsinn. Cha-n' eil aon chleachdadhdh gràis a' faotainn coimhlionaidh ann an anam aoin chreidich sam bith, aig àm sam bith air feadh an t-saoghal gu léir, aon chuid ann an eur 'an aghaidh peacaidh, no ann an coimhlionaidh dleasdanais, nach 'eil fo bhuaidh agus fo threòrachadh cumhachd rioghail Chriosd. Tha sinn a' saoilsinn nach e

mhain gu bheil fianuis creidimh choitchinn nan uile Chriosdaidhean againn air taobh an ni so, ach mar an ceudna am féin-mhothachadh agus am féin-fhiosrachadh spioradail gu léir. Anns a' bheatha spioradail a tha aca, tha fios aca gur esan a tha beò annta mar cheann-aobhar uile chleachdaidhean na beatha sin, agus as 'eugmhais nach urrainn iad aon ni a dheanamh. Tha an shùl air ann an uile ghluasadaibh diomhair a' ghràis a tha annta, cha-n e mhain mar ni a tha 'faotainn cleachdaidh fo a shùl, ach mar an ceudna le a chuideachadh ; tha iad aig na h-uile h-àm ag amharc air ann an oibreachadh uaigneach an inntinnean, mar neach a tha ni's faisge d'an anamaibh na tha iad dhoibh féin ; cha smuainich iad idir air 'eòlas no air a chumhachd mar nithe a tha anns an tonnas a's lugha am fad air falbh uatha. Agus tha dà ni air iarraidh chum na crìche so :—

[1.] *Gur fear-ranns achaidh chridheachan e*,—gu bheil uile smuaintean, agus choran, agus chleachdaidhean uaigneach chridheachan agus inntinnean nan uile chreideach anns an t-saoghal fogsailte na h-uile tiotadh d'a shùilibh. As eugmhais so cha-n urrainn e riaghlaibh 'n an anamaibh agus 'n an coguisibh anns an dòigh a chuireadh 'an céill, cha mhò is urrainn iadsan creidimh a chleachdadh air, mar a tha am feuman ag agairt. Cha-n eil duine sam bith a's urrainn a bhi beò tre chreidimh air Criod, a' cur muinghin 'na chumhachd àrd-uachdaranach, aig nach 'eil dearbh-chìnnt gu bheil uile choran a chridhe, uile osnaidhean diomhair a spioraid, uile ghleachdan 'anama 'an aghaidh peacaidh, agus an déagh comh-chumaidh ris féin, a ghnàth fa chomhair a shùl. Uime sin theirear, gu bheil na h-uile ni lomnochd agus fogsailte d'a shùilibh, Eabhl. iv. 13. Agus tha e 'g ràdh uine féin, gu bheil e "sgrìadhadh" (is e sin, gu bheil eòlas aig air) "airnean agus chridheachan dhaoine," Taisb. ii. 23. Agus mur 'eil na nithe so 'n am buadhaibh àraidh de nàdur na Diadhachd, cha-n eil fios agam-sa ciod a dh' fheudar a mheas mar sin.

[2.] Tha feartan cumhachd air an iarraidh air son na crìche so, chum gach uile chleachdadhl gràis ann an anamaibh nan creideach ;—oibreachadh dlùth agus eifeachdach maille riu anns na h-uile dleasdanais, agus fo na h-uile buaireadh. Tha iad a' sealltuinn ris, agus a' feitheamh air, air son nan nithe so, agus 'gam faotainn uile uaithe mar righ agus mar cheann na h-eaglais. Tha so mar an ceudna 'na thoradh a chumhachd dhiadhaidh agus neo chrìochnaich. Agus an dream a tha 'g àicheadhl nan nithe so a bhi aig an Tighearn Criod, tha iad a' fasachadh a' chreidimh Chriosdail gu h-iomlan. Cha-n urrainn creidimh no muinghin ann, no gràdh dha, no ùmhachd d'a ñighdarras, a bhi air an gleidheadh ré aon tiotadh, a dh' easbhuidd dearbh-chinnte gu bheil cridheachan, agus imntinnean, agus smuaintean nan uile

dhaoine a ghnàth fosgailte agus lomnochd d'a shùilibh, agus gu bheil *feartan eifeachd* air an eur an gniomh leis chum uile chleachdaidh-can beatha Dhé annta-san a tha 'creidsinn. Agus is e easbhuidh creidimh anns na nithibh so a rinn inntinnean mhòran a chlaonadh o bhi 'ga leantuinn, agus a rinn aideachadh gun bheatha a chur air chois, 'an àite eunhachd shlàinteil na fior dhiadhachd.

3. Feudar an ni ceudna a ràdh mu *dhreuchd a shagartachd*, agus uile ghniomharan na dreuchda sin. B' ann ann agus trid nàdur na daonnachd a thug se e féin suas 'na iobairt air ar son-ne. Bha ni-eigin aige féin a dheanadh e thabhairt suas, Eabh. viii. 3 ; agus chum na crìche so dh' ulluicheadhl corp dha, caib. x. 5. Ach cha b'e obair duine, le aon iobairt, agus sin le e féin iobradh, réite 'dheanamh air son pheacaidhean na h-eaglais gu léir ionnus gu'n d' rinneadh a chaoidh fairfe iadsan a tha air an naomhachadh, mar a rinn esan, Eabh. x. 14. Bha Dia gus an eaglais a cheannach "le fhuil féin," Gniomh. xx. 28. Ach leudaich sinn air so mar an ceudna ann an àit eile.

Is e so ma seadh suim ar tagraidh : Cha-n' eil e 'n ar comas beachdan cubhaidh sam bith a bhi againn mu dhreuchdaibh Chriosd, no buannachd sam bith 'fhaotainn d'an trid, no dleas-danas sam bith a choimhlionadh coimhcheangailte riu, mur 'eil sinn a' cleachdadhl creidimh air a phearsa dhiadhaidh mar stéidh an ionlain. Oir is e sin an tobar o'm bheil an glòir, agus an cumhachd, agus an eifeachd gu léir a' sruthadh. Uime sin, cia b'e ni a ni sinn coimhcheangailte ri riaghladh Chriosd, cia b'e ni a tha sinn a' faotainn tre chomh-pàirteachadh a Spioraid agus a ghràis, cia b'e ni a tha sinn a' fòghlum o 'fhocal tre theagasc a Spioraid, cia b'e air bith sochair a tha sinn a' creidsinn, no a tha sinn a' faotainn, no ris am bheil sùil againn, le 'jobairt agus 'eadar-ghuidhe air ar son ; tha ar creidimh d'an taobh gu léir a crioch-nachadh air a phearsa dhiadhaidh. Tha an eaglais air a téarnadh le a dhreuchdaibh, do bhrigh gur iad dreuchdan a phearsa. Is e so brigh na fianuis a rinneadh m'a thimchioll le Dia, eadhon an t-Athair, I Eoin v. 10, 11, "Is i so an flianuis," a rinn Dia a thaobh a Mhic, "gu'n d' thug Dia dhuinn beatha mhaireannach, agus tha a bheatha so 'na Mhac." Tha beatha mhaireannach air a tabhairt dhuinn, mar a bha i air a h-oibreachadh agus air a cosnadh le cedar-mheadhonaireachd Chriosd as ar leth. Ach gidheadh bha a' bheatha so annsan air tùs, agus tha sinne 'ga faotainn uaithisan ann an cleachdadhl a dhreuchda ; oir tha a' bheatha so ann am Mae Dhé.

Uaith so tha iadsan leis am bheil pearsa diadhaidh Chriosd air 'aicheadh, air an éigneachadh gu bhi 'deanamh a shanhuil sin de mhìneachadh air a dhreuchdaibh, as gu bheil e gu h-iomlan eu-comasach gu'm bitheadh an eaglais air a téarnadh le bhi 'g an cleachdadhl.

CAIBIDEIL VIII.

Creidimh na h-Eaglais fo'n t-Seann-tiomnadhl ann agus a thaobh Pearsa Chriosd.

Ni sinn na teagasgan so a tharruing gu comh-dhùnadhl, le bli 'gabhair scallaidh gu h-aithghearr de chreidimh eaglais an t-Seann-tiomnaidh mu thimchioll pearsa dhiadhaidh Chriosd, chum, anns a' chuid a leanas, gu'n euireamaid an céill ar dleasdanas féin ann an coimh-cheangal ris.

Ni sinn a dhearbhadh 'na dhéigh so, gu'n robh creidimh nan nile naomh, o thoiseach an t-saoghal, air a chleachdadhl air pearsa Chriosd ; agus iadsan a ni so 'aicheadh tha iad an dà chuid a' cur cuil ris an t-Seann-tiomnadhl agus ris an Tiomnadhl Nuadh. Ach is e a bhitheas air a chur 'an céill ann an so, gu'n robh an creidimh so aca ag amhare air mhodh àraidh r'a phearsa. Bha fios aca gu'm b'ann 'na phearsa a leagadh bunait uile chomh-airlean Dhé air son an saorsa, agus an naomhachaidh, agus an sláinte shiorruidh. Air mhodh eile cha robh iad a' tuigsinn ach ro bheag gu soilleir mu thimchioll a dhreuchd, no an dòigh air an robh an eaglais gu bhi air a saoradh leis.

Anns an aideachadh a rinn an t-abstol Peadar air Chriosd, Mata xvi. 16, thug e barrachd air creidimh an t-Seann-tiomnaidh, anns gu'n d' rinn e an gealladh a thaobh am Mesiah a chomh-chur ri pearsa a' Mhesiah féin a nis air fhoillseachadh : "Is tusa Chriosd, Mac an Dé bhcò,"—an ti sin a bha gu bhi 'na Fhearsaoraidh agus 'na Shlánuighearn na h-eaglais. Gidheadh cha robh ach ro bheag eòlais aig Peadar aig an àm sin air an dòigh anns an robh e gu bhi air mhodh àraidh mar sin. Agus, uime sin, an uair a thoisich e air meadhonaibh a saoraidh, eadhon, 'fhuolangais agus a bhàis, a chur 'an céill d'a dheisciobluibh, cha b'urrainn Peadar idir aontachadh riu, ach, a deir e, "Gu ma fada sin uitse, a Thighearna," rann 22. Mar nach b'e "fuil agus feòil"—is e sin, a reuson agus a thugse féin—a dh' fhoillsich do Pheadar gu'm b'esan an Chriosd, Mac an Dé bhcò, ach an t-Athair a tha air nèamh ; is amhuil sin a bha feum aige air cuideachadh nuadh o'n làimh uile-chumhachdaich cheudna gu bhi 'creidsinn gu'n deanadh Esan an eaglais a shaoradh agus a thèarnadh le a bhàs. Agus uime sin dhiùlt e gabhair ris an fhoillseachadh a thugadh dha o'n leth a muigh de mhheadhonaibh a saoraidh, ged a thugadh e le Chriosd féin, gus an d' fhuair e cuideachadh gràis o

nèamh anns an leth a stigh. Agus ma tha sinne a' saoilsinn gu bheil creidimh againn ann an Criosd no 'na bhàs air sheòl sam bith eile, is comharadh e air gu bheil sinn gun chreidimh idir.

Air an aobhar sin, bha creidimh nan naomh fò'n t-Seann tiomnadh ag amhare air mhidh àraidh ri pearsa Chriosd—araon mar a bha e ann féin, agus mar a bha e gu bhi 'nuair a thigeadh coimhlionadh na h-aimsir, ann a bhi de shliochd na mnà. A thaobh na h-oibre àraidh a bha gu bhi aige, agus a thaobh diomh-aireachd saorsa na h-eaglais d'a trid, bha iad a' fàgail sin aig a ghliocas agus a ghràs féin; a mhain gu'n robh iad a' creidsinn gu'm bitheadh iad air an saoradh o làimh an naimhdean gu léir, no an uile sin gu léir a bha air teachd orra mar thoradh a' cheud pheacaidh agus a cheud sheacharain o Dhia.

Thug Dia, gun amharus, dhoibh iomadh *taisbeanadh* agus roimh-shamhladh d'a dhreuchd agus d'a obair mar an ceudna. Rinn e sin leis an àrd-shagart fò'n lagh, agus leis a' phàilliun, maille ris gach iobairt agus seirbhis a bhuiteadh dha. Cha robh anns na h-uile ni a rinn Maois mar òglach dileas ann an tigh Dhé ach "fianuis air na nithibh sin a bha gu bhi air an labhairt an déigh sin," Eabh. iii. 5. Gidheadh tha an t-abstol ag innseadh dhuinn nach robh aca so gu léir ach "sgàil nithe maithe ri teachd, agus cha-u e fior choslas nan nithe féin," Eabh. x. 1. Agus ged a tha iad a nis làn sòluis agus teagaitsg dhuinne—gu soilleir a' nochdadh priomh oibre eadar-mheadhonaireachd Chriosd, gidheadh cha robh iad mar sin dhoibh-san. Oir anns a' choimhlionadh a tha iad e nis air faotainn tha am folach air 'fhilleadh suas dhiubh, agus tha comhairlean Dhé anna air an cur 'an céill anns an t-soisgeul. Feudaidh a nise an creideach a's isle tomhas nì's mo fhaotainn a mach de obair Chriosd ann an sgàilibh an t-Seann-tiomnaidh, na b'urrainn faidhean sam bith no daoine glice 'fhaotainn o shean. Uime sin bha iad a ghnàth a' miannachadh gu'n tigeadh àm an coimhlionaidh—gu'm briseadh an là, agus gu'n teicheadh na sgàilean le Grìan na Fireantachd a bhi 'g éirigh le slàinte fo a sgiathraig. Ach mu thimchioll a phearsa, bha iomadh *taisbeanadh* glòrmhor aca d'a thaobh; agus b'e an creidimh ann a bha mar bheatha d'an ùmhachd gu léir.

Bha an *cend gheulladh* anns an robh comh-chomunn nuadh air a dhaingneachadh eadar Dia agus an duine, air a thabhairt mu thimchioll teachd Chriosd anns an fheòil—gu'm bitheadh e de shliochd na mnà, Gen. iii. 17; is e sin, gu'm bitheadh Mac Dhé "air a ghin o mhnaoi, air a dheanamh fò'n lagh." Gal. iv. 4. O'n àm anns an d'thugadh an gealladh sin bha creidimh na h-eaglais gu léir air a shocrachadh air-san a bha Dia gu chur 'n ar nàdur, chum a bhi 'g an saoradh agus 'g an tèarnadh. Cha robh dòigh sam bith eile air 'ulluchadh no air a chur 'an céill anns am

feudadh iad a bhi gabhta leis, ach a mhain tre chreidimh anns a' ghealladh so. Bha an gealladh so 'na fhoillseachadh air an aon dòigh a dh' ulluich Dia 'na ghliocas agus 'na ghràs air son a bhi 'saoradh dhaoine o staid sin a' pheacaidh agus an t-seacharain anns an robh iad air tuiteam, maille ri nàdur creidimh agus ùmhachd na h-eaglais; air an aobhar sin cha cheadaich rùn Dhé ann dòigh slàinte sam bith eile, ach a mhain tre chreidimh annsan a bha air a ghealltuinn mar so gu bhi 'na shllànuighear. Iadsan a tha 'saoilsinn gu feudadh daoine tuiteam air falbh o chreidimh ann an Dia anns an fhoillseachadh a thug e dheth féin anns a' ghealladh so, agus gidheadh a bhi air an tèarnadh le bhi 'g eisdeachd ri teagasgaibh air an tabhairt le oibrigh a' chruthachaidh agus an fhreasdail, tha iad aon chuid aineolach air ciod a's ciall do chreidimh no do thèarnadh, air neo rinn iad a dhi-chuinmh-neachadh.

B'e an gealladh mòr a rinneadh do *Abraham*, gu'n tigeadh an Ti sin *d'a shiol-san*, anns an robh uile theaghlaichean na talmhainn gu bhi air am beannachadh, Gen. xii. 3, xv. 18, xxii. 18; gealladh a tha air 'eadar-mhineachadh leis an abstol, agus air a chomh-chur ri Criod, Gal. iii. 8. Air a so "chreid Abraham an Tighearn; agus mheasadh sin dha mar ionracas," Gen. xv. 6; oir chunnaic e là Chriod, agus rinn e gairdeachas, Eoin viii. 56.

B'e an creidimh anns an d' rinn *Iacob* a chuid mac a theagasc —gu'n tigeadh Siloh, dhasan gu'n géilleadh na slòigh, Gen. xlxi. 10. B'e creidimh *Job*—gu'n robh 'fhear-saoraidh bed, agus mu dheireadh gu'n seasadh e air an talamh, Job xix. 25.

Bha gach taisbeanadh a rinneadh do *Dhaibhidh* air a dheanamh air mhodhl àraidh mu phearsa Chriod, agus mu ghlòir a phearsa. Faic Sailm ii., xlv., lxxviii., ex., cxviii., gu h-àraidh Sailm xlvi. agus lxxii. air an coimeas, anns am bheil breithneachadh nan naomh d'a thaobh air a chur an céill.

B'e creidimh *Dhàniel*, gu'n deanadh Dia tròcair a nochdadh air sgàth an Tighearna, Dan. ix. 17; agus b'e creidimh nam fàidh uile, gu'n "tigeadh am fear-saoraidh gu Sion, agus gu'n tionndaidh-eadh e eusaontas o Iacob," Isa. lix. 20.

B'ann de'n nàdur cheudna a bha na h-uile *foillseachadh pearsanta* a thugadh dheth fo'n t-Seann-tiomnad, gu sonruichte an taisbeanadh ro ghlòrmhor sin a rinneadh do'n fhàidh Isaiah, caib. vi., agus iomradh òirdheirc sin 'ainme, caib. ix. 6.

Tha e fior gu'n robh araon aca so agus aig fàidhibh eile iomadh taisbeanadh mu fhulangasaibh Chriod mar an ceudna. Oir bha a Spiorad-san annta a' deanamh "fianuis roimh-làimh air fulangasaibh Chriod, agus a' ghlòir a bha gu'n leantuinn," 1 Phead. i. 11;—air am bheil fianuis ro ghlòrmhor againn ann an Salm xxii., agus Isa. liii. Gidheadh bha am breithneachadh anmhunn agus òrach d'an taobh. Bha an creidimh air mhodhl àraidh ag amhare

r'a phearsa. Uime sin bha an cridheachan a ghnàth a' miannachadh gu'n tigeadh e, no gu'm bitheadh e air 'fhoillseachadh anns an fheòil. Is ann le bhi 'g ath-nuadhachadh gheallaidhean a theachd, a bha Dia a ghnàth a' frithealadh comhfhurtachd air an eaglais, 'na h-àmhagharaibh agus'na teanntachdaibh gu léir. Agus b'e so am meadhon leis an robh e 'tarruing aire a' mhòr-shluraighe o bhi 'cur an dòigh anna fèin, agus o bhi 'deanamh uaille 'n an sochairibh a bha 'làthair aca, d'an robh iad gle bhailteach.

Ach tharladh ri ùine, gu'n do chlaon an creidimh so, a dh' oibrich cho cífeachdach ann an eaglais Israel, air falbh a dh' ionnsuidh baraile nàdurra gun bheatha, trid an robh i gu buileach air a fasachadh. Am feadh a bha iad da rireadh bò ann an creidimh air-san mar Shlánuighear agus mar Fhear-saoraidh na h-eaglais o a naimhdibh spioradail gu léir, mar an ti a bha gu "crích a chur air lochdan, agus fireantachd shiorruidh a thoirt a steach," d'an robh an uile ordraighean samhlach ann an iochdranachd, agus chum an robh iad 'gan seòladh; bha na h-uile gràs, agus gràdh, agus eud, agus feitheamh mhuinghineach ri coimhlionadh a' gheallaidh, a' soirbheachadh 'n am measg. Ach ri ùine, air bhi dhoibh fàs feòlmhor, a' cur an dòigh 'n am fèin-flaireantachd agus anns na sochairibh a bha aca tre'n lagh, thuit an creidimh air falbh mar eaglais mu phearsa Chriosd, a dh' ionnsuidh beachd thruaillidh agus reasgaich uime, mar rìgh agus mar fhear-saoraidh aimsireil a mhain; oir a thaobh fireantachd agus slàinte bha iad gu bhi 'cur muinghin anna fèin agus anns an lagh. Agus b'e an claoen-bheachd so, a bha da rireadh 'na threigsinn air a ghràs sin gu léir a bha ann an geallaidh Dhé, a dh' oibrich am milleadh mar eaglais. Oir an uair a dh' fhoillsicheadh e anns an fheòil, an déigh cho liuthad linn a dhol seachad, anns an robh cho liuthad sùil r'a theachd, chur iad cùl ris agus rinn iad dimeas air mar neach a bha gun sgèimh no grinneas ann chum gu'n iarradh iad e. Is amhuil sin a tha tachairt ann an eaglaisibh eile. Far an robh fior chreidimh spioradail agus soisgeulach 'n an ceud shuidbeachadh, air do ùine dhol seachad, tha beachdan fuara gun bheatha gu tric a' togail suas 'aite. Tha na firinnean ceudna air an aideachadh, ach cha-n' eil an t-aideachadh sin a' sruthadh o'n aon thobar, cha mhò a tha e' giulan nan toraidhean ceudna ann an cridheachaibh agus ann an caithe-beatha dhaoine. Uaith so tha e tachairt ri ùine, gu bleil euid a dh' eaglaisibh a glèidheadh a' choslais cheudna o'n leth a muigh, a bha aca air tùs, ach, 'nuair a rannsaichear iad, tha iad mar chlosaich mhairbh, gun anail, anns nach 'eil Spiorad na beatha agus nan gràs a' gabhail còmhnuidh. Agus tha sgrios na h-eaglais sin 'an fagus, mar a tharladh do eaglais nan Iudhach, a tha 'truaileadh nam firinnean sin a bha i roimh ag aideachadh, chum a bhi 'gan deanamh taitneach do thograidhibh agus do ana-miaunaibh dhaoine.

CAIBIDEIL IX.

Urram dligheach do Phearsa Chriosd—A nàdur agus 'Aobhairean.

FEUDAR iomadh beachd eile de'n nàdur cheudna riù sin a dh' ainmicheadh, coimhcheangailte ri glòir agus onoir pearsa Chriosd, a tharruing o uile theagasgaibh bunaiteach a' chreidimh. Agus is e ar dleasdanas anna uile a bhi toirt fainear “Abstol agus Ard-shagart ar n-aidmheil,”—“Ceannard agus Fear-criochnachaidh ar creidimh.” Gidheadh cha dean sinn tuilleadh dhiubh a thoirt fainear aig an àm, ach theid sinn air ar n-aghaidh chum nam priomh-flùrinnean sin a tha gu neo-nheadhonach a' seòladh ar dleasdanais dha; oir mur 'eil sinn a' cleachdadhl aire dhichiollaich d'an taoblh, is ann gu diomhain a tha sinn a' giùlan ainm Chriosdaidhean. Agus feudar brigh na tha 'n ar n-aire a chur an cùill anns an ràdh a leanas:—

“Tha glòir, agus beatha, agus cumhachd a' chreidimh Chriosdail, mar an creidimh Criosdail, aig am bheil a chòmhnuidh ann an anamaibh dhaoine, maille ris na h-uile gniomh agus dleasdanas a bhuineas air dhòigh araighe dha, agus na h-uile sochair a tha sinn a' faotainn d'a thrid, agus mar an ceudna an t-iomlan de'n urram agus de'n ghlòir a tha Dia a' faotainn uaithe,—tha iad so uile a' faotainn am fior nadur agus am fior aobhar o'n dàimh anns am bheil iad do phearsa Chriosd; cha mhò is Criosdaidh idir e a tha air atharrachadh inntinn.”

Ann an daingneachadh an ràdh so nithear aithnichte ciod a' bhreth a bu chòir a thoirt air a' cheisd sin a tha euid 'n ar measg a nis a' cur—agus sin an déigh do'n eaglais choitchinn a bhi 'g aideachadh a creidinh ré iomadh linn an aghaidh sin—eadhon, *Ciod am feum a tha do phearsa Chriosd idir anns an diaillachul?* Oir gun teagamh tha iadsan a tha 'ga cur a' sinuaineachadh, agus is ann a réir sin a tha i r'a tuigseinn, gu bheil ni-éigin anns an diadhachd anns nach 'eil feum sam bith do phearsa Chriosd;—faoin-bheachd na h-inntinne diomhain, a tha cur bun os ceann an fhìor chomh-chomuinn sin gn léir a tha eadar Dia agus daoinibh, tre'n aon Eadar-nheadhonair.

Feudar an dàimh sin anns am bheil uile ghniomhara na diadhachd a' seasamh do phearsa Chriosd 'ainmeachadh fo na eithir chinn so: I. Urram. II. Umhlachd. III. Comh-chumadh. IV. Am feum a tha sinn a' deanamh dheth, chum a bhi faotainn uile shocairean an t-soisgeil—gràs agus glòir. Agus feudar an

t-iomlan de'r diadhachd, mar a tha i 'na diadhachd shoisgeulaich, 'f hilleadh suas anna so.

I. Is e pearsa Chriosd *cuspair an urraim agus an aoraidh dhiadhaidh*. Is e priomh chuspair agus reuson an urraim agus an aoraidh so nàdur na Diadhachd, 'na òirdheirceis neo-chriochnach agus siorruidh. Oir cha ni sam bith eile a tha anna ach an spéis sin a tha dligheach do'n Dia shiorruidh o gach uile chreutair reusonta, air a riaghlaigh leis an fhìrinn, agus air a sparradh orra fo bheachd uile oibre Dhé. Uime sin is e pearsa Chriosd cuspair an urraim agus an aoraidh dhiadhaidh, anns a' cheud àit, do bhrigh nàduir agus òirdheirceis a Dhiadhachd. Agus iadsan a tha 'leigeadh orra a bhi 'toirt urraim an aoraidh dhiadhaidh dha, agus a tha 'g àicheadh an nàdur sin a bhi aige, cha-n 'eil iad a' toirt aoraidh ach do laogh òir a rinn iad féin a chur suas ; oir cha-n fhearr na sin Criosd air bith eile nach 'eil 'na Dhia os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh. Agus tha conhàicheadh bhriathran ann a bhi 'g ràdh gu'm b'urrainn creutair sam bith, air dhòigh sam bith, a bhi 'na phriomh chuspair neo-mheadhonach an aoraidh dhiadhaidh, gun òirdheirceis siorruidh na Diadhachd a bhi air am páirteachadh ris, no air an suidheachadh ann, trid an sguireadh e a bhi 'na chreutair. Oir cha-n 'eil anns an aoradh sin gu léir ach a bhi 'eur nan òirdheirceas diadhaidh as leth a chuspair d'am bheil aoradh air a dheanamh.

Ach tha sinn a nis a' beachdachadh an Tighearn Iosa Criosd 'na phearsa iomlan, Mac Dhé 'n ar nàdur, "Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil." Cha d'rinn 'irioslachadh neo-chriochnach, ann an gabhair ar nàdur, air dhòigh sam bith a rùsgadh de òirdheirceis siorruidh a Dhiadhachd. Chuireadh folach orra ré tamuill o shùilibh dhaoine, 'nuair "a chur se e féin ann an dimeas, a' gabhair air féin cruth seirbhisich." Ach dh' fhan e gu siorruidh agus gu neo-chaochlaidheach "ann an cruth Dhé," agus "cha do mheas e 'na reubainn e féin a bhi coimh-ionann ri Dia," Phil. ii. 6, 7. Tha e cho eu-comasach dha dealachadh ri fior bhith a Dhiadhachd, le gniomh sam bith irioslachaiddh air a thaobh, as a tha e do Dhia dealachadh r'a bhith. Uime sin, cha-n 'eil 'irioslachadh neo-chriochnach ann an gabhair ar nàdur air dhòigh sam bith a' lughdachadh fior reusoin an aoraidh dhiadhaidh sin a tha dligheach dha, is ann a tha meadhon-brosnachaidh ro éifeachdach air a chur ris. Air an aobhar sin, is esan cuspair neo-mheadhonach uile dhleasdanas na diadhachd, araon o'n leth a stigh agus o'n leth a muigh ; agus cha-n urrainn a h-aon diubh a bhi 'faotainn coimhlionaidh aig ar làmhaibh mar bu chòir, ann am frithealadh ghràsmhor Dhé d'ar taobh, mur 'eil spéis àraidh againn d'a phearsa ann.

Tha so, ma seadh, anns a' cheud àit, r'a dhaingneachadh ;

eadhon, gu bheil gach uile urram diadhaidh dligheach do Mhac Dhé 'n ar nàdur—is e sin, do phearsa Chriosd.

Eoin v. 23 : Is i toil an Athar, “Gu'n tugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, amhuil mar a tha iad a' toirt urraim do'n Athair. An ti nach 'eil a' toirt urraim do'n Mhac, cha-n 'eil e 'toirt urraim do'n Athair a chur uaith e.” Ni beagan bheachdan mu'n fhiannuis dhiadhaidh so a' chùis sin a dhaingneachadh a tha r'ar n-aghaidh. Tha na briathran air an labhairt mu'n Mhac 'n ar nadur—mar a thugadh gach uile bhreitheanas dha leis an Athair, agus mar a rinn an t-Athair “*a chuir naith*,” rann 22,—is e sin, tha iad air an labhairt mu pearsa ionmlan Chriosd ann an cleachdadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair. Agus is ann coimhcheangailte ri so a tha inntinn Dhé air dhòigh àraidh air a foillseachadh. Is e an dòigh anns am bheil Dia a' foillseachadh a thoile, chum gu'n tugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, amhuil mar a tha iad a' toirt urraim do'n Athair, eadhon, gu'n d' rinn e gach uile chumhachd, agus ùghdarras, agus bhreitheanas a thoirt thairis dha, rann 20-22, “Oir is ionmhuiinn leis an Athair am Mac, agus tha e a' foillseachadh dha nan uile nithe a tha e fein a' deanaadh : agus foillsichidh e dha oibre a's mò na iad so, air chor as gu'm bi iongantas oirbhse. Oir mar a tha an t-Athair a' dùsgadh agus a' beothachadh nam marbh, is amhuil sin a' tha am Mac a' beothachadh an dream a's àill leis. Oir cha-n 'eil an t-Athair a' toirt breth air duine sam bith ; ach thug e gach uile bhreitheanas do'n Mhac.” Cha-n e gur iad na nithe so priomh aobhar agus reuson an urraim dhiadhaidh a bhuineas dha ; ach tha iad 'n an aobhairean air a shon, agus 'n am meadhon-aibh-brosnachaidh d'a ionnsuidh, a inheud 's gu bheil iad a' dearbhadh gur Mac Dhé e.

Ach feudaidh cuid a rádh, Ciod am feum a bha air gniomh àraidh so toil' àrd-uachdaranaich an Athair a thaobh urraim a thoirt do'n Mhac, agus gur e nàdur na Diadhachd a mhain, a tha aig a' Mhac coimh-ionann ris an Athair, a's priomh aobhar agus reuson an urraim dhiadhaidh so ? Freagram,—

1. Ann an àithne so cha-n e a tha e 'ciallachadh aoradh agus urram Chriosd gu h-ionmlan mar Dhia, ach *gu h-eadar-dhealaichte mar am Mac* ; aoradh àraidh air nach robh eòlas aca fo'n t-Seann-tiomnad, ach a mis a chuireadh an céill mar ni dleasdanach ann an toirt gach uile chumhachd, agus ùghdarrais, agus bhreitheanas thairis d'a làmhaibh. Is e so ma seadh, an t-urram mu'm bheil sinn a' labhairt.

2. Tha e 'toirt na h-àithne so mar an ceudna, air eagal gu'n smuanicheadh neach sam bith nach robh an t-urram so dligheach dha, air bhi dha “air a chur” o'n Athair, agus sin ann an “cruth seirbhisich.” Agus bha an saoghal aig an àm sin gle fhad o bhi

'smuaineachadh gu'm buineadh e dha; agus tha eagal orm gu bheil mòran fathast de'n intinn chendna.

Tha e mar fhiachaibh oirnn, uime sin, urram a thoirt dha, a réir toil Dé, "amhuil" a bheir sinn urram do'n Athair.

(1.) Leis an *urram cheudna*; is e sin, urram diadhaidh, naomh, agus os ceann nan uile. Cha-n' eil ann an urram sam bith eile a bheirear do'n Athair ach eas-urram. 'Nuair a tha daoine a' ciallachadh a bhi 'toirt glòire agus urraim do Dhia nach 'eil da rireadh 'na ghlòir agus 'na urram dhiadhaidh, tha iad 'an ceann an iodhol-aoraidh; oir ciod tuilleadh a tha amis an urram so, ann am fìrinn, ach a bhi 'cur nan uile òirdheirceas neo-chriochnach agus diadhaidh as a leth. Uime sin, 'nuair a tha daoine a' cur ni sam bith as a leth nach 'eil dé'n nàdur sin, tha iad a' toirt aoraidh do dhiomhamais an imintinnean fein. B'e so cor nan Israeleach, 'nuair a shaoil leò a bhi toirt glòire do Dhia le bhi 'eur suas an laoigh òir, agus là féille a ghairm do'n Tighearn, Eesod. xxxii. 5. B'e so mar an ceudna cor nan Cinneach, anns na h-ionmaighibh sin de Dhia a chuireadh suas leò, agus anns a' ghlòir a bha iad a' ciallachadh a thoirt dha d'an trid, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, Rom. i. 23-25. Is e so ma seadh aon ghnè iodhol-aoraidh, mar is e an gnè eile, a bhi 'cur òirdheirceas diadhaidh sam bith as leth nan creatairean a bhluineas 'na aonar agus air mhodh àraighe do Dhia. Agus cha-n' eil sinn a' toirt aoin ghné urraim do Dhia an t-Athair, agus guè eile do'n Mhac. Le sin a dheanamh, cha bhitheadh urram air a thoirt do'n Mhac "amhuil" a tha sinn a toirt urraim do'n Athair, ach ann an rathad a bhitheadh gu neo-chriochnach eadar-dhealaichte uaithe.

(2.) Air an *dòigh cheudna*, leis a' chreidimh, leis a' ghràdh, leis an eagal dhiadhaidh, agus leis an ìmhlachd cheudna, agus sin a ghnàth, anns na h-uile nithibh, ann an uile ghnionmharaibh agus dhleasdanais na diadhachd.

Tha an t-urram eadar-dhealaichte so r'a thoirt do phearsa a' Mhic do bhrigh àithne so an Athair, ged is e priomh reuson an urraim sin ionannachd a nàduir ris an Athair. Agus tha an dleasdanais so air a sparradh oirnn leis an àighdarras a's ro airde; an ti nach 'eil a' toirt urraim do'n Mhac, cha-n' eil e 'toirt urraim do'n Athair. An ti a tha 'g àicheadh a' Mhic (amus an urram so) "cha-n' eil an t-Athair aige; [ach an ti a dh' aidichead am Mac, tha an t-Athair aige mar an ceudna]," I Eoin ii. 23. "Agus is i so an flianuis, gu'n d' thug Dia dhuinne beatha mhaireannach; agus tha a bheatha so 'na Mhac. An ti aig am bheil am Mac, tha beatha aige; an ti aig nach 'eil Mac Dhé cha-n' eil beatha aige," caib. v. 11, 12. Ma tha sinn a' teachd geàrr ann an so cha-n' eil sinn a' toirt urraim no aoraidh do Dhia idir, eia b'e air bith a dh' fleudas sinn a bhi 'gabhlail oirnn,

Agus cha-n ann gun reuson a tha an rabhadh so ; tha aoibhar eugúil, mur 'eil teagascg mòr agus bunaiteach so ar creidimh air 'aicheadh, nach 'eil mòr shuim air a toirt dha anns an t-saoghal. Tha iomadh ann a tha 'g aideachadh spéis a bhi aca do'n Dia shiorruidh agus d'a aoradh, aig nach 'eil ach ro bheag do phearsa a' Mhic 'n an diadhachd gu h-iomlan ; oir ged a dh' fheudas iad 'ainm a luaidh ann an cleachdadhl an aoraiddh, a chionn gu bheil sin gnàthach, gidheadh, a thaobh a bhi toirt an urraim cheudna dha-san a bheirear do'n Athair, cha-n 'eil iad coltach ri bhi 'ga thuiginn, no ri bhi air an cleachdadhl ann. Gidheadh, cha-n 'eil aon chuid sinn féin no dleasdanas sam bith a ni sinn taitneach 'am fianuis Dhé ach air an aon chumha sin—"Gu bheil sinn a' toirt urraim do'n Mhac, amhuil mar a bheir sinn urram do'n Athair." Is e so a tha 'deanamh Chriosdaidhean dhinn, agus cha-n 'eil ni sam bith eile a ni e.

Feudar an t-urram so a bhuineas do phearsa Chriosd a bheachdadhl, an dà chuid anns na *dleasdanasaibh* anns am bheil e 'coimh-sheasamh, agus mar an ceudna aims an *fhreumh*, anns a' bheatha, no anns an tobar o'm bheil iad ag éirigh.

Feudar na h-uile dleasdanas anns am bheil sinn a' toirt urraim dhiadhaidh do Chriosd 'ainmeachadh fo dhà cheann. [1.] Aoradh. [2.] Asluchadh.

[1.] Tha cleachdadhl an aoraiddh a' coimh-sheasamh ann an *stenschluath an anama sios 'na lèthair mar Dhia, ag aideachadh nùn òirdheireas diadhaidh a thui ann, agus 'gan cur as a leth.* Tha e air a chur 'an céill anns an t-Seann-tiomnadh le bhi 'gar cromadh féin, no a' cromadh ar n-anama sios gu h-iriosal fa chomhair Dhé. Tha na briathran sin gu léir leis am bheil e air a chur an céill a' filleadh annauidheachadh corporra éigin o'n leth a muigh, a tha mar comharadarh cleachdaidh an urraim dhiadhaidh anns an leth a stigh. Uaith so tha an dòigh-labhairt sin air a ghnàthachadh, "Chrom an duine e féin sios, agus rinn e aoradh," Gen. xxiv. 26; faic mar an ceudna, Salm xcv. 6. Agus tha comharaidhean faicsinneach so an aoraiddh de dhà ghné. *Anus a' cheul àit, Iad sin a tha nàdurra agus gnàthach; anns an dara àit,* Iad sin a chleachdar aig amaibh ro chomharaichte, no amaibh naomh' agus suidhichte. Tha an ceud ghnè a' filleadh int'e togail suas ar suilean agus ar làmhan gu nèamh 'n ar smuaintibh uime, agus air uairibh a bhi 'sleuchdadhl sios ar pearsa gu h-iomlan 'na lèthair; mar a bhithreas deanta 'nuair a lionar an t-anam le smuaintibh donbhain agus suidhichte so an urraim dhiadhaidh an leth muigh uile 'n an òrduibhean an aoraiddh shoisgeul-aich. Annta agus d'an trid tha sinn ag aideachadh agus a' cur an céill eleachdaidh ar n-urraim dha anns an leth a stigh.

Feudaidh doighean eile bhi air an dealbhadh chum na crìche ceudna, aeh cha-n 'eil an Sgriobtuir a' gabhail còlais orra, seadh, is ann a tha iad air an dìteadh. Is ann dhiubh so a tha gach urram agus aoradh a bheirear a dh' ionhaighibh de Chriosd, agus do'n ghearrag choisrigte, mar a their iad, 'am measg Phàpanach.

Tha an t-aoradh so a ghnàth dligheach do phearsa Chriosd, agus sin ann an cleachdadhl a dhreuchdha mar eadar-mheadhonair. Tha e dligheach dha o chruthachadh reusonta Dhé gu léir. Is amhuil a chuireadh e mar fhiachaibh air na h-ainglibh shuas. Oir an uair a thug e an Ceud-ghin a steach do'n t-saoghal, thubhairt e, "Sleuchdaibh dha, a dhiathan uile," Salm xvii. 7. "Deanadh uile ainglean Dhé aoradh dha," sleuchdadhl iad, cromadh iad sios 'na lèthair, Eabh. i. e. Faic ar n-eadar-mhinneachadh air an àite sin;—is e rùn a' chaibideil sin gu léir a bhi 'cur an céill an urrainm dhiadhaidh sin a bhuineas do phearsa Chriosd, maille ri aobhar an urrainm sin. Is i so an àithne a thugadh mar an ceudna do'n eaglais, "Chionn gur esan do Thighearn, thoir-sa urram dha," Salm xlvi. 11.

Tha taisbeanadh ro ghìòrmhor de'n aoradh so air a thabhairt— aon chuid anns an eaglais shuas, no anns an eaglais air thalamh— anns an Taisb. v. 5-14, "Agus dh' amhaire mi, agus, feuch, ann am meadhon na rìgh-chaithreach, agus nan ceithir bheò-chreutair-ean, agus ann am meadhon nan seanairean, Uan 'na sheasamh mar gu'm bitheadh e air a mharbhadh, aig an robb seachd adhaireean, agus seachd sùilean a's iad seachd spioradan Dhé, a chuireadh a mach chum na talmhainn uile. Agus thàinig e, agus ghlac e an leabhar à deas làimh an tì a bha 'na shuidh air an rìgh-chaithir. Agus an uair a ghlac e an leabhar, thuit na ceithir beò-chreutairean, agus na ceithir seanairean ficead sios an lèthair an Uain, agus aig gach aon diubh clàrsaichean, agus tùis-shoithichean òir làn de nithe deadh-fhàile, nithe a's iad urninghean nan naomh. Agus sheinn iad oran nuadh, ag ràdh, Is airidh thusa air an leabhar a ghlacadhl, agus a sheulachan 'fhosgladh, do bhrigh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia le d' fluil féin, as gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach; agus gu'n d' rinn thu rìghrean dhinn agus sagartan do ar Dia: agus rìghichidh sinn air an talamh. Agus dh' amhaire mi, agus chuala mi guth mhòran aingeal timchioll na rìgh-chaithreach, agus nam beathairchean, agus nan seanairean; agus b'e an àireamh deich mile uair deich mile, agus miltean de mhiltibh; ag ràdh le guth àrd, Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh, air cumhachd, agus saoibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh 'fhaotainn. Agus chuala mi gach uile chreutair a tha air nèamh, agus air an talamh, agus fo'n talamh, agus a tha air a' chuain, agus na h-uile ni a tha anna ag ràdh,

Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu robh dha-san a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal. Agus thubhairt na ceithir beò-chreutairean, Amen. Agus thuit na ceithir seanairean fichead sios, agus rinn iad aoradh dha-san a tha beò gu saoghal nan saoghal."

Tha *cuspair* àraidh an aoraidh dhiaidh, agus na *h-aobhairean-brosnachaidh* d'a ionnsuidh, maille r'a *nàdur*, no sin anns am bheil e a' coimh-sheasamh, air an cur an céill ann an so.

Is e *cuspair* an aoraidh so Criod, cha-n ann sgaraichte o'n Athair, ach gu h-eadar-dhealaichte uaithe, agus maraon ris. Agus tha e air a chur r'ar n-aghaidh, *anns a' chéud àit*, Ann an coimh-lionadh 'oibre mar eadar-mheadhonair ann an gabhail ar nàdur agus 'na thabhartas—mar Uan a bha air a mharbhadh. *Ann an dàra àit*, 'Na àrdachadh glòrmhor—"ann am meadhon rìgh-chaithreach Dé." B'e am priomh ni d'an robh na cinнич o shean a' toirt an aire mu thimchioll a chreidlimh Chriosdail, gu'n robh "moladh air a thoirt do Chriosd leò mar do Dhia."

Is iad na *meadhona-brosnachaidh* a dh' ionnsuidh an aoraidh so, na sochairean do-labhairt a tha sinn a' faotainn tre 'eadar-mheadhonaireachd, "Is airidh thusa, do bhrigh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia."

Air a so tha *a' ghliòir* agus an *t-urram* ceudna air an cur as a leth-san a chuirear as leth Dhé an Athar : " Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu robh dha-san a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal."

Tha nàdur an aoraidh so a chuireadh 'an céill a' coimh-sheasamh ann an tri nthibh. *Ann a' chéud àit*,—Sleuchdadh gu h-urramach sios 'na làthair : " Agus thubhairt na ceithir beò-chreutairean, Amen. Agus thuit na ceithir seanairean fichead sios, agus rinn iad aoradh dha-san a tha beò gu saoghal nan saoghal." Is amhul a tha e air a chur 'an céill ann an caib. iv. 10, 11. *Ann an dàra àit*,—Ann an cur gach uile urram agus glòir dhiadhaidh as a leth, mar a chuireadh 'an céill, caib, iv. 11-13. *Ann an treas àit*,—Ann an dòigh anns an robh cleachdadh an anama anns an aoradh so air a nochdadh o'n leth a muigh, eadhon, ann an seinn molaidh : " Agus sheinn iad òran nuadh"—is e sin, òran molaidh ; oir is e so nàdur nan Salm sin uile d' an goirear òran nuadh. Is ann anns na nthibh so, ma seadh, eadhon, ann an sleuchdadh naomh an anama 'na làthair, ag aïdeachadh nan òirdheirceas diadhaidh, agus ann an cur glòire agus urraim as a leth ann an cleachdadh a mholaidh, a tha an t-aoradh diadhaidh a' coimh-sheasamh. Agus cha bhuin iad do'n chomunn mhòr agus naomh sin air nèamh agus air talamh d' an cleachdadh an t-aoradh so a ghnàth, aig nach 'eil an eridheachan a ghnàth ullamh air son aoraidh naoimh so an Uain, agus nach 'eil air na h-uile cothrom air an cleachdadh ann.

Agus tha aoradh so Chriosd ag eadar-dhealachadh o aoradh Dhé, air a bheachdachadh ann féin a mhain, agus o aoradh Dhé mar an t-Athair, cha-n ann a thaobh nàduir an aoraidh, ach a mhain do bhrigh nan aobhairean-brosnachaiddh àraidh a tha coimhcheangailte ris. Is e am priomh meadhon-gluasaid a dh' ionnsuidh aoraidh Dhé air a bheachdachadh ann féin a mhain, obair a' chruthachaidh, agus foillseachadh a ghlòire innle, maille ri uile thoraidhibh a chumhachd agus a mhaiteis a tha coimhcheangailte rithe. Mar sin tha e sgriobhta uinne, Taisb. iv. 11. "Is airidh thusa, a Thighearna, air glòir, agus urram, agus cumhachd fhaotainn; oir chruthaich thu na h-uile nithe, agus air son do thoil-sa tha iad ann, agus chruthaicheadh iad." Agus is e am priomh aobhar-brosnachaiddh a dh' ionnsuidh aoraidh Dhé mar an t-Athair, an gràdh, agus an gràs, agus am maiteas siorruidh sin a tha 'sruthadh uaith-san air mhodh àraidh mar an tobar, Eph. i, 4, 5. Ach is e am meadhon mòr brosnachaiddh a dh' ionnsuidh aoraidh Chriosd obair na saorsa, Taisb. v. 12, "Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh, air cumhachd, agus saoibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh fhaotainn." Tha an t-aobhar air 'ainmeachadh, rann, 9, 10, "Do bhrigh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia, le d' fhuil féin, agus gu'n d' rinn thu rìghrean dhinn agus sagartan do ar Dia." Tha an t-aoradh coimh-ionann, rann 13, "Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu robh dha-san a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal." Ach tha na h-aobhairean sin a tha 'gar gluasad ann eadar-dhealaichte, eadhon mar a tha a chuspairean eadar-dhealaichte.

Ann an so, ma seadh, tha earrann nach 'eil beag de bheath' a' chreidimh Chriosdail a' coimh-sheasamh. Tha a bhi 'g isleachadh ar n-anama fa chomhair an Tighearn Iosa Criod, fo bheachd nan òirdheirceas diadhaidh a bhuiteas dha,—a' cur glòire, agus urram, agus molaidh as a leth, agus a' toirt buidheachais dha, do bhrigh oibre mòire sin na saorsa a choimhlion e, maille ris gach toradh beannaichte a tha coimhcheangailte rithe—tha iad so, tha sinn ag ràdh, 'n an nithibh anns am bheil beatha a' chreidimh a ghnàth air a cleachdad; cha mhò a dh fheudas sinn dearbhadh sam bith a bhi againn air còir anns an t-sonas bhith-bhuan sin a tha 'coimh-sheasamh ann an 'eur glòire agus molaidh as a leth gu saoghal nan saoghal air nèamh, mur 'eil sinn air ar cleachdad ann a bhi 'toirt an aoraidh so dha air thalamh.

[2.] Is e cleachdad an *asluanchaiddh* dara earrann choitchionn an urrain dhiadhaidh sin a's e dligne a' Mhic coimh-ionann ris an Athair. Is e so ceud cleachdad a' chreidimh dhiadhaidh--anail na beatha spioradail. Agus tha e 'coimh-sheasamh ann an dà ni, no ann an dà earrann. *Anns a' cheud àit*,—A bhi 'eur gach uile

bhuadhan agus gach uile òirdheirceas diadhaidh *as leth an ti sin* a tha air 'asluchadh. Tha so neo-sheachanta do nàdur na h-ùrnuigh ; cha-n 'eil ach faoin-chainnt mhi-naomha anns an ùrnuigh anns nach 'eil e. Cò air bith a thig a dh'ionnsuidh Dhé anns an dleasdanais so, is éigin da "a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur e an Ti e a bheir duais do'n dream a dh' iarras e gu dichiollach." *Anns an dara àit*,—Anns an ùrnuigh tha sinn mar an ceudna a' leigeadh ris ar toil, agus ar n-aigne, agus tograidhean ar n-anama, dha-san a tha siunn ag asluchadh, le suil ri eisdeachd agus ri fuasgladh 'fhaotainn, do bhrigh nan òirdheirceas neo-chriochnach agus diadhaidh a tha ann. Is e so cleachdadhl áraidh a' chreidimh d'ar taobh féin ; agus is e ar dleasdanais a bhi toirt urram d' a thrid do phearsa Chriosd.

'Nuair a fluair e féin bàs anns an fheòil, rinn e a spiorad féin a thiomadh suas ann an cleachdadhl an asluchaiddh naoimh do làmhaibh an Athar, Salm xxxi. 5 ; Lucas xxiii. 56, "Athair, tha mi 'tiomnadhl mo spioraid a' d' làmhan-sa." Agus chum a bhi 'na dhearbadhl dhuinne gur i toil Dé gu'n tugamaid urram do'n Mhae, ainhuil a bheir sinn do'n Athair, eadhon mar a thug am Mac féin, neach a's e ar n-eisemleir-ne, urram do'n Athair, ann an nàdur an duine—rinn an ceud neach a fluair bàs air son creidimh an t-soisgeil a spiorad féin a thiomadh suas do làmhaibh Iosa Criosd ann an cleachdadhl an asluchaiddh naoimh, Gniomh. vii. 59, "Chlach iad Stephen, agus e 'gairm air Criosd, agus ag ràdh, A Thighearn' Iosa, gabh rí mo spiorad." Agus air dha 'anam féin 'fhagail gu tèaruinte ann an làmhaibh an Tighearna Iosa, ann an cleachdadhl a' chreidimh agus na h-ùrnuigh, tha e 'cur suas aoin asluchaiddh eile ris, agus 'an sin a' toirt suas an deò ; "A Thighearna, na cuir am peacadh so as an leth," rann 60. Ann an so thug e urram diadhaidh do Chriosd ann an gairm air mhodhl áraidh air ainm-san, agus sin anns na h-eisemleiribh a's comharaichte a dh' fheudar a smuaineachadh. Anns a cheud ghuidhe, anns an d' rinn e a spiorad féin a thiomadh do làmhaibh Chriosd, rinn e uill-fhiosrachd, agus uile-làthaireachd, agus gràdh, agus eumhachd diadhaidh a chur as a leth ; agus anns an dara ghuidhe, air son a naimhdean, rinn e ùghdarris diadhaidh agus tròcair a chur as a leth, gu bhi air an cleachdadhl ann am maitheanas peacaidl. Uime sin, ann an eisemleir so Stepehn, tha riaghait air a daingneachadh air son a bhi 'gairm air mhodhl áraidh air ainm Chriosd, air son uile thoraidhean a' chumhachd dhiadhaidh agus na tròcair.

Uaith so tha an t-abstol a' toirt iomraidh air an eaglais, no air creidich, agus 'g an eadar-dhealachadh o na h-uile buidheann eile, le cleachdadhl an dleasdanais so, 1 Cor. i. 2, "Maille riu-san uile a tha 'gairm air ainm an Tighearna Iosa Criosd anns gach àite, an Tighearna-san, agus ar Tighearna-ne." Tha 'gairm air ainm an



Tighearna a' filleadh ann cleachdadhl so an asluchaidh naoimh ann an rathad an aoraidh dhiadhaidh. Bha na h-Iudhaich a' gairm air ainm Dhé. Bha cinnich eile a' gairm gach aon air an dia féin. Ach is e so a tha 'g a lar-dhealachadh na h-eaglais uatha gu léir, —tha i 'gairm air uim ar Tighearna Iosa Chriosd.

Tha e 'g aithne dhuinn, mar a tha : ann a' creidsinn ann an Dia, eadhon an t-Athair, gu'n creideamail ann-san mar an ceudna ; agus ann an deanamh sin, a bhi 'toirt urraim do'n Mhae, amhuiil a tha sinn a' toirt urraim do'n Athair, Eoin xiv. 1. Bheir sinn fainear 'an déigh so nàdur a' chreidimh so, agus an dòigh air am bheil e air a chleachdadhl air Chriosd. Ach air do'n abstol a bhi 'labhairt mu nàdur agus éifeachd an asluchaidh so, tha e 'cur an céill, nach 'eil e comasach dhuinn gairm airson anns nach do chreid sinn, Rom. x. 14. Uime sin, air an láimh eile, tha e mar dhleasdanas oirnn a bhi 'gairm air an Ti sin anns am bheil e mar fhiach-airbh oirnn a bhi 'creidsinn. Mar sin tha an Sgriobtuir uile air a dhimadh suas le ùrnuigh na h-eaglais ris an Tighearn Iosa Chriosd, umis am bheil a creidimh ann air a chur an céili : "Seadh, thig, a Thighearna Iosa," Taisb. xxii. 20.

Cha-n 'eil aon ni air bith a tha 'na reuson ùrnuigh—cha-n 'eil aon aobhar-brosnachaidh sam bith d'a h-ionnsuidh—cha-n 'eil aon dòigh anns am beachdaicheadh a feum no a h-éifeachd—nach 'eil a' fágail asluchaidh àraidh so Chriosd 'na dhleasdanas neo-sheachanta. Tha dà ni gu coitchionn air an iarrайдh clum gu'm bith-eadh dleasdanas an asluchaidh ceadaichte agus feumail. An cend ni, Gu bheil *cuspair* freagarrach aige. An dara ni, Gu bheil *aobhairean-brosnachaidh* agus aobhairean-misnic bhàdhach d'a ionnsuidh coimhcheangalte ris. Is iad so am an conbh-chuideachd a chéile priomh reuson agus aobhar gach uile aoraidh dhiadhaidh gu coitchionn, agus priomh aobhar na h-ùrnuigh air dhòigh àraidh. Is amhuiil sin a tha iad air an leagadh sios mar bhunait gach uile dhiadhachd, Ecsod. xx. 2, 3, "Is mise an Tighearn do Dhia"—se sin, *cuspair* ionchuidh an aoraidh dhiadhaidh gu h-ionlan—"a thug a mach thu à tir na h-Eiphit, à tigh na daorsa ;" ni, air bhi dha air a chur sios gu h-aithghearr mar shaunhladh nan uile shochairean diadhaidh, aimsireil, agus spioradail, agus siorruidh, a's e am meadhon mòr brosnachaidh d'a ionnsuidh. Agus a chionn gur dà ni iad so nach 'eil r' am faotainn ann an creutair air bith, naoimh no ainglean, cha-n e mhain gur ni gun tairbhe a bhi 'gan asluchadh, ach is iodhol-aoraidh e. Ach tha iad a' coinneachadh maraon air dhòigh ro inbheach ann am pearsa Chriosd, agus 'na chleachdaidhibh uile d'ar taobh. Annsan tha uile ionlanachdan na Diadhachd ; uime sin is e *cuspair* freagarrach an asluchaidh dhiadhaidh e. Air an aobhar so, 'nuair a bha e 'gniomhachadh ann agus a thaobh na h-eaglais mar aingeal mòr a' choimhcheang-

ail, dh' aithn Dia do'n t-sluagh gach uile aoradh agus ùmhachd dhiadhaidh a thoirt dha, Ecsod. xxiii. 21, "Bi faicilleach 'na lathair, agus éisd r' a ghuth ; na cuir 'na aghaidh ; oir cha lugh e bhur cionta ; oir tha m' ainm annsan." Do bhrigh gu'n robh ainm Dhé ann—is e sin, nàdur na Diadhachd, maille ri h-ighdarras àrd-uachdarach chum peanais a dheanamh air a' pheacadh, no chum peacadh a mhaitheadh—uime sin bha gach uile ùmhachd dhiadhaidh dligheach dha. Agus a thaobh mheadhona-brosnachaидh d' a h-ionnsuidh, cha-n' eil iad tearc r' am faotainn. Tha na h-uile ni a rinn an Tighearn Losa Criod air ar son, agus feartan beannaichte sin a' ghràidh, agus a ghràis, agus a' chumhachd, agus na truacantachd, o'n robh na h-uile ni a rinn e a' sruthadh, uile de'n nàdur so ; maille ris an aobhar-mhisneach mòr a tha anns an dàimh anns am bheil e dhuinn, agus anns an aithme 'thugadh dha d'ar taobh. Ma bhuinear air falbh an dleasdanas so, tha gach buannachd àraidih a bhuineas do'n chreidimh Chriodail gu h-ionlan air a call.

Chunnaic sinn 'n ar là an dà leth-ionall a's fhaid o cheile a dh' ionnsuidh am bheil e comasach do'n chreidimh Chriodail claoindh. Tha euid, air an dara làimh, leis an uile dhìchioll a' sparradh air daoinibh mar dhleasdanas a bhi cur suas an athchuingean ri naoimh agus ainglean ; agus euid, air an làimh eile, nach ceadaich gu bheil e laghail dhuinn sin a dheanamh ri Criod fèin.

Tha na Socimianaich a' ceadachadh gu coitchionn gu bheil e laghail dhuinn gairm air ainm Chriod, ach tha iad ag àicheadh gu bheil sin mar dhleasdanas oirnn aig àm sam bith. Ach air dhoibh a bli' ga àicheadh mar dhleasdanas, cha-n' urraim e, a réir am beachd-san, a bhi laghail. Air dhoibh a bli' g' àicheadh a phearsa dhiadhaidh, cha d' fhág iad ni sam bith aige a dheanadh 'na euspair freagarrach na h-ùrnuigh e. Oir cha-n' eil anns an ùrnuigh sin ach faoin-chainnt mhi-naomh, gun ni air bith de nàdur na h-ùrnuigh innse, anns nach eil òirdheirceis na Diadhachd—mar a tha uil-fhiosrachd, uile-làthaireachd, agus cumhachd neo-chriochanach—air an cur as a leth-san a tha sinn ag asluchadh ; agus cha-n' eil ach iodhol-aoraiddh ann a bli' cur so as leth neach sam bith nach eil a thaobh nàduir 'na Dhia.

Ach tha aoradh gnàthach agus naomh na h-eaglais, agus mar an ceudna aoradh chreideach 'n an teaghlaichibh agus 'n an seòmar-aichibh uaigheach, air a chur fo riaghait seòlaidh àraidih an fhocail. Oir is e pearsa an Athar—mar thobar siorruidh a' chumhachd, agus a' ghràis, agus an tràccair—priomh chuspair ar n-ùrnuighean, agus chun am bheil ar n-athchuingean air an cur suas. Is e nàdur na Diadhachd, air a bheachdachadh ann fèin a mhain, cuspair an aoraiddh agus an asluchaidh nàdurra ; ach is e nàdur ceudna na Diadhachd, ann am pearsa an Athar, cuspair ionchuidh an aoraiddh agus an asluchaidh shoisgeulaich. Mar sin

theagaisg ar Slànuighear dhuinn gairm air Dia fo ainn agus fo bheachd athar, Mata vi. 9; is e sin, a Dhia fén agus ar Dia-ne, 'Athair fén agus ar n-Athair-ne, Eoii xx. 17. Agus tha asluchadh so an Athar gu bhi air a chleachdadhl tre'n Mhic agus a' n'an ainn a' Mhic, Iosa Criosd, le cuideachadh an Spioraid Naoimh. Tha am Mac air a bheachdachadh ann an so mar an t-eadar-mheadhonair ca-lar Dia agus daoine –mar is ann leis an Spiorad Naomh a tha gach leasachadh gràis gu neo-mheadhonach air am páirteachadh ruinn, chum ar deanamh comasach air ar n-uile dleasdanas a choimhlionadh ann an rathad taitneach do Dhia. Is e so an dòigh ains am bi Dia air a ghliorachadh. Is e so diombair-eachd ar ereidimh, gu bheil sinn a' toirt aoraidh do Dhia a réir riaghlaidh naoimh a ghliocais agus a ghràis, ann am pearsaibh an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Air sheòl sam bith eile cha ghabh e ri urram no ri aoradh air bith uainn. Agus iùdsan a tha 'g oidhirpeachadh, 'n an aoradh agus 'n an asluchadh, a bhi teachd am fagus do nàdur na Diadhachd air a bleachdadhl ann fén a mhàin, gun spèis a bhi aca do fhritheadadh sin Dhé ann am pearsaibh eadar-dhealaichte na Trionaid naoimhe, tha iad a' cur cùil ri dionhaireachd an t-soisgeil gu léir, agus ris gach sochair a bhuineas dha. Agus is e so eor mhòran. Agus tha àireamh eile nach 'eil teare, a tha 'gabhair orra a bhi 'meudachadh cràbhaidh a thaobh Dhé, gidheadh a tha 'cur nithe eile suas ann an ionad Chriosd, mar a tha naoimh agus ainglean—a cur eùil mar an ceudna ri cuideachadh an Spioraid chum a bhi 'toirt àite do dhiomhanas an imntinnean truaillidh fén, a tha iad a' meas ni's ro tharbhaiche dhoibh fén ann an cleachdadhl an aoraidh.

Ach is e so nàdur agus dòigh an asluchaidh ghnàthaich agus naoimh sin a tha a réir an t-soisgeil. Mar sin tha e air a chur an céill, Eph. ii. 18, "Trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar." Is ann chum an Athar a tha ar dol a steach againn, neach a tha sinn air mhodh àraidh ag asluchadh, mar a tha'n t-abstol a' labhairt, caib. iii. 14-16, "Air an aobhar so tha mi lùbadh mo ghlùine do Athair ar Tighearna Iosa Criosd air an ainnmichear an teaghlach uile air nèamh agus air talamh, gu'n déònaicheadh e dhuibh a réir saoibhreis a ghliòire, bhi air blur neartachadh gu treun, tre a Spiorad-san ains an duime an leth a stigh." Ach is ann d'a thrid-san—is e sin, ann an cleachdadhl a dhreuchd mar eadar-mheadhonair—a tha an dol a steach so againn chum an Athar; tha sinn ag iarraidh 'na ainn agus air a sgàth, Eoin xiv. 13, 14; xvi. 23, 24. Rinneadh an ni ceudna leò o shean, ged nach b' ann ann an cleachdadhl shoillear sin a' chreidimh a tha nise r'a fhaotainn fò'n t-soisgeul. Dan. ix. 17, "A nis, O ar Dia, eisd urningh d' òglaich, air sgàth an Tighearna." Tha sinn air ar deanamh comasach air a bhi

cleachdadadh so uile le aon Spiorad—le cuideachadh Spioraid nan gràs agus nan athchuingean, Rom. viii. 26, 27. Ionius gur e a th' anns an ùrnuigh comas a bhi againn air a bhi glaodhaich—“Abba, Athair,” le Spiorad a’ Mhic, Gal. iv. 6. Tha so air a chur an cùill mar an ceudna ann an Eabh. iv. 15, 16; x. 19-22. Ann an so tha ar Tighearn Iosa Criosd air a bheachdachadh, cha-n ann gu h-ionlan a thaobh a phearsa dhiadhaidh a mhain, aeh a thaobh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair, chum d'a thrid-san “gu'm bitheadh ar creidinn agus ar muinghin ann an Dia,” 1 Phead. i. 21.

Uime sin, do blàrigh gur e ar dleasdanas, mar a chaidh dhearbhadh, a bhi gairm air ainm Chriosd air dhòigh àraidh, agus do blàrigh gur e so dòigh gnàthraighe aoraidh na h-eaglais—feudaidh sinn a thoirt fainear ann an so ciod na h-amannan anns am bheil asluchadh àraidh so Chriosd, neach ’na phearsa dhiadhaidh a’ e araon ar Dia agus ar Fear-tagraidh, ro fheumail dhuinne, agus ro thaitneach b-is-san.

Ann a' chend àit,—Amannan nan àmhgharan mòra eoguis tre bhuiridhibh agus threigsimibh; tha iad so ag iarraidh gu'n cuireamaind aghaidh air Criosd ann an cleachdadadh an asluchaidh àraidh so. ’Nuair a tha muimntir anns a’ chor so, le’n anamaibh air an claoïdheadh amnta, mar a tha an Salmadair a’ labhairt, tha iad a ghnàth iarratach air truas agus saorsa. Gheibh iad gu tric beagan connhflurtachd agus fuasglaidh o’ iochd agus o’ connh-flulangas muimntir eile, a bha aon chuid anns a’ chor cheudna iad féin, no aig am bheil eòlas ann an solus an Sgriobtuir, air uamhas an Tighearna anns na nithibh so. ’Nuair a bhitheas an gearan air a chur suarach, agus an trioblaidean air an cur as leth aobhairean eile ’an àit nan aobhairean a tha iad féin a’ mothachadh—mar is gnàth le leighibh nach fiù—is ann a tha an àmhghar agus am bròn air am meudachadh. Agus tha iad a’ cur mòr mheas air gach uile oidhrip threibhdhirich a ghnàthaicheadh chum saorsa dhoibh, aon chuid le comhairle no le h-ùrnuigh. Ann a’ chor so tha an Tighearn Iosa Criosd air a chumail a mach anns an t-soisgeul mar neach a tha làn iochd agns caonmh-thròcair—mar an ti sin a mhain a tha comasach air fuasgladh a flrithealadh orra. A mheud ’s gu’n d’ fhuling e féin, air dha a bhi air a bhuaireadh, tha e comasach air connh-flulangas a bhi aige r’ar u-amhuinnneachdaibh, agus truas a ghabhail ris an dream a tha aineolach, agus air seacharan, Eabh. ii. 18, iv. 15, v. 2. Tha e air a chumail a mach mar an ceudna mar an ti sin a mhain anns am bheil furtachd, agus fuasgladh, agus saorsa r’am faotainn. “Is comasach e air cabhair a dheanamh orra-san a tha air am buaineadh,” caib. ii. 18. Air a so tha iad air an tarruing, air an coimh-eigneachadh, agus air am misneachadh chum a bhi ’cur aghaidh air

ann an cleachdadhl na h-ùrnuigh, chum gu'm buineadh e riù a réir meud a thruacantachd agus a chumhachd. Tha so, ma seadh, 'na àm anns am bheil cleachdadhl an dleasdanais so neo-sheachanta. Agus tha na h-anama sin gun àireamh a fluair comhfhurtachd, agus àrachadh, agus fuasgladh ann. Tha àm na h-àmhghair 'na àm air son cleachdaidh ro àraidh a' chreidimh air Criod. Is ambuil sin a tha e fein a' seòladh dhuinn, Eoin xiv. 1. "Na bitheadh blur eridhe fo thrioblaid; tha sibh a' creidsinn ann an Dia, eridibh aumam-sa mar an ceudna." Is iad cleachdailhean eadar-dhealaichte a' chreidimh air Criod meadhon mòr ar neartachaидh agus ar fuasglaidh ann an trioblaid. Agus is e dleasdanas an asluehaidh àraidh so am meadhon mòr trid am bheil iad ait am beothachadh suas agus air an cur 'am farsuinmeachd.

Tha eisampleir againn anns an abstol Phòl air an ui so, agus sin a thaobh buairidh, agus an àmhghair a tha coimhecheangailte ris. Bha "sgolb's an fheoil" aige, "teachdair Shàtain chum a bhuaileadh." Tha an dà fhocal so a' cur an cèill a' gheur-mhothachaidh a bha aige d'a bhuaireadh, maille ris an imcheist a bha 'na chomh-chuideachd. "Air a shon so ghuidhe e an Tighearn tri uairean, gu'n imicheadh so uaith," 2 Cor. xii. 7, 8. Chaidh e gu dùrachdach 'an ceam na h-ùrnuigh chum gu'n imicheadh e uaith, agus sin gu tric. Agus b'e an cuspair ris an d' rinn e ùrnuigh an Tighearn—is e sin, an Tighearn Iosa Criod. Oir is e so an t-eadar-mhineachadh a tha r'a dheanamh air an ainnm Tighearn,—mur 'eil ni sam bith 'an aghaidh sin anns a' choimh-theagasc—mar a tha an t-ainm Dia air eadar-mhineachadh mu'n Athair, a réir na riaghailte sin, 1 Cor. viii. 5. "Cha-n'eil dhuinne ach aon Dia, an t-Athair; agus aon Tighearn Iosa Criod." Agus tha e soilleir mar an ceudna anns a' choimh-theagasc. B'e am freagradh a fluair e d'a ùrnuigh, "Is leòir mo ghràs-sa dhuit;" oir tha mo chumhachd air a dheanamh fairfe ann an annhuinmeachd." Agus anns na briathraigheibh a tha 'leantuinn, tha e cur an cèill gu'm b'e so cumhachd Criod, an neach sin fös a thug freagradh dha, "Uime sin is ro thoiliche a ni mi uaill a m' annhuinmeachdaibh, chum gu'n gabh cumhachd Criod còmhnuidlì orm;" is e sin, cumhachd an ti sin air an do ghairm e, agus a thug am freagradh sin dha, "Tha mo chumhachd air a dheanamh fairfe ann an annhuinmeachd."

Anns an dara ait. Tha amanman anns am bheil *foillseachadh gràsmhor* air 'thaotainn aon chuid de ghloir Criod *aon fein*, no d'a ghràdh dhuinne, 'n an amaiibh a tha gairm a dh'ionnsuidh an dleasdanais so. Tha ghloir Criod 'na phearsa agus 'na dhreuchdaibh a ghnàth an nì ceudna, agus cha-n'eil an taisbeandh sin a tha deanta d'a ghloir anns an Sgriobtuir aig àm sam bith a' caochadh; ach a thaobh ar scallaidh agus ar breithmeachaيدh d'a

ghlòir, a tha drughadh air dhoigh àraidh air ar cridheachaibh agus ar n-inntinnibh, tha amannan eadar-dhealaichte ann air nach 'eil creidich sam bith aineolach. Air uairibh tha sealladh mar so d'a ghlòir air 'fhaotainn fo fhrithealadh an fhocail ; anns an bheil Criosd air an dara làimh air a nochdadhbh gu soilleir fa e' omhair ar sùl, air a cheusadh 'n ar measg, agus air an làimh eile air 'ardachadh gu ro ghlòrnoch. Air uairibh tha so air fhaotainn anns an ùrnuigh, no anns a' bheachd-smuaineachadh uime. Mar a thugadh comas do flradharc chorporra Stephen, air do na nèamhaibh a bhi air am fosgladh, a bhi faicinn "glòire Dhé, agus Iosa 'na sheasamh air deas làimh Dhé," Gniomh. vii. 55, 56,— is amhuil sin air uairibh a ni è am brat-roinn a tharruing a thaobh, chum a bhi 'toirt seallaidh dhùritich a dh'imirinnibh agus a dh' anamaibh nan creideach d'a ghlòir; agus anns na h-amaibh sin tha iad air am beothachadh suas agus air an eur thuige ann an cleachdadhbh an asluchaidh naoimh agus a' mholaidh. Air a mhodh so, air do Thomas glacadh anama fhaotainn d'a ghlòir agus d'a chumhachd dhiadhaidh an déigh na h-aiseirigh, anns an do dhearbhadh e 'bhi 'na Mhae do Dhia le cumhaichd, Rom. i. 4—ghlaodh e suas ris, "Mo Thighearn agus mo Dhia," Eoin xx. 28. Annas na briathraibh a ghnàthaich e rinn e araon a' chreidimh féin 'aideachadh, agus ghairm e air ainn Chriosd. Uime sin, an uair a tha sinn air faotainn fior shealladh d'a ghlòir, cha-n 'eil e 'n ar comas gu'n a bhi aon chuid a' labhairt ris, no 'a labhairt uime. Mar a tha sgriobhta mu'n fhàidh, "Thubhairt Isaiah na nithe so 'nuair a chunnaic e a ghlòir-san, agus a labhair e uime," Eoin xii. 41. Agus air do Stephen an sealladh ceudna fhaotainn ann am meadhon a naimhdean fuitteach, riinn e air ball fianuis, "Tha mi 'faicinn na nèamhan fosgailte, agus Mae an duine 'na sheasamh air deas làimh Dhé." Agus le so bha e air 'uidheamachadh air son an asluchaidh naoimh sin air 'ainm a ghnàthaich e 'na dhéigh sin, "A Thighearna Iosa, gabh ri mo spiorad," Gniomh. vii. 56, 59. Agus air an dóigh cheudua, air dha a bhi air fhoillseachadh mar an t-Uan, chum leabhar nam faidheadaireachd 'fhosgladh, anns an robh taisbeanadh comharaichte d'a ghlòir—do bhrigh nach robh "aon neach air nèamh, no air thalamh, no fo'n talamh, comasach air an leabhar fhosgladh, no sealltuim air," Taish. v. 3—"thuit na ceithir seanairean ficead sios 'na latha'ir," agus ag taigseadh dhoibh uile ùrnuighean nan naomh, "sheinn iad oran nuadh" molaidh d'a ainn, rainn 8-10. Is e so, ma seadh, ar dleasdanas-ne, is e so ar gliocas, air dhuinn seallaidhean gràsmhor 'fhaotainn de ghlòir Chriosd ; eadhon, aghaidh a chur air, ann an cleachdadhbh an asluchaidh no a' mholaidh ; agus le sin bithidh comhfurtachd agus tairbhe nan seallaidhean sin a' deanamh còmhnuidh 'n ar n-inntinnibh.

Tha so mar an ceudna fior a thaobh *graídh* Chriosd. Tha grádh Chriosd a ghnàth an ni ceudna agus gun chaochladh d'a eaglais. Gidheadh tha amannan àraidh agus eugsamhuil ann anns am bheil e air 'fhoillseachadh agus air a chomh-chur gu comhfhurtail ri anamaibh nan creideach. Tha so air mhodh araidh fior an uair a tha fiamuis shònruiichte air a deamamh dhoibh d'a thaobh, agus a tha e air a dhòrtadh a mach 'n an eridheachaibh leis an Spiorad Naomh. Anns na h-amaibh sin tha cumhachd coimh-éigneachaidh 'na chomh-chuideachd, 'gar cur fo fhiachaibh a bhi bò dha-san a dh'fhuiling am bàs air ar son, agus a dh'éirich a ris, 2 Cor. v. 14, 15. Agus cha-n e earrann bheag d'ar beatha spioradail a tha coimh-sheasamh ann an asluchadh so Chriosd. Agus dh' fhendamaid comhfhurtachd so a ghràidh a mhealtuum ni's trice na 'tha sinn gu coitchionn a' deamamh, mur bitheamaid cho dearmadach ann an cleachdadhl dhleasdanas a tha chum ar tairbhe féin. Oir ged is gniomh àrd-uachdaranaach saor ghràs Dé a bhi 'ga bluileachadh oirnn, agus a chomhfhurtachd a dhòrtadh 'n ar eridheachaibh, mar a chi e féin iomchuidh, gidheadh tha dleasdanas air iarraidh aig ar làmhaibh-ne chum ar eridheachan a dheasachadh gn bhi 'gabhlail ris. Nam bitheamaid dichiollach ann an cur uainn "gach uile shalachar, agus anabharr mi-run," a tha truailleadh ar n-aigne, agus a tha 'g aomadh na h-inntim chum a bhi mendachadh aon an smuaintibh diomhain; nam bitheadh ar eridheachan ni's mò air an ceusadh do ghràdh an t-saoghal, a tha 'druideadh a mach comhfhurtachd gràidh an Athar; nam bitheadh ar beachd-smuaintean a' dol am meud mu Chriosd agus m'a ghlòir;—bhitheamaid ni bu trice air ar fiosrachaидh le failteachadh choimh-éigneachaidh a ghràidh na a tha sinn. Is amhul a tha e féin a' cur an céill, Taisb. iii. 20, "Feuch, tha mi a' m' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh; ma dh' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhlaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riùm-sa." Tha e' labhairt ruinn bhriathran a ghràidh agus a chaoimhneis. Gidheadh gu tric cha-n 'eil sinn aon chuid a' toirt faincar a ghutha 'nuair a labhras e, no a' fosgladh ar eridheachan an uair a tha e 'bualadh. Mar sin tha sinn a' call comhfhurtachd gràsmhoir sin a ghràidh, a chuireadh 'an céill leis anns a' ghealladh sin, "Gabhlaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riùm-sa." Cha-n urrainn teanga chruthaichte a chur an céill ro mheud a' chomh-chomuinn nèamhaidh agus bheann-achte a tha fillte suas anns a' ghealladh so. Tha a' chainnt 'na cainnt shamhlach, ach is brighmhor, fior an gràs a tha paisgte suas innti, seadh, ni's luachmuoire na'n saoghal gu léir dhoibh-san uile d'an aithne e. Tha comhfhurtachd so gràidh Chriosd, agus a thoradh ann an comh-chomunn ris, ann an cleachdadhl na h-

ùrnuiigh agus a' mholaidh, air a chur an céill air dhòigh ro chomharaichte ann an Leabhar an Dàin. Tha an eaglais am an sin air a taisbeanadh mar chéile Chriosd, agus, mar chéile dhileas, tha i aon chuid a ghnàth ionguineach mu thimchioll a ghràidh, no a' deanamh gairdeachais ann a bhi 'ga mhealtuinn. 'Nuair a tha a ghràdh air beothachadh a eridhe, tha i air ball a' meudachadh ann an cleachdadhl an asluchaidh naoimhe, agus an iongantais, agus a' mholaidh. Agus tha an cleachdadhl ceudna aig eaglais an Tiomnaidh Nuaidh, air dhi a ghràdh a mheasrachadh, maille r'a thoraidhibh do-labhairt : "Dhasan a ghràdhaich sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhribh 'na fhuil féin, agus a rinn righean agus sagartan dhinn do Dhia agus d'a Athair-san ; dha-san gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen," Taibh. i. 5, 6. Tha so, ma seadh, 'na àm eile a tha 'gairm a dh' ionmsuidh an dleasdanais so.

Auns an treas àit,--Tha amannan geur-leanmhuinn air sgàth 'Ainme, agus air son aidmheil an t-soisgeil, 'nan amaiibh eile anns am bheil asluchadh àraidh so Chriosd araon cubhaidh agus feunnail. Tha dà ni a bhitheas a' deanamh gréim air inntinnibh nan creideach anns na h-amaibh sin ;--1. Moran smuaintean m'a thimchioll. Cha-n urrainn iad gun a bhi beachd-smuaineachadh *airsan* a ghnàth air son am bheil iad a' fulang. Cha d' fluiling neach riagh geur-leanmhuinn air son na còrach, agus le eriochaibh treibhdhireach, agus ann an Rathad Dligheach, aig nach robh so fior d'an taobh. Tha an inntinnean a ghnàth air an cleachdadhl air na h-aobhairibh uile-bhuadhlach a tha aca gu bhi fulang air a shon--air an tarruing o a phearsa, agus a ghràdh, agus a ghrás, agus 'úghdarris--o gach nì a tha e ann féin, o gach nì a rinn e air an son, agus an cunntas a tha r'a thoirt suas d'a làmhainbh as na h-uile ni. Is minic a lionadh na fasaichean aonaranach agus na priosainean dorcha le smuaintibh mu Chriosd agus a ghràdh. Agus tha iad lionmhòr anns na linntibh a dh' fhàlbh agus anns na linntibh deireannach so féin, a rinn sgeul air a' chomh-chomunn naomh a shealbhaithe iad ris an Tighearn Iosa fo gach cuing agus àmhghar a leagadh orra. Agus cha-n 'eil neach sam bith d'an do tharladh na deuchainnean ceudna aig àm sam bith, nach dean fianuis mu thimchioll am fiosrachaidh féin anns a' chùis so. 2. Tha smuaintean domhain agus seasmhach aig a' mhuijnntir so timechioll air aobhair sin Chriosd a tha air dhòigh àraidh coimhcheangailte riu-san anns an t-suidheachadh a tha làthair aca, agus mar an ceudna air a chomas air a bhi 'gan cumail suas ann, no a bhi 'g oibreachadh saorsa dhoibh as. Tha fios aca agus tha iad a' toirt fainear gu bheil esan fo àmhghar 'n an uile àmhghar—a' fulang 'n am fulangasaibh, air a gheur-leanmhuinn 'n an uile gheur-leanmhuinnibh ; agus annnta uile gu bheil e làn gràidh, agus truais,

agus comh-fhulangais do-labhairt d'an taobh ; gur leòir a ghràs air an son, agus gu'm bi a neart air a dheanamh foirfe 'n an annmuim-eachd, chum an giùlan troimh am fulangasaibh gu léir, a dh' ionnsuidh a ghlòire féin agus an glòire-san mar an ceudna. Anns na coraibh so, ma seadh, cha-n 'eil e comasach dhoibh-san a tha fo threòrachadh an Spioraid, gun a bhi 'eur aghaidh air-san air mhodh àraidh a ghnàth, air son gach cuideachadh gràis, agus gach dearbh-bheachd gràidh agus trèair, maille ris gach leasachadh comhfhurtachd agus ùrachadh spioradail, air am bheil an suidh-eachadh 'an aire. Uime sin, anns a' chor so, is e cleachdadhl so an asluchaidh naoimh air Criosd aon ionad-fasgaidh agus acair anama na muinnitir sin a tha ann am fìrinn a' creidsinn ann. B' ann mar so a fhuaireadh e leis na martaraich naomha o shean, agus mar an ceudna anns na làithibh deireannach so.

Cha-n 'eil an teagast agus an dleasdanais so air son na muinitir sin a tha air an socair. Bitidh meas aca-san air a tha fo àmhghar, agus air am buaireadh, agus air an geur-leannmuinn, agus air an tilgeadh sios : agus bitidh iad air am faotainm 'ga chleachdadhl. Agus na h-anama naomha sin a bha anns gach linn air an euairteachadh le àmhgharaibh do-fhuasgaidh o'n leth a muigh, air sgàth aidmheil an t-soisgeil, tha iad air fàgail am fianuis, mar a thubhairt sinn, air taobh an dleasdanais so, maille ris na sochairean a tha coimhecheangailte ris. Bha an comhfhurtachd anama a bha iad a' faotainn ann a' toirt barrachd air eudthrom nam uile àmhgharan o'n leth a muigh, agus a' toirt dhoibh a bhi 'deanamh gairdeachais "le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn de ghlòir." Is e so tèarmunn na h-eaglais anns gach deuchainn a ni gréim oirre, agus anns gach eumart leis am feudar a cuairteachadh. Am feadh a tha dorus fosigailte aig creidich 'n an ùrnuighibh *d'a ionusuidh-san*, aig am bheil na h-uile eumhachd air nèamh agus air talamh 'na làimh, agus a tha làn gràidh agus comh-fhulangais do-labhairt d'an taobh, gu sòmruichte ann a bhi 'fulang air a sgàth, — tha iad tuilleadhras 'n an luchd-buaidh 'n an àmhgharaibh gu léir.

*Anns a' cheathramh àit,—'Nuair a tha sealladh ceart aguinn de chleachdlaithibh inbheach gràis air bith ann an Iosa Criosd, agus, aig an àm cheudna, mothachadh domhain de ar falamhachd féin de'n ghràs sin, is àm sin air son a bhi 'eur aghaidh air-san air mhodh àraidh ann an cleachdadhl na h-ùrnuigh, air son meudachaidh a' ghràs sin annamh féin. Bha gach uile ghràs coimhionann ann an Criosd a thaobh am freumh, bha iad uile ann anns an ionlanachd a bu ro àird; agus bha gach aon diubh air an cleachdadhl leis 'n an dòigh agus 'n an tomhas ionchuidh féin aig na h-uile h-àm freagarrach. Ach bha aobharan agus gnothuicheadh o'n leth a muigh air uairibh a' toirt *rothruim* do chleachdadhl chuid dhiubh ann an rathad nì's ro ìnbheiche agus nì's follaisiche*

na do chuid eile. Mar eisempleir;—bha an cleachdadhl barraichte so r'a fhaicinn 'na irioslachd agus 'na fhéin-àicheadhl do-labhairt, agus 'na fhoighidin ann am fulangasaibh; air am bheil an t-abstol a' labhairt chum na críche so, Phil. ii. 5-8. A nis is e priomh rùn nan uile chreideach a bhi cosmhuil ri Criosd, anns na h-uile gràs, agus anns gach cleachdadhl gràis. Annas na h-uile ni is esan an eisempleir. Air an aobhar sin, an uair a tha sealladh air fhaotainn leò de ghlòir gràis air bith mar a bha e 'faotainn cleachdaidh ann an Criosd, agus an uair a tha féin-mhothachadh aca de'n uireas-bhuidh a tha air an làmhaibh féin a thaobh a ghràis sin, cha-n urrainn iad gun aghaidh a chur air ann an cleachdadhl an asluchaidh naoimh—do blàrigh gur e comh-chumadh ris an priomh rùn—chum gu'm bitheadh an gràs sin a' faotainn leasachaidh anna feimini's mò agus ni's mò, as na lànachdaibh a tha 'chòmluindh ann. Agus bithidh na nithe so a' leasachadh gach aon a chéile annainn, mà bhitheas iad air an toirt fainear mar'bu chòir. Bithidh mothachadh ceart de ar n-uireasbhuidh féin a thaobh gràis air bith 'g ar cuideachadh ann a bhi 'faotainn seallaiddh de ghlòir a' ghràis sin ann an Criosd. Agus bithidh sealladh ceart de chleachdadhl glòrmhor gràis air bith annsan, a' meudachadh ar soluis chum a bhi 'faicinn ar n-eashbuidhleachd féin d'a thaobh. 'Nuair a tha an dà ni so a' luidh le cumhachd r'ar n-inntinnibh, blitheadh e 'na leasachadh do-labhairt air ar fàs ann an gràs agus ann an comh-chumadh ris, nan cuireamaid aghaidh air air ball ann an cleachdadhl na h-ìrnuiugh. Cha mhò a tha e comasach dhuinn dòigh no meadhion ni's ro éifeachdaich a ghnàthachadh air son a bhi 'faotainn gràis uaith, agus air son uisge tharruing à tobraichibh na slàinte. Agus an uair a thig sinn d'a ionnsuidh, le ar n-anamaibh a' moladh agus ar eridheachaibh a' gràdhachadh gràis air bith a tha 'faotainn cleachdaidh chomharaichte ann, chum a bhi 'ga iarraidh uaith tre chreidimh, fo mhothachadh de ar feum air—cha dean e ar n-àicheadhl. B' e so a rinn na deisciobuil, 'nuair a chuireadh dleasdanas cudthromach r'an aghaidh, d'an robh tomhas comharaichte creidimh feumail; air dhoibh a bhi 'meas-rachadh an lànachd a bha annsan, agus an uireasbhuidh a bha air an làmhaibh féin a thaobh a ghràis a bha feumail air son an dleas-danais sin a choimhilionadh—ghuidh iad air ball, ag radh, "A Thighearna, meudaich ar creidimh," Lucas xxii. 4. Tha an ni ceudna fior a thaobh deuchainn sam bith anns an feud sinn tuit-eam, leis an robh esan mar an ceudna air a chleachdadhl, agus air an d'thug e buaidh.

Annas a' chuireamh àit, —Tha àm ar bùis 'na àm eile de'n nàdur cheudna, co ac a bhitheas e 'na bhàs nàdurra, no 'na bhàs aiumeartach air a sgàth. Mar sin rinn Stephen a spiorad féin a thiomadh suas d'a làmhaibh ann an cleachdadhl na h-ìrnuiugh naoimhe;

"A Thighearna Iosa," deir e, "gabhl ri mo spiorad." Air an òbigh cheudna bha ùrnughean mhòran d'a inhartaraich dhileas air an cur suas ris anns na lasraichibh, agus fo'n chlaidheamh. Is amhuil sin cleachdadhl ionadh anam naomh tre chreidimh, ann a bhi 'coimh-ghleachdadhl ris an nàmhaid dheireannach air leabaidh am bàs. Agus mar is gniomhaiche sinn ann an cleachdadhl creidimh air 'n ar beatha, is ann is ullamh a bhithreas an gràs sin air teicheadh d'a ionnsuidh ann an rathad chomharaichte, 'nuair a thig am bàs.

Agus theagamh gu'n feudadh ionadh eisampleir eile a bhi air an ainmeachadh de'n nàdur so chum na crìche ceudna.

Ni sinn an caibideil so a dhùinadh le bhi 'toirt freagraidh air ceisd a dh' fheudas a bhi air a togail o na nithibh sin a labhradh. Oir a mheud 's gu bheil an Tighearn Iosa Criod, mar eadar-mheadhonair, ag eadar-ghuidhe ris an Athair air ar son, feudaidh cui'd a bhi 'feòraich, Am bheil e ceadaichte dhùinne ar n-ùrnuigh a chur suas ris, air son gu'n deanadh e mar so eadar-ghuidhe as ar leth—am bheil so air 'filleadh ann an dleasdanas an asluchaidh air Criod?

Freagrachd 1. Tha a samhuil so a dh' ùrnuigh gun eisampleir sam bith anns an Sgriobtuir; agus cha-n 'eil e tèaruinte dhùinne a dhol 'an eann dleasdanais sam bith nach do chuireadh r' ar n-aghaidh ann. Cha mho a dh' fheudas dleasdanas feumail sam bith a bhi air a chomharachadh, de nach 'eil eisampleir againn anns an Sgriobtuir. 2. Ann a bhi 'g asluchadh Chriosd, tha sinn "a' toirt urrainm do'n Mhae, amhuil a tha sinn a' toirt urrainm do'n Athair." Uime sin ann a bhi 'g asluchadh Chriosd, is e a phearsa diadhaidh priomh chuspair ar creidimh. Cha-n 'eil sinn 'ga bheachdachadh ann an cleachdadhl a dhreuchda mar eadar-mheadhonair eadar Dia agus sinne, ach mar an Ti sin aig am bheil buileachadh ionlan nan uile nithe maithe sin 'na làmhainbh air son am bheil sinn ag ùrnuigh. Agus ann a bhi 'ga asluchadh, tha ar creidimh a' socrachadh agus a' criochmachadh air a phearsa. Ach, mar a tha e ann an cleachdadhl a dhreuchda mar eadar-mheadhonair, is ann trid-san a tha ar "creidimh agus ar muinghin ann an Dia," 1 Phead. i. 21. Is e Iosa Criod, neach a's e an t-Eadar-mheadhonair—mar Dhia agus mar dhùine anns an aon phearsa—cuspair gach uile urrainm agus aoraidh dhiadhaidh. Is e a phearsa, agus a dhà nàdur anns a' phearsa sin, a tha mar so 'na chuspair an aoraidh dhiadhaidh. Is e so ma seadh an ni a tha sinn a' coimh-dhearradh. Gidheadh is e *nàdur a Dhiadhachd*, agus cha-n e cleachdadhl a dhreuchd mar eadar-mheadhonair, priomh reuson agus cuspair an aoraidh dhiadhaidh. Oir tha an t-aoradh sin a' coimh-sheasamh ann a bhi cur bhuadhan agus òirdheireas neo-criochmach agus diadhaidh as a leth-san d'am

bheil aoradh air a thabhairt. Agus far am bheil so deanta air aobhar sun bith eile ach do bhrigh nádúir na Diadhachd, tha an gniomh agus an t-aideachadh 'an aghaidh a chéile, agus tha iadsan a tha 'ga dheanamh 'an ceann an iodhol-aoraidh. Bhitheadh Mae Dhé 'na chuspair an aoraidh dhiadhaidh, ged nach robh e riamh air teachd 's an fheòil. Agus nam b' urrainn eadar-mheadhonair a bhi ann eadar Dia agus sinne nach bitheadh mar an ceudna 'na Dhia, cha b' urrainn e gu bràth a bhi 'na chuspair aoraidh no asluchaidh dhiadhaidh sun bith. Uime sin, tha mar fhiachaibh oirnn auns na h-uile nithe, urram a thoirt do Chriosd an t-Eadar-mheadhonair, an Dia-duine ann an aon phearsa, amhuil a bheir sinn urram do'n Athair; gidheadh is ann mar Dhia coimh-ionann ris an Athair, agus cha-n ann mar eadar-mheadhonair, oir anns an t-seadh so thae ni's isle na' n t-Athair. A thaobh a phearsa dhiadhaidh, tha sinn 'ga asluchadh féin gu neo-mheadhonach; ach, mar an t-Eadar-mheadhonair, tha sinn ag asluchadh an Athar 'na ainm. Bithidh cleachdaidhean eugsamhul a' chreidimh air, fo'n eadar-dhealachadh cheudna, air an cur 'an céill anus a' chaibideil a leanas.

CAIBIDEIL X.

Am Freumh o'm bheil Urram Diadhaidh, 'na Earrannaibh fa leth, air a chur as leth Pearsa Chriosd; eadhon Creidimh ann.

Is e freumh agus tobar an urraim dhiadhaidh so, 'na earrannaibh fa leth, a tha air a chur as leth pearsa Chriosd, eadhon creidimh ann. Agus b'e so stéidh gach uile aoraidh thaitnich a bha anns an t-saoghal o'n thàinig am peacadh a steach ann. Tha euid ann a tha 'g àicheadh gu'n robh *creidimh ann an Chriosd 'na ni a bhà mur fhiachaibh o'n fhior thoiseach*, no gn'u robh e neo-sheachanta do aoradh Dhé, no do fhìreanachadh agus do shláinte na muimhir a bha toirt ùmhlachd dha. Oir, a mheud's gu feumar 'aideachadh air gach làimh, "as eugmhais creidimh nach 'eil e comasach Dia a thoileachadh," mar a tha an t-abstol a' dearbhadh le eisampleiribh o thoiseach an t-saoghal, Eabh. xi.—tha iadsan a' saoilsum gur e creidimh ann an Dia fo bheachd choitchionn a tha air a chiallachadh, gun spéis air bith do Chriosd. Cha-n e mo rùn a dhol a chonnsachadh ri neach sam bith, no na beachdan mi-ghnèitheil agus na mearachdan cronail so a bhreugnachadh aig an àm. Agus is mearachd so, ma leanar g'a ceann i, a tha 'cur làimh ann am fhior bhunait a' chreidimh Chriosdail; oir tha i 'toirt air falbh

uaimh gach tomhas soluis agus firinn a tha r'a fhaotainn o'n t-Seann-tiomnadh. Rinn sinn ni-éigin a labhairt roimh so mu chreidimh nan naomh o shean d'a thaobh. Uime sin, cha dean sinn a nis ach a mhain an fhirinn a dhaingneachadh le cuid a theagascgaibh a tha luidh aig bunait creidimh an t-soisgeil.

1. Bha an ceud ghealladh, Gen. iii. 15—d'an goirear gu cothromach le cuid, *An tobar-ghealladh*—air 'fhoillsreachadh, agus air a thraigseadh, agus air a bhuileachadh, mar ghealladh a bha 'giulan agus a' cur an cíll an aoin mheadhoin saoraidh o'u t-seacharan sin o Dhia, maille r'a thoraidhíbh uile, anns an do thuit ar ceud sinnsear agus an sliochd gu léir tre'n pheacadh. Bha sgrios Shàtain agus sgrios na h-oibre a choimhlion e ann an toirt a steach staid peacaidh, air 'ulluchadh ann trid Fear-saoraidh. Is e so ceud stéidh creidimh na h-eaglais ; agus ma bhitheas e air 'aicheadhl, cha bhi e comasach ni air bith de fhrithdealadh Dhé d'a taobh o'n toiseach a thuigsinn idir. Feumar teagasc agus eachdraidh an t-Seann-tiomnaidh gu leir a chur air chùl mar nì gun tairbhe, ionnu nach fágair bunait sam bith ann am firinn Dhé air son a bhi 'toirt a steach an Tiomnaidh Nuaidh.

2. B'e *pearsa Chriosd*, agus 'eadar-nheadhonaireachd 'nar nàdur a bha air an gealltuinn fo ainm "sìl na mnà," agus mar an ceudna an obair a bha e gu dheanamh le 'chumhachd ann am bruthadh ceann na nathrach, maille ris an dòigh anns an robh sin gu bhi deanta leis ann am fulangas. Fhuair so coimhlionadh air do Dhia a Mhae féin a chur uaith ann an coslas feòla peacaich, ann an coimhlionadh na h-aimsir, air a dheanamh fo'n lagh, no anns gu'n d' fhoillsicheadh e anns an fheòil chum a bhi 'sgrios oibre an diabhl-uil. Is ainhuil sin a tha an gealladh so air 'eadar-nhineachadh, Gal. iii. 13, iv. 4 ; Eabh. ii. 14-16 ; 1 Eoin iii. 8. Cha-n urrainn so a bhi air 'aicheadhl ach air aon de'n dà aoibhar a leanas :—

(1.) Nach 'eil ni sam bith air a chiallachadh anns an taisbeannadh dhiadhaidh sin ach a mhain *naimhdeas nàlurra* a tha eadar an cinne-daoine agus nathraichibh. Ach is beachd so cho baoghalta, as nach 'eil na h-Iudhaich féin ciontach dheth, muintir a tha a ghnàth a' comh-chur a' gheallaidh so ris a' Mhesiah. Tha firinn Dhé gu léir anns an do thaisbean e a dhiom an aghaidh peacaidh ar ceud sinnsear, maille ris gach ni a tha coimh-cheangailte ri nàdur agus toraidhean a' pheacaidh sin, air an cur a thaobh d'a thrid. Agus a mheud 's gu bheil an bunait air an robh Dia gu bhi buntuinn tuilleadh riu féin agus r'an sliochd air a chur an cíll gu soilleir ann, is ann a dheanadh a bheachd so a thionndadh gu cuis-àbhachd, anns nach 'eil ach beag tairbhe do chloinn nan daoine. Oir ciod tuilleadh a tha anns an naimhdeas nàdurra sin a tha eadar daoinibh agus nathraichibh—air nach 'eil a bheag a dh' eolas aig aon duine anns a' mhlò a tha iad a gabhail

suim dheth. Cha-n 'eil ann ach a bhi 'cur tuagha an Dia-àicheidh ri freumh gach uile dhiadhachd a tha air a stéidheachadh anns an taisbeanadh dhiadhaidh, Os bàrr, a réir a' bheachd so cha-n 'eil an t-iomradh a's lughaidh anns na briathraibh air saorsa sam bith a rinn Dia a thaingseadh d'ar ceud sinnsear chum am fuasgladh o'n t-suidheachadh sin anns an robh iad air tuiteam tre'n pheacadh. Uime sin is éigin duinn a smuaineachadh gu'n d' fhàgadh iad gu h-ionlan fo'n mhallaichadh, mar na h-ainglean a thuit—leis an sguabar gach uile dhiadhachd bhàrr aghaidh na talmhainn. Oir cha-n urrainn ni's mò de dhiadhachd a bhi 'n am measg-san a tha gu h-ionlan fo'n mhallaichadh, agus sin gun dòigh fuasglaidh, na tha ann an ifriùn fèin. Air neo,—

(2.) Do bhrìgh gu bheil *dòigh éigin eile saorsa* agus sláinte air a thaingse agus air a ghealltuinn ann an so, 'an àite sin a tha tre Iosa Criod. Ach, a mhead 's gu'n robh an t-saorsa agus an t-sláinte so gu bhi air an coimhlionadh le "siol na mnà"—mur e so an Criod sin anns am bheil sinn a' creidsium, bha Criod éigin eile air a ghealltuinn, agus tha esan r'a chur air chùl. Ach tha so a dh' aon tarruing a' dubhadh a mach fìrinn an Sgriobtuir gu léir; oir tha uile theagasan an Sgriobtuir an crochadh air Criod a bhi air a tharruing o'n cheud ghealladh so.

3. Bha an gealladh so air a *dhraigneachadh*, agus dòigh saoraidlann a h-eaglais d'a thrid air a chur an céill, ann an suidheachadh nan iobairtean-réite. Rinn Dia a chur an céill anna agus leò eadhon o'n fhior thoiseach, "as eugmhais dòrtadh fola nach robh maithearas r'a fhaotainn;" agus gu'n robh réite air son peacaidh gu bhi deanta le riarrachadh fir-ionaid. Is ann an coimh-cheangal riu sin a thugadh "Uan Dé," mar aium air an Tighearn Iosa Criod, eadhon mar a rinn e peacaidhean an t-saoghal a thoirt air falbh le e féin iobradh, Eoin i. 2'. Oir shaoradh sinn "le ful luachmhoir Chriosd, mar fhuil Uain gun chron, gun smal," 1 Phead. i. 19—briathran ains am bheil an Spiorad Naomh ag amhare ri suidheachadh agus ri nàdur nan iobairtean o'n toiseach. Agus uaith so tha e mar an ceudna air a taisbeanadh air nèamhl mar Uan a bhithheadh air a mharbhadh, Taisb. v. 6—air do ghlior nèimh a bhi mar thoradh na h-iobairt a thug e suas. Agus do bhrìgh gu'n robh iobairt so Chriosd air a taisbeanadh leis gach uile iobairt shamhlach a bha ann roimh sin, theirear uime, "Uan a mharbhadh o thoiseach an t saoghal," Taisb. xiii. 8. Agus is iongantach leam-sa cionnus is urrainn neach sam bith nach 'eil ag àicheadh iobairt-réite Chriosd, a bhi ann an teagamh co ac a bha ceud thoiseachadh nan iobairtean so o shuidheachadh Dhé no o shuidheachadh dhaoine. Agus tha e iongantach leam, 'am measg aobhairean eile, air na h-aobhairibh a leanas:—

(1.) Ma their sinn gu'n robh iad de shuidheachadh dhaoine agus

air an coimhead leò o'n saor thoil féin, as eugmhais taisbeanaidh dhiadhaidh sam bith a bhi air a thabhairt d'an taobh roimh sin, is éigin duinn a cheadaichadh gu'n robh bunait gach uile dhiadhachd thatinieh amns an t-saoghal, air a leagadh ann an gliocas agus ann an toil dhaoine, agus nach b'ann 'an gliocas, agus le h-úighdarras, agus a réir toil Dhé. Oir cha-n aicheadh neach sam bith gu'n robh priomh sheirbhis na diadhachd uile a' coimh-sheasamh amns na h-iobairtibh so, eadhon roimh thabhairt an lagha, agus gu'm b'ann amta a bha gach dleasdanas eile coimh-cheangailte rithe a' coinneachadh. Agus a réir a' bheachd so, 'nuair a bha an lagh air a thabhairt, cha b' e a rinn Dia a reachdan aoraidh féin a dhaingneachadh agus a shuidheachadh, ach a sheula agus 'aonta a chur ri innleachdaibh dhaoine. Ach tha so a' dol calg-dhireach 'an aghaidh soluis nádurra féin, agus fianuis choit-chinn an Sgriobtuir.

(2.) Bha na h-iobairtean-réite uile, o'n toiseach, a' samhlachadh agus a' riochdachadh iobairt Chriosd; air an robh an eifeachd, agus an tsairbhe 'am measg dhaoine, maille r'an tautneas do Dhia, gu h-ionlan an crochadh. Ma théid an daimh amns an robh iad a' seasamh do iobairt Chriosd a sgaoileadh, cha robh amta ach seirbhis cho mi-reusonta, agus cho neo-fhreagarrach ri nádur na Diadhachd, ri ni sam bith ris am b' urrainn creatairean reusonta an lámh a chur. Bitheadh so air a sgaoileadh, agus tha iad 'n an seirbhis cho reusonta gus an là'n diugh as a bha iad riann. Agus cò an neach aig am bheil tuigse sam bith a mheasadh gu bheil iad a nise 'n an seirbhis freagarrach air son a bhi 'glórachadh nádúir na Diadhachd? Os barr, bha na h-iobairtean-réitich gu léir de' n aon nádúr, agus am feum ceudna amta, araon roimh thabhairt an lagha agus 'na dhéigh sin. Ach tha an t-abstol a' dearbhadh gu soilleir amns an Litir chum nan Eabhruidheach, gu'n robh iad sin uile a bha an déigh tabhairt an lagha, a' samhlachadh iobairt Chriosd. Is i a' cheisd, uime sin, eo ac a bha samhlaidh-can beamaithe so an Tighearn Chriosd agus 'iobairt-san mar Uan Dé a bha toirt air falbh peacaidh an t-saoghal, 'n an toraidhibh gliocais, agus maitheis, agus toil Dé, no 'n an innleachdaibh toil dhaoine. Agus thugainaid fainear, mar an ceudna, nach robh aig na daoinibh so a mheasár mar úighdairibh an taisbeanaidh iongantach so de Chriosd agus 'iobairt-san, a bheag sam bith a dh' eolas orra, no, mar a tha an luchd comh-bharail so iad féin ag ràdh, nach robh eòlas sam bith ac orra. Agu cò air bith a smuainicheas gu'n robh iadsan do nach b'aithme ni sam bi mu Chriosd ach na dh' flìoghluimadh iad o'n cheud ghealladh, comasach air a bhi 'faotainn a mach agus a' combarachadh na seirbhis diadhaidh so as an eann féin, a bha 'coimh-sheasamh gu h-ionlan ann a bhi 'roimh-shamhlachadh Chriosd agus an iobairt a thug e suas; agus nach e mhain

gu'n aontaicheadh Dia rithe, ach gu'n ceadaicheadh e i mar am priomh mheadhon leis an robh creidimh nan naomh air a dhaingneachadh agus air a chleachdadhl air son ceithir mile bliadhma,— tha iad a' toirt caidrimh do smuaintibh a tha air claoindair falbh o uile riaghailtibh na measarrachd. An neach sin nach 'eil a'faicinn gliocais dhiadhaidh anns an fhrithealadh shamhlach so, cha d' rinn e a smuaintean a chleachdadhl air bheag sam bith gu suidhichte air. Ach rinn sinn aobhairean agus ceud thòiseachadh nan iobairtean so a thoirt fainear aim an ait eile, agus uime sin cha leudaich sinn orra ni's fhaide.

4. Rinn ar ceud sinnsear agus an sliochd naomh gu léir *an gealladh so & chreidsinn*, no ghabh iad ris mar aon mheadhon an saoraidh o'n mhallachadh agus o staid a' pheacaidh; agus le sin bha iad air am fireanachadh 'am fianuis Dhé. Tha mi'g aideachadh nach 'eil dearbhadhl neo-mhearachdach againn a thaoblh neach sam bith fa leth a rinn sin, ach iadsan a tha air an ainmeachadh anns an Sgriobtuir, mar a tha Abel, agus Enoch, agus Noah, agus cùid eile; ach tha an smuain sin araon amaideach agus mi-naomh a chuireadh so 'an teagamh a thaoblh mhluinnitir eile mar an ceudna, mar a tha ar ceud sinnsear iad féin. Tha na Socinianaich 'ga chur 'an teagamh chum a bhi 'gan cuideachadh ann am mearachd eile, eadhon, nach robh neach sam bith air thireanachadh fa chomhair Dhé tre chreidimh a' cheud gheallaidd, ach le 'bhi 'g ineachd a réir soluis nàduir, agus le'bhi toirt umhlachd do gach taisbeanadh àraighe a thugadh timchioll nithe aimsireil—ach chuireadh diomhamais nam beachdan so'am follais roimh. Uime sin, chreid ar ceud sinnsear agus an sliochd naomh gu léir an ceud ghealladh so, air neo is éigin a smuaineachadh gu'n robh iad aon chuid air an gleidheadh fo'n mhallachadh, no gu'n robh dòigh éigin eile aca de'n d' rinn iad feur chum a bhi 'faotainn saoraidh uaithe. Tha an ceud smuain aingidh—oir tha an t-abstol a' cur an céill gu'n robh an fhanuis so aca, gu'n do thaitium iad ri Dia, Eabhl. xi. 5; ni nach urrainn a bhi fior a thaoblh neach sam bith a tha fo'n mhallachadh, oir is e sin a bhi fo dhiom Dhé. Agus anns an àite cheudna tha e daingneachadh an creidimh, agus am fireanachaiddh tre chreidimh, le "neul a dh' fhanuisibh," caib. xii. 1. Agus cha-n' eil stéidh sam bith aig an dara smuain: oir tha i 'filleadh innte a bhi 'cur cùil ri gliocas, agus ri gràs, agus ri h-ìughdarras Dhé anns an taisbeanadh dhiadhaidh sin, air son ni gu'n blrighe sam bith. Oir rinn sinn a dlearbhadh a cheana gu'n robh an dòigh sin air a chur an céill anns a' ghealladh so, a rinn Dia 'ulluchadh 'na ghliocas agus 'na ghràs air son a bhi 'gan saoradh. Agus ann a bhi 'treig-sinn an doigh so air son dòigh sam bith eile nach d' fhoillsicheadh dhoibh, cha bhitheadh ann ach cùl a chur ri h-ìughdarras agus ri gràs Dne.

D' an taobh-san a tha air bheachd eile, tha mar fhiachaibh orra na tri nithe so a leanas a dhearbhadh :—

(1.) Gu bheil dòigh agus meadhona eile ann trid an bheil peacaich air am fireanachadh agus air an tèarnadh eadar-dhealaichte o sin a tha air 'fhoillseachadh, agus air a chur an céill, agus air a thraigseadh anns a' cheud ghealladh sin. Agus air dhoibh sin a dheanamh, is éigin doibh mar an ceudna a nochdadh ciod a' chrìoch—coimhcheangailte r' am beachd féin—air son an d' thugadh an gealladh idir, agus gu'n do chuireadh erioch a gheallaidh air chùl.

(2.) Gu'n robh e ceadaichte do dhaoinibh a bhi 'treiginn am meadhoin saoraidh sin o'n mhallachadh agus o staid a' pheacaidh a dh' fhoillsich Dia anns a' cheud ghealladh, chum a bhi 'cur aghaidh air meadhon éigin eile, as eugmhais treòrachaidh sam bith o'n taisbeanadh dhiadhaidh. Oir mur robh so ceadaichte dhoibh, cha b' urrainn iad cùl a chur ris a' ghealladh gun a bhi 'cur cùil ri Dia ann am foillseachadh a ghráis, eadhon mar a bha an ceud pheacadh 'na threiginn air Dia anns an fhoillseachadh a thug e dheth féin ann an oibríbh a' chruthachaidh : a mhain so, gu'n robh an dara foillseachadh so air a thabhairt ann an coimhcheangal ri buadhaibh nàdurra an duine 'na chruthachadh, am feadh a bha am foillseachadh eile 'na taisbeanadh a chuireadh an céill o'n leth a muigh ; cho mhò a b' urrainn e bhi air sheòl eile. Air neo,—

(3.) Gu'n robh dòigh éigin eile anns an robh comhpàirt r'a fhaotainn de shocairibh a' gheallaidh so, a bhàrr air creidimh ann, no aum-san a bha air a ghealltuinn ; agus gu bheil an t-abstol a' cur an céill nach bi tarbhe ann an gealladh sam bith dhoibh-san anns nach 'eil e air a mheasgadh le creidimh, Eabh. iv. 2. Mur bi na nithe so air an dearbhadh gu soilleir—ni nach gabh deanamh a chaoih—eia b'e air bith a dh' fheudas daoine a bhi 'tagradh mu thiuinchìoll gràis choitchinn o'n leth a muigh ann an taisbeanadh a' chruthachaidh nàdurra, cha-n 'eil ann ach faoineas na h-inntinn amaidich.

5. Bha nàdur agus eriochan a' gheallaidh so, roimh thabhairt an lagha, maille ri fenn nan iobairteam, leis an robh e air a dhaingneachadh, air an cur an céill *le ministreileachd ghnàthaichte ar cend sinnseara* agus an shiochd dhiadhaidh, agus le ministreileachd chomharaichte nam faidhean a rinn Dia a thogail snas 'n am measg. Oir labhair Dia mu ar saorsa tre Chriosd le beul fhàidhean naomha féin a bha ann o thoiseach an t-saoghail, Lucas i. 70. Oha b' urrainn dleasdanas eile ni bu ro mhò a bhi mar fhiachaibh orra, le solus nàduir agus le taisbeanadh shoilleir toil Dé, na gu'm bitheadh iad, gach aon a réir a chomais, a pàirteachadh èdlais a' gheallaidh so riu-san uile ris an robh an gnothuch. Bhitheadh e

'cur brùidealachd as leth ar ceud sinnseara, d'an d' thugadh an gealladh so, agus as an leth-san d'an do chuir iad air tuis 'an céill e, mar mhuinntir a bhithheadh air tuiteam air falbh an dara uair o Dhia, a bhi 'smuaineachadh gu'n robh iad dearmadach ann a bhi 'ga shearmonachadh, gu h-àraidh air bhi dhoibh ag amharc air mar an t-aon bhunait air an robh iad gu bhi gabhta le Dia, agus air an saoradh o'n mhallaichadh. Agus tha fianuis an Sgriobtnir againn mar an ceudna timchioll an dleasdanis so, aig am bheil a stéidh ann an solus nàdur féin. Oir rinn Enoch fàidheadaireachd mu na nithibh a bha gu bhi ann an comh-chuildeachd coimhlionaidh a' gheallaichd so, Iudas 14; agus bha Noah 'na shearmonaiche na fireantachd sin a bha gu bhi air a toirt a steach d'a thrid. 2 Phead. ii. 5—mar a bha e féin 'na oighre air an fhireantachd a tha a thaobh creidimh, Eabh. xi. 7.

6. Bha na h-uile gealladh a thug Dia 'na dhéigh sin do'n eaglais fo'n t-Seann-tiommadh, araon roimh thabhairt an lagha agus 'an déigh sin—bha na h-uile coimhcheangal a rinn e ri pearsaibh fa leth, no ri coimhthional nan creideach gu h-ionlan—a' cur an céill agus a' daingneachadh a' cheud gheallaidh, no rathad na slàinte tre eadar-mheadhonaireachd a' Mhic, ann an teachd mar shiol na mnà, gu bhi 'briseadh ceann na nathrach, agus gu bhi 'g oibreachadh saorsa do dhaoinibh. Mar a bha na geallaidean sin mar bu trice air an tabhairt m'a thimchioll-san air mhodh àraidh, is anhuil sin, ann an comhairle Dhé a bha iad uile air an daingneachadh ann, 2 Cor. i. 20. Agus mar a tha doimhloneachdan anns an t-Seann-tiommadh m'a thimchioll-san nach comasach dhuinn a thomhas, agus nithe gun àireamh air an labhairt uime no 'na phearsa nach urrainn sinn a mheasrachadh, is anhuil sin is e priomh rùn an ionlain a bhi 'ga chur-san an céill 'na phearsa agus 'na ghràs. Cha mhò a tha buannachd sam bith ann do neach sam bith a tha air bheachd eile. Bha iomadh gealladh mu thimchioll nithe aimsireil, àm an déigh àma, air an cur ri gealladh mòr na beatha agus a' ghràis. Agus tha nainhdean pearsa agus eadar-mheadhonaireachd Chriosd a' tagradh gu bheil daoine air am fireanachadh le an creidimh agus an ùmhachd ann an coimh-cheangal ri gach taisbeanadh àraidh nach robh ach mu thimchioll nithe aimsireil. Ach an dream a tha 'smuaineachadh nach robh na h-uile taisbeanadh agus gealladh a thugadh mu nithibh aimsireil, a' filleadh suas ainta gràs agus tròcair a' cheud gheallaichd, agus nach robh iad uile air an stéidheachadh air, tha iad 'gam fagail 'n am mallachd-aibh 'an aít a bhi 'nam beannachdaibh, do bhrigh gu bheil iad a' dùnadh a mach a ghràis sin gu léir a bha gu neo-chriochnach ni's feàrr na ni sam bith, a réir a bheachd so, a b' urrainn a bhi annta. Ach is i an fhìrinn, gu'n robh iad uile air an cur ris a' gheallaichd so, agus 'ga dhaingneachadh, cha mhò a bha buannachd spioradail

sam bith anna ach ann an coimh-cheangal ris. Bha leasachadh gràis aum an euid dhiubh ann an rathad a bhi 'cur nàduir a' cheud gheallaidh ni's ro shoilleire 'an céill, agus a bhi 'deanamh comh-chur ri pearsaibh na muinntir sin d' an d' thugadh iad. Is ann diubh so a bha an gealladh a rinneadh do Abraham, a bha 'g amhare gu soilleir ri Criosd, mar a tha an t-abstol a' dearbhadh, Gal. iii. and iv.

7. Iadsan a thuit air falbh d'an saor thoil féin, o eòlas agus o chreidhinn a' gheallaidh so, agus sin le taruis a dheanamh air Dia agus a ghràs, eo ac a bha sin a dh'aon bheum agus mar an roghainn féin, no ceum air cheum tre ghràdh a' pheacaidh, cha robh iad ann an cor ni b' fheàrr na tha iadsan a thuit air falbh o'n chbreidhinn Chriosdail an déigh a bhi air fhoillseachadh dhoibh agus air 'aideachadh leò. Agus ged a tharladh ri ùine, gu'm b'e so cor a' chinne-dhaoine gu coitchionn, araon roimh an dile agus 'na dhéigh sin, gidheadh is diomhain a dhol a shireadh an déigh mheadhona na slàinte 'n am measg-san a chuir cùl d'an saor thoil féin ris an aon rathad a dh' fhoillsich agus a dh' ulluich Dia air son na crìche sin. Air a so, "dh'fhuiling Dia do na h-uile Chimmieh imeachd 'n an slighibh féin," Gniomh. xiv. 16—"ag amhare thairis air aimsiribh an aineolais so"—gun a bhi 'gan gairm gu h-aithreachas, caib, xvii. 30; seadh, "thug e thairis iad do ana-miann an eridhe féin; agus dh' imich iad 'n an comhairle féin," Salm lxxxi. 12. Agus cha-n 'eil ni sam bith a's eas-urrainnach do ghliocas agus do naomhachd Dhé, na bhi 'smuaineachadh gu'n deanadh e dòighean eile slàinte a cheadachadh dhoibh-san a chuir cùl ris an aon mheadhon a dh' ulluich e; eadhon creidimh a'm an Criosd, mar air 'fhoillseachadh anns a' cheud ghealladh sin.

8. O na beachdaibh so, ma seadh, a tha uile 'n am firinnibh neomhearachdach, tha dà ni soilleir :—

(1.) Nach d' fhoillsicheadh agus nach do thairgseadh dòigh sam bith eile air son fireanachaibh agus slàinte pheacach o leagadh bunait an domhain, ach a mhain tre Iosa Criosd, mar air a chur an céill anns a' cheud ghealladh.

(2.) Nach robh dòigh sam bith air combpairt fhaotainn de shochairibh a' gheallaidh sin, no de bheannachdaibh eadar-mheadhonaireachd Chriosd, ach tre chreidimh ann mar a bha e air a ghealltuinn. Uime sin, bha creidimh ann an Criosd 'na dhleasdanas riabh o bhunait an t-saoghal, is e sin o'n thàinig am peacadh a steach. Agus chuireadh an céill a cheana gu'n robh an creidimh so ag amhare air mhodh àraighean a' phearsa. A nis, an creidimh sin a bha air a chleachdadh air mar a bha e air a ghealltuinn air son uile oibre agus chriochan eadar-mheadhonaireachd, agus an creidimh sin a tha 'faotainn cleachdaidh air mar a dh' fhoillsicheadh e anns an fhèòil agus mar a rinn e na h-oibre

sin a choimhlionadh, tha iad gu h-iomlan coimh-ionann a thaobh an gnè, agus cha-n 'eil iad ag eadar-dhealachadh air dhòigh sam bith ach a mhain a thaobh frithealaidh nan aimsir, a bha Dia a' riaghlaidh a réir a thoile féin. Air an aobhar sin, bha éifeachd eadar-mheadhonaireachd Chriosd coimh-ionann d'an taobh-san a bha creidsinn air a' mhodh so aig an àm sin, as a tha e a nis d'ar taobh-ne air bhi dha air 'fhoillseachadh anns an fheòil.

Ach gidheadh tha sinn ag aideachadh,—a thaobh soilleireachd agus lànachd an taisbeanaidh a rinneadh de rùn diomhair gliocais agus gràis Dé ann, maille ri comh-shuidheachadh a phearsa 'n ar nàdur, agus a thaobh a bhi 'ga chomharachadh a mach anns an nàdur sin mar fhìor chuspair a' gheallaidh a thugadh o thoiseach an t-saoghal, agus sin tre choimhlionadh na h-oibre air son an robh e air a' ghealltuinn,—a thaobh nan nithe so, tha sinn ag ràdh, gu bheil creidimh ann an Criosd, mar a tha e 'na stéidh an urraim dhiadhaidh sin a tha mar fhiachaibh oirnn a thoirt dha, gu h-anabarrach ni's soilleire air 'fhoillseachadh agus air 'aithmeadh fo'n Tiomadh Nuadh, na bha e fo'n t-Seamh-tiomadh. Faic Eph. iii. 8-11. Is e an *dòigh àraidi* anns am bheil an creidimh a nis ag amhuirc ri Criosd a tha 'ga dheanamh da rìreadh 'na ghràs soisgeulach. A bhi creidsinn ann, a bhi creidsinn 'na ainm, is e so an dleasdanas comharaicte a tha nis air 'iarraidh aig ar làmhaibh.

Uime sin, is e am freumh o'm bheil gach uile urram diadhaidh, 'na dhà earrann, aoradh agus asluchadh, air a chur as leth pearsa Chriosd, eadlion creidimh ann. Is amhuil a thubhairt e ris an dall, d'an d'flosgail e a shùilean, "Am bheil thu 'creidsinn am am Mac Dhé?" Eoin ix. 35. Agus flireagar esan, "Tha mi 'creidsinn, a Thighearna; agus rinn e aoradh dha," rann 38. Tha gach uile aoradh diadhaidh, ma seadh, 'na thoradh a' chreidimh. Is amhuil sin cleachdadadh an asluchaidh mar an ceudha; oir "Giomanus a ghairmeas iad airsain anns nach do chreibid iad?" Rom. x. 14. An ti sin anns am bheil sinn a' creidsinn, tha mar fhiachaibh oirnn a bhi 'ga asluchadh agus a' toirt aoraidh dha. Oir is iad so na priomh dàighean anns am bheil an creidimh 'ga chleachdadadh féin. Agus is iodhol-aoraidh a bhi 'toirt urraim dhiadhaidh do neach sam bith, no a bhi 'g asluchadh neach sun bith anns nach còir dhuinn a bhi 'creidsinn.

Tha an creidimh so, ma seadh, ann an pearsa Chriosd 'na dhleasdanas a tha mar fhiachaibh oirnn; seadh, is dleasdanas e air am bheil ar cor air son na siorruidheachd an crochadh ni's mò na air dleasdanas sam bith eile. Oir is e sin *dòigh* anns am bheil e a ghnàth air a chur mar dhleasdanas r'ar n-aghaidh. "An ti a chreideas anns a' Mhae, tha a' bheatha mhaireannach aige: ach an ti nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhae, cha-n fhaie e beatha; ach

tha fearg Dhé a' gabbail còmhuidh air," Eoin iii. 36. Uime sin is éigin dhuinn nàdur agus cleachdadhl a' chreidimh so a thoirt fainear.

Tha creidimh ann a tha air a chleachdadhl d'an taobh-san leis am bheil inntinn agus toil Dhé air am foillseachadh. Mar sin theirear mu Israel, "Chreid iad an Tighearn, agus Maois a sheirbhiseach," Eesod. xiv. 31; is e sin, chreid iad gu'n do chuireadh o Dhia e, agus nach b'e mealltair a bha ann; chreid iad gu'm b'e focal agus toil Dhé a bha e foillseachadh dhoibh. Air a' mhodh cheudna 2 Eachd. xx. 20, "Creidibh anns an Tighearn bhur Dia, agus daingnichear sibh; creidibh 'fhaidhean, agus soirbhichidh leibh." Cha b'e pearsachan nam fàidhean anns an robh e air 'àithne dhoibh a bhi 'creidsinn, ach an teachdaireachd leis an do chuireadh iad. Bha iad gu bhi 'creidsinn an ni a labhair iad, mar o Dhia—cha-n ann a' creidsinn anna féin mar Dhia. Is amhul sin a tha an t-abstol 'ga mhineachadh, Gniomh. xxvi. 27, "Am bheil thu creidsinn nam fàidhean, a rìgh Agripa? tha fhios agam gu'm bheil thu 'gan creidsinn." Bha e 'creidsinn gu'n do chuireadh iad o Dhia, agus gu'm b'ann o Dhia a bha an teachdaireachd a labhair iad; cha robh dòigh eile air a bhi 'creidsinn anna-san a bha marbh ionadh linn roimh sin.

Agus is e so a mhain an gnè chreidimh ann an Criosd féin a cheadaicheas euid. Is e bhi 'creidsinn ann an Criosd, a deir iad, a bhi 'creidsinn theagasan an t-soisgeil a dh' fhoillsicheadh leis. Uime sin tha iad ag aicheadh gu'm b' urrainn neach sam bith creidsinn ann mu'n d' thàinig e chum an t-saoghal, agus mu'n do chuireadh inntim Dhé 'an cùill leis anns an t-soisgeul. Agus cha-n 'eil tuilleadh creidimh ann an Criosd air 'iarraidh a réir an: beachd-san, ach a mhain aonta lom a chur ri firinn an t-soisgeil, mar a dh' fhoillsicheadh i leis.

'Am measg na h-uile teagastg cronaill a tha an dingh air an siòl-chur ann an inntinnibh dhaoine, 'gan truailleadhl o dhùiomhaireachd an t-soisgeil, cha-n 'eil a h-aon idir a's milltiche na'm beachd ro chlaon sin,—nach ni sam bith eile a bhi 'creidsinn ann an Criosd, ach a bhi 'creidsinn litir an t-soisgeil; ni gidheadh, a tha sium ag aideachadh a bhi air fhlileadh ann. Oir a mhead 's nach 'eil am beachd so a' eadachadh dreuchd sam bith eile ann an Criosd ach dreuchd fàidh a mhain, agus an dreuchd sin féin air a bheachdachadh dealachte o a phearsa dhiadhaidh, tha e mar an ceudna a' cur bunait na dàimhe sin gu h-iomlan bun os ceann anns am bheil an eaglais a' seasamh dha, agus trid am bheil i air a saoradh leis.

Is e a tha coimh-fhreagarrach ri ar rùn aig an àm, a bhi 'nochdadhl gur e pearsa Chriosd eud chuspair àraidh a' chreidimh sin leis am bheil e mar fhiachaibh oirnn creidsinn ann; agus ann an

deanamh sin, nach e mhain gu bheil sinn a' cur ar n-aonta ri firinn nan teagascg a dh'fhoillsich e, ach mar an ceudna a' cur ar dòchais agus ar muinghin ann féin, air son tròcair, agus saorsa, agus dion —air son fireantachd, agus beatha, agus sláinte—air son aiseirigh bheannaithe agus duais shiorruidh. Ni simi so a' nochdadh anns a' cheud àite, o chuid de na fianuisibh lionmhor sin anns am bheil an fhìrinn so air a cur an céill, agus leis am bheil i air a daingneachadh, agus mar an ceudna le cuid a reusonaibh air an tarruing uatha; agus 'an sin théid sinn air ar n-aghaidh a chur an céill aobhair, agus nàduir, agus cleachdaidh a' chreidimh féin.

A thaobh nam fianuissean a tha 'daingneachadh na firinne so, feumar a thoirt fainear d'an taobh uile gu coitchionn, cia b'e air bith àit anns am bheil creidimh air 'iarraidh a thaobh ar Tighearn Iosa Criosc, gu'n goirear a ghnàth dheth a bhi 'creidsinn "ann," no "'na ainm," amhuil a tha creidimh ann am bith Dhé anns gach àit air a chur 'an céill. Mur 'eil tuilleadh air a chiallachadh ach a mhain a bhi 'creidsinn nan teagascgan a dh'fhoillsicheadh leis, 'an sin cò air bith iad a labhras teagascgan a tha mar fhiachaibh oirnn a bhi 'creidsinn, feadar gu cothromach a ràdh gu bheil simi a' creidsinn annta féin, no 'n an ainm. Gu bhi sònruachadh eisem-pleir,—tha mar fhiachaibh oirnn a bhi 'creidsinn theagascgan an abstoil Phoil, anns gach taisbeanadh a labhair e, agus sin ann an Rathad gu bheil ar sonas siorruidh air a chur 'an cunnart mur dean sinn an creidsinn; gidheadh mu thimchioll a bhi *creidsinn annta ainm Phòil*, bu ni sin d'an robh fuath ionlan aige, 1 Cor. i. 13, 15.

'Am measg fianuissean eile, feudaidh an leughadair sealltuinn ri Eoin i. 12, iii. 16, 18, 36; Gniomh. xiv. 23; Rom. iii. 26; 1 Phead. ii. 6; 1 Eoin v. 10, 13. Tha gach aon dhiubh so 'na dhaingneachadh na's leòir air an fhìrinn so. Feudar euid eile nach d' ainmicheadh a thoirt fainear gu h-aithghearr.

Eoin xiv. 1, "Tha sibh a'creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna." Tha e r'a thnígsinn o'n eadar-dhealachadh a tha deanta eadar Dia agus e féin gu bheil ainm Dhé ann an so a' sonruachadh pearsa an Athar. Tha creidimh air 'iarraidh annta maraon, agus sin gu h-eadar-dhealaichte: "Tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna." Agus is e an t-aon chreidimh ceudna, de'n aon ghnè cheudna, agus gu bhi air a chleachdadh anns an dòigh cheudna, a tha air 'iarraidh; mar a tha soilleir o na briathraibh. Oir cha cheadaich an seadh creidimh dà-flìllte—aon chreidimh ann an Dia, agus creidimh eile ann an Criosc—cha mhò a dh'fheudar dòigh cleachdaidh eadar-dhealaichte creidimh a thuiginn annta.

Air an aobhar sin, mar a tha creidimh diadhaidh a' socrachadh agus a' criochnachadh air pearsa an Athar, is amhuil sin a tha e

gu h-eadar-dhealaichte ann agus air pearsa a' Mhic : agus is ann chum a bhi 'dearbhadh nàduir a dhiadhachd dhoibh—ni a's e stéidh agus reuson an creidimh—a thug e an àithne so do na deisciobluibh. Tha an ni ceudna a' faotainn fianuis a ris naith, rainn 9-11. Agus a thaobh cleachdaidh a' chreidimh so aig an àm, bha e sealltuinn ri saorsa an anaman o àmhgharaibh, agus o eagalaibh, agus o dhubbhachas eridhe : “Na bitheadh blur eridhe fo thrioblaid : tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna.” ’Nuair a tha sinn a' creidsinn ann chum saorsa d'ar n-anamaibh o thrioblaidibh, cha-n ann a mhain ag aontachadh ri teagasgaibh an t-soisgeil a tha sinn, ach mar an ceudna a' cur ar dochais agus ar muinghin 'na phearsa, air son coimh-leasachadh a ghràis, agus cleachdadhl a chumhachd dhiadhaidh d'ar taoblh, ionnus gu'm bitheamaid air ar cumail suas agus air ar teasaiginn. Agus ann an so tha an t-iomlan againn air son am bheil sinn a' tagradh. Creidimh diadhaidh air a chleachdadhl gu h-eadar-dhealaichte, agus a' eriochnachadh air, pearsa Chriosd—agus sin le sùl ri coimh-leasachadh gràis agus tròcair naith ann an cleachd adh a chumhachd dhiadhaidh.

Is amhuil sin a labhair e ri Marta, Eoin xi. 25-27, “An ti a chreideas annam-sa, ged gheibheadh e bàs, bithidh e beò ; agus ge b'e neach a tha beò, agus a' creidsinn annam-sa, cha-n fhaigh e bàs am feasd. Am bheil thu creidsinn so ?” Agus fhreagair Marta, “Tha, a Thighearna ; tha mi 'creidsinn gur tua Criosd. Mac Dhé.” B'e pearsa Chriosd cuspair a creidimh ; agus bha cleachdadhl a creidimh a' filleadhl suas a muinghin ann air son gach uile thòcair spioradail agus siorruidh.

Ni sinn aon fhiannis eile 'ainmeachadh, anns am bheil, cha-n e mhain cleachdadhl a' chreidimh so ann fèin air a chur an céill, ach mar an ceudna stéidh agus reuson araidh a' chleachdaidh sin, Gal. ii. 20,—“A' bheatha a tha mi nis a' caitheadh 's an fhèoil, tha mi 'ga caitheadh tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràidhaich mi, agus a thug e fèin air mo shon.” Tha e 'cur an céill a chreidimh sin a's e freumh na beatha spioradail—a' bheatha sin do Dhia a tha sinn a' caitheadh 's an fhèoil, no am feadh a tha sinn anns a' cholium, mu'n do ghabhadh fathast sinn a teach gu bhi lun mhealltuinn Dhé a réir seallaidh. A nis, is e Mae Dhé araon uighdair agus cuspair a' chreidimh so ; agus is e a chuspair a tha gu sònruichte air a chiällachadh ann an so. Tha so soilleir o'n reuson agus o'n inheadhon-brosnachaiddh d'a ionnsuidh a tha air 'ainmeachadh. Tha mi beò a ghnàth ann an cleachdadhl a' chreidimh so, do bhrigh gu'n do “ghràidhaich e mi, agus gu'n d' thug se e fèin air mo shon.” Oir is e so an ni a tha 'eur impidh chumhachdaich air ar eridheachaibh a bhi 'socrachadh ar creidimh ann agus air. Agus is e am pearsa so a rinn ar gràdhachadh air a' mhodh so am pearsa

ceudna anns am bheil sinn a' creidsinn. Ma's ann 'na phearsa a bha còmhnuidh aig a ghràdh fèin, is e a phearsa cuspair ar creidimh-ne. Agus cha-n e mhain gu bheil an creidimh so mar dhleasdanas oirnn, ach is e mar an ceudna ar bheatha e. An ti aig nach 'eil e, tha e marbh ann an sealladh Dhé.

Ach tha dòchas agam nach 'eil aobhar dhomh a bhi 'cur fhianuis-ean 'an lionmhoireachd chum a bhi dearbhadh gur e ar dleasdanas a bhi 'creidsinn ann am pearsa Iosa Criod, Mhic Dhé, oir creidimh sam bith eile ann an Criod cha-n 'eil idir ann ; gidheadh ni sinn beachd no dhà a chuir ris na labhradh ann an rathad a bhi 'ga dhaingneachadh.

[1.] Cha-n 'eil tnilleadh air 'iarrajdh chunn a bhi 'dearbhadh gur e pearsa Criod, Mhic Dhé, cuspair àraídhe agus eadar-dhealaichte a' chreidimh dhiadhaidh, na sin a rinn sinn a cheana a choimh-dhearbhadh a thaobh cleachdadhl an asluchaidh naoimh air. Oir, deir an t-abstol, "Cionnus aghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad?" Rom. x. 14. Tha so fior air gach làimh. Cha-n 'eil e 'n ar comas, agus cha bu chòir dhuinn, gairm airsan anns nach 'eil sinn a' creidsinn, agus anns nach bu chòir dhuinn a bhi 'creidsinn. Agus d'a thaobh-san anns am bheil sinn a' creidsinn, air-san tha mar fhiachaibh oirnn a bhi gairm. Uinne sin, ma's e ar dleasdanas a bhi 'gairm air ainn Chriod, is e ar dleasdanas mar an cendna a bhi 'creidsinn ann am pearsa Criod. Agus mur 'eil tuilleadh air 'iarrajdh ann a bhi 'creidsinn ann an Criod ach a mhain a bhi 'creidsinn nan teagasan a dh' fhoillsich-eadh leis anns an t-soisgeul, 'an sin bu chòir dhuinn gairm air ainn gach neach leis am bheil teagasan air an cur 'an céill a tha mar fhiachaibh oirnn a bhi 'creidsinn. Agus air a blunait so, feudaidh sinn gairm air ainn nam faidhean agus nan abstol, coimh-ionann ri ainn Chriod, agus a bhi air ar tèarnadh. Ach a mhead 's gu bheil an t-asluchadh no an iùrnigh a' sruthadh o'n chreidimh, agus gu bheil an iùrnigh a' sealltuinn air son tròcair, agus gràis, agus beatha, agus slainte shiorruidh ; is éigin do'n chreidimh foiseachadh air pears' an ti sin a tha air 'asluchadh, mar neach a tha comasach air am buileachadh gu l'éir oirnn, air neo tha an iùrnigh gun tairbhe.

[2.] A ris, tha e 'na dhearbhadh na's leòir air creidimh ann am pearsa Iosa Criod a bhi 'na ni neo-sheachanta, gu bheil sinn air ar baisteadh 'na ainn, agus sin gu h-eadar-dhealaichte maille ris an Athair ; oir anns a' bhaisteadh tha sinn air ar toirt thairis chum ùmhachd choitchinn agus spioradail anama dha, agus mar an cendna chum a bhi gu h-iomlan 'an crochadh air. Agus air dhuinn a bhi mar so air ar toirt thairis dha, no air ar baisteadh 'na ainn, mur 'eil sinn a' creidsinn ann— is e sin, 'na phearsa— tha sinn da rireadh 'ga chur air chùl. Ach gu bhi toir a' chomhstri

so gu crích aig an àm : Is e creidimh ann an Criosd an gràs sin trid am bheil an eaglais air a h-aonadh ris ann an aon chorp dhiomhair. Is ann tre chreidimh a tha e 'ehòmhnuidh anna, agus iadsan amnsan. Is ann tre chreidimh a mhain a tha na h-uile coimh-leasachadh gràis air 'faotainn uaithe a dh' ionnsuidh a' chuirp dhiomhair gu léir. Uime sin, ma bhitheas a phearsa air 'aicheadhl mar chuspair neo-mheadhonach agus ionchuidh a' chreidimh, tha na nithe so gu léir air an tilgeadh ban os ceann-eadhon, beatha spioradail agus slàinte shiorruidh na h-eaglais,

A thaobh a' chreidimh so, ma seadh, a's e bunait an urrain dhiadhaidh sin gu léir a bheirear dha ann an cleachdadhl an aoraidh agus an asluchaidh naoimh, feadar a bheachdachadh dà rathad. *Air tùs*, Mar a tha e 'g amhare r'a phearsa dhiadhaidh gu h-iomlan ann féin a mhain ; *A ris*, Mar a tha e air a bheachdachadh ann an cleachdadhl a dhreuchd mar eadar-mheadhonair.

Anns a' eheud seadh, tha cleachdadhl a' ehreidimh a' criochnachadh gu h-iomlan air pearsa Chriosd coimh-ionann ri pearsa an Athar. Ann an so cha-n'eil e 'ga mheas 'na reubainn e féin a bhi coimh-ionann ris an Athair. Agus is e an t-aobhar air son so, gur e nàdur na Diadhachd ann féin cuspair ionchuidh agus neo-mheadhonach a' chreidimh 'na uile chleachdaidhibh. Air do'n nàdur so a bhi coimh-ionann ann am pearsaibh fa leth an Athair agus a' Mhic, agus mar an cendna an Spioraid Naoimh, tha dà ni mar thoradh a' leantuinn so. 1. Gu bheil gach pearsa fa leth coimh-ionann 'na chuspair ar creidimh, do bhrigh gu bheil comhpairt coimh-ionann aig na pearsaibh de'n nàdur sin a's e priomh reuson agus priomh chuspair a' chreidimh. 2. Tha e mar an cendna a' leantuinn, 'nuair a tha creidimh air a chleachdadhl air aon phearsa air bith, agus urram diadhaidh air a thoirt dha, nach 'eil na pearsachan eile air dhòigh sam bith air an dùnadh a mach ; seadh, gur ann a tha iad uile air an gabhail a stigh ann. Oir do bhrigh a' chomb-aonaidh shiorruidh a tha eadar pearsaibh na Diadhachd ann an aonachd an aoin nàduir, tha cuspair an aoraidh spioradail gu h-iomlan do-roimte. Uaith so tha an dòigh-labhairt sin air a ghnàthachadh anns na Sgriobtuiribh, "An ti a chunnaic am Mac, chunnaic e an t-Athair ; an ti a tha 'toirt urrain do'n Mhae, tha e 'toirt urrain do'n Athair, oir esan agus an t-Athair is aon iad."

Agus, chum a bhi' cur soluis air ar rùm aig an àm, feadar trì nithe a thoirt fainear ann an coimh-cheangal ris an flirinn sin,—eadhon, gur e nàdur na Diadhachd, maille r'a bhuadhaibh siorruidh gu léir, priomh reuson agus aon bhunait a' chreidimh dhiadhaidh. Mar—

Anns a' chend àit,—Nach e an Tighearn Iosa Criosd *priomh chuspair iomlan* ar creidimh, fo bheachd sam bith eile ach mar a tha

comhpait aige de nàdur Dhé—mar a tha e ann an cruth Dhé, agus coimh-ionann ri Dia. As eugnhais so, bhitheadh e 'na reubainn agus 'na naomh-ghoid ar creidimh a shocrachadh air; mar a tha creidimh na muinntir sin gu léir a tha 'g àicheadh a phearsa dhiadhaidh.

Anns an dara àit,—Nach 'eil tomhas sam bith lughdachaидh air a dheanamh air urram agus glòir an Athar, no aon għniex ħaġi ħara idha dleasdanais anns a' chuid a's lugha air a thioġ dadli a thaobh uath-san, no o'n Spiorad Naomh, le cleachdadli a' chreidimh a bhi air dhōiġ ħara idha air pearsa Chriosd; oir tha gach uile urram diadħaidh air a thabbairt a mhain do nàdur na Diadhachd; agus do blhrigh gu bheil an nàdur sin gu h-iomlan coimh-ionanni anns gach pearsa fa leth, tha na pearsachan uile air an urramachadh ann an 'toirt urraim do gach pearsa fa leth. An ti a tha toirt urraim do'n Mhac, tha e 'toirt urraim do'n Athair mar an ceudna.

Anns an treas àit,—Uaith so feudar fhaicinn ciod e an cleachdadli ħara idha creidimh sin air pearsa Chriosd a tha simi a' ciallachadh, agus a tha air a chur mar dhleasdanas oirnu anns an Sgriob-tuir, mar ni a tha neo-sheachanta d'ar sláinte. Agus tha tri nithe r'am beachdachadh ann :—

In ceud ni,—Gur e nàdur a Dhiadhachd priomħi chuspair ħara idha a' chreidimh so, agus sin a mhain a's e reuson a chleachdāidhean gu léir air. Ma dl' fheòraichear an reuson air son gu bheil mi 'creidsimn ann am Mac Dhé—ma's iad na b-aobhairean a tha 'gani għluasad d'a ionnusnidh a tha air a chiällachadh—freagram, Is ann do blhrigh na rimi e air mo shon, air an labhair simu 'an déigh so. Is amħu il sin freagradh an abstoil, Gal. iii. 20. Ach ma's e a dl' fheòraichear, Ciod e am priomħi reuson, agus an t-aobhar, agus am barantas air son a bhi mar so a' creidsimn ann, tha mi 'g ràdh gnr e so a mhain e,—eadhon, gur esan “Dia os ceann nan uile, beaumaiċċe gu siorrnidh;” agus mur b'e sin a bhitheadli ann, cha b'urraimn dhomh-sa creidsimn ann. Oir is e 'bhi creidsimn ann an neach sam bith dòchas a bhi agam d'a thaobh gu'n dean e sin air mo shon nach comasach a bhi deanta aeh le Dia fēm.

An dara ni,—Gur e pearsa Chriosd gu h-iomlan, mar Dha agus mar dhuine, cuspair neo-nħieadħonach ar creidimh anns an ni so. Is e nàdur na Diadhachd reuson a' chreidimh; ach is e a phearsa diadħaidh a chuspair. Ann a bhi cleachħadli creidimh air, tha sinn 'ga bheachdachadh mar Dha agus mar dhuine anns an aon phearsa. Tha sinn a' creidsimn ann do blhrigh gur Dia e; ach tha sinn a' creidsimn ann mar Dha agus mar dhuine anns an aon phearsa.

Agus is ann fo'n bheachd so de phearsa Chriosd—eadhon, mar Dha agus mar dhuine—a tha cleachdadli ar creidimh air 'na

chleachdadhl áraidh, agus a tha 'g anbhaire air mhodh sonruichte r'a phearsa-san a mhain, eo blrig gur esan a mhain aig am bheil an dá nàdur so;—cha-n 'eil so aig an Athair, no aig an Spiorad Naomh. An creidimh sin d' an cuspair am pearsa diadhaidh ann an nàdur an duine, tha e air a chleachdadhl air dhòigh áraidh agus gu h-eadar-dhealaichte air Criosd.

An treas ni,— Gu bheil na h-aobhairean a tha 'gar gluasad chum cleachdaidh eadar-dhealaichte so a' chreidimh air a phearsa a ghnàth r' am beachdachadh, mar aobhairean a tha 'ga fhàgail 'na chleachdadhl áraidh. Oir na nithe sin a rinn Criosd air ar son, a tha 'gar gluasad gu bhi cleachdadhl creidimh air, tha dàimh sònruichte aca ris-san a mhain; mar anns an àite sin a dh' ainmicheadh a cheana, Gal. ii. 20. Is ann de'n nàdur so a tha oibre eadar-mheadhonaireachd gu léir, maille r'an toraidhibh uile, de'm bheil sinne 'n ar bheochd-comhpairt. Air a' mhodh cheudna tha Dia, anns a' cheud àithne, anns am bheil e 'g iarraidh gach uile chreidimh, agus ghràdh, agus àmhlaichd, o'n eaglais, a' sparradh so oirre fo bheachd na sochaire comharaichte a bha i air faotaim aig a làmhaibh, agus a bha 'samhlachadh na h-uile trèair spioradail agus siorruidh, Eesod. xx. 2, 3. Uaith so tha dà ni cimiteach, a tha 'deanamh soilleir a' ghnothluich so gu léir:—1. Gu bheil an creidimh sin a tha sinn a cleachdadhl air pearsa Criosd agus an t-urram a tha sinn tre chreidimh a' toirt dha, air a chleachdadhl agus air a thabhairt air a' mhodh cheudna do phearsaibh eile an Athar agus an Spioraid Naomh, agus sin do bhrig nàduir sin na Diadhachd a's e priomh reuson agus aobhar a' ohreidimh agus an urrainn dhiadhaidh gu léir. Gidheadh tha so air a shocrachadh ann an rathad áraidh air Criosd, a thaobh a phearsa mar Dhia agus mar dhuine, agus a thaobl nan aobhairean-brosnachaidh d'a ionnsuidh a tha 'g éirigh o ghniomharaibh agus o shocairibh eadar-mheadhonaireachd. 2. Tha *Criost gu h-ionlan* air a bheachdachadh agus air a ghàrrachadh ann an cleachdadhl so a' chreidimh air;—nàdur a *Dhiadhachd*, mar phriomh aobhar a' chreidimh; a phearsa dhiadhaidh gu léir, mar *Dhia agus mar dhuine*, mar cluspair ionchuidh a' chreidimh; agus *sochairean eadar-mheadhonaireachd*, mar na h-aobhaireibh áraidh a tha 'gar gluasad ann.

Is e an creidimh so, ma seadh, ann an pearsa Criosd freumh agus tobar ar beatha spioradail. Tha sinn beò tre chreidimh Mhic Dhé. Is ann tre chleacl daidhili a' chreidimh a tha a' bbeatha so air a gleidheadh, air e leasachadh, agus air a neartachadh. “Oir is esan ar beatha-ne;” Col. iii. 5; agus tha gach uile leasachadh na beatha so air 'faotaim naith tre chleachdadhbh a' chreidimh air. Tha sinn a' faotaim maithceanais pheacaidhean, agus oighreachd maille ris a' mhuimntir sin a ta air an naomhach-

adh, "tre'n chreidimh a ta ann-san," Gniomh. xxvi. 18. Is ann tre chreidimh a tha sinn a' fantuinn ann-san, as eugmhais nach urrainn sinn ni sam bith a dheanamh, Eoin xv. 5. Is ann d'a thrid a tha ar sìth ri Dia air a cumail suas,— "Oir is esan ar sìth-ne," Eph. ii. 14; agus annsan tha sìth agaínn, a réir a' gheallaidh, Eoin xvi. 33. Tha ar neart gu léir air son a bhi marbhadh a' pheacaidh, agus air son a bhi 'faotainn na buaidhe os ceann ar n-uite bhuairidhean—tha ar fàs gu léir ann an gràs—an crochadh air cleachdaidhibh so a' chreidimh a ghnàth air.

Is e so, tha sinn ag ràdh, dòigh cleachdaidh a' chreidimh so. Tha am priomh meadhon a tha 'gar gluasad ann a' coimh-sheasamh ann am beachdachadh dligheach air gràdh Chriosd, maille r'a thoraidhibh ann an obair na h-eadar-mheadhonaireachd as ar leth, agus gu h-àraidh air e bhi 'ga thabhairt féin air ar son, agus a bhi 'gar saoradh le 'fhuil féin. Cha-n urrainn iadsan gu bràth creid-sinn ann mar bu chòir, aig nach 'eil an eridheachan gu mòr air an toirt fo bhuaidh a' bheachdachaidh so. "A' bheatha a ta mi 'caitheadh 's an fheòil," deir an t-abstol, "tha mi 'ga caitheadh tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràdhaich mi, agus a thug e féin air mo shon." Mur 'eil mothachadh de so air freumhachadh 'n ar n-anamaibh, mur 'eil e 'drughadh gu mòr air 'ar eridheachaibh, bithidh ar creidimb ann lag agus neo-sheasmhach, ma bhitheas a leithid idir ann. Is e 'bhi 'cuimhneachadh a ghnàth na rinn an Tighearn Iosa beannaichte air ar son, an gràdh do-labhairt a b'e tobar, agus freumh, agus aoibhar an iomlain—is e 'bhi 'smuinneachadh air an tròcair, air an t-sìth, air a' ghràs, agus air a' ghlòir a choisinn e d'a thrid—a tha 'n am meadhma inòra agus buadhach air a bhi 'gar cur thuige gu bhi 'socrachadh ar creidimh, agus ar dòchais, agus ar muinghin ann.

Is e nàdur a Dhiadhachd an reuson agus am barantas a tha againn air son a' chleachdaidh so. Is ann do bhrìgh so a tha e 'na chuspair dligheach agus iomchuidh gach uile chreidimh agus aoraidh dhiadhaidh. Is ann o chumhachd agus o fheartaibh a Dhiadhachd a tha dòchas againn a bhi 'faotainn nan nithe sin gu léir air am bheil ar miann ann a bhi 'creidsinn ann; oir cha-n 'eil neach eile a tha comasach air am buileachadh oirnu, no an oilbreachadh annainn ach Dia a mhain. Tha guth sin aideachaidh Thomais r'a chluinntinn ann an uile chleachdaidhibh ar creidimh air, "Mo Thighearn agus mo Dhia."

Is e cuspair a' chreidimh so, a phearsa diadhaidh, anns am bheil e 'na Dhia agus 'na dhuine,—anns am bheil an nàdur sin aige a's e priomh chuspair an aoraidh dhiadhaidh, agus mar an ceudna an nàdur sin anns an do choimhlion e na nithe sin gu léir a tha 'g ar gluasad d'a ionnsuidh; agus is e so a tha 'ga eadar-dhealachadh o chreidimh ann an Dia ann an seadh choitchionn, agus o chreidimh

ann am pearsa an Athar, mar thobar a' ghràis, agus a' ghràidh, agus a' chumhachd.

A rís : Tha creidimh air a chleachdadh air Criod air a bheachd-achadh mar eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh. Tha so air a chur an céill, 1 Phead. i. 21, " Muinntir tridsan a tha creid-sinn ann an Dia, a thog esan o na mairbh, agus a thug glòir dha ; chum gu'm bitheadh bhur creidimh agus bhur muinghin ann an Dia." Agus cha-n 'eil cleachdadh so a' chreidimh air Criod 'an aghaidh a' chleachdaidh a chuireadh an céill a cheana, cha mhò a tha e neo-fhreagarrach dha, ged a tha e eadar-dhealaichte uaithe. An neach a tha 'g àicheadh gu feudar pearsa Chriod a bheachd-achadh anns an t-suidheachadh dhà-fhìllte so- -mar phearsa dhiadhair ann fein, anns am bheil e 'na " Dha os ceann nan uile, beann-aichte gu siorruidh," agus mar a dh' fhoillsicheadh e anns an fheòil, a' cleachdadadh dreuchd eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh—tha e 'g àicheadh an t-soisgeil gu h-iomlan. Agus a réir nan suidheachadh eadar-dhealaichte so anns am bheil e r'a bheachdachadh, is amhuil sin a tha cleachdaidhean a' chreidimh eadar-dhealaichte ; cuid dhiubh air a phearsa dhiadhair mar a tha e ann fein, fo bhuaidh na rinn e mar eadar-mheadhonair ; agus cuid eile dhiubh ag amhare air mar eadar-mheadhonair a mhain. Agus tha fios aig na creidich uile ann an tomhas éigin cia 'cho feumail as a tha na cleachdaidhean eadar-dhealaichte so do bheatha, agus do chumail suas, agus do chomhfhurtachd an anama. Faic ar n-eadar-mhineachadh air Eabh. i. 1-3. Tha an creidimh air uairibh 'ga bheachdachadh mar air an righ-chaithir ; air uairibh mar 'na sheasamh aig deas làimh Dhé ; air uairibh mar an t-eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh, an duine Iosa Criod. Tha iad a' fhaotainn an saorsa air uairibh 'na chumhachd ghlòrmhor, air uairibh eile 'na irioslachd neo-chriochnaich.

Uime sin, anns an t-seadh a tha nis air a chiallachadh, tha e air a bheachdachadh mar òglach Dhé, "a thog esan o na mairbh, agus a thug glòir dha." Agus anns an t-seadh so, tha ar creidimh ag amhare, cha-n ann a mhain air a phearsa, ach mar an cendna air uile ghniomharaibh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair. Is creidimh e 'na fluil, Rom. iii. 25. Is i toil Dé, gu'm bitheadh ar creidimh agus ar muinghin ann fein agus auns na rinn e, mar an t-aon mheadhon trid am feud sinn a bhi gabhta 'na fhianuis, agus gach uile ghràs agus glòir fhaotainn uaithe. Is e so an seadh a tha coimh-chéangailte ri eadar-mheadhonair. Agus anns an t-seadh so, cha-n e an cuspair sin e air am bheil ar creidimh a' criochnachadh agus anns am bheil e 'foiseachadh, ach Dia d'a thrid. "Trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 18. Mar sin is esan an t-slighe trid am bheil dol a steach againn a dh' ionnsuidh Dhé, Eoin xiv. 3 ; faic Eabh.

x. 19-22. Tha so mar an ceudna 'na chreidimh annsan ; do bhrigh gur e an cuspair neo-mheadhonach, ged nach e an cuspair air am bheil a chleachdad a' criochnachadh, Gniomh. xxvi. 18.

Is e so an ni a tha 'deanamh ar creidimh ann an Dia 'na chreidimh soisgeulach. Tha a nàdur àraidih féin air 'fhaotainn leis o'n bheachd a tha sim a' gabhail de Dhia ann an Criod, agus tre Chriosd. Agus ann an so tha an creidimh a' beachdachadh Chriosd air mliodh àraidih ann an cleachdad a dhreuchd mar shagart. Oir ged is e so mar an ceudna freumh ar n-uile iùmhachd dha anns na dreuchdaibh eile, gidheadh ann a bhi 'socrachadh ar creidimh air Dia trid-san, is i dreuchd a shagartachd agus toraidhean na dreuchda sin air am bheil sinn a' foiseachadh agus anns am bheil ar muinghin. Is ann trid-san mar an t-àrd-shagart os ceann tighe Dhé—mar an ti sin a rinn slighe nuadh agus bheò 'fhosgladh air ar son do'n ionad a's naoimhe, a tha sinn a' tarruing dlùth do Dhia, Eabh. iv. 14-16, x. 19-22 ; 1 Eoin i. 3.

Cha-n 'eil e comasach do neach sam bith smuaintean comhfhurtail no sòlasach a bhi aige mu Dhia, no dànanachd cheadaichte no thaitneach ann an tarruing 'am fagus dha, ach ann an cleachdad so a' chreidimh air Criod mar an t-eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh. Agus mur e cleachdad so a' chreidimh air Dia tre Chriosd leis am bheil uile dhleasdanis na diadhachd air an beothachadh suas agus air an treòrachadh, tha aidmheil an fhior chreidimh air a chur air chùl, agus dionhanas a' chreidimh nàdurra air a chur suas 'na àit. Cha-n e ainmeachadh lom nam bilean a tha air iarraidh uainn, ach fior rùn eridhe a bhi teachd do Dhia d'a thrid ; agus is ann 'an so a tha ar n-uile dhòchas a thaobh a bhi gabhta le Dia, 'n ar pearsaibh agus 'n ar seirbhis, fillte suas.

Bha oidhirpean mòra air an cleachdad o cheann uine ghoirid, leis na Socinianaich, gu bhi 'eur suas agus a' sgeadachadh creidimh nàdurra ; mar gu'm foghnadh e clum uile chriochan ar beatha do Dhia. Ach mar a tha an sgeadachadh leis am bheil iad 'ga chòmhach air a ghoid mar is trice o'n t-soisgeul, no air a chunadh ann an solus iasad uaith, air nach ruigeadh nàdur dheth féin ; is amhuil sin a tha an t-ionlan a' sruthadh o fluath do eadar-mheadhonaireachd Chriosd, agus eadhon o sgios de bhi 'g aideachadh an creidimh ann. Is e so cor nan daoine sin mar an ceudna aig nach robh an inntinnean riamh air an toirt fo bhuaidh nan taisbeanadh spioradail agus uèamhaidh a tha anns an fhocal, no fo bhuaidh ñiomhairreachd an t-soisgeil, ni's fhaide na 'bhi 'g aontachadh le cuid de bheachdaibh na firinn, ach nach do mhothach riamh an cumhachd ann am beatha Dhé.

Ach is aun 'an so a tha dearbhadh an fhior chreidimh shoisgeulaich. Air bhi dha ag amharc gu seasmhach air Grìan na Fireantachd, tha so a' dearbhadh nach breug e, ach gu bheil e da

rireadh o nèambh. Thugadh iadsan an aire a tha 'faotainn an eridheachan mairnealach agus fuar anns a' chleachdadhl so. 'Nuair a thòisicheas daoine air a bhi 'gan riaraechadh féin le dòchasaibh coitchionn ann an tròcair Dhé, gun an sùil a ghnàth air eadar-mheadhonaireachd Chriosd, anns am bheil an dòchas agus am muinghin a' crìochnachadh, tha erionadh air teachd 'n an creidimh, agus anns an tomhas cheudna, anns na h-uile gràs soisgeulach eile mar an ceudna. Ann an so tha diomhaireachd a' chreidimh Chriosdail a' luidh, de'm bheil an saoghal a réir coslais air fàs sgìth.

CAIBIDEIL XI.

Umhlachd do Chriosd—A Nàdur agus a h-Aobhairean.

II. Is i an ùmhlachd naomh gu léir, araon o'n leth a stigh agus o'n leth a muigh, an dara earrann a dh' ainnich sinn de'n spéis dhiadhaidh a tha againn do phearsa Chriosd. Is i an earail mhòr a thug e d'a dheiscioblubh, "Gu'n coimhlideadh iad 'aitheantan,' agus as eugmhais so cha bhuin neach sam bith dha.

Tha cuid ag ràdh gu bheil an Tighearn Iosa Criosd r'a bheachdachadh mar fhear-tabhairt lagha, agus an soisgeul mar lagh nuadh a thugadh leis, trid am bheil ar n-ùmhlachd dha gu bli air a riaghadh. Tha cuid eile ag àicheadh so gu h-iomlan, agus cha cheadaich iad gu bheil an soisgeul ann an seadh sam bith 'na lagh nuadh. Tha mòran a' coansachadh mu na nithibh so, am feadh a tha cleachdadhl na h-ùmhlachd ann féin mar is trie air a dhearmad air gach làimh. Gidheadh is ann ann a tha ar priomh ghnothuch a' luidh. Uime sin, cha dean sinn cuid sam bith gun aobhar a ghàbhail aig an àm de'n chonnsachadh so. Cuiridh sinn 'an céill gu h-aithghearr na nithe sin anns am bheil nàdur agus feum neo-sheachanta ar n-ùmhlachd dha a' coimh-sheasamh.

Bha dà earrann coimh-cheangailte ris an lagh gu coitchionn fo'n t-Seann-tiommadh,—anns a' cheud àit, *reachdan modhannail* an lagha : agus, anns an dara àit, *na h-òrduighean aoraidh* a shuidhicheadh ré na h-aimsir sin. Goirear dhiubh so maraon agus gu h-eadar-dhealaichte an lagh.

A thaobh na *ceul* earrainn dhiubh so, cha d'thug an Tighearn Criosd lagh nuadh sam bith coimh-cheangailte rithe, cha mhò a rinn e an seann lagh a chur air chùl —ni a dh' fheumadh a bhi deanta, na'm bitheadh lagh eile air a thabhairt 'na àit, air son nan crìochan ceudna. Oir ann a bhi 'toirt a stigh lagh' nuaidh ann

an àit agus air son chriochan lagh' eile a bha roimh ann, tha an t-seann lagh sin air a chur air chùl. Cha mhò a rinn e reachdan nuadha sam bith a chur ris an lagh so, no comhairlean sam bith a thoirt seachad air son coimhlionadh dhleasdanas, aon chuid a thaobh am brigh no an dòigh, os ceann sin a bha an lagh a cheana ag àithneadh. Bhithheadh so gu h-ionlan 'an aghaidh gliocais agus naomhachd Dhé ann an tabhairt an lagha, agus neo-fhreagarrach do nàdur an lagha ann féin. Oir cha d'iarr Dia riamh ni bu lugha anns an lagh na sin a bha dligheach dha 'fhaotaim; agus bha na h-uile suidheachadh agus aobhar freasdalach air am filleadh suas ann an orduchadh an lagha, a b' urrainn dleasdanas sam bith a dheanamh aig àm sam bith 'na ni dleasdanach aon chuid 'na nàdur no 'na thoinhas. Cia b'e air bith ni a dh' fheudas aig àm sam bith a bhi 'na dhleasdanas air neach a thaobh Dhé, aon chuid a thaobh a bhrigh no a thoinhas, rinneadh 'na dhleasdanas e leis an lagh. Tha an t-ionlan air a chur sios gu h-aithghearr anns na briathraibh sin, "Gràdhraigheachd tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus do choimhairsnach mar thu féin." Cha-n urrainn ni sam bith a bhi 'na dhleasdanas air daoinibh ach sin a tha air 'iarraidh aon chuid le gràdh do Dhia no d'ar coimhairsnach. Uime sin, cha do chuireadh ni sam bith as ùr ri reachdaibh an lagha le ar Slànuighear, cha mhò a thug e comhairlean sam bith seachad air son a bhi 'coimhlionadh tuillidh na bha an lagh ag iarraidh.

Anns an t-seadh so, cha-n e lagh muadh a tha anns an t-soisgeul; —a mhain gu bheil dleasdanais lagh' shiorruidh nam modhanna air an cur gu soilleir 'an céill 'na theagascáibh, agus air an sparradh oirnn le a shochairibh, agus air an cur fo riaghailt a thaobh an dòigh agus an crìche. Cha mhò, anns an t-seadh so, a rinn an Tighearn Iosa riamh e féin a chur an céill mar fhear-tabhairt lagha as ùr; air an làimh eile, is ann a tha e 'cur an céill gu'n d' thàinig e a dhaingneachadh an lagha a bha ann, Mata v. 17.

Feudar an lagh a bheachdachadh, anns an dara àit, mar a bha e filleadh ann nan *òrduighean aoraidh* a thugadh ann an Horeb le làimh Mhaois, maille ri reachdaibh agus breitheanasaiibh eile. Ann an t-seadh so, rinn Criod a chur air chùl. Oir cha do chomharaicheadh na nithe sin anna féin ach a mhain a dh' ionnsuidh àm an leasachaidh. Agus air teachd do'n àm sin, thug Criod seachad, mar àrd Thighearn agus mar fhear-tabhairt lagha do eaglais an t-soisgeil, lagh nuadh aoraidh, a bha 'coimh-sheasamh ann an orduighibh fa leth a bhuineas do'n eaglais sin. Faic Eab. iii. 3-6, agus ar n-eadar-mhineachadh air an àite sin.

Uime sin, feudar ùmhlachd do'n Tighearn Iosa Criod a bheachdachadh d'an taobh so maraon;—*lagh na modhanna* a rinn e 'dhaingneachadh, agus *lagh an aoraidh shoisgeulaich* a thug e

seachad agus a shuidhich e. Feudar cuid de nithibh a thoirt fainear chum a bhi 'eur soluis air nàdur na h-ìmhlaichd so.

1. Cha-n 'eil ìmhlaichd do Chriosd a' coimh-sheasamh a mbain ann an deanamh nan nithe sin amnta féin a tha e 'g àithneadh. Anns an t-seadh so, bha eaglais an t-Seann-tiomnaidh fo fhiachaibh ìmhlaichd iocadh do Mhaoris; agus tha sinne fathast fo na fiachaibh ceudna a thaobh nam fàidhean agus nan abstol. Tha so deanta, no feudaidh e bhi deanta, u thaobh ni sam bith a tha 'seòladh cleachdaidh ar n-ìmhlaichd, eadhon an uair nach 'eil sin air ainmeachadh gu neo-mheadhonach o ùghdarras Chriosd. Tha gach uile ìmhlaichd do Chriosd a' sruthadh o strìochdadh dligh-each anama agus coguis dha.

2. Cha b' urrainn ìmhlaichd dhiadhaidh sam bith a bhi dligeach do'n Tighearn Iosa Criosd gu neo-mheadhonach, le riaghait no le àithne lagh' nam modhanna, mur bitheadh esan mar an ceudna 'na Dhaia a thaobh nàduir. Is e reuson agus bunait na h-ìmhlaichd sin gu léir a tha an lagh ag iarrайдh, "Is mise an Tighearn do Dhaia; cha bhi dia sam bith eile agad 'n am fhianuis." Tha na Socinianaich a' deanamh aideachaidh gle àrd air ìmhlaichd do reachdaibh Chriosd; ach a thaobh gach uile ìmhlaichd a thoirt do Chriosd féin, tha iad a' cur sin bun os ceann. An ìmhlaichd sin a tha iad a leigeadh orra a bhi 'toirt dha, is ìmhlaichd i, tha iad ag ràdh, do Dhaia an t-Athair a réir àitheantan Chriosd; ach tha iad a' toirt air falbh gach uile bhunait ìmhlaichd d'a phearsa féin le bhi 'g àicheadhl nàduir a Dhiadhachd. Agus cha-n 'eil anns gach uile ìmhlaichd dhiadhaidh a bheirear do neach sam bith nach eil a thaobh a nàduir 'na Dhaia, ach iodhol-aoraidh. Uime sin, an ìmhlaichd sin gu léir do Dhaia a tha dleasdanach tre lagh nam modhanna, tha i mar fhiachaibh do phearsa Chriosd, mar aon Dia ris an Athair agus ris an Spiorad Naomh, beannaiichte gu siorruidh.

3. Tha cleachdadhl gach uile ìmhlaichd modhamail ag anharc ris-san air dhòigh àraidh mar Eadar-mheadhonair.

(1.) Tha e 'deanamh siu, a mhead 's gu'n d' rinn esan uile àitheantan an lagha a dhaingneachadh, a' cur ìmhlaichd dhoibh fo fhiachaibh nuadha, agus sin o'n àrd-ùghdarras os ceann na h-eaglais leis an do sgeadaicheadh e; o'm bheil 'àitheantan-san air a ghairm dhiubh. "Is i so m' àithne-sa," tha e 'g ràdh, "gu'n gràdhaich sibhse a chéile;" gidheadh b' i so mar an ceudna seann àithne an lagha, "Gràdhaichidh tu do coimhlearsnach mar thu féin." Uime sin, tha an t-abstol ag ràdh d'a taobh gur seann àithne i agus àithne nuadh, 1 Eoin ii. 7, 8.

Thugadh an lagh so do'n eaglais fo'n t-Seann-tiommadh ann an làimh cedar-mheadhonair; is e sin, ann an làimh Mhaoris, Gal. iii. 19. Thugadh ùghdarras do'n lagh so o thus a bhi 'eur a chinne-

dhaoine gu léir fo fhiachaibh ùmhachd dha, eadhon o'n cheud là anns an do shuidhicheadh e'nar cruthachadh ; agus an t-ùghdarras so cha do chaill e agus cha do lughdaich e riamh. Gidheadh bha mar fhiachaibh air an eaglais spéis a bhi aice dha mar a thugadh dhi e, "air 'orduchadh le ainglibh 'an làimh eadar-mheadhonair." Faic Mal. iv. 4. Bha iomadh ni cruaidh agus doirbh a' leantuinn so o'm bheil sinne a nis air ar saoradh. Cha-n 'eil sinn fo fhiachaibh a bhi coimhead lagh nam modhanna féin, anns an t-seadh anns an d' thugadh e ann an làimh an eadar-mheadhonair sin, ni a thug dha a chumadh áraidh mar choimhcheangal do'n t-sluagh sin, aig an robh reachdan agus breitheanais eile neo-sgaraichte uaithe. Gidheadh tha an lagh ceudna a' fantuinn fathast 'na phriomh ùghdarras agus 'na chumhachd, mar o thus ann an 'cur nan uile dhaoine gu neo-sheachanta fo fhiachaibh ùmhachd dha.

Gidheadh mar nach robh eaglais Israel, mar eaglais, air a cur fo fhiachaibh ùmhachd do lagh nam modhanna gu h-ionlan mar a tha e ann féin, ach mar a thugadh dhoibh e air dhòigh áraidh ann an làimh eadar-mheadhonair, eadhon Mhaois ; cha mhò na sin a tha eaglais an t-soisgeil, mar eaglais, air a ceangal le priomh ùghdarras an lagha sin, ach mar a dhaingnicheadh dhuinn e ann an làimh ar n-Eadar-mheadhonair féin. Tha so a' fàgail ar n-ùmhachd mhodhannail gu léir na h-ùmhachd shoisgeulaich. Oir tha mar fhiachaibh oirnn uile dhleasdanais an lagha sin a choimhlionadh ann an cleachdadhl creidimh ann an ainm Chriosd, fo bheachd gráidh Dhé ann an Criosd, agus uile shochairean 'eadar-mheadhonaireachd, anns gach gràs a tha sinn a' faotainn uaithe : cia b'e air bith ni a tha deanta leinn air dhòigh eile cha-n 'eil e taitneach do Dhia.

Cha-n 'eil iadsan, uime sin, mar is tric, ach 'g am mealladh féin agus muinntir eile a tha togail an guth cho àrd timchioll dhleasdanas modhannail. Cha-n aithne dhomh dleasdanas a tha taitneach do Dhia, nach 'eil mar sin, cha-n e mhain a thaobh a bhrìgh mar o'n leth a muigh, ach mar an ceudna a thaobh a dhòigh agus a nàduir mar o'n leth a stigh.

Ma's e ceud ùghdarras lagh' nam modhanna, no lagh a' chruthachaидh a mhain, leis am bheil iad ag aideachadh a bhi air an cur fo fhiachaibh dhoibh, agus ma tha iad air an coimhlionadh leò ann an neart an lagha sin chum crìch an lagh' a chosnadhl, cha-n 'eil iad air dhòigh sam bith taitneach do Dhia. Ach ma tha iad a' ciallachadh nan dleasdanas a tha an lagh ag àithne, agus gu bheil iad a' sruthadh o chreidimh, agus air an coimhlionadh tre chreidimh ann an Criosd, agus sin do bhrìgh gráidh Dhé ann, agus le gràs air 'faotainn uaithe,—an sin is fior dhleasdanais soisgeulach iad. Agus ged nach do chaill an lagh riamh an t-ùghdarras a bha aig air tus ann an 'cur ùmhachd choitchinn mar fhiachaibh oirnn

mar chreutairibh reusonta, agus nach mò is urrainn e sin a chall ; gidheadh ann an toirt ùmhachd dha mar Chriosdaidhean agus mar chreidlich, is ann a tha sinn ag amharc air mar a dhaingnicheadh e do eaglais an t-soisgeil ann an làimh ar n-Eadar-mheadhonair. Oir—

(2.) Thug Dia, 'na ainm féin, gach uile chumhachd do'n Tigh-earn Iosa Čriosd a bhi 'g iarraidh na h-ùmhachd so o gach neach a tha gabhairis an t-soisgeul. Tha muinntir eile air am fàgail fo cheud uighdarras an lagha, aon chuid mar a shuidhicheadh e 'n ar nàdur aig ar ceud chruthachadh, mar a tha na Cimich ; no, mar a thugadh e le Maois, air a sgriobhadh air clàraibh cloiche, mar na h-Iudhaich, Rom. ii. 12-15. Ach d'an taobh-san a ghairmeadh a dh' ionnsuidh creidimh an t-soisgeil, is e uighdarras Čriosd a tha gu neo-mheadhonach a' ceangal an imtinnean agus an coguisean. "Ionaltraidh e" no riaghlaidh e a phobull "ann an neart an TIGHEARN, ann am mòrachd ainme an TIGHEARN a Dhia," Micah v. 4. The uighdarras agus mòrachd Dhé gu léir ann agus maille ris ; is auhuil sin o shean, blà e anns an eaglais anns an fhàsach, mar Aingeal mòr a lathareachd, le cumhachd fir-ionaid, Eesod. xxiii. 20-22 : "Feuch, cuiridh mise aingeal ronhad, gu d' choimhead 's an t-slighe, agus gu d' thabhairt a steach do'n áite a dh' ulluich mi ; bi faicilleach 'na lathair, agus eisd r'a ghuth ; na cur 'na aghaidh ; oir cha lugh e bhur eionta ; oir tha m' ainm annsan. Ach ma dh' eisdeas tu da rireadh r'a ghuth, agus ma ni thu gach ni a labhras mise," &c. Tha ainm Dhé an Athar ann—is e sin, tha comhpait aige de'n aon nàdur ris—ionnus gur e a ghuth-san guth an Athar : "Ma dh' eisdeas tu r'a ghuth, agus ma ni thu gach ni a labhras mise." Gidheadh, am an so tha e 'gniomhachadh mar Aingeal Dé, le cumhachd agus uighdarras a thugadh dha o Dhia. Is auhuil sin a tha e fathast gu neo-mheadhonach a lathaир maille ris an eaglais, ag agairt ùmhachd ann an ainm agus ann an mòrachd Dhé.

(3.) Tha gach uile bhreitheanas air a thabhairt dha o'n Athair air an ùmhachd so agus d'a taobh ; "Oir cha-n 'eil an t-Athair a' toirt breth air duine sam bith,"—is e sin, gu neo-mheadhonach mar an t-Athair—"ach thng e gach uile bhreithennas do'n Mhae," Eoin v. 22. "Thug e mar an ceudna dha uighdarras chum breth a thabhairt, do bhrigh gur e Mac an duine," ramn 27. Agus is i a bhreith-san breth Dhé ; oir tha an t-Athair, nach 'eil a' toirt breth air neach sam bith gu neo-mheadhonach 'na phearsa féin, a' toirt breth air na h-uile annsan : "Agus ma ghairmeas sibh air an Athair, a bheir breth a' réir oibre gach neach," 1 Phead. 1. 17. Tha e 'deanaunh sin ann agus tre'n Mhae, d'an d' thugadh na h-uile breitheanas. Agus 'n ar n-ùmhachd gu léir, tha ar n-aghaidh gu bhi ris-san d'am feum simm cunntas a thabhairt d'a taobh, agus leis

an teid breth a thoirt oirnn fa dheòidh a réir a gniomharan. Air a' mhodh so tha'n t-abstol a' labhairt, Rom. xiv. 10-12, "Seasaidh sinn gu léir 'am fianuis caithir-breitheanais Chriosd. Oir tha e sgríobhlita, Mar is beò mise, tha an Tighearn ag ràdh, lùbaidh gach glùn dhomh-sa, agus aidichidh gach teangadh do Dhia. Air an aobhar sin, bheir gach aon againn cunntas uime féin do Dhia." Tha e dearbhadh gu'n seas sinn uile 'am fianuis caithir-breitheanais Chriosd, no gu'n toirear breth oirnn leis, le fianuis o'n Sgriobtuir a tha 'g ràdh, gu'n toirear breth oirnn mar an ceudna le Dia féin, agus gu'n toir gach neach againn cunntas uime féin dha. Agus mar a tha so a' dearbhadh agus a' daingneachadh diadhachd Chriosd air dhòigh nach fheudar cur 'na aghaidh—oir na'n curteadh a dhiadhachd air chùl, cha bhitheadh aon chuid cudthrom sam bith ann am fianuis an abstoil, no tairbhe 'na reusonaechadh ;—is amhuil sin a tha e 'eur an céill nach 'eil Dia a' toirt breth oirnn ach mar a tha e 'deanamh sin annsan agus tridsan a mhain. Uime sin, is ann 'an uair a tha ar n-ùmhlaichd modhannail ag amharc air a' mhodh so ri Criosd a tha Dia air a ghlòrachadh d' a trid.

Tha son's ro shoilleire fathast, anns an dara àite, a thaobh òrd-ùighean an aoraidh dhiadhaidh. B'e àit agus obair àraidh Chriosd, mar Mhac agus mar Thighearn os ceann a thigh féin, a bhi 'comharachadh uile ordùighean an aoraidh dhiadhaidh fo'n Tiomnadh Nuadbh ; agus is e ùmhlaichd dha ann an coimhead nan ordùighean sin a tha e 'eur mar fhiachaibh àraidh air a dheisciobluibh uile, Mata xxviii. 18-20. Agus cha-n 'eil ni sam bith eile a rinn inn-tinnean aireimh cho mòr a chur fa sgoil, gu saorsa 'ghabhail ann an deanamh agus ann an coimhead gach ni a chi iad féin ionchuidh ann an cleachdadhbh an aoraidh dhiadhaidh, ach gu'n do thilg iad dhiubh an t-iocdharanachd anama agus coguis sin do Chriosd a tha mar fhiachaibh neo-sheachanta air na creidich uile, gun spéis sam bith do na h-ordùighean a shuidhich e féin. Tha cùisean air sheòl eile a thaobh dhleasdanas modhannail ; oir tha dleasdanais lagh' nam modhanna mar fhiachaibh oirnn, agus tha sinn ceangailte fo ùmhlaichd dhoibh, mu'n do chuireadh oirnn iad idir le h-ùghdarras Chriosd. Ach a thaobh nan ordùighean aoraidh, cha-n urrainn ar coguissean a bhi mothachadh gu bheil ùmhlaichd dhoibh 'na ni neo-sheachanta, ach a mhain o ùghdarras neo-mheadhonach Chriosd féin. Ma bhitheas so air a chall 'n ar n-inntinnibh, cha bhuainich sinn fada ann an coimhead 'aitheantan.

CAIBIDEIL XII.

Air Freumh àraidh na h-ùmhlachd do Phearsa Chriosd ; eadhon Gràdh—
Fìriun a' Ghràidh air a dion.

Is e gràdh am freumh a tha 'cur beatha anns an ùmhlachd sin gu léir mu'n robh sinn a' labhairt. Is e so a tha an Tighearn féin a' cur sios mar stéidh nan uile nithe a tha taitneach 'na fhanuis. "Ma's toigh leibh mise," tha e 'g ràdh, "coimhidibh m' àitheantan," Eoin xiv. 15. Mar a tha e 'deanamh eadar-dhealachaidh eadar gràdh agus ùmhlachd anna féin, is amhul sin a tha e 'g ainmeachadh a ghràidh mar stéidh na h-ùmhlachd. Cha ghabh e ri ùmhlachd sam bith d'a àitheantaibh nach 'eil a' sruthadh o ghràdh d'a phearsa. Cha ghràdh idir sin nach 'eil tarbhach chum ùmhlachd ; agus cha-n ùmhlachd idir sin nach 'eil a' sruthadh o ghràdh. Is amhul a tha e 'cur an céill air gach làimh : "Ma ghràdhhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal"; agus, "An ti nach gràdhaich mise, cha choimhid e mo bhriathran," rainn 23, 24.

Fo'n t-Seann-tiomnadh b'e gràdh Dhé beatha agus brigh gach uile ùmhlachd. "Gràdhhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, le d' uile anam, le d' uile intinn, agus le d' uile neart." Tha so a' filleadh suas gach uile ùmhlachd, agus, far am bheil e ann am firinn, bithidh e tarbhach ann an uile thoraidhibh na h-ùmhlachd ; agus, far nach 'eil e, cia b'e air bith mar a dh' fheudas dleasdanais a bhi air am meudachadh, cha bhi iad gabhta leis. Ach cha-n 'eil sinn a' labhairt mu na nitibh so gu coitchionn aig an àm.

Is e a mhain a tha sinn a' rùnachadh a bhi 'dearbhadh aig an àm, gur e pearsa Chriosd cuspair àraidh a' ghràidh dhiadhaidh so, ni a's e an teine a tha 'lasadh suas iobairt ar n-ùmhlachd dha.

Tha an t-abstol air bagradh ro cagalach na feirge diadhaidh a chur 'an céill 'n an aghaidh-san uile nach 'eil 'ga ghràdhachadh, "Ma tha neach sam bith nach gràdhaich an Tighearn Iosa Criosd, bitheadh e 'na Anatema Maranata," 1 Cor. xvi. 22. Agus feudaidh sinne an Amen a chuireadh ri mallachadh an lagha a chur ri mallachadh so an t-soisgeil, "Agus their an sluagh uile, Amen," Deut. xxvii. 26. Agus, air an làimh eile, tha e 'guidhc air son gràis orra-san uile a tha "gràdhachadh ar Tighearn Iosa Criosd ann an treibhdhireas," Eph. vi. 24. Uime sin, cha-n 'eil neach sam bith a tha 'miannachadh a bhi 'giulan ainm Criosdaidh a dh'

àicheadhas, ann am briathraibh co dhiubh, gu bheil e mar fhiachaibh oirnn an Tighearn Iosa Criod a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe.

Cha-n 'eil sinn ag eadar-dhealachadh gràidh o ùmhachd mar nach b'e an gràdh féin earrann, seadh, am priomh earrann, de'r n-ùmhachd. Mar sin an creidimh mar an ceudna; gidheadh tha e a ghnàth air eadar-dhealachadh o sin d'an goirear ùmhachd air dhòigh àraighe. Is e so a mhain a tha sinn gu bhi 'dearbhadh —eadhon, *gu bheil gràdh diaithaile agus gràsmhor anns na h-uile creideach, mar bu chòir a bhi, do pearsa Chriosd, air a shocrach-ail gu neo-nheadlunach air, leis am bheil iad air am brosnachadh suas a dh' ionnsuidh gach uile ùmhachd d'a ùghdarras.* Mur bitheadh air a thagradh ach a mhain gu bheil mòran a tha 'leigeadh orra gràdh a bhi aca do Chriosd gidheadh a' deanamh aithnichte nach 'eil, is ni sin air am bheil an Sgriobtuir a' deanamh fianuis, agus tha fèin-fhiosrachadh dhaoine a ghnàth 'ga chur 'an cùill. Nam bitheadh a' cheilg so air a cur as an leth-san aig am bheil aideachadh gràidh dha nach fheudar air dhòigh sam bith a bhreugnachadh, bu chòir a ghiùlan gu foighidneach, 'am measg gach maslaidh eile de'n nàdur cheudna a thilgear orra. Ach tha cuid de nithibh a's éigin a roimh-inhimeachadh mu'n téid sinn 'an ceann ar ràdh a dhaingneachadh.

1. Tha sinn ag aideachadh gu feud coslas gràidh a bhi aig cuid do Chriosd; agus mar a tha an coslas breige so sgriosail air anamaibh na muinntir anns am bheil e, is amhuil sin a tha e 'g am fagail fèin gu tric 'nam buidheann aimhlleasach, aimlisgeach do muinntir eile. Bha cealgairean riamh 's an eaglais, agus tha e ro choltach gu'm bi; agus buinidh e do fhior ghnè na cealgaireachd a bhi 'g aideachadh gràidh far nach 'eil e. B'e cleachdadh an fhoill leis an do choimhlionadh ceud ghniomh mòr na cealgaireachd a thaobh Chriosd, agus sin fo choslas dhà-flhillte gràidh. An neach sin leis an do bhrathadh e, ghlaodh e, "Failte dhuit, a mhaighstir; agus phòg se e." Bha a bhriathran agus a ghniomharan ag aideachadh gràidh, ach bha foill agus cealgaireachd 'na chridhe. Uaith so tha an t-abstol a' guidhe air son gràis orra-san a tha 'gràdhachadh an Tighearn Iosa Criod ann an treibhdhireas—gun cheilg no eridhe dùbailte, gun choslasan agus gun chriochan cliona, gun choimh-mheasgadh nan aigne truaillidh; ach ann an treibhdhireas, Eph. vi. 24. Rinneadh fàidheadaireachd uime gu'n deanadh mòran a bha 'n an coigrich d'a ghràs breug dha, Salm xviii. 44,—"strìochd-aidh coigrich dhomh,"—is e sin, gu feallta, a' strìochdadh ùmhachd chealgaich dha. Is amhuil sin iadsan a tha 'g aideachadh gràidh dha, gidheadh a tha 'n an nàimhdibh d'a chrann-ceusaiddh, "d'an crioch a bhi air an sgrios, d'an dia am brù, agus aig am bheil an glòir 'nan näire, aig am bheil an aire air nithibh talmh-

aidh," Phil. iii. 18, 10. Iadsan uile anns an t-saoghal de'n goirear Criodaidhean, tha iad, ann an gabhail ris an ainm sin, ag aideachadh gràidh do Iosa Criosc; ach 'am measg chloinn nan daoine cha-n 'eil muinntir a's mo a tha 'n an naimhdibh dha, agus a's mò a tha 'n an luchd-fuath air, na mòran dhiubh-san a tha 'deanamh sin. Is miosa an gràdh cealgach so na fuath fhollaiseach; cha mhò a sheasas e do dhaoinibh aig an là dheireannach. Cha toirear freagradh sam bith eile air an aideachadh gràidh so, co air bith iad anns am faighear e, ach "Imichibh uam, a shluagh mallaichte, cha b' aithne dhomh riamh sibh." A mheud, uime sin, 's gu'n d'rinn e féin an riaghait so a chuir mar fhiachaibh orra-san uile leis am b'aill a bhi air am meas 'n an deisciobluibh dha, "Ma's toigh leibh mise, coimhidibh m' àitheantan," feudaidh sinne gun eagal a choimh-dhùnadhl d'an taobh-san a tha beò a' dearmad 'àitheantan, cia b'e air bith a bhitheas iad a' leigeadh orra no ag aideachadh, nach 'eil gràdh idir aca dha. Agus is e an riarachadh feòlmhor so anns an bheil daoine air socrachadh ann an aidmheil na diadhachd, fo bhuaidh mòran dorchadais, agus iomadh claoibheachd truaillidh, as eugmhais fior ghràidh eridhe do Chriosc féin, a tha 'dith-mhilleadh na diadhachd agus an anama féin.

2. Mar a tha aideachadh bréige ann air Criosc, is anhuil sin a tha gràdh bréige ann dha, no feudaidh sin a bhi ann. Feudaidh an dream sin anns am bheil e a bhi ann an tomhas treibh dhireach, gidheadh gun an gràdh do Chriosc a bhi fior-ghlan no treibh dhireach, ionnuis gu'm bitheadh e a' comh-chòrdadh ri spiorad agus ri riaghaitibh an t-soisgeil; agus mar a tha mòran a' mealadh mhuinntir eile anns a' chuis so, is anhuil sin a tha mòran mar an eudna 'g am mealladh féin. Feudaidh iad a bhi 'smuaineachadh gu bheil gràdh aca do Chriosc, 'an uair da rireadh nach 'eil; agus ni sinn so a' nochdadhbh ann am beagan eispleir.

(1.) An gràdh sin nach 'eil a' fas mar thoradh a' chreidimh, cha-n 'eil e treibh dhireach agus neo-thruaillidh. Iadsan nach 'eil anns a' cheud ait da rireadh a' creidsinn ann an Criosc, cha-n urrainn iad gu bràth gràdh treibh dhireach a bhi aca dha. Is e an creidimh a mhain a tha 'g oibreachadh tre ghràdh do Chriosc agus mar an eudna do na naomhaibh uile. Uime sin, an neach sin nach 'eil a' creidsinn leis a chreidimh a tha 'g aonadh ri pearsa Chriosc, agus a tha 'g lanadh a' chridhe anns an leth a stigh, agus a tha éifeachdaich ann an dleasdanais na h-ùmhlaichd o'n leth a muigh, cia b'e air bith mar a dh' fheudas e bhi 'ga riarachadh féin le gràdh a bhi aige do Chriosc, cha-n 'eil aige ach mealladh. Fai an bheil creidimh dhaoine 'na chreidimh marbh, cha-n urrainn an gràdh a bhi beò agus treibh dhireach.

(2.) Oha-n 'eil an gràdh sin 'na ghràdh treibh dhireach a tha 'g eirigh o bheachdaibh claoна agus o iomadh taisbeanadh bréige a

dh' fheendas daoine a bhi cumadh 'n an inntinnibh féin mu Chriosd. Feudaidh daoine ionhaighean a dbealbh 'n an inntinnibh de na nithibh sin a's annsa le'n smuaintibh truaillidh, agus 'na dhéigh sin an glacadh gu muileach r'an eridheachaibh. Mar sin tha euid a' cleachdadadh an smuaintean mu Chriosd a mbain mar chuspair glòrmhor a tha air 'ardachadh aig deas làimh Dhé, gun smuaintibh sam bith m'a dhreuchdaibh 'na dhà nàdur. Is amhuil sin a rinn na teachdairean Pàpanach, a chuireadh a dh' ionnsuidh nan Innseanaich, Chriosd a thaisbeanadh dhoibh, a' cumail 'am folach a chroinn-cheusaibh agus 'fhlangas. Ach tha gach uile bheachd meallta a dh' fheudas a bhi aig daoinibh aon chuid mu a phearsa, mu 'eadar-mheadhonaireachd, no mu a ghràs, a' truailleadh a ghràidh a bhitheas iad ag aideachadh a bhi aca dha. Am feudar idir a smuaineachadh gu bheil gràdh aca-san do Chriosd a tha 'g àicheadh a dhiadhachd ? no aca-san nach 'eil a' creidsinn gu bheil fior nàdur duine aige ? am feud gràdh a bhi aig a' mhuinntir sin dha leis am bheil aonadh a dhà nàdur anns an aon phearsa air a chur air chùl ? Cha-n urrainn fior ghràdh soisgeulach a bhi aig neach sam bith do Chriosd bréige, mar a tha air a dhealbhadh leis na faoin-bheachdaibh truaillidh so.

(3.) Cha mhò a dh' fheudas an gràdh sin a bhi treibhdhireach, nach 'eil air a riaghladh 'na aobhairibh, 'na thomhasaibh, agus 'na chriochain, leis an Sgriobtuir. Is annu 'an so a mhain a tha nàdur, agus riaghailtean, agus eriochan an fhìor ghràidh spioradail r'am faotainn. Mar nach fheud sinn a bhi deanamh aoraidh dha, cha mhò a dh' fheudas sinn a bhi toirt gràidh dha, a réir dionmhanais ar n-inntinnean féin. Is ann o'n Sgriobtuir a tha sinn gu bhi 'faotainn gach feart a bhuineas do nàdur ar gràidh, agus gach meadhon leis am bheil e air a tharruing a mach ann an cleachdadadh. Mur seas aon chuid cleachdaidhean no toraidhean ar gràidh deuchainn na firinn, tha iad meallta ; agus tha an samhuil lion-mhor, mar a chi sinn air ball.

(4). Tha an gràdh so gu soilleir 'na ghràdh meallta, a tha 'ga shocrachadh féin air cuspairibh mi-dhligheach, eadar-dbealaichte o Chriosd féin agus na meadhona a tha 'giùlan a mach ar gràidh dha, cia b'e air bith a dh' fheudas daoine a bhi leigeadh orra. Is amhuil an gràdh sin gu léir a tha Pàpanaich a' taisbeanadh 'nan dleasdanais cràbhach, do nithibh a tha iad a' meas a bhi 'n an ionhaigheibh de Chriosd, mar a tha croisean, agus mìrean de chrann-ceusaibh Chriosd a tha iad a' leigeadh orra a bhi aca, agus na tairngean leis an do lotadh e, maille ris gach taisbeanadh amaideach eile de Chriosd, agus de gach ni a tha iad a' saoilsinn a bhuineas dha, a tha n am measg. Oir ged a tha coslasan mòra gràidh air an taisbeanadh leò 'n an dleasdanais—a pògadh agus ag aoradh, agus a' sleuchdadadh sios, le osnайдhibh agus mòran

dheur—gidheadh cha-n e Criosd idir an euspair a tha 'nan glacaibh, ach dealbh a chumadh 'nan inntinnibh truaillidh féin, ris am bheil an aigne feòlmhor ri beadradh. Cha dia sin idir a dh' fheudas duine a ghearradh á stoc, ged a bhitheadh e air a chumadh leis air son na críche sin—ged a thuiteas e sios a' toirt aoraidh dha, agus chum ùrnuigh a dheanamh ris, ag ràdh, “Teasaig mi, oir is tu mo dhia,” Isa. xliv. 17. Tha úghdairean nan gràineileachdan so, leis am bheil gràdh anama bochda gun àireamh air a thruail-leadh agus air a mhì-ghnàthachadh, an toiseach a' dealbhadh 'n an inntinnibh nan nithe sin a tha iad a' meas a dheanadh aigne nàdurra agus feòlmhor dhaoine a chosnadhl 'na dhéigh, agus a ris 'ga thaisbeanadh o'n leth a muigh mar chuspair dhoibh. Air uairibh ni iad Criosd a thaisbeanadh ann an dealbhaibh ro ghreadhnach, agus air uairibh eile anna sin a tha de nàdur dubhach, a réir nan aigne a tha iad a' ciallachadh a bhi brosnachadh suas ann an inntinnibh feòlmhor dhaoine. Ach, mar a thubhaint sinn, cha-n iad na nithe so idir Criosd, cha mhò a tha gnothuch aige riù.

(5). Tha sinn ag aideachadh gu'n robh ionadh ann a bha leigeadh orra sedòrsa gràidh a bhi aca do Chriosd nach urrainn air dhòigh sam bith a bhi air a dhion. Bha so r'a fhaotainn 'am measg chuid de chràbhaichibh na h-eaglais Pàpanaich, a bha 'g oidhirpeachadh a bhi 'taisbeanadh gràidh, a rinneadh, mar is docha, fhàsgadh à diomhanas am mac-meannma féin, ach nach b' urrainn iad riabh a chur an céill mar thoradh am féin-fhiosrachadh. Bithidh iad a' labhairt mu àrd-aoibhneasaibh neo-ghmàth-ichte, anns am bi iad air an slugadh suas asda féin, agus mu thoil-inntinnibh neo-mheasarra, anns nach bi cleachdadh sam bith na tuigse, agus briathran atmhor diomhanais eile gun àireainh, leis am bheil iad a' saothrachadh gu bhi 'cur an ceil sin ris an abair iad féin gràdh diadhaidh. Ach tha fianaisean na's leòir againn o'n fhìrimm, a dh' fhògumas chum a bhi 'cur na bréige air gnùis nan leisgeul so, cùs b'e air bith an deadh-choslas fo'n cuircar iad. Oir,—

[1.] Mar a tha iad-san 'ga chur an céill, tha e 'toirt barrachd air gach eisampleir gràidh a tha anns an Sgriobtuir. Agus nach diomhanas agus an-dànanadas do-ghiùlainte gu'n gabhadh daoine orra féin a ràdh gu'n robh gràdh aca do Chriosd air dhòigh eile agus a' réir gnè eile, no aig a' cuid a's lughá, ann an tonhas nì's ro inhò, na 'bha fior a thaobh neach sam bith de na h-abstolaibh —Eoin, no Peadar, no Pol, no neach sam bith eile de na naomh-aibh aig am bheil an gràdh dha air a chur an céill anns an Sgriobtuir. Ach cha-n 'eil a bheag sam bith de na nitibh a tha na saobh-chreidich so a' leigeadh orra air 'ainmeachadh anns an tonhas a's lughá d' an taobh, no a thaobh an gràidh d' an Tighearn

agus d' am Maighstir. Cha-n 'eil duine sam bith a ghabhas air féin tuilleadh gràidh a bhi aige do Chriosd na bha aca-san, ach an duine a tha gun ghràdh idir dha.

[2.] Tha e 'na ghràdh gun riaghailt, gun bharantas, gun teist, o àithne, no gealladh, no seòladh sam bith anns an Sgriobtuir. Mar a tha e 'na ghràdh gun eisempleir, is amhuil a tha e 'na ghràdh gun àithne. Agus, a dheòin na dh' aindeoin, is e so a' chlach-dhearbhaidd leis an éigin d' ar gràsaibh agus d' ar dleasdanasaibh gu léir a bhi air an cur fo dheuchainn, a thaobh an taitneis 'am fianuis Dé. Cia b'e air bith ni a tha leigeadh air a bhi 'dol air thoiseach air treòrachadh an fhocail, feudar gun eagal a chur air chùl —cha-n 'eil a tèaruinte gabhail ris. Cia b'e air bith an tomhas de dhian-oibreachadh spioraid a dh' fleudar a thagradh air son cleachdaidh neo-ghnàthaichte anns na nitibh sin a tha an Sgriobtuir ag àithneadh, gidheadh cha-n 'eil àite sam bith r'a cheadachadh dha anna sin nach 'eil idir air an àithneadh. Cia b'e air bith ni a tha 'briseadh a mach air eriochaibh na firinn, cha-n 'eil ann ach gineal seachranach na h-inntinn uhi-chéillidh. Cha mhò a tha tairbhe sam bith anns gu bheil na nithe so 'nam measg air an cur fo bhreth na h-eaglais. Oir cha-n 'eil riaghailt sam bith aig an eaglais leis an toir i breth ach an Sgriobtuir; agus cha-n urrainn i ach aon bhreth a thoirt air sin aig nach 'eil barantas sam bith uaithe—eadhon, gur éigin a chur air chùl.

[3.] Mar a tha an guè ghràidh so air a cur an céill leo-san a tha 'ga moladh, cha-n 'eil i coimh-fhreagarrach ri cleachdaidh ibh suidhichte ar buadhan reusonta. Oir a mheud 's nach 'eil Dia ag iarraidh tuillidh aig air làmhaibh ach a ghràdhachadh le ar n-uile anam agus le ar n-uile intinn, tha na daoine so a' moladh seòrsa de ghràdh dhiadhaidh anns am bheil aonadh neo-mheadhonach aig an toil agus aig na h-aigne ri Dia féin, a dh' easbhuidh cleachdaidh sam bith na h-inntinn agns na tuigse. Is e, gun amharus, a tha anns a' gràdh, cleachdadh riaghailteach ar n-uile anama, le an uile bhuidhaibh agus chomasaibh reusonta, ann an dlùth-leantuinn ri Dia. Ach tha na daoine so air gné de ghràdh dhiadhaidh a dhealbh 'nan inntinnibh dhoibhsan a bu mhiann leò a bhi 'moladh agus ag àrdachadh, a tha 'cur uile chleachdaihean riaghailteach an anama fo bhuaireas, agus 'gam fàgail gun bheag sam bith a dh' fheum anns na dleasdanasaibh sin anns nach 'eil ach faoineas na h-inntinn, 'nuair nach 'eil an cleachdadhl dligheach féin aca anna. Agus do bhrigh so, tha mòran 'n am measg—seadh, an t-iomlan dhiubh a tha 'g aideachadh a' ghràidh so—air tuiteam a dh' ionnsuidh a leithid sin de neo-mheasarrachd amaid-eich agus de mheallaidh ibh follaiseach, agus sin fo aimní gràidh, as gu bheil a dhiomhanas faicsinreach na's leòir air gach làimh.

Uime sin, cha-n 'eile sinn a' tagradh air son gràidh sam bith eile

do phearsa Chriosd ach sin air son am bheil barantas nan Sgriobtuir againn a thaobh a nàduir; gràdh a tha an soisgeul ag àithneadh dhuinn mar dhleasdanas; gràdh a tha coimh-ghnèitheil do chleachdadh nam buadhan nàdurra inntinn a thugadh dhuinn; gràdh air son am bheil iad air an deanamh comasach tre ghràs; agus gràdh as eugnhais nach urrainn duine sam bith àmhlaichd thaitneach a thoirt dha.

Air dhuinn na nithe so a riomh-mhineachadh, is e tha sinn ag rádh, gu bheil anns na h-uile creideach, mar bu chòir a bhi, gràdh diadhaidh agus gràsmhor do phearsa Chriosd, eadar-dhealaichte o'n àmhlaichd a tha iad a' toirt d'a àitheantaibh, agus a tha mar reuson agus mar fhreumh na h-àmhlaichd sin:—is e sin, tha e eadar-dhealaichte o gach uile àithne eile, ged a tha e féin air 'àithneadh dhuinn agus air 'iarraidh uainn mar an ceudna ann an rathad dleasdanais.

Tha an Sgriobtuir a' deanamh fianuis gu bheil a shamhul so de ghràdh anns an eaglais do phearsa Chriosd, agus sin araoan aims na h-àitheantaibh agus anns na h-eisampleiribh a tha iad a' tabhairt d'a thaobh. Agus cha-n urrainn iadsan a tha d'a rireadh a' creidsinn a mheasrachadh gu bheil an dream sin a' tuigsinn ni sam bith mu chreidimh, no mu ghràdh Chriosd, no m'an timchioll fèin, leis am bheil e air a chur an teaganach. Uime sin, nam b'e ar rùn a bhi 'leudachadh air an ni so, dh' fleumamaid earrann mhòr do theagasc nan Sgriobtuir o thoiseach gu deireadh a thaisbeanadh, agus mar an ceudna suidheachadh chridheachan nan creideach anns am bheil an gràdh so a chòmhnuidh agus a' faotainn cleachd-aidh, a nochdad, a réir ar comais. Agus cha-n 'eil ceann-teagaisg sam bith eile air am bu taitniche leinn a bhi 'leudachadh. Ach is éigin duinn aig an àm ar sinuaintean a ghiorrachadh a réir ar priomh riùn. Tha dà ni a mhain a ni sim a dhearbhadh:—1. Gur a pearsa Chriosd cuspair a' ghràidh dhiadhaidh; 2. Ciod e nàdur a' ghràidh sin annainn; ciod iad na h-aobhairean a tha air a shon, agus na meadhona a tha 'brosnachadh suas nan creideach d'a ionnsuidh.

A thaobh a' cheud ni dhiubh so, bheir sinn fainear an rádh a leanas anns a' chuid eile de'n chaibidil so.

Is e pearsa Chriosd priomh chuspair gràidh Dhé; agus priomh chuspair gràidh a' chruthachaidh uile aig am bheil coimhpait d'a ionhaigh. Chithear mar a théid sim air ar n-aghaidh an reuson air son ar rádh a shìneadh cho farsuinn so.

(1.) Tha earrann nach 'eil beag de shonas siorruidh an Dé naoimh a' coimh-sheasainh ann an comh-ghràdh an Athar agus a' Mhic, tre'u Siotorad Naoinh. Mar is e aon-ghin Mic an Athar e, is e ceud chuspair neo-sheachanta, agus freagarrach, agus ionlan, gràidh ionlain an Athar e. Uaith so tha e 'g rádh uime fèin,

gn'n robh esan o shiorruidheachd "aige, mar neach a dh' altrumadh maille ris," agus gu'm b'e "a thlachd gach là, a' deanamh gairdeachais 'na fhianuis an còmhnuidh," Gnàth-fhoc. viii. 30—a rinn sinn 'fhosgladh suas roinnt. Annsan bha tlachd agus toil-inntinn do-labhairt, agus neo-chaochlaidheach, agus siorruidh an Athar, mar chuspair iomlan a ghràidh. Tha so mar an ceudna air a chur an céill ann an Eoin i. 18, "An t-aon-ghin Mic, a tha ann an uehd an Athar." Do bhrigh gur e'n t-aon-ghin Mic e, tha so a' cur an céill a dhàimh shiorruidh do phearsa an Athar, o'n do ghniedh e ann an comhpáirteachadh iomlan nàduir iomlainn na Diadh achd ris. Air a so tha e ann an uehd an Athar—ann an glacaibh siorruidh a ghràidh, mar 'aon-ghin Mic féin. Tha an t-Athair a' gràdhachadh, seadh, cha-n urrainn e gun a bhi 'gràdhachadh, a nàduir agus iomhaigh a bhith féin ann.

"Is gràdh Dia," 1 Eoin iv. 8; agus is e so an ceud seadh anns am bheil e mar sin. Is e so tobar agus roinnt-shamhladh gach uile ghràidh, air bhi dha 'na ghràidh siorruidh agus neo-sheachanta. Cha-n 'eil anns gach gniomh eile gràidh ann an Dia ach gniomh a tha 'sruthadh o'n tobar so, agus toradh a tha e 'giùlan mar am freumh. Mar a tha e 'deanamh mhaith do bhrigh gu bheil e maith, is amhuil sin a tha e 'gràdhachadh do bhrigh gur gràdh e. Ann an gràdh so a' Mhic, is gràdh Dia gu siorruidh agus gu neo-sheachanta; agus cha-n 'eil ann an uile chleachdaidh eile a ghràidh ach gniomharan a thoile, trid am bheil ni-éigin de'n ghràidh so air a chur an céill o'n leth a muigh. Is ann o'n tobar shiorruidh so a shruth na h-uile gràdh eile anns a' chruthachadh, agus sin chum a bhi 'taisbeanadh samhlaidh agus coslais dheth.

Tha gràdh 'na bluadh cho òirdheire, as gur beag nach d' thug-adh aoradh dha anns na h-uile linn, le daomhnbh d'an gnàth a bhi beachd-smuaineachadh. Labhair iad iomadh ni uiue fa run a thaisbeannadh mar sholus, agus mar bheatha, agus mar dhealradh, agus mar ghloir a' chruthachaidh uile. Ach bha ceud thobar agus roinnt-shamhladh a ghràidh riamh 'am folach o na feallsanaich a bu ghlice a bha riamh ann o shean. Bha iad a' sineadh an geur-rann-sachaidh 'an tòir air ni-éigin mu'n ghràidh a bha aig Dia dha féin, anns an t-suaimhneas agus anns an toil-intinn a tha aige 'na òirdheirceis neo-chriochnach féin; ach a thaobh comh-ghràidh do-labhairt so an Athar agus a' Mhic, araon ann agus trid an Spioraid sin a tha 'teachd a mach uatha maraon, cha robh aon chuid meas-rachadh sam bith no barail aca. Gidheadh, mar is ann 'an so a tha am priomh earrann--ma dh'fheudar labhairt mar sin—de shonas an Dé naoimh a' coimh-sheasamh, is amhuil sin is e aon thobar agus roinnt-shamhladh nan uile nithe e d' an goirear ann am fìrinn gràdh;—feart a tha na bheannachd agus 'na ghloir cho mòr as nach sealbhaicheadh an cruthachadh riamh e, ach a mhain chum

a bhi 'taisbeanadh gráidh neo-chriochnaich agus shiorruidh so Dhé, a réir tomhais nàduir gach ni cruthaichte fa leth. Oir an gràdh a tha aig Dia dha féin—a tha nàdurra agus neo-sheachanta do bhith na Diadhachd—tha e 'coimh-sheasamh ann an comh-ghràdh sin an Athar agus a' Mhic a tha tre'n Spiorad Naomh. Agus is ann chum a bhi 'ga thaisbeanadh féin a rinn Dia ni sam bith a chruthachadh 'an leth a muigh dheth féin. Chruthaich e na nèamhan agus an talamh chum a bhi 'taisbeanadh a bhith, agus a mhaiteis, agus a chumhachd. Chruthaich e an duine "a réir 'iomhaigh féin," chum a bhi 'taisbeanadh a naomhachd agus 'fhireantachd; agus shuidhich e gràdh 'n ar nàdur chum a bhi 'samhlachadh a chomh-ghràidh shiorruidh so a tha eadar na pearsaibh naomha anns an Trionaid bheannaichte. Ach is éigin duinn 'fhagail fo chòmhachd dhiomh-air an do-mheasrachaiddh neo-chriochnaich; ged a tha toil-inntinn-can spioradail ro chomharaichte coimhcheangailte ri bhi 'toirt urrain agus molaidh dha 'n ar criðheachaibh.

A ris: is e cuspair àraidih gráidh Dhé an Athar e, mar a rinn e ar nàdur a ghabhail—mar a ghabh e agus mar a choimhlion e dreuchd an eadar-mheadhonair, no mar a tha e fathast a' buain-eachadh ann an cleachdadh na dreuchda sin; ann an cainnt eile, is e pearsa Chriosd, mar an Dia-duine, cuspair àraidih gráidh dhiadhaidh an Athar. Is e pearsa Chriosd ann an nàdur a Dhiadhachd cuspair uile-fhreagarrach gráidh sin an Athar a tha faotaimi cleachdaidh 'an leth a stigh d'a nàdur shiorruidh féin,—a tha 'na ebleachdadh nàdurra agus neo-sheachanta na Diadhachd mar a tha bith aice ann am pearsaibh eadar-dhealaichte; agus is e pearsa Chriosd, mar a tha e sgeadaichte le ar nàdur, ceud chuspair ionlan gráidh an Athar anns na cleachdaidhibh sin a tha 'an leth a muigh, no a tha 'socrachadh air cuspair 'an leth a muigh dheth féin. Is amhail sin a tha an t-Athair a' cur 'an céill d' a thaobh ann an gabhair seallaidh de'n obair a bha e gu choimhlionadh 'n ar nàdur, "Feuch m' òglach, a chumas mi suas; m' aon taghta, anns am bheil tlachd aig m' anam," Isa. xlvi. 1. Tha tlachd, agus suaimhneas, agus toil-imtinn anama Dhé—a tha 'n an toraidhibh comharaichte gráidh—anns an Tighearn Iosa Criosd, mar 'aon taghta agus mar 'òglach féin ann an obair na h-eadar-mheadhonaireachd. Agus rinn e an fhiannuis cheudna ath-nuadhachadh 'na dhéigh sin dà uair o nèamh, Mata iii. 17, "Feuch, guth o nèamh, ag rádh, Is e so mo Mhae gràdhach, amis am bheil mo mhòr tlachd ;" agus a ris aim an caib. xvii. 5. Tha na h-uile ni coimhcheangailte ris na briathraibh so air orduchadh chum a bhi 'toirt mothachaidh iomehuidh dhuiinn de ghràdh so Dhé dha. Tha an fhiannuis a rinmeadh d' a thaobh air a labhajrt dà uair anns na briathraibh ceudna o nèamh. Agus tha 'chainnt a tha air a gnàthachadh cho brighmhor ri ni sam bith a dh' fheudas ar n-

inntinnean a mheasrachadh : "Mo Mhae, m' òglach, m' aon taghta, mo Mhae gràdhach, anns am bheil mo shuaimhneas, anns am bheil mo thlachd, anns am bheil mo mhòr-thlachd." Is i toil Dé gu'm bitheadh mothachadh d'a ghràdh so do Chriosd air 'fhàgail air ar eridheachaibh ; oir thàinig an guth so o néamh, cha b' ann air a sgàth-san a bha 'ghnàth air a shàsachadh ann an caidreamh 'a ghràidh dhiadhaidh so, ach air ar son-ne, chum gu'n deanamaid a chreidsinn.

B' e so a bha e 'cur an céil mar stéidh na muinghin sin gu léir a shocraich an t-Athair ann, agus a chumhachd sin gu léir a dh' carbadh ris. "Is toigh leis an Athair am Mac, agus thug e na h-uile nithe 'na làimh," Eoin. v. 35. "Is ionmluimi leis an Athair am Mac, agus tha e 'foillseachadh dha nan uile nithe a tha e féin a' deanamh," Eoin v. 20. Agns tha mothachadh no measrachadh iomchuidh de'n ghràdh so a' luidh aig bunachar a' chreidimh Chriosdail. Uimé sin, tha e 'guidhe gu'm bitheadh aithne againn air gu'n do ghràdhaich Dia e, Eoin xvii. 23, 26.

Ann an t-seadh so, is e pearsa Chriosd an ceud chuspair anns am bheil an gràdh diadhaidh sin gu léir a' luidh a tha air a bhul-eachadh air an eaglais. Tha an t-iomlan dheth air a shocraichadh anns a' cheud àit airsau, agus leis-sau agus trid-sau tha e air a chomhpàirteachadh ris an eaglais. Cha-n' eil anns na h-uile ni a tha i 'faontainn a thaobh gràis agus glòire, ach sin a tha 'sruthadh o'n tobar so—an gràdh a thugadh dha féin. Mar sin tha e 'guidhe air son nan deisciobuil uile, "gu'm bi an gràdh," a deir e, "leis an do ghràdhaich thu mise aumtasam, agus mise annta," Eoin xvii. 26. Cha-n urrainn iad a bhi 'n an luchd-comhpairt de ghràdh sam bith eile, aon chuid ann féin, no 'na thoraidhibh, ach sin a mhain leis an do ghràdhaich an t-Athair esan an toiseach. Tha e 'toirt gràidh do'n Mhae air ar son-ne uile, agus cha-n' eil e 'toirt gràidh dhuiime air dhòigh sam bith eile ach mar a tha sinn annsan. Tha e 'gar deanamh "taitneach ann a Mhae gràdhach," Eph. i. 6. Is e Fear-gràidh an Athar e a thaobh inbhe ; mar a bha an t-àrd-cheannas gu bhi aige anns na h-uile, Col. i, 18. Tha gràdh a' sruthadh do'n chorp dhòmhair o'n ghràdh a thugadh do'n Cheann ; agus ann an toirt gràidh dhàsan tha Dia a' toirt gràidh do'n eaglais uile, agus cha-n' eil air sheòl sam bith eile. Cha-n' eil gràdh aige do neach sam bith ach mar a tha an neach sin air aonadh ris-san, agus 'na flear-comhpairt d'a nàdur.

Air an aobhar sin b'e gràdh so an Athar do'n Mhae, mar an t-aon-ghin Mic, agus mar fhìor ionhaigh a phearsa—an gràdh sin anns am bheil tlachd do-labhairt nàdur na Diadhachd a' coimh-sheasamh—tobar agus ceann-aobhar gach uile ghràidh anns a' chruthachadh, agus sin le gniomh saor thoil Dhé chum a bhi taisb-

eanadh a' ghràidh sin. Agus do blàrigh gur e gràdh so Dhé an Athar do phearsa Chriosd 'nar nàdur, eend chleachdad a' ghràidh dhiadhaidh air cuspair saun bith 'am leth a muigh, is e an gràdh sin dha-san tobar agus aobhar àraidi gach uile ghràidh ghràsmhoir d' ar taobh-ne agus annaimin. Agus a mhèud 's gur e ar gràdh-ne do Chriosd an t-aon ni o'n leth a muigh a tha 'na thaisbeanadh air gràdh so an Athar dha, is ann ann a tha ann priomh earrann d'a ionhaigh annaimin a' coimh-sheasamh. Cha-n 'eil ni sam bith a tha 'gar fàgail cho cosmhuil ri Dia ri ar gràdh do Iosa Chriosd, oir is esan priomh chuspair a ghràidh féin—annsan tha 'anam a' gabhair a shuaimhneis—aunsan tha e a ghnàth làn-toilichte. Far ann bheil an gràdh so air chall, eia b'e air bith eile a dh' fheudas a bhi ann, cha-n 'eil ni sam bith de ionhaigh Dhé ann. An ti nach gràdhaich an Tighearn Iosa Chriosd, bitheadh e 'na Anatema Maranata; oir tha e eu-cosmhuil ri Dia,—tha an inntinn de'm bheil e 'na naimhdeas 'an aghaidh Dhé.

(2.) 'Nam measg-san uile air am bheil ionhaigh Dhé, tha na h-ainglean shuas r'a bheachdachadh anns a' cheud àit. Tha sinn fathast, gun amharus, gle mhòr anns an dorch a thaobh nan nithe a tha "an taobh a stigh de'u roinn-bhrat." Tha iad os ar ceann a thaobh ar comasan, agus follairete uainn a thaobh ar staid anns a' cholainn; aeh tha na's leòir anns an Sgriobtuir gu bhi 'noeheadh mar a tha na h-ainglean a dhùth-leantuinn ri pearsa Chriosd ann an cleachdad a' ghràidh dhiadhaidh. Oir is e an gràdh, ag oibreachadh a réir seallaidh, beatha na h-eaglais shuas; mar is e an gràdh, ag oibreachadh a réir creidimh, beatha na h-eaglais a bhos. Agus is i so a' bheatha a tha na h-ainglean féin a' caitheadh. Oir—

[1.] Bha iad uile air an toirt a stigh anns an athi-thogail agus anns an athi-chruinneachadh sin a rinn Dia air na h-uile nitibh ann an Chriosd, agus sin chum am buannachd do-labhairt féin anns an àm a tha làthair, agus an seasmbachd air son an àm ri teachd. "Chruinnich e ann an aon na h-uile nithe ann an Chriosd, araoна nithe a tha air néamh, agus na nithe a tha air thalamh, eadhon annsan," Eph. i. 10. Bha na nithe a tha air néamh agus na nithe a tha air thalamh—ainglean shuas agus daoine a bhos—air an comh-aonadh air tuis r'a chéile ann an gràdh Dhé. Bha gràdh Dhé dhoibh, o'm bheil a' sruthadh an comh-ghràdh d'a chéile, 'na bhann aonaidh eatorra, 'gan deanamh 'n an aon teaghlaich choimhlionta Dhé air néamh agus air thalamh, mar a ghoirear dheth, Eph. iii. 15. Air teachd a stigh do'n pheacadh, trid an do chaill an cinne-daoine an còir am an gràdh Dhé, agus trid an do thuit iad o chleachdad a ghràidh dha, no do ni sam bith air a sgàth, bha an comh-aonadh so air sgaileadh gu tur as a chéile, agus naimhdeas gach aoin d'a chéile air teachd 'an àite gràidh. Ach a

nise, bu toil le Dia earrannan roinnte so a theaghlach 'ath-chruinn-eachadh ann an aon—fo aon cheann, eadhon Iosa Criod. Agus 'mar a tha aonadh air a dhaingneachadh as ùr trid an ath-chruinn-eachadh so eadar ainglibh agus an eaglais ann an gràdh, is amhuil sin a tha an t-aonadh a tha aca ris a' cheann—a tha mar thobar agus mar bheath' an aonaidh a tha eatorra fèin—mar an ceudna tre ghràdh, agus tre ghràdh a mhain. Cha-n e creidimh, ach gràdh, a tha 'na bhann aonaidh eadar Criod agus na h-ainglibh ; agus is ann 'an so a tha earrann nach 'eil beag d'an sonas agus d'an glòir air nèamh a' coimh-sheasamh.

[2.] Air a' mhodh cheudna, is e gràdh agus tlachd a tha 'eur beatha anns gach aoradh, agus moladh, agus seirbhis, agus iùmhachd, a tha iad a' toirt dha. Ann an gràdh tha iad a' dlùth-leantuinn ris, ann an gràdh tha iad a' deanamh aoraidh dha 'n an seirbhis a ghnàth. 'Nuair a dh' fhoillsicheadh e 'n ar nàdur, thugadh àithne dhoibh aoradh a dheanamh dha, Eabh. i. 6 ; agus riu iad e le h-aoibhneas ro mhòr agus moladh, a tha 'nan toraidhible gràidh agus tlachd, Lucas ii. 13, 14. Agus mar a tha iad a chòmh-nuidh timchioll righ-chaithreach Dhé, tha iad ag ràdh le guth àrd, "Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh air cumhachd, agus saoibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh 'fhaotainn," Taisb. v. 12. Tha an glòir agus am moladh, a tha iad a' eur as a leth a ghnàth, 'na thoradh an gràidh urramaich dha agus an tlaichd ann ; agus is e so mar an ceudna an t-aobhar gu bheil iad a' gabhail suim d'a shoisgeul agus d'a ghràs, Eph. iii. 9, 10 ; 1 Phead. i. 12. Agus as eugmhais a' ghràidh so anns an tonhas a's ro àirde cha-n urrainn e 'bhi air a smuaineachadh eionnus a b' urrainn iad a bhi beannaichte agus sona anns an obair anns am bheil iad a ghnàth air an cleachdad. Oir tha iad uile "'nan spioradaibh frithealaidh, air an eur a mach chum frithealadh dhoibh-san a bhitheas 'nan oighreachaibh air slàinte," Eabh. i. 14. Mur bitheadh iad air an gluasad le déinead an gràidh do Chriod, cha b' urrainn iad toil-imntinn sam bith a ghabhail anns a' mhinistreileachd a dh' earbadh riu.

Cha-n urrainn sinn nàdur gràidh nan aingeal a làn-thuig-sinn anns an t-saoghal so. Cha-n 'eil ar beachdan ach dorch agus mi-chinnteach, a thaobh nithe de nach urrainn sinn fèin-fhiosrachadh a bhi againn. Uime sin, cha-n 'eil e comasach dhuinn eòlas soilleir fhaotainn anns a' bheatha so air nàdur a' ghràidh a tha spioradan a' cleachdad, 'am feadh a tha ar spioradan fèin air an coimh-mheasgadh le toraidhible cleachdaidh na beatha feòlmhoire sin a tha 'n ar cuirp. Ach cha-n 'eil sonas nan aingeal a' coimh-sheasamh anns gu bheil comasan mòra nàduir aca,—gu bheil iad mòr ann an cumhachd, ann an solus, ann an eòlas, agus ann an gliocas ; oir a dh' aindeoin so uile, thàinig cuid dhiubh gu bhi

'n an deamhnaibh. Ach tha ðirdheirceas agus sonas staid nan aingeal a' coimh-sheasamh anns an ðà ni so:—*Anns a' chéud ðit*, Gu bheil toil agus comas aca a bhi 'dlùth-leantuinn a ghnàth, agus gu h-ionlan, gun sgaradh no briseadbh, ri Dia ann an gràdh. Agus mar a tha iad a' dlùth-leantuinn ri Dia, is amhul a tha iad a' deanainh ri pearsa Chriosd; agus d'a thrid-san mar an ceann, ri Dia an t-Athair. *Anns an dara ðit*, Cuir ri so am mothachadh gràsmhor a tha aca de'n ghlòir, agus de'n inbhe, agus de'n mhill-seachd agus de'n riarrachadh shiorruidh a tha 'g éirigh o so, agus tha suim sonais nan aingeal againn.

(3.) Is i *eaglais chloinn nan daoine* an earrann eile de'n chruthachadh reusonta air am bheil ionmaigh Dhé air a h-ath-nnadhachadh. Agus is e an gràdh sin do phearsa Chriosd a tha 'sruthadh o chreidimh, a beatha, agus a h-aobhneas, agus a glòir.

Bha so fior a thaobh eaglais an t-Seann-tiomnaidh. Tha Dàn Sholaimh gu h-ionlan air a chomharachadh chum a bhi 'sanh-lachadh, agus a' cur an céill, agus a' taisbeanadh, air ionmadh ðòigh, gràidh so Chriosd agus na h-eaglais gach aon d'a chéile. Is beannaichte an ti a thuigeas briathran an leabhair sin, agus aig am bheil féin-fhiosrachadh annnta 'na chridhe féin. Tha Salm xlvi. 'am measg ionmadh Salm eile, air a chomharachadh chum na crìche cendna. Cha-n 'eil anns gach ionradh glòrmhor a tha deanta air pearsa Chriosd leis na fàidhibh, ach meadhona air son a bli brosnachadh suas gràidh dha, agus tograidhean beò 'na dhéigh. Uime sin goirear dheth, "Miam nan uile chinneach," Hag. ii. 7—an ti sin a mhain a tha ion-mhiannaichte, agus a's e aon fhear-gràidh na h-eaglais air a cruinneachadh as gach uile chinneach.

Tha aon de shochairibh a's inbhiche an Tiomnaidh Nuaidh a' coimh-sheasamh anns an taisbeanadh a tha deanta ann de phearsa Chriosd, chum a bli 'na chuspair neo-mheadhonach ar gràidh, maille ri aobhainribh agus reusonaibh a' ghràidh sin. Agus tha fianuis air a deanamh d'a thaobh air ionmadh ðòigh ann an aith-eantaibh, ann an geallaidhibh, ann an eisampleiribh, agus ann an ionmadh aideachadh air tlachd nan naomh ann.

Cia b'e air bith àit anns am bheil an gràdh so air iarraidh leis ann an neach sam bith d'a dhèisciobhluibh, tha e air iarraidh cha-n ann mar dhleasdanas a mhain, mar nì a bha mar fhiachaibh orra le àitheantaibh an t-soisgeil, ach mar nì as eugmhais nach robh dhleasdanas sam bith eile gabhta leis. "Ma's toigh leibh mise," tha e 'g rádh, "coimhidibh m' àitheantan," Eoin xiv. 15. Tha gràdh d'a phearsa air iarraidh leis ann an rathad anns am bheil r'a thuigseim nach 'eil ùmhlachd thatneach sam bith d'a àitheantaibh far nach 'eil e. Is dhleasdanas mòr agus beannaichte a bhi 'beathachadh chaorach agus uan Chriosd; gidheadh cha ghabh e ris an dhleasdanas sin féin, mur 'eil e 'sruthadh o ghràdh d'a

phearsa. "A Shimoin, mhic Ionais, am bheil barrachd gràidh agad dhomh-sa orra sin? beathaich m' uain," Eoin xxi. 15-17. Tri uairean tha e'g aithris nam briathran ceudna dha-san a dhìobair 'na ghràdh dha, le bhi 'ga àicheadh tri uairean. Cha-n 'eil e'g iarraidh air neach sam bith a dhol a bheathachadh a chaorach, aig nach 'eil an gràdh so d'a phearsa, cha mho a ghabhas e ri seirbhis na muinnitir a tha 'leigeadh orra a bhi 'deanamh sin. Bhithheadh e 'na ni beannaichte nam bitheadh measrachadh dligheach na firinne so a' fantuinn a ghnàth maille riu-san a ghairmeadh chum na h-oibre sin.

Is ann ris a' ghràdh so a rinn e na geallaidhean beannaichte sin a cheangal anns am bheil ar sith, agus ar téaruinteachd, agus ar comhfhurtachd gu h-iomlan a' luidh anns an t-saoghal so. "Anti aig am bheil gràdh dhomh-sa," tha e'g ràdh, "gràdh aichear le m' Athair esan, agus gràdh aichidh mise e, agus foillsichidh mi mi féin da," Eoin xiv. 21; agus a ris, ramn 23, "Gràdh aichidh m' Athair esan, agus thig sinn da ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris." C'ait am bheil an eridhe a's urrainn a smuaineachadh, no an teanga a dh' fbeudas a bhi 'eur an céill, a' ghlòdir a tha anns na geallaidhibh so, no an earrann a's lugha de'n ghràs a tha fillte suas annta? Cò d'an urrainn an t-irioslachadh diadhaidh, agus an gràdh, agus an gràs, a tha air an taisbeanadh annta a mheasrachadh gu ceart? Cia cho beag as a tha an earrann sin a's aithne dhuinn de Dhia anns na nithibh so! Gidheadh mur 'eil iad luachmhor 'n ar sùilibh, mur 'eil sinn a' saothrachadh 'an déigh féin-mhothachaidh dhiubh a réir ar tomhais, cha-n 'eil cnid no crannchur againn anns an t-soisgeul. Tha làthaireachd agus còmhnuidh Dhé maille ruinn mar Athair, fillte suas annta—"ga fhoillseachadh féin anns an dàimh sin dhuinn, ann an iomadh geall-daingnich neo-mhearachdach, agus làn dearbh-bheachd air ar n-uchd-mhacachd; tha làthaireachd Chriosd mar an ceudna fillte suas annta—"ga fhoillseachadh féin dhuinn, maille ris gach trècair do-labhairt a tha ann an comh-chuideachd nan nithe so. Agus tha na geallaidhean so air an tabhairt air dhòigh ro àraighe dhoibh-san aig am bheil gràdh do phearsa Chriosd, agus ann an cleachdadach a' ghràidh dha.

Is ann coimhcheangailte ri so a tha Geridsim agus Ebal an t-soisgeil—na beannachdan agus na mallachdan air an eur 'an céill. Mar is iad beannachdan cuibhrionn na muinnitir "a tha 'gràdhachadh an Tighearn Iosa ann an treibh dhireas," Eph. vi. 24,—is amhul sin a tha brigh nan uile mhallaichdan air a bhagradh 'nan aghaidh-san aig nach 'eil gràdh dha, eadhon, "Anatema Maranata," 1 Cor. xvi. 22. Cia b'e air bith ùmhlaichd do'n t-soisgeul a dh' fheudas iad so a bhi 'g aideachadh o'n leth a muigh, is co fad a tha iad o chòir bheannaichte sam bith a bhi aca 'na gheallaidhibh,

as gu bheil iad buailteach gu toillteamach d' a bhi air an gearradh a mach fa dheòidh o'n eaglais anns an t-saoghal so, agus do mhalladh siorruidh anns an t-saoghal ri teachd.

Tha e soilleir, uime sin, nach e breisleach na h-inntinn a tha ann an gràdh eaglais nan creideach do phearsa Chriosd—nach e faoin-bheachd meallta a tha ann, mar a bha cuid gu toibheumach a' labhairt; ach gur ni e a tha neo-sheachanta o nàdur na dàimhe anns am bheil iad d'a chéile—ni a tha taisbeanadh gu bheil iomh-aigh Dhé air a h-ath-nuadhachadh anna—ni a tha an Sgriobtuir a' cur mar dhleasdanas neo-sheachanta orra, agus air am bheil an comhfhurtachd spioradail gu léir an crochadh. Air dhuinn na nithe so a labhairt ann an rathad coitchionn, feumaidh sinn a nis a bhi 'fèòraich ciod e nàdur àraidih, agus toraidhean, agus cleachd-aidhean, agus meadhona-brosnachaidh a' ghràidh dhiadhaidh so.

CAIBIDEIL XIII.

Air Nàdur, agus Oibreachadh, agus Aobhairean a' Ghràidh Dhiadhaidh, ann an Coimhcheangal ri Pearsa Chriosd.

CHUM gu'n tuig sinn ni's ro fhearr ciod e an gràdh sin do phearsa Chriosd air son am bheil sinn a' tagradh, is eigin duinn cuid de nithibh a roinnt-mhineachadh a thaobh nàduir a' ghràidh dhiadhaidh fo bheachd coitchionn; agus air dhuinn sin a dheanamh, bithidih e furasda agus réidh dhuinn a bhi 'ga chomhchur ri oibreachadh agus ri cleachdadh àraidih sin a' ghràidh a tha 'nar n-aire.

Rinn Dia buadh agus conas a bhuiileachadh air ar nàdur a bhi 'socrachadh ar gràidh air féin. Tha mòran aig nach 'eil tuigse sam bith de ghràdh ach sin a tha 'coimh-sheasamh ann a bhi 'dlùth-cheangal an inntinnean agus an anama ri nithibh a chithear agus a mhothaichear, agus o'm bheil iad a' faotainn toil-inntinn nàdurra anns an àm a tha làthair. A thaobh nithe neo-fhaic-sinneach, gu sonruichte iad sin a tha siorruidh agus neo-chriochnach, tha iad a' saoilsini gu bheil iad a' toirt urrain agus aoraidh dhiadhaidh dhoibh; ach cha-n 'eil iad idir a' tuigsinn eionus a dh' fhendas iad a bhi 'gan gràdhachadh. Agus tha an t-abstol ag aideachadh gu bheil e ui's dorra a bhi 'toirt gràidh do nithibh nach fhendar fhaicinn, na dhoibh sin a tha ghnàth a làthair gu faicsinneach maille ruinn, I Eoin iv. 20. Gidheadh, tha gréim ni's seasunhaiche agus ni's diongnialta aig 'a ghràidh dhiadhaidh so ann an inntinnibh dhaoine far am bheil e, na tha aig gràdh sam bith eile. Oir,—

1. B'e priomh rùn Dhé ann an 'suidheachadh aigne mhòir agus cheannasaich sin a' ghràidh 'n ar nàdur, aig am bheil an t-àrd-ìughdarris agus chumhachd 'n ar n-abamaibh, gu'm bitheadh e, anns a' cheud àit, air a shuidheachadh air féin, mar am meadhon trid am bitheamaid a' dlùth-leantuinn ris. Cha d'rinn e a chruthachadh annainn chum ar deanamh comasach air sinn féin a thilgeadh ann an glacaibh nan uile nithe nàdurra agus collaiddh. Cha-n 'eil aigne sam bith aig am bheil a leithid de chumhachd anns an anam ann an ratbad a bhi 'ga dhlith-cheangal r'a chuspair, agus ann a bhi 'ga oibreachadh a dh' ionnsuidh comh-chumaidh ris. Tha na h-aigne eile mar is trice neo-sheasmhach 'nan cleachdaidhbih, agus ag oibreachadh ann am braise obann ar nàduir—mar a tha fearg, aoibhneas, eagal, agus an samhuil eile ; ach tha cleachdadhl seasmhach ann an comas a' ghràidh, agus a tha 'na thobar do na h-uile h-aigne eile, agus ag aonadh an anama r'a chuspair le h-éifeachd nach fheudar gu furasda a chur 'an céill. Agus am bheil e r'a smuaineachadh gu'n do chruthaich Dia—neach a rinn na h-uile nithe air a shon féin—an togradh ceannasach so 'nar nàdur, a mhain chum gu'm bitheamaideomasach air claoadh a thaobh uaith, agus dlùth-leantuinn ri nithibh eile le aigne a tha 'toirt barrachd air aon sam bith eile leis am feudamaid fantuinn maille ris? Uime sin, 'nuair a chruthaicheadh sinn air tùs, agus am feadh a dh' fhan sinn fathast 'nar neo-chiontas, b'e an gràdh freumh agus anam na beatha diadhaidh annainn ; agus is ann air seasmhachd ar gràidh dha a bha maireannachd ar dàimh ris an crochadh. B'e lagh, agus riaghailt, agus tomhas a' ghràidh so, "Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam." B'i so críoch Dhé ann an cruthachadh a' ghraidih annainn. Cha-n e mhain gu'n robh ar pearsachan air an deasachadh agus air an ulluchadh, 'nan nàdur agus 'nam bith, air son a bhi beò do Dhia, agus chum a theachd fa dheòidh gu bhi 'ga mhealtuinn, ach bha iad mar sin mar an ceudna 'n an uile chomasaibh agus 'n an uile bhuaidhaibh. Agus bha uile chleachdaidhean nan comasan sin air cuspairibh cruthaichte gu bhi air an seòladh a dh' ionnsuidh na criche so. Air an aobhar sin, an uair a tha sinn a' suidheachadh ar gràidh air ni sam bith air thoiseach air Dia, no os ceann Dhé, tha sinn ann am firinn ag aideachadh gu'n do chuir sinn cùl ris.

2. Tha òirdheirceis na Diadhachd 'nan euspair uile-fhreagarrach agus ionchuidh ar gràidh. Cha-n urrainn an toil, gun anharus, i féin a cheangal ri nì sam bith aìn an gradh, nach 'eil an tuigse ann an tomhas a' measrachadh a thaobh 'fhirinn agus a bhith ; ach cha-n 'eil e neo-sheachanta gu'm bitheadh measrachadh coimhlionta aig an tuigse ann an nàdur an ni sin gu h-ionlan ris am bheil an toil air a ceangal. 'Nuair a tha fior mhaiteas agus ion-mhianachd air am foillseachadh do'n inntinn, feudaidh an toil

'an sin dùinadh ri aigne na h-inntinn. Agus cha-n'eil cuspair sam bith eile anns am feudar a bhreithmeachadh gu bheil iad so gu h-iomlan coimhlionta, ach a mhain ann an nàdur agus ann am bua lhaibh naouiba na Diadhachd. Uime sin, a mheud 's nach e mhain gu bheil cuspair àraidh a' ghràidh r'a fhaotainn ann an òirdheirceis na Diadhachd, ach mar an ceudna gur ann anntasan a mhain a tha e r'a fhaotainn ann an rathad iomlan agus coimhlionta, gun mheasgadh truaillidh sàm bith mar anns na creutairibh uile, is iad-san cuspair uile-fhreagarrach agus iomchuidh ar gràidh.

Cha-n'eil ni sam bith a's soilleire a tha nochdadadh truaillidheachd ar nàdnir leis a' pheacadh agus claoindh ar toile o'n aomadh dhìreach a thugadh dhoibh air tùs, na gu bheil e cho cruaidh agus cho deacair ar eridheachan a thogail suas ann an gràdh do Dhìa; ach 'an àite sin, gu bheil sinn cho ullanh air ar gràdh a shocraeadh air nithibh eile, agus riarachadh 'iarraidh d'ar n-anamaibh far nach 'eil e r'a fhaotainn. Mur bitheamaid air tuiteam fo bluaidh na truaillidheachd so, bhitheadh esan a ghnàth 'n ar sealladh mar an t-aon chuspair a bha freagarrach agus comasach air son a bhi riarachadh ar eridheachan.

3. Is e maiteas Dhé cuspair àraidh a' ghràidh dhiadhaidh agus ghràsmhoir so. "Cia mòr a mhaiteas, agus eia mòr a mhaise!" Sech. ix. 17. Cha-n'eil ni sàm bith 'na chuspair freagarrach gràidh, ach sin a tha maith, agus mar a tha e maith. Uaith so tha àilleachd iomlan ann an comh-chuideachd a' mhaiteis neo-chriochnaich a tha ann an nàdur na Diadhachd. Do bhrigh gu bheil a mhaiteas do-labhairt, tha a mhaise mar sin mar an ceudna. "Cia mòr a mhaiteas, agus eia mòr a mhaise!" Uaith so tha sinn air ar gairm gu bhi toirt buidheachais do'n Tighearn, agus gu bhi' deanamh gàirddeachais ann—a tha 'n an toraidhibh gràidh—do bhrigh gu bheil e maith, Salm. vi. 1, exxxvi. 1.

Gidheadh cha-n'e maiteas na Diadhachd cuspair àraidh ar gràidh air a bheachdachadh ann fèin a mhain; ach tha sinn ag amhare air mar a tha a' filleadh suas ann an trocair, agus an gràs, agus an toirbheartas sin gu léir, a tha freagarrach air son a bhi 'frithealadh an fhuasglaidh a's ro fhéarr oirnn anns a' chor a tha làthair againn, agus duais shiorruidh 'an déigh so. Is e cuspair freagarrach ar gràidh, ma seadh, maiteas neo-chriochnach Dhé, 'ga chleachdadh fèin anns an tròcair, anns a' ghràs, anns an dilseachd, agus anns an toirbheartas sin gu léir, a tha feumail air son fuasglaidh agus beannachaidh a fhrithealadh oirnn anns gach suidheachadh a bhitheas a làthair againn. Uime sin, a mheud 's gu bheil so deanta a mhain ann an Criosd, cha-n' urrainn fior ghràdh sam bith do'n mhaiteas dhiadhaidh cleachdadh 'fhaotainn ach ann-san agus trid-san a mhain.

B'e maitheas Dhé, mar chruithear, mar fhear-gleidhidh, agus mar fhear-tabhairt duaise, cuspair iomchuidh agus freagarrach gach uile chleachdadh gráidh, mu'n d' thàinig peacadh agus truaigh a steach do'n t-saoghal. Dh'-fheudadh anam an duine làn riarachadh 'fhaotainn ann an Dia fo gach beachd dhiubh so, a thaobh a shonais ann an àine agus gu siorruidh. Ach riamh o riinn peacadh, agus truaigh, agus bàs gréim oirnn cha-n urrainn ar gràdh fois, no ionmhuiinneachd, no toil-inntinn, no riarachadh 'fhaotainn ann am maitheas sam bith, ach sin a tha éifeachdach ann am buileachadh gràis agus tròcair oirnn tre Chriosd, chum slàinte dhuinn anns a' bheatha so, agus duais shiorruidh air nèamh. Cha mhò a tha Dia ag aithneadh dhuinn a bhi 'ga ghràdhachadh air sheòl sam bith eile ach mar a tha e ann an Criosd "a' deanamh an t-saoghal reidh ris féin." Is amhul sin a tha an t-abstol a' eur an céill : "'An so dh' fhoillsicheadh gràdh Dhé dhuinne, anns gu'n do chuir Dia 'aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò trid-san. 'An so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhach sinne Dia, ach gu'n do ghràdhach esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'na iobairt-réitich air son ar peacadh. Agus fhuaire sinn aithne air, agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia ; agus an ti a tha fantuinn ann an gràdh, tha e 'na chòmluaidh ann an Dia, agus Dia annsan," 1 Eoin iv. 9, 10, 16. Is gràdh Dia, tha e de nàdur neo-chriochnach maith agus gràsmhor, ionnus gur esan a mhain cuspair dligheach gach uile ghràidh dhiadhaidh. Ach cha-n urrainn an gràdh so a bhi air dhòigh sam bith air 'aithneachadh, no air 'fhoillseachadh dhuinne, ionnus gu'm feudamaid agus gu'm bu chòir dhuinn gràdh a thoirt dha, ach a mhain le a ghràdh-san ann an Criosd—a' eur a Mhic agus 'gar gràdhachadh ann. Cha-n 'eil gràdh sam bith againn do Dhia air thoiseach air so, no as eugmhais so, cha mhò a tha sin 'n ar comas. Oir "an so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhach sinne Dia, ach gu'n do ghràdhach esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'na iobairt-réitich air son ar peacadh-ean." Is e so ceann-aobhar agus tobar ar gràidh-ne gu léir dha. Cha-n 'eil ach beachdan diomhain gun tairbhe leis am bheil euid de dhaoinibh 'gan toileachadh féin, a bhitheas a' labhairt mu 'bhi gràdhachadh a' mhaitheis dhiadhaidh air a bheachdachadh ann féin a mhain. Oir ged a tha maise neo-chriochnach coimh-cheangailte ris ann féin, gidheadh cha-n 'eil sin ann da rireadh dhoibh-san, cha-n 'eil e coimh-fhreagarrach r'an cor, as eugmhais a bhi 'ga bheachdachadh mar a tha e air a fhrithealadh oirnn ann an Criosd.

4. Air do na nithibh so a bhi air an roimh-mhineachadh, feudaidh sinn a nise nàdur àraighe a' ghràidh dhiadhaidh so a thoirt fainear, ged a tha mi 'g aideachadh gur e an earrann a's ro lugha

de na bheil creidlich a' fiosrachadh dheth 'nan anamaibh féin, a dh'fheudas a bhi air a cur an céill, co dhinbh leam-sa. Ni sinn euid de nithibh 'ainmeachadh a dh'-fheudas sgàil a' ghràidh a thaisbeannadh dhuinn, ged nach 'eil foillseachadh fior ionhaigh a' ghràidh, ann féin 'n ar comas.

(1.) Is e *togradh aonaidh* agus comh-chomuinn ceud chleachdadh beò a' ghràidh so. Air do'n anam foillseachadh 'fhaotainn de ghlòir nan òirdheireas diahlaidh, tha e 'miamachadh gu dùrachd-ach aonadh 'fhaotainn riu—a bhi air a thoirt 'am fagus anns a' choimh-chomunn sin-riu, air son am bheil comasan aige, agus anns am bheil suaimhneas agus riarachadh r'am faotainn leis. Tha so neo-sheachanta do màdur gràidh; tha e 'g aonadh na h-iuntinn r'a chuspair, ionnas nach 'eil fois aige achi ann an comh-chomunn. Tha gràdh Dhé dhuinne ag éirigh o shaoibhreas a mhaitheis féin, a' taomadh thairis o'n tobar neo-chriochnach sin, ann an rathad a bhi pàirteachadh a thoraidhean mòra ruinn. Is gràdh Dha; agus 'an so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e 'aon-ghin Mhic do'n t-saoghal. Gidheadh is e aomadh a' ghràidh so ann an Dia ann a bhi 'gar tabhairt 'am fagus d'a féin, cha-n e gu'n bitheadh esan a' mealtuinn a chreutairean, aeh gu'n bitheadh e air a mhealtuinn leò. Tha so a' comh-chòrdadh ri miann a' chomh-chomuinn annainn, Iob xiv. 15, "Gairmidh tusa;" (is e sin, gairmidh tu mise o'n duslach aig an là dheireannach;) "agus freag-airidh mise thu: air obair do làmh bitidh déidh agad." Cha ghabh gràdh Dhé fois gus an dean e ar tabhairt d'a ionnsuidh féin. Aeh tha ar gràdh-ne do Dhia ag éirigh o nhothachadh de'r n-uireasbhuidhíbh féin—ar neo-fhoghainteachd air son suaimhneis fhaotainn annainn féin, no sonas oibreachadh le'r n-oidhripibh féin. Ann a' chor so, air dhuinn a bhi 'faicinn na h-uile ni ann an Dia, agus a bhi 'sealltuinn air son nan uile nithe o choimh-fhreagarrachd nan òirdheireas a tha ann gu bhi 'toirt suaimhneis agus riarachaidh dhuinn, tha ar n-anama 'an sin a' dlùthachadh ris, le miann a bhi air ar toirt a dh' ionnsuidh an aonaidh a's faisge air am bheil ar màdur comasach. Chruthaicheadh sinn air a shon, agus cha-n amais sinn air ar suaimhneas gus an tig sinn d'a ionnsuidh.

Cha ruig ar maitheas-ne air Dia; cha-n 'eil tairbhe dha ann an ni sam bith a tha sinn, cha leasaich ar gniomh a mhòrachd. Uime sin, cha-n 'eil a ghràdh dhuinn a' sealltuinn air tuis ri maith sam bith annainn, aeh is gniomh saor agus gràsunhor a thoile féin e. Tha e 'deanamh mhaith a mhain do bhrigh gn bheil e maith. Cha mhò is urainn na h-ionlanachdan neo-chriochnach a tha ann aobhair sam bith 'fhaotainn air son am priomh chleachdaidhean 'an leth a muigh dheth féin. Cha-n 'eil easbuidh sam bith air a

ghabhadh deanamh suas le bhi mealtuinn a chreutairean. Ach annainne tha bochduinn a bheir d'ar gràdh a chuspair a ghleidheadh 'an leth a muigh dhinn fèin. Air an aobhar sin, is e maitheas Dhé, maille r'a thròcair, agus a ghràs, agus a thoirbheartas a tha fillte suas ann, aobhar, agus reuson, agus cuspair ar gràidh. Tha sinn 'gan gràdhachadh air an sgàth fèin ; agus do blrig gu bheil sinn bochd agus ainniseach, tha sinn 'gan gràdhachadh le togradh aonaidh agus comh-chommuinn, anns am bheil sinn a' faotainn riarachaidh d'ar n-anamaibh agus ar sonais a' coimh-sheasamh. Tha gràdh gu coitchionn ag aonadh na h-inntinn r'a chuspair—an neach a tha 'gràdhachadh air aonadh ris an ni no ris an neach d'an d' thugadh gràdh. Is amhuil a chuireadh 'an cíll e ann an eisampleir gràidh duine, a tha caochlaidheach—eadhon, gràdh Ionatain agus Dhaibhidh ; "Cheangladh anam Ionatain ri anam Dhaibhidh, agus ghràdhaich Ionatan e mar 'anam fèin," 1 Sam. xviii. 1. Rinn an gràdh an comh-aonadh cho diongmhulta r'a chéile, as gu'n robh anam Dhaibhidh mar 'anam fèin. Uaith so tha an doigh-labhairt sin air a ghnàthachadh timchioll a ghràidh dhiadhaidh so,—a bhi "dluth-leantuinn ris an Tighearn, a' plosgartaich 'na dhéigh le tart anama," agus ionadh dòigh-labhairt eile leis am bheil na tograidhean a's déine 'nar nàdur an déigh aonaidh agus comh-chommuinn air an cur an cíll.

'Nu-air a tha sealladh aig an anam tre chreidimh—oir cha-n'eil ni sam bith eile 'bheir dha e—de mhaiteas Dhé air fhoillseachadh ann an Criod—is e sin, de òirdheirceis siorruidh a nàdur 'gan cleachdadhl fèin ann—'an sin tha e 'ga shineadh fèin gu togarrach 'na dhéigh le glacaibh fosgailte a' ghràidh, agus sin gun fhois fhaotainn gus an tig e gu seilbh iomlan fhaotainn air. Ann an Dia tha e 'faicinn tobair na beatha, agus bu mhiam leis òl "as amhaimn a shòlasan," Salm xxxvi. 8, 9—tha e 'faicinn "lànachd aoibhlmeis 'na làthair, agus mòr shubhachas aig a dheas làimh gu siorruidh," Salm xvi. 11. Tha e 'miannachadh agus a' plosgartaich 'an geall air an tobar so, gus am faigh se e fèin air snàmh ann an anuhainn so nan sòlas ; agus a thaobh a' chuid sin anns am bheil e 'teachd gearr air riarachadh iomlan anns a' bheatha so'tha làthair, tha e beò ann an dòchas, 'nuair a dhùisgeas e, gu'n sàsuichear e le 'choslas, Salm cxvii. 15. Cha-n'eil ni sam bith 'na dhoilgheas do'n anam a tha air a lionadh leis a' ghràdh so, ach sin a tha 'ga chumail o bhi làn-mhealtuinn nan òirdheirceas a tha e 'faicinn ann an Dia. Tha e 'g osnaich fo na h-uile ni a tha 'na bhacadh *nàdurra agus neo -sheachanta* air an làn sheilbh so. Is ann diubh so a tha ar cor anns a' cholium anns an àm a tha làthair, anns am bheil sinn, ann an seadh, "air choigrich o'n Tighearn," 2 Cor. v. 4, 8, 9. Agus a thaobh sin a tha 'na bhacadh *modhannail*, mar a tha *peacailk*, ann an claoadh na toile agus nan aigne o

Dhia, tha e gabhail gràin deth féin agus 'ga fhuathachadh féin air a shon. Fo threòrachadh a' ghràidh so, tha aomadh an anama gu h-ionlan a dh'-ionnsuidh bhi 'mealtuinn Dhé;—is e a mhiann a bhi air a shlugadh suas ann an Dia, 'na neo-ní ann féin, na h-uile ni aumsan. Tha taitneas ionlan aig a' ghràidh so anns gu bheil Dia an ni sin a tha e, agus nach ni sam bith eile e, agus gu feud sinn a bhi air ar n-aonadh ris mar a tha e, chum a bhi 'ga mhealtuinn a réir comais ar nàduir,—seadh, is e so beatha a' ghràidh dhiadhaidh.

(2.) Is gràdh *comh-chosmhuileachd* e. Tha dian-thogradh ag oibreachadh ann air son a bhi comh-chosmhuiil ri Dia, a réir ar comais agus ar tomhais. Tha an t-anam a' faicinn gach uile mhaiteas, agus, uime sin, na h-uile ni taitneach agus àillidh, ann an Dia, am feadh a tha e 'ga fhaotainn féin falamh dhiubh uile. Is e 'bhi 'seallbhachadh ionlanachd a mhaiteis, agus a bhi air a dheanamh comh-chosmhuiil ris mar am meadhon d'a ionnsuidh, crìoch a's àirde sin a nàduir an déigh am bheil a mhiann. Cha-n 'eil duine sam bith aig nach 'eil gràdh treibhdhireach do Dhia, nach miannaicheadh gu'm bitheadh e ni-éigin nach 'eil e, chum gu'm bitheadb e ni's cosmhuiil ris féin. Agus tha an samhuil so de mhuinntir 'gan toileachadh féin mar is urrainn iad le bhi smuaineachadh gu bheil Dia mar sin, Salm 1, 21. Ach d'an taobh-san aig am bheil gràdh dha, bu mhiann leò e bhi *na h-uile ni a tha e, agus mar a tha e, agus gu'n ni sam bith eile*; agus iad féin a bhi comh-chosmhuiil ris. Agus mar is e so aomadh nàdurra a' ghràidh, ionns gu bheil an t-anam anns am bheil e mi-shuaimhneach anns an tomhas anns am bheil e eu-cosmhuiil ri Dia, is amhuil sin a tha e 'ghnàth a' brosnachadh suas nan oidhirpean an déigh a chosmhuileachd, agus tha éifeachd ro àraidh ann chum na criche sin. Is e gràs a ghràidh a tha 'g oibreachadh ar comh-chosmhuileachd ri Dia, mar is e gràs a' chreidimh a tha air tús 'gar n-aomadh d'a ionnsuidh. Ann an ath-nuadhachadh ar nàduir a dh' ionnsuidh ionhaigh Dhé, tha éifeachd a' chruth-atharrachaidh air a shuidheachadh, a thaobh a fhreumh, anns a' chreidimh, ach tha e 'ga chleachdadh féin tre ghràdh. Tha an gràdh sin a tha 'sruthadh o chreidimh, ag atharrachadh an anama, ceum air cheum a dh' ionnsuidh ionhaigh Dhé; agus mar is mò a tha e 'faotainn cleachdaidh, is ann is mò a tha an t-atharrachadh a 'faotainn coimhlionaidh.

Iadsan a tha 'saothrachadh an déigh comh-chumaidh ri Dia le gniomharaibh o'n leth a muigh a mhain, cha-n 'eil iad ach a' cumadh ionhaigh de'n Dia bheo, air a gearradh á stoc marbh craoibhe. Is ann o fhreumh bheò so a' ghràidh a tha sinn a' fás suas *gu nàdurra a dh' ionnsuidh cosmhuileachd agus ionhaigh Dhé*, agus cha-n ann air ar cumadh a dh' aindeoin mar a chumar

clach. Oir an uair a tha òirdheirceis Dhé ann an Chriosd a' drùghadh air an anam, tha an gràdh so a' lionadh na h-inntinn le beachd-smuaintibh umpa, agus a' beòthachadh nan aigne ann an cleachdadhl na tlachd anna. Agus far am bheil an t-anam a ghnàth 'ga chleachdadhl féin ann am beachd-smuaintibh na h-inntinn, agus am an tlachd nan aigne, bitidh e 'g oibreachadh comh-chosmhuiileachd r'an cuspair. Is e 'bhi 'gràdhachadh Dhé an t-aon dòigh agus an t-aon mheadhon air son a bhi cosmhuil ris.

(3.) Is gràdh *taitneis* agus *deadh-rùin* e. Air dhuinn sealladh 'fhaotainn tre chreidimh agus ann an solus spioradail de'n mhaiteas dhiadhaidh, 'ga chleachdadhl féin air an dòigh a chuir-eadh an céill, tha ar n-anaman a' dinadh le taitneas ris na h-uile ni a tha ann an Dia,—'ga mhöadh, 'ga chliúthachadh, agus a' comh-aontachadh ris. Uaith so tha dà dhleasdanas mòr ag éirigh, agus air a so tha iad an crochadh. Anns a' cheud àite, A bhi 'cur glòire agus urraim gu h-aoibhneach as leth Dhé. Tha gach moladh, agus buidheachas, agus beannachadh, agus glòrachadh, a tha sinn a' toirt do Dhia do bhrìgh òirdheirceas agus ionlanachd a nàduir, ag éirigh o'n taitneas agus o'n riarachadh a tha ar n-anama a' faotainn anna. Tha aoibhneas air na fireana anns an Tighearn, agus tha iad a' toirt buidheachais ri cuimhneachadh air a naomhachd, Salm xvii. 12. Tha iad cho aoibhneach agus cho riaraichte ri cuimhneachadh a naomhachd, as gu bheil e 'Tionadh an eridheadhan le gàirdeachas, agus am beul le moladh. Oir cha ni sam bith eile am moladh ach comharadhl faicsinmeach an taitneis eridhe sin a tha againn ann an ionlanachdaibh Dhé, agus anns gach toradh beannaichte 'tha iad a' giùlan. Agus, anns an dara àite, Ann an taitneas so tha gràdh 'ga chleachdadhl féin le deadh-rùin agus caoimhneas, no aonadh seasmhach na h-inntinn a dh' ionnsuidh na h-uile ni a tha coimhcheangailte ri glòir Dhé. Tha toil aige a dh' ionnsuidh na h-uile ni anns am feud ainni Dhé a bhi air a naomhachadh, a chliúthan air an deanamh glòrmhor, agus a thoil air a deanamh air an talamh amhul a nithear i air neàmh. Mar a tha Dia ag ràdh a thaobh a ghràidh féin dhuinne, gu'n "gabh e fois 'na ghràdh, ni e gàirdeachas os ar ceann le séinn," Seph. iii. 17—mar ni anns am bheil an taitneas a's ro mhò aige, a' deanamh gàirdeachais os ar ceann "le uile chridhe agus le uile anam," Ier. xxxii. 41;—is amhul sin, a réir ar tomhais féin, a tha sinne ag gabhail ar suaimhneis tre ghràdh ann an glòir nan òirdheirceas diadhaidh, a' deanamh gàirdeachais anna le'r n-uile chridhe agus le'r n-uile anam.

(4.) Tha an gràdh diadhaidh so 'na ghràdh *càirdeis*. Tha an comh-chomhunn gràidh a tha againn ri Dia cho dlùth, agus tha a leithid de *dhànanachd* spioradail 'na chomh-chuideachd, as gu bheil

e air 'ainmneachadh air a' mhodh so. Mar sin ghoirteadh de Abraham, "Caraid Dhé," Isa. xii. 8; Seumas ii. 23. Agus do bhrigh na muinghin sin a tha aig cairdibh ann an aon a chéile, "tha rùn an Tighearn' aig an dream d'an eagal e, agus foillsichidh e dhoibh a choimh-cheangal," Salm xxv. 14. Oir, mar a tha ar Slànuighear a' teagasc dhuium, "cha-n aithne do'n t-seirbhiseach"—is a sin, an neach nach 'eil ach 'na sheirbhiseach a mhain—"ciod a tha a Thighearn a' deanamh ;" tha e 'gan riaghlaadh, agus a' toirt àitheantan dhoibh, agus ag agairt iùmlachd uatha; ach a thaobh a *rùin*—a chomhairle agus a ghràidh—cha-n aithne dhoibh ni sam bith dheth. Ach a deir e r'a dheisciobluibh, "ghairm mi cairdean dhibhse ; oir na h-uile ni a chuala mi o m' Athair, thug mi fios dhuibhse orra," Eoin xv. 15. Tha e dearbhadh gur iad da rireadh a chàirdean, anns gu bheil e leigeadh ris dhoibh rùn diomhair 'inntinn fein.

Is e so an t-eadar-dhealachadh mòr eadar iadsan ann an tigh Dhé nach 'eil ach 'n an seirbhisich a mhain, agus an dream sin eile, air bhi dhoibh 'n an seirbhisich, a tha mar an ceudna 'n an cairdibh. Tha na h-àitheantan ceudna air an toirt dhoibh maraon, agus na dleasdanais ceudna mar fhiachaibh orra, ionnus gu bheil iad maraon 'nan seirbhisich ; ach cha-n 'eil eòlas sam bith aca-san nach 'eil ach 'nan seirbhisich a mhain, air rùn diomhair, agus air gràdh, agus air gràs Dhé, mar 'bu choir. Oir cha ghabh an duine nàdurra ris na nitibh a tha o Dia. Uime sin cha-n 'eil 'n an iùmlachd gu léir ach iùmlachd nan *tràill*. Cha-n 'eil eòlas aca aon chuid air fior mheadhona-brosnachaidh na h-ùmlachd no air a crìoch-aibh. Ach an dream sin a tha 'n an seirbhisich air dhòigh gu bheil iad mar an ceudna 'n an cairdibh, is aithne dhoibh ciod a tha an Tighearn a' deanamh ; tha rùn an Tighearn 'aca, agus tha e 'foillseachadh dhoibh a choimhcheangail. Tha broilleach fosgailte aca a dh' ionnsuidh inntinn Chriosd, ("tha inntinn Chriosd againne," I Cor. ii. 16,) agus a chionn gu bheil, tha iad air an misneachadh gu bhi 'coimhlionadh iùmlachd sheirbhiseach, le gràdh agus tlachd chàirdean.

Tha an gràdh ceudna cairdeis so air a chur an céill leis an *dlùth-chomunn* agus leis a *chòmhnuidh* àraidi a tha Dia agus na èredich a' deanamh maille r'a chéille. Tha Dia a chòmhnuidh annta-san, agus iad-san am aon Dia ; oir is gràdh Dia, I Eoin iv. 15. "Ma ghridhataiceas neach mise," deir an Tighearn Iosa, "coimhidh e m' fhocal : agus gràdhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris," Eoin xv. 23 ; agus, "Ma dh' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e an dorus, thig mi a stealh da ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riùnsa," Taisb. iii. 20. Cha-n e fuaim falamh bhriathran a tha so ;—

tha iad ro bhrìghmhor, tha firinn annta. Iadsan aig am bheil an eridheachan air an cleachdadadh gu cubhaidh ann agus a chum gràidh Dhé, bithidh eòlas an théin-fhiosrachaидh aig an anamaibh air làthaireachd chomhfhurtail araon an Athar agus a' Mhic maille riu, a' comhpáirteachad: an gràidh riu, agus iomadh dearbhadh air an còmhnuidh a bhi maille riu.

Rinn sinn na nithe so a roimh-mhlineachadh gu h-aithghearr, a thaobh nàduir a' ghràidh dhiadhaidh, chum gu'n tuigeamaid ni's ro fhearr ciod a tha air a chiallachadh leis, ann a bhi 'ga chomh-chur ri pearsa Chriosd. Oir—

1. Is e priomh chuspair a' ghràidh dhiadhaidh so *buadhan siorruidh na Dia/lhachl*—air mhodh àraidh maiteas neo-chrioch-nach na Diadhachd. Far am bheil iad so, ann an sin tha cuspair agus reuson a' ghràidh so. Ach tha iad uile ann am *pearsa a' Mhic*, coimh-ionann ri pearsa an Athar. Uime sin, mar a tha sinn a' gràdhachadh an Athar air an aobhar so, is amhuil a tha mar fhiachaibh oirnn am Mac a ghràdhachadh mar an ceudna. Ach—

2. Tha *Pearsa Chriosd* r'a bheachdachadh ann an nàdur an duine. Agus cha-n 'eil so air dhòigh sam bith ag isleachadh priomh reusoin ar gràidh; is ann a tha e 'leasachadh nam meadhona a tba 'brosnachadh d'a ionnsuidh. Rinn so, gun amharus, maise nan òirdheirceas diadhaidh 'follach rè seal o shùilibh mhòran, ionnus gu'n do phill iad an aghaidhean uaithe. Oir an uair a bha e air "gabhair air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine," cha-n fhacas ann le shùilibh feòlmhor aon chuid "sgéimh no grinneas," gu'n amhairceadh iad air no gu'm miannaicheadh iad e. Gidheadh is e pearsa iomlan Chriosd, mar Dhia agus mar dhuine, cuspair a' ghràidh dhiadhaidh so ann an uile għniomharaibh a chleachdaidh gu léir. Tha toradh barraichte sin gliocais agus gràis neo-chriochnaich Dhé ann a bhi 'g aonadh nàdur na Diadhachd agus nàdur na daonnachd ann an aon phearsa Mhic Dhé, 'ga chomharachadh dhuijn mar chuspair a' ghraidh dhiadhaidh so ann an seadh ro àraidh. Ni sinn na beachdan so, ma seadh, a dhùnadh suas, le bhi 'toirt fainear an dòigh air am feud sinn ruigheachd air a' ghràdh àraidh so, agus na meadhona a tha 'eur thuige d'a ionnsuidh.

Tha stéidh àraidh a' ghràidh so, ma seadh, air a leagadh ann am beachd-smuaineachadh dhligheach air pearsa Chriosd, mar a chuireadh e r'ar n-aghaidh anns an Sgriobtuir. Is e so reuson neo-mheadhonach ar creidimh ann, agus ar gràidh dha. Tha e air a chur r'ar n-aghaidh anns an Sgriobtuir ann an rathad gu feudamaid creidsinn ann agus gràdh a thoirt dha,—seadh is i so an dearbh chrioch airson an do chuireadh r'ar n-aghaidh e. Agus air mhodh àraidh tha òirdheirceis sin a phearsa—mar phriomh

thoradh gliocais agus maiteis Dhé, air an d' thugadh iomradh—gu tric air an cur r'ar n-aghaidh ann, chum a bhi 'gintinn gráidh annainn, agus chum a bli 'ga bhrosnachadh suas ann am beò chleachdadhl air. Chum na críche so tha e air a thaisbeanadh dhùinn mar neach a tha “gu léir ionnuinn;” agus tha gach glòir gun choimeas a bhuineas d'a phearsa, a' dealradh ann an solus mar gu'm b' ann o ghnùis bheò, ann am firinnibh naomha an t-Seann-tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh. Cha-n e faoin-dhealbh a chumadh 's an imntinn a tha so—cha-n e bhi 'sgeadachadh ionhaighean 'n ar smuaingtibh leis an tugamaid riarrachadh d'ar n-aigne feòlmhor, agus ris am mosgladh iad am beadradh; ach is e 'tha so, dhùth-cheangal gráidh ris a' chuspair sin a tha air a thaisbeanadh d'ar creidimh ann an solus an t-soisgeil. Ann an so, mar am an sgàthan, tha sinn ag amhare air glòir Chriosd, neach a's e ionhaigh an Dé neo-fhaiesinnich, agus a' faotainn ar n-anama air an lionadh le aigne naomha a tha 'g ar n-atharrachadh a dh' ionnsuidh na h-ionhaigh ceudna.

Cha-n 'eil ann an Leabhar an Dain gu léir ach taisbeanadh diomhair de'n chomh-ghradh a tha eadar Criod agus an eaglais. Agus ann a bhi 'ga chur 'an céill, tha na h-uile doigh-labhairt air a ghnàthachadh a b' urrainn a nochdadhl mar ghràdh ro thogarrach, lasarra, dian, a' toirt barrachd air gach uile ghràdh eile; ni, tha sinn a' smuaimeachadh, nach àicheadh neach sam bith, gu h-àraidh air taobh Chriosd. Agus tha earrann mhòr dheth air a cleachdadhl ann an cur an céill pearsa Chriosd agus a ghràidh, ann an rathad a tha uile-fhreagarrach chum a bhi 'ga nochdadhl mar chuspair ro thaitneach agus ion-mhiammaichte, seadh, “gu léir ionnuinn.” Ciod a' chrioch eile a tha aig an Spiorad Naomh ann an cur an céill agus ann an taisbeanadh maise agus ion-mhiammaicht a phearsa air dhòigh cho comharaichte, mur ann chum a bhi 'gintinn gráidh 'n ar eridheachaibh dha? An neach sin aig nach 'eil gràdh dha fo shealladh an taisbeanaidh so dheth, tha 'chridhe fo chumhachd a' mhi-chreidimh. Bithidh euid ag rádh nach 'eil anns gach taisbeanadh a tha againn de Chriosd anns an leabhar so ach ionradh samhlach, o nach urrainn ni sam bith a bhi air a thuiginn no air 'fhògblum. Ach nar leigeadh Dia gu'n tugamaid a shambuil sin de mhasladh do ghliocas agus do ghràdh an Spiorad Naomh, as gu smuaimeachamaid gu'n d' rinn e fuaim falamh bliathran a chur suas fa chomhair creidimh na h-eaglais, aig nach robh seadh no brigh. A thaobh an dòigh-labhairt a tha air a ghnàthachadh, agus nàdur a' chòinbhraidh a tha air a chleachdadhl mar o'n leth a muigh, tha e gun teagamh samhlach. Ach tha na nithe fèin a tha air an ciallachadh fìor agus ro blàrighmhor; agus tha na samhlaidhean a tha air an gnàthachadh chum a bhi 'gan cur an céill ro fhreagarrach--ma bheir sinn fainear an comh-chòrd-

adh a tha aca ri nàdur a' chreidimh—gu bhi 'giùlan tuigse agus seadh spioradail nan nithe sin a chuireadh 'an céill anna. Cha dealaich eaglais Chriosd gu bràth ris a' bhuannachd agus ris a' chomhfhurtachd do-labhairt, maille ris gach neartachadh creidimh agus beothachadh gràidh, a tha i 'faotainn anns an fhoillseachadh dhiadhaidh a tha ann de phearsa Chriosd agus d'a ghràdh, air son gu bheil euid de dhaoinibh aig nach 'eil fèin-fhiosrachadh no tuigse sam bith anna. Cha-n 'eil creidimh agus gràdh nan naomh gu bhi idir air a riaghlaigh le aineolas agus le dànanas na muinntir sin aig nach 'eil aon chuid creidimh no gràdh iad fèin. Is e an t-ainm a tha aig Salm xl., "Oran nan gràdh;"—is e sin, gràdh Chriosd do'n eaglais, agus gràdh na h-eaglais do Chriosd. Agus a chum gu'm bitheadh ar n-anama air an cur thuige ann an cleachadh an teas-ghràidh dha, tha a phearsa air a chur 'an céill ann mar neach a tha "gu léir ionnluinn." Ciod eile a' chrioch air son am bheil e air a thaisbeanadh cho soilleir le meur an Spioraid Naoimh fèin, ann an coimh-fhreagarrachd ionlan nan òirdheireas diadhaidh a tha ann?

Gun a bhi 'leudachadh air fianuisibh fa leth, tha e soilleir do na h-uile aig am bheil an sùilean air am fosgladh gu bhi 'faicinn nan nithe so, nach 'eil buadh sam bith ann an nàdur na Diadhachd a tha air mhodh àraidh ion-ghràidh—mar a tha maitheas, agus gràdh, agus gràs, agus toirbheartas, maille ri cumhachd, agus naomhachd neo-chriochnaich—nach 'eil air a thaisbeanadh agus air a chur r'ar n-aghaidh ann am pearsa Mhic Dhé, chum gu'n deanamaid a ghràdhachadh os ceann nan uile, agus gu'n dlùthleanamaid ris. Cha-n 'eil ni sam bith ann an nàdur a dhaonnachd, anns an lànachd gràis agus firinn a ghabh còmhnuidh ann, agus ann an lànachd sin an Spioraid leis an deachaidh 'ungadh gun tomhas, maille ris gach feart glòrmhor anns am bheil an t-àrdcheannas aige—cha-n 'eil ni sam bith 'na ghràdh, 'na irioslachd, 'na ghràs, no 'na thròcair—cha-n 'eil ni sam bith anns an obair a choimhlion e, no anns na fulangais a ghiùlan e—cha-n 'eil ni sam bith anns gach sochair a tha sinn a' faotainn uaith—cha-n 'eil ni sam bith anns a' chumhachd agus anns a' ghlòir chum am bheil e air 'àrdachadh aig deas làinn Dhé—nach 'eil air a thaisbeanadh agus air a chur r'ar n-aghaidh anns an Sgriobtuir, chum, air dhuinn a bhi 'creidsinn ann, gu'n tugamaid gràdh dha le ar n-uile chridhe agus le ar n-uile anam. Agus a thuilleadh air so uile, tha toradh comharaichte agus neo-chriochnach sin a' ghliocais dhiadhaidh, a tha gu h-ionlan gun choimeas ann an uile oibríbh Dhé—eadhon comh-shuidheachadh diomhair a phearsa ann an aonadh a dhà nàduir, trid an d' rinneadh dhuinn e 'na ionhaigh an Dé neo-fhaicsinnich, agus anns am bheil gach òirdheireas beannaichte a bhuineas do gach nàdur eadar-dhealaichte ann, air

an eur ann an solus ro ghlòrmhor anns a' chleachdadhbh a tha iad uile a' faotainn ann an uile ghniomharaibh 'eadar-mheadhonair-eachd as ar leth—tha so, tha sinn ag ràdh, air a chur r'ar n-aghaidh mar chuspair ionlan ar creidimh agus ar gràidh. Is e ionmhuinneachd agus maise an Ti so d'am bheil uile ainglean Dhé agus uile spioradan naomha na glòire a' cromadh sios ann an aoradh agus 'am moladh gu saoghal nan saoghal. Annsan tha uile ionmhais neo-chriochnach a ghliocais agus a' mhaitheis dhiadhaidh a ghmàth air an taisbeannadh fa chomhair an sùl. Is e an cuspair so aoibhlmeas, agus tlachd, agus gràdh, agus glòir na h-eaglais air thalamh. “Thusa d'am bheil gràdh aig ar n-anama,”—is e so an t-ainm leis an bheil iad a' gabhail èolais air agus leis an bheil an comunn ris a' dol air chleachdadhbh, Dan Shol. i. 7, iii. 1, 4. Is e an Ti so “Miann nan uile chinneach”—Fear-gràidh Dhé agus dhaoine.

Is e an comh-chomunn sin a tha 'faotainn cleachdaidh eadar Criod agus an eaglais air stéidh so a' ghràidh, beatha agus aman a' chruthachaidh gu léir; oir is ann do bhrigh so a tha na h-uile nithe a' coimh-sheasamh ainsan.

Tha Dia a' faicinn nì's mò de ghlòir ann an osnaidhribh agus ann an caoidh nan anama bochda sin a tha làn gràidh do Chriosd, a' miannachadh a chomh-chomuinn a réir a gheallaidh, agus n'an tagradh dhùrrachdach gu'n deanadh se e fèin thoillseachadh dhoibh —anns na sòlasan agus anns na h-aoibhlmeasaibh do-labhairt a tha iad a' faotainn ann an comunn a ghràis agus ann an glàcaibh a ghràidh —na tha e 'faicinn ann an rìgh-chaithrichibh agus ann an crùintibh uile rìghrean na talmhaim. Agus cha dealaich iad gu bràth ris na comhfhurtachdaibh do-labhairt a tha iad a' faotainn anns na nthibh so, air son na h-uile ni a dh' fheudas an saoghal so a dheanamh air an son no'n an aghaidh. “Bu ròghmaiche leam,” deir Lùther, “bàsachadh maille ri Criod, na rioghachadh maille ri Ceasar.” Cha-n e mhain gu'n d' rinneadh sluiehd nam priosan gu tric nì's ro thaitniche dhoibh na na lùchairtibh a bu mhaisiche, le sùil ri duais na h-oighreachd, aeh rinneadh iad da rireadh dhoibh nan ionadaibh sòlais agus aoibhlmeis cho mòr as gur diomhain do dhaoinibh a bhi 'g iarraidh an samhail 'am measg nan comhfhurtachd sin gu léir a tha r'am faotainn anns an t-saoghal a tha làthair.

Tha mòran anns an t-saoghal, air dhoibh a bhi gun bhreithmeachadh anns an ionradh dhiadhaidh agus spioradail a tha deanta air pearsa Chriosd leis an Spiorad Naomh anns an Sgriobtuir, agus air d'an eridheachaibh a bhi 'nan coigrich do'n bhuaidh a tha ann, a rinn ionadh taisbeannadh bréige a chur suas dhoibh fèin le ionmaighibh agus dealbhaibh, chum a bhi 'brosnachadh suas aigne feòlmhor agus truaillidh 'n an innitinnibh. Le cuideachadh an

ceud-faids o'n leth a muigh, tha iad a' dealbhadh cumadh cuirp duine 'nan inntinnibh, air a chur ann an ionadh suidheachadh, air uairibh tiamhaidh, cianail, air uairibh eile caithreamach, buadhach; ionnus, le oibreachadh na mae-meannna, gu'n dean iad an inntinnean a chur air ionmairt amfa féin, ni a tha iad a' saoilsinn a bhi 'na chleachdadh gráidh do Chriosd. Ach tha na h-iодholan so gu léir 'n an luchd-teaguisg nam breng. Is eo fad a tha fior mhaise agus ionnuimheachd Chriosd, ni a's e cuspair agus aobhar neo-inheadhonach a' ghràidh dhiadhaidh, o bhi air a thaisbeanadh amfa so, as gur ann a tha an inntinn air a claonadh gu h-ionmlan d'an trid o bhi 'beachdachadh idir air. Oir cha-n urrainn dealbh faicsinneach mar so ni sam bith a thaisbeanadh dhuinn ach sin a bhuineas do dhuine a mhain, agus a tha air a chur as leth Chriosd a réir toil agus inntinn thruaillidh dhaoine, agus cha-n ann tre chreidimh.

Tha *maise pearsa Chriosd*, mar a tha e air 'fhoillseachadh anns an Sgriobtuir, a' coimh-sheasamh ann an nitibh a tha neo-fhaic-sinneach do shùilibh feòlmhor. Cha-n eil e 'an comas an láimh a's ealanta air thalamh an taisbeanadh no an samhlachadh. Is i stiil a' chreidimh a mhain a's urrainn an Righ so fhaicinn 'na mhaise. Ciod eile a dh' fleudas beachdachadh air oirdheireis neo-chruthaichte a Dhiadhachd! Am bheil seòltachd ann an láimh duine na thaisbeamas aonadh a dhà nàdur ann an aon phearsa, anns am bheil e air mhodh àraighe ionnluinneach? Cò an t-suil d' an léir an comh-pháirteachadh bhuadhan a tha eadar a dhà nàdur eadar-dhealaichte anns an aon phearsa, agus a tha an crochadh air an aonadh so, o'm bheil e sgríobhla gu'n do leug Dia sios a bheatha air ar son, agus gu'n do cheannach e an eaglais le 'fhuil féin? Is iad so na nithe, O dhuine dliomhain! anns am bheil àilleachd pearsa Chriosd do abrunaibh nan creideach a' coimh-sheasamh, agus cha-n ann 'an dealbhaibh a rimmeadh a tharruинг á inntinnibh dhaoine le láimh ealanta na h-uidheim-dhreachaidh. Agus eò an t-suil nàdurra a's urrainn beachdachadh air còmhnnidh an Spioraid 'na lánachdaibh uile ann an nàdur a dhaonnachd? Am feudar 'irioslachd, agus a ghràdh, agus a ghrás, agus a chumhachd, agus a thruacantachd, agus a dhreuchdan, agus a fhreagarrachd, agus a chomas, air son a bhi tèaruadh pheacach, a thaisbeanadh air clar-cloiche, no a ghearradh á stoc craoibh? Cia b'e air bith mar a dh' fleudar na dealbhan so a mhaiseachadh agus a sgeadachadh cha-n iad idir an Chriosd sin d'am bheil anam na céile a' tabhairt gráidh;—cha dean iad aon chuid a ghràdh-san a thaisbeanadh dhuinne, no ar gràdh-ne a ghiùlan a mach d'a ionn-suidh-san,—cha dean iad aeh inntinnean nan saobh-chreideach a chlaonadh a thaobh o Mhae Dhé, chun a bhi 'glacadh diomhanais a dhealbhadh ann an inntinnibh dhaoine.

Tha cuid eile ann a tha 'toirt fuatha do na *h-iòdholaibh* so, agus air dhoibh sin a dheanamh, theid iad 'an ceann na *naomh-ghoide*. Mar a tha iad a' cur cùl ri ionmhaighibh, is amhuil a tha iad coltach ri cùl a chur ris gach uile ghràdh do phearsa Chriosd a tha eadar-dhealaichte o ghniomharaibh ümhlachd eile, mar dhiomh-anas na h-inntinn. Ach eadhon an gràdh sin do Chriosd a's mò a tha fo bhuaidh an t-saobh-chreidimh—an gràdh sin a tha air a chleachdadh air dhòighibh a tha air an truailleadh le saobh-chreidimh—is fearr e na 'bhi gun ghràdh idir dha. Ach ciod an gnè shuilean leis am bheil an samhail so de mhuianntir a' lenghadh nan Sgriobtuirean? Ciod an gnè chridheachan leis am bheil iad 'gan toirt fainear? Ciod i a' chrioch a tha iad a' saoilsinn a bhi aig an Spiorad Naomh anns gach ionradh a tha e 'deanamh air phearsa Chriosd mar chuspair a tha maiseach agus ion-mhiannaichte os ceum nan uile nithe, agus anns a bheil e 'ga chumail suas ri aghaidh ar n-aigne—'gar cur thuige chum a bhi 'gabhairis tre chreidiadh, agus a bhi dlùth-leantuinn ris ann an gràdh? seadh, ciod idir a' chrioch air son an do shuidhicheadh gràdh 'n ar nàdur —e' arson a tha e air 'ath-nuadhachadh annainn 'na chumhachd tre naomhachadh an Spioraid Naoimh—mur fleudar a shoerachadh air a chuspair uile-fhreagarrach agus òirdheire so?

Is e so, ma seadh, stéidh ar gráidh do Chriosd—eadhon, *an tuisbeanaidh anns am bheil e air a chur r'ar n-aghaidh anns an Syriobtuir* mar neach a tha gu leir ionmhuinn. Ann an so tha òirdheirceis glòrmhor agus feartan eugsamhail a phearsa air am foillseachadh, 'na ghràdh, 'na mhaitheas, agus 'na ghràs, 'na luachmhoireachd agus 'na obair, trid am bheil eridheachan nan creideach air an dlùth-cheangal ris ann an gràdh. Theagamh gu'n abair cuid, ma tha e air a chur ri aghaidh nan uile mar so gun leth-bhreth, 'an sin gu'm bitheadh an sealladh eeudua aig na h-uile d'a mhaise agus gu'm bitheadh a' bhuaidh cheudna aige air na h-uile, a bha 'g aontachadh air an dòigh cheudna ri firinn an fhöillseachaidh a' rinneadh air. Ach is ann a bha a' chùis riamh air sheòl eile. Ann an laithibh 'fheola, bha cuid, air dhoibh amhare air, nach robh 'faicinn aon chuid "sgéinil no grìnneas" aige gu'n iarraidh iad e; bha cuid eile a chunnaic a ghloir, "mar ghloir aoin-ghin Mhic an Athar, làn gràis agus firinn." Do chuid tha e luachmhor; do chuid eile tha e mar neach a chuireadh air chùl—elach a dhiùlt na clachairean, 'nuair a chuireadh suas i le muinntir eile, a' glaothaich, "Gràs, gràs gu'n robh dhi!" mar cheann na h-oisne. Tha cuid nach 'eil a' faicinn ach annmuinn-eachd ann; do chuid eile tha cumhachd Dhé agus gliocas Dhé gu soilleir a' dealradh ann. Uime sin, is éigin a ràdh, a dh' aindeoин an taisbeanaidh soilleir sin a tha deanta de Chriosd anns an Sgriobtuir, mur toir an Spiorad Naomh sùilean dhuinn

chum a bhi 'ga bheachdachadh, agus mur dean e ar eridheachan a thimchioll-ghearradh le bhi 'toirt air falbh gach claoen-bhreath truaillidh agus gach toradh mi-chreidimh a tha amainn, agus mur dean e, le eifeachd a ghráis, an gràdh beamaichte so dha a shuidheachadh anna, cha bhi buaidh sam bith aig na nithibh so air ar n-inntinnibh.

Mar a tharladh do shluagh Israel *aig tabhairt an lagha*, a dh' aindeoin nan oibre mòra agus cunhachdach a chur Dia an gniomh 'nam measg, gidheadh do blàrigh nach d' thugadh dhoibh "eridhe a thuig-sinn, agus sùilean a dh' fhaicinn, agus cluasan a chluinntinn"—a tha e fein ag ràdh nach d' thugadh dhoibh, Deut. xxix. 4,—cha robh iad air an gluasad a dh' ionnsuidh creidimh no ùmhachd d'an trid; tha an ni ceudha fior fo *shearnanachadh an t-suisgeil*. A dh' aindeoin gach taisbeanadh beamaichte a tha deanta de òirdheirceis pearsa Chriosd ann, gidheadh d'an taobh-san aig nach do dhealraich Dia 'nan eridhe a thoirt dhoibh eòlais a ghlòire ann an gnitis Chriosd, cha-n fhaic iad ni sam bith dheth, agus cha-n 'eil buaidh aig orra.

Cha-n 'eil sinn, uime sin, aims na nithibh so a' leantuinn "faoinsgeulachdan a dhealbhadh gu h-innteachdach." Cha-n e faoineas na h-inntinn amaidlich anns am bheil sinn 'g a' toileachadh fein;—cha-n iad aoibhneasan buaireasach, mi-nàdurra air son am bheil sinn a' tagradh, no a shamhuil sin de shuidheachadh mhi-nàdurra ua h-inntinn, as a tha euid le mòr uaill ag radh a's urrainn iad a mhineachadh, air dhoibh a bhi aineolach air na nithe so. Tha ar gràdh-ne do Chriosd ag éirigh a mhain o'n taisbeanadh a tha deanta dheth anns an Sgriobtuir—gràdh a tha air a ghintinn, air à riaghachd, air a thomhas, agus air an téid breth a thoirt leis an Sgriobtuir.

CAIBIDEIL XIV.

Meadhona-brosnachaidh ar Gràidh do Chriosd.

Is iad *meadhona-brosnachaidh* ar gràidh do Chriosd an nì mu dheir-eadh air an labhair sinn, coimhcheaugailte ris an spéis a tha againn dha ann an cleachdadh na diadhachd.

'Nuair a dh' iarr Dia priomh dhleasdanais sin a's àirde na diadhachd aig làmhaibh na h-eaglais, agus a tha mar stéidh gach uile ghnionmh ùmhachd eile—eadhon, a bhi 'ga ghabhail fein mar an Dia, a bhi 'ga aideachadh, a bhi 'creidsinn ann, agus a' eur am muinghlin annsan a mhain mar an Dia, (ni a tha dligheach dha air a shon fein, ged nach bitheadh aobhar sam bith eile air a shon,) — gidheadh chunnaic e ionchuidh aig an àm cheudna

meadhon a cheangal ri coimhlionadh an dleasdanais sin, leis am bitheadh iad air an cur thuige 'na cheann, eadhon, na rinn e air an son, Ecsod. xx. 2, 3. Is e seadh a' cheud àithne, gu'n gabhamaid ris-san a mhain mar ar Dia; oir is esan ar Dia, agus cha-n'eil atharrach ann. Ach an uair a tha e 'cur an dleasdanais so mar fhiachaibh air an eaglais, tha e 'cur an cuimhne dhoibh nan sochair a fhuairead aig a làmhaibh ann a bhi 'gan saoradh á tigh na daorsa.

Tha Dia, 'na ghliocas agus 'na ghràs, air uile aobhairibh agus reusonaibh ar dleasdanais a riaghladh, ionnusgu feud uile bhuadhan reusonta agus uile chomasan ar n-anama a bhi air an cleachdadadh ann. Uime sin, cha-n e mhain gu bheil e 'ga chur féin r'ar n-aghaidh, agus cha-n e mhain gu bheil Criod air a chur r'ar n-aghaidh, mar chuspair ionchuidh ar n-aigne, ach tha e mar an ceudna a' gairm ar n-aire a dh' ionnsuidh na h-uile ni a dh' fleudas dearbh-chinne te a thoirt dhuinn gur e bhi 'ga ghràdhachadh an cleachdadadh a's cothromaire, agus a's feumaile, agus a's reusonta, agus a's tarbhaiche de na h-uile anns ami feud sinn a bhi air ar faotainn.

Agus is iad na nithe so chum am bheil e gairm ar n-aire na h-uile ni a rinn e air ar son, maille ris gach aobhar agus reuson air son gu'n d' rinn se e. Is e priomh aobhar ar gráidh dha, na tha e ann féin; ach tha cleachdadadh neo-mheadhonach ar gráidh ag an harbhaire ris na rinn e air ar son. Tha ar n-aire air a gairm anns a' cheud àit a dh' ionnsuidh sin a riun e air ar son, agus is e so an ceud ni a tha 'drúghadh air ar n-anamaibh. Oir is e am priomh ni a tha 'gan eur air chleachdadadh anns na h-uile ni, an togradh a tha anna ta an déigh an t-sonais nach 'eil aca, agus am mothachadh a tha aca de'n uireasbhuidh a tha orra. Tha an ceud ni 'gan seòladh a dh' ionnsuidh na rinn e air son pheacach, tha an dara ni 'gan treòrachadh gu neo-mheadhonach gu bhi beachdachadh na tha e ann féin. Agus an uair a tha ar gràdh air a shocrachadh air a phearsa, 'an sin tha na h-uile ni a bha air tùs a' drúghadh oirnn, o mhothachadh air ar n-uireasbhuidh agus ar n-ionndrain, air an deanamh 'n am meadhonaibh gu bhi daingneachadh agus a meudachadh a' gràidh sin. Is e so òighean Sgriobtuir a ghnàth; anns a' cheud àit tha na h-uile ni a rinn an Tighearn Iosa Criod air ar son a r an eur r'ar n-aghaidh, gu h-àraidh na rinn e ann an cleachdadadh a dhreuchd mar shagart, 'na thabhartas agus 'na eadar-ghuidhe, maille ris gach sochair a tha sinn a' faotainn d' an trid. Air a so tha sinn air ar treòrachadh a dh' ionnsuidh a phearsa, agus na h-uile ni eile air an sparradh oirnn chum a bhi 'cosnadh ar gràidh dha féin. Faic Phil. ii. 5-11, iii. 8-11.

Tha meadhona-brosnachaidh ar gràidh do Chriosd cho mòr, cho lionmhòr, agus air an sgaoileadh cho farsuinn tre'n iomlan de

fhrithealadh gràis Dé ann an Criosd d'ar taobh, as nach urrainn neach sam bith an eur gu h-iomlan an ceil, ged nach bitheadh crìochan idir air an eur roimh a sheanachas ; ach is ro lugha na sin a dh' fheudar an taisbeanadh anns an teagastg aithghearr sin a tha 'measg ar làmhain-ne, de nach do chuireadh air leth ach earrann ro bheag air son a bhi 'g am beachdachadh. Gidheadh, tha e mar fhiachaibh oirinn mar aon de phriomh dhleasdanais ar beatha, a bhi 'gan cruinneachadh a réir ar comais, agus a' beachd-smuaineachadh orra, agus 'g an gnàthachadh chum ar leas. Na dh' fheudas sinn a labhairt orra aig an àm, ni sinn a chruinn-eachadh fo'n dà cheann so :—1. *Gniomharan Chriosd*, anns am bheil am brigh a' coimh-sheasamh ; agus, 2. *Tobar agus éirigh nan gniomharan sin*, anns am bheil am beatha a' coimh-sheasamh.

I. Is iad so ann an rathad coitcheionn uile gniomharan eadar-mheadhonaireachd Chriosd, maille ris gach toradh a tha coimh-cheangailte riu, de'm bheil sinne 'nar luchd-coinhpàirt. Cha-n'eil ni sam bith a rinn e, cha-n'eil ni sam bith a tha e nis a' deanamh, ann an cleachdadhbh na h-eadar-mheadhonaireachd, o'n uair a rinn e an dreuchd sin air tuis a ghabhail air féin 'nar nadur ann am broinn na h-Oighe beamhichte, a dh' ionnsuidh cieachdadhbh na h-eadar-ghuidhe a nis air néamh, nach 'eil 'na mheadhon-brosnachaidh ro éifeachdach gràidh dha ; agus is ann mar sin a tha iad air an cur r'ar n-aghaidh anns an Sgriobtuir. Tha na h-uile ni a rinn e agus a tha e 'deanamh maille ruinn agus d'ar taobh ann an aimu Dhé, mar rìgh agus mar fhàidh na h-eaglais, tha na h-uile ni a rinn e agus a tha e 'deanamh maille ri Dia air ar son, mar ar n-àrd-shagart—a labhairt na cainnte so ann an eridheachaibh nan creideach :—O gràdhaichibh an Tighearn Iosa ann an treibh-dhireas.

Tha beachdachadh air na nithe so a rinn Criosd air ar son, no air na nithe sin a tha e nis a' deanamh, neo-sgaraichte o bheachd-achadh air na sochairibh a tha sinn a' faotaim d'an trid. Agus tha an dà chuid am measg a chéile a' deanamh suas nam meadhona-brosnachaidh sin air am bheil sinn a' labhairt : “ A ghràdhaich mi, agus a thug e féin air mo shon ”—“ A ghràdhaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhlibh 'na fhuil féin, agus a rinn rìghrean dhim agus sagartan do Dhia ”—“ Do bhrìgh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia le d' fhuil féin.” Agus tha iad so maraon de nàdur barraichte, ag agairt gràidh ro bharraichte nainne mar an ceudna. Cò a tha comasach air a bhi 'measrachadh glòir uile gniomharan eadar-mheadhonaireachd Mhic Dhé, ann an gabhail ar nàdur, agus anns gach ni a rinn e agus a dh' fhuling e ann ? Agus d'ar taobh-ne, cha-n fhaea sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d' thàinig ann an eridhe duine, na nithe a tha sinn a' faotainn d'a thrid. Tha an t-sochair a's

lughá, a dh' fheudar a fhrithealadh air bheag cost no dragh, a toilltinn gráidh, agus tha coire mhaslach air lámhaibh an ti nach diol an grádh. Ciod e, ma seadh, toillteanas nan sochair a's ro mhò, agus a choisneadh leis an luach a bu mhò—eadhon luach fola Mhic Dhé?

Ma tha tomhas idir creidimh againn anns na nithibh so, giùl-ainidh e gràdh mar thoradh, mar a ghiùlaineas gràdh iùmhachd. Cia b'e air bith tomhas aideachaidh a bhitheas againn d'an taobh, cha-n 'eil ann ach toradh beul-aithris dhaoine, agus cha-n e toradh a' chreidimh, mur 'eil ar n-anama air an cosnadh ann an gràdh dha fein. Tha an suidheachadh eridhe sin a tha mar thoradh fior chleachdadhl a' chreidimh anns na nithibh so air a chur an eíll, Samh. ciii. 1-5, "Beannach an Tighearn, O m' anam; agus moladh gach ni a tha'n taobh a stigh dhiom ainm naomh-san. Beannach an Tighearn, O m' anam; agus na dì-chuimhnich a thiodhlacan uile. Is e 'nhaitheas dhuit do pheacaidhean gu léir, a shiùlannicheas d' euslaintean uile; a shaoras do bheatha o sgrios, a ehrùnas thu le caoimhneas-gràidh agus le caomh-thròcairibh. A shàsuieheas do bheul le nithe maithe, air chor as gu'n ath-madhaichear d'òige, mar òige na h-iolaire." Labhradh daoine mar is àill leò, cha-n 'eil fenn air fianuis ni's soilleire gu bhi dearbhadh nach 'eil neach d'a rireadh a' creidsinn nan nithe a chuireadh an eíll anns an t-soisgeul, a thaobh gniomharan Chriasd mar eadar-mheadhonair, agus nach 'eil féin-fhiosrachadh sam bith aige 'na anam agus 'na choguis de thoraidhibb nan gniomharan sin, na so— nach 'eil a chridhe air a chosnadh d'an tríd ann an cleachdadhl a' ghràidh a's ro bharmaichte d'a phearsa.

Cha Chrioscdaidh idir an duine nach 'eil gu tric a' beachd-smuaineachadh air eadar-mheadhonaireachd Chriasd, anns gach gniomh àraidh fa leth. Feudaidh euid a bhi 'neudachadh anns a' ehléachdadhl so os ceamh chuid eile, mar ghnothueh suidhichte agus riaghailteach; feudaidh euid a bhi ni's comasaiche air an smuaintean a riaghladhl ann an ordugh d'an taobh na euid eile: feudaidh euid a bhi ni's dichiollaich na muinntir eile ann an coimhead amanna suidhichte air son coimhlionadh naomh an dleasdanais so; feudaidh euid barrachd a thoir air an companaich ann a bhi 'g éirigh a dh' ionnsuidh breithmeachaiddh aird agus shoilleir d'an taobh. Ach air an son-san aig nach 'eil an inntinnean ag aomadh a dh' ionnsuidh smuaintean umpa—do nach sòlas eridhe a bhi 'gan iùrechadh 'nam cuimhne—leis nach miann a bhi 'glacadh gach cothruim air son a bhi 'gan enuasachadh a réir an comais—eionnus idir a dh' fheudar am meas mar Chrioscdaidhibb? eionnus a dh' fheudas iadsan a bhi beò beatha a' chreidimh air Mac Dhé? Am bheil nithe mòra an t-soisgeul agus eadar-mheadhonaireachd Chriasd air an cur r'ar n-aghaidh, mar nithibh air am feud sinn smuaineachadh 'nuair nach

'eil tuilleadh againn r'a dheanamh, a dh' fheudar a bheachdachadh no a dhearmad mar a chi sinn iomchuidh ? am bheil cho beag gnothuch againn riu, as gu feumar an eur a thaobh chum àit a thoirt do gach cuis eutrom eile ? Ni h-eadh ; mur 'eil ar n-inntinnean air an lionadh leis na nithibh so—mur 'eil Criod a' gabhail còmhuidh gu saoibhir 'n ar eridheachaibh tre chreidimh—mur 'eil seilbh aig na nithibh so 'n ar n-anamaibh, ionnus gu'm bi an suidheachadh gu léir o'n leth a stigh air a chumadh leò mar ann am molltar, gus am bheil iad air an aomadh, o thaitneas nàdurra anna, gu bhi 'còmhradh riu—tha sinn 'n ar coigrich do bheatha a' chreidimh. Agus ma tha sinn air a mhodh so air ar cleachdadh anna, ni iad ar eridheachan a chosnadhl ann an gràdh do phearsa Chriosd. An neach a tha air bheachd eile, tha e da rireadh ag aicheadh firinn agus brìgh nan nithe so uile, agus ag iompachadh an t-soisgeil gu sgeulachd fhaoin.

Gu bhi sònruachadh aon eisampleir o mheasg mhòran—eadhon, a bhàs. Am bheil eridhe Criodaidh ann an còm an duine nach 'eil gu tric a' beachd-smuaineachadh air bàs an Fhir-shaoraidh, agus nach 'eil a' tarruing a bheatha naith ? Cò a dh' fheudas sealltuinn e steach anns an t-soisgeul gun a bhi 'dearcadh air firinnibh a tha aon chuid gu neo-nheadhonach, no air cheumaibh eigin eile a ghliocais agus a' ghráis dhiadhaidh, a' treòrachadh d'a ionnsuidh ? Agus am bheil e comasach do neach sam bith smuaintean a' chreidimh a chleachdadh air bàs Chriosd, gun a chridhe a bhi fo bhuaidh a' ghràidh dhiadhaidh d'a phearsa ? Tha Criod aims an t-soisgeul "air a nochdadhl gu soilleir fa chomhair ar sùl, air a cheusadh 'nar measg." Am bheil neach sam bith dh' fheudas sealltuinn le sùil a' chreidimh air fulangais agus air bàs fuitteach an Fhir-shaoraidh so, agus a smuainicheas nach 'eil ann an gràdh d'a phearsa ach faoineas na h-inntinne diomhain ? Cha-n e so a tha iadsan a' smuaineachadh, a tha " 'giùlan a ghnàth bàsachaidh an Tighearn Iosa mu'n cuairt anns a' chorp," mar a tha an t-abstol a' labhairt, 2 Cor. iv. 10. Mar a tha " 'aimm" anns na h-uile ni a rinn e " mar oladh-ingaidh air a dòrtadh a mach," air son am bheil na h-òighean 'ga ghràdhachadh, Dan Shol. i. 3,—is amhul a tha cùblraigheachd luachmhòr so a bhàis ag éigneachadh an eridheachan air dhòigh ro àraidi.

A ris : mar nach urrainn creidimh ann an Criod a bhi far nach 'eil gràdh d'a phearsa air son na rinn e agus na tha e 'deanamh mar eadar-mheadhonair ; is amhul sin a tha easbhuidh gràidh dha 'gan eur-san anns nach 'eil e fo chionta na mi-thaingealachd a's antromachte a dh' fheudas ar nàdur a chur 'an gniomh. B'e antromachadh peacaidh nan aingeal am mi-thaingealachd d'an Cruitbear. Oir a mheud 's gu'n d' rinn e an sgeudachadh anns an òirdheirccas, anns an àrd-cheannas, agus anns an inbhe sin a bu

ro àirde a mheas Dia ionchuidh a bhuiileachadh air creutairibh sam bith—no, theagamh, a b' urrainn creutair sam bith a ghiùlan dheth féin a mhain—bha iad mi-thaingeil air son na chaidh a bhuiileachadh orra o shaor mhaiteas agus o thoirbheartas Dhé; ionnus gu'n do thig siad iad féin sios do sgrios shiorruidh. Gidheadh tha an-tromachadh cionta coimhcheangailte ri peacadh dhaoine, 'n am mi-thaingealachd do Chriosd do bhrigh na rinn e air an so, a tha 'toirt borrhachd air peacadh nan aingeal. Oir ged a shuidhicheadh na h-aingean air tús am an àrd-inbhe do nach fheud sinne teachd anns a' bheatha so, gidheadh cha do shaoradh iad-san o staid na truaighe mar a shaoradh sinne.

'Am measg a' mhlòr-shluaign aingidh sin gu léir leis am bheil an saoghal air a chur fo bhuaireas, cha-n' eil neach sam bith, a réir breith nan uile, a's mò a tha 'giùlan de chomharadh a' chrochaire shuarach, na an neach sin a tha comharaichte mi-thaingeil air son sochairean inbheach a bhulicheadh air. Mur'eil buidheachas agus gràdh dhaoine a' meudachadh dhoibh-san a rinn an saoradh o mhasladh agus o'n bhàs, agus a thug seilbh dhoibh ann an oighreachd phait agus shaoibhir, (ma dh' fheudar an samhul 'fhaotaim,) agus sin le saothair agus costas ro mhòr;—bhithheadh na h-uile neach ullamh air an diteadh thairis gun chaoiadh, do thruaighibh ni's àmhghàraich na iad sin o'n do shaoradh iad. Ciod, ma seadh, an diol a nithear orra-san air nach 'eil eadar-mheadhonaireachd Chriosd agus a toraidhean mòra a' drúghadh, ionnus gu'm bitheadh an aigne a's taghta air an cosmadh dha agus air an cleachdadh air? Bithidh an soisgeul féin 'na "fhaile báis" do an-daoine cho taireil.

2. Is e gràdh Chriosd dhuinne am meadhon àraighe a tha an Sgriobtuir a' eur r'ar n-aghaidh chum a bli 'brosnachadh ar gràidh-ne dha—an gràdh sin a b'e freumh uile ghniomharan 'eadar-mheadhonaireachd as ar leth.

Is e gràdh nèamhnuid sin ar nàduir air am bheil meas eia b'e ait anns am faighean e. Ged a dh' fheudas suidheachadh freasdail daoine a dhealachadh o chéile a thaobh inbhe, gidheadh far an taisbeanar fior ghràdh, is nèamhnuid e air nach deanar tair le neach sam bith nach do chlaon air falbh a dh' ionnsuidh brùidealachd neo-mheasarra. Ged a robh làman a ghràidh ceangailte, air choi as nach b' urrainn e taibhse sam bith o'n leth a muigh a fhrithealachd d'a chuspair, gidheadh, mar gu'm b'am, a dheòn no dh' aindeoin, tha a ghnìe ag agairt ar meas agus ath-dhìol coimhfhreagarrach ris. Tha so gu sònruichte fior ma tha a chuspair gu li-ionlair neo-airidh: tha e 'ga thaisbeanadh féin 'an sin mar thoradh nàduir ro bhàigheil, a tha miannachadh maith a dheanamh do'n dream a tha gràdhaithe leis. Oir, a mheud 's gu bheil fior nàduri gràidh a' coimh-sheasamh ann

a bhi 'miannachadh maith d'a chuspairibh — far am bheil am miann so fior, agus treibhdhireach, agus air a chleachadh gun fhàillinn d'ar taobh, cha chomasach bacadh a chur air ar n-inntimibh o dhol ann an cleachdadhbh ghniomharan gràidh a ris air a sgàth, mur 'eil am buadhan gu tur air an truailleadh ann an eabar nan ana-mianna brùideil agus salach. Ach an uair a tha an gràdh neo-thoillteanach so mar an ceudna a' meudachadh ann an toraidhribh a tha araon draghail agus costail dhoibh-san anns am bheil e, agus a tha anabarrach tarbhach d'a chuspairibh—ma tha fuigheall air bith gràidh air fhàgail ann an nàdур duine sam bith, bithidh so buadhach ann a bhi brosnachadh ath-dhiola gràidh. Agus tha na nithe so uile-air am faotainn ann an gràdh Chriosd, ann an tomhas do nach fhaighear coimeas idir anns a' chruthachadh gu léir. Labhraidi sinn gu h-aithghearr uime fo dhà cheann coitchionn :—

(1.) B'e freumh uile ghniomharan Chriosd mar eadar-mheadhon-air, araon ann an gabhail ar nàduir, agus anns na h-uile ni a rinn e agus a dh' fhuiling e ann, a shaor ghràdh agus a ghràs féin a mhain, ag oibreachadh le h-iochd agus truas. Tha e fior, gu'n d' rinn e an obair so a ghabhail os làimh air mhodh àraidh le sùil ri glòir Dhé, agus o ghràdh dha. Ach d'ar taobh-ne, b'e a ghràdh ro phailt agus shaoibhir féin a mhain a rinn a chur thuige chum a bhi 'ga coimhlionadh. Agus tha so air dhòigh àraidh air a chur 'an cuimhne dhuim 'na bhàs agus 'na thabhartas as ar leth, anns an d' rinn a ghràdh a ghiùlain tre na h-àmhgharaibh a bu deuchainnich, Gal. ii. 20; Eph. v. 2, 25, 26; 1 Eoin iii. 16; Taisb. i. 5, 6. B'e an gràdh so a mhain, ma seadh, a rinn eridhe Mhic Dhé 'aomadh gu bhi 'gabhall os làimh oibre mòire agus glòrnuoir ar saorsa, agus a rinn a ghiùlain gu buadhach tre'n uamhunn agus tre'n bhàs ris an do choinnich e ann a bhi 'ga coimhlionadh.

Nan gabhamaid os làimh a bhi beachdachadh air gràdh so Chriosd a bha 'na mheadhon mòr air a bhi 'giùlan uile thoraidhean a' ghliocais agus a ghràis dhiadhaidh do'n eaglais,—an taisbeannadh glòrmhor sin a ròghnaich Dia chum a bhi 'ga fhoillseachadh féin agus a mhaiteas do chreidich,—an spiorad beò sin a bha ann an rothaibh uile għluasadan pearsa Chriosd ann an saoradh na h-eaglais chum glòire siorruidh Dhé, chum a ghloir féin agus glòir a mhuinnitir shaorta mar an ceudna,—an sgàthan sin anns am bi na h-ainglēan naomha agus na naoimh beannachte a beachdachadh gu saoghal nan saoghal air glòir nan ḥirdheirceas diadhaidh 'nan cleachdaidhribh ionchuidh féin ;—dh' fheumadh sinn a nis a dhol 'an ceann seanachais mòran ni's farsuimme na sin a labhair sinn a cheana. Ach cha-n 'eil e coimh-fħreagarrach r'ar rùn aig an àm a bhi 'deanamh sin. Agus an uair a bheachdaicheas sinu air na smuaintibh a tha 'meudachadh ann am mòran a thaoblh pearsa

Chriosd, a tha 'cur as gu h-iomlan do nàdur a' ghràidh sin a tha sinn a 'eur as a leth, gu cimteach cha-n 'eil fios againn eia cho luadh as a dh' fheudas e bhi mar fhiachaibh air an eaglais a bhi 'ga dhaingneachadh agus 'ga fhosgladh suas le fianuis chomharaichte. Ach cha treigear aoíshar so Chriosd.

Cha-n aithne do'n mhuinnitir sin ni sam bith de bheatha no de chunihachd an t-soisgeil, cha-n 'eil èolas sam bith aca air fìor ghràs Dé, cha mho a tha iad ann am firinn a' creidinn lide de theagascgaibh an t-soisgeil, aig nach 'eil an eridheachan a' breith-neachadh gràidh Chriosd anns an ni so; cha mhò a tha an neach sin a' toirt fainear a ghràidh aig nach 'eil a chridhe air a chosnadhl ann an cleachdadhl a' ghràidh dha. Tha sinn ag ràdh gu bheil iadsan a' deanamh cùis-neònachais de'n diadhachd—'ga taisbeannadh mar fhaoin-sgenl àbhachdais do'n t-saoghal, agus mar ghuothuch a dhealbhadh ann an inntinnibh amaideach dhaoine -aig nach 'eil an eridheachan da rireadh air an toirt fo bhuaidh gràidh Chriosd ann an gabhail os làimh agus ann an cleachdadhl oibre na h-eadar-mheadhonaireachd, ionnus gu'm bitheadh fior aigne spioradail a' faotainn cleachdail anna dha. Feudaidh glagaireachd chainnt a bhi aig daoinibh a dh' flìoghluim iad air an teangaidh, ach cha-n 'eil fior èolas na diadhachd aca, a tha 'smuaineachadh nach 'eil aeh diomhanas na h-inntinn ann a bhi 'labhairt mu bhi 'gràdhachadh pearsa Chriosd le gràdh barraichte ar eridhe agus ar n-anama, do bhrigh a ghràidh féin dhuinn, agus a bhi air ar n-éigneachadh leis gus ann bheil sinn tim le gràdh, ionnus gu'm bitheadh aomadh ar n-anama a ghnàth d'a ionnsuidh ann an tlachd agus ann an dlùth-cheangal gràidh. Mo chùl ris an aidmheil sin gu bràth, eia b'e àit ann faighearr e, a tha 'teagasc no a' toir a ghnuis d'an samhail so a ghrainveileachdaibh! Tha an teagasc sin cho neo-fhreagarrach do'n t-soisgeul ri teagasc an fhàidhe-blréige, agus cho fad 'an aghaidh féin-fhiosrachaidh nan creideach ri creidinn nan deanhan, a tha 'teagasc do dhaoinibh a bhi 'toirt maslaidh agus taire do'n ghràdh a's ro dhéine do phearsa Chriosd. Bu règhnaiche leam mo chuibhriomh shiorruidh a ghabhail maille ris a' chreideach a's dìbhidh, air do mheasrachadh éifeachdach a bhi aige de ghràdh Chriosd, a tha caitheadh a làithean a' caoidh nach urrainn e tuilleadh gràidh a thoirt tha, an déagh gach oidhirp a chur 'an cleachdadhl chum na cricheadh sin, na maille ris a' chuid a's fearr dhinubh sin a tha air an séideadh suas gu mòr-chuisseach le rensonachadh diomhain, gu bhi deanamh taire air na nithibh so.

(2.) Tha gràdh so Chriosd do'n eaglais gun choimeas anns gach feurt a tha 'toir còir do ghràdh sam bith air a' dhìoladh gràidh. Tha e gun choimeas a thaobh 'fhior-ghloime. Cha-n urrainn gràdh a bhi 'am measg dhaoine, nach 'eil a' faotainn smal ann an tomhas éigin o'n mhi-riaghailt a tha 'n an aigne, eadhon 'n an cleachd-

aidhibh a's áirde. Ach tha gràdh Chriosd fior-ghlan, agus gu h-iomlan saor o choimh-mheasgadh truaillidheachd. Cha d' fluair an fhéin anail a tharrning riabh ann. Agus tha e gu h-iomlan neo-thoillteanach. Cha-n 'eil ni sam bith 'am measg dhaoine a dh' fheudas a thaisbeanadh no a shamhlachadh mar a tha e saor o airidheachd sam bith air ar taobh-ne. Is e an gràdh a's neo-chealgaich a gheibhear 'nar measg-ne, 'nuair a tha gràdh againn do chuspair do bhrigh gu bheil e fìnghanta, cliuiteach, tâbhachdach, ged nach bitheadh buannachd chomharaichte sam bith againn féin uaith : aeh cha d' fluaras an tomhas a bu lugha dhiubh so annta-sau d'an d' thug esan gràdh, gus an robh iad air an oibreachadh annta mar thoraidhilibh a' ghràidh a thug e dhoibh.

Feudar éirigh air uairibh a dh' ionnsuidh tomhais gràidh anns am bi duine toileach eadhon bàs flulang air son a chompanaich ; gidheadh cha-n 'eil so r'a fhaotainn aig àm sam bith ach far am bheil am meas a's ro áirde aige air an luach agus air an airidheachd a tha e 'faicinn ann. "Theagamh," deir an t-abstol, "gu'm bitheadh aig neach éigin de mhisnich eadhon bàs flulang air son duine mhaith," Rom. v. 7. Gidheadh is ann a mhain air son duine mhaith—neach air am bitheadh meas mar "mhaith coitchionn" do'n chinne-dhaoine—neach cho tròcaireach as gu bheil e ullamh air caoinhneas-gràidh a nochdadh air na h-uile cothrom, ni a's e clù duine mhaith ;—theagamh gu'm bitheadh aig neach éigin de mhisnich eadhon bàs flulang air son a shanhuil sin de dhuine. Is e so an ceum a's áirde a bheir gràdh duine ; agus ma fhuaireadh riabh e ann an neach sam bith, cha robh e gun choimh-mheasgadh glòir-dhiomhain agus iarrtuis air son clù o dhaoinibh. Ach shocraich an Tighearn Iosa Chriosd a ghràidh oirnne, an gràdh sin o'n d' fluiling e am bàs air ar son, am feadh a bha sinn fathast 'n ar peacaich, agus mi-dhiadhaidh ; eadhon, na h-uile ni a bha 'gar fagail gràineil agus neo-airidh. Ged a bha sinn cho duainchuidh as a b' urrainn am peacadh ar deanamh, agus nì's doimhne ann am fiachaibh na gu'm b' urrainn an cruthachadh gu léir an dioladh, gidheadh ghràidhach e sinn, chum ar saoradh as a chor sin, agus ar deanamh ionchuidh air son a chomuinn a's dliùithe ris féin. Cha do ghiùlain gràdh riabh an samhuil a thoraidhean—a bha cho costail dha-san anns an robh e, agus cho tarbhach d'a chusp-airibh. Ann an coimhlionadh rùin a ghràidh, ghiùlain e 'na phearsa féin na h-uile ni a tha 'na olc, agus tha sinn e' faotainn na h-uile ni a tha maith ann an deadh-ghean Dhé agus sonas shiorruidh.

Air an aobhair sin, tha an t-abstol a' cur cumhachd cho-éigeneachaidh as leth gràidh Chriosd, 2 Cor. v. 14. Agus ma tha sinn air ar co-éigeneachadh leis gu bhi 'g ath-philleadh ni sam bith dha, is e gràdh ceud-thoradh ar n-ath-dhiolaidh. Oir ciod a dh'

iocar do ghràdh mar ath-dhìoladh freagarrach ach gràdh fèin, co dhùi cha-n fheud e bhi as eugmhais gràidh. Mar nach fheudar gràdh a cheannach—"oir nan tugadh duine uile mhaoin a thighe air son gràidh, dheanadh daoine tàir air gu tur," Dan Shol. viii. 7,—is amhuil sin ged a bheireadh duine an saoghal gu léir 'an eirie gràidh gun ghràdh 'na chomh-chuideachd, dheantadh tàir air. Iadsan a tha smuaineachadh gun bheil gràdh Chriosd gu léir dhuinne a' coimh-sheasamh ann an àitheantaibh agus ann an geallaидhblibh an t-soisgeil a mhain, gun fhior ghràdh idir a bhi aige d'ar pearsaibh, mar ghràdh fir-posda d'a mhaoi, Eph. v. 25, 26, agus gu bheil ar gràdh-ne gu léir dha-san a' coimh-sheasamh a mhain ann an coimhead 'aitheantan, gun ghràdh cridhe agus intinn a bhi annainn d'a phearsa fèin,—tha iad a' tilgeadh cumhachd na fior dhiadhachd gu léir bun os ceann, agus 'ga fàgail 'na cloisach mhairbh, gun bheatha, gun anam.

Is e an gràdh so do phearsa Chriosd, agus do Dhia ann, priomh chleachdadhbh a' ghràidh dhiadhaidh, agus an cleachdadhbh a tha 'dearbhadh a threibhdhireis. A dh' aindeoin uaill dhaoine timchioll an gràidh do mhaiteas na Diadhachd, mur'eil e air a stéidheachadh ann am mothachadh de ghràdh so Chriosd, agus de ghràdh Dhé ann, cha-n 'eil 'nan cainnt ach fuaim gun bheatha, agus tha an eridheachan seachranach a' beatachadh air luithre. Is ann an Criosd a mhain a tha Dia air a chur an eóill mar ghràdh; agus far nach 'eil so air a bhreithmeachadh, cha-n urrainn e 'bhi air a ghràdhachadh mar bu chòir. Is ann 'an Criosd a mhain a tha maiteas neo-chriochnach sin Dhé da rireadh air a thaisbeanadh dhuinn, a's e cuspair àraighe a ghràidh dhiadhaidh, agus sin gun a dhol 'an uidheam nam faoin-bharail meallta sin a dh' fheudas oibreachadh na h-inntime diomhain no an reusoin thruailte a bhi 'cur oirm. Agus is am airson a tha comhpáirteachadh sláinteil nile thoraidhean a' ghràidh an crochadh. Agus tha e 'na irioslach adh neo-chriochnach air taobh an Dé naoinu, a bhi 'taisbeanadh a ghàibre "ann an gnùis Iosa Chriosd," agus a bhi 'ga chur fèin riar n-aghaidh ann agus d'a thrid, mar chuspair ar gràidh. Oir ma bheir sinn fainear ar n-anmhuinmeachd ann an rathad a bhi 'breithneachadh òirdheirceis neo-chriochnach nàduir na Diadhachd amta fèin, no a bhi 'giùlan dealraidh phosgailte a ghàibre, oir cha-n fhaic duine air bith esan agus e beò, tha e 'na thoradh ion-mholta gliocais agus gràis Dhé, gu bheil cead againn a bhi 'g am beachdachadh ann am pearsa Iosa Chriosd.

Agus tha an gràdh so do phearsa Chriosd a' faotainn tuillidh fianuis o gach toradh beamaichte a tha e 'giùlan, a tha air an cur an eóill anns an Sgriobtuir, agus a tha na creidich a' fiosrachadh amta fèin. Ach labhair sinn ni-éigin uime roimh so anns an leabhar air comh-chomunn ri Dia; agus cha cheadaich ar rùm a bhi 'leudachadh air aig an àm.

CAIBIDEIL XV.

Comh-chumadh ri Criosd, agus leantuinn Eisampleir.

III. Is e an treas ni a dh'ainmicheadh chum a bhi 'eur an eáill feum pearsa Chriosd 'nar diadhachd, an comh-chumadh sin ris a tha air 'iarraidh uaimh. Is e so rùm agus erioch mhòr nan nile chreideach. Tha ionhaigh Chriosd ann an inntinn gach neach dhiubh, am an sùil a' chreidimh, mar a tha i air a taisbeanadh ann an "sgàthan" an t-soisgeil : "Ag amhare mar am an sgàthan air glòir an Tighearna," 2 Cor. iii. 18. Tha sinn ag amhare air a ghàidh "mar ann an sgàthan," leis am bheil ar n-inntinnean air an atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, agus air an deanamh comh-chosmhuij ri Criosd a tha air 'fhoillseachadh air a mhodh so ann—ni a's e an comh-chumadh sin ris air am bheil sinn a' labhairt. Uaith so tha aomadh seasnhach agus miann ann an eridhe na h-uile fior chreideach a bhi cosnìuil ri Criosd. Agus bhitheadh e furasda na's leòir a dhearbhadh nach 'eil aon chuid creidimh no gràdh far nach 'eil so. Cuiridh creidimh an t-anam ann an cumadh no ann an cruth an ni sin a tha air a chreidsinn, Rom. vi. 17. Agus tha gach uile ghràdh threibhdhireach ag oibreachadh comh-chosmhuijleachd. Uime sin, cha-n 'eil dearbhadh eile a's fearr air gu bheil ar creidimh, agus ar gràdh, agus ar n-ùmhlaichd treibh-dhireach, na gu'm bitheadh aomadh firinneach 'n ar eridhe, 'ga chleachdadadh fèin air na h-uile cothrom, an déagh comh-chumadh ris an Tighearn Losa Criosd.

Tha an ceud earrann coimhcheangailte ris an dleasdanais so. Tha an ceud earrann agamhare *rigràs agus ri naomhachd nàdurra na daonuachd* ann am pearsa Chriosd; agus an earrann eile, *ri eisampleir Chriosd am an dleasdanasaibh na h-ùmhlaichd*. Agus tha an dà ni so neo-sgaraichte o chliù fior dheisciobhul—an dà chuid a thaobh am brìgh anna fèin, no sin anns am bheil iad a' coimh-sheasamh, agus mar an cendna mar chuid Chriosd, no sin a bhà 'faotainn cleachdailh ann.

Anns a' chéud ait, Is e comh-chumadh inntinn agus eridhe ri gràs agus ri naomhachd nàdurra Chriosd priomh rùm na beatha diadhaidh. Cha-n 'eil anns a' chuid a's fearr as eugnhais so ach a bhi 'g atharrais air eisampleir Chriosd ann an dleasdanasaibh ùmhlaichd o'n leth a muigh. The sinn ag ràdh nach 'eil ann ach atharrais do bhrìgh gu bheil am priomh chrioch air chall : cha nhò

a tha e taitneach am fianuis Chriosd no air a mhöladh leis. Agus, air an aobhar sin, tharladh gu tric gu'n do chrìochmaich na h-oidhirpean so o'n leth a muigh, ann am fuar-chràbhadh, agus ann an cealgaireachd, agus ann an saobh-chreidimh. Ni sinn uime sin aobhairean an rùin so air taobh nan creideach a chur an céill, maille r'a nàdur, agus na meadhona trid am bheil e 'faotainn coimhlionaidh.

1. Rinn Dia 'iomhaigh bheannaichte féin, a chaill sinne ann an Adhamh, 'ath-nuadhachadh gu coimhlionta ann an daonnachd Chriosd, agus sin le ionadh feart glòrmhoir de nach d' rinneadh Adhamh 'na flear-comhpairt. Cha d' rinn Dia a h-ath-nuadhachadh ann an daonnachd Chriosd mar gu'm bitheadh an daonnachd sin riamh as a h-eugmhais, mar a tha fior a thaoblh an nàduir cheudna anns gach neach eile. Oir cha d' fhuair Criosd a dhaonnachd o leasraidh Adhaimh air an dòigh cheudna ruinne; cha mhò a bha e riamh ann an Adhamh mar flear-ionaid coitehionn ar nàduir, mar a bha sinne. Ach bha iomhaigh sin Dhé air a suidheachadh 'n ar nàdur ann an Criosd, a chailleadh agus a sgaradh o'n nàdur cheudna anns an h-uile neach eile aig an robh comh-roinn dheth. "B'e deadh-thoil an Athar, gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan"—gu'm bitheadh e "làn gràis agus firinn," agus "gu'm bitheadh aige àrd-cheannas anns na h-uile." Ach air feartaibh gràsmhor so daonnachd Chriosd labhair sinn a cheana ann an àit eile.*

2. B'e aon de chriochaibh Dhé ann an lionadh daonnachd Chriosd de gach uile ghràs, agus ann a bhi 'suidheachadh 'iomhaigh glòrmhoir féin ann, a bhi 'ga chur r'ar n-aghaidh-ne *mar eisempleir* na h-iomhaigh a bha e gu ath-nuadhachadh annainne leis a' ghràs cheudna, agus a dh' ionnsuidh am bheil mar fhiachaibh oirnn a bhi 'saothrachadh ann an rathad dleasdanais. Bha an lànachd gràis so neo-sheachanta do dhaonnachd Chriosd, o'n aon-adh phearsanta a bha aice ri Mac Dhé. Oir a mheud 's gu'n robh "lànachd na Diadhachd a' gabhail còmhuidh ann gu corporra" anns an aonadh sin, rinneadh e 'na "ni naomh," Lucas i. 35. Bha e mar an ceudna neo-sheachanta dha, a thaobh 'nmhlachd féin anns an fheòil, anns an do choimhlion e gach uile fhireantachd, "neach nach d' rinn peacadh, ni mo a fluaireadh cealg 'na bheul," I Phead. ii. 22. Agus bha e mar an ceudna neo-sheachanta a thaobh na dreuchd a ghabh e os làimh a choimhlionadh; "oir bha shamhuil sin de àrd-shagart iomchuidh dhuiinne, a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich," Eabhd. vii. 26. Gidheadh, bha a' chrioch so a thuilleadh aig glicas neo-chriochnaich Dhé anns an anfhare ann,—eadhon, gu'm bitheadh e 'na eisempleir na h-iomhaigh sin annainne, chum am bheil sinn gu bhi air

* Faic "Air Comh-chomunn ri Dia," Earrann II, Taobh-theagastg 1.

ar n-ath-nuadhachadh, agus a' ghlòir a tha 'ga leantninn. Is i daonnachd Chriosd a tha fa chomhair sùil Dhé, mar shainpleir a rùin d'ar taobh-ne, ann an comhpairteachadh gràis agus glòire; agus bu choir dha a bli mar sin 'n ar sùilibh-ne mar an ceudna, a thaobh ar rùin ann an rathad ar dleasdanais.

"Roimh-òrduich e sinn chum a bhi comh-chosmhuil ri ionhaigh a Mhic, chum gu'm bitheadh esan 'na cheud-ghin am measg mòrain bhràithrean," Rom. viii. 29. Ann am buileachadh gach uile ghràs air Criosd, rùnaich Dia a dheanamh "'na cheud-ghin am measg mòrain bhràithrean;" is e sin, cha-n e mhain a bhi 'buileachadh eumhachd agus ìngdarrais a' cheud-ghin air, maille ri cùram na h-oighreachd gu léir a bha iadsan gu bli faotaim, ach mar an ceudna mar eisempleir na h-ionhaigh sin chum am bheil iadsan gu bli air an tabhairt. Oir tha araon an ti a naomhaicheas, agus iadsan a naomhaichear uile o aon : air an aobhar sin cha'n àr leis bràithrean a ghairm dhiubh," Eabh. ii. 11. Is e Criosd a tha 'naomhachadh nan creideach ; gidheadh tha an naomhachadh o Dhia, a rinn air tùs esan a naomhachadh, chum gu'm bitheadh e féin agus iadsan uile o aon, agus mar sin gu'm bitheadh iad 'nam bràithribh, a' giùlan ionhaigh an Athar cheudna. Bhuilich Dia gràs agus glòir air Criosd a réir a rùin ; agus rinn e sin chum gu'm bitheadh e 'na roimh-shamhladh air an ni sin a rùnaich e d'ar taobh-ne, agus a bha e gu bhuiileachadh oirnn. Uime sin tha'n t-abstol a' nochdadh gur e 'bhi 'comhpairteachadh gach uile ghràs éifeachdach agus shlàinteil ruinne, maille ris a' ghlòir a tha leantninn sin, toradh an roimh-orduchaidh so chum comh-chosmhuiileachd ionhaigh a' Mhic, Rom. viii. 30, "Agus an dream a roimh-òrduich e, ghairm e iad mar an ceudna ; agus an dream a ghairm e, dh' fhìreanaich e mar an ceudna ; agus an dream a dh' fhìreanaich e, ghlòraich e mar an ceudna."

Is e so, ma seadh, run mòr Dhé ann an cleachdadhl a ghràis—eadhon, mar a ghiùlain sinn "ionhaigh a' cheud Adhaimh" ann an truailleadhl ar nàduir, gu'n giùlanamaid mar an ceudna "ionhaigh an dara Adhaimh" ann an ath-nuadhachadh an nàduir cheudna. "Mar a ghiùlain sinn ionhaigh an duine thalmhaidh," giùlainidh sinn mar an ceudna "ionhaigh an duine néamhaidh," I Cor. xv. 49. Agus mar is e Criosd saimpleir ar n-uile ghràsan, is esan saimpleir ar glòrachaiddh mar an ceudna. Bithidh ar glòir uile a' coimh-sheasamh ann a bhi air ar "deanamh cosmhuil ris;" ged nach 'eil e fathast soilleir ciod a tha air 'fhilleadhl ann an sin, I Eoin iii. 2. Oir "eruth-atharraichidh e ar corp diblidh, chum gu'n deanar e conlh-chosmhuil r'a chorp glòrmhor féin," Phil. iii. 21. Air an aobhar sin bha an lànachd gràis so air a bhuiileachadh air nàdur an duine ann an Criosd, agus bha ionhaigh Dhé gu ro ghlòrmhor air a suidheachadh air chum gu'm bitheadh e 'na

roimh-shambladh agus 'na eisampleir na h-inbhe sin chum an robh an eaglais gu bhi air a tabhairt d'a thrid. Is e rùn Dhé d'ar taobh ann a bhi comhpairteachadh gach uile ghràs ruinn anns an leth a stigh, agus ann an cleachdadhl uile ordraighean na h-eaglais o'n leth muigh, gu'n tigeamaid "chum tomhais àirde lànachd Chriosd," Eph. iv. 13. Tha lànachd de gach uile ghràs ann an Criod. Agns a dh' ionnsuidh an lànachd so tha sinn gu bhi air ar tabhairt, gach neach a réir an tomhais a rimaicheadh dha. "Thugadh gràs do gach aon againn, a réir tomhais tiadhlaic Chriosd," rann 7. Rùnaich e, 'na ghràs àrd-uachdaranaich, tomhasan eadar-dhealaichte dhoibh-san air am bheil e 'ga bhuileachadh. Agus air an aobhar sin goirear dheth "àirde" a lànachd, do bhrìgh mar a tha sinn a' fàs ceum air cheum thuige, mar a dh' fhàsas daoine gu ruig an àirde nàdurra féin; gu bheil mar an ceudna eadar-dhealachadh anns an inbhe sin air an ruig sinn, mar a tha ann an àirde nàdurra dhaoine, ged a tha gach duine coimhlionta 'na thomhas féin.

3. Tha iomhaigh so Dhé ann an Criod air a taisbeannadh dhuinn anns an *t-soisgeul*. Air d'ar nàdur a call, bha e gu h-iomlan mì-chomasach dhuinn breithneachadh ceart sam bith a bhi againn d'a taobh. Cha b'urrainn ar n-inntinnean beachd seasmbach sam bith a bhi anna de iomhaigh so Dhé, gus an robh i air a h-ath-nuadhachadh agus air a taisbeanaidh ann an daonnachd Chriosd. Agus, air an aobhar sin, bha na daoine sin eadhon a bu ghlice a bha anns an t-saoghal, air dhoibh a bhi aineolach air Criod, air am faotainn a gabhail nithe a bha gu tur an aghaidh nàduir Dhé, fa rùn a bhi deanamh dhaoine cosmhul ris. Ach air do'n iomhaigh so a bli air a taisbeannadh gu coimhlionta ann an Criod, tha i a nis gu soilleir air a foillseachadh dhuinn anns an t-so sgeul. Ann an so tha sinn ag amhare le gnuis gun fholach, mar am an sgàthan, air glòir an Tighearna, agus air ar n-atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, 2 Cor. iii. 18. Air do'n fholach a bhi air a thogail air falbh o'n taisbeannadh dhiadhaidh le teagasgaibh an t-soisgeil, agus o ar cridheachaibh leis an "Tighearn an Spiorad," tha sinn a nis ag amhare air ionluigh Dhé ann an Criod le gnuis gun fholach; ni a's e am priomh meadhon air a bhi 'gar n-atharrachadh féin chum na h-ionhaigh ceudna. Is e a tha anns an t-soisgeul, Criod air a chur an cíll do dhaoinibh, agus glòir Dhé ann; chum, mar chrìch àraidih 'am measg ionadh eriche eile, gu'n beachdaicheamaid annsan air ionluigh sin Dhé chum am bheil sinn ceum air cheum gu bhi air ar n-ath-nuadhachadh. Air an aobhar sin, tha sinn gu bhi 'foghlum na fìrimh anns an t-soisgeul mar a tha i ann an Iosa, ionnsu gu'm bitheamaid air ar "n-ath-nuadhachadh ann an spiorad ar n-inntinn, agus gu'n enireamaid umaimm "an nuadh-dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé

ann am fireantachd agus ann am fior-naomhachd," Eph. iv. 20, 23, 24,—is e sin, air ar n-ath-nuadlachadh "a réir ionthaigh an ti a chruthaich e," Col. iii. 10.

4. Tha e, uime sin, soilleir gu bheil beatha sin Dhé a tha ann-ainn a' coimh-sheasamh ann an comh-chumadh ri Criod ; cha mhò a tha an Spiorad Naomh, mar phriomh uighdair éifeachdach na beatha sin, air a bhuiileachadh oirnn air son criche sam bith eile ach a bhi 'gar n-aonadh ris, agus 'gar deanamh cosmhul ris. Uime sin, is e priomh dhleasdanas an t-soisgeil, agus an dleasdan-as a tha 'beothachadh agus a' ceartachadh gach dleasdanais eile, an rùn so a bhi annaim a bhi comh-chosmhul ri Criod ann am buadhaibh agus ann am feartaibh naomha sin a dhaonnachd, anns an bheil ionthaigh Dhé ann a' coimh-sheasamh. Mar is e Criod an roimh-shamhladh agus an sàimpleir a tha fa chòmhair sùil Dhe, ann a bhi comhpàirteachadh gach uile ghràs rinnne, is anhuil sin a tha mar fhiachaibh oirnne a bhi 'g amhare air mar an ceudna le sùil a' chreidimh, mar ar n-eisempleir mòr' n ar n-uile iùnlachd do Dhia, ann an comhlionadh na uile nithe a tha air 'iarraidh aig ar lànhaibh.

Is e Dia féin, no nàdur na Diadhachd 'na ionlanachdaibh naomha, priomh shaimpleir ar cruth-atharrachaidh ann an ath-nuadlachadh ar n-inntinn. Agus, uime sin, fo'n t-Seann-tiom-nadh, mu'n d' fhoillsicheadh am Mac anns an fheòil, bha naomh-achd Dhé air a cumail suas ri aghaidh na h-eaglais mar an saimpleir neo-nheadhonach : "Bithidh sibhse naomha, oir tha mise naomh," Lebh. xi. 45, xix. 2, xx. 26. Gidheadh cha d' rinn an lugh ni sam bith foirfe. Oir chum gu'm bitheadh an àithne mhòr so air a deanamh coimhlionta d'ar taoblh-ne, bha fior eisempleir na naomhachd sin a dh' àithmeadh a dhùth oirnn ; nach 'eil r'a fhaotaim ach annsan a's e "an ceud-ghin," agus "ionthaigh an Dé neo-fhaiesinnich."

Bha beachd, eadhon am measg nam feallsanach o shean, gu'm b'e priomh dhleasdanas an duine ghlie a bhi cosmhul ri Dia. Ach air duoblh a dhol an ceann a' ghmoothuich, thuit eadhon an dream a bu bharraichte dhiubh fo bharailibh amaideach agus ardanach d'a thaoblh. Gidheadh, b'e a' bheachd so ann féin am plathadh a bu dealraiche a dh' fhàgadh againn de sholus ar eud chruthachaidh, sàr-fhuigheall nan ionlanachdan nàdurra a chaill sinn ; agus iadsan nach 'eil ann an seadh sam bith fo bhuaidh an rùin so a bhi cosmhul ri Dia tha iad anns na h-uile Rathad cosmhul ris an diabhuil. Ach d'an taoblh-san aig nach robh ni sam bith air am beachdaicheadh iad ann an solus reusoin, ach buadhan siorruidh sin na Diadhachd a tha air an taisbeanadh ann an oibríbh a' chruthachaidh agus an fhreasdail, thàinig iad uile gearr, araon a thaoblh sin anns am bheil ar comh-chumadh ri Dia a' coimh-

sheasamh, agus air mhodh àraidh a thaobh a' chleachdайдh a bha 'treòrachadh d'a ionnsuidh. Cia b'e air bith mar a dhì fleudas daoine a bhi air bheachd eile, is e riùn an abstoil, ann an iomadh àit a bhi 'dearbhadh gu'n d' rinn iad sin, gu h-àraidh ann an Rom. i.; 1 Cor. i. Uime sin, bha e 'na irioslachd neo-chrioch-nach air taobh gliocais agus gràis Dhé, a bhi 'suidheachadh na h-iomhaigh sin ris am bheil sinne gu bhi 'g oidhirpeachadh comh-chumaidh 'fhaotainn ann an daonnachd Chriosd, agus a ris a bhi 'ga taisbeanadh agus 'ga cur r'ar n-aghaidh air dhòigh cho soilleir anns an t-soisgeil.

Tha òirdheirceis neo-chriochnach Dhé, air am beachdachadh anna fein a mhan, air an còmhach ann an glòir cho do-thuig-sinn as gu bheil e cruaidh a mheasrachadh ciomus a dh' fleudas iad a bhi 'n an eisempleir cleachdайдh dhuimme. Ach an taisbeanadh sin a tha againn dhiubh ann an Chriosd, mar ionmaigh an Dé neo-fhaicsinnich, tha e cho freagarrach ri buadhaibh ath-nuadhaichte ar n-anama, agus cho coimh-ghnéitheil do bhith gràsmhor sin na beatha spioradail annainn, as gu fend an imntinn fantuim ann a bhi beachdachadh orra, agus anns a' chleachdadh sin a bhi air a h-atharrachadh chum na h-iomhaigh ceudna.

Is ann anns a' chleachdadh so, ma seadh, a tha mòran de bheatha agus de chumhaechd na fior dhiadhachd a' luidh, mar a tha i 'chòmhnuidh ann an anamaibh dhaoine. Tha so 'na aomadh seasnhach ann an imntinnibh na dream sin uile a tha d'a rireadh a' creidsinn an t-soisgeil; bu mbiann leò anns na h-uile ni a bhi cosmhuil ri Iosa Chriosd. Air an aobhar sin nochdaidh sinn gu h-aithghearr—(1.) *Ciod* a tha air 'iarraidh chum na crìche so; agus, (2.) *Ciod* a tha r'a dheanamh ann an rathad *dileasdanais* ann an coimh-cheangal ris.

(1.) Chum na crìche so, ma seadh, tha *solum spioradail* air iarr-aidh chum gu'm bu léir dhuinn maise, agus glòir, agus iommhuinn-eachd a' ghàris a tha ann an Chriosd. Cha-n'eil e comasach dbuinn a bhi d'a rireadh a' miannachadh a chosnhualeachd mur 'eil shilean na muinntir sin againn a chunnaic a "ghlòir, mar ghlòir aon-ghin Mhic an Athar, làn gràis agus firinn," Eoin i. 14. Cha mhò a dh' fhòghnas e a bhi 'meas gu bheil sinn a' faicinn glòir a phearsa, mur 'eil sinn a' faicinn maise agus òirdheirceis anns na h-uile gràs a tha ann. "Fòghlumaibh uam," tha e 'g ràdh, "oir tha mise macanta agus iriosal ann an eridhe," Mata xi. 29. Mur 'eil sinn comasach air a bhi 'faicinn òirdheirceis ann am mac-antachd agus ann an irioslachd eridhe,—gràsan gu coitchionn air an deanar tàir—ciomus a dh' fleudas sinn ann am firinn a bhi 'g oidhirpeachadh a bhi cosmhuil ri Chriosd anna? Feudar an ni ceudna a ràdh a thaobh eud, agus foighidin, agus fèm-àicheadh, agus ullamhachd Chriosd air son a' chroinn-cheusaidh—a ghràdh

d'a naimhdibh, a chaomhalachd do na h-uile dhaoinibh, a' chreidimh agus a dhian-thogradh ann an ùrnuigh, a għiràdh do Dha, a thruas do anamaibh dhaoine, a sheasmhachd ann an deanamh mhaith, 'flior-ghloine, a naomhachd ioulan;—mur 'eil solus spioradail againn gu bhi 'faicinn glòir agus ionnħuinneachd annta uile, mar a bha iad a' faqtainn cleachdaidh annsan, is diomhain dhuinn a bhi 'labhairt mu bhi 'g oħħirpeachadħ a bhi cosmhui� ris. Agus an solus so cha-n 'eil againn, mur dealraich Dia féin 'n ar eridheachalibh, a thoirt dhuinn solnis eħolais a għloire ann an gnūis Iosa Criod. Cha-n 'eil ach diomhanas, tha sinn ag ràdh, ann a bhi 'labhairt mu bhi 'leantuinn eisempletir Criod, am feedl nach 'eil sinn d'a rireadh a' faicinn b'irdheirceis sam bith, tre dhorħadas ar n-inntinn, anns na nithibh sin anns am bu chöir dhuinn a bhi cosmhui� ris.

(2.) Tha gràdh dhoibh mar air am fuiciun ann an solus spioradail agus nèamhaidh air 'iarraidh chum na crīche ceudna. Cha-n 'eil anam sam bith a tha 'miannachadħ comh-chumadh ri Criod, ach an t-anam sin a tha 'gràdhachadħ nan gràsan sin a bha ann, air dhòigh as gu bheil e 'meas comhpait a bhi aige dħinbh 'nan cunhachd, mar am buannachd a's mò, agus mar an t-sochajr a's luachmhoire, air am feudar seilbh fhaqtainn anns a' bheatha so. Is ann do bħirġ fäile cùbħraidiħ oladħ-tinga idh a tha na h-ðighean a' toirt gràidh dha, agus a' dlùth-leantuinn ris, agus ag oħħirpeachadħ a bhi cosmhui� ris. Agus anns a' chomh-chumadh so ris, tha sinn air ar comh-chumadh ri īomhaigh Dhé dħuinne. Uime sin, mur 'eil sinn a' gràdhachadħ agus a' cur meas os ceann nan uile nithe air gach b'irdheirceas agus feart gràsmhor anns am bheil i a' coimh-sheasamh, cia b'e air bith a dl̄i fheudas sinn a bhi 'leigeadħ oirru ann an rathad a bhi 'leantuinn eisempletir ann an dleasdanasaibh ümhlachd o'n leth a maugh, ħa-n 'eil sinn a' miannachadħ aum am firinn a bhi cosmhui� ris. Ach an neach sin a tha 'g amħarc le h-iøngantas naomh air glòir Criod air a lionadh leis na gràsaibh so—mar an ti sin a bu "mhaisiche na clann nan daoine," do bħirġ gn'u do "dhoirteadh gràs 'ha bhilidh"—do nach 'eil ni sam bith cho ion-nħiammaichte ris gu'm bittheadħ an inntinn, agus an eridhe, agus an spiorad ceudna aige féin a bha ann an Iosa Criod—bithidh esan ullamh chum a bhi 'saothrachadħ an déiġ comh-chumaidh ris. Agus is e am meadħon mòr brosnachaidh agus treðrachaidh a tha aig an anam so a dh' ionnsuidh gach uile ümhlachd eridhe agus inntinn do Dha, an taisbeanadħ a tha aige de għlòir nan b'irdheirceas so uile ann am pearsa Criod.

Anns an àite mu dħeireadħ, Feudar sin anns am bheil sinn gu bhi saothrachadħ an déiġ a' chomh-chumaidh so 'filleadħ suas fo dhà cheann :—

[1.] *Aonadh seasadhach an aghaidh na h-uile peacadh, 'na bhith, 'na fhreumh, agus 'na thobraichibh a's uaigniche, anns am bheil e dlùth-leantuinn r'ar nàdur.* A thaobh Chriosd, "cha d' rinn e peacadh, ni mo a fhuaradhl cealg 'na bheul." Bha e "naomh, neolochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich." B' esan "Uan Dé, gìn chron, gun smal;" air a dheanamh cosmhul ruinne, gidheadh as eugmhais peacaidh. Cha d' thàinig an smal a bu lugha peacaidh riamh am fagus d'a nàdur naomh. Bha e gu h-iomlan saor o na h-uile togradh truaillidh a rinn gréim air ar nàdur leis am bheil am peacadh air a chur fo bhuaireas. Uime sin, is i ceud earrann choitchionn ar dleasdanais, le sùil ri comhchumadh ri Chriosd, gu'm bitheamaid saor o gach uile pheacadh. Agus ged nach ruig sinn air so gu h-iomlan anns a' bheatha so, mar nach d' ráinig sinn a cheana, ni mo a tha sinn a cheana fairfe, gidheadh an neach sin nach 'eil ag osnaich ann féin 'na dhéigh,—leis nach fuathach na h-uile fuigheall peacaidh ann féin agus e féin air a shon—nach 'eil a' saothrachadh air son dìth-uhilleadh iomlan agus coitchionn thaotainn air—cha-n 'eil rùn treibh dhireach sam bith ann a bhi comh-chosmhul ri Chriosd, cha mho is urrainn e 'bhi ann. Tha mar fhiachaibh airsan a tha 'mianmachadh a bhi cosmhul ris, a bhi "'ga ghlanadh féin, eadhon mar a tha esan glan." 'N uair a bhitheas smuaintean a' meudachadh anns a' chreideach mu thior-ghloine Chriosd, mar a bha e gu h-iomlan saor o'n smal a bu lugha peacaidh, cha cheadaich iad dha a bhi aig àm sam bith dearmadach ann a bhi 'g oidhirpeachadh léir-sgríos an ni sin a tha 'ga fhàgail féin mi-chosmhul ris. Agus tha e 'na shochair beannaichte do chleachdadhbh a' chreidimh, gu bheil a leithid sin de shaimpleir againn a ghnàth fa'r comhair.

[2.] Is i earrann choitchionn eile ar dleasdanais ann an so, *a bhi 'cur gu buil, agus a bhi 'fàs a ghnàth anns na h-uile gràs.* Bha glòir Chriosd féin air thalamh a' coimh-sheasamh ann an cleachdadhl an lànachd gràis sin a bha ann, araon ann an dleasdanasaibh modhannail ùmhachd agus aam ann dleasdanasaibh àraidi a dhreuchda mar eadar-mheadhonair. Uime sin, an uair a tha sinn a' meudachadh ann an cleachdadhl gach uile ghràs—a' fàs anns an fhreumh, agus a teachd fo chinneas anns an toradhl—tha sinn a fàs ann an comh-chumadh ri ionraigh Mhic Dhé.

Anns an *dara* àit, Is e 'bhi 'leantuinn cheuman Chriosd, 'na uile chaithe-beatha air thalamh, anns gach uile dhleasdanas a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine, an dara earrann de'n eisimpleir a dli' ainnicheadh coimhcheangailte ri feum pearsa Chriosd 'nar diadhadhd. Tha raon flarsuinn a' luidh fa'r comhair ann an so, anns am bheil eisimpleirean beannaichte gun àireamh. Gidheadh cha-n fheud sinn a dhol a steach imte ann an so; ged a tha na mearachd-an anns am bheil cuid air tuiteam a tha leigeadh orra spéis a bhi

aca do na nithibh so, ag agairt gu'm bitheadh iad air an laimh-seachadh gu h-eadar-dhealaichte agus 'am farsuinneachd leo féin; ni, ma's toil le Dia, a dh' fheudas a bhi deanta ann an iám ion-chuidh. Dùnaidh sinn suas an caibideil so, ma seadh, le aon eisampleir coitchionn no dhà a thoirt fainear anns an robh e 'na shainpleir ro chomharaichte dhuinne.

1. Tha a mhacantachd, agus 'irioslachd inntinn, do gach seorsa dhaoine—a ghràdh agus a chaoimhneas dhoibh—'ullamhachd chun maith a dheanamh do na h-uile, maille ri 'fhoighidin agus 'fhad-flulangas—a ghnáth air an eur fa'r couhair mar ar n-eisampleir. Tha sinn 'gan ainmeachadh uile fo aon cheann, mar nithibh a tha nile a' sruthadh o thobar cheudna a' mhaiteis dhiadhaidh, agus a tha 'giulan thoraidhean dé'n nàdur cheudna. D'an taobh so uile, tha air iarraidh aig ar lànhaibh gu'm bitheadh "an inntinn cheudna annainne a bha ann an Iosa Criod," Phil. ii. 5; agus gu'n "gluaiseamaid ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhhaich Criod sime," Eph. v. 2.

Anns na nithibh so b'e Criod aon fhear-taisbeanaidh mòr a' mhaiteis dhiadhaidh dhuinne. Ann an cleachdadhl nan gràsan so aig na h-uile h-àm, bha nàdur Dhé, o'n d' thàinig e féin, air a chur an cíll agus air 'fhoillseachadh leis. Agus b'e so aon chrioch air son an d' fhoillsicheadh e anns an fheòil. Rinn am peacadhl an saoghal a' lionadh le taisbeanadh de nadur an diabhuil—fuath, agus comhstri, agus farmad, agus fearg, agus árdan, agus buirbe, agus corruiich, ag oibreachadh ann an duine 'an aghaidh a chompanaich; toraidhean a tha gu léir o'n t-seann mhortair. Agus cha robh na h-eisampleirean sin a bha r'am faotainn de shuidheachadh inntinn a chaidh a leigheas naith so, achi dorch agus annmhunn anns a chuid a' b'fhearr de na naoimh o shean. Aeh b'e ar Tighearn Iosa Criod anns an do dhealraich solus glòir Dhé anns na nithibh so an toiseach air an t-saoghal. Ann an cleachdadhl nan gràsan so, anns am bu mhò a bha e 'meudachadh, do bhrìgh gu'n robh peacadhean agus annmhuiinneachdan daoine a ghnath a' toirt a' chothruim dha, rinn e nàdur na Diadhachd a thaisbeanadh mar ghràdh—mar nàdur a tha neo-chriochnach ann am maitheas, ann an caomhalaichd, ann an tròcair, agus ann am foighidin; agus mar an ceudna, a tha 'gabhail tlachd ann an cleachdadhl so a bhluadhan naomha féin. Aimita so, ma seadh, b'e an Tighearn Iosa Criod ar n-eisampleir mòr air dhòigh ro chomharaichte. Agus is ann gu diomhain a tha iadsan a leigeadh orra a bli 'nan deisciobuil dha, nach 'eil ag oidhirpeachadh a bhi riaghlaidh an caithe-beatha gu léir ann an comh-chumadh ris anns na nithibh sin.

Far am bheil aon Chriosdaidh a tha macanta, iriosal, caoimhneil, foighidneach, agus tarbhach do na h-uile; a dh' islicheas e féin ri aineolas agus ri anmhuiinneachdibh mhuinntir eile; a ghiùlaineas

le brosmachadh agus tareuis gu sàmhach, foighidneach, ma's e 's nach 'eil glòir agus firinn Dhé ag agairt a bhi air an dion aig a làmh-aibh ; aig am bheil truas ris na h-uile seorsa dhaoine 'nan tuislidhíbh agus 'nam mi-bheusaibh, agus a tha saor o dhroch amharusan ; a tha gràdhachadh 'na tha maith anns na h-uile dhaoinibh, agus a' gràdhachadh nan uile dhaoine eadhon far nach 'eil iad maith, no a' deanamh mhaith,—tha e so, tha sinn ag ràdh, a' taisbeanadh bìrdheireas agus feartan Chriosd ni's soilleire na dh' fheudas miltean eile a dheanaun leis na h-oibríbh cràbhaidh agus oircheis a's mòr-chuisiche, far nach 'eil an suidheachadh eridhe agus inntinn so r'a fhaotainu. Ach d'an taobh-san a tha leigeadh orra a bhi 'leantuinn eisempleir Chriosd, agus aig a' cheart àm a tha àrdanach, feargach, farmadach, lasanta, a' gairm air son teine o ncàinlh a chur as do dhaoinibh, no a' fàdadh teine iad fèin o ifrim —cha-n 'eil iad achi a' glaoadhach, "Fàilte dhuit, a mhaighstir," agus 'ga eheusadh a réir an comais.

2. Is e an dara ni anns am bheil e g àithmeadh d'a dheiseiobluibh a bhi 'leantuinn 'eisempleir, cleachdadh an fhéin-àicheidh, agus ullamhachd air son a' chroinn-cheusaidh, maille ri foighidin ann an àmhgharaibh. Is e priomh lagh soisgeil Chriosd d'a thaobh-san le'm b' àill a bhi 'na dheiseiobul dhà, "Aicheadhadh se e fèin, agus togadh e air a chramm-ceusaidh, agus leanadh e mise." Do bhrìgh glòir pearsa Chriosd agus nàdur nam fulangas a ghiùlain e, bha na gràsan so annsun, mar a tha iad uile air an taisbeanadh gu h-aithghearr, Phil. ii. 5-8, de nàdur gu h-iomlan eadar-dhealaichte o ni sam bith gus am bheil sinne air ar gairm. Gidheadh, d' an tìobh uile, is esan a mhain ar n-eisempleir anns na h-uile ni ris an coimhich simm. "Dh' fhuiling Criod mar an ceudna air ar son, a' fagail eisempleir againn chum gu'n leanamaid a cheuman : neach, 'nuair a chàineadh e, nach do chàin a' ris; 'nuair a dh' fhuiling e, nach do bhagair," 1 Phead. ii. 21, 24. Uime sin, dh' àithmeadh dhuinn a bhi "ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-criochnachaidh ar creidimh; neach air son an aoibhneis a chuireadh roimh, a dh' fhuiling an crann-ceusaidh, a' eur na näire 'an neo-shuim." Oir tha mar fhiachaibh oirnn esan a thoirt fainear, "a dh' fhuiling a shamhul sin de ana-eainnt o pheacaich 'na aghaidh fèin, air eagal gu'm bi sinn sgith agus lag ann ar n-inntinnibh," Eabhd. xii. 3. Beannaichte gu robh Dia air son an eisempleir so—air son gloir irioslachd, agus foighidin, agus creidimh, agus fad-fhulangais Iosa Chriosd, ann an doimhneachd gach uile ghnìe fhulangas. B'e so reul-iùil na h-eaglais riagh ann an gàbhadh gach doininn ; b'e so solus, agus misneach, agus comhfhurtaelidh, agus treòir, nan anama naouha sin gu léir, a dh' fhuiling uile, 'nan ginealachaidh fa leth, iomadhli tomhas eagsamhul genr-leannmuinn air son na còrach ; agus gach anam fathast a dh' fheudas a bhi anns 'a chor cheudna.

Agus is éigin duinn a ràdh, mar a thubhairt sinn a cheana a thaobh nithe àraidh eile ann an làimhseachadh an teagaisg so, nam b'e 's gu'n tugamaid a dhlighe beachdachaidh do'n aon eisempleir so air feum pearsa Criod 'nar diadhachd—nan tugamaid fainear am pearsa a dh' fhuing agus a thug eisempleir fulangais dhuinn—nan seallamaid air a' mheadhon a bha 'ga ghluaasad, agus air a chrich air son an d' fhuing e ; na h-uile do-aireamh ris an robh anam a' gleachdad, agus na foighidin do-chlaoidh leis an d' rinn e an ionchair gu léir—nan amhairceamaid air seasinhachd a gràidh agus a thruais do dhaoinibh, eadhon dhoibh-san a bha 'ga gheur-leanmhuiuin—nan smuainicheamaid air gach doilgheas agus àmhghar a bh' ann an cupan 'fhulangas o Dia agus o dhaoinibh—nan beachdaicheamaid air oibreachadh eifeachdach agus beannachte a chreidinil agus a mhuinghin ann an Dia gus a' cheum a' s fhaide mach, maille ri erich ghlòrmhoir an iomlan agus na feartaibh soluis agus treòir a tha 'sruthadh naith do'n eaglais ; —dheanadh so tuilleadh iine agus seanachais a thogail na riùnaich sinn a bhuileachadh air an teagasg so, gu h-iomlan, anns nach 'eil e faotainn ach an earrain a' s ro lugh. Fagaill sinn an t-iomlan fo sgàil a' gheallaidh bheannachte sin, " Ma's e 's gu'm fuling sinn maille ris chum gu'n glòraicheadh sinn maille ris mar an cendna ; oir tha mi a' meas nach airidh fulangais na h-aimsir a tha làthair a bhi air an coimeas ris a' ghlòir a dh' fhoillsicheadh annainn," Rom. viii. 17, 18.

IV. B'e an ni mu dheireadh a dh' ainncheadh a thaobh pearsa Chriosd, am feum a bha ann do creidich anns an dàinil sin gu léir anns an robh iad a' seasamh do Dia, agus nan uile dhleas-danas a thaobl Òlhé. Agus feudar na nithe sin a bhuineas dha 'fhilleadh suas fo na cinn choitchionn so :—

1. *Naomhachadh nan creideach*, a tha 'coimh-sheasamb anns na ceithir nithe so : (1.) Marbhadh a' pheacaidh, (2.) Ath-nuadhachadh ar nàduir ceum air cheum, (3.) Cuideachadh ann an cleachadh ar n-ùmhachd, (4.) Cuideachadh an aghaidh bhuairidhean agus dheuchainnean.

2. *Fireanachadh nan creideach*, maille ris gach sochair a tha 'na chomh-chuideachd agus a tha 'ga leantuinn ; mar—(1.) Uchdmhacachd, (2.) Sithe, (3.) Comhfhurtachd agus aoibhneas ann am beatha agus ann am bàs, (4.) Tiodhlacan spioradail, leis an bi iad fèin agus muinntir eile air an togail suas, (5.) Aiseirigh bheannachte, (6.) Glòir shiorruidh.

Tha nithe eile mar an ceudna a tha coimhcheangailte ri so ;— mar a tha an treòrachadh a tha iad a' faotainn ré aimsir an caithe-beatha anns an t-saoghal so, an seòladh a tha air a dheananalh orra chum a bhi tarbhach anns gach cor agus suidheachadh, gràs gu bhi 'feitheamh le foighidin air son coimhlionaidh uile gheallaidhean

Dhé doir eaglais, beannachdan coimhcheangail air an comhpairt-eachadh r' an teaghlachibh, agus cleachdadh a' chaoimhneis-ghraidh a thaobh a' chinne-dhaoine gu coitchionn, maille ri ionadh ni eile de'n samhuil so a bhuineas do bheatha a' chreidimh; ach feudar am filleadh suas gu leir fo na cinn choitchionn a dh' ainmicheadh.

Feudar na nithe air am bu chòir labhairt coimhcheangailte riu so 'ainmneachadh fo na trì chinne a leanas:—

Anns a' chend àite—A bhi 'eur an céill gu bheil iad so uile air an oibreachadh anns na creidich agus air am páirteachadh riu, a réir nádúir gach ni fa leth, le feartaibh gráis agus cumhachd o phearsa Chriosd, mar cheann na h-eaglais—mar an ti sin a dh' àrdainneachadh 'na Cheannard agus 'na Shlánuighear, a thoirt aithreachais agus maiteanais pheacaidhean do Israel.

Anns an dara àite, —A bhi eur an céill an rathaid agus an dòigh anns am bheil creidich beò air Chriosd ann an eleachdadha' chreidimh, trid am bheil iad a' faotaimh uaith na h-uile gràs agus tròcair de'm bheil iad 'nan luchd-comhpairt anns an t-suoghal so, a réir geallaidh agus suidheachaideh Dhé, agus trid am bheil iad air an daingneachadh ann an dòchas nan uile nithe a bhitheas air am buileachadh orra 'na dhèigh so le a chumhachd. Agus mar an ceudna gu bheil dà ni a' leantuinn mar tho.adh uaith so: [1.] Neo-sheachantachd na h-ìmhlaichd coitchim agus soisgeulaich, do bhrigh gur h-iad dleaslanais na h-ìmhlaichd anns am bheil agus trid am bheil an creidimh air a chumail ann an cleachdadha dligheach chum nan crìochan a dh' ainmicheadh. [2.] Gu bheil creidich anns a' cleachdadha so a' fas a ghnàth le fas Dhé—a' fas suas thuige-san a's e an ceann, gus an tig iad gu bhi 'nan lànachd an ti sin a tha 'lionadh nan uile nithe anns na h-uile.

Anns an treas àite, —Dearbh-chimnté nach 'eil fior chòir no fior chomhpairt r'a fhaotainn anns na nitibh so air dhòigh sam bith eile ach tre chleachdadha a' chreidimh air pearsa Iosa Chriosd.

Bhitheadh e feunnail gu'n robh na nithe so air an toirt fainear ann am farsuinneachd ann an coimh-cheangal ris a' chriùch a' dh' ainmicheadh. Ach, air son ionadh nobhar, cha ghabh sinn an obair os làimh aig an àm. Rinn sinn cuid de na nitibh a dh' ainmicheadh a thoirt fainear a cheana ann an leabhrachibh a chuireadh a mach roimh so, agus sin ann an coimh-cheangal ris a' chriùch cheudna a tha r'ar n-aghaidh ann an so. Agus, os barr, cha b' urrainn na nithe so an dlighe beachdachaidh fhaotainn, gun a dhol an ceann teagaisg as ìnr coimhcheangailte ri beatha a' chreidimh; ni nach ceadaich ar rùm aig an àm.

CAIBIDEIL XVI.

Sealladh air a ghabhail le h-Urram de Ghliocas neo-chriochnach Dhè ann an Comh-shuidheachadh Pearsa Chriosd, agus dòigh na Slàinte d'a thrid.

O NA nithibh sin a thugadh a cheana fainear, feudaidh sinn a mise ionnsuidh a thoirt, a réir ar tomhais, air sealladh a ghabhail, ann an irioslaichd agus 'an urram, de ghliocas neo-chriochnach Dhé ann an dealbhadh na h-innleachd naoimh sin.—“Ruin-diomhair na Diadhachd, Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil.” Mar a tha so 'na dhiomhaireachd spioradail agus shoisgeulaich, tha e 'na thoradh a' ghliocais dhiadhaidh, ann an saorsa agus ann an slàinte na h-eaglais, chum glòire siorruidh Dhé; agus mar is “diomhaireachd mhòr” a ta ann, is ruin-diomhair “gliocais eug-samhail Dhé” e, Eph. iii. 9-10—is e sin, tha e 'na thoradh a' ghliocais neo-chriochnaich ag oibreachadh air ionadh dòigh eug-samhail, coimh-fhreagarrach ri foillseachadb a lànachd neo-chriochnaich téin: oir anns an innleachd so bha “uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais” taisgte suas, agus air an cleachdadhl, Col. ii. 3. Is ceann-teagaing so anns an robh ionadh de sheann uighdaireibh na h-eaglais a' saothrachadh, cùid ann an coimh-cheangal ri teagascgaibh eile, agus cùid eile a dh' aon ghnothuch. Cha dean sinne a thoirt fainear ach na nithe sin a mhain chuni am bheil solus na tirinn gu neo-mheadhonach 'gar treòrachadh. Tha doimhlmeachdan a' ghliocais dhiadhaidh anns an obair ghlor-mhoir so am folach o shinilibh nan uile bhèò. “Tuigidh Dia a mhain a slighe, agus is aithne dha a h-àit;” mar a tha e 'labhairt, Iob xxviii. 21, 23. Gidbeadh thà i cho glòrmhor 'na toraidh-ibh as gu'n dubhaint “léir-sgrios agus am bàs, Le'r cluasaibh chuala sinn a cliù,” rann 22. Tha ionradh agus cliù a' ghliocais dhiadhaidh so air sgoineadh eadhon a dh' ionnsuidh na h-ifrimm. Iadsan a tha caillte gu saoghal nan saoghal, cluinnidh an cluasan a cliù, 'na toraidh-ibh glòrmhor a thaobh nan anama beannaichte air nèamh, ged nach creideadh cùid dhinbh a h-ionradh air thalamh ann an solus an t-soisgeil, agus nach tuig neach idir dhinbh a mis e 'n an dorchadas bhith-bhuan. Uime sin cha-n'eil an sgeul a chluinnear leò m'a timchioll ach a meudachadh gun iochd an dòruim.

Feudaidh na doimhlmeachdan so ar n-iomantas a ghlacadh ann an cleachdadhl a' mholaidh naoimh, ach gu bràth cha ruig sinn an tomhas: “Oir cò aig an robh fios intinn an Tighearna, no cò a

b' fhearr-comhairle dha?" A thaobh cheud aobhairean a chomh-airlean anns an diomhaireachd mhòr so cha-n urrainn sinn ach a mhain a ràdh, "O doimhlne saoibhreis araon gliocais agus eòlais Dhé! cia do-rannsachaidh a bhreitheanais, agus do-lorgachaidh a shlighean!" Is e so a mhain a dh' flàgadh agaum ann an rathad dleasdanais, gu'n feudamaid beachdachadh air an òirdheirceas 'nan toraidhíbh, chum glòir a thoirt do Dhia, agus a bhi beò gach là ann an cleachdadh a' mholaidh naoimh air a ghliocas agus air a ghràs. Oir is e so ar dleasdanas anns an àm a tha làthair, a bhi 'ga ghlòrachadh agus 'ga mholadh, gus an tig e gu bhi gu siorruidh "air a ghlòrachadh 'na naoimh, agus chum gu'n deanar iongantach e anna-san uile a tha 'creidsinn," 2 Teasl. i. 10.

Cha-n urrainn sinn tuilleadh a dhéanamh, ma seadh, na seasamh air tràigh na fairge móire so, agus ar cromadh féin sios fa chombair a doimhneachdan do-rannsachaidh. Na nithe sin a thugadh a nios asda agus a thaisgeadh anns an taisbeanadh dhiadhaidh, fendar an tional leinn mar nèamhnuidibh luachmhor, chum ar n-anama a sgeadachadh 'an saoibhreas. Oir "buinidh na nithe diomhair do'n Tighearn ar Dia, ach na nithe a tha foillsichte dhuinne, agus d'ar cloinn a chaoidh, chum gu'n dean sinn uile bhriathran an lagha so," Deut. xxix. 29. Uime sim, ann a bhi rannsachadh na diomhaireachd móire so, cha bhi sinn a' fòirmeadh a steach gu dàna chum nan nithe nach fhaca sinn, ach a mhain ag oidhirpeachadh tungse cheart 'fhaotainn anns na nthibh o dh' fhoillsicheadh d'a taobh. Oir is i crìoch an tais-beanaidh dhiadhaidh gu h-iomlan a bhi 'gar teagasc ann an èolas nan nithe foillsichte, maille r'ar n-ìmhlaich coimhcheangailte riun : agus chum na ericle so buinidh nithe foillsichte dhuinn.

Tha euid de nitibhù ann an rathad coitcionean a's éigin a roimh-mhineachadh ann an coimh-cheangal ri sin a tha r'ar n-aghaidh.

1. Cha chomasach dhuinn sealladh cothromach sam bith 'fhaotaim de ghliocas Dhé ann an aon air bith d'a oibríbh, agus ni's ro lughna na sin ann an "eur a Mì ie féin ann an coslas feòla peacach," no ann an coimh-shuidheachadh a phearsa, agus ann an obair na saorsa a bha r'a coimhlionadh leis, mur beachdaich sinn mar an ceudna air an àit àraidh a bhuiteas do bhuidheibh naomha eile na Diadhachd anna ; mar a tha a naomhae, agus fhìrimh, agus 'ughdarris ard-nachdaranach, agus a mhaiteas, agus a ghràdh, agus a ghràs.

Tha tri de bhuidheibh òirdheire na Diadhachd a tha air mhodh àraidh r'a bheachdachadh ann an uile oibríbh Dhe 'an leth a muigh. (1.) A *mhaiteas*—buadh combpairteachaidh na Diadhachd. Is e so an tobar siorruidh o'm bheil uile fhrithealaidhean tabhairteach na Diadhachd ag éirigh suas. Cia b'e air bith ni a tha maith ann an creutair no do chreutair sam bith, tha e

'sruthadh o mhaitheas so na Diadhachd." "Tha e maith, agus a' deanamh n' haith." Is e maiteas na Diadhachd an ceud bhuadh a tha dol air chleachdadhl far am bheil Dia a' rùnachadh a bhi 'ga phàirteachadh féin ann an toraidhbibh beannaichte no gràsmhor sam bith r'a chreutairibh. (2.) *Gliocas*—òrdheirceas seòlaidh na Diadhachd. Is e so feart sin Dhé trid am bheil e 'treòrachadh, agus a' buileachadh, agus a' riaghadh, agus a' seòladh nan uile nithe chum a ghlòire fein, ann agus coimhcheangailte r'an crioch-aibh àraidh agus neo-mheadhonach fa leth, Gnàth-fhoc, xvi. 4; Taibh. iv. 11. (3.) *Cum'achd*—òirdheirceas gniomhachaidh na Diadhachd, a' eur an gniomh agus a' coimhlionadh gach ni a tha gliocas a' dealbhadh agus a' riaghadh.

Uime sin, a mhéud 's gur e gliocas òirdheirceas no feart naomh sin na Diadhachd, anns am bheil Dia a' dealbhadh, agus trid am bheil e 'coimhlionadh, glòire uile bhuaathan eile a nàuir, cha bhi e comasach dhuinn a ceumann a' lorgachadh ann an aon air bith d'a oibríbh, mur 'eil eòlas againn mar an ceudna air comhroinn nam buadhan naomha eile anns an obair cheudna. Oir is e priomh rùn a' ghliocais a bhi 'gan glòrachadh uile. Agus chum na criche so, tha òirdheirceas gniomhachaidh na Diadhachd, eadhon an cumhachd neo-chriochuach, agus òirdheirceas seòlaidh na Diadhachd—an gliocas neo-chriochmach, a ghnàth ag imeachd làmh air làimh, mar a dh' fheumadh a bhi chum ioulanachd ann an oibreachadh. 'Nuair a thà tobar siorruidh uil-fhoghainteacdha na Diadhachd air fhosgladh suas le láimb a' mhaitheis neo-chriochuach, fa rùn ni sam bith a phàirteachadh 'an leth a muigh, tha an gliocas neo-chriochmach 'ga chomharachadh, 'ga dhealbhadh, agus 'ga sheòladh, chum glòire Dhé, agus air do ghliocas sin a dheanamh, tha an cumhachd neo-chriochnach 'ga chur an gniomh. Faic Isa. xl. 13-15, 17, 28.

2. Cha chomasach dhuinn measrachadh sam bith a bhi againn de'n chomh-roinn a tha aig na *buadhainb naomha eile* ann an diomh-aireachd mhòir so na diadhachd, aig am bheil glòir a dhealbhadh ann an gliocas neo-chriochmaich, as eugmhais a bhi 'toirt fainear *staid agus cor sin an duine*, ris am bheil na buadhan sin a' gabhail gnothuich. B'i a' chrioch a rùnaicheadh, coimh-cheangailte ri glòir siorruidh Dhé, ann an comh-shuidheachadh pearsa Chriosd, saorsa pheacach de'n chinne-dhaoine, no leigheas agus slàinte na h-eaglais. Cha-n 'eil anns na bha euid a' tagradh mu theachd Chriosd 's an fheòil, ged nach bitheadh an duine idir air peacachadh, agus ged nach bitheadh an eaglais idir r'a saoradh, aeh neònachas, seadh, amaideachd an-dàna. Tha an Sgriobtuir gu h-iomlan ag ainmeachadh so a mhain mar a' chrioch a bha aig toradh sin maitheis agus gliocais Dhé, agus 'ga thagradh mar aon stéidh an t-soisgeil, Eoin iii. 16. Air an aobhar sin, chum gu'n

gabhamaid beachd gu ceart air glòir a' ghliocais dhiadhaidh ann, is éigin duinn a thoirt fainear ciod e nàdur a' pheacaidh, gu sònruichte nàdur a' cineud pheacaidh sin anns an robh ar ceud sheacharan o Dia a' coimh-sheasamh,—is éigin duinn beachdachadh air eor a' chinne-dhaoine ann—ciod e gnothuch an Dé naoimh ris, do bhrigh buadhan uile-bheannaichte a nàduir—ciod an dèigh sláinte a bha freagarrach air ar son, chum gu'm bitheadh Dia air a ghliorachadh amta uile. A dh' easbhuidh na nithe so a thoirt fainear roimh-làinn, cha-n' eil e comasach dhuinn breithneachadh ceart fhaotainn de ghliocas Dhé anns an obair ghliormhor so a tha r'ar n-aghaidh. Uime sin, labhraidh sinn orra, ma's toil le Dia, ann an tomhas a dh' fleudas inntinnean na muinntir sin a bhitheas a' leughadh 'fhosgladh agus 'ulluchadh chum a bhi 'leigeadh a stigh boillsgeadh beag soluis o'n ghliocas dhiadhaidh ann an comh-shuidheachadh ghliormhor so pearsa Chriosd, aig am bheil a làn-sholus cho dealrach as nach comasach dhuinn amharc air anns a' bheatha so.

Nuair a bha comharadh faicsinmeach lathaireachd Dhé anns a' phreas a bha "lasadh le teine" gun a bhi air a losgadh, thubhaint Maois, "Tiomndaidh mi nis a leth-taobh, agus chi mi an sealladh mòr so," Eesod. iii. 3. Agus air do thaisbeanadh mòr so glòire Dhé a bhi air a dheanamh dhuinne agus air a chur r'ar n-aghaidh, gu eimteach is e ar dleasdanas a bhi tionndadh a leth-taobh o gach uile gnothuch eile chum a bhi beachd-smuaineachadh air. Ach mar a dh' aithmeadh do Mhaois a bhrògan a chur bharr a chosan, air do'n ait ar an robh e 'na sheasamh a bhi 'na thalamh naomh, air a' mhodh cheudna is e gliocas an neach a tha 'sgriobladh, agus gliocas na muinntir a bhitheas a lenghadh, a bhi tionndadh a thaobh o gach uile smuain agus aigne feòlmhor, chum a bhi 'tarrning 'am fagus do chuspair mòr so a' chreidimh le h-urram agus le h-eagal diadhaidh.

Is e an ceud ni a tha r'a blicheadhachadh, chum na criche a dh' ainnicheadh—*nàdur ar peacaidh agus ar tràiteim o Dia*. Oir is ann uaith so is éigin duinn a bhi 'foghluim ceud chleachdaidhean nan òirdheirceas diadhaidh anns an obair so. Agus tha tri nithe a bha comharaichte ann:—

(1.) Gu'n d' rimmeadh *tair* air onoir naomhachd agus gliocais Dhé, ann an 'eur cùl r'a ionhaigh. Bha an duine air 'ur-chruthachadh le Dia a réir 'ionhaigh fèin. Agus tha an obair so air a eur an eóill leis ann an Rathad a tha comharachadh gu'n robh cleachdadhdh ro àraidh a ghliocais dhiadhaidh innse, agus leis an robh i air a h-eadar-dhealachadh o gach obair eile a rim Dia 'an leth a muigh, Gen. i. 26, 27, "Agus thubhaint Dia, Deanamaid an duine 'nar dealbh fèin, a reir ar coslais fèin. Agus churthaich Dia an duine 'na dhealbh fèin; ann an dealbh Dhé churthaich se e."

Cha-n 'eil cainnt cho brìghmhòr air a gnàthachadh ann an àite sam bith eile a thaobh ni sam bith a chruthaich Dia. Agus tha iomadh ni air a thaisbeanadh ann mar ni àraidh.

[1.] Gu bheil focal na *comhairle* agus focal a' *ghniomhachaidh* eadar-dhealaichte. Ann an uile oibre eile a' chruthachaidh bha focal na comhairle agus focal a' *ghniomhachaidh* coimh-ionann. 'Nuair a chruthaich Dia an solus—ni a's e glòir agus maise a' chruthachaidh uile—cha dubhaint e ach a mhain, "Bitheadh solus ann, agus bha solus ann," Gen. i. 3. Agus mar sin a thaobh gach ni eile. Ach an uair a tha cruthachadh an duine air a ghabhail os làimh, tha dòigh eile air a chur ri aghaidh ar creidimh. Tha na briathran fa leth a tha air an gnàthachadh eadar-dhealaichte, cha-n ann a thaobh ùine, ach a thaobh an naduir. "Thubhaint Dia, Deanamaid an duine 'n ar dealbh féin, a réir ar coslais féin;" agus air a so tha air 'aimmeachadh gu h-eadar-dhealaichte, agus mar choimhlionadh air an roimh-chomhairle sin, "Agus chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin." Tha so a' toirt inbheachd ro chomharaichte do chruthachadh an duine aig làimh Dhé.

[2.] Gu'n robb gnothuch àraidh agus eadar-dhealaichte *aig gach pearsa fa leth anns an Trionaid naoimh*, a thaobh comhairle agus oibreachaidh, ann an cruthachadh an duine; tha so mar an ceudna air a chur r'ar n-aghaidh: "Agus thubhaint Dia, Deanamaid an duine." Rinn sinn so a dhearbhadh ann an àit eile, agus mar an ceudna diomhanas gach mineachaidh meallta eile. Mar a chur sinn an céill a cheana, is iad buadhan sin na Diadhachd a tha air dhòigh àraidh agus anns a' cheud àit r'a thoirt fainear ann an uile oibre Dhé an leth a muigh, a mhaitheas, a ghliocas, agus a chumhachd. Ann an obair mhòr so, bha *maitheas* na Diadhachd 'ga chleachdadh féin air dhoigh inbheach agus éifeachdach ann am pearsa an Athar—tobar siorruidh araon nàduir na Diadhachd agus a h-oibre gu léir. Bha *ghliocas* na Diadhachd 'ga cleachdadadh féin air dhoigh àraidh ann am pearsa a' Mhic, mar Ghliocas shiorruidh an Athar. Bha *cumhachd* na Diadhachd ag oibreachadh gu h-éifeachdach ann am pearsa an Spioraid Naoimh; neach a's e fear coimhlionaidh neo-mheadhonach uile oibre Dhé.

[3.] Air do'n dòigh anns am bheil coimhlionadh na h-oibre so air a ghabhail os làimh a bhi ann an rathad *comhairle*, tha so 'ga thaisbeanadh mar thoradh comharaichte a' ghliocais neo-chrionchaich. Agus tha an doigh-labhairt so air a ghnàthachadh chum a bhi 'gar treòrachadh a dh' ionnsuidh beachd-smuaintean iomchuidh uime.

Air a' mhodh so, ma seadh, "Chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin;" is e sin, ann an ionracas nàduir a bha taisbeanadh fireantachd agus naomhachd Dhé—ann an staid agus ann an suidheachadh freasdalach a bha 'samhlachadh a *chumhachd* agus a

riaghlaidh. B'e ionracas a nàduir brigh na h-iomhaigh anns an do chruthaicheadh e ; am feadh a bha an suidheachadh anns an do chuireadh e a' leantuinn mar thoradh na h-iomhaigh. Ged a bha an suidheachadh freasdalach anns an do chuireadh e a' samhlachadh cumhachd agus riaghlaidh Dhé, gidheadh, tha sinn ag ràdh nach b'e an suidheachadh sin ann fèin an iomhaigh anns an do chruthaicheadh e, ach ni a bha 'na thoradh na h-iomhaigh. Is e so fèin a tha ordugh nam briathran a' cur an cùl : " Deanamaid an duine 'n ar dealbh fèin, a réir ar coslais fein ; agus bitheadh uachdarachd aca os ceann eisg na mara," agus mar sin air aghaidh. Do bhrigh gu'n do chruthaicheadh e ann an iomhaigh Dhé, bha an t-uachdaranaichd agus an riaghlaidh so air am buileachadh air. Uime sin cha robh call na h-iomhaigh, anns a' cheud àit, a' coimh-sheasamh ann a bhi call a' chumhachd agus an uachdaranaichd, no a chòir a bha aig orra ; ach thugadh air falbh a chòir o'n duine, do bhrigh gu'n do chaill e an iomhaigh d' an d' thugadh i. A thaobh sin anns an robh an iomhaigh a' coimh-sheasamh, faic Ecles. vii. 29 ; Eph. iv. 24.

Bha tri nithe a rìmaich Dia ann an comhpairteachadh 'iomhaigh fèin r'ar nàdur, agus a bha 'n am priomh chriochan aige ann an eruthachadh nan uile nithe air an talamh a bhos ; agus uime sin ann a bhi 'ga buileachadh, bha an gliocas diadhaidh air a cleachadh air dhòigh ni's ro àraidh na ann an aon air bith eile d'a oibríbh anns a' chruthachadh iochdarach so.

B'e an *cend* ni, gu'm bitheadh naomhachd agus fireantachd a nàduir fèin air an ta.sbeanadh anns an iomhaigh so, 'am measg a chreutairean. Cha d' rimeadh so ann an aon air bith eile dhiubh. Bha gun teaganadh comharaidhean a mhaitheis, agus a ghliocais, agus a chumhachd r'am faicinn orra. A thaoblh nam buadhan so "euiridh na nèamhan an cùll glòire Dhé, agus nochdaidh na speuran guiomh a làmh." Tha a chumhachd siorruidh agus a Dhiadhachd so-thuigsinn o na nthibh a rinneadh ; gidheadh cha robh aitreibh mhòr nan nèamhan agus na talmhainn uile, leis gach sgeadaichadh agus feart òirdheire a bhulicheadh orra, aon chuid freagarrach no comasach air a bli 'giùlan chomharaidhean sam bith a naomhachd agus 'fhireantachd, no aoin air bith de bhuidheibh modhaunnail a nàduir 'n an ionracas choitcheionn. Gidheadh is ann 'an taisbeannadh nam buadhan so a tha glòir Dhé air mhodh àraidh a' coimh-sheasamh. As an eugnáis, cha b' urrainn e 'bhi air 'aithneachadh no air a ghlòrachadh mar Dhia. Air an aobhar sin, b' aill leis gu'm bitheadh iomhaigh agus taisbeannadh dhiubh r'a 'fhaicinn anns a' chruthachadh so a blos. Agus bitnidh so aige a ghnàth, cho fad 's a bhithreas aoradh air a thoirt dha le neach air bith d'a chreutairbh. Agus do bhrigh sin, 'nuair a chailleadh an iomhaigh ann an Adhamh, bha i air a h-ath-nuadhadhachadh ann an Criosd, mar a chuireadh an cùll.

B'e an *dara* ni, gu'm bitheadh i'na meadhon trid am bitheadh glòir air a giùlan suas dha o gach earrann eile de'n chruthachadh. As eugmhais na h-ionhaigh so, a bha mar bheatha do'n ionlan agus a bha 'toirt comh-chumaidh dha, cha bhithheadh na creutair-ean eile gu léir ach mar ni marbh. Cha b' urrainn iad glòir Dhé a chur an céill air dhoigh sam bith a bha gniomhach, ach a mhain mar nithibh a chruthaicheadh. Bha iad mar chruit a bhithheadh air a deadh-ghleusadh, gidheadh nach mosgail a seirm gun làinnh ealanta an flir-chiùil. Ciod a th'ann an solus, mur bi sàil ann a dh' amhaireas air? no ciod a th'ann an ceòl, mur bi cluas ann a dh' eisdeas ris? Cia b'e air bith cho glòrmhor agus cho maiseach as a dh' fheudas oibre a' chruthachaidh a bhi, o chomharaidhibh a' mhaitheis, agus a' ghliocais, agus a' chumhachd dhiadhaidh, a bhi dealradh orra; gidheadh, as eugmhais *ionhaigh* so Dhé anns an duine, cha bhithheadh ni saun bith air thalamh a thuigeadh Dia anna, no 'bheireadh glòir dha d'an trid. Is e so a mhain am meadhon leis an d' rinneadh conasach sinn, ann an rathad molaidh, agus iùmhlachd, agus cliu, air a bhi 'giùlan a steach na glòire sin gu léir do Dhia a rùnaich e o oibrílbh sin a chumhachd.

B'e an *treus* ni, gu'm bitheadh i'na meadhon air a bhi 'toirt an duine a dh' ionnsuidh sonais shiorruidh maille ri Dia, air son an d' rinneadh freagarrach e, agus chum an robh e air a roinnt-orduchadh. Oir bha so gu coimhlionadh fhaotainn ann an rathad na h-iùmhlachd; b'e riaghlailt na h-iùmhlachd a bha nàdur Dhé agus nàdur an duine ag agairt do blàrigh an daimh d'a chéile, "Dean so, agus mair beò." Gidheadh rinneadh freagarrach agus comasach sinn air son na h-iùmhlachd so, a mhain o *ionhaigh sin Dhé* a shuidhicheadh 'n ar nàdur. Bha i' coimh-sheasamh, ann an seadh modhannail, ann an comas air a bhi beò do Dhia air thalamh, chum gu'n tigeamaid gu bhi 'ga mhealtuinn fa dheòidh ann an glòir.

Tha e soilleir gu'm b' iad so priomh chriochan Dhé ann an cruthachadh nan uile nithe. Uime sin, b'e comh-shuidheachadh so ar nàdur, mar air 'uidheamachadh le *ionhaigh Dhé*, priomh thoradh a' *ghliocais neo-chriochnaich*. 'Am measg uile oibre na Diadhachd o'n leth a muigh.

(2.) Ann an teachd a steach a' pheacaidh, agus ann an tuiteam air falbh o Dhia, rinn an duine d'a shaor thoil féin *taisbeanadh beannaichte so fìreantachd agus naonhachd Dhé*—toradh mòr sin a mhaitheis agus a ghliocais a bha coimh-fhareagarrach r'a ghliòir shiorruidh agus r'ar sonas-ne maille ris—a chur air cùl agus a dhubhadh a mach. Cha robh eas-onoir eile a bu mhò a b' urrainn a bhi air a dheanamh air—cha robh gniomh eile ni bu mhìlltiche leis am fendaradh a chomhairle a bhi air a maslachadh. Oir mar a shaltair sinn sios a naomhachd, a bha air a *taisbeanadh* anns an

iomhaigh sin, is amhuil a rinn sinn na bha 'n ar comas gu bhi 'g iom-sgaoileadh innleachd a ghliocais. Bithidh so soilleir o bhi beachdachadh air críochaibh sin a' ghliocais anns an iomhaigh a dh' ainnmicheadh. Oir,—

[1.] Cha d' fhàgadh a nise ni ar bith anns a' chruthachadh iochdarach so gu léir leis am feudadh taisbeanadh sam bith a bhi deanta do naomhachd agus de fhìreantachd Dhé, no aon air bith de bhuadhaibh modhamail a nàduir. Cionnus a b' urrainn e bhi deanta, air do'n iomhaigh so a bhi air a dubhadh a mach bhàrr aghaidh na talmhainn? Ciod a b' urrainn meall marbh a' chruthachaidh nàdurra a thaisbeanadh dhiubh so, ge mòr agus maiseach a dhealbh? Ma dh' amhaircear air an duine fo dhiobhail na h-ionhaigh so—leagta, truaillte, salach, breun—is cosmhuite ri Sàtan a chruth na ri Dia. Uime sin, an àite maitheis, agus gràidh, agus fireantachd, agus naomhachd, agus sithe, agus gach feart tâbhachdach, tabhairteach, agus éifeachdach eile, a bhithheadh a' leasachadh tairbhe a chinne-dhaoine gu léir, agus a bhithheadh 'nan toraidhean iomhaigh so Dhé leis am bitheadh a nàdur air a thaisbeanadh anns an t-saoghal—is ann a tha'n saoghal gu léir a nise air a lionadh le farmad, agus dioghlas, agus fuath, agus fairneart, agus an-iochd, agus gach do-bheart innleachdach a dhealbhadh chum a bhi 'g àrdachadh na féine, ar an do chuir an duine 'nis 'aghaidh, air dha tuiteam o Dhia. Esan le'm b'ail a nis a bhi 'foghlum nàduir na Diadhachd, o'n taisbeanadh a tha r'a fhaotainn ann an nàdur truaillidh an duine, is ann a bhithreas e air a threòrachadh ceum air cheum a dh' ionnsuidh an diabhluit agus cha-n ann a dh' ionnsuidh Dhé. Uime sin, cha b' urrainn tarcais ni's ro mhò a bhi deanta air gliocas agus air naomhachd na Diadhachd na sin a rinneadh ann an eur cùil ri iomhaigh so Dhé anns an do chruthaicheadh sinn.

[2.] Cha d' fhàgadh a nise dòigh sam bith ar am bitheadh glòir ag éirigh do Dhia o'n chuid eile de n' chruthachadh iochdarach so. Oir b'e *nàduri an duine a mhain* a rùnaicheadh mar shlighe agus mar mheadhon na glòire sin, agus sin o iomhaigh so Dhé a shuidhicheadh ann. Air an aobhar sin, cha-n e mhain gu'n do thuit an duine e féin tre'n pheacadh o'n dàimh sin do Dhia anns an do chruthaicheadh e, ach tharruing e sios leis an cruthachadh iochdarach so gu léir, ionnus gu'n robh e gun tairbhe sam bith a thaobh glòire Dhé. Agus air do'n pheacadh teachd a steach, agus mu'n do leighiseadh fathast tuiteam an duine, rinn an cinne-daoine gu coitchionn na creatairean a chruthaicheadh a roinn 'nan dà earrann—iad sin a tha shuas, no saoghal nan speur, agus iad sin a tha bhos air an talamh. Do'n cheud fheadhainn thug iad aoradh mar an diadhaibh; agus an dara feadhainn rinn iad a mhi-bhuiileachadh air an ana-miannaibh. Uime sin, bha Dia anns na h-uile

rathad air a mhaslachadh anna agus d'an trid, cha mhò a thugadh glòir sam bith dha as an leth. Agus cha robh ann an oidhirpean chuid chum na eriche so, 'nan gliocas féin, achi diomhanas gu léir agus eas-urram a chuireadh air Dia as ùr; mar a tha an t-abstol a' cur an céil, Rom. i. 18, 19, 21, 22.

[3.] Air a so chaill an duine na h-uile comas air a bhi ruigheachd air a' chrioch sin air son an do chruthaicheadh e—eadhon, a bhi mealtuinn Dhé gu siorruidh. B'e brigh na eùis gu léir, cho fad 's a bha sin 'nar comas-ne, gu'm bitheadh crìoch Dhé gu h-iomlan ann an cruthachadh nan uile nithe a bhos air a cur bun os ceann.

Ach bha uamharrachd agus nimb a' pheacaidh so a' coimh-sheasamh anns an tarcuis a rinneadh air *naomhachd Dhé*, aig an robh a *h-iomhaigh* agus a comharaidhean soilleir gu léir air an saltairt sios agus air an cur air chùl ann. B'e so, ma seadh, anns an robh an gnothuch áraidh sin a' coimh-sheasamh an déigh am bheil sinn a' feòraich, a bha aig naomhachd no aig fireantachd Dhé r'a ghabhail ri peacadh so ar nàduir. Mur bi dioladh éigin air a dheanamh air son an dimeas a rinneadh air a naomhachd ann an cur air chùl a *h-iomhaigh*—mur faighear doigh éigin a mach anns am bi i air a *h-àrdachadh* ni's ro ghlòrmhoire ann an nàdur an duine na bha i air a *h-isleachadh* agus air a maslachadh ann; bha e 'na ni ceart, agus cothromach, agus firinneach do Dhia—'na ni a bha coimh-fhreagarrach ri ionracas agus ri fior-ghloine a nàduir—gu'n rachadh an cinne-daoine gu siorruidh am mugha anns a' choir sin anns an do thuit iad tre'n pheacadh.

Cha robh e, nime sin, coimh-sheasmhach ri glòir Dhé, gu'm bitheadh nàdur a' chinne-dhaoine air a thoirt air ais chum a bhi 'ga mhealtuinn féin, mur bitheadh a naomhachd air a *h-àrdachadh* ni's ro mhò, agus air a taisbeanadh ann an rathad ni's ro chomharaichte anns an nàdur cheudna, na bha i riabh air a *h-isleachadh* agus air a saltairt sios d'a thrid. Cha-n fhòghmadh e chum na eriche so gu'm bitheadh a glòir air a taisbeanadh ann an nadur nan aingeal, mar a chi sinn an déigh so.

Is éigin duinn a nis pilleadh ré tamuill a dh' ionnsuidh sin a leagadh sios roimh. Do bhrigh gur e gliocas feart seòlaidh Dhé 'na uile oibribh gu léir, agus gu'm b'e crìoch nan oibre sin uile a ghlòir féin, no foillseachadh òidheirceas bluadhain naomha a nàduir, bha e iomchuidh dhi ulluchadh a dheanamh air son onoir agus glòir na naomhachd diadhaidh, ann an àrdachadh a dheanamh oirre coimh-fhreagarrach ris an ionnsuidh a thugadh air a bhi 'ga *h-isleachadh*. Mur bi so air a thoirt fainear leinn, cha chomasach dhuinn sealadh ceart 'fhaotainn de chleachdaidhibh a' ghliocais diadhaidh ann an obair mhòir so ar saoraidh agus ar leighis tre fhoillseachadh Mhic Dhé anns an fheòil.

(3.) Rium an peacadh *ainmheireas* agus *buaireas* a ghiùlain a steach

do riaghlaigh agus do uachdaranaich Dhé gu léir. Bha e neosheachanta, o ghliocas neo-chrioelmaich Dhé, gu'm bitheadh na h-uile nithe air an comh-shuidheachadh leis ann an ordugh agus ann an coimh-fhreagarrachd iomlan—na h-uile ni gu neo-mheadhonach ann an iochdaranaich d'a ghlòir. Nam b'e 's gu'm bittheadh giamh sam bith air 'fhaotainn ann an ceud shuidheachadh nàdurra no modhannail nan uile nithe, dh' fheumadh sin a bhi mar thoradh air easbluidh gliocais; oir bhuiineadh e do chleachdadhl a' ghliocais a bhi buileachadhl nan uile nithe gach aon 'na ordugh iomchuidh féin. Oir is e so priomh thoradh a' ghliocais—eadhon, gu'm bittheadh na h-uile nithe air am faotainn ann an comh-chòrdadh iomlan 'n am measg féin, leis gach dàimh anns an robh iad d'a chéile ag aomadh gu riaghailteach a dh' ionnsuidh an àrd-chrìch àraidh a chuireadh rompa—trid am bittheadh uile chleachdadhean agus uile chriochan neo-mheadhonach gach ni fa leth a' sruthadh a stigh gu riaghailteach a dh' ionnsuidh aoin chrìch mliòir an cruthachaidh. Agus b'e so suidheachadh nan uile nithe air tús, 'nuair a dh' amhaire Dia féin air a chruinne-ché, agus, "feuch, bha e ro mhaith."

Air do na h-uile nithe a bhi mar so air an cruthachadh agus air an suidheachadh, bhuiineadh e do nàdur Dhé a bhi 'na fhear-riagh-laidh agus 'na fhear-buileachaidh orra uile.

Cha b' ann o ghniomh saor thoil Dé a mhain a ròglmaich e a bhi riaghlaigh a' cruthachaidh a réir lagh' nàduir gach ni fa leth, agus an dàimh anns an robh iad a' seasamh dha; ach bha e neosheachanta gu'n deanadh e sin, do bhrigh uile bìrdheirecas diadhaidh a nàduir. Uime sin, b'e gnothuech araoen gliocais agus fireantachd Dhé an aire 'ghabhail gu'm bittheadh aon chuid na h-uile nithe air an gleidheadh anns an t-suidheachadh anns an do chruthaicheadh iad, agus nach ceadaicheadh e do'n aimhreite làmh a chur 'na riaghlaigh, air neo gu'm bittheadh a ghlòir air a h-ath-dhioladh agus air a daingneachadh as ùr, ann an rathad a bhittheadh coimh-sheasmhach riù araoen; oir cha-n e Dia uighdair na mi-riaghait, cha mho a tha i air a moladh leis, aon chuid 'na oibribh no 'na uachdaranaichd. Ach tháinig am peacadh a steach, agus chuireadh rioghachd agus riaghlaigh Dhé fo blhuaireas. Agus rinn e so, cha b' ann a thaobl aoin ni àraidh sam bith, ach rinn e briseadh coitchionn air na h-uile nitibh anns a' chruthachadh iochdarach so. Oir bha comh-chòrdadh agus ordugh nan uile nithe air tús a' coimh-sheasamh 'nan iochdtranachd do ghlòir Dhé. Ach chaill iad so uile, mar a chuireadh a cheana an cèill. Air an aobhar sin, an ti sin a dh' amhaire orra 'nan ceud shuidheachadh, agus, chum a bhi 'nochdadhl a thaitneis amta, a chur an cèill gu'n robh iad uile "ro mbaith," rinn e a nis, air ball air do'n pheacadh teachd a steach, an talamh gu léir a mhallaichadh, agus gach ni a bha ann.

A nis cha robh e coimh-sheasmhach ri gliocas agus ri fireantachd Dhé, gu'm bitheadh an t-eas-ordugh so air 'fhàgail gun cheartachadh. Bhitheadh so a' fágáil rioghachd Dhé cosmhul ri rioghachd an t-Satain—làn dorchadais agus mi-riaghailte. Cha-n 'eil ni sam bith a's feumaile do mhaith a' chruinne-ché, na gu'm bitheadh onoir Dhé air a cunnail suas 'na uachdaranaachd; seadh, as eugmhais so, is ann a b' fhearr gu'n robh e air a chur à bith. Agus cha b' urrainn onoir Dhé a bhi air a dion ach le peanas a bhi air a leagadh coimh-fhreagarrach ann an ceartas ri droch-thoillteanas a' pheacaidh. Tha cuid a bhitheas a' smuaimeachadh gu fendaradh so a bhi deanta ann an rathad a bhi 'leigeadh seachad a' pheacaidh gun pheanas sam bith. Ach a réir a' bheachd so, cionnus a b' urrainn dearbhadh a bhi againn nach robh maith agus ole coimh-ionann anna féin, agus nach robh iad ach ro bheag mar sinn ann an riaghladh Dhé—cò a b' urrainn a rádh nach robh peacadh cho taitneach 'na shùilibh ri treibhdhireas? Cha mho a dh' fhàgadh a' bheachd so stéidh sam bith air an deantadh ceartas a fhrithealadh 'am measg dhaoine. Oir ma leig Dia seachad am peacadh a bu mhò, ann an riaghladh nan uile nithe, gun pheanas air bith a leagadh, ciod an reuson a tha againn air son a bhi 'breithneachadh gu'm bu chòir peana; idir a dheanamh air an ole 'n ar measg féin? Fada, uime sin, gu robh e o Dhia, gu'm bitheadh am firean mar an t-aingidh: "Nach dean Breitheamh na talmhainn uile ceartas?"

Air an aobhar sin, air do ordugh riaghlaidh Dhé a bhi air a bhriseadh, mar a bha sin a' coimh-sheasamb ann an ùmhlaichd riaghailtich a' chreutair, agus air do'n aimhreit a bhi air a giùlan a steach do rioghachd agus do uachdaranaachd Dhé; bha fireantachd a nàduir, mar bhuadh riaghlaidh na Diadhachd, ag agairt gu'm bitheadh a ghlóir air a h-àrdachadh as ùr, le bhi cur a' chreutair sin a pheacaich a ris fo smachd le peanas a leagadh air. Uime sin, is éigin do cheartas riarachadh 'fhaotainn anns a' chùis, a réir a lagh' shiorruidh agus neo-chaochlaidheich féin, agus sin ann an rathad coimh-fhreagarrach ri glór Dhé, air neo is éigin do'n chreutair a pheacaich bàsachadh gu siorruidh.

Ann an so, ma seadh, bha peacadh agus tuiteam air falbh an duine 'na ghmothuch a bba a nise ann an làmhaibh fireantachd Dhé, mar òirdheirceas riaghlaidh na Diadhachd. Bha mar fhiachairbh air a' ghliocas neo-c riochnaich a bhi 'ga dòn 'na glòir, a réir na riaghailt a chuireadh sios roimh, agus a bhi 'toirt fainear nach bitheadh i air a h-isleachadh no smal air a leigeadh oirre ann an ni sam bith. Is éigin do ghliocas a nise a bhi 'treòrachadh agus a' buileachadh nan uile nithe as ùr chum glór fireantachd Dhé, no tha'n cinne-daoine caillte gu siorruidh. Agus an uair a bl itheas sinn ag oidhirpeachadh a bhi 'lorgachadh a ceuman diadhaidh, a tha nise r'ar n-aghaidh, tha an t-ullueachadh a rinneadh innse air son

fireantachd Dhé, 'na riaghlaadh agus 'na uachdaranaachd, r'a thoirt air mhodh àraidh fainear.

(4.) Tre'n pheacadh *rinn an duine e féin a chuir fo chumhachd an diabhuil*, nàmhaid mhòir Dhé. Air do'n diabhal ceannaire a chur an gniomh, agus an ceud shuidheachadh anns an do chruthaiceachd e a chur air cùl, thilg se e féin fo dhiom agus fo chorruich shiorruidh Dhé. Rùnai ch Dia ann an geur-cheartas *nach caomhnadh se e*, agus nach deanadh e dòigh sam bith a dhealbh air son a bhi 'ga theasairginn tre'n t-siorruidheachd. Bha esan, air an láimh eile, air a chridhe a chruadhachadh ann an naimhdeas agus 'am fuath an aghaidh Dhé, a' dealbhadh eas-onoir dha, agus a ghloir a mhaslachadh gus a cheum a's áirde a bh' anns na comasaibh a dh' fhagadh fathast aige. Ann an cor so nan uile nithe, dh' flag an duine riaghlaadh agus treòlachadh Dhé d'a shaor thoil féin, mar nach bitheadh e tuilleadh 'na eisemeil, agus chuir se e féin ann an comas an diabhuil; oir chreid e Satan air thoseach air Dia—is e sin, shocraich e a chreidimh air agus a mhuinghin ann, air son a bhi 'faotaim slighe a bheannachaídh agus an fhior shonais. Agus cò air bith iad amms am bheil ar dòchas agus ar muinghin, is ann dhoibh-san a tha sinn a' toirt ùmhlaichd, eia b'e air bith a dh' fheudas sinn a bhi 'g aideachadh. Ann an so bha coslas na buaidh ré tamuill aig nàmhaid mòr Dhé, mar gu'm bitheadh e air rùn mòr a ghliocais, agus a mhaiteis, agus a chumhachd, a thilgeadh bun os ceann. Agus bhuanainaicheadh e ann an uaill na buaidh-chaithreim os a cheann, mur bitheadh dòigh idir air ulluchadh air a bhi 'ga mhealladh.

Bhuineadh so, ma seadh, mar an ceudna do *chàram a' ghliocais dhiadhaidh*,—eadhon, nach bitheadh glòir Dhé ann an aon air bith de bhuadhaibh naomha a nàdur air a h-isleachadh d'a thrid.

Air do na nthiibh so uile, agus tuilleadh ann an tomhas domheasrachaidh na dh' fheudas sinn a chur an céill, a bli fillte suas ann am peacadh ar ceud sheacharain o Dhia, is éigin gu'n d' thàinig an cinne-daoine gu bhi ann an cor do-labhairt truagh. Mar a rinn sinn an t-ole modhannahail sin gu léir a chiontachadh a b' urrainn ar nàdur a chur an gniomh, is amhuil a bha e cothromach agus ceart gu'm bitheadh an t-ole peanasach sin gu léir air a leagadh oirnn a b' urrainn ar nàdur a bhi 'giùlan; agus bha so uile a' criochnachadh ann am bàs aimsireil agus shiorruidh, air an leagadh oirnn o dheas-làimh corruiach Dhé.

Is e so an ceud ni a tha r'a bheachdachadh ann a bhi 'lorgachadh cheuman a' ghliocais dhiadhaidh ann an obair so ar saorsa tre fhoillseachadh Mhic Dhé amns an fheòil. Mur 'eil beachdan enbhaidh againn mu nàdur a' cleud pheacaidh so—am brosnachadh a thugadh do Dhia leis; an ionnsuidh a thugadh air doehann a dhicanamh do ghloir nam buadhan diadhaidh gu léir; an

gnothuch neo-sheachanta a bha aig Dia ann a bhi 'gan dòn, agus an truaigh do-labhairt anns an robh an cinne-daoine air tuiteam, — cha bhi e comasach dhuinn an sealladh a's lugha 'fhaotainn de chleachdaidhibh glòrmhor a' għliocais dhiadhaidh 'n ar saorsa tre Chriosd ; agus, uime sin, tha a' chuid a's mò dhiubh-san a tha aineolach air na nithibh so, a' eur ēuil gu h-iomlan ri priomh eisampleiribh a' għliocais neo-chriochmaich anu ; mar a chi simu fathast an déigh so. Agus is e an t-aobhar gu bheil mōran dhaoine a' faicinn cho beag de għlōr Dħé ann an Criosd, seadh, gur ann a tha i air a dearmad agus tāir air a dheanamh oirre,—nach 'eil eċelas aca air nàdur a' cheud pheacaidh, agus nach 'eil suim aca dheth, aon chuid ann féin no anns na toraidhibh truaghha a lean uaithie.

Ach, air do na nithibh so uile a bhi air an toirt faincar, tha ceisd dhà-fħillte ag ēirigh coimhcheangailte ri gliocas Dħé, agus ri buadhaibh naomha eile sin a nàduir aig an robh gnothuch air mhodh àraidi r'a għabbail ri peacadh so an duine.

1. A mheud 's gu'n robh an duine air iomhaigh Dħé a dhubadh a mach agus a chall, ionnus nach d' fhàgadħ taisbeanadh sam bitħi de naomhachd agus de flireantachd a nàduir anns a' chruthachadh iochdarach so gu léir,—gun rathad sam bitħi air 'fhàgħil anns am bittheadh glōr ag ēirigh dha, ann, no air son, no trid, aou air bitħi eile d'a oibrrib—gun mheadħon a nis r'a fhaotainn trid an ruigeadħ an duine air a bhi 'mealtuinn Dħé, eriġġ a chruthachaidh ;—agus a mheud 's gu'n d' thng e aimħreit agus eas-ordugh a steach do riaghlaħ agus do riogħachd Dħé, nach b' urrainn a bhi air a cheartachadħ, a réir ughdarrais lagħi' a' chruthachaidħ, ach le sgrios shiorniħi a' pheacaich ; agus, os larr, gu'n d' thng se e féin thairis do riaghlaħ Shàtain :— is i a' cheud cheisd a nise, coimhcheangailte ris an t-suidheachadħ so, an robh e coimh-fħreagarrach ri buadhaibh naomha na Diadhachd, gu'm bittheadħ an cinne-daoine gu léi air am fagail gu siorruu anns a' chor so, gun fuasgladħ no leigheas? no, air an làimħ eile, nach fheudadli gu'n robh iomchuidheachd agus coimh-fħreagarrachd ann dhoibh, gu'm bittheadħ an cinne-daoine, aig a' chuid a's lugha, ann an earr-ann dheth, air a thogail suas a ris?

2. Ma smuainichear, ma seadh, gu'n robh ath-thogail ar nàduir coimh-fħreagarrach ri buadhaibh naomha na Diadhachd, 'gan cleachdadħ féin ann an gliocas neo-chriochmaich, is i an dara ceisd, ciod a db' fheudar fhaicinn de għlōr a' għliocais sin ann a bhi faotainn a mach agus ann a bhi 'euri air chois slighe agus meadhojn trid am bittheadħ sin a' faotainn coimhlionaidh?

Labhraidiż sinn gu h-aithgħearr air a' cheud cheisd anns an àite so, do bhrigħ gu'n do lendaix sinn oirre a cheana ann an ait eile. Oir tha iomadh ni a tha taisbeanadh gu'n robh e 'na ni

freagarrach do na buadhaibh diadhaidh nach bitheadh an cinne-daoine gu léir air fhàgail gun fhuasgladh anns a' chor chiontach agus thruagh sin chum an robh iad air tuiteam. Cha dean sinn aig an àm ach aon ni a thoirt fainear.

Rinn Dia air tús dà ghmè chreutairean reusonta a chruthachadh, aig an robh comasan air a bhi 'ga mhealtuinn féin gu siorruidh—eadhon, ainglean agus daoine. Agus cha robh 'nan cruthachadh maraon ach a mhain toradh a għliocais ārd-uachdaranaich agus a dheadh-għeajn féin; ach air bhi dhoibh idir air an cruthachadh, b'ejja gu'm bitheadh sin deanta chum a għlòire féin. Air dhoibh a bhi mar so air an cruthachadh, rinn e an suidheachadh ann an aitibh cōmhuidh fa leth, a dħeasaicheadh air an son, coimh-fħreagarrach ris għiex uādur fa leth a thugadlu dhoibh, agus ris na dleasdanasaibh a bha mar fhiachaibh orra; na h-ainglean air nèamh shuas, agus daoine air an talamh a bhos. Thug am peacadh an cend ionnsuidh air nāduri nan aingeal, agus thilg e feachdan dō-āireamh dħiubh sios as an eend aitibh cōmhuidh. Air a so chaill iad an comas agus an cōir air a bhi sealbhachadh an staid bhean-naichte sonais sin maille ri Dia air son an robh an nāduri air tús air a dħeasachadh; eha mhò na sin a b'e toil Dé an toirt gu siorruidh tuilleadh air an ais d'a ionnsuidh. Agus ann a bhi mar so a' buntniñ riusan, 'nuair nach do chaomhain e iad, aeh a rinn e an "coimhead ann an geindħlibh siorruidh fo dħorċadas, fa chomh-air breitħeanais an lātħa mhōir," rinn e a noħċċadha cia cho ceart as a bha e a bhi 'fagħiñ nan creutairean a pheaeċiñ 'na aghaidh do thruaigh shiorruidh. Ma's e 's gu'm bi fuasgladh sam bith air 'ulluchadh air son neach idir dħiubh, bithidh e gu h-iomlan na thoradħ grāis ārd-nieħħdaranaich agus gliocais Dhé, do nach robh e fo cheangal sam bith. Gidheadh cha do ħajjaldekk *nāduri sin nan aingeal gu h-iomlan* a rinn Dia a chruthachadh le comasaibh a bhi 'ga mhealtuinn féin gu siorruidh; cha mhò a tha a coltach ri bhi coimh-sheasnhach ri gliocas agus ri maiteas Dhé, gu'm bitheadh an gnè eadar-dhealaichte chreutairean gu h-iomlan, d'an d'ħug e comasan a bhi 'mealtuinn a għlòire, air an druideadħ a mach air ball uaithe. Bhittheadh e 'na chomħaradħ air easbluidd gliocais, gu'n tarladh a leithid so de ni mar air thuittawas, gun läimh Dhé a bhi idir aui, agus cha bħittheadh cinni sam bith air fhàgail nach fheudadh call na glòire sin gu léir teachd air gun fħios, a rūnaix e fhaotainn ann an cruthachadh nan uile nithe; cha mho a tha e coimh-sheasmbach r'a mhaiteas gu'n tarladh e mar thoradħ orduchaidh agus buileachaidh Dhé. Uime sin, tha an nāduri eeudna sin a pheaeċiñ agus a chailleadh anns na h-aingħlib a thuit, a' mealtuinn Dhé fathast anns na spioradaibh beannaichte sin gun āireamh a ghleidh an eend inbhe.

Rimmeadħ *nāduri an divine* air a' mhodh cheudua comasach air a

bhi 'mealtuinn Dhé. B'i so a' chrioch, ann an coimh-cheangal ri glòir Dhé, air son an do chruthaicheadh e; oir b'iomchmidh do'n ghliocas agus do'n mhaiteas dhiadhaidh a bhi 'toirt eleachdaidh agus crìche do na h-nile ni a chruthaicheadh, coimh-freagarrach ris na comasaibh a thugadh dhoibh fa leth. B'e an cleachdadadh a thugadh do'n chreutair rensonta eile so a bhi beò do Dhíá, agus a' chrioch, a bhi 'ga mhealtuinn gu siorruidh. Chuireadh so mu'n coinneamh mar chleachdadadh agus mar chrioch, do bhrìgh gu'n d'thugadh nàdur dhoibh a bha comasach air a shou, agus coimh-fhreagarrach ris. Ach thàinig am peacadh air feadh an dream so mar an ceudna; "pheacaich sinne mar an ceudna, agus thàinig sinu gearr air glòir Dhé." Is i a' cheisd a nise, am b'iomchuidh do'n ghliocas agus do'n mhaiteas dhiadhaidh gu'n tuiteadh nàdur so an duine air falbh gu h-ionlan, anns gach neach fa leth aig an robh comhpairt ann, ionnus nach ruigeadh e a chaoidh tuilleadh a' chrioch sin air son an d'rinn Dia air tús a chruthachadh? Oir a mheud 's gu'n do sheas na h-ainglean, 'nan ceud inbhe, gach neach dhiubh 'na phearsa féin, cha d'rinn peacadh chuid 'nam measg dochainn do'n chuid eile, nach do pheacaich iad féin. Ach sheas sliochd a' chinne-dhaoine gu léir ann an aon cheann agus ann an aon staid choitchionn; o'n robh iad gu bhi air am breith tre ghineamhuinn ghnàthaichte. B'e peacadh agus seacharan an aoin phearsa sin peacadh agus seacharan an t-sliochd nàdurra gu léir. *Annsan pheacaich na h-nile agus fhuaire na h-nile bàs.* Uime sin, mur togar suas a ris iad, no mur togar euid as ami measg, bithidh gné eadar-dhealaichte so nan creutair reusonta, anns gach pearsa fa leth, a rinneadh le comasaibh a bhi 'coimhlionadh toil Dé, ionnus gu'n tigeadh iad fa dhèoidh gu bhi 'ga mhealtuinn, air a call agus air a dùnadadh a mach gu siorruidh. Feudar a rádh, nach robh so coimh-fhreagarrach ri gliocas agus ri maiteas Dhé, ni's mò na bhitheadh call siorruidh nàduir nan aingeal gu h-ionlan, anns gach pearsa fa leth. Cha bhitheadh e comasach do thugse cruthaichte sam'bith glòir Dhé a bheachdachadh 'na shamhuil so de fhrithealadh, anns nach bitheadh glòir idir aige. Cha-n'eil e 'na thaisbeanadh ionmhuinmeach de bhuadhaibh òirdheirc na Diadhachd a bhi 'smuaineachadh, gu'n bitheadh an nàdur sin gu h-ionlan, anns gach neach fa leth, a chruthaich Dia le a chumhachd à neo-ni, agus a rinneadh an ni a bha e air son an dearbh chrioch so, gu'n tugadh e glòir dha, agus gu'n tigeadh e gu bhi 'ga mhealtuinn, a nis air a chall gu siorruidh, ma's e 's gu'n robh saorsa earrainn air bith dheth comasach do'n ghliocas neo-chrioch-naich.

Dh' fhàgadh e uime sin air làmhailbh gliocais shiorruidh Dhé, a bhi 'dealbhadh na h-innleachd iongantaich so—eadhon, a bhi 'togail suas earrainn de'n chinne-dhaoine a ris as a chor thruagh

anns an robh iad air tuiteam, chionn gu'n robh coimh-fhreagarrachd ann do na buadhaibh diadhaidh a bhi deanamh sin; a mhain so, gu'n robh e gu coimhlionadh fhaotainn o ghlionmh saor thoil Dé : oir air mhodh eile, cha robh e fo fhiachaibh sam bith o aon air bith d'a bhuadhaibh a bhi 'ga dheanamh.

Ach feudar a ràdh fathast, air an làimh eile, gu'n robh nàdur an duine nis cho salach, cho truaillidh, cho gràineil, 'na choimh-each cho mòr do bheatha Dhé, agus cho fosgailte do'n mhallaichadh tre'n pheacadh, as nach robh leigheas air a shon chum glòire Dhé ; agus uime sin nach bitheadb e 'na lughdachadh sam bith air ionlanaichd a' chumhachd dhiadhaidh, no mi-ionchuidh do'n ghliocas agus do'n mhaiteas dhiadhaidh, ged nach bitheadh e gu bràth air a thogail suas. Freagram dà ni,—

(1.) Bha nàdur oillteil a' cheud pheacaидh, agus namharrachd ar seacharain o Dhia, cho aingidh agus cho mòr, as gu feudadh Dia gu cothromach, agus ann an coimh-fhreagarrachd ri uile bhuadhaibh naomha a nàduir, an cinne-daoine gu léir 'fhágail gu bhi caillte gu siorruidh anns a' chor sin anns an do thilg siad iad fein ; agus ged a robh e air an cur air eil gu h-ionlan gun tròcair mar a rinneadh air na h-ainglibh a thuit, cha bhitheadh an smal a bu luga air a mhaiteas, agus bhitheadh an gniomh ann an comh-chòrdadh shoilleir r'a cheartas agus r'a naomhachd. Air an aobhar sin, eia b'e àit anns am bheil sorsa chloinn nan daoine air 'iomradh anns an Sgriobtuir, tha e 'ghnàth air a chur r'ar n-aghaidh mar thoradh gràis àrd-uachdaranaich agus tròcair Dhé. Faic Eph. i. 3-11. Agus d'an taobh-san a tha 'leigeadh orra a bhi 'faicinn doirbheachd mhòir aig an àm, ann a bhi 'reiteachadh sgrios shiorruidh a' chuid a's mò de'n chinne-dhaoine ris na beachdaibh a tha againn de'n mhaiteas dhiadhaidh, cha-n' eil e coltach gu'n d' thug iad fainear mar bu chòir ciod a bha air 'fhlileadh 'nar ceud sheacharan o Dhia, no idir ceartas Dé ann am buntuinn ris na h-ainglean a thuit. Oir air do'n duine d'a shaor thoil féin dàimh sin a ghráidh a blriseadh a bha eadar Dia agus e féin, agus air dha ionraigh Dhé a dhubhadh a mach—an t-aon taisbeanadh d'a naomhachd agus d'a fhileantachd a bha r'a fhaotainn anns a' chruthachadh iochdarach so—nuair a shaltair e air a ghlòir sin uile a bha 'g éirigh do Dhia o oibríbh a làmh, agus a chuir se e féin ann an comunn agus fo threòrachadh an diabhuil : ciod an t-eas-onoir a b' urrainn a bhi ann do Dhia, ciod an t-isleachadh air a ghlòir, ged a robh e air 'fhágail d'a roghaimh féin, gu bhi 'g itheadh gu siorruidh de thoradh a shlighe, agus gu bhi air a lionadh le 'innleachdaibh féin tre'n uile shiorruidheachd ? Cha robh ach gliocas neo-chríochnach a b' urrainn dòigh fhaotainn a mach air son sláinte aoin anam de'n chinne-dhaoine gu léir, ionnus gu'm bitheadh sin coimh-sheasadh ri glòir a naomhachd, agus

fhìreantachd, agus a riaghlaidh. Uime sin, mar bu chòir dhuinn a ghnàth a bhi 'moladh *gràis àrd-uachduranaich* Dhé anns an *tearc* a thèarnar, cha-n eil bonn idir againn air sòn coire 'fhaotainn do'n mhaiteas dhiadhaidh anns an àireamh mhòir a tha 'dol am mugha, gu sònruichte 'nuair a bheir sinn fainear gu bheil iad uile fantuinn 'nam peacadh agus 'nan seacharan d' an saor thoil féin.

(2.) Tha sinn ag aideachadh nach b' urrainn nàdùr an duine a bhi air 'ath-nuadhachadh no air a thoir air ais, le cleachdadhl sin nam buadhan diadhaidh leis an robh na h-uile nithe air an cruthachadh agus air an riaghlaidh air tùs. Mur bitheadh buadhan sam bith ann an nàdùr na Diadhachd ach iad sin a mhain a dh' fboillsicheadh ann an cruthachadh nan uile nithe—mur bith eadh comas aig na buadhaibh sin féin a bha air am foillseachadh a bhi air an cleachdadhl air dhoigh eile agus ann an tomhasaibh ni's ro àirde na ni sam bith a chuireadh 'an gniomh leo fathast—b' éigin aideachadh nach b' urrainn slàinte dhaoine a bhi air a smuaineachadh idir ann an rathad a bhitheadh coimh-sheasmhach ri glòir nan òirdheirceas diadhaidh, agus nach b' urrainn e 'bhi air a choimhlionadh leò. Ni sinn aon eisempleir a shonrachadh d'an taobh maraon ; is e sin, anns a chend àit, a thaobh bhuadhan eadar-dhealaichte uatha sin a bha air am foillseachadh ann an oibrabh a' chruthachaidh, agus, anns an dara àit, a thaobh chleachaidhean chuid dhiubh a bha air am foillseachadh, air dhòigh eile, no ann an tomhas eile ni's ro chomharaichte na sin a chuireadh an gniomh leò roimh.

[1.] 'Am measg nan ceud bhuadhan so tha *gràdh*, *gràs*, agus *tròcair*, a tha sinn ag ainmeachadh fo aon cheann, air dhoibh a bhi de'n nàdùr cheudna, mar a tha iad ag amhare ri peacaich. Oir ged nach robh aon idir dhiubh air 'fhoillseachadh ann an oibrabh a' chruthachaidh, gidheadh tha iad 'nam buadhaibh siorruidh ann an nàdùr na Diadhachd coimh-ionann ri cumhachd, agus maitheas, agus gliocas. Is iad so na buadhan a bha 'comh-aontachadh air dhòigh àraidih ri ath-thogail ar nàduir—bha e 'na ghniomh cubhaidh 'nan stùlibh ; agus uime sin rùnaich an gliocas neo-chrioch-nach a bhi 'gan glòrachadh aum. An gliocas ceudna sin d'an obair a bhi 'g ulluchadh air sòn foillseachaidh uile bhuadhan eile na Diadhachd, rinn i an obair so a dhealbh chum glòir a ghràidh, agus a ghràis, agus a thròeair ; mar a tha an soisgeul anns gach àit a' cur an céill.

[2.] 'Am measg nam buadhan eile tha am *maitheas diadhaidh*. Is e so òirdheirceas comhpàirteachaidh na Diadhachd, agus chleachd se e féin a réir an nàduir sin ann an cruthachadh nan uile nithe. Gidheadh, cha d' rinn e sin fathast gus a' cheum a b' fhaise mach. Ach do bhrìgh gur e nàdùr a' mhaiteis a bhi 'ga chomhpàirteachadh féin, buinidh e d'a ionmlanachd a bhi 'ga

chleachdadhl féin anns an tomhas a's áirde. Cha d' rinn e so fathast, tha sinn ag rádh, anns a' chruthachadh. Ann an obair sin, "chruthaich Dia an duine," agus rinn e a mhaiteas a chleachdadhl ann an comhpairteachadh ruinn ar bith, maille ris gach feart a bhuineas da. Ach dh' fhágadh toradh eile a' mhaith-eis dhiadhaidh r'a choimhlionadh fathast, eadhon, *Dia a bhi air a dheanamh 'na dhvine*, mar shlighe ar sláinte, agus am meadhon d' a h-ionnsuidh.

Air dhuinn na nithe so a roimh-nhineachadh, théid sinn air ar n-aighaidh chum a bhi 'fèòraich ni's ro mheana, ciod e an dòigh agus am meadhon anns am feudadh peacaich de'n chinne-dhaoine a bhi ar an téarnadh, ionnus gu'm bitheadh Dia air a ghlòrachadh ann.

Air do'n duine tuiteam, ma bhitheas e gu bràtbh air a thogail suas a ris agus air a shuidheachadh as ùr 'na cheud imbhe, no ann an imbhe ni's ro flearr, feumaidh sin a bhi deanta aon chuid 'na neart féin, no le neach éigin eile air a shon; oir feumaidh meadhon éigin a bhi air a chleachdadhl ma's gabh e coimhlionadh. Rinn am peacadh a leithid a dh' atharrachadh air ceud shuidheachadh nan uile nithe, as nach robh e coimh-sheasmhach ri glòir aoin air bith de na buadaibh diadhaidh, gu'm bitheadh an suidheachadh sin air 'ath-nuadhachadh a ris le gniomh cumhachd a mhain, as eugmhais mheadhona a bhi air an gnàthachadh air son a bhi 'toirt as an rathad aobhair an atharrachadh sin. Tha e ro shioilleir nach b' urrainn an duine féin so a dheanamh—se sin, nach b' urrainn se e féin a thèarnadh. Tha dà rathad anns am feudadh e dhol 'na cheann, gidheadh cha robh ni sam bith 'na chomas ann an aon air bith dhiubh, no anna maraon.

1. Dh' fheudadh e 'dhol 'na cheann le bhi 'pilleadh chum ùmhlachd a thoirt do Dhia d' a shaor thoil féin. Thuit e air falbh o Dhia d' a thoil féin tre eas-ùmhlachd, agus sin air chomh-airle Shàtain; uime sin, dh' fheudadh e bhi 'smuaineachadh nam pilleadh e d'a shaor thoil féin chum ùmhlachd mar air tús, gu'm bitheadh gach ni air aiseag mar a bha e. Gidheadh, cha-n e mhain gu'n ro so mi-chomasach, ach, ged a rachadh e 'na cheann, bhitheadh e gun tairbhe a thaobh na crìche sin a rùnaicheadh. Oir,—

(1.) *Chub' urrainn e pilleadh chum ùmhlachd.* Chaill e an comas sin gu léir tre'n pheacadh leis ann b' urrainn e ùmhlachd thait-neach a thoirt do Dhia; agus tha tomhas ni's mò de chumhachd ann a bhi 'pilleadh chum slighe na h-ùmhlachd, na tha air iarraidh ann a bhi 'buanaachadh innse. A nis, bha comas so na h-ùmhlachd a bha air tús aig an duine a' coimh-sheasadh ann an iomhaigh Dhe. Agus so rinn e féin a dhubbadh a mach agus a thoirt air falbh uaith féin. Uime sin, air dha an cumhachd sin a chall a dhean-

adh comasach e air a bhi beò do Dhia 'na cheud shuidheachadh, cha b' urrainn e comas ni's ro mhò na sin a ghleidheadh de'n nàdur cheudna chum a bhi 'pilleadh d' a ionnsuidh a ris. B' e so, gun amharus, an ni leis an d' rinn Sàtan a mhealladh; eadhon, gu faigheadh e solus agus cumhachd nuadh tre eas-ùmhlaichd, nach robh fathast aige—seadh, gu'm bitheadh e "mar Dhia." Ach is eo fad a bha a sheacharan o bhi na bhuanachd dha, as gu'n robh aon earrann d'a thruaigh a' coimh-sheasamh ann an call gach uile chomas agus neart air a bhi beò idir dha.

Is e so diomhanas saobh-chreidimh sin nam Pelagianach, a tha mis an *treas nair* a' togail cinn anns an eaglais fhaisinnich. Tha iadsan a' saoilsinn gu bheil comas aig daoine anna féin pilleadh a dh' ionnsuidh Dhé, an déigh gach comas a bha aca a chall chum a bhi 'fantuinn maille ris. Cha-n'eil iad, gu cinnteach, mòran diubh, a' dol cho fada fathast as gu'n abair iad nach robh anns a' cheud pheacadh ach gnothuch eutrom, nach d' rinn comas no freumh ar n-ùmhlaichd air dhòigh sam bith a' lagachadh annainn. Tha iad ag aideachadh, gu'n do leòn e sinn—gu'n d'thug e euail agus laigse oirnn, agus gu'n d' fhág e sinn buailteach *gu laghail* do'n bhas aimsireil, d' an robh sinn buailteach *gu nàdurrá* roimh. Uime sin, cha-n'eil iad ag rádh gu bheil daoine comasach air pilleadh a dh' ionnsuidh na h-ùmhlaichd iomlain sin a bha an lagh ag iarrairdh; ach a mhain gu bheil iad comasach air coimhlionadh a thoirt do gach ni a tha air 'iarraidh anns an t-soisgeul an àite sin. Oir, a réir coslais, tha iad a' meas nach 'eil anns an t-soisgeul ach ulluchada a rinneadh, anns am bheil riaghait na h-ùmhlaichd air a toirt a nuas a dh' ionnsuidh reusoin agus comasan nàdurra an duine anns a' chor a tha làthair, agus anns am bheil euid a dh' aobhairean-brosnachaidh d'a h-ionnsuidh air an sparradh oirnn, agus anns am bheil eisampleir air a chur r'ar n-aghaidh ann an ùmhlaichd phearsanta agus ann am fulangasaibh Chriosd. Oir a mheud 's gu'n do thréig an duine lagh sin na h-ùmhlaichd a chuireadh air tús mar thiachaibh air, agus gu'n d' thàinig iomadh laigse air a làmhaibh, ionnus nach b' urrainn e a choimhlionadh, cha d' rinn Dia, tha iad a' saoilsinn, fireantachd ulluchadh ann agus tre'n t-soisgeul leis am bitheadh coimhlionadh air a thoirt do'n lagh, agus gràs éifeachdach air son a bhi 'g ath-thogail nàduir an duine chum a bhi 'g iocadh ùmhlaichd a bhitheadh taitneach do Dhia; ach a mhain gu'n d' rinn e an lagh agus riaghait na h-ùmhlaichd a lasachadh 'nan géiread, chum a bhi coimh-fhreagarach ri staid annlhunn, agus eucaileach, agus truaillidh ar nàduir; --beachd do nach comasach a shamhul 'thaotainn, fhad 's is aithne dhomh-sa, ann an rathad *eas-urrain do'n t-soisgeul*. Gidheadh, a thaobh a' chomais sin a tha euid a' leigeadh orra a bhi aca ann an coimhlionadh ùmhlaichd éigin eadar-dhealaichte o sin a

bha mar fhiachaibh orra air tùs, cha-n'eil e air dhòigh sam bith comasach dha a bhi leigheas ar nàduir, mar a tha soilleir do na h-uile.

(2.) Mar nach *b' urrainn* an duine e féin a leigheas, is amhuil sin cha *b' àill* leis a dhol 'na cheann. Oir bha e air tuiteam chum na h-inbhe sin, gu'n robh freumhan uile ghniomharan modhannail a naduir 'nan nainhdeas an aghaidh Dhé; agus b'i a roghainn fantuinn anns an t-seacharan, eia b'e air bith truaigh a dh'fheudadh teachd 'na lorg; oir bha e gu h-ionlair "na choimheach do bheatha Dhé." Tha fuath aige do'n bheatha sin, mar do ni a tha neo-fhreagarrach d'a thograigdhibh, agus d'a chàil, agus d'a mhiannaibh, agus do na h-uile ni a tha maith 'na shùilibh. Agus uinne sin, mar nach *urrainn* e a dhleasdanais a choimhlionadh tre *laigse* a naduir, *cha-n àill* leis an coimhlionadh tre *reasgachd* a thoile. Theagamh nach eil fios againn gu soilleir ciod a tha r'a chur as leth a laigse, agus ciod as leth a reasgachd; ach eatorra araon, cha-n *urrainn* e agus cha-n àill leis pilleadh a dh' ionnsuidh Dhé. Agus an comas a tha aige chum a' mhaith, ged a tha e neo-fhoghainteach ann a bhi 'ga thoirt a ris a dh' ionnsuidh Dhé, gidheadh cha-n'eil e cho beag as nach i a ròghainn a ghnàth gun a bhi 'ga chur an cleachdadhl chum na crìche sin. Ann am focal, dh' fhàgadh fathast eagal anns an duine roimh chumhachd Dhé—eagal roimh do bhrigh a mhòrachd—o'm bheil iomadh ni deanta leis nach deanadh e air sheòl eile; ach cha d'fhàgadh ann gràdh sam bith do mhaiteas Dhé, as eugmhais nach ròghnaich e gu bràth pilleadhl d'a ionnsuidh.

(3.) Ach fàgamaid na nithe so nu'm bi daoine ri connsachadh, ged a tha iad gu soilleir an aghaidh an Sgriobtuir agus féin-fhiosrachaidh na muinntir sin d'au d'thugadh a bhi 'creidsinn; agus smuainicheada eadhon gu bheil comas aig an duine pilleadhl chuin a' cheud inbhe —ni a tha mi-chomasach; gidheadh cha bhitheadh so idir a' deanamh suas a' challdaich a dh' fhuiling glòir Dhé anns an t-seacharan trid an robh na h-uile nithe air tuiteam o'n cend inbhe. Ciod an riaraeadhl a bheireadh sin air son an oilbh-eim a thugadh do naomhachd, agus do fhìreantachd, agus do ghliocas Dhé, agus gu'n b'e tarcais a dheanamh air na buadh-aibh sin 'nan toraidhbih beannachte, am priomh ole a bha anns a' pheacadh? A dh' aindeoin a' bheachd so féin, bhitheadh an aimhreite a thugadh a steach do riaghlaigh agus do uachdaranaichd Dhé leis a' pheacadh, maille ris an tarcais a rinn-eadh air ann an eur 'iomhaigh air eùl, gun cheartachadh agus gun diol dh fathast. Agus cha-n'eil e air dhòigh sam bith r'a cheadachadh, gu'n b'urrainn nithe a bhi air an aiseag ann an rathad anns nach bitheadh glòir Dhé air a deanamh suas. Feudaidh so còrdadh ri daoinibh a tha fathast ann an staid a' pheacaidh anns am

bheil iad air claoindh gu h-ionlan a thaobh o Dhia a dh' ionnsuidh na féine—gun umhail aca ciod a thig d'a ghloir ma tharlas dhoibh féin tèarnadh as ; ach tha e anns an t-seadh a's airde 'an aghaidh firinn, agus ceartais, agus reusoin nan uile nithe, anns an bheil glòir Dhé na h-uile anns na h-uile.

Ach, *gu cleachdail*, tha nithe air sheòl eile 'am measg mhòran. Bu mhiann leis na peacaich a's neo-mheasarra anns an t-saoghal, aig am bheil siorruidheachd idir air a dearbhadh orra, a bhi air an tèarnadh. Innis dhoibh nach 'eil e coimh-sheasmhach ri glòir naomhachd, agus ceartais, agus firinn' Dhé, a bhi tèarnadh pheacach mhi-chreideach—cha-n'eil sin a' cur cùramh orra. Bitheadh iadsan ach a mhain air an tèarnadh,—is e sin, air an saoradh gu siorruidh o'n ole a tha 'cur eagail orra—agus amhairceadh Dia r'a ghloir féin ; cha-n'eil iadsan a' gabhail gnothuich rithe. Ach an t-anam sin a rinneadh treibhdhireach air mhodh spioradail, cha ghabhadh e ri tèarnadh ann an Rathad Sam Bith anns nach bith-eadh Dia air a ghlorachadh. Séadh, cha-n'eil tèarnadh idir ann ach sin a tha coimhcheangalit ri glòir Dhé ; oir tha e 'coimh-sheasamh ann an sonas shiorruidh ann an lán-nithealtuinn a ghloire.

Ann an *dara* àit, Is éigin do'n duine, uinne sin, *riarachadh* a thabhairt do cheartas Dé, agus a ghloir a deanamh suas, chum a bhi air a thèarnadh. Nan deanadh e so, agus gu'm pilleadh e gu h-ionlan a dh'ionnsuidh staid na h-umhlachd, blitheadh na h-uile nithe air an aiseag mar a bha iad air tuis—se sin, a thaobh na haimsir a chaidh seachad, ged nach bitheadh e air dhòigh sam bith 'na leasachadh glòire do Dhia. Gidheadh cha bhitheadh so coimh-sheasmhach ri nàdur agus ri éifeachd neo-chriochnaich a' ghliocais dhiadhaidh. Cha bhitheadh e cubhaidh do'n òirdheirceas sin a bhi a mhain a' deanamh suas a bhrisidh a chaidh seachad, mur bith-eadh foillseachadh agus àrdachadh nuadh mar an ceudna air a dheanamh air buadhaibh na Diadhachd. Agus, air an aobhar sin, anns an *ath-thogail a tha sin a' fuatainn ann an Criost*, tha tais-beanadh agus àrdachadh deanta air buadhaibh Dhé a tha 'toirt barrachd gun choineas air ni sam bith a bha deanta, no a b' urrainn a bhi deanta, le lugh a' chruthachaidh, ged a robh an duine air fantuinn 'na cheud inbhe. Ach, aig an àm, tha sinn a' ceadachadh gu'm bitheadh na h-uile nithe air an aiseag a dh' ionnsuidh an ceud shuidheachaidh, nam b'e 's gu'm bitheadh an *riarachadh so air a thoirt do cheartas* ann an coimh-cheangal ri bhi *pilleadh a' ris churm umhlachd*. Ach mar a bha am *pilleadh* so gu h-ionlan os ceann comais an duine, is ro mhò na sin a bha e os ceann a chomais *riarachadh* a thabhairt air son an dochainn a rinneadh leis a' pheacadh. Oir eia b'e air bith inbhe anns am feudar smuainenachadh air neach nach 'eil ach 'na chreutair a mbain, mar a tha

gach uile dhaoine, ged a robh e air a chuairteachadh leis na h-uile ni a b' urrainn a bhi tarbhach d'a shuidheachadh, gidheadh, cha-n 'eil ni sam bith 'na chomas a thaobh Dhé, nach 'eil roimh-láimh agus gu h-iomlan mar fhiachaibh air a dheanamh anns a cheart thiotadh agus air an dearbh dhìogh anns am bheil e air a choimhlionadh leis. Is éigin doibh uile a rádh, 'nuair a ni iad gach ni a tha 'nan comas, "Is seirbhisich neo-tharbhach sinn, oir rinn sinn a mhain an ni a bu dligheach dhuinn a dheanamh." Air an aobhar sin, cha-n 'eil e ann an comas duine riarachadh a thabhairt air son an uile a ghniomhaich e leis a' mhath a choimhlion e. Oir tha am maith sin mar fhiachaibh air ann féin; agus cha-n 'eil ach euthach ann a bhi 'smuaineachadh gu'm bitheadh riarachadh air a thabhairt air son seann choire le ni sam bith a bhitheadh a' deanamh coire nuaidh, mur bitheadh e air a choimhlionaidh. Cha-n urrainn seann fhiachan a bhi air an dioladh le airgiot iocadh air son bathar nuaidh ; cha mhò is urrainn seann chiont a bhi air a dhìoladh le dleasdanasaibh nuadh, a tha mar fhiachaibh oirinn anna féin. Uime sin—air do'n chinne-dhaoine a bhi fo fhiachaibh siorruidh agus neo-sheachanta gach uile dleasdanas ùmhachd a choimhlionadh do Dhia, gus a cheum a's àirde 'n an comas, ionnus gur e an cionta a bhi 'gan dearmad aon chuid a thaobh am brigh no an dòigh—tha e gu h-iomlan mi-chomasach gu'n tugadh iad an riarachadh a bu lugha do Dhia le ni sam bith, no leis na h-uile ni a tha 'n an comas, air son coire sam bith a chiontaich iad 'na aghaidh ; agus ní's ro lugha na sin air son a' cheud sheacharain oillteil air am bheil sinn a' labhairt. Agus cha-n 'eil ach brosnachadh nuadh anns an t-seadh a's àirde, ann a bhi 'g oidhirpeachadh so a choimhlionadh air dhìogh sam bith nach do chomharaich Dia féin, agus nach do chuir e mar dleasdanas air daoinibh. Faic Micah vi. 6-8.

Tha e soilleir, uime sin, o na beachdaibh so gu léir gur h-éigin do'n chinne-dhaoine uile bhi air am fàgail gun dòchas fo thruaigh shiorruidh, air son ni sam bith a dh' fleudar a smuaineachadh a bhi 'n an comas féin a dhealbhadh no a dheanamh. Agus mur 'eil dearbh-chimte na firinne so air 'oibreachadh annaimh, cha bhi e 'n ar comas diomhaireachd gliocais Dhé 'n ar slàinte aon chuid a mhòladh no a ghabhail thugaimh mar bu chòir. Agus do bhrigh so, b'e rùn Shiàtain anns gaeli lim, a bhi 'dealbhadh bheachdan an-dàna mu chomasan spioradail an duine, chun a bhi 'claonadh an imitimean a thaobh o bhi beachdachadh air glòir gliocais agus gràis sin Dhé, a dh' fleudas a mhain a bhi air an àrdachadh ann a bhi 'g ur leigheas.

Tha sinn a' labhairt aig an àm ann an coimh-cheangal ris a bheachd so—gu'n robh cubhaidheachd ann do na buadhaibh diadhaidh gu'm bitheadh an cinne-daoine air an aiseag, no gu'm

bitheadh cui'd dhiubh air an ath-shuidbeachadh ann an seilbh air féin; eadhon mar a bha nàdur nan aingeal air a ghleidheadh annta-san nach do pheacaich. Rinn sinn a cheana na h-aobhairean coitchionn a nochdadhl a bha 'ga dheanamh mi-chomasach do'n duine a shláinte féin a choimhlionadh. Uinne sin, is éigin duinn, anns an ath àit, a bhi 'fèòraich ciod a bha air 'iarraidh chum a bhi 'toirt an duine air ais, agus sin do bhrigh an gnothuiech àraigdh a bha aig na buadhaibh diadhaidh r'a ghabhail ris a' pheacadhl a chur e an gniombh, agus a chuireadh a cheana an céill; oir le so fendaidh sinn solus fhaotainn anns am faic sinn tomhas de ghlòir a' ghliocais sin leis an robh innleachd na sláinte air a dealbh agus air a coimhlionadh. Agus 'am measg nithe eile, feudar iad sin a leanas a bheachdachadh chum na criche sin:—

1. Bha air 'iarraidh gu'n bitheadh *ùmhlaich* air a toirt do Dhia, a dheanadh tuilleadh glòire a thoirt dha na thugadh a dh' eas-urainn dba le eas-ùmhlaichd an duine. Bha so dligieach do ghlòir na naomhachd diadhaidh ann an tabhairt an lagha. Gus ann bitheadh so deanta, cha bhitheadh oirdheireas an lagha, mar nì a bha coimh-sh-asmhach ri naomhachd Dhé, ar a chur 'am follais. Oir mur bitheadh e riabh air coimhlionadh fhaotainn le neach sam bith anns an t-saoghal, ciomus a b'urrainn glòir an lagha a bhi air a cur an ceill? ciomus a b'urrainn naomhachd Dhé a bhi air a taibseanadh leis?— ciomus a bhitheadh e soilleir nach ann a bha briseadh an lagha mar bu doch a ghaoid éigin a bha ann féin agus nach b' ann o ole sam bith a bha anns an dream a bu choir ùmhlaichd a thoirt dha? Bha e soilleir o ùmhlaichd nan aingeal a ghleidh an ceud inbhe, gu'n robh briseadh an lagha leis a' chuid a thuit 'na thoradh an ecamairice féin, agus nach b' ann o neo-fhreagarrachd sam bith a bha ann do nàdur agus do staid nan aingeal. Ach mur bitheadh an lagh a thugadh do'n duine air ùmhlaichd ionlau 'fhaotainn gu bràth o neach sam bith, dh' fhendtadh a smuaineachadh gu'n robh an lagh féin neo-fhreagarrach d'ar nàdur, agus nach bu chomasach ùmhlaichd a thoirt da. Cha mhò a bha e coimh-sheasmhach ri gliocas neo-chriochnaich Dhé a bhi 'tabhairt lagha nach bitheadh gu bràth air a thaisbeanadh mar lagh cothromach, agus fireanta, agus naomh, ann an cleachdadh na h-ùmhlaichd, no ann an rathad sam bith eile ach anns a' pheanas a bhitheadh air a leagadh air a luchd-brisidh. Uime sin, 'nuair a thugadh seachad lagh na fireantachd air tús, cha b' a' chrioch a bha air mhodh àraigdh anns an ambare gu'n bitheadh *duoine a' fulang gu ceart* air son a bhi 'ga bhriseadh, ach gu'n bitheadh *Dia air a ghlòrachadh* ann a bhi 'ga choimhlionadh. Mur bi so deanta, cha-n eil e comasach do'n duine a bhi air aiseag ann an rathad amis am bi Dia air a ghlòrachadh. Mur bi an lagh air a choimhlionadh le ùmhlaichd, is éigin do'n duine a bhi 'fulang gu siorruidh air son

na h-eas-ùmhlaichd, no feumaidh Dia foillseachadh a ghlòire ann an tabhairt an lagha a chall. Os barr, rinn Dia a naomhachd a thaibeanadh anns an ionhaigh a shuidhich e 'nar nàdur, trid an robh comas againn ùmhlaichd a choimhlionadh dha. Bha so mar an ceudna air a chur air cùl leis a' pheacadh, agus dimeas air a dheanamh air naomhachd Dhé. Mur bi an ionhaigh so air a h-aiseag d' ar nàdur, agus sin ann an rathad a bheireadh barrachd air a' cheud shuidheachadh, cha chomasach dhuinn a bhi air ar n-ath-thoigil chum glòire Dhé.

2. Bha e neo-sheachanta gu'm bitheadh an t-eas-ordugh a thugadh a steach do riaghlaich agus do uachdaranaichd Dhé le peacadh agus ceannaire an duine air a cheartachadh. Cha b' urrainn so a bhi deanta air dhòigh sam bith eile, ach le bhi 'cur an gniomh a' pheanais sin a bha dligheach dha, a reir riaghailte neo-chaoch-laidheich a' cheartais dhiadhaidh. Nam bitheadh am peacadh air a leigeadh air a chomas air chumha sam bith eile, bhitheadh riaghlaich Dhé air a chur sios fo eas-urrum agus mi-riaghailt dolabhairt : oir c'ait am bitheadh ceartas a riaghlaich, nam bitheadh am peacadh agus am brosnachadh sin a b' àirde a b' urrainn ar nàdur a chur an gniomh —leis an robh ordugh maiseach a' cruth-achaidh iochdaraich so gu léir ar a chur as na h-altaibh—air a leigeadh seachad gu bràth gun dioladh? Bha an ceud rabhadh a thug Dia mu a cheartas ann an riaghlaich a' chinne-dhaoime a' coimh-sheasamh ann a bhi 'bagradh peanais a bhitheadh 'na dhìoladh air droch-thoilteanas na h-eas-ùmhlaichd, nam b'e 's gu'n tuiteadh an duine air falbh innite : "Ams an lá a dh'itheas tu, gu cìnnteach bàsaichidh tu." Ma bhitheas a' bhinn so air a h-atharrachadh agus air a cur air cul, ciomhas a bhitheas glòir a cheartais ann an riaghlaich nan uile air a deanamh aithnichte? Ach a thaobh an dòigh anns am feudadh am peanas so a bhi air a ghiùlan, a bha 'coimh-sheasamh ann an *sgrios shiorruidh an duine*, agus gidheadh an duine 'bhi gu siorruidh air a thèarnadh, is innleachd so a dh' fhàgadh gu bràth ann an làmhaibh a' ghliocais dhiadhaidh. Bha so, ma seadh, neo-sheachanta do ghlòir ceartais Dhé, mar àrd Fhear-riaghlaich agus mar Bhreitheamh na talmhainn uile.

3. Bha e mar an ceudna feumail gu'm bitheadh an cumhachd agus an cothrom a fhuair *Sàtan* os ceann a' chinne-dhaoine air am buntuinn gu dligheach naith, chum glòir Dhé; oir cha robh e ionchuidh gu'm bitheadh e air 'fhàgail a' deanamh caithreim os ceann a bhuaidh. Agus a mheud 's gu'n d' thugadh an duine, air a thaobh féin, thairis gu dligheach dha, cha robh a shaorsa r'a bhi air a coimhlionadh le gniomh an làmhaehais làidir a mhain, ach ann an rathad ceartais agus breitheanais laghail ; air an labhair sinn 'na dhégh so.

As eugmhais na nithe so, ma seadh, bha aiseag an duine a dh'

ionnsuidh deadh-ghean agus comh-chomuinn Dhé gu h-iomlan mi-chomasach, do bhrigh an gmothuich a bha aig glòir nam buadhan diadhaidh r'a ghabhail ris a pheacadh a ghniomhaich sinn.

Dh' fhágadh, uime sin, air eúram a' ghliocais dhiadhaidh a bhi 'dealbhadh na h-imleachd iongantaich sin, trid am feudadh glòir naomhachd agus ceartais Dhé 'na lagh, agus 'na riaghadh, agus ann an ceud chomh-shuidheachadh ar nàduir, a bhi air a deanaamh suas, agus glòir a mhaitheis, agus a ghràidh, agus a ghràis, agus a throcair, air a foillseachadh agus air a h-àrdachadh ann an sláinte dhaoine : o a tobraichibh siorruidh fèin is éigin do'n obair so éirigh a nios, no sguiridh i am feasd.

Is e a tha a nis r'ar n-aghaidh a bhi 'lorgachadh chuid de cheumaibh a ghliocais dhiadhaidh anns an obair so, agus sin ann agus trid a toraidhibh a tha air am foillseachadh dhùinn. Agus tha iomadh ni gu soilleir a bha fenmail chum na crìche so. Mar—

1. Gu'm bitheadh na nithe sin gu léir anns am bheil obair ar saorsa ag coimh-sheasamh, air an *coimhlionadh 'nar nàdur fèin*—an nàdur cendna sin a pheacaich, agus a bha gu bhi air a thogail suas a ri's, agus air a thoirt chum glòire. Ma smuainichear gu bheil ar nàdur gu bhi idir air a thèarnadh, cha-n urrainn riarachadh sam bith a bhi air a thoirt do ghlòir Dhé air son peacaidh an nàduir sin, ach anns an nàdur cheudna a pheacaich agus a tha gu tèarnadh 'fhaotainn. Oir a mheud 's gu'n d' thug Dia an lagh do'n duine mar thoradh a ghliocais agus a naomhachd, a rinn esau a blriseadh le eas-ùmhlachd, ciod anns am b' urrainn glòir nam buadhan sin àrdachadh 'fhaotainn, nam b'ann le nàdur eile—abair nàdur nan aingeal—a bhithheadh an lagh ceudna air faotainn coimhlionaidh? Oir a dh' aindeoin tìmhachd a bheirteadh dha le nàdur eile, dh' fheudadh an lagh a bhi neo-flreagarrach do nàdur an duine, d'an d' thugadh e air tuis. Uime sin, bhithheadh glòir Dhé ann an *tabhairt an lagh* do'n duine, air a còmhach as an t-sealladh, mur bitheadh e air coimhlionadh 'fhaotainn idir ann an nàdur an duine; cha mhòr is urrainn a' leithid sin de dhàimh a bhi eadar ùmhlachd agus fulangais aoim nàduir ann an àit agus air son eas-ùmhlachd nàduir eile, as gu'm bitheadh gliocas, agus naomhachd, agus ceartas Dé air an glòrachadh ann an saorsa an nàduir sin eile air a sgàth.

Tha an Sgriobtuir gu tric a' cur an cùill gu'n robh so 'na ni neo-sheachanta, agus gu'n robh e coimh-flreagarrach ri glòir a' ghliocais dhiadhaidh. Ann a bhi labhairt mu rathad na saorsa, tha'n t-abstol ag rádh, "Gu deimhin cha do ghabh e nàdur nan aingeal air," Eabh. ii. 16. Nan do rùnaich e a bhi tèarnadh nan aingeal, b'e nàdur nan aingeal a ghabhadh e air. Ach cha bhithheadh sin 'na fhuasgladh sam bith oirnne, eadhon mar nach 'eil tairbhe ann do

nà h-ainglibh a thuit gu'n do ghabh e nàdur an duine. Cha d' thàinig umhlachd agus fulangais Chriosd 'n ar nàdur-ne idir d'an ionnsuidh-san—cha mhò a bha e ecart no cothromach gu'm bitheadh iad air an saoradh leò. Ciod, uime sin, a bha air 'iarraidh chum gu'm bitheadh sinne air ar saoradh? C'uime, deir an t-abstol, "Mheud 's gu bheil aig a' chloinn comh-roinn a dh' fhèòil agus a dh' fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn dhiubh sin," rann 14. B'e nàdur an duine—air a chur an céill ann an so le fuil agus feòil—a bha gu bhi air 'fhuasgladh; agus, uime sin, b'e nàdur an duine anns an robh an t-saorsa gu bhi 'faotainn coimhlionaidh. Tha an t-abstol a' tagradh an ni so fèin ann an Rom. v. 12-19. Is i so suim a thagraidh,—“Mar tre eas-ùmhlachd aoin duine a rinneadh mòran 'nam peacach, is anhuil sin tre umhlachd aoin duine”—eadhon Iosa Criod, rann 15—“a nithear mòran 'nam fireanaibh.” Feumaidh saorsa o'n pheacadh a bhi air a coimhlionadh anns an nàdur cheudna a rinn am peacadh a chur an gniomh. Is anhuil a tha e 'eur an céill a ris, 1 Cor. xv. 21, “Oir mar is ann tre dhuine 'thàinig am báis, is ann tre dhuine 'thig aiseirigh nam marbh mar an ceudna.” Cha robh dòigh eile air ar leigheas agus ar saoradh o'n pheacadh agus o'n mhilleadh a thàinig oirnn tre *aon duine*, no air ar fuasgladh o thoraidhbih sin a' pheacadh a bha ar nàdur a' toilltimm, ach *tre dhuine* mar an ceudna—tre aon aig an robh an nàdur ceudna ruinne. Bha so, uime sin, anns a' cheud àit iomchuidh do'n ghliocas dhiadhaidh, gu'm bitheadh obair na saorsa air a coimhlionadh 'n ar nàdur fèin —anns an nàdur chendna leis an do chuireadh am peacadh an gniomh.

2. Dhifheunnadh an earrann sin de nàdur na daonnachd anns an robh an obair so gu bhi 'faotainn e imhlionaidh, a bhi air a faotainn, a thaobh bith agus brìgh, *o fhreumh coitchionu an nàduir chendna*, 'n ar ceud sinnseire. Cha-n fhòghnadh e chum na criche so gu'n deanadh Dia duine a chruthachadh as ùr à duslach na talmhaim, no á neo-ní, aig am bitheadh an nàdur ceudna ruinne ann an seadh coitchionn; oir eha bhithheadh a shambuil sin de dhàimh cadrainn, as gu'm bitheadh gnothuch sam bith againne anns an umhlachd a choimhlionadh e, no anns na fulangasaibh a ghiùlaineadh e; oir tha an dáimh so gu h-iomlan an crochadh air gu'n drinn “Dia a dh'aon fhuil uile chinneach dhaoine,” Gniomh. xxii. 26. Is ann air an aobhar so a tha simsearachd Chriosd air a tabhairt anns an t-soisgeul,—cha-n ann a mhain o Abraham, chum a bhi 'eur an céill dilseachd Dhé anns a' ghealladh gu'm bitheadh e d'a shiol-san, ach mar an ceudna o Adhamh, chum a bhi 'noehdadh a dhàimh ri freumh coitchionn ar nàduir, agus ris a' chinne-dhaoine uile ann.

Bha an ceud floillseachadh a thugadh de ghliocas Dhé anns an

ni so air a thabhairt ams a' phriomh thaibheanadh sin, gu'm bitheadh am Fear-saoraidh "de shiol na mnà," Gen. iii. 15. Mur bitheadh e d'a siol-sa, cha b'urrainn e "ceann na nathrach a bhruthadh," no "obair an diabhuil a sgrios," ionnus gu'm bitheann-aid-ne air ar saoradh agus air ar n-aiseag. Cha-n e mhain gu'n robh comh-roinn gu bhi aige de'r nàdur, ach bha sin gu bhi aige le bhi air a "ghin o mhnaoi," Gal. iv. 4. Cha robh e gu bhi air a chruthachadh á neo-ni, no á duslach na talmhainn, ach gu bhi air a "ghin o mhnaoi," ionnus gu'm bitheadh nàdur an duine air 'fhaotainn leis o fhreumh coitchionn an nàduir sin féin. Mar sin tha "an ti a naomhaicheas, agus iadsan a naomhaichear, uile o aon," Eabh. ii. 11—is e sin, de'n aon mheall, a dh'aon nàdur agus a dh'aon fhuil; air an aobhar sin cha nàir leis bràithrean a ghairm dhiubh. Bha so mar an ceudna r'a thoirt a nios á ionmhais a'għliocais neo-chriochnaich.

3. A thaobh nàduir sin na daonnachd ams an robh obair ar sláinte gu bhi air a coimhlionadh, cha-n fheudadh e bhi air 'fhaotainn o phriomh fhreumh ar sliochda ann an rathad gu'm bitheadh an *smal cendna peacaidh*, agus am *buaileachd cendna do chiont*, 'ga leantuinn ann féin, as a tha leantuinn ris gach pearsa fa leth eile ams an t-saoghal; oir, mar a tha an t-abstol a' labhairt, "bha a shamhuil sin de àrd-shagart ionchuidh dhuinne"—agus is ann mar àrd-shagart a bha an obair so gu coimhlionadh fhaotainn leis—"a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich." Oir nam bitheadh an nàdur so annsan air a *thruailleadh* mar a tha e annmainne—nam bitheadh e as eugmhais ionbhaigh Dhé, mar a tha sinne gu léir 'nar pearsaibh féin a thaobh nàduir —cha bhithheadh ni sam bith a dheanadh e 'choimhlionadh 'na ni taitneach do Dhia. Agus nam bitheadh e buailteach do chiont ann féin, cha b'urrainn e riarrachadh a thabhairt air son peacaidh mhuinntir eile. Ann an so, ma seadh, tha doirbhheadas eile, nach b'urrainn a bhi air 'fhosgladh suas ach le gliocas neo-chriochnaich Dhé.

Os bàrr, is éigin duinn mar an ceudna thoirt fainear ciod iad na h-aobhairean air am bheil na nithe so—truaileadh spioradail agus ciout—a dlùth-leantuinn r'ar nàdur, mar a tha fior a thaobh ar pearsachan eadar-dhealaichte gu léir. Agus is e an ceud aobhar —gu'n robh ar nàdur gu h-ionlan, a thaobh na comh-roinn a tha againn dheth, ann an Adhamh, mar ar ceann agus ar fear-ionaid. Air an aobhar sin, b'e a' pheacadh-san peacadh a shliochd nàdurra gu léir, ionnus gu bheil e ann an ceartas air a mheas dhoibh agus air a chur as an leth. *Annsan pheacaich sinu nile*; pheacaich na h-nile a bha annsan mar am fear-ionaid coitchionn'nuair a għniomhaich e am peacadh. Le so rinneadh sinn gu nàdurra "'nar cloinn na féirge," no buailteach do fhéirg Dhé air son peacaidh choitchinn

ar nàduir, a chuireadh 'an gniomh 'na cheann no 'na fhreumh nàdurra. Agus is e an t-aobhar eile—gu bheil sinn a' faotaim ar nàdur o Adhamh tre ghineamhuinn ghnàthaichte. Is e so a mhain am meadhon trid am bheil nàdur ar ceud simnsire, mar a tha e air a thruailleadh, air a phàirteachadh ruinne; oir is ann air a' mhodh so a bhuineas sinn do'n stoc sin mar stoc a tha air a thruailleadh. Uime sin, a thaobh a' chuid sin de'r nàdur anns an robh obair mhòr ar saorsa gu bhi 'faotainn coimhlionaidh, feumaidh e bhi air 'faotainn, a thaobh bith agus brigh, o ar ceud simnsir,—gidheadh gun a bhi riamh ann an Adhamh mar fhear-ionaid coitchionn, agus gun a bhi air a bhreith uaithe tre ghineamhuinn ghnàthaichte.

An innleachd sin, ma seadh, trid am b'urrainn ar nàdur a bhi air a bhreith a steach do'n t-saoghal, ann an dàimh cho fior ris a' cheud Adhamh ri neach sam bith eile d'a shliochd, agus anns am bitheadh fior dhàimh nàdurra eadar esan aig am bitheadh e agus sinne, gidheadh gun chomh-roinn a bhi aige anns an tomhas a's lughadha de chiont a' cheud pheacaidh, no de thruailleadh ar nàduir da thrid—is innleachd i a dh'fhemnas éirigh a nios á doimhneachd-aibh a' għliocais neo-chriochnaich, ann an rathad a tha os ceann breithneachaidh na h-uile tuigse cruthaichte. Agus fluair so coimhlionadh, mar a tha fios againn, ann ami pearsa Chriosd; oir cha robh daonnachd Chriosd rianh ann an Adhamh mar fhear-ionaid, cha mhò a bha e anns a' choimhcheangal sin a rinneadh ris. Oir fluair e a dhàonnachd ann *an sealh lagha* a mhain ann agus an deigh a' cheud gheallaidh, 'nuair a sguir Adhamh a bhi 'na cheann coitchionn. Cha mhò a thàinig e uaithe tre ghineamhuinn nàdurra—trid am bheil truaillidhreachd an nàduir sin air a faotainn; oir bu "ni naomh" e, a chruthaicheadh ami am broinn na h-Oighe le cumhachd an Ti a's àird. "O doimhne saoibhreis araon għiocois agus èolais Dhé!"

B'fheumail, uime sin, air na h-aobhairibh so uile—do blhrigh glòir uile bħuadhan naomha na Diadhachd, agus onoir a naomhachd agus a cheartais a dh' theumadh a bhi air a dheanamh suas —gu'm bitheadh an ti sin leis an robh obair ar saorsa gu bhi air a coimhlionadh 'na dhuine, 'na flear comh-roinn de'n nàdur sin a pheacaidh, gidheadh saor o għach uile pheacaidh, agus o uile thoraidh-ibh a' pheacaidh. Agus fluair so coimhlionadh aig làmhaibh a' għliocais dhiadhaidh ann an daonnachd Iosa Chriosd.

Ach gidheadh, anns an dara àit, tha e air a' mhodh chendua soilleir, air na h-aobhairibh a thugadh a cheana fainear, nach b' urrainn an obair so a bhi air a coimhlionadh le neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain—aig nach bitheadh ach ar nàdur-ne a mhain, agus nach bitheadh ach na phearsa duine. Cha robh aon għniomh sam bith a bha e gu bhi' coimhlionadh ann an obair ar saorsa, nach fheumadh cumhachd diadhaidh chum

a dheanamh éifeachdach. Ach is ann an so a tha diomhaireachd mhòr sinn na diadhachd an aghaidh an robh geatachan ifrinne riagh 'gan cleachdadhl féin; mar a rinn sinn a nochdadh ann an tòiseachadh ar teagaig. Ach a nheud 's gu'm buin so do bhunait ar creidimh, is éigin duinn a bheachdachadh ré tiota, agus firinn na cùis a dhaingneachadh le dearbhadh agus iughdarras an Sgriobtuir. Agus tha tri nithe air am bheil sinn gu bhi 'labhairt.

I. Tha sinn gu bhi 'dearbhadh nach b' urrainn obair ar slàinte coimhlionadh fhaotainn aig làmhaibh neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain, ged a bha e neo-sheachanta feumail gu'm bitheadh e 'na dhuine; dh'fheunadh e mar an ceudna a bhi 'na Dhia. II. A bhi 'toirt fainear na coimh-fhreagarrachd a bha ann do'n ghliocas dhiadhaidh gu'm bitheadh saorsa agus slàinte na h-eaglais air an coimhlionadh le Iosa Criod, neach a bha 'na Dhia agus 'na dhuine ann an aon phearsa. III. A bhi 'cur an céill pearsa Criod, agus a chomh-shuildeachadh ann an dà nàdur eadar-dhealaichte, a tha 'coimh-fhreagairt ri uile chriochan a' ghliocais neo-chriochnaich anns an obair ghliòrmhor so. Tha an ceud ni a' faotainn iomadh dearbhaidh shoillear.

1. Chum gu'm bitheadh nàdur an duine air a thogail suas a ris, no earrann sam bith de'u chinne-dhaoine air a tèarnadh gu siorruidh chum glòire Dhé, bha e neo-sheachanta feumail, mar a dlearbh sinn roimh, gu'm bitheadh *ùmhlaich air a tubhuit do Dhia agus d'a lagh*, leis am bitheadh tuilleadh glòire agus urrain air an cur air a naomhachd na chuireadh a dh' eas-onoir oirre le ar n-eas-ùmhlaichd-ne gu léir. Iadsan a tha air bheachd eile tha iad gun umhail ciod a thig de ghliòir Dhé, ma's e 's gu'm bi daoine aingidh agus peacach air an tèarnadh rathad air chor-eigin. Ach is ann o'n tuiteam a tha na smuaintean so ag éirigh suas, agus cha bhuin iad do'n inbhe sin anns an robh a ghliòir air a rògh-nachadh leinn air thoiseach air na h-uile,—mar a bha cùisean maille ruinn air tùs, ann an ceud chomh-shuidheachadh ar nàdur. Ach cha b' urrainn a sambuil so a dh' ùmhlaichd a bhi air a choimhlionadh gu bràth le neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain;—aig nach bitheadh ach nàdur duine a mhain, cia b'e air bith inbhe agus staid chum am feudadh e bhi air 'àrdachadh os ceann chreutairean eile. Oir an neach a tha 'smuaineachadh gu'm bitheadh Dia air a thoileachadh agus air a ghliòrachadh le ùmhlaichd aoin duine air bith, ann an rathad a bhitheadh a' toirt barrachd air an diom a chuireadh air agus an t-eas-onoir a thugadh dha, le eas-ùmhlaichd Adhaimh agus a shliochd gu léir, tha e 'smuaineachadh nithe aig nach 'eil stéidh sam bith ann an reuson no ann an ceartas, agus nach 'eil air dhòigh sam bith iomchuidh do ghliocas agus do naomhachd Dhé. Esan a ghabhas an obair os làimh, is éigin da ni-éigin a bhi aige a tha neo-chrioch-

nach agus diadhaidh, chum luach neo-chriochnach a chur 'na ùmhlaichd—is e sin, feumaidh e bhi 'na Dhia.

2. Cha bhithheadh éifeachd sam bith ann an *ùmhlaichd* neach nach robh ach 'na *dhuine a mhain*, chum a bhi 'g ath-thogail nàduir an duine, no chum a bli 'g oibreachadh slàinte na h-eaglais. Oir cia b'e air bith ùmhlaichd a bhithheadh ann, bhithheadh i mar fhiachaibh air *d'a thaobh féin*, ionnus gu'm bitheadh i gun tairbhe do neach sam bith ach e féin; oir cia b'e ni a tha mar fhiachaibh air duine air a shon féin, cha-n urrainn e bhi air a chur as leis duine eile. Ach cha-n'eil neach sam bith nach 'eil ach 'na chreutair a mhain nach 'eil fo fhiachaibh a bhi coimhlionadh gach uile ùmhlaichd do Dhia a tha 'na chomas anns an t-saoghal so; mar a chuir sinn a cheana an céill. Seadh, tha ùmhlaichd choitchionn anns na h-uile suidheachadh, cho dleasdanach dha, mar chreutair a chruthaicheadh ann an eisemeil Dhé, agus chum a bhi 'ga mheal-tuinn, as gu'm bitheadh dearnad na h-ùmhlaichd sin, ann an aon ni air bith 'na ghniombh eas-ùmhlaichd cho eucoireach as gu'm bitheadh e sgriosail d'a anam féin. Uime sin, cha b'urrainn a sannuil sin a dh' ùmhlaichd a bhi air a ghabhail gu bràth mar ath-dhùol air son eas-ùmhlaichd muimntir eile, no ann an ionad muimntir eile. Is éigin do'n ti sin, ma seadh, leis am bi an ùmhlaichd so air a coimhlionadh, a bhi 'na neach nach robh air tuis fo fhiachaibh idir ùmhlaichd ioca-lh air a shon féin. Agus cha-n'eil neach sam bith a dh' fheudas a bli anns an t-suileachadh so ach pearsa diadhaidh, oir tha na h-uile creutair, nach 'eil ach 'na chreutair, fo fhiachaibh ùmhlaichd air a shon féin. Agus cha-n'eil ni sam bith a's mò a tha luidh aig bunait theagascan an t-soisgeil, na gu'n robh an Tighearn Criod, 'na píearsa dhiadhaidh féin, *os ceann an lagha*, gun a bhi fo fhiachaibh sam bith ùmhlaichd dha air a shon féin; ach an uair a dh' irioslaich se e féin, agus a "ghineadh e o mhaoi" air ar son, an sin "rinneadh e fo'n lagh" air ar son mar an ceudna. Agus air an aobhar sin, an dream a tha 'g àicheadh pearsa dhiadhaidh Chriosd, tha iad uile a' tagradh gu'n d' thug e ùmhlaichd do Dhia air a shon féin, agus nach b' ann air ar son-ne. Ach ann an deanamh sin tha iad a 'toirt dùblain do phriomh thoradh a' ghliocais dhiadhaidh, anns am bi Dia gu siorruidh air a ghìorachadh.

3. Bha an *sluagh* a bha r'a shaoradh, agus r'a thoirt chum gloire, ro liomhor, eadhon gun àireamh; "sluagh mòr, nach robh neach sam bith comasach air àireamh," Taisb. vii. 9. Bha na *peacaidhean* o'n robh iad gu bhi air an saoradh agus air am fireanachadh—air son an robh réite r'a deanamh—air bheag cheum o bhi neo-chriochnach. Agus anns na *h-nile peacadh* dhiubh sin, bha ni-eigin a bha ann an seadh neo-chriochnach, do bhrigh Mòrachd neo-chriochnach Dhé an aghaidh an robh iad. Bha na

truaighean d'an robh an sluagh so gu léir buailteach do bhrigh peacaidh *neo-chriochnach*, chionn gu'n robh iad siorruidh; no bha an tomhas uile sin gu léir a's urrainn ar nàdur a bhi 'giùlan r'a ghiùlain leosan uile gu saoghal nan saoghal.

A-nis, thugadh ionnsuidh naimhdeil air riaghlaodh agus air nachdaranachd Dhé leis gach neach fa leth dhiubh so, agus leis gach peacadh fa leth a ghniomhaich iad, mhaslaich iad a cheartas ann am briseadh a lagha, ionnus nach 'eil e comasach do neach sam bith dhiubh saoradh fhaotainn o thoraidhibh a' pheacaidh ann an truaigh shiorruidh, gun cheartas Dhè a bhi air a dhìoladh agus air a riarachadh. An neach a tha air bheachd eile, tha e 'g ràdh — 'na aidmheil mur 'eil 'na chainnt—gur coimh-ionann le Dia a bhi 'faotainn iùmhlaichd as eas-iùmhlaichd, urrainn as eas-urrainn, o a chreutairibh; agus is coimh-ionann sin ri bhi 'g àicheadh a bhith, a mheud 's gu bheil e 'easr an aghaidh glòir a bhuidhan siorruidh. A-nis, ann a bhi 'smuaineachadh gu'n b' urrainn neach nach 'eil ach 'na dhuine a mhain, a bhi riarachadh ceartais Dé air son uile pheacaidean na muinntir so gu léir, agus sin le bhi 'giùlan fulangas ré seal o'n leth a muigh, ionnus gu'n bitheadh e ceart agus cothromach do Dhia, cha-n e mhain a bhi 'gan saoradh agus 'gan téarnadh o na h-uile sin gu léir d'an robh iad buailteach, ach mar an ceudna a bhi 'gan toirt chum beatha agus glòire — cha-n'eil ann, tha sinn ag ràdh, ach a bhi eur gnè eadar-mheadhonaireachd air chois eadar Dia agus an duine, a bhithheadh a' coimh-sheasamh ann an coslas fhaoin-ghlorach o'n leth a muigh, agus cha-n e ni a bhithheadh 'na thoradh gliocais, agus firinne, agus naomhachd Dhé, cha mhò a bhithheadh e air a steidheachadh ann an ceartas no ann an nàdur nithe annta féin. Cha b' urrainn so a bhi gu bràth ann an comh-chòrdadh ri riaghaitibh ceartais, ionnus gu'n feudadh a mheasrachadh gu'n bitheadh an dara ni comh-fhreagarrach ris an ni eile; cha bhithheadh eisempleir sam bith ann do dhaoinibh am an dioladhl eucoir 'nam measg féin, cha mhò a bhithheadh e air dhòigh sam bith a' dearbhadh firinn Dhé ann an deanamh diogh-altais air a' pheacadh. Ach cha-n ann air son deadh-choslais o'n leth a muigh a tha Dia a' deanamh nan nithe so, ach do bhrigh gu bheil iad neo-sheachanta o bhuidhaibh naomha a nàduir. Agus, air an aobhar sin, feumaidh coimh-fhreagarrachd a bhi eadar na nithe so annta féin—is e sin, eadar fulangasaibh *aois* agus saorsa *mòran*.

Bhitheadh e mar an ceudna mi-chomasach do chreidimh dhaoine stèidh diongmhalta 'fhaotainn gu bràth air an socraicheadh e anns a' bheachd so a thugadh fainear. C'ait am bheil am fior chreidimh a dhùnas ris an teagast sin, gu'n bitheadh fulangais aois neach nach robh ach 'na dhuine a mhain air an gabhail le Dia mar ath-dhiol dligeach air son uile pheacadhleann na h-eaglais gu léir? Feudaidh

an dream sin gabhail ris a bhitheas 'gan riarachadh féin le faoineas na h-inntinn ann an nithe na diallhachd ; ach d'an taobh-san a dh' fhòghluim feum an fhìor chreidimh chum a bhi 'gam fuasgladh o choguis air a lotadh le nàdur agus droch-thoillteanas a pheacaidh, agus o gheur-mhothachadh air feirg Dhé agus mallachadh an lagha 'na aghaidh, cha bhitheadh ann ach a bhi 'magadh air an leòn. Ach b' iomchuidh do ghliocas Dhé, ann a bhi 'ga fhrithdealadh féin air an eaglais, a bhi suidheachadh nithe ann an rathad anns am bitheadh carraig neo-ghluasadach aig a' chreidimh air an sochaich-eadh e. Agus tha so air 'fhaotainn leis a mhain ann am pearsa Chriosd, Dia agus duine, 'na umhlachd agus 'na fhublangais. Uime sin, an dream a tha 'g aicheadh Diallhachd an Tighearna Iosa Chriosd, tha iad uile ag aicheadh gu h-ionlan gu'n d' thug e riarachadh sam bith do cheartas Dhé air son peacaidh. Is ròghnaiche leò gabhail ris na h-uile baoghaltas a's éigin teachd an lorg a bhi leigeadh seachad a' pheacaidh gun riarachadh sam bith, na a bhi 'g aideachadh gu'n deanadh duine, mar dhuine a mhain, a shamhuil sin de riarachadh le 'fhublangasaibh ré seal air son pheacaidhean an t-saoghal. Agus, air an làimh eile, cò air bith iad a tha da rireadh a' creidisinn pearsa dhiadhaidh Chriosd—gu'n robh e 'na Dhia agus 'na dhuine ann an aon phearsa, agus anns an t-suind-eachadh sin a' coimhlionadh oibre na h-eadar-mheadhonaireachd gu léir—cha-n urrainn iad an sùilean a dhùinadh an aghaidh soluis ghlòrnuoir na firinne so, gu feumadh toillteanas agus luach ro bìrdhe're a bhi anns na rinn agus anns na dh' fhubling e anns an obair sin, ionnus gu'n robh tuilleadh onoir agus glòire air an cur naomhachd Dhé agus a lagh le 'umhlachd-san, na 'chuireadh a dh' eas-onoir orra le peacadh Adhairadh agus a shliochd.

4. Bha an eaglais gu bhi air a tèarnadh le gniomharaibh a dheanadh neach a choimhlionadh ann an cleachadh *dreachd* àraidh a dh' earbadh ris air son na crìche sin. Oir a mhead 's nach b' urrainn an duine e fein 'aiseag, no a thèarnadh, mar a rinn sinn a dhearbhadh, is éigin do'n ionlan a bhi air a choimhlionadh air a shon le neach eile. Agus ann an gabhail na h-oibre os làimh le neach eile, feumaidh sin a bhi mar thoradh gliocais neo-chrioch-naich, agus comhairle, agus deadh-ghean Dhé, ann an coimh-cheangal ri aonta shaor a thoil-san a ghabhadh os làimh i. Bha so mar an ceudna fior ann a bhi suidheachadh an dòigh agus am meadhoin àraidh anns an robh an t-saorsa gu bhi faotainn coimhlionaidh. Air a so, bha dreuchd an neach sin a nis a' coimh-sheasamh ann a bhi 'coimhlionadh gach ni a bha air iarraidh chum na crìche sin. Ach rinn sinn a dhearbhadh roimh, 'na àite féin, nach b' urrainn dreuchd sam bith a bhi air a coimhlionadh chum na crìche so, aon chuid a thaobh Dhé no a thaobh na h-eaglais, le neach sam bith nach robh ach 'na dhuine a mhain. Cha dean sinn, uime sin, a

leantuinn ni's fhaide ann an so, ged a tha an deadh chuis-thag-raidh ann a thaobh sin a tha 'measg ar làmhan.

5. Ma bhitheas an duine idir air a thogail suas a ris, is éigin da a bhi air aiseag a dh' ionnsuidh *na h-inbhe cendna* o'n do thuit e. Cha robh e coimh-sheasmhach ri gliocas agus ri toirbheartas Dhé a bhi 'ga aiseag le lughdachadh sam bith sonais agus urrainm; seadh, a mheud 's gu'm bu toradh gràis, agus maitheis, agus tròcair neo-chriochnaich Dhé a bhi 'ga thogail suas idir, mheasamaid e coimh-fhreagarrach ri glòir nan òirdheirceas diadhaidh 'nan cleachdaidhibh uile, gu'm bitheadh e air a chur ann an suidheachadh ni's ro fhéarr agus ni's urramaiche na sin o'n do thuit e. Ach mu'n do thuit e, cha robh an duine ann an iochdaranachd no a' toirt ümhachd do neach sam bith ach do Dhia a mhain. Bha e ann an tomhas ni b' isle a thaobh inbhe na na h-ainglean; gidheadh cha robh e fo fhiachaibh sam bith ümhachd dhoibh—b' iad a choimh-sheirbhisich. Agus a thaobh nan uile nithe eile air an talamh so a bhos, "thugadh nachdaranachd dha os an ceann, chuireadh gach ni fo a chosaibh," air bhi dha féin 'na iochdaran do Dhia a mhain. Ach nam bitheadh e air aiseag agus air a shaoradh le neach nach robh ach na dhuine a mhain, cha b' urrainn e bhi air a thogail suas chum na h-inbhe cendna so a ris; oir, a réir uile riaghailtean na còrach agus a' cheartais, bhitheadh e mar fhiachaibh air gach uile sheirbhis agus ümhachd iocadh dha-san leis an robh e air a shaoradh, agus air aiseag, agus air a leigheas, mar uighdair an staid sin chum an d' thugadh e. Oir an uair a "cheann-aicheadh le luach sinn," cha leinn féin sinn féin, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, 1 Cor. vi. 19, 20. Air an aobhar sin, is leis-san simm a rinn ar ceannach; agus dha-san tha mar fhiachaibh oirnn seirbhis a dheanamh le ar corp agus le ar spiorad, a's leis. Mar sin, ma seadh, air do'n Tighearn Criodar ceannach, rinn-eadh e na Thighearn ionlan oirnn, d'am bheil gach uile iochdranachd dhiadhaidh ar n-anama agus ar coguis dligheach uainn, Rom. xiv. 7-9. Uime sin, nam bitheamaid air ar saoradh agus air ar n-aiseag le neach nach robh ach 'na chreutair a mhain—nam b'e creutair a mhain a bhitheadh 'na Flear-saoraidh agus 'na Shlànuighear dhuinn—bhitheamaid air ar n-aiseag a mhain a dh' ionnsuidh inbhe anns am bitheadh seirbhis agus ümhachd dhiadhaidh mar fhiachaibh oirnn do neach nach robh ach 'na chreutair a mhain. Agus is e so a tha iadsan a' creidsinn a tha 'g rádh nach 'eil anns an Tighearn Iosa Criodar ach duine a mhain. Ach, a réir a' bheachd so, an àite dhuinn àrdachadh inbhe 'fhaotainn ann a bhi air ar n-aiseag leis, is ann nach d' thugadh sinn chum na h-inbhe sin féin o'n do thuit sinn. Oir bhuiteadh e do'n inbhe sin, nach robh mar fhiachaibh oirnn ümhachd no seirbhis dhiadhaidh a thoirt do neach sam bith ach dha-san a's e Dia os ceann nan

uile, beannaichte gu siorruidh. Agus tha an dream sin a' fosgladh doruis do gach uile ghné mhi-riaghailt anns a' chreidimh Chriosdail, a tha 'deanamh cuspair creidimh, agus gráidh, agus asluchaidh, agus aoraidh dhiadhaidh, de neach nach 'eil ach 'na chreutair a mhain. Gidheadh, anns an t-suidheachadh sin chum am bheil sinn a nis air ar n-aiseag, tha sinn air ar eur ann an iochdaranaachd as ûr do Dhia a thaoblh seirbhis spioradail, agus do Dhia a mhain. Air an aobhar sin, tha na h-ainglean naomha, na creutairean sin a's airdé a chruthaicheadh, a' diúltadh urraim no aoraidh dhiadhaidh a ghabhail nainm, do bhrigh nach 'eil anna ach eoinmh-sheirbhisich na muimnitir sin aig am bheil fianuis Iosa, Taisb. xix. 10. Cha mhò a rinn Dia "an saoghal ri teachd," no suidheachadh na h-eaglais fo'n t-soisgeul, a chur fo cheannsal nan aingeal, no fo cheannsal creutair sam bith eile, ach a mhain fo'n Mbae, a tha 'na Tighearn os ceann a thighe féin, an ti sin fós a thog na n-uile nithe, a's e Dia, Eabh. iii. 4-6. Uime sin, tha sinn air ar n-aiseag a dh' ionnsuidh ar ceud inbhe, chun a bhi fo iochdaranaachd spioradail do Dhia a mhain. An ti sin, ma seadh, leis am bheil sinn air ar n-aiseag, d'am bheil gach uile ùmhlaachd agus sheirbhis dhiadhaidh mar fhiachaibh uaimh, fennaidh e bhi 'na Dhia mar an eundna, agus 'na Dhis tha e. Agus mar a tha iadsan a' tilgeadh an t-soisgeil gu h-iomlan bun os ceann a tha 'g ràdh gu bheil gach uile ùmhlaachd dhiadhaidh dligheach dhasan nach 'eil ach 'na dhmine a mhain—mar a tha an dream sin gu léir leis am bheil diadhachd Chriosd air 'aicheadh; is amhuil a tha iad 'gan isleachadh féin sios fo'n inbhe sin a bluineas do staid na saorsa, agus a' maslachadh eadar-mheadhonaireachd Chriosd, 'nuair a tha iad a' cromadh sios, ann an seirbhis dhiadhaidh sam bith, do chreutair sam bith eile, naoimh no ainglean.

Air do na nithe so a bhi mar so, a tha soilleir air gach làimh, thàinig *Gliocas neo-chriochnach* anns an eadargain, chun a bhi 'g àrdachadh glòir nan òirdheirceas diadhaidh uile, ann an Rathad a bhitheadh a' fuasgladh na h-uile ceisd, agus a riaraicheadh uile chriochean gloire Dhé, ann an saorsa chloinn nan daoine. Feudar an gnothuch sin a bha ri aghaidh a' Ghliocais dhiadhaidh 'ainmeachadh mar a leanas :—

Rinn an duine, tre'n pheacadhl, am maslachadh a bu mhò a dh' fheudar a smuaineachadh a thilgeadh air firinn, agus naomhachd, agus maitheas, agus riaghlaeth Dhé; agus thilg se e féin fo chiont sgrios shiorruidh. Ann an t-suidheachadh so, b'iomchuidh do ghliocas agus do mhaithreas Dhé, gun a cheadachadh, air an dara làimh, gu'n tigeadh sliochd a' chinne-dhaoine gu léir gearr gu siorruidh air an t-sonas sin maille ris féin air son an so chruthaicheadh iad, no, air an làimh eile, gu'm bitheadh neach sam bith dhiubh air a shaoradh gun dioladh a bhi deanta as a leth air son

an eas-urraim a thugadh do naomhachd, agus do fhìrinn, agus do riaghlaigh Dhé, leis a' pheacadh. Agus mar nach b'uarrainn so a bhi deanta air dhòigh sam bith eile ach le làn riarachadh a thoirt do cheartas, agus le ümhlachd iocadh do'n lagh, a bheireadh tuilleadh glòire do naomhachd agus do fhìrinn Dhé na 'b'urrainn iad air dhòigh sam bith a chall le peacadh ag: s eas-ümhlachd an duine; —is amhuil sin, is eigin do'n ümhlachd so a bhi air a coimhlionadh agus an riarachadh s. a bhi air a thabhairt, ann agus leis an nàdur cheudna sin leis an do chuireadh am peacadh 'an gniomh, oir is e so a mhain a b'urrainn còir a thoirt do iarmad a' chinne-dhaoine anns na sochaireibh agus anns na toraidhbih a bhitheadh a' leantuinn na nithe sin. Gidheadh, am feadh a dh'fheumadh an nàdur sin anns an robh so uile gu bhi faotainn coimhlionaidh, a bhi air 'thaotainn a nuas o fhreumh nàdurra sin a' chinne-dhaoine de'm bheil comh-roinn againn uile 'n ar pearsaibh féin, dh'fheumadh e mar an ceudha a bhi gu h-ionlan saor o'n truailleadh agus o'n chiont sin gu léir a tha air am páirteachadh ruinne ann agus maille ris. Mur bitheadh a' chuis mar so, cha b'urrainn e air dhòigh sam bith gabhail os làimh air son mhuinntir eile—seadh, cha b'urrainn e freagairt air a shion fein. Ach, an deigh so uile, cha b'urrainn ni sam bith a bhi air a ghabhail os làimh le nàdur duine a mhain, a dh'fheudadh air aon chor an ümhlachd sin iocadh do Dhia, no an riarachadh sin a thabhairt 'an éiric peacaidh, leis am bitheadh saorsa mhuinntir eile air a cosnadh, chum glòire naomhachd, agus ceartais, agus riaghlaidh Dhé.

Air do nthibh a bhi anns a' chàs so, ma seadh, thàinig *Gliocas neo-chriochuach* anns an eadargain, ann an innleachd ghliormhoir agus do-labhairt sin pearsa Chriosd—nàdur na Diadhachd ann am Mac siorruidh Dhé agus nàdur an duine anns an aon phearsa cheudna. Air sheòl eile cha ghabhadh an obair so idir coimhlionadh;—cò dhiù, tha dòigh sam bith eile foluichte o shùilibh nan uile bheò; cha-n'eil tuigse chruthaichte a dh'fheudas dòigh sam bith eile a mheasrachadh anns am b'urrainn i coimhlionadh 'thaotainn chum glòire siorruidh Dhé. Uime sin, tha so 'na thoradh a' ghliocais dhiadhaidh a bhithreas 'na chuspair an iongantais agus a' mholaidh naoimh gu saoghal nan saoghal;—a thaobh na beatha so a ta làthair, cia cho beag as a tha an Carrann d'aòirdheirceas a's aithne dhuinn!

CABIDEIL XVII.

Nithe eile a tha 'taisbeanadh Gliocais Dbiadhaidh ann an Innleachd na Slàinte ann agus trid Pearsa Chriosd, ann an Toraidhbibh a tha 'dearbhadh Coimh-fhareagarrachd na h-oibre sin rithe.

Is e a dh'fhàgadh againn coimhcheangailte ri sin air an robh sinn a' labhairt anns a' chaibideil mu dheireadh, a bhítoirt fainear nan nithe sin a tha 'dearbhadh gu bheil cubhaidheachd no coimh-fhareagarrachd dhiadhaidh eadar an obair so agus gliocas agus maithreas neo-chriochnach Dhé, agus a dh' fhendar a thionail o nàdur na h-oibre féin agus o a toraidhbibh a chuireadh an céill anns an Sgriobtuir. Ni sinn beagan eisampleir a règnachadh ann an coimhcheangal ri so, o mheasg iomadh eile a dh'fheudadh a bhi air an ainmeact adh.

1. *Chruthaicheadh an duine chum seirbhis a dheanamh do Dhia anns na h-uile nithe.* Cha bu leis féin e féin, aon chuid 'na anam no 'na chorp, ann an ni sam bith a thugadh dha no a dh'earbadh ris, ach bha e anns na h-uile seadh 'na òglach, anns na h-uile ni a bha e, anns na h-uile ni a bha aige, anns na h-uile ni a rinn e no 'bha e fathast gu dheanamh. B'i so a' chrioch air son an do chruthaicheadh e—bha an staid so agus an suidheachadh so neo-sheachanta dha mar chreutair. Cha b' urrainn e bhi air sheòl eile a thaobh creutair sam bith; b'e so suidheachadh ceudna nan aingeal, a bha nì's àird ann an inbhe agus ann an eumhachd na an duine. Tha eadhon an t-ainm *creutair* a' filleadh ann iochdaranaachd agus seirbhis choitchinn do'n Chruithear. B'e rùn Adhaimh, ann agus tre'n pheacadh, a bhi 'eur na h-inbhe so air eùl, agus e féin a shaoradh aisde. Bu mhian leis e féin àrdachadh os ceann staid na *seirbhis* agus na h-àmhlaich *coitchinn*, a dh' ionnsuidh inbhe na *fein-fhoghainteachd*, agus na h-uachdaranaehd, agus an riaghlaidh. B'aili leis a bhi mar Dhia, coimh-ionann ri Dia; is e sin, gun a bhi tuilleadh fo iochdaranaehd dha, no an crochadh air, ach gu'm bitheadh a thoil féin air a h-àrdachadh os ceann toil Dé. Agus tha tonhas de'n nàdur chendna anns na h-uile peacadh;—bu mhian leis a' pheacach a thoil féin a chur air thoiseach agus 'an aghaidh toil Dé. Ach ciod anns an do chriochnaich a' chùis? Air do'n duine 'dhol an ceann e féin fhuasgladh o iochdaranaachd ionlan agus o sheirbhis choitchionn, agus gréim a dheanamh air inbhe na h-àrd-nachdaranaachd, is ann a thuit e sios do léir-sgrios ionlan agus shiorruidh.

Chum a bhi air ar saoradh as a chor agus as an t-suidheachadh

so, rinn gliocas Dhé—a' toirt fainear mar a thilg sinn sinn sín féin ann—an dòigh a dh' ainnmicheadh 'fhaotainn a mach—eadhon, Mac Dhé a bhi air 'fhoillseachadh anns an fheòil; oir b'esan Tighearn nan uile, aig an robh uachdaranachd ionlan os ceann nan uile, nach robh fo fhiachaibh seirbhis no tòmhlaichd sam bith air a shon féin—air dha bhi ann an cruth Dhé, agus coimh-ionann ri Dia. O staid so na h-uachdaranachd ionlain, dh' islich se e féin dh' ionnsuidh staid na seirbhis ionlain. Mar a pheacaich agus mar a thuit Adhamh le bhi 'fagail staid sin na seirbhis coitchinn a bha dligheach dha, agus a bha freagarrach d'a nàdur, agus neo-sgaraichte uaith,—gu bhi 'eur làimh ann an staid sin na h-àrd-uachdaranachd choitchinn nach buineadh idir dha, nach robh dligheach dha no coimhl-fhreagarrach r'a nàdur; is amhuil sin a rinn Mac Dhé, an dara Adhamh, ar saoradh le bhi 'ga isleachadh féin o staid na h-àrd-uachdaranachd choitchinn, a bhuiineadh dha féin—a bha dligheach d'a nàdur—chum a bhi 'gabhair air féin staid na seirbhis coitchinn, nach buineadh dha agus nach robh mar fhiachaibh air. Agus do bhrìgh nach robh so coimhl-sheasmhach ri a nàdur dhiadhaidh féin, rinn e a choimhlionadh le bhi 'gabhair ar nadur-ne d'a ionnsuidh féin—a' deanamh a chuid féin dheth. Ann am féin-irioslachadh Mhic Dhé, thàinig e nuas cho fada o'n inbhe sin a bhuiineadh dha, as a rùnaich Adhamh a bhi 'direadh os a cheann féin 'n a uamhar agus 'n a fhéin-àrdachadh.

Tha an tabstol a' cur so r'ar n-aighnidh chum a bhi beachdachadh air gràs agus air gliocas Dhé ann, Phil. ii. 6-8, " Neach air dha bhi ann an cruth Dhé, nach do mheas e 'n a reubainn e féin a bhi coimh-ionann ri Dia; ach chuir se e féin ann an dìmeas, a gabhair air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine; agus air dha bhi air 'fhangail ann an cruth mar dhuine, dh' irioslaich se e féin, agus bha e umhal gu bàs, eadhon bàs a chroinn-cheusaich." Air bhi do Adhamh ann an cruth seirbhisich—is e sin, ann an inbhe agus ann an suidheachadh seirbhisich—dh' oidhirpitch e le gniomh reubainn e féin a chur ann an "cruth Dhé," no e féin a dheanamh coimh-ionann ri Dia. Air do'n Tighearn Criod a bhi ann an "cruth Dhé,"—is e sin de'n aon nàdur cheudna ris—cha do mheas e 'na reubainn e féin a bhi ann an inbhe Dhé, no "coimh-ionann ri Dia;" ach air bhi dha air 'fhangail ann an "cruth mar dhuine," a' gabhair ar nàduir air féin, dh' irioslaich se e féin dh' ionnsuidh cruth no staid agus inbhe seirbhisich ann. Bha uachdaranachd aige os ceann nan uile, gun a bhi fo fhiachaibh seirbhis no tòmhlaichd do neach sam bith, air bhi dha ann an "cruth Dhé," agus coimh-ionann ri Dia—an t-inbhe sin a dh' iarr Adhamh a ghlaicadh; gidheadh dh' irioslaich se e féin dh' ionnsuidh staid na h-iochdaranachd agus na seirbhis coitchinn chum a bhi 'g ar saoradh. Cha bhuiineadh an staid so

dha air a shon féin, ni's mò na bhuineadh e do Adhamh a bhi mar Dhia, no coimh-ionann ri Dia. Uime sin, theirear gu'n d'irioslaich se e féin chum na h-inbhé so, eadhon mar a b'aill le Adhamh a bhi 'ga àrdachadh féin dh'ionnsuidh staid nach robh dligheach dha.

Tha irioslachadh so Mhic Dhé dh' ionnsuidh staid na seirbhise coitchinn air a chur an céil leis an abstol, Eabh. x. 5. Oir tha e 'g edar-mhineachadh bhriathran sin an t-Salmadair, "Dh' fhosgal thu mo chluasan," Salm xl. 6, leis na briathran "Dh' ulluich thu corp dhomhsa." Tha na briathran anns an t-Salm air an gnáthachadh o chleachdadh an òglach fo'n lagh a thug e féin suas gu bràth do sheirbhis a mháighstir; agus mar chomharadh air a sin, aig an robh a chluas air a tolladh ri ursainn an doruis le minidh. Mar sin dh' ulluicheadh corp do Chriosd, chum anns a' chorp sin gu feudadh e bhi ann an staid na seirbhise coitchinn do Dhia. Agus anns an t-suidheachadh so, thàinig e gu bhi falamh, *gun ni sam bith aige de 'chuid féin*—an ceud shuidheachadh sin a b'aill le Adhamh a bhi fagail; seadh, cha robh a bheatha féin aige —bha e umhal gu bàs.

B'e so an dòigh, ma seadh, a rinn an gliocas diadhaidh a dhealbhadh, trid an robh tuilleadh glòire air a chur air naomhachd agus air firinn Dhé le irioslachadh, agus le tìmhlaichd, agus le seirbhis choitchionn an ti sin a b'e Dia os ceann nan uile, bean-naichte gu siorruidh, na chuireadh a dh' eas-onoir orra le féin-àrdachadh Adhaimh, a bha anns na h-uile ni'n a sheirbhiseach, ged a rùnaich e bhi coimh-ionann ri Dia.

2. *Bha Adhamh bochd ann féin*, mar is éigin do chreutair a bhi. Na bha de shaoibhreas aige 'n a làimh no 'n a chomas, cha bu leis féin e, dh' earbadh ris e a mbain air son seirbhise àraidh. Ann an suidheachadh so na bochdainn chaidh e'n ceann na reubainn, le bhi g' oidhirpeachadh a bhi coimh-ionann ri Dia. Air dha a bhi bochd, dheanadh se e féin saoibhir le bhi spùinneadh na h-inbhé sin a bhuineadh a mhain do Dhia. Thug so air féin agus air a shliochd uile, agus sin a réir ceartais, call nan uile nithe a dh' earbadh ris. Le so chaill sinn ionhaigh Dhé—chaill sinn ar còir air na creutairibh a tha air an talamh a bhos—chaill sinn sinn féin agus ar n-anama. B'e so erioch an ionnsuidh a thug e air a bhi saoibhir am feadh a bha e bochd.

Ann a' chor so rinn gliocas neo-chriochnach Dhé saorsa ulluchadh air ar son, chum a ghlòire féin. Oir air do'n Tighearn Iosa Criosd a bhi saoibhir ann féin, rinneadh bochd e air ar sonne, chum trid a bhochdainn-san gu'n bitheadh sinne air ar deanamh saoibhir, 2 Cor. viii. 9. Bha esan saoibhir anns an t-saoibhreas sin a b'aill le Adhamh a bhi 'glacadh le làimh na reubainn; oir bha e "ann an cruth Dhé, agus cha do mheas e 'n a reubainn e

féin a bhi coimh-ionann ri Dia." Gidheadh rinn se e féin bochd air ar son-ne, le bochdainn a b'aill le Adhamh a bhi 'euiteachadh; seadh, dh'ionnsuidh na h-inbhe sin nach robh aige "ionad anns an cuireadh e a cheann foidh"—bha e falamh. Le so dhiol e an ni sin nach d'rinn e riamh a chreach. dh'aisig e sin nach d'thug e riamh air falbh. Ann an irioslachadh so Chriosd, o ghràs agus o ghràdh do chloinn nan daoine, bha Dia air a ghlòrachadh gu h-aubarrach os ceann an eas-onoir a chuireadh air le féin-àrdachadh chiontach Adhaimh 'n a uabhar agus 'n a fhéin-ghràdh.

3. Bha peacadh an duine a' coimh-sheasamh air mhodh àraidh ann an *eas-ùmhlaichd*; agus bha e 'na eas-ùmhlaichd uaith-san a bha air na h-uile cor fo fhiachaibh na h-ùmhlaichd. Oir bha an duine ceangailte fo fhiachaibh neo-sheachanta na h-ùmhlaichd coitchinn, agus sin o na h-uile ni-a bha e ann féin, o na h-uile ni a thugadh dha, o na h-uile ni ris an robh sùil aige no a dh'fheudadh e bhi fathast a sealbhachadh, agus mar an ceudna o shuidheachadh a nàduir mar iochdaran, agus o nàdur agus o ùighdarras Dhé. B'e a pheacadh-san, ma seadh, eas-ùmhlaichd creutair a bha gu h-iomlan fo fhiachaibh na h-ùmhlaichd o dhearbh shuidheachadh a bhith agus an dàimh neo-sheachanta anns an robh e mar chreut-air do Dhia. B'e so a rinn a ghniomh peacaidh-san cho anabar-rach peacach, agus a dh' flag a thoraidhean 'n a thruaigh shiorruidh; agus do bhàrigh na dàimhe so anns an robh e, bha a pheacadh, ann an aon ghniomh air bith, 'n a threigsinn iomlan air gach uile ùmhlaichd do Dhia.

Uime sin, chum gu'm bitheadh glòir Dhé air a deanamh suas, feumaidh gniomh na h-eas-ùmhlaichd a bhi air a dhìoladh le ùmhlaichd a choimhlionadh, mar a chuireadh a cheana an céill. Agus mar bi ùmhlaichd iomlan air a h-iocadh do lagh Dhé anns a' cheart nàdur sin a pheacaich, cha-n urrainn an duine a bhi air a thèarmadh as eugmhais dochainn shiorruidh do ghlòir Dhé ann. Ach cha b'urrainn eas-ùmhlaichd an ti sin a bhi air a dioladh, air an robh e anns na h-uile seadh mar dhleasdanas ùmhlaichd a choimhlionadh, ach a mhain le ùmhlaichd an neach sin nach robh idir fo fhiachaibh dhi; agus dh'fheumadh so coimhlionadh fhaotainn leis-san a mhain a tha 'n a Dhia—oir bha 'na creatairean uile ceangailte foipe air an son féin—agus cha b'urrainn i bhi air a cur an gniomh ach leis-san a mhain a bha 'n a dhuine. Uime sin, chum a bhi 'coimhlionadh na h-ùmhlaichd so, thàinig esan a bha, 'n a phearsa féin mar Dhia, os ceann an lagha, gu bhi air a dheanamh, ann an nàdur a dhaonnachd, agus 'na phearsa féin mar dhuine, fo'n lagh. Mur bitheadh e air a dheanamh fo'n lagh, cha bhitheadh ùmhlaichd anns na rinn e; agus mur bitheadh e ann féin os ceann an lagha, cha bhitheadh tairbhe 'n a ùmhlaichd dhuinne. Bha peacadh Adhaimh—agus mar an ceudna na h-uile

peacadh eile—a' coimh-sheasamh ann an so—gn'm b'aill leis-san a bha anns na h-uile seadh fo'n lagh, a bhi anns na h-uile seadh os ceann an lagha. Uime sin, rinneadh dioladh air a shon chum glòire Dhè, le tòmhachd an ti sin a bha ann féin os ceann an lagha, air dha e fínean irioslachadh, ionnus gu'n "d'rinneadh e fo'n lagh"—anns na h-uile seadh fo fhiachaibh dha. Faic Gal. iii. 13, iv. 4. Is e so fínean air am bheil an t-abstol a' labhairt ann an Rom. v. 12-21.

Anns na crìochachaibh so uile, ma seadh, agus chum glòire Dhé, bha pearsa Chriosd, mar thoradh a' ghliocais neo-chriochnaich, freagarrach agus comasach air son a bhi 'na eadar-mheadhonair agus 'na fhéar gabhail os làimh eadar Dia agus daoinibh. Ann an aonadh an dà nàduir so anns an aon phearsa, rinneadh e mar so freagarrach do bhrigh a dhàimh ris gach taobh fa leth;—ri Dia mar *mhae*; ri daoinibh mar *bhràthair*, Eabh. ii. 14. Agus bha e làn-chomasach do bhrigh inbheachd a phearsa; oir bha fulangais aimsireil an ti sin a bha 'na phearsa fínean siorruidh 'nan làn dioladh air son fhlangas siorruidh na muinntir sin a bha anna fínean aimsireil.

4. *Rinn Dia an duine 'na thighearn nan uile nithe air an talamh so a bhos.* B'e oighre Dhé e, mar gn'm b'ann, a thaobh oighreachd an t-saoghail so ann an glòir aimsireil, agus a thaobh staid sonais ann an glòir shiorruidh. Gidheadh chaill e na h-uile còir air so tré'n pheacadh. Bhris e an cumha air an do ghléidh e a' chòir o làimh Dhé, agus uime sin thug Dia a' chòir uaithe. Air an aobhar sin, rùnaich e oighre nuadh a chomharachadh air na h-uile nithe, d'an d'thug e thairis oighreachd nèimh agus na talmhainn gu h-iomlan, eadhon a Mhac fínein. "Dh' òrduich se e 'na oighre air na h-uile ni," Eabh. i. 2. Tha so air a chur an céill leis an abstol, Eabh. ii. 6-9: oir na briathran sin a tha e 'g ainmeachadh o Shalm viii. 4-6.—"Cò e an duine gu'm bitheadh tuna cuimh-neachail air, agus mac an duin gu'm fiosraicheadh tu e? Rinn thu e beagan ni b'isle na na h-aingil, agus chrùn thu e le glòir agus le h-urram. Thug thu uachdararanachd dha os ceann oibre do làmh; chuir thu gach ni fo 'chosaibh,'—tha na briathran so, tha sinn ag ràdh, a' cur an céill ceud shuidheachaидh a' chinneadhaoine gu coitchionn. Ach chaill an duine a' chòir air an uachdararanachd agus air an oighreachd a dh' carbadh ris; agus rinn Dia an suidheachadh as ùr, a mhain anns an duine Iosa Criosc. Mar sin tha'n t-abstol ag ainmeachadh a ris, "Cha-n'eil sinn a' faicinn nan uile nithe fathast air an cur f'a cheannsal;" ach tha sinn 'ga fhaicinn air a choimhlionadh uile ann an Iosa, rann 8. Ach mar a tha a fiachan fínean a' leantuinn gach oighreachd eile, is amhuil a fluair esan an oighreachd so mar an ceudna fo fhiachaibh. Bha i fo fhiachaibh mòra a' pheacaidh. Dh' fheumadh iad so a bhi air

an dioladh leis, no cha b' urrainn e gu ceart seilbh a ghabhail air an oighreachd. Agus cha-n fheudadh so a bhi deanta air shedl sam bith eile ach le 'fhalangasaibh 'n ar nàdur, mar a chuireadh an céill. Bha esan a b'e oighre nan uile nithe, gu bhi 'glanadh ar peacaidhean troimh féin. Ann an so dh' fhoillsicheadh gliocas neo-chriochnach, anns gu'n d' thug e thairis oighreachd nan uile nithe d'a lamhaibh-san a bha freagarrach agus comasach air seilbh a ghabhail oirre agus a bhi 'ga mealtuinn, ann an rathad anns nach tigeadh call no dochann sam bith air saoibhreas, air teachd a stigh, no air glòir Dhé, leis an ana-caitheamh a rinneadh leis a' cheud shealbhadar.

5. Bha an duine r'a aiseag dh' ionnsnidh creidimh agus muinghin ann an Dia, agus mar an ceudna dh' ionnsuidh gràidh dha os ceann nan uile. Threig na nithe so ar nàdur gu h-ionlan; agus bha e 'na obair do-labhairt doirbh a bhi 'toirt cleachdaidh dhoibh a ris ann. Rinn sinn Dia a bhrosnachadh cho mòr, agus rinn e san a leithid de chomharaidhibh a dhiomaidh agus a chorruich 'fhoill-seachadh, agus bha ar n-inntinnean uime sin cho mòr 'nan coimhich dha, as gu'n robh feum againn air na h-aobhairibh-brosnachaidh a bu mhò, agus na h-aobhairibh-misnich a b' àird, gu bhi buadh-achadh oirnn pilleadh d'a ionnsuidh, ionnus gu'n deanamaid ar creidimh agus ar muinghin gu léir a shocrachadh ann, agus gu'n tugamaid ar gràdh gu h-ionlan dha.

Tha peacaich gu coitchionn beò a' dearmad Dhé agus a' deanamh tar cuiis air, air bhi dhoibh ann an naimhdeas 'na aghaidh; ach an uair a dhearbhar orra gur éigin doibh oidhirpeachadh pilleadh d'a ionnsuidh, is e an ceud ni ris am bheil aca ri gleachdadh an *t-eagal*. Air dhoibh tòiseachadh ri bhi tuigsinn cò e agus ciod e, agus mar an ceudna mar a tha cùisean a seasamh eadar e féin agus iadsan, tha eagal orra aghaidh a chur air, agus tha iad 'ga mheas mar ni mi-chomasach deadh-ghean fhaotainn naithe. B'e so breithneachadh Adhaimh, an déagh dha peacachadh, 'nuair a bha eagal air, agus a dh' fholair se e féin. Agus tha mothachadh pheacach eile air a chur an céill anns an Sgriobtuir air an dòigh cheudna, Faic Isa. xxx. 14; Micah vi. 6-7.

Tha ulluchadh ionlan deanta 'an aghaidh na h-uile mi-mhis-neich dhuibh so ann an innleachd sìn ar slàinte a dhealbhadh le gliocas neo-chriochnaich Dhe. Bhitheadh e 'na thoil-inntinn comharaichte a bhi beachd-smuaineachadh 'am farsuinneachd air gach barantas a thugadh dhuinn air deadh-ghean Dhé ann, ann an coimh-cheangal ris gach gràs, agus cleachdadh, agus dleasdanas, anns am bheil ath-nuadhachadh ionmaigh Dhé a' coimh-sheasamh. Ach feumaidh sinn ar beachdan a ghiorrhachadh, agus uime sin cha dean sinn ach beagan nithe a thoirt fainear mar eisampleiribh chum na crìche sin.

(1.) Cha-n urrainn creidimh misneachadh no daingneachadh ni's ro mhò' fhaotainn na thugadh dha anns an aon bheachd so—gu bheil na h-uile ni a tha r'a chreidsinn leinn chum sláinte *air a chur an céill dhruinn le Dia fén'n ar nàdur*. Ciod eile b' urrainn ar creidimh agus ar muinghin ann an Dia a dhaingneachadh, ciod eile b' urrainn ar misneachadh gu bhi 'g altrum dèchais deadh-ghean fhaotainn uaith, cosmhuil ris an fhianuis do-labhairt so air a mhaitheas d'ar taobh? Cha ghiùlain nàdur nan nithe fén dearbh-bheachd ni's ro mhò, oir cha-n'eil e comasach do nàdur na Diadhachd irioslachadh ni's ro mhò a chleachdadh.

Is e so a tha an Sgriobtuir a' cumail r'ar n-aghaidh mar ni a bu chòir buadhachadh oirnn, an aghaidh gach eagail agus grabaidh, gu bhi dùnadhl ri gairmibh agus ri eunridhribh an t-soisgeil a bhi pilleadh dh' ionnsuidh Dhé: "Ma dheireadh, chuir e a mhae fén d'an ionnsuidh, ag rádh, Bheir iad urran do mo mhae," Mata xxi. 37,—creididh iad an teachdaireachd leis am bheil mi 'ga chur. "Labhair e ruinne tre a Mhae"—"dealradh a ghlòire, agus fior ionhaigh a phearsa," Eabh. i. 1—3. Is leòir so gu bhi 'cur air theicheadh gach dorchadas agus buaireas a dh' fheudas eagal, agus uamhuinn, agus ciont, a bhi 'dusgadh suas ann an innitinnibh dhaoine, 'nuair a tha iad air an eunridh gu bhi pilleadh dh' ionnsuidh Dhé. Ciod tuilleadh a b' urrainn òirdheirceis na Diadhachd a dheanamh 'nan irioslachd do-labhairt, na gu'n tigeadh an Dia sin fén an aghaidh an do pheacaich sinn, gu bhi labhairt ruinn mu philleadh agus gu bhi 'deanamh gnothuich ruinn, 'n ar nàdur fén? Agus mar a bha so neo-sheachanta d'ar taobh-ne—ged nach 'eil tuigse aig daoinibh àrdanach agus gun mhothachadh peacaidh dha—is amhuil sin, ma dhiúltar e, a bhitheas e leasachadh ar sgrios shiorruidh, Eabh. xii. 25.

(2.) Tha *suidheachadh so chùisean* a nis air taobh Dhé a' coimh-sheasamh air mhodh àraidih ann an *gairm dhiaidhaidh*, a tha 'cur an céill gu bheil gach uile aobhar eagail agus uamhuinn do bhrigh peacaidh air a ghiùlan air falbh. Is e so suim an t-soisgeil, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, 2 Cor. v. 18, 31. Air an aobhar sin, ma dhiùltas sinn pilleadh dh' ionnsuidh Dhé, an déigh so uile, chum a dheanamh 'na chuspair ar creidimh, agus ar muinghin, agus ar gràidh, agus ar tlachd, cha-n'eil sinn a deanamh sin do bhrigh peacaidh sam bith a gniomhaicheadh roimh, no do bhrigh ar eund sheacharain o Dbia, no na rinneadh an aghaidh an lagha, ach do bhrigh gu bheil sinn a' cur peacaidh nuaidh an gniomh a tha toirt barrachd orra uile ann an ciont agus ann an tarcais air Dia. Agus is e sin, a bhi bunachadh ann am mi-chreidimh an aghaidh uile thairgsean an t-soisgeil. Tha naimhdeas ann a tha toirt Larrachd air na h-uile peacadh eile. Ach ann an innleachd so ar sláinte tha gach uile aobhar eagail agus uamhuinn air a

għiùlan air falbh—na h-uile teagamh a thaobh gràidh agus deadh-ghean Dhé áir a choinneachadh ; air chor as mur pill daoine d'a ionnsuidh an déigh so uile, is ann do bhrigh am fuath dha agus an nainhdeas 'na aghaidh ; ionnus nach d' flagadħ dhoibh ach a bhi 'g ittheadh an toraidhean truagħa tre'n t-siorruidheachd.

(3.) A mheud 's gu feum sinn pilleadħ dh' ionnsuidh Dhe ann an *gràdh*, ma philleas sinn d'a ionnsuidh tre *chreidimh*, ciod am meadħon eile a's eifeachdaich chum ar brosnachadh suas d'a ionnsuidh, na gràdh neo-chriochnach sin an Athar agus a' Mhic dhuinn, a tha air 'fhoillseachadh gu ro ghlorrmhor ann an innleachd so ar slàinte ? Faic 1 Eoin iv. 9, 10.

(4.) Air do'n chinne-dhaqine gu léir tuiteam ann am peacadħ an aghaidh Dhé, agus a dhol air seacharan uaith, cha d' flagadħ *eisampleir* sam bitħ dhoibh leis am bittheadħ e air a nochdadħ cia cho ġirdheire, agus cho glòrmħor, agus cho cubhaidh as a tha e' i bhi beð do Dħia—a bhi creidsinn gu muingħineach ann, agus a bhi dlùth-leantuinn għun claqnadh ris ann an gràdh ; oir bha iad gu h-iomlan 'n an coigrich do chleachdadħ nan aingeal shuas, cha mhō a b' urrainn buaidh a bhi aig an eisampleir orra. Ach mur bith-eachd saimprel nan nithe so aca, a bhittheadħ a 'taisbeanadħ an ġirdheircies a bha annta, agus an duais a bha coimħċeangailte riu, cha b' urrainn iad a bhi gu darrachdach a' miannachadħ ruigheachd orra. Tha so againn, ma seadh, air dhoiġ ro chomħaraichte ann an *daonnachd Chriost*. Faic Eabħ. xii. 2, 3. Uime sin, thugadħ dhuu ħi ann an so na h-uile ni a tha feumail chum ar misneachadh gu bhi pilleadħ dh' ionnsuidh Dhé, agus sin air ulluchadħ agus air a chumail r'ar n-agħaidh ann an gliocas neo-chriochnajch.

6. Ann an döigh so ar slàinte tre Iosa Criost, Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil, rūnaich an gliocas diadħħaidh a bhi *'gloruck-ah staid ùmhlachd do Dħia*, agus a bhi 'tilgeadħ maskaidħ na h-amaideachd do-labhairt air gniomh an duine ann a bhi 'treigsinn an staid sin tre'n pheacadħ. Oir, mar a rūnaich Dia ar n-aisceg agus ar leigheas ; is amhuil sin a rūnaich e a dheanamh ann an rathad ùmhlachd air ar taobh-ne—an ùmhlachd sin a rinn sinn a chur air cùl. B'e rün an duine, air chomħairle Shàtain, a bhi glic mar Dħia, fiosrach air maith agus air ole. Chuireadħ amaideachd na h-ionnsuidh so 'am follais gu grad 'na toraidhibb. Thàinig mothachadħ na lomnoħħdaidħ, maille ri näire, agus truaigh, agus bàs, gu h-obann 'na lorg.

Ach bu toigh le gliocas Dhé a bhi 'meudachadħ maslaidħ na h-amaideachd so. Bu mhiann leis a bhi leigeadħ ris dhuu ħi anns an robh fior eħol maith agus uile a' coimħ-sheasamħ, agus cho amaideach as a bla e a bhi 'ga iarraidħ ann an rathad a bhi treigsinn staid sin na h-ùmhlachd anns an do chruthaiceadħ sinn.

Ann an Iob xxviii., o rann 12 gu deireadh a' chaibideil, tha rannsachadh air a chur air chois an déigh gliocais, agus ionaid a còmhnuidh. Tha na creutairean gu léir a' deanamh fianuis nach 'eil i annta-san, gu bheil i folaithe uatha—a mhain gu'n euala iad a cliù. Tha an coimh-theagasc gu léir a' nochdadh gur e Dia a mhain *priomh thobar a bith*. Ach mur fheudar èolas a ghabhail oirre mar a tha i mar so innte féin, gidheadh nach fheudar aithneachadh ciod a tha 'na ghliocas dhuinne, agus ciod a tha air iarraigdh oirnn chum na criche sin? Feudaidh, tha e'g ràdh, oir "thubhairt e ris an duine, Feuch, eagal an Tighearna, is e sin gliocas, agus an t-olc a threigsinn, tuigse, rann 28. Air an làimh eile, bha an duine, air chomhairle Shatain, a' smuaineachadh air sheòl eile, agus tha e féin a nis de'n inntinn cheudna, eadhon, gur e bhì treigsinn nan nithe so anns am bheil gliocas a' coimh-sheasamh. Cha toirear a chreidsinn air an t-saoghal idir gur e "eagal an Tighearna, gliocas, agus an t-olc a threigsinn, tuigse;" seadh, cha-n'eil ni sam bith air am bheil daoine cho mòr a' deanamh tair agus a' maslachadh, ri bhi smuaineachadh gu bheil fior ghliocas a' coimh-sheasamh ann an creidimh, ann an gràdh, ann an eagal, agus ann an ùmhlaichd do Dhia. Faic Salm xiv. 6. Cia b'e air bith eile a dh'fleudas a bhi ann, tha iad cinnteach nach 'eil annta-san a tha 'g amhare air na nithibh so mar ghliocas ach amadana.

Uime sin, chum a bhi 'eur imleachd so an diabhul agus an duine fo nhasladh shiorruidh na h-amaideachd, agus chum a bhi dearbhadh gu soilleir ciod anns am bheil fior ghliocas a' coimh-sheasamh, bu toil le Dia a bhi 'glòrachadh staid ùmhlaichd. B'aill leis a bhi 'ga thaisbeanadh 'na staid gun choimeas ni's òirdheirece agus ni's ion-mhiannaichte, na b' urrainn a bhi deanta le ùmhlaichd uile ainglean nèimh agus dhaoine air thalamh, ged a robh iad uile air buanachadh innt. Agus rinn e sin ann an imleachd so ar slàinte, anns gu'n d' thàinig a Mhae siorruidh féin fo staid ùmhlaichd, a' gabhail air féin "eruth" no cor "seirbhisich" do Dhia.

Ciod a b' urrainn a bhi 'na dhéarbhadh ni's soilleire air amaideachd a' chinne-dhaoine ann an eisdeachd ri comhairle Shatain a thaobh gliocais 'iarraidh ann an eor sam bith eile? Cionnus a b' urrainn an ràdh diadhaidh sin, a chuireadh sios an aghaidh uile smuaintean diomhain dhaoine, coimhlionadh ni bu shoilleire fhaotainn—gur e "eagal an Tighearna, gliocas; agus an t-olc a threigsinn, tuigse?" Cionnus a dh' fheudadh e barrachd dearbhaidh 'thaotainn, nach urrainn nàdur an duine a bhi ann an suidheachadh ni's ro fhéarr, na bhi deanamh seirbhis, agus a' toirt ùmhlaichd coitchinn, do Dhia? Cionnus a b' urrainn suidheachadh sam bith a bhi air a thaisbeanadh ni's ro thaitniche, ni's ion-mhiannaichte, agus ni's beannaichte na so? Ann an ùmhlaichd Chriosd, Mhic Dhé 'nar nàdur, tha amaideachd pheacach cheannairceach air a

tilgeadh orra, ann an treigsinn an staid sin a rinneadh cho glòrmhor le 'umhlachd-san. Ciod a bhuanach sinn le cùl a chur ri suidheachadh anns an robh Mac siorruidh Dhé a' gabhail tlachd? "Is e mo thlachd," tha e'g ràdh, "do thoil a dheanamh, a Dhé; seadh, tha do lagh an taobh a stigh de m' chridhe," Salm xl. 8. Tha so anns an t-seadh a's airde a' dearbhadh nach urrainn ni sam bith eile bhi cho maiseach, no cho òrdail, no cho glòrmhor d'ar nàdur, ri bhi 'toirt umhlachd do Dhaia. Agus tha fios againn a nise nach 'eil anns an staid sin chum an do thuit sinn ann a bhi 'ga treigsinn ach dorchadas, agus aimhreit, agus truaigh.

Uime sin, a mheud 's gu'm bu toigh le Dia, 'n a ghràs agus 'n a thròcair neo-chriochnacl, ar n-aiseag d'a ionnsuidh féin; agus a mheud 's gu'm bu toigh leis sin a dheanamh, 'n a fhìrinn agus 'n a naomhachd, ann an rathad na h-umhlachd—an umhlachd sin a rinn sinne a threigsinn; tha comharadh ro inbheach a' ghliocais dhiadhaidh r'a fhaicinn ann an tilgeadh maslaidh na h-amaideachd do-labhairt air ar seacharan o shlighe na h-umhlachd, agus ann a bhi 'ga taisbeanadh mar shlighe ro thaitneach agus ion-mhiannaichte dhoibh-san uile a tha gu pilleadh d'a h-ionnsuidh, mar a rinneadh ann an diòmhaireachd so na diadhachd, Dia air fhoillseachadh anns an fheòil, aon mheadhon mòr ar saorsa.

Is e ceum a's airde ar gliocais, ma seadh, anns an t-saoghal so, a bhi gabhail näire na h-amaideachd so d'ar n-ionnsuidh, a bhi 'ga mothachadh a ghnàth, agus a bhi bò a ghnàth a' beachdachadh air glòir na h-umhlachd ann am pearsa Chriosd, ionnus gu'm bitheamaid air ar faotainn 'gar sineadh féin gu dìchiollach dh' ionnsuidh comh-chumaidh rithe;—agus co air bith iad a tha air atharrachadh beachd, tha iad ann air chunnart an anama.

7. Rinn Dia, 'n a ghliocas neo-chriochnach, *an t-iomlan de'n oighreachd a dhaingneachadh leis a mheadhon so, ionnus nach theudar a call an dara uair.* Cia b'e air bith ni a bhullicheas Dia air cloinn nan daoine, tha e 'ga thoirt thairis dhoibh mar oighreachd. Air an dòigh so bha fearann Chanaain, a thugadh chum a bhi samhlachadh nithe spioradail agus siorruidh, air a thoirt do Abraham agus d'a shìol mar oighreachd. Agus tha a chòir anns a' ghealladh air a cur an céill le bhi 'na "oighre air an t-saoghal." Cha-n 'eil ni sam bith de nithe na beatha so, a tha d'a rireadh maith agus tarbhach dhuinn, nach buin do'n oighreachd so. Bhuineadh iad dhi mar an ceudna 'nuair a thugadh thairis i air tùs do Adhamh. Ann an oighreachd so tha gràs agus glòir. Agus tha sochair nan creideach gu léir a' coimh-sheasamh ann a bhi 'n an oighreachaibh na slàinte. Uime sin, aig an diadhachd tha "gealladh na beatha 'tha làthair, agus a chum teachd," 1 Tim. iv. 8. Agus is ann a thaobh na h-oighreachd a mhain a tha an gealladh air a thabhairt. Bha an oighreachd so, mar a dh'

ainmicheadh roimh, air a call ann an Adhamh, agus air a pilleadh do làimh Tighearna agus sealbhadair mòr nèimh agus na talmhainn. Gidheadh, bu toil leis, 'na ghràs àrd-nachdaranach agus 'na mhàithias, a h-aiseag a' ris — a thaoblh a sochairean gu léir—dù'n chead luchd-seilbh; agus sin le leasachadh gràis, agus le trom-chudthrom glòire a tha nì's ro anabarraiche. Ach dh' ulluich an glioicas diadhlaigh mar an ceudna nach caillear i an dara uair. Uime sin cha-n'eil i air a toirt thairis gu neo-inheadhonach do làimh neach sam bith dhiubh sin air son am bheil i air a h-ulluchadh agus d'an bheil i air a tabhairt. Chàidh deuchainn a chur orra roimh, agus dhiobair iad, ionnus gu'n d'thugadh iad gu bochdaimh agus gu milleadh siorruidh, mur bitheadh gràs neo-chriochmach air teachd 's an eadargain chum fuasglaidd dhoibh. Agus cha robh e 'coimh-sheasmhach ri glioicas agus ri glòir Dhé, a bh. 'ga buileachadh an dara uair ann an rathad sam bith anns am feudtadh a call air an doigh cheudna a' ris. Air an aobhar sin cha-n' earbadh e tuilleadh i do làimh neach sam bith nach robh ach 'na chreutair a mhain: cha mhò a b' urrainn sin a bhi deanta ann an t-earuinteachd sam bith d'a ghòir. Oir,—

(1.) Bha an *cùram ro mhòr*, gu'm bitheadh oighreachd nèimh agus na talmhaimh uile —uile shaoibhlreas gràis agus glòire—air 'earbsa ri aon air bith dhiubh. Cha tugadh Dia a' ghòir so do chreutair sam bith. Ma their neach gu'n d' e' rbadh so air tús ri Adhamh, agus uime sin nach bitheadh e os ceann comais creutair an onoir cheudna a ghiulan a' ris; tha sinn a' freagradh gu bheil nàdur na h-oighreachd gu mòr air 'atharrachadh. Tha an t-ionlan de na dh' earbadh ri Adhamh a' teachd gearr gu h-anabarrach air sin a rinn Dia a nise 'ulluchadh mar oighreachd na h-eaglais. Tha gràs imte, agus glòir mar an ceudna, air nach robh coir sam bith aig Adhamh, agus nach mò a b' urrainn a bhi aige. Tha an oighreachd a nise de nàdur nach b' urrainn i bhi aon chuid air a h-earbsa ri creutair a mhain, no air a comhpairteachadh leis. Os bàrr, d'a thaoblh-san aig am bheil i, is euspair creidimh agus muinghin na h-eaglais e; cha mhò is urrainn neach sam bith còir fhaotainn ann an earrann sam bith de'n oighreachd as eugmhais cleachdaidh nan gràsan sin agus gach uile ghràis eile air a chuspair d'an oighreachd i. Agus cha bluin so ach a mhain do nàdur na Diadhachd.

(2.) Cha b' urrainn neach nach robh ach 'na chreutair a mhain an oighreachd a dhaingneachadh ionnus nach b' urrainn i tuilleadh a bhi air a call; agus ged a bhitheadh a' chuis mar sin, gidheadh bhitheadh e gu mòr 'na isleachadh air glòir Dhé. Oir bha dà ni feumail chum na crìche so;—*Anns a' chend ait*, Gu'm bitheadh esan ris an d' carbadh an cùram gun chomas failneachaidh sam bith ann féin, trid am b' urrainn còir na h-oighreachd a bhi air a

call, a réir lagh' shiornnidh agus neo-chaochlaidhich na h-ùmhlaichd do Dhia. *Anns an dara ait*, Gu'n gabhadh e os làmh air an son-san uile a bhitheas 'nan oighreachaibh na slàinte, agus a bhitheas a' mealtuinn na h-oighreachd so, nach cailleadh a h-aon diubh an còir phearsanta féin innte, agus nach briseadh iad na cumhachan air am bheil i air a páirteachadh riu agus air a frithealadh orra. Ach cha robh neach sam bith nach robh ach'na chreutair a mhain foghainteach air son nan crìochan so ; oir cha-n 'eil neach sam bith dhiubh, ann agus uaith féin, agus a réir suidheachaidh a nàduir, a tha gu h-iomlan saor o thmiteam air falbh o Dhia. Feudaidh iad daingneachadh 'thaotainn, tre ghràs, mar a fhuaire na h-ainglean air nèamh agus na naoimh ann an glòir, air chor as nach tuit iad gu bràth air falbh o Dhia ; gidheadh cha-n 'eil an seasmhachd so aca annta féin, no ann an comh-shuidheachadh an nàdur,—a tha neo-sheachanta dhasan ris am bi an cùram so air 'earbsa. Air a' mhodh cheudna, 'nuair a dh' earbadh air tús e ri Adhamh, dh' ftagadh e gu bhi 'ga gheidheadh leis na comasaibh nàduir sin a chruthaicheadh maille ris. Agus a thaobh an dara ni, cha-n urrainn uile ainglean na gloire gabhail os làimh ùmhlaichd aoin duine a dhaingneachadh, ionnus gu'm bitheadh còir na h-oighreachd seasmhach dha. Tha iad cho neo-fhoghainteach air son na crìche so, as gur e an cùram a's mò a dh' earbadh riu d'a taobh, ged is iad a's naoimhe agus a's glòrmhoire de uile chreutairibh Dhé, a bhi 'nan "spioridaibh frithealaiddh, air an cur a mach chum frithealadh dhoibh-san a bhitheas 'nan oighreachaibh na slàinte," Eabh. i. 14.

Ach rinneadh ulluchadh air son so uile le gliocas neo-chrioch-naich Dhé, ann an ðiomhairreachd mhòir sin na diadhachd, "Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil." Ann an so tha Dia a' dean-amh aoin-ghin Mhic féin '*na oighre nan uile nithe*', agus ag earbsa na h-oighreachd nile gu h-iomlan 'na làmhaibh. Oir a thaobh chòirichean na h-oighreachd—am meadhon faicsinneach sin anns am bheil i air a toirt thairis, ni a's e an *gealladh*—thugadh so air tús do Chriosd a mhain. Cha dubhaint Dia, "Agus do shiòlaibh, mar gu'm bitheadh e labhairt mu mhòran ; ach mar mu aon, Agus do d' shiòl-sa, neach a's e Criosd," Gal. iii. 16. Agus rinneadh sinn a ris 'n ar n-oighreachaibh air Dia a mhain mar a tha sinn 'n ar comh-oighreachaibh maille ri Criosd, Rom. viii. 17; is e sin, le bhi faotainn comh-roinn de'n oighreachd sin a dh' earbadh ris-san a mhain. Oir feudaidh *mòran* comhpait 'thaotainn dé *shoch-airibh* na h-oighreachd sin nach d' earbadh a thaobh còir ach ri aon neach a mhain ; is e sin, 'nuair a tha i air a toirt thairis dha air son na crìche sin. Agus le so tha làn-ulluchadh air a dhean-amh air son gach crìch a dh' ainmicheadh roimh. Oir—

[1.] Tha esan a rinneadh mar so 'na "oighre nan uile nithe"

iomchuidh air gu'm bitheadh glòir na h-oighreachd air a h-earbsa ris. Oir far am bheil an toirt thairis so air a chur an céill, agus sin air mhodh ro chomharaichte, tha e sgriobhta uime gur esan “dealradh glòir an Athar, agus fior iomhaigh a phearsa,” Eabh. i. 2, 3 ; agus gu'm b'ann trid-san a chruthaich e fös na saoghail. Is esan a mhain, ma seadh, a bha iomchuidh air a bhi na oighre, aig am bheil comh-roinn de nàdur na diadhachd, agus leis an do chruthaicheadh na h-uile nithe; oir tha nithe coimhcheangailte ris nach buin do neach sam bitheile.

[2.] Bha faillinn sam bith 'na phearsa féin gu h-iomlan mì-chomasach. Air do nàdur na daonnachd *bith* fhaotainn ann am pearsa Mhic Dhé, bha am peacadh a bu lugh a gu h-iomlan mì-chomasach dha ; oir is iad uile cleachdaidhean modhannail na daonnachd sin cleachdaidhean pearsa Mhic Dhé. Agus le so cha-n e mhain gu bheil an oighreachd air a daingneachadh, ach tha mar an ceudna dearbh-bheachd air a thabhairt dhoibh-san nile a tha creidsimi gu'n do dhaingnicheadh mar so i. Is e so beatha agus anam uile shòlasan an t-soisgeil, gu bheil an oighreachd gu h-iomlan—gràs agus glòir—air a deanamh thairis do Chriosd, far nach tuit i fo challdach gu bràth tuilleadh. ‘Nuair a tha sinn a’ mothachadh easbuidh gràis, nan rachamaid a dh’ ionnsuidh Dhé, agus a ràdh, “Athair, thoir dhomh-sa a’ chuid-roinn a thig orm de d’ mhaoin,” mar a rinn am mac struidheil, dheanamaid gu h-aith-ghearr a bhualeachadh mar a rinn esan, agus sinn féin a thoirt chum doimhne na bochdainn air an doigh cheudna. Ach a:n an Criosd tha an oighreachd gu léir air faotainn daingneachaidh gu siorruidh.

[3.] Tha e comasach air iadsan uile a ghleidheadh a bhitheas 'n an oighreachaibh na h-oighreachd so, ionnu nach caill iad an còir phearsanta féin innte, a réir cumhachan a’ choimhcheangail air an d’ rinneadh thairis dhoibh i. Tha toil agus comas aige an gleidheadh nile, le neart a ghràis, gus an tig iad gu bhi làn-mhealtuinn na h-oighreachd a cheannaicheadh. Tha sinne a’ gleidheadh ar còir leis an t-slat—aig toil an Tighearna ; agus is liomhorr tnislidh d'am bheil sinn buailteach, a tha 'gar tilgeadh fo a làimh, agus a’ brosnachadh a smachdachaidh. Gidheadh, air do'n t-seilbh uile a bhi air a deanamh thairis do Chriosd, tha i air a daingneachadh gu siorruidh dhuinn annsan, agus le a ghràs tha sinn air ar gleidheadh o ana-caitheamh sam bith, agus o chiont sam bith an aghaidh ar n-Ard-thighearn, a dheanadh ar tilgeadh a mach as ar seilbh. Faic Salm lxxxix. 27-32. Air a mhodh so, ma seadh, anns na h-uile ni, tha ulluchadh air a dheanamh le gliocas neo-chriochnaich Dhé, leis am bheil oighreachd gràis agus glòire air a gleidheadh o dhara calldach, a bhitheadh an dà chuid 'na mbilleadh siorruidh do'n chinne-dhaoine, agus neo-fhreagarrach do ghlòir agus do onoir Dhé.

8. *Bha gliocas Dhé air a h-ardachadh gu ro ghlòrmhor ann an sgrios cheart agus chothromach Shatain agus a chumhachd*, le teachd agus le eadar-mheadhonaireachd Mhic Dhé n' ar nàdur. Bhuadh-aich an diabhal an aghaidh ceud dhòigh foillseachaidh na glòire diadhaidh ; gniomh anns an robh e 'ga thoileachadh féin lé mòr uaill. Cha robh ni sam bith a b'urrainn a leithid a riarachadh a thoirt do mhi-run a' mhortair, ris a bhriseadh a rinn e eadar Dia agus an duine, leis gach dòchas agus beachd a bha aige gu'm maireadh e tre'n t-siorruidheachd. Bha e cinnteach gu'm bitheadh sliochd a' chinne-dhaoine gu léir, a rùnaich Dia a chur ann an seilbh air féin, air an sgrios gu siorruidh. Bha e 'riarachadh a ghàmhlaist an aghaidh an duine 'na mhilleadh siorruidh maille ris féin, agus a mhi-run an aghaidh Dhé ann am buntuinn uaith a ghlòire. Air a so, chuir se e fèin suas anns a' bhearn a rinneadh eadar Dia agus an duine, a' deanamh uaill as féin ré aimsir fhada mar "dhia an t-saoghal so," aig an robh na h-uile cumhachd os a cheann agus ann. B' iomchuidh, uime sin, do ghlòir gliocais Dhé gu'm bitheadh a' bhuaidh a fluair e air a cur bun os ceann. Cha mliò a bha e freagarrach gu'm bitheadh so deanta le gniomh àrd-uachdarach agus neo-chriochnach cumhachd a mhain ; oir dheanadh e uaill fathast 'na chuilbheart agus anns gu'n deach an là léis—nach robh dòigh air buaidh fhaotainn air ach a bhi 'ga cheannsachadh le cumhachd, gun spéis sam bith do cheartas no do chleachdadh sam bith gliocais. Air an aobhar sin, feumaidh e bhi deanta ann an rathad a leigeas ris, chum näire agus anh-luidh shiorruidh dha, gu'n do chuireadh a chuid do-bheartan innleachdach bun os ceann le gliocas neo-chriochnaich, agus gu'n do chuireadh 'obair gu léir 'na làraich ann an rathad cothroim agus ceartais. A thaobh sin a tha an Spiorad Naonh a' cur an céill mu'n nathair, an t-inneal a ghnáthaich an diabhal ann an tarruing an duine air falbh o Dhia—eadhon gu'n robh i "ni bu sheòlta na h-aon de bheathaichibh na macharach"—is ann a tha e 'nochdadadh a mhain ciod leis an do rùnaich e an ionnsuidh a thabhairt, agus ciod o'n robh e 'g altrum dochais na buaidhe. Cha b'ann le gniomh cumhachd no feirge ; ach le *cuibheart*, agus feall-chomhairle, agus sedltachd, agus ceilg. Ann an so bha e ri raiteachas agus uайл uime féin ; uime sin b'e an dòigh air a bhi toirt a nuas a ghnùis le näire, gu'n cuireadh gliocas neo-chriochnach innleachd air chois, a dheana'll a dho-bheartan gu léir 'n an amaideachd.

Tha obair so Dhé air a cur an céill anns an Sgriobtuir, ann an coimh-cheangal ri Satan, dà rathad :—Ann a' cheud ait, goirear dhith a bhi 'ga chreachadh, is e sin, a thaobh a chumhachd agus a' chreach a rinn e a ghlacadh. Bha an "duine làidir fo armaibh" r'a cheangal, agus a' chreach r'a roinn. Rinn an Tighearn Criosd,

le a bhàs, esan a chlaoideadh "aig an robh cumhachd a' bhais, is e sin, an diabhal." Thug e "bruid 'am braighdeanas," a' creachadh uachdaranaachdan agus cumhachdan, a' deanamh buaidh-chaithreim os an ceann 'na chraunn-ceusaidh. Air a' mbodh cheudna Abraham, 'nuair a bhual e na righrean, cha-n e mhain gu'n d' rinn e Lot a theasaírginn, a bha air a ghlacadh leò, achi ghlac e a' chreach gu léir a fhuaireadh aca. A ris, tha e air a chur an céill le bhi sgrios 'oibre : "Is ann chum na críche so a dh' fhoillsicheadh Mac Dhé, gu'n sgriosadh e oibre an diabhul." Bha a' chreach a bha aige 'na chumhachd féin air a toirt uaith, agus an obair a chuir e suas ann an imtinnibh dhaoine air a sgrios. An trusgan a rinn e fhigheadh chum e féin a sgeadachadh mar dhia an t-saoghal so, sgaoleadh as a chéile e gu ruig an ròinn nu dheireadh. Agus ged a tha so uile mar gu'm b'ann 'na thaisbeanadh de ghniomh cumhachd Dhé, gidheadh bba e da rìreadh agus air dhòigh àraighe 'na thoradh gliocais agus fireantachd.

Oir an cumhachd sin a bha aig Satan os ceann a' chinne-dhaoine bha e ann fèin *ni-dhligheach*. Oir, (1.) Fhuair se e le cuilbheart agus ceilg: "Mheall an mathair" Eubha. (2.) Bha e 'ga ghleidh-eadh leis an *eucoir*, oir bha e 'cur làimh na reubaimh ann an seilbh nach buineadh ach a mhain do Dhia. (3.) Bha e 'eur a chumhachd 'an cleachdadhl le *gamhlas*, agus ain-tighearnas, agus feirg ; air chor as gu'n robh e 'na chumhachd eucoireach anns na h-uile seadh, araon 'na nàdur agus 'na chleachdadhl. Agus, air an aobhar sin, bha e ann an ceartas air a sgrios le cumhachd neo-chriochnach, 'ga chleachdadhl féin ann an deanamh peanais shiorruidh air. Ach, air an làimh eile, bha an cinne-daoine a' fulang a réir ceartais fo a chumhachd—air dhoibh a bhi air an toirt thairis d'a làmhailbh ann an ceart bhreitheanas Dhé. Oir feudadh aon neach a bhi *fulang peanais a réir ceartais* a tha air a leagadh le neach eile *gu h-eucoireach*; mar an uair a tha neach gun aobhar a' bualadh duine neo-chiontaich, ma tha esan dioladh na buile le buil eile, tha an ceud neach a' fulang a réir ceartais, ged a tha an duine eile a' deanamh gu h-ole ann a bli 'ga dhioladh féin air. Uime sin, mar a thugadh thairis an duine do Shatan ann an rathad peanais, bu chobbhartach dhligheach e, agus cha-n fliundadh a theasaírginn ach ann an rathad ceartais. Agus riuncadh so ann an rathad nach d'fhàinig riabhann ann an eridhe Shatain a smuaineachadh. Oir, le iùmhlachd agus le fulangasaibh Mhie Dhé 'n ar nàdur, thugadh làn riarachadh do cheartas Dhé air son pheacaidhean dhaoine—bha a ghlòir air a leasachadh, agus onoir a naomhachd air 'ardachadh, maille ri uile bhuidhaibh eile a nàduir, agus mar an ceudna a lagh air 'urrannachadh, gu h-anabarrach os ceann an isleachaidh a rinneadh orra le ceud sheacharan a' chinne-dhaoine ; mar a chuireadh a cheana an céill. Air a so air ball sgaileadh

uile dhruidheachdan Shatain as a cheile, bha na cuibhrichean a rinn e 'cheangal air am fuasgladh, an dorchadas a thug e air a chruthachadh air a sgapadh, agus a rùn gu h-iomlan air a chur bun os ceann;—dh' fhoillsicheadh a nis dha féin, agus do uile ainglibh naomha na glòire, nach robh anns gael comhairle, agus cuilbheart, agus cumhachd, anns an do ghiùlan se e fein gu h-uaibhreach, ach aon mheall dorchadair, agus gamhlais, agus amайдeachd, agus laigse, agus corruiuch.

Rinn so dorus fhosgladh as ùr do Shatan dh' ionnsuidh aoin de phriomh earrannaibh a phiantan siorruidh, anns an fhéin-lotadh gharg sin d'an d' thugadh a nise thairis e, fo bheachd an iomruagaidh agus a' challdaich a thàinig air. Bha an *cumhachd neo-chriochnach* agus na dh' fheudas e' oibreachadh, a ghnàth 'na chùis-eagail da; oir tha e' *creidsinn sin*, agus a' *criothuachadh*. Ach shaoil leis gu'n d' rinn e a cheuman daingeann an aghaidh buadh sam bith eile. Tha e soilleir do thugse nan uile, mar a thilgeadh an ceannairceach uaibhreach sios fo näire, agus amhluadh, agus phiantaibh an fhéin-dhìolaidh, anns a mhilleadh chothromach agus naomh a rinneadh air a rùn; agus gu'n robh e a ghnàth a' gealtnunn da féin a dho-bheartan a thoirt gu h-ire, no co dhiùt gu'n tugadh e air Dia gu'n sgriosadh e an tighearnas sin a chruthaich e, agus sin le gniomh a chumhachd neo-chriochnaich a mhain, gun spéis do bhuaadh sam bith eile 'n a nädur. Is e so a tha 'leasachadh a dhòruinn shiorruidh gu ruig an ceum a's àird, —eadhon, a bhi 'faicinn na h-inneachd sin a dhealbh e air son a bhi sgrios glòire Dhé, agus air son a bhi mealladh a chriochan ann an cruthachadh nan uile nithe, maille ri sgrios shiorruidh a' chinne-dhaoine, a criochnachadh a nise ann an àrdachadh ni 's ro ghlòrmhoire air uile bhuaadhaibh naomha na Diadhachd, agus ann an leasachadh dolabhairt sonais do chloinn nan daoine iad féin. Bha so 'n a obair anns na h-uile rathad ionchuidh do ghliocas neo-chriochnaich Dhé.

9. A mheud 's gu bheil tri pearsachan cedar-dhealaichte anns an Trionaid naoimh, b' ionchuidh do ghliocas Dhé gu'm b'e *am Mac, an dara pearsa*, a ghabhadh an obair so os làimh, agus a ghabhadh ar nädur. Bithidh sinn aithghearr ann an toirt fainear na diomhaireachd ghlòrmhoir so; oir a thaobh a priomh aobhair, tha e r'a lorgachadh gu h-iomlan suas dh' ionnsuidh gliocais neo-chriochnaich agus comhairle àrd-uachdaranaich toil' Dé. Agus tha an samhul so de nitibh uile 'n an cuspairibh ar n-iongantais agus ar molaidh naoimh, nach fheudar a bhi ramsachadh le inntinnibh neònach. Cha-n 'eil buannachd sam bith d'ar ereidimh ann a bhi 'fòirneadh a steach gu dana chun nan nithe nach faca sinn—is e sin, nithe nach d' fhoillsicheadh, no chum nan nithe foluichta a tha coimhecheangailte riu sin a tha air am foilseachadh. Ach a

thaobh nan nithe sin anna a dh' fhoillsicheadh,—aon chuid gu neoinheadhonach anna fein, no'n an daimh do fhìrinnibh aithnichte eile—feudaidh sinn beachd-smuaineachadh orra chum buannachd d'ar creidimh agus leasachaidh ar gràidh a thaobh Dhé. Agus tha euid de nithe soilleir dhuinn air a' mhodh so anns an diomhaireachd so.

(1.) Aun an gniomhachadh a' pheacaidh chaill sinn *iomhaigh Dhé*, agus le sin gach uile dheadh-ghean 'na fhanuis; chaill sinn na h-uile còir 'na ghràdh agus 'na ghràs. Ann a bhi 'gar n-aiseag, mar a chuireadh an céill, tha an iomhaigh so r'a faotainn air a h-ais; is e sin, is éigin ar n-ath-nuadhachadh a dh' ionnsuidh coslais Dhé. Agus b' iomehui h do ghlioeas na Diadhachd gu'm bitheadh an obair so a' faotainn coimhlionaidh air dhòigh àraidh leis-san a's e iomhaigh shiorruidh Dhé, eadhon an Athar. Agus, mar a thug sinn fainear roimh, b'e so pearsa a' Mhic. Air dhasan a phearsantachd eadar-dhealaichte, agus mar an ceudna nàdur na Diadhachd, maille r'a bhmadhaibh siorruidh gu léir, fhaotainn o'n Athair tre ghineamhuinn shiorruidh, rinneadh e 'na fhìor iomhaigh a phearsa, agus 'na dhealradh a ghlòire. Cia b'e ni a tha ann am pearsa an Athair, tha sin ann am pearsa a' Mhic, agus air bhi dha uile air fhaotainn o'n Athair, is e am Mac iomhaigh a *bhith*. Agus b'e aon de na crìochaibh air son an d' thàinig e anns an fheòil, gu'm bitheadh e 'na iomhaigh fhoillsichte Dhé dhuinne. Uime sin, a mheud 's gu feumadh iomhaigh Dhé a bhi air a h-ath-nuadhachadh annainn, ann a bhi 'gar leigheas, bha e iomchuidh gu'm bitheadh so deanta leis-san a b'e iomhaigh shiorruidh a nàduir; oir tha an obair a' coimh-sheasamh ann a bhi comhpair-teachadh thoraidhean agus coslais na h-iomhaigh ceudna sin ruinne a bha gu nàdurra ann fein.

(2.) Bha sinn a thaobh ar cruthachaidh *n ar mic do Dhia*. Bha sinn ann an daimh mhac dha, le bhi 'faotainn iomhaigh agus a chosmhuiteachd, maille ris an ulluchadh a rinneadh ann an 'deasachadh oighreachd dhuinn. Air na h-aobhairibh ceudna goirear mic Dhé gu tric de na h-ainglibh. Ach chaill sinn an t-inbhe agus an daimh so gu h-iomlan tre'n pheacadh, agus thainig sinn gu bhi 'n ar coimhlich do Dhia, agus 'n ar náimhdean 'na aghaidh. Agus mur bi sinn air ar togail a dh' ionnsuidh na h-inbhe ceudna a ris, cha-n 'eil e comasach d'ar nàdur a bhi air a leigheas, no air a thoirt gu bhi 'mealtuinn Dhé. Agus cha-n urrainn so coimhlionadh fhaotainn aeh tre'n uchd-mhacachd. A nis, b' iomchuidh do'n ghlioeas dhiadhaidh gu'm bitheamaid air ar n-aiseag chum inbhe so nam mae tre'n uchd-mhacachd, leis-san a's e ann fein Mac siorruidh Dhé.

(3.) Tha suim na dh' fheudar a thuigsinn leinn de'n diomhaireachd mhòir so, r'a fhaotainn o bhi beachdachadh air *òrdugh oib-*

reuchaidh nam pearsa naomha anns an Trionaid bheannaichte; oir tha so a' coimh-fhreagairt ri ordugh am *bith* anns an aon nàdur. Chum na h-oibre móire so, tha tri nithe a tha air dhòigh àraidh air an iarraidh,—eadhon, ughdarras, agus gràdh, agus cumhachd, —uile fo threòrachadh a 'għliċais neo-chriċchaich. Tha còmh-nuidh aig na nithe so, anns a' cheud àit, ann am pearsa an Athar, agus tha an cleachdadh a tha iad a' faotainn anns an obair so a għnàth air a chur as a leth-san. Chuir e a Mhac, agus tha e 'buileachadh an Spioraid, le gniomh an ughdarras ġàrd-uachdar-anacha. Agus chuir e a Mhac mar an eċċuġa mar thoradh a għräidh shiorruidh;—għrädhaich e an saogħal, agus chuir e a Mhac gu bäsachadh. Tha so a għnàth air a chur as leth grāidh agus grāis an Athar. Agus dl' oibrich e ann an Criosc, agus tha e 'g oibreachadh annainne, ann an coimhlionadh ericħe na diomh-aireachd so, le "ro-nheud a chumhachd," Eph. i., 19. A nis, is e am Mac, mar an dara pearsa ann an ordugh am *bith*, a tha, ann an ordugh an *oibreochaidh*, a' cur an gniomh ughdarras, agus grāidh, agus cumhachd an Athar gu h-ioulan. Tha so air a chur an céill gu soilleir leis an abstol, I Cor. viii. 6, "Cha-n'eil dhuinne aċċa aon Dia, an t-Athair, o'm bheil na h-uile ni, agus sinne air a shonsan; agus aon Tigħearn Iosa Criosc, tre am bheil na h-uile ni, agus sinne trid-san." Is e ughdarras, agus gràdh, agus maiteas, agus cumhachd, an Athar, an tobar *o'm bheil* na nithe so gu léir ag eirigh. Tha an dá fhocal sin "*o'm bheil*;" a' comharachadh air dhòigh àraidh ceud thobair shiorruidh nan uile nithe. Ach cionnus a tha ughdarras, agus maiteas, agus gràdh, agus cumhachd so an Athar, o'm bheil na nithe so gu léir a sruthadh, air an deanamh éifeachdach—cionnus a tha an toraidħ-ean a' faotainn coimhlionaidh? "Tha aon Tigħearn," eadħon Iosa Criosc, pearsa eadar-dhealaichte o'n Athair, "*tre'm bheil* na h-uile ni." Tha esan ag oibreachadh anu an ordugh a bhith mar an dara pearsa, ann an rathad a bhi 'cur an gniomh agus a bhi coimhlionadh nan uile nithe a tha 'g eirigh, anns a' cheud àit, o'n Athair mar an ceud phearsa. Agus tha an Spiorad Naomh, neach a's e an treas pearsa ann an ordugh am *bith*, a' deanamh comh-chur éifeachd-aich de'n iomlan chum an criochan àraidh fa leth.

Uime sin, air do obair so ar saorsa agus ar sláinte a bhi 'na toradh àraidh ughdarras, agus grāidh, agus cumhachd an Athar, bha i gu coimhlionadh flaoṭainn ann agus trid pearsa a Mhic; amhuil a tha i air a comh-chur ruinn leis an Spiorad Naomh. Air an aobhar sin cha b'e pearsa an Athar d'am b' ionchuidh ar nàdur a għabbail,—cha b' ann do'n cheud phears' a bluineadh sin, a réir ordugh am *bith* agus an oibreachaidh anns an Trionaid bheannaichte. Is ann dha-san air dhòigh àraidh a bhuineadh an t-ugħdarras, agus an gràdh, agus an cumhachd, o'n d' eirich an

obair gu h-iomlan. Ach is ann do phears' eile a bhuiineadh a bhi 'coimhlionadh na h-oibre sin a rùnaich an glicas neo-chriochnach annta agus d'an trid. Cha mhò a bhuiineadh so do phears' an Spioraid Naoimh, neach, a réir ordugh an oibreachaidh dhiadhadh coimh-fhreagarrach ri ordugh am bith, a bha gus an obair gu leir a thoirt dh' ionnsuidh fairfeachd, ann a bhi 'ga comh-chur ris an eaglais air dhi coimhlionadh fhaotainn anns an dara pearsa. Uime sin, bha e anns na h-uile seadh coimh-fhreagarrach ri glicas na Diadhachd, agus mar an ceudna ri ordugh nam Pearsa Naomha 'nam bith agus 'nan oibreachadh anns an Trionaid, gu'm bitheadh an obair so air a gabhail os làimh agus air a coimhlionadh ann agus trid pearsa a' Mhic. Cha-n fheudar leinn tuilleadh na so a rádh d'a thaobh gu ruig saoghal eile.

Annta so, ma seadh, tha cuid de na nithibh sin anns am bheil glicas neo-chriochnach Dhé, anns an innleachd naoimh so, a' taisbeanadh tomhais do dhealradh a glòire do inntinnibh a chaidh a shoillseachadh agus do anamaibh a tha da rìreadh air an irios-lachadh. Ach cia cho beag as a tha an earrann sin d'a ghlicas a chluinnear leinn ! Cia cho annlhunn, cia cho diblidh as a tha ar breithneachadh d'a taobh ! Cha-n fheudar leinn an t-Uile-chumhachdach fhaghail a mach ann an so gu h-iomlan. Cha bheag an earrann de ghlòir na flaitheanais a blitheas a' coimh-sheasamh anns a bhreithneachadh a blitheas againn ann an diomhaireachd glicais, agus gràidh, agus gràis Dhé ann.

Gidheadh, tha mar fhiachaibh oirnn a bhi cleachdadhar ar uile dhìchill a' beachd smuaineachadh air na nithe so am feadh a tha sinn air an t-sligte. Is ann anns an diomhaireachd so a tha uile fhùrinnean glòrmhor an t-soisgeil a' coinneachadh. Cha-n 'eil a h-aon diubh a dh' fheudar a thuigsinn, no a chreidsinn, no a chur gu buil mar bu chòir, mur 'eil sinn a' toirt fainear na dàimhe anns am bheil iad uile a' seasamh dhi, mar a nochd sinn roimh.

B'e so an ni mu'n d' fhiosraich na faidhean o shean agus mu'n d' rinn iad geur-rannsachadh, eadhon diomhaireachd so na diadhachd, Dia air fhoillseachadh anns an fheòil, agus a' ghlòir a bha 'ga leantuinn, 1 Phead. i. 11. Gidheadh cha robh an solus sin aca anns an gabhadh iad eòlas air a tha a nise againne. Feudaidh "an neach a's lugh a ann an rioghachd Dhé," ann an eòlas na diomhaireachd so, a bhi air thoisearch air an neach a's mò dhiubh. Agus nach bu chubbaidh dhuinn faitcheas a bhi oirnn air eagal gu'n ditear ar mairnealachd fo dhealradh glan na gréine le dichioll nam faidhean 's an du-thràth ?

Is nithe so air am miann leis na h-ainglibh beachdachadh, ged nach 'eil an gnothuch cendna sin aca riu a tha againne. Ach is ainglean na h-ainglean, agus b' fhàidhean na faidhean ; cha-n' eil

annainne ach ginealach bochd, peacach dhaoine, air nach 'eil ach ro bheag de chûram mu ghlòir Dhé no ar dleasdamas féin.

Nach 'eil e 'na chuis-bhroin gu bheil mòran Chriosdaidhean a tha 'gan riarachadh féin le tomhas ro bheag a dh' eòlas air na nithibh so? Cia cho dìchiollach as a tha mòran de dhaoinibh cliuiteach an t-saogail, a' cleachdadhl an comasan agus a' buileachadh an tine, a rannsachadh oibre a' chruthachaidh, agus toraidhean gliocais agus cumhachd Dhé anna, gidheadh leis am bheil an tomhas a's lugha rannsachaidh anns an diomhaireachd ghlòrmhoir so air a dhearmad, mur 'eil air a mhaslachadh! Mo thruaighe! tha dealradh na reulta a's annbuinne soluis ni's coltaiche ri glòir na gréine, na tha solus sin a ghliocais dhiadhaidh a tha r'a fhaicinn ann an oibrigh a' chruthachaidh, ri glòir a ghliocais cheudna a' dealradh ann an diomh'aireachd na diadhachd. Dia air fhoillseachadh anns an fheòil, agus anns an obair a choimhlionadh ann. Cuiridh beagan tine crioch air na nithibh sin gu léir air am bheil iad a' buileachadh an aire, maille ris gach feum a tha aig Dia agus aig duine dhoibh gu bràth tuilleadh. Is e so a mhain a tha 'lionadh suas na siorruidheachd, agus a bhitheas gu h-aithghearr na h-uile ni, ged a tha e nise ann am breith chuid mar neo-ni.

Nach 'eil e ni's ro mhò 'na chuis-bhroin, gu bheil mòran d'an goirear Criodaidhean eadhon a' deanamh tàire air na diomhaireachdaibh so? Tha euid a' eur làimh anna gu follaiseach le mearachdaibh erionail mu phearsa Chriosd, ag àicheadh a dhiaidhachd, no aonadh a dhà nàdur anns an aon phearsa, leis am bheil iad a' fùsachadh agus a' eur air eùl an iomlain de dhiomhaireachd gliocais neo-chìochnaich Dhé; agus tha euid eile, ged nach 'eil iad ann an cainnt ag àicheadh firinn na diomhaireachd, gidheadh a tha 'maslachadh agus a' deanamh tàire air an dream a tha taisbeanadh tomhais sam bith diehill a' beachd-smuaineachadh oirre. Ach d'an taobh-san a tha da rìreadh a' creidsinn dhiomhaireachdan an t-soisgeil, is e a their sinn, ann am briathraibh an abstoil a ghnàthaicheadh air aobhar cosmhuil ri so;—"Ach air bhi dhuibhsa, a mhuianntir ionuahuinn, 'g 'ur togail féin suas ann bhur creidlimh ro naomh, a' deanamh urning 's an Spiorad Naomh, coimhidibh sibh féin ann an gràdh Dhé, le sùil ri tròcair ar Tighearn Iosa Chriosd chum na beatha maireannaich." Agus far am bi an diomhaireachd so a' faotaimh a dlighe beachdachaidh, bithidh iomadh buannachd spioradail 'na comh-chuideachd. Mar,—

[1.] Gu'n toir e seasmhachd dhuinn ann an *creidsinn*; 'se sin, a thaobh na cùraman àraighe a bhuineas d'ar n-anama féin; ann an rathad a bheir sinn gu bhi toirt na glòire sin do Dhia a's cubhaidh d'a ainm ann. Is e so obair, agus is iad so criochan a'

chreidimh, Rom. v. 1-5. Tha sinn a' faicinn mhòran Chriosd-aidhean, ged a bha iad 'nam fior chreidich, gidheadh aig am bheil an inntinnean air an luasgadh gu neo-sheasmhach thuig agus uaith a thaobh an coir agus an suidheachaidh féin. Agus is e am priomh aobhar, gu bheil iad "neo-thèòma air focal na fireantachd," agus mar sin gur naoileana iad, ann an inbhe neo-fhoirfe, mar a tha an t-abstol a' labhairt, Eabh. v. 13. Ach is i so slighe na sìthe spioradail. 'Nuair a tha anam a' chreidich comasach air sealladh a ghabhail de ghloir glioceis Dhé, ag àrdachadh uile bhuadhan naomha eile a nàduir ann an diomhaireachd mhòir so ar sláinte, ni e na h-uile h-eagal a choinneachadh, na h-uile cunnail a thilgeadh sios, agus lithidh e 'na mheadhon air sìthe chinnteich a ghiùlan a steach do'n inntinn; air nach ruigear gu bràth gun bhreithneachadh dligbeach ann.

[2.] Is ann an comh-chuideachd cleachdaidh so a' chreidimh a tha an cumhachd mòr sin trid am bheil *ar n-anama air an atharrachadh* dh' ionnsuidh iomhaigh agus cosmhuiileachd Chriosd. Mar sin tha an t-abstol a' eur an céill, 2 Cor. iii. 18, "Air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amhare mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-ionhaigh ceudna, o ghloir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna;" —air bhi dhuinn uile *ag amhare*, cha-n ann a' gabhail seallaidh a mhain anns an dol seachad, ach a' geur-rannsachadh nan nithe so, mar is gnàth le muinntir a dheanamh a tha 'g amhare gu seas-mhach mar tre ghloine air cuspair 'am fad as. Agus is e cuspair so ar n-amhare tre chreidimh ann an cleachdadhl a' bheachd-smuaineachaidh naoimh, "glòir Dhé ann an gnùis Iosa Criod," mar a tha air 'ainmeachadh, caib. iv. 6; agus cha ni sam bith eile sin ach diomhaireachd sin na diadhachd a bha sinn a' fosgladb suas. Agus ciod an toradh a tha so a' giùlan? "Tha sinn air ar n-atharrachadh"—air ar deanamh 'nar creutairibh nuadha—air ar cur ann an cruth, ann an dealbh, agus ann an iomhaigh Iosa Criod—priomh rùn nan uile chreideach anns an t-saoghal so. Am bu mhiann leinn, ma seadh, a bli cosmhuil ri Criod? am bu mhiann leinn a bhi 'giùlan iomhaigh an duine nèamhaidh, mar a ghiùlain simm iomhaigh an duine thalmhaidh? An i iomhaigh dhuainchi an t-seann duine, ann an ana-miammaibh na h-inntinn agus na feòla, a's gràineile 'nar sùilibh de na h-uile ni? Nach 'eil ni sam bith cho taitneach no cho ion-mhiammaiche dhuinn ri iomhaigh Chriosd, agus an taisbeanadh a tha againn de Dhia ann? Is e s, ma seadh, an dòigh agus am meadhon trid am faigh sinn a' chrioch a tha 'nar n-amharc.

[3.] Is e bhi 'meudachadh anns an dleasdanais so am meadhon a's ro eifeachdaich air son a bhi 'gar saoradh o chùis-naire agus o aimlisg spioradail sin an *aideachaidh*, eadhon, an *inntinn-shaoghalta*.

Cha-n 'eil ni sam bith a's ni-chubhaidh do Chriosdaidh na inntinn a ghnàth air a cleachdadhl agus air a lionadh le nithibh an t-saoghal so. Agus a réir tomhais cleachdaidh nan smuaintean umpa, bithidh na h-aigne mar an ceudna air am meudachadh agus air am fadadh suas d'an taobl. Tha iad so a' brosnachadh suas gach aon an aoin eile, agus a' ruith an cuairt'an lorg a chéile. Tha ro-mheud nan smuaintean a' fadadh nan aigne, agus tha teas nan aigne a' meudachadh nan smuaintean. Cha-n 'eil ni sam bith a's neo-fhreagarrach do bheatha a' chreidimh, cha-n 'eil ni sam bith a's aimhleasach do chleachdadhl nan uile ghràs, na gu'm bitheadh an suidheachadh inntinn so a' buadhachadh. Agus anns an aimsir so a tha làthair, air mhodh àraidh, tha e gu soilleir a' cnàmh air falbh beatha na diadhachd. Ach far am bheil beachd-smuaintean mu'n diomhaireachd so a' dol 'am meid, mar a tha sin ann féin calg-dhireach an aghaidh an t-suidheachaidh inntinn so, is amhuil a ni e a thilgeadh a mach ceum air cheum as an anam. Agus as eugnhais so cha bhi ar saothair gu leir ach mar anns an téine air son saoraidh fhaotainn o'n ole chronail so.

[4.] Le so tha sinn mar an ceudna air ar n-ulluchadh air son a bhi *mealtuinn staid na glòire* air nèamh. Cha-n e earrann bheag de'n ghlòir sin a tha coimh-sheasamh ann a bhi gu siorruidh tuilleadh a' beachdachadh agus ag àrd-mholadh gliocais, agus maitheis, agus gràidh, agus cumhachd Dhé, anns an diomhaireachd mhùdir so, agus 'na toraidhibh uile ; mar a bheir sinn fathast fainear.

Agus ciod eile an dòigh a's fearr air am fend sinn ulluchadh 'fhaotainn air a shon, na bli faotainn roimh-bheachd na glòire sin air a shuidheachadh 'nar n-inntinnibh ann an cleachdadhl seas-mhach a' bheachd-smuaineachaidh am feadh a tha sinn fathast anns an t-saoghal so ? Cha dean Dia ar toirt do nèamh, dh' ionnsuidh seallaidh agus seilbhe na glòire siorruidh, le ar cinn agus ar n-aigne 'nan smùidrich le smuaintibh nan nithe talmbaidh. Shuidhich e meadhonan chum ar deanamh "iomchuidh a bhi 'nar luchd comh-pairt a dh' oighreachd nan naomh 's an t-solus," mu'n dean e ar toirt gu bhi 'ga mealtuinn. Agus is e so am priomh meadhon leis am bheil e 'faotainn coimhlionaidh d'ar taobh ; oir is ann le so a tha sinn air ar "n-atharrachadh" chum iomhaigh Chriosd, "o ghìlòir gu glòir," agus air ar toirt chum an fhasgusachd a's dlùithe do lànachd shiorruidh na glòire sin anns an t-saoghal so.

CAIBIDEIL XVIII.

Nadur Pearsa Chriosd, agus Aonadh Pearsanta a dhà nadur air a chur an cíill.

BHA nadur no comh-shuidheachadh pearsa Chriosd air a thoirt fainear gu coitchionn ann an sgrìobhaidhean dhaoine diadhaidh a bba anns an eaglais o shean agus mar an ceudna anns na linntibh deireannach so. Cha-n e mo rùm, anns an teagastg so, a bhi 'leudachadh air ni sam bith a chuireadh an cíill cho farsuinn a cheana le muinntir eile. Gidheadh, feumar beagan a' labhairt uime anns an àite so do bhrigh na h-oibre a tha measg ar làmhan; agus ni sinn sin ann an comh-chòrdadh ri erich dhà-flìllte :—

Anns a' cheud àit, Chum a bhi cuideachadh na dream a tha 'ereidsinn, ann an ordluchadh an smuaintean timchioll air a phearsa dhiadhaidh so, agus sin anns an tonhas anns am bheil an Sgriobtuir a' dol air thoisearch oirnn. Tha e 'na ghnothuich ro chud-thromach d'ar n-anamaibh gu'm bitheadh beachdan cothromach againn m'a thimchioll; cha-n e mbain ann an rathad coitchionn, agus an aghaidh mheارachdan crónail na muinntir sin a tha 'g aicheadh a phearsa dhiadhaidh no aon air bith d'a dhà nadur, ach mar an ceudna anns gach suidheachadh àraidh anns am bheil a phearsa 'na thoradh do-labhairt gliocais agus gràis Dhé. Oir ged mach 'eil eòlas sin Chriosd a tha air 'ainmeachadh anns an t-soisgeul air a dhùinadh suas a mhain ri comh-shuidheachadh a phearsa, ach gu bheil e mar an ceudna a' filleadh suas oibre na h-eadar-niheadhonairreachd gu leir, maille ri rùn gràidh agus gràis Dhé innte, agus ar dileasdanas-ne an lorg sin; gidheadh is e eòlas so a phearsa stéidh an iomlain, air chor as ma gheibhear gaoid ann d'ar taobh, no ma thig sinn gearr air, tuigidh a' chuid eile de'n eòlas a dh' fleudas a bhi againn m'a thimchioll sios chum na talmhainn. Agus ged nach 'eil eòlas slàinteil air r'a fhaotainn as eugnhais foillseachaidh àraidh o Dhia, Mata xvi. 17 —no soillseachadh slàinteil, I Eoin v. 20,—agus ged nach bi eòlas iomlan againn air gus am bi sunn far am bheil e chum a bhi 'faicinn a ghàbhar, Eoin xvii. 24; gidheadh tha teagastg an Sgriobtuir feumail chum ar treòrachadh dh' ionnsuidh tomhasan sin an eòlas air a tha r'am faotainn anns a' bheatha so.

Anns an dara ait, Gu bli nochdadh air mhodh àraidh *cho do-labhairt eadar-thidealichte as a tha an daimh a tha eadar Mac Dhé agus an duine Iosa Criod*, o'n dàimh agus o'n aonadh sin a dh'

fheudas a bhi eadar Dia agus creidich, no eadar Dia agus creutair sam bith eile. Is e dith na fior thugse ann an so priomh sheacharan mhòran 'nar là. Ann an labhairt uime, nochdaidh sinn mar a b'e "deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan," "chum gu'm bitheadh aige àrd-cheannas anns na h-uile," Col. i. 18, 19. Agus ann an deanamh so, seachaindh sinn gu h-iomlan na ceisdean neònach, agus na beachdan an-dàna, agus gach breth gun bharantas, a gheibhearr am measg luchd-connsachaiddh fhòglumta agus muinntir eile. Oir a thaobh mhòran 'nam measg, 'nuair a rùnaich iad a bli 'fosgladh suas na diòmhaireachd so, air dhoibh briseadh thar criochaibh soluis an Sgriobtuir, is ann a rinn iad a còmhach ann an dorchadas. Air bhi dhoibh ag oidhirpeachadh na h-nile ni a dheanamh soilleir do reuson nàdurra, is ann a rinn iad mòran a chur an céill a tha mi-fhallain a thaobh creidimh agus mòran cainnt a glàmàthachadh eatorra féin a tha an aghaidh a chéile. Air an aobhar sin, ann a bhi 'fosgladh suas na diòmhaireachd so, cumaidh sinn dlùth ri teagasgaibh an taisbeanaidh dhiadhaidh, maille ris an eadar-mhineachadh chothromach agus iomchuidh a tha r'a dheanamh orra.

Feudar sin a tha an Sgriobtuir a' taisbeanadh mu ghliocas Dhé anns an obair mhòir so 'fhilleadh suas fo na ceithir chinn a leanas :—I. Ar nàdur a bhi air a ghabhail dh' ionnsuidh bith phearsanta ann am Mac Dhé. II. Aonadh an dà nàdur anns an aon phearsa sin, a tha mar thoradh a' leantuinn so. III. An comh-phàirteachadh a tha eadar dà nàdur eadar-dhealaichte so na Diadhachd agus na daonnachd, do bhrigh an aonaidh sin. IV. Na nithe a dh' aithrisear mu phearsa Chriosd, a tha mar thoradh an aonaidh agus a' chomh-chomuinn sin.

I. Is e an ceud ni ann an comh-shuidheachadh diadhaidh pearsa Chriosd mar Dhia agus mar dhuine, a bhi '*gabail ar nàduir*'. Tha sinn a' ciallachadh an gniomh do-labhairt agus diadhaidh sin anns an d' rinn pearsa Mhic Dhé ar nàdur a ghabhail dh' ionnsuidh bith phearsanta ann féin. Tha an Sgriobtuir a' cur so an céill ann an dà rathad ;—air nairibh ann an coimh-cheangal ri nàdur na Diadhachd a' gniomhachadh ann am pearsa a' Mhic—an nàdur sin a bha '*gabail*' ; agus air uairibh eile, ann an coimh-cheangal ri nàdur na daonnachd—an nàdur sin a *ghabhadh*. Tha an ceud dòigh againn, Eabb. ii. 14, 16, "Mheud 's gu bheil aig a' chloinn comh-roinn a dh' fheòil agus a dh' fluil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin. Oir gu deimhin cha do ghabh e nàdur nan ainseal air ; ach ghabh e siol Abrahaim air," Phil. ii. 6, 7, "Neach air bhi dha ann an cruth Dhé, . . . ghabh e air féin cruth seirbhisich," agus ann an iomadh àit eile. Tha '*gabail ar nàduir* d'a ionnsuidh féin, le gniomh do-labhairt a chumhachd

agus a ghràis, gu soilleir air a chur an céill ann an so. Agus cha b' urrainn e bhi air a ghabhail ionnus gu'm bitheadh e 'na nàdur ann féin, air dhòigh sam bith eile, ach le bhi toirt bith dha 'na phearsa féin; air sheòl sam bith eile, cha b' e a nàdur fèin a bhithheadh ann, cha mhò a b' urrainn e a bhi. Uaith so theirear, gu'n do cheannaich Dia an eaglais le 'fhuil fein, Gniomh. xx. 28. Theirear "fhuil féin" rithe, do bhrigh gu'm b' aon phearsa an ti sin d'am b' fhuil i. Tha an dòigh eile air a chur an céill, Eoin i. 14, "Rinneadh am Focal 'na fheòil;" Rom. viii. 3, chur Dia a Mhac féin "ann an coslas feòla peacaich;" Gal. iv. 4, "A ghin-eadh o mhaoi, a rinneadh fo'n lagh;" Rom. i. 3, "A rinneadh de shiol Dhaibhidh, a réir na feòla." Cha robh am Focal siorruidh, Mac Dhé, air a dheanamh 'na fheòil, no air a ghin o mhaoi, no de shiol Dhaibhidh, le bhi 'g atharrachadh a nàdur gu feòil; ni a bhithheadh 'na sgrios ionlan air nàdur na Diadhachd. Uime sin, cha b' urrainn e bhi air a dheanamh 'na fheòil, no air a ghin o mhaoi, air dhòigh sam bith eile, ach anns gu'n d' rinneadh a nàdur fèin de'r nàdur-ne, le bhi 'ga ghabhail d'a ionnsuidh féin. Am pearsa ceudna sin—nach robh roimh 'na fheòil, no 'na dhuine —rinneadh e 'na fheòil mar dhuine, leis gu'n do gabh e ar nàdur-ne chum a bhi 'na nàdur ann féin.

Is e an gniomh do-labhairt so bunait na dàimhe diadhaidh sin a tha eadar Mac Dhé agus an duine Iosa Criosd. Cha-n'eil tuilleadh 'nar comas ach a mhain a bhi cromadh sios le h-urrام fa chomhair na diomhaireachd a tha ann,—“is mòr diomhaireachd so na diadhachd.” Gidheadh feudar cuid de nithibh a thoirt fainear chum ar seòladh ann an ceann an dleasdanais so.

1. A thaobh *priomh éifeachd*, b'e gniomh nàdur na Diadhachd a bha ann, agus nime sin, gniomh an *Athar*, agus a' *Mhic*, agns an *Spioraid Naoimh*. Oir is amhuil a tha uile ghniomharan Dhé o'n leth a muigh—is ann o nàdur na Diadhachd a tha éifeachd neo-niheadhonach nan oibre sin gu léir a' sruthadh. Tha an gliocas, agus an cumhachd, agus an gràs, agus am maitheas, a bha air an cleachdadh ann, 'nam buadhaibh siorruidh ann an nàdur na Diadhachd. Air an aobhar sin, buinidh priomh chleachdadh nan buadhan so coimh-ionann do gach pearsa fa leth, do bhrigh comh-roinn coimh-ionann a bhi aig gach pearsa de'n nàdur sin. (1.) A thaobh *comharachaidh àghdarraich*, b'e gniomh an Athar e. Uime sin theirear gu'n do chùr e “a Mhac ann an coslas feòla peacaich,” Rom. viii. 3; Gal. iv. 4. (2.) A thaobh *cruthachaidh nàluir na daonnachd*, b'e gniomh àraighean Spioraid Naoimh e, Lucas i. 35. (3.) B'e gniomh àraighean pearsa a' Mhic a bhi *gabhal an nàduir* sin d'a ionnsuidh féin. Ann a' ghniomh so, mar a tha neach àraighean a' toirt fainear, cha robh làmh sam bith aig na pearsaibh eile, ach a mhàin “ann an rathad comhairle agus comh-aonta.”

2. B'e gabhail so ar nàduir an t-aon *għniomh neo-mheadħonach* a chleachdadh le nàdur na Diadhachd air nàdur na daonnachd ann am pearsa a' Mhic. Tha na h-uile gniomh eile a tha 'leantuinn, ann an rathad a bhi toirt bith dha anns a' Mhac, agus 'na chumlu suas, maille ris gach gniomh comhpairteachaidh eile, mar thoradh a' għniomh so.

3. Tha *'għabail so ar nàduir* agus an *t-aonadh pearsanta* eadar-dhealaichte agus eugsamhuil 'nan reusonaibh fa leth. (1.) Is e bhi *'għabail ar nadur għniomh neo-mheadħonach* nàduri na Diadhachd ann am pearsa a' Mhic air nàdur na daonnachd; tha an *t-aonadh* ann fein 'na *thoradh* a' għniomh sin. (2.) Tha gniomh a *għabail* a' criochnachadh ann am pearsantachd; is e an gniomh sin e trid am bheil Mac Dhé agus ar nàdur-ne air an comh-sluidheachadh 'nan aon phearsa. Is e th' anns an *aonadh* gniomh no dàimh an dà nadur sin d'a chéile a tha 'faotainn bith anns an aon phearsa sin. (3.) Tha *għabail ar nàduri* ag amhare ri għniomhachadh na Diadhachd air a cuspajr an daonnachd, an Diadhachd *a' għabail*, agus an daonnachd *air a għabail*. Tha an *t-aonadh* ag amhare ris an *dàimh* anns am bheil an dà nàduri a' seasamh d'a chèile. Uime sin feudar a ràdh gu bheil nàduri na Diadhachd air aonadħri nàduri na daonnachd, cho maith ri nàduri na daonnachd ri nàduri na Diadhachd; ach cha-n fheudar a ràdh gu bheil nàduri na Diadhachd air a għabigail mar a tha nàduri na daonnachd. Air an aobbar sin, ma seadh, tha *għabail so ar nàduri* a' coħħarachadh cleachdaidh an dara nàduri air an nàduri eile mar a chuspair; agus an *t-aonadh* a' coħħarachadh an comh-dħàimh a tha eatorra araon.

Feudar na nithe so a thagħradh gun eagal, agus bu chòir creidimh daingean a chleachdadh orra, mar chiallachadh an Spioraid Naoimh anns na briathraibh sin: "Għabb e air fein siol Abraham"—Għabb e air fein eru seirbhisich; agus an samħuile eile. Agus cò a dh' fleudas irioslachd a' mħaitheis dhiadħaidh, no cleachdaidhean a' ghliocais agus a' chumhachd dhiadħaidh ann a mħeasrachadh?

II. Is e a tha 'leantuinn so, *aonadh* an dà nàduri anns an aon phearsa, no an *t-aonadh pearsanta*. Tha so fillte suas agus air a chur 'an ceilidh ann an ionadħi fianuis diadħaidh. Isa. vii. 14, "Feuch, bithidh òigh torrach, agus beiridh i mac; agus bheir i Imanuel mar ainnm air," mar ann am Mata i. 23. B'e an ti sin a għineadħi agus a rugħadħ o'n òigh Imanuel, no Dia maille ruinne; is e sin, Dia air 'fhoillseachadh anns an fheoħi, le aonadħi a dħà nàduri anns an aon phearsa. Isa. ix. 6, "Rugħadħ dħu īnne duine cloinne, thugħadħi dħu īnne mac; agus bithidh an uachdaranaħħi air a għualainn; agus goirear mar ainnm dheth, Iongantach, Comħairliche, an Dia cumħachdach, an *t-Athair* siorruidh, Prionnsa na sìthe." Cha għabb e smuaineachadh, cha mhò is urrainn e

bhi 'na fhìrinn, gu'm bitheadh an t-aon phearsa ceudna 'na "Dhia cumhachdach" agus 'na "dhuine-cloinne" a rugadh, ach le làdur na Diadhachd agus làdur na daonnachd a bhi air an aonadh anns an aon phearsa. Is amhail a labhair e uime féin, "Mu'n robh Abraham ann, THA MISE," Eoin viii. 58. Air do'n phearsa cheudna, a bha aig an àm sin a' labhairt ris na h-Iudhaich, agus a bha mar dhuine beagan tuilleadh na deich bliadhna fishead a dh' aois, a bhi mar an ceudna roimh Abraham, tha so a' dearbhadh gu soilleir, gu'n robh làdur eile air aonadh, anns a phearsa cheudna, ris an làdur a bha 'labhairt nam braithran so, oir as eugmhais so cha b'urrainn iad a bhi fior. Cha-n e mhain gu'n robh làdur eile aige a bha ann am bith roimh Abraham, ach bha bith aig a' cheart phearsa cheudna sin roimh Abraham, a bha nise 'labhairt ann an làdur an duine. Faic chum na crìche ceudna, Eoin I. 14; Gniomh. xx. 28; Rom. ix. 5; Col. ii. 9; 1 Eoin iii. 16.

Bha eaglais nan ceud linntean a' tagradh gu'n d' rinneadh an t-aonadh so "as eugmhais caochlaidh sam bith" ann am pearsa Mhic Dhé, ni do nach 'eil làdur na Diadhachd buailteach; a ris gu'n d' rinneadh e eadar dà làdur eadar-dhealaichte, gidheadh "as eugmhais a bhi air an roinn" mar dhà bhith eadar-sgaraichte; mar an ceudna gu'n robh e "as eugmhais coimh-mheasgaidh" no eas-aonachd; agus gu'n robh e 'na aonadh eadar dà bhith anns an aon phearsa, eadar-dhealaichte o gach uile aonadh *tachartach* eile, mar a bha "uile iomlanachd na Diadhachd a' gabhail còmhnuidh ann gu corporra."

Bha gach dòigh-labhairt dhiubh so air a ghnàthachadh leis an eaglais o shean chum a bhi 'bacadh ceilg na muinntir sin a bha truailleadh teagaig pearsa Chriosd, agus a bha 'dorchachadh an teagasan cronaill fo bhríathraibh dùbailte, mar a bha an leithid riagh a' deanamh, agus mar a tha iad a' deanamh fathast. Bha iad mar an ceudna a' cleachdadh iomadh dòigh-labhairt eile, anns an robh iad a' meas a bhi 'faotainn seadh na dionhaireachd mòire so, no foillseachadh Mhic Dhé anns an fheòil. Agus bha a' chuid a's mò dhiubh air an tarriuing o'n Sgriobtuir, anns am bheil iad air an gnàthachadh ann an coimh-cheangal ris an dìomhaireachd so, no ri nthibh éigin eile a tha ann an dáimh rithe. Uime sin, mar nach 'eil ar creidimh-ne air a cheangal ri aon air bith de na briathraibh so, ionnas gu'n bitheadh e mar fhiachaibh oirnn a bhi 'creidsinn, cha-n e mhain na nithe a tha air an ciallachadh, ach mar an ceudna an dòigh anns an bheil e air a chur an céill anna; is ainhuil sin a tha iad mar an ceudna r'an gabhail agus r'an dion mar chuideachadh feumail ann a bhi 'teagasc na firinn cho fad as a tha iad 'ga mineachadh a réir inntinn an Spioraid Naoiuh, agus a tha iad a' bacadh mhearachdan dhaoine no h-inntinne truaillidh.

Is e an dòigh-labhairt a's trice leis am bheil an diomhaireachd so air a cur an céill ann an sgriobhaidhean nan sinnsear, eadhon, "gràs an aonaidh;" samhladh bhriathran, air do chuid a bhi 'gan taisbeanadh féin 'nan coigrich dhoibh, tha iad a' cur an céill cia cho beag èolais as a tha aca air na sgriobh iad. A nise, cha-n e gràs sain bith e tha 'chòmhnuidh ann am pearsa no ann an daonnachd Chriosd a tha idir air a chiallachadh, ach nithe de làdur eile.

1. Tha *priomh aobhar an aonaidh* so air a chur an céill ann. Is e sin, saor ghràs agus deadh-ghean Dhé do'n duine Iosa Criosd—"ga roimh-orduchadh, agus 'ga chomharachadh, agus 'ga ghabhail dh'ionnsuidh fior aonaidh ri pears' a' Mhic, agus sin cha-n ann o roimh-shealladh sam bith a ghàbhadh de inbheachd no de thoill-teanas sam bith ann féin, 1 Phead. 1. 20. Oir a mheud 's gu'n robh gach uile ghràs a tha 'chòmhnuidh ann an daonnachd Chriosd, agus an umblachd sin gu léir a choimhlionadh leis 'nan toraidhibh an aonaidh so, cha b'urrainn iad ann an seadh sam bith a bhi 'cosnadh an aonaidh;—bha e gu h-ionlan o ghràs.

2. Tha am focal air a ghnàthachadh mar an ceudna le cuid gu bhi cur 'an céill inbheachd àraidih daonnachd Chriosd. Is inbhe e de nach 'eil conmh-roinn aig creutair sam bith eile, cha mhì a bhitheas tre'n uile shiorruidheachd. Is e an t-aonadh so tobar-shochair daonnachd Chriosd, o'm bheil na l-uile sochair eile, eadhon gu ruig a ghlòir shiorruidh, a' sruthadh, agus anns am bheil iad a' coimh-sheasamh.

3. Tha e 'cur an céill mar an ceudna freagarrachd ghlòrmhoir agus comais pearsa Chriosd, air son uile gniomharan agus dhleasdanas a dhreuchd mar eadar-mheadhonair. Oir tha so mar an ceudna r'a lorgachadh dh' ionnsuidh aonaidh a dhà làdur anns an aon phearsa, as eugmhais nach b'urrainn aon air bith dhiubh coimhlionadh fhaotainn ann an Rathad a bhitheadh chum tairbhe na h-eaglais. Agus is e so "gràs sin ar Tighearna Iosa Criosd," trid am bheil e cho glòrmhor agus cho maiseach ann an sùilidh nan creideach. "Dhoibh-san a chreideas tha e luachmhor."

Is e an dòigh-labhairt a's trice a ghnàthaicheadh a nise d'a thaobh anns an eaglais, an *t-aonadh pearsanta*; is e sin, aonadh lànduir na Diadhachd agus làndur na daonnachd ann am pearsa Mhic Dhé, gun phearsantachd sam bith a bhi aig làndur na daonnachd ann féin.

Ann an coimh-cheangal ris an aonadh so, tha Criosd a' faotainn mar ainn "an t-Iongantach," mar an ni sin a tha toirt barrachd 'am measg uile thoraidhean a' ghliocais dhiadhaidh. Agus is toradh e aig nach 'eil a choimeas. Cha-n'eil aonadh sam bith eile 'am measg nithe Dhé no nithe dhaoine, nithe spioradail no nithe làndurra, a tha ann an seadh sam bith de'n aon ghné ris;—tha e 'g eadar-dhealachadh uatha uile.

(1.) Is e an t-aonadh a's glòrmhoire a tha idir ann, an t-aonadh a tha eadar na *Pearsaibh Diadhaidh* anns an aon bhith no anns an aon nàdur; an t-Athair anns a' Mhac, am Mac anns an Athair, agus an Spiorad Naomh anna maraon, agus iadsan maraon annsan. Ach is aonadh so eadar pearsaibh eadar-dhealaichte, ann an aonachd an aoin nàduir. Agus tha so, tha sinn ag aideachadh, ni's ro ghlormhoire na sin mu'm bheil sinn a labhairt; oir is aonadh e a tha gu h-iomlan agus gu siorruidh ann am bith Dhé, agus neo-sgaraichte o a nàduri. Ach an t-aonadh so air am bheil sinn a' labhairt, cha Dia e,—is creutair e,—toradh gliocais agus cumhachd Dhé. Agus tha e 'g eadar-dhealachadh uaith ann an so, gu bheil an dara aon eadar *tri pearsaibh eadar-dhealaichte* anns an aon nàduri; ach an t-aon eile eadar *dù nàdur eadar-dhealaichte* anns an aon phearsa. Tha an ceud aonadh 'na aonadh *nàdurra*, coimh-ghnèitheil, agus neo-sheachanta, anns an aon nàduri;—an t-aonadh eile, mar nach aonadh e a dh' fheudar eadar-sgaradh, mar a nochdas sin, cha mhò is aonadh e nach fheudar eadar-dhealachadh, do bhrigh nach 'eil e 'coimh-sheasamh ann an aon nàduri, ach ann an dà nàduri eadar-dhealaichte anns an aon phearsa, a' fantuinn eadar-dhealaichte a thaobh am bith agus am brigh; agus air an aobhar sin is e a tha ann air mhodh araidh aonadh pearsanta. Uaith so cha robb eagal air Augustain a ràdh, gu bheil "an daonnachd ni's dòcha anns a' Mhac, na tha am Mac anns an Athair." Ach cha-n'eil sin fior ach annus an aon seadh so a mhain, nach 'eil am Mac anns an Athair ann an rathad a bhi 'na aon phearsa ris. Annns na h-uile seadh eile, is éigin aideachadh gu bheil an dlùth-aonadh so a tha eadar am Mac agus an t-Athair, a tha nàdurra, neo-sheachanta, agus siorruidh, a' toirt barrachd air an aonadh so ann an glòir, a bha 'na ghniomh aim-sireil, air oibreachadh le gliocais agus gràs Dhé o'n leth a muigh.

(2.) Is e an t-aonadh *coimh-ghnèitheil* a's ro chomharaichte am measg nan nithe nàdurra, eadhon sin a tha eadar *corp agus anam* a' deanamh suas pearsa duine. Tha sinn ag aideachadh gu bheil ni-eigin de chosmhuiteachd eadar an t-aonadh so agus sin a tha eadar an dà nàduri eadar-dhealaichte ann am pearsa Chriosd; gidheadh cha-n'eil e de'n aon ghné ris. Agus tha na nithe anns am bheil iad ag eadar-dhealachadh ni's ro mhò agus ni's cudthrom-aich na iad sin anns am bheil iad a' comh-chòrdadh. Oir,— [I.] Tha anam agus corp air an aonadh ann an rathad a bhi deanamh suas *aoin nàduri a mhain*. Cha-n e an t-anam nàduri na daonnachd, cha mhò is e an corp e, ach tha e 'na thoradh an aonaidh r'a cheile. Tha anam agus corp 'nan earrannaibh neo-sheachanta na daonnachd; gidheadh cha daonnachd iomlan iad ach a mhain 'nan aonadh r'a cheile. Ach cha-n 'eil aonadh an dà nàduri ann am pearsa Chriosd a' deanamh suas nàduri nuaidh

nach robh idir ann roimh no nach robh coimhlionta roimh. Tha gach nàdur fa leth a' fantuinn 'na nàdur coimhlionta agus fairfe mar a bha e, an déigh an aonaidh. [2.] Tha aonadh anama agus cuirp a' deanamh suas an nàdur sin a rinneadh d'a rireadh coimhlionta trid an aonaidh sin,—eadhon, *pearsa nuadh duine*, le a bhith féin aige, ni nach robh aig an dara h-aon no aig an aon eile dhiubh gus an robh iad air an aonadh. Ach ged a tha pearsa Chriosd, mar Dhia agus mar dhuine, air a chomh-shuidheachadh trid an aonaidh so, gidheadh bha a phearsa diadhaidh, agus a bhith mar phearsa, gu h-iomlan coimhlionta mu'n robh an t-aonadh idir ann. Cha d' rinnesdh e 'na phearsa nuadh, no 'na phearsa eile nach robh e roimh, trid an aonaidh sin; a mhain gu'n do ghabh am pearsa ceudna sin nàdur na daonnachd d'a ionnsuidh féin, chum a bhi 'na nàdur ann féin, ann am bith phearsanta. [3.] Tha anam agus corp air an aonadh r'a chéile *le seart éifeachdach o'n leth a muigh*, no le cumhachd Dhé, agus cha-n ann le éifeachd an dara h-aon ag oibreachadh air an aon eile. Ach choimhlionadh an t-aonadh so le gniomh éifeachdach sin nàdur na Diadhachd air nàdur na daonnachd a chuir sinn a cheana an céill. [4.] Chan'eil bith *pearsanta* sam bith aon chuid aig anam no aig corp *gus am bheil iad air an aonadh*; ach bha stéidh an aonaidh so a' coimh-sheasamh a mhain ann an so, gu'n robh Mac Dhé 'na phearsa aig an robh a bhith ann féin o shiorruidheachd.

(3.) Tha *iomadh aonadh eile* am measg nan nithe *nàdurra*, a tha 'coimh-sheasamh ann an coimh-mheasgadh nithe e tha eadar-dhealaichte. Le so feudar ni a dheasachadh o earrannaibh eug-samhail, a bhitheas de ghné eadar-dhealaichte uatha uile. Feudar mar an ceudna nithe *iompachailh*, mar a tha deanta le brigh aoin ni a bhi air 'atharrachadh gu ni eile,—mar a dh' iompaicheadh an t-uisge anns a' mhliorbhuil a dh' oibrich Criosd dh' i-nusuidh fiona; ach cha-n 'eil cosmhuiileachd anns an aonadh so ri aon air bith dhiubh. Cha-n 'eil nàdur na Diadhachd agus nàdur na daonnachd air an "coimh-mheasgadh" ann an *aon nàdur nuadh* eile. Bha na beachdan neònach so aig cuid o shean mu na nithe so; ach an àite do Chriosd a bhi air 'aideachadh leò mar Dhia agus mar dhuine, is ann nach fhagadh iad aon chuid diadhachd no daonnachd aige—beachdan a chuireadh bun os ceann a cheana. Uime sin cha-n 'eil aig an aonadh air am bheil sinn a' labhairt cosmhuiileachd sam bith ri aonadh nàdurra sam bith a tha 'na thoradh coimh-mheasgaidh no iompachaidh.

(4.) Tha *aonadh nàdurra* ann leis an robh cuid a' mìneachadh na diomhaireachd so; mar an t-aonadh a tha aig téine agus iarunn anns an aon chlaidheamh. Is aon an claidheamh; tha nàdur teine agus nàdur an iaruinn eadar-dhealaichte; agus tha an *gniomharan* eadar-dhealaichte; gearraigd an t-iarrunn, loisgidh an

teine ;—agus an *toraidhean* mar an ceudna eadar-dhealaichte ; gearradh agus losgadh ; gidheadh cha-n 'eil anns an inneal ach *aon chlaidheamh*. Feudar ni-eigin de'n nàdur so a' labhairt ann an rathad samhlachais ; gidheadh cha-n 'eil ann ach taisbeanadh anmhunn agus bochd de'n diomhaireachd so, agus sin air iomadh aobhar. Oir a thaoblh an *teas anns an iarunn*, cha-n e stuth a tha ann, ach mar is dòcha tachartas, a dh' fheudar a dhealachadh uait ; agus a thaoblh iomadh ni eile, cha-n 'eil ann ach a bhi clionaodh na h-inntinn air falbh o bheachdaibh cubhaidh mu'n aonadh dhliomhair air am bheil sinn a' labhairt.

(5.) Tha *aonadh spioradaile* ann, a tha òirdheire agus diomhair—eadhon sin a tha eadar Criosc agus creidich ; no eadar Dia ann an Criosc agus creidich ; ionnus gu bheil gach uile aonadh nàdurra eile air a ghnáthachadh anns an Sgriobtuir chum a bhi 'eur soluis air agus a bhi 'ga thaisbeanadh. Tha euid 'nar measg a tha 'meas gu bheil an t-aonadh so de'n aon nàdur ri sin a tha eadar Mac Dhé agus an duine Iosa Criosc. A mhain gu bheil iad ag ràdh gu bheil iad eadar-dhealaichte 'nan tomhasaibh. Bha am Focal siorruidh, tha iad ag ràdh, air aonadh ris an duine Iosa Criosc air chor as gu'n d' àrdaicheadh e gu h-anabarrach os ceann nan uile dhaoine eile, cia b'e air bith cho naomh as a dh' fheudadh iada bhi, agus gu'n robh tomhasan comhpairteachaidh aige o Dhia os an ceann uile. Agus uime sin gu'n b' esan air dhòigh àraidh Mac Dhé, agus sin air iomadh aobhar, ionnus, le comhpairteachadh aimmean gu'n goirear Dia féin dheth mar an ceudna. Do bhrigh gu'n b'e so beachd Nestoriuis,* agus gu bheil e togail cinn a ris 'nar làithibh féin, cuiridh sinn an céill ann an so na beachdan a bha aige-san mu aonadh an dà nàdur a th' ann an Criosc, trid an robh e deanamh dà phearsa eadar-dhealaichte. - Mac Dhé agus Mac an duine—mar a tha muinntir eile a nise a' deanamh ; agus nochdaidh sinn gu h-aithghearr an amaideachd. Oir bha e 'ceadachadh iomadh ni a bha fior anna féin ; gidheadh, a deanamh feum dhiubh mar leithsgeul chum a bhi 'g aicheadh sin a mhain anns an robh fior aonadh pearsa Criosc a' coimh-sheasamh.

Bha Nestorius a' ceadachadh gu'n robh làthaireachd Mhic Dhé maille ris an duine Iosa Criosc a' coimh-sheasamh ann an cuig nitibh :—

[1.] Bha e 'g ràdh gu'n robh e làthair maille ris le bhi 'ga àit-eachadh, mar a ghabhas duine còmhnuidh ann an tigh no ann an luing chum a bhi 'ga riaghlaadh. Bha e 'chòmhnuidh ann mar 'na theampull. Air a' mhodh cheudna tha e chòmhnuidh anna-san uile a tha creidsinn, ach annsan ann an seadh ni's robh àraidh.

* Cléireach a mhuianntir Shiria, a bha ann an eaglais na h-àird an Ear timchioll na bliadhna 450.—Ead.

Agus tha so fior a thaobh lànachd sin an Spioraid trid an robh Dia maille ris-san agus a chòmhnuidh ann ; mar a tha e air a mhodh cheudna maille ris na creidich uile agus annta, a réir tomhais gach neach fa leth. Ach cha-n 'eil so a' coimh-fhreagairt ris an fhianuis dhiadhaidh sin a tha 'g rádh, gu'n robh "uile iomlanachd na Diadhachd a' gabhail còmhnuidh ann gu corporra," Col. ii. 9. Tha iomlanachd na Diadhachd a' ciallachadh nàduir na Diadhachd gu h-iomlan. Tha an nàdur so air a bheachdachadh ann am pearsa a' Mhic, no am Focal siorruidh ; oir is e am Focal a rinneadh 'na fheòil. Agus cha b' urrainn so còmhnuidh a ghabhail ann gu corporra, gu fior, *gu brìgh-eil*, air dhòigh sam bith eile ach le bhi gabhail an nàduir sin d'a ionnsuidh féin. Agus ma theirear gu bheil iomlanachd na Diadhachd a' gabhail còmhnuidh ann an neach sam bith de na naomhaibh, cha-n 'eil seadh air bith anns am feudar sin a thuigsinn a ni a ghleidheadh o bhi 'na thoibheum.

[2.] Bha e 'ceadachadh lāthaireachd àraighe le *acnadh aigne*, mar a tha eadar dlùth-chàirdean. Bha anam Dhé a' foiseachadh a ghnàth anns an duine Iosa Criod,—annsan bha e làn-toilichte : agus bha anam an duine Criod air an làimh eile, air a thoirt thairis gu h-iomlan ann an gràdh do Dhia. Tha so mar an ceudna fior ; ach tha ni eile a tha coimh-ionann firinneach, agus a tha 'ga fhagail gun tairbe do leithsgeulan Nestoriuis. Oir bha e féin a' ceadachadh pearsa dhiadhaidh Mhic Dhé. Ach an uair a tha ni sam bith air a labhairt mu ghràdh Dhè do'n duine Iosa Criod, agus mu a ghràlh-san do Dhia, is e *pearsa an Athar* a tha air a chiallachadh ann ; cha mhò a dh' fheudar aon eisempleir a chomh-arachadh a ghiùlaineas seadh eile. Oir tha e a ghnàth air a labhairt ann an coimh-cheangal ris an obair a thugadh dha o'n Athair chum a coimhlionadh, agus an tlachd a bha aige ann an deanamh sin.

[3.] Bha e 'g rádh gu'n robh e 'làthair maille ris ann an rathad *inbhe agus urraim*,—gu'n robh an t-aonadh a bha eatorra de leithid a nàdur, as gu bheil an t-urram sin gu léir a tha air a thoirt do Mhac Dhé air a thoirt mar an ceudna do Mhac an dnine. Ach ann an so, bheireadh e stigh an *t-iodhol-aoraidh* do'n eaglais chum a bhi 'deanamh suas a *naomh-ghoid*, ann am buntuinn air falbh an aonaidh phearsanta. Oir an t-urram sin a tha dligeach do Mhac Dhé, is urram diadhaidh e, anns am bheil uile bhuadhan siorruidh na Diadhachd air an cur as a leth, agus ar n-anama air an ùmhlachadh gu cubbaidh dha ann. Ach is àrd-iodhol-aoraidh a bhi toirt an urraim so do'n duine Iosa Criod, gun a bhi 'ceadachadh bith a bhi aig nàdur a dhaonnachd ann am pearsa Mhic Dhé, agus air an aobhar sin a mhain.

[4.] Bha an t-aonadh so, bha e 'g rádh, a' coimh-sheasamh anns

a' chomh-aontachadh agus anns a' chomh-chòrdaidh a bha eadar toil Dé agus toil an duine Iosa Criod. Ach cha-n'eil aonadh sam bith ann an so ach a leithid as a tha eadar Dia agus na h-ainglibh air néamh, aig am bheil comh-chòrdaidh ionlan ri toil Dé anns na h-uile nithibh. Uime sin, ma's e so stéidh an aonaidh so, dh' fheudtadh a ràdh gu'n do ghabh e nàdur nan aingeal cho maith ri siol Abrahim; ni a tha an t-abstol gu soilleir ag àicheadh, Eabh. ii. 16, 17.

[5.] Gu'n robh e 'coimh-sheasamh ann an 'gìðlan an aoin ainn' fo sheadh eadar-dhealaichte, air do ainn an aon phearsa, eadhon, Mhic Dhé, a bhi air a chàradh mar an ceudna ris an aon eile, eadhon, Mac an duine. Mar sin ghoirteadh diathan dhiubh-san dh' ionnsuidh an robh focal Dhé. Ach cha-n'eil so idir a' coimh-fhreagairt ri aon air bith de na fianuisibh diadhaidh sin anns am bheil ainn Dhé air a chur as leth an Tighearn Iosa Criod,—mar anna sin anns an abrar a thaobh Dhé “gu'n do leag esan a sios 'anam fèin air ar son-ne,” agus gu'n do cheannaich e 'eaglais “le 'fhuil fèin;” mar an ceudna “gu'n d' fhoillsicheadh e anns an fheòil,”—anns nach urrainn dà sheadh idir a bhi. Air na dòighibh so, ma seadh, rinn e aonadh so-dhealachailh agus tuiteamach a chur air chois anns nach robh ni sam bith a thaobh gné a bluineadh ann an rathad àraidih do Chriod, ach a mhain a thaobh tomhais.

Ach buinidh na nithe so uile, anns an tomhas anns an bheil iad fior, do'n treas ni a tha r'a bheachdachadh 'na phearsa,—eadhon, an comh-chomunn no an comh-phàirteachadh a tha eadar a dhà nàdur anns a' phearsa. Ach cha-n'eil an t-aonadh pearsanta a' coimh-sheasamh ann an aon air bith dhiubh, no anns an ionlan diubh: cha mhò a tha iad a' coimh-fhreagairt ris na fianuisibh lionmhoir a tha an Spiorad Naomh a' deanamh mu'n diomhaireachd ghlòruhoir so. Feudar cui'd dhiubh 'ainmeachadh.

“Rinneadh am Focal 'na fheòil,” Eoin i. 14. Cha-n'eil ach dà sheadh a's urrainn a bhi aig na briathraibh so. *Anus a' cheud àit,* Gu'n do sgùir am Focal a bhi an ni sin a bha e, agus gu'n d' ionpaicheadh a bhrigh gu feòil. *Anus an dara àit,* Air bhi dha buanachadh mar a bha e, gu'n d' rinneadh e an ni sin nach robh e roimh. Tha an ceud seadh a' eur as gu h-ionlan do *bhith* na Diadhachd agus d'a buadhaibh siorruidh gu léir. Cha-n urrainn an seadh eile 'bhi fior ach ann an so a mhain,—gu'n do ghabh am Focal an fheòil sin—eadhon nàdur na dionnachd—d'a ionnsuidh fèin, gu bhi 'na nàdur ann fèin, anns an d' rinneadh e 'na fheòil; an seadh sin fòs air son am bheil sinn a' tagradh. Oir an uair a tha sinn ag ràdh gu'n do ghabh pearsa a' Mhic ar nàdur d'a ionnsuidh fèin, is ionann sin as a bhi 'g ràdh gu'n do ghabh-adh nàdur na daonnachd dh' ionnsuidh bith phearsanta ann

féin. Ach a thaobh nan dòighean sin a dh' ainnmicheadh air làthaireachd Mhic Dhé a bhi maille ris an duine Iosa Criod, cha-n'eil iad a' cur an cíll ni sam bith a tha 'coimh-fhreagairt ris an fhanuis dhiadhaidh sin, gu'n "d' rinneadh am Focal 'na fheòil."

"Air bhi dha ann an cruth Dhé, ghabh e air féin eruth seirbhisich, agus bha e ùmhail," Phil. ii. 6-8. Tha na daoine so ag aideachadh gu bheil a bhi "ann an cruth Dhé" a' ciàllachadh comh-roinn a bhi aige de'n aon nàdur dhiadhaidh cheudna ris an Athair; agus bha Nestorius féin ag aideachadh gu'n robh e ann an so 'na phearsa eadar-dhealaichte o'n Athair, ged a tha daoine 'nar measg-ne a tha 'ga àicheadh. Ach cha-n urrainn iad eadar-dhealachadh sam bith a smuaineachadh a bhithreas a' giùlan ainn agus dàimh Athar agus Mic; gidheadh tha an t-iomlan air 'fhill-eadh suas ann a tha sinn a'tgradh fo'n ainn sin. Ghabh am pearsa so air féin "cruth seirbhisich,"—is e sin, nàdur an duine ann an inbhe seirbhisich. Oir tha na briathran coimh-ionann riù sin a tha 'g ràdh gu'n do ghineadh o mhnaoi e, gu'n d' rinneadh e fo'n lagh, no gu'n do ghabh e siol Abrahim. Agus thàinig am pearsa so gu bhi ùmhail. Is e sin, bha e ùmhail ann an nàdur an duine, ann an cruth seirbhisich. Uime sin, b'e nàdur so na daonnachd nàdur a' phearsa cheudna sin,—nàdur a ghabh e d'a ionnsuidh féin, agus de'n d'rinn e a' chuid féin, chum a bhi ùmhail ann. Agus is e so an t-aonadh pearsanta sin a tha sinn a' creid-sinn agus air son am bheil sinn a' tagradh,—eadhon, gur e nàdur so na daonnachd nàdui a' phearsa cheudna sin a bha ann an cruth Dhé.

"Rugadh dbuinne duine-cloinne, thugadh dbuinne mac; agus goirear mar ainn dheth, an Dia cumhachdach," Isa. ix. 6. Is iad an duine-cloinne agus an Dia cumhachdach an t-aon phearsa ceudna; air sheòl sam bith eile cha-n urrainn esan a rugadh 'na dhuine-cloinne a bhi gu cothromach air a ghairm "An Dia cumhachdach." Agus tha iomadh dòigh-labhairt eile anns an Sgriobtuir aig am bheil a stéidh air a leagadh anns an aonadh phearsanta so. Mar sin ghabh Mac Dhé air féin "siol Abrahim," agus "ghineadh o mhnaoi e," agus ghabh e "comh-roinn a dh' fheòil agus a dh' fhuil," agus "dh' fhòllsicheadh e anns an fheòil." Mar an ceudna gu'n robh esan a rugadh o'n Oigh bheannaichte ann am bith "mu'n robh Abraham ann,"—gu'n d'rinneadh e de "shiol Dhaibhidh, a réir na feòla," agus gu'n do "cheannach Dia an eaglais le 'fhuil féin,"—tha iad so uile air an labhairt mu'n aon phearsa cheudna; cha mhò is urrainn iad a bhi fior ach air stéidh aonaidh so an dà nàdur anns an aon phearsa. Agus iadsan uile 'tha tagradh air son a' ghné aonaidh shamhlacha sin a tha 'coimh-sheasamh anns na nithibh sin a dh' ainnmicheadh, tha sar-fhios aca gu bheil iad a' cur an aghaidh fior Dhiadhachd ar Tighearna Iosa Criod.

III. Ann an comh-chuideachd an *aonaidh* so agus ann an cuid mar thoradh an aonaidh, tha an *comh-chomunn sin a tha eadar dà nàdur Chriosd anns an aonadh phearsanta*. Agus ann an so feudar a bheachdachadh,—1. Ciod a bluineas ann an rathad àraidh do nàdur na Diadhachd ann ; 2. Sin a tha coitchionn do'n dà nàdur.

1. Tha *comhpàirteachadh* tri-fillte o nàdur na Diadhachd do nàdur na daonnachd anns an aonadh phearsanta so. (1.) Sin a tha neo-mheadhonach ann am pearsa a' Mhic. Agus is e sin a bhi 'faotaimm *bith* ann. Ann fèin tha daonnachd Chriosd *neophearsanta*—aig nach eile *bith* ann fèin a bheireadh pearsantachd eadar-dhealaichte dha o an nàdur ceudna ann am pearsa sam *bith* eile. Ach tha a bhith aige ann am pearsa a' Mhic, uime sin is e nàdur a Mhic a tha ann. Is e nàdur na Diadhachd, mar anns a' phearsa sin, aon *ionad a bhith*. (2.) Tre'n Spiorad Naomh rinn e nàdur sin na daonnachd a lionadh le *lìonadh* nan uile ghràs ; mar a rinn sinn 'fhosgladh suas ann an àit eile. (3.) Ann an uile ghniomharaibh a dhreuchd chuireadh *toilleanas agus inbheuchd* o nàdur na Diadhachd, anns na h-uile ni a choimhlionadh ann agus trid nàdur na daonnachd.

A thaobh sin leis an robh cuid a' cur dragha air an eaglais ré ùine fhada—a' labhairt mu a leithid a chomhpàirteachadh de bhuadhaibh na Diadhachd ris an daonnachd, nach bitheadh aon chuid a' ciallachadh gu'n do *dhoirteadh a mach* iad ann, mar 'n an cuspair, no gu'n d'thugadh an t-aon *ainm cheudua* do'n dà nadur maraon, do *blàigh* iad a bhi 'chòmhnuidh anna mar ann an aon phearsa,—cha-n'eil ann ach a bhi labhairt mu ni nach do thuig iad fèin riamh, agus nach mò is urrainn neach sam *bith* eile a thugisinn.

2. Uime sin, a thaobh a' chomh-chomuinn sin a tha eadar an dà nàdur anns an aonadh phearsanta so, tha tri nithe r'am beachdachadh, ris am bheil an Sgriobtuir, agus reuson, agus an eaglais o shean, uile a' comh-aontachadh.

(1.) Tha *gach nàdur fa leth* a' gleidheadh a bluadhan nàdurra agus coimh-glmèitheil fèin gu h-iomlan ann agus dha fèin ; gun choimh-uheasgadb, gun eas-ordugh, gun chomhpàirteachadh sam *bith* o'n aon nàdur do'n nàdur eile, anns am bitheadh buadhan nàdurra an dara h-aoin air gabhlail còmhnuidh anns an aon eile. Cha-n'eil an Diadhachd inntè fèin, air a deanamh 'na daonnachd no an daonnachd 'na Diadhachd. Cha d'rimneadh nàdur na Diadhachd aimsireil, crìochmach, no buailteach do chaoeħħadh no do thionn-ladh leis an aonadh so ; cha mhò a rinneadh an daonnachd neo-chriochmach no uile-chumhachdach. Mur bi so air a cheadachadh, cha bli dà nàdur idir ann an Criosd, an Diadhachd agus an daonnachd, no d'a rireadh aon air *bith* dhiubbh, ach ni-éigin eile air a dheanamh suas dhiubbh maraon.

(2.) *Tha gach nàdur fa leth ag oibreachadh anns a' phearsa a réir a bhuadhan neo-sheackanta fein.* Tha nàdur na Diadhachd ag aithneachadh nan uile nithe, a' cumail suas nan uile nithe, a' riaghlaigh nan uile nithe, a' gniomhachadh le a làthaireachd anns na h-uile h-ionad ; bha nàdur na daonnachd air a bhreith, choimh-lion e ùmhachd, fhuair e bàs, agus dh' éirich e ris. Ach is e an t-aon phearsa ceudna, an t-aon Chriosd ceudna, a tha 'g oibreachadh nan nithe so uile, air do'n dara nàdur a bhi anns a' phearsa eadhon mar an nàdur eile. Uime sin,—

(3.) *An obair iomlan agus choimhlionta sin a tha o Chriosd, ann an uile ghniomharaibh na h-eadar-mheadhonareachd,*—anns gach ni a rinn e mar Righ, mar Shagart, agus mar Fhàidh na h-eaglais, —anns na h-uile ni a rinn agus a dh' fhuiling e,—anns na h-uile ni a tha e fathast a' deanamh air an son, cia b'e air bith nàdur leis am bheil e air a choimhlionadh leis,—cha-n'eil an obair so r'a beachdachadh mar ghniomh an dara nàduir no an nàduir eile a mhain, ach mar ghniomh agus mar obair a phearsa gu h-iomlan—neach a tha araon 'na Dhia agus 'na dhuine ann an aon phearsa. Agus is e so an t-aobhar,—

IV. Air son an *dòigh-lubhairt eugsamhui* sin a tha air a ghnàth-achadh d'a thaobh anns an Sgriobtuir ; nach dean sinn ach a mhain 'aimmeachadh anns a' chomb-dhùmadh.

1. Tha cuid de nithibh air an labhairt mu phearsa Chriosd nach 'eil fior ach a thaobh *aoin nàluir a mhain* ; mar,—“ Bha am Focal maille ri Dia, agus b'e am Focal Dia,' Eoin i. 1 ;—“ Mun robh Abraham ann THA MISE,” Eoin viii. 58 ;—“ A' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd,” Eabh. i. 3. Tha na nithe so uile air an labhairt mu phearsa Chriosd, ach buinidh iad dha a mhain do bhrìgh nàduir a Dhiadhachd. Mar sin theirear uime, “ Rugadh dhuinne duine-cloinne, thugadh dhuinne mac,” Isa. ix. 6 ;—“ Na dhuine dhoilgeasan, agus eòlach air bròn,” Isa. liii. 3. Tha iad so mar an eundna air an labhairt mu phearsa Chriosd, gidheadh air an deanamh fior ann an nàdur an duine a mhain, agus anns a' phearsa do bhrìgh an nàdur sin.

2. Air uairibh tha nithe air an labhairt mu *phearsa* Chriosd nach buin gu h-eadar-dhealaichte agus anns a' phriomh sheadh do aon air bi fa leth de'n dà nàdur, ach a bhuiteas dha mar thoradh an *aonaidh* anns an aon phearsa—doigh-labhairt a tha 'g amhare gu neo-mheadhonach ri pearsa Chriosd. Mar sin labhrar uime mar Cheann, mar Righ, mar Shagart, agus mar Fhàidh, na h-eaglais : dreuchdan a bhuiteas dha agus a tha air an coimhlionadh leis, cha-n ann a thaobh aoin air bith fa leth de'n dà nàdur, ach a thaobh aonaidh *phearsanta* an dà nàdur.

3. Air uairibh air do'n phears' a bhi air ainmeachadh o *aon nàdur*, tha buadhan agus gniomharan an nàduir eile air an cur as a

leth. Mar sin "cheus iad Tighearna na glòire." Is e Tighearna na glòire e do bhrigh nàduir a Dhiadhachd a mhain; agus is ann a thaobh an nàduir so a dh' ainnmichear a phearsa 'nuair a theirear gu'n do cheusadh e—gniomh a rinneadh a thaobh nàduir a dhaonnaechd a mhain. Air a' mhodh cheudna, cheannaich Dia an eaglais "le 'fhuil féin," Gniomh. xx. 28. Tha am pearsa air aimeachadh o nàdur na Diadhachd a mhain—*is Dia e*; ach an gniomh a tha air a chur as a leth, no an ni sin a rinn e le 'fhuil féin, rinneadh e ann an nàdur an duine a mhain. Gidheadh, an eeannach a rinneadh leis an fhuil, b'e sin gniomh a' phearsa mar Dhia agus mar dhuine. Mar sin mar an ceudna, air an làimh eile, "Mae an duine a tha air nèamh," Eoin iii. 13. Tha am pearsa air 'ainmeachadh o nàdur an duine a mhain,—"Mac an duine." Tha sin a chuireadh as a leth air 'ainmeachadh a thaobh nàduir na Diadhachd a mhain,—"a tha air nèamh."

4. Air uairibh air do'n phears' a bhi air 'ainmeachadh o aon nàdur fa leth, tha sin air a chur as a leth a tha coitchionn do'n dà nàdur; air neo air dha bhi air 'ainmeachadh o'n dà nàdur, tha sin air a chur as a leth a bluineas air dhòigh àraidih do aon nàdur a mhain. Faie Rom. ix. 5; Mata xxii. 42.

Cha d' rinn sinn ach na nithe so 'ainmeachadh a mhain, do bhrigh gu bheil iad air an toirt fainear gu eoitchionn le muinntir eile 'nan sgriobhaidhean air pearsa Chriosd, ged nach b'urrainn iad a bhi air am fagail a mach gu h-ionlan anns an àite so.

CAIBIDEIL XIX.

Air Ardachadh Chriosd, maille r'a Staid agus a Shuidheachadh a nis ann an Glòir ré Aimsir a Dhreuchd mar Eadar-mheadhonair.

AIR do'n abstol a bhi 'eur an céill diomhaireachd mhòir na diadhachd,— "Dia air 'fhoillseachadh anns an fheòil,"—tha e 'ga giulan suas, ceum air cheum, an leth a stigh de'n bhrat-roinn, agus 'ga tasgadh seachad ann an glòir, 1 Tim. iii. 16; dh' fhoillsicheadh Dia anns an fheòil, agus "ghabhadh suas e chum glòire." Tha so 'na aon de phrionadh earrainnaibh eredimh na h-eaglais—bunait mòr a dòchais agus a comhfurtachd anns an t-saoghal so—eadhon, gu'n do ghabhadh ar Tighearn Iosa Criosd mar so suas chum glòire air nèamh, maille r'a staid agus r'a shuidheachadh ann. Uime sin, is éigin duinn so mar an ceudna a thoirt fainear 'nur beachd-smuaintibh mu phearsa Criosd, agus am feum a tha ann 'nar diadhachd.

Tha sinn a' ciallachadh air mhodh àraidh ann an so a shuidh-eachadh a nis air néamh ann an cleachdadhbh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair, roimh chrich nan uile nithe. Is ann air so a tha glòir Dhé agus slàinte na h-eaglais an crochadh anns an àm a tha làthair. Oir, an uair a thig crioch an fhrithealaidh so, bheir e suas an rioghachd do Dhia, eadhon an t-Athair, no sguiridh e de chleachdadhbh a dhreuchd agus a chumhachd mar eadar-mheadhonair, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, 1 Cor. xv. 24-28. “’An sin bitidh a’ chrioch dheimireannach, ’nuair a bheir e suas an rioghachd do Dhia, eadhon an t-Athair; ’nuair a chuireas e as do gach uile nachdaranachd, agus gach uile àughdarras, agus chumhachd. Oir is éigin gu’n rioghaich e gus an cuir e a naimhdean uile fo a chosaibh. Sgriosar an namhaid deireannach, am bàs. Oir chuir e na h-uile nithe fo a chosaibh. Ach an uair a tha e 'g ràdh gu'n do chuir e na h-uile nithe fodha, is ni follaiseach gu bheil esan a chuir na h-uile nithe fodha, an leth a muigh dheth so. Agus an uair a chuirear na h-uile nithe fodha, an sin bitidh am Mac fèin fo'n ti a chuir na h-uile nithe fodha-san, chum gu'm bi Dia na h-uile anns na h-uile.”

Bha na h-uile nithe air tuiteam tre'n pheacadhbh dh' ionnsuidh staid naimhdeis an aghaidh glòir Dhé agus slàinte na h-eaglais. Uime sin, b'i an obair a dh' earb Dia r'a Mhac ann an gabhail ar nàdlur agus ann an cleachdadhbh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair, a bhi 'giùlan an naimhdeis so as an rathad, agus a bhi sgrios a naimhdean gu léir, Eph. i. 10. Bha so gu coimhlionadh fhaotainn aig a làmhaibh air ionadh doigh ann am frithealadh a dhreuchdan gu léir. An naimhdeas sin a bha gu neo-mheadhonach eadar Dia agus sinne, rinn e a ghiùlan air falbh le fuil a chroinn-cheusaidh, trid an d' rinn e sith, Eph. ii. 14-16; agus tha an t-sith sin air a gleidheadh gun blhriseadh le eifeachd na h-eadar-ghuidhe, Eabh. vii. 25; 1 Eoin ii. 1. A thaobh naimhdean sin slàinte siorruidh na h-eaglais—am peacadhbh, am bàs, an saoghal, Satan, agus ifrinn, tha e 'gan ceannsachadh le a chumhachd. Ann an coimhlionadh na h-oibre so ceum air cheum, tha e gu bhi buanachadh gu ruig crich nan uile nithe, agus sin mar a tha eaglais an taghaidh air a breith linn an déagh linn, oir is éigin a coimhlionadh anns gach ball fa leth dhith. Gus an tig sin cha bhi an eaglais uile air a téarnadh, agus uime sin cha bhi obair-san air a criochnachadh. Cha sguir e am feadh a tha aon anam de'n taghadh r'a théarnadh, no aon namhaid r'a chlaoidheadh. Cha tig failing no briseadh air, gus an suidhich e breitheanas air an talamh.

Chum gu'm bitheadh an cùram mòr so, ma seadh, a' faotainn coimhlionaidh, tha cumhachd àrd-nachdaranach air a thoirt thairis d'a làmhaibh os ceann nan uile nithe air nèamh agus air talamh.

Anns a' chumhachd so tha e rioghachadh agus is éigin da rioghachadh. Agus is co ionlan a thugadh thairis dha e, as gu bheil e sgriobhta, air dha sguir de bli 'ga chleachdadhl, gu'm bi am Mac féin fo an ti a chuir na h-uile nithe fodha-san, eadhon Dia. Tha e fior gu bheil an Tighearn Criod, ann an nàdur an duine, a ghnàth fo Dhia, eadhon an t-Athair. Anns an t-seadh sin tha e fodha a nis air néamh. Ach gidheadh, tha fior chleachdadhl a chumhachd dhiadhaidh 'na làmhaibh ann an seadh ionlan agus àrd-uachdaranaach. 'Nuair a sguireas so, bithidh e fo an Athair anns an nàdur sin, agus anns an nàdur sin a mhain. Uime sin, an uair a bhitheas an obair so air a coimhlionadh agus air a criochnachadh gu h-ionlan, an sin sguiridh uile chleachdaidhean eadar-mheadhonaireachd Criod gu bràth tuilleadh. Oir bithidh Dia an sin air uile rùintean a ghliocais agus a ghràis ann an comhshuidheachadh pearsa agus eadar-mheadhonaireachd Criod a chriochnachadh gu h-ionlan, agus bithidh a' chlach-mhullaich air a suidheachadh air aitreachbh ionlan na glòire siorruidh. An sin bithidh Dia "na h-uile anns na h-uile." Cha-n e mhain gu'm bi e "na h-uile" mar am *priomh bhith* agus mar *phriomh aobhar* nan uile nithe 'na nàdur neo-chriochnach agus uile-bheannaithe féin, ach bithidh e mar an ceudna "anns na h-uile;" bithidh e na h-uile gu neo-mheadhonach annainn agus d' ar taobh.

A thaobh suidheachaidh so nan uile nithe fa dheòidh, 'nuair a bhitheas Dia gu neo-mheadhonach "na h-uile anns na h-uile," cha ruig ar n-inntinnean air beachdaibh cubhaidh fhaotainn m'a thimchioll anns a' bheatha so. Feudaidh euid de smuaintibh sòlasach cleachdadhl fhaotainn 'nar n-inntinnibh d'a thaobh, a réir an tomhais anns am feud ar buadhan beachdachadh air glòir nan òirdheirceas diadhaidh, anns an uile-fhreagarrachd a tha annta air son a bli 'nan tobar suaimhneis, agus toil-inntinn, agus beannachaidh shiorruidh dhuinn, anns an t-seilbh sin dhiubh air am feud ar nàdur ruigsinn. Gidheadh, a thaobh nan nithe comhar-achte so tha an Sgriobtuir 'na thosd; a mhain gu bheil e 'deanamh fianuis gu bheil ar sonas agus ar duais shiorruidh a' coimh-sheasamh ann a bhi mealtuinn Dhé.

Ach tha ni-eigin eile air a chumail suas mar chuspair neo-mheadhonach creidimh nan naomh anns an àm a tha làthair, a thaobh sin a bhitheas iad a' mealtuinn air dhoibh triall as an t-saoghal so. Agus tha taisbeanadh nan Sgriobtuir a' ruigsinn dh' ionnsuidh suidheachaidh nithe gu ruig deireadh an t-saoghal, agus cha-n'eil ni's fhaide.

Air an aobhar sin tha néamh air a thaisbeanadh dhuinn a nis air mhodh àraidh mar ionad còmhnuidh *Iosa Criod*'na ghlòir ann am frithéaladh a dhrenchd mar eadar-mheadhonair; agus gu bheil ar sonas a' coimh-sheasamh ann an comhpairt fhaotainn d'a ghlòir,

agus comh-chomunn a bhi againn ris ann. Is amhuil a tha e guidbe air an son-san uile a thugadh dha o'n Athair gu'm bith-eadh iad far am bheil e, chum a bhi 'faicinn a ghlòire, Eoin xvii. 22. Cha-n e glòir shiorruidh a phearsa dhiaidh ann fèin a mhain a tha air a chiallachadh, a tha gu h-iomlan coimh-ionann ri glòir an Athar; ach is glòir i a bhuineas air dhòigh àraidh dha fèin,—glòir a thug an t-Athair dha, do blàrigh gu'n do ghràdhach se e : " Mo ghlòir a thug thu dhomh ; oir ghràdhach thusa mi." Cha mhòis e staid ghlòraichte a dhaonnachd a mhain a tha e 'eallachadh; mar a chuireadh an ceill roimh, ann a bhi beachdachadh air rann 5 de'n chaibideil so, far am bheil e 'guidhe air son na glòire sin. Gidheadh, cha-n'eil so air a dhunadh a mach; oir d'an taobhsan aig am bheil gràdh dha, cha bheag an earrann d'an sonas shiorruidh a bhitheas a' coimh-sheasamh ann a bhi 'faicinn an naduir ceudna sin anns an d' fluiling e air an son—a' giulan gach uile ghnè mhaslaidhean, agus fhanoidean, agus dhoilgheasan —a nis air a chur ann an seilbh neo-chaochlaidheach air glòir domheasrachaidh. Ach ann an seadh àraidh an Sgriobtuir, is i a' ghlòir a tha Dia a' toirt do Chriosd a' ghlòir anns am bheil e air àrdachadh 'na dhreuchd mar eadar-mheulhonair; a' ghloir sin a tha coimh-sheasamh anns "na h-uile cumbachd" a bhi air a thoirt dha air nèamh agus air talamh; an "t-ainm" a thugadh dha "os ceann na h-uile h-ainm," mar a tha e 'na shuidh air deas làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh. Tha earrann nach 'eil beag de ghlòir agus de shonas nan naomh a nis air nèamh a' coimh-sheasamh ann a bhi 'faicinn agus ann a bhi 'beachdachadh na gloire so le h-aoibhneas agus toil-inntinn naomh, mar a tharlas mar an ceudna d'an comh-bhraithrean uile a choidleas ann an Iosa roimh chrieh nan uile nithe. Agus ann am beachdachadh dligeach na firinne so tha mar an ceudna earrann mhòr de chleachdadh a' chreidimh sin a's e "brìgh nan nithe ri 'm bheil dòchas"—cleachdadh air thalamh a tha 'deanamh suas àite *sealluidh* air nèamh, le bhi 'deanamh nan nithe fèin a làthair maille ruinn. Is e so an grunnd anns am bheil ar dòchas a' tilgeadh 'acair,—eadhon, na nithe "a tha'n taobl a stigh de'n bhrat-roinn," Eabh. vi. 19, a tha 'gar treòrachadh dh'iomnsuidh frithealaidh eadar-mheulhonair-eachd Chriosd anns an teampull air nèamh. Agus is ann a chum a bhi neartachadh ar creidimh agus ar dòchais ann an Dia tre Chriosd a bu chòir dhuinn a bhi 'rannsachadh nan nithe so.

Feudar suidheachadh Chriosd a nis air nèamh a bheachdachadh fo na tri chinn so :—

I. *Staid ghlòraichte a dhaonnachd*; sin a tha coitchionn do'n duine Iosa Chriosd agus do na naomhaibh uile a thaobh glòire, agus sin anns am bheil a ghlòir-san ag eadar-dhealachadh uatha uile a thaobh gné.

II. *Ardachadh Chriosd mar eadar-mheadhonair*; no glòir àraidh a phearsa mar an t-eadar-mheadhonair.

III. *Cleachdadh a dhreuchd anns an àrdachadh so*; an ni sin a tha sinn air mhodh àraidh gu bhi toirt fainear aig an àm. Cha labhair sinn idir air nàdur nan corp glòraichite, no air ni sam bith a tha *coitchionn* do dhaonnachd Chriosd agus do'n nàdur cheudna anns na naoimh ann an glòir; ach a mhain air sin a bhuineas *gu h-àruidh* dha féin. Chum na crìche so ni sinn aon bheachd coitchionn a roimh-mhineachadh.

Cha-n'eil iomlanachd sam bith a's urrainn nàdur na daonnachd a bhi 'giùlan, a 'fantuinn 'na fhior dhaonnachd mar a bha e, eadar chorp agus anam, nach buin do'n Tighearn Criod ann an staid na glòire. Ma chuirear ni sam bith as leth a nàdur mar dhuine a tha neo-fhreagarrach r'a *ghuè*, mar fhior dhaonnachd, cha-n' e *glòir* a bheirear dha, ach *sgrios a nitheur air a bhith*. Ma chuirear buadhan diadhaidh, mar a tha uile-làthaireachd agus neo-chriochnachd, as leth nàdur na daonnachd, is ann a bhitheas a bhuadhan nàdurra féin air am buntuinn gu h-ionlan air falbh. Cha-n'eil fior blàrigh cuirp Chriosd air 'atharrachadh ni's mo na tha fior blàrigh 'anama. Is earrann bluamaiteach e de'r creidimh, gu bheil e anns a' chorp cheudna sin air nèamh anns an robh e 'còmhradh ri daoine air thalamh, agus gu bheil na buadham reusonta anama sin aige nis a bha aige roimh. Is e so "an ni naomh" sin a chruthaicheadh gu neo-niheadhonach leis an Spiorad Naomh ann am broinn na h-Oighe. Is e so an "t-Aon Naomh" sin nach fhaca truailli-dheachd am feadh a bha e anns an uaigh. Is e so an "corp" sin a dh' iobradh air ar son, anns an do ghiùlain e ar peacaidhean air a' ehrann. Uime sin, an neach a smuainicheas gu bheil a shamhul sin de chaochlaidh air a dhreamh am no air a chorp, as nach bitheadh e fantuinn an dearbh ni sin a bha e a thaobh bith agus brigh, cha-n'eil e ach a' tilgeadh aoin de phriomh earrannaibh creidimh na h-eaglais bun os ceann. Tha sinn a' ereidsinn gur e an ecart chorp ceudna sin anns an d' fluilling e air ar son, as eugnhais caochlaidh sam bith 'na thior ghné, an teampull sin fathast anns am bheil Dia a' gabhlail còmhnuidh, agus anns am bheil e frithhealadh anns an ionad naonidh nach d' rinneadh le làmhaibh, agus nach e corp eile de ehruth nèamhaidh, anns nach 'eil ni sam bith de nàdur fola, no feòla, no ehnàmlan, leis an d' rinn e fianuis cho triè air dilseachd Dhé ann an gabhlail ar nàdur. Is e an dearbh chorp a bha air a lotadh an corp ceudna a chi gach siùl, agus cha chorp sam bith eile.

I. Air a' bhunait so, ma seadh, tha sinn gu toileach a' eadachadh gu bheil gach uile iomlanachd ann an daonnachd ghlòraichte Chriosd, a tha coimh-sheasmbach r'a fior ghné agus r'a bith fèm. Uime sin, bithidh sinn a' feòraich ann am beagan eisampleir a

mhain, ciod i glòir so daonnachd Chriosd *a nis air nèamh*, agus ciod anns am bheil i ag eadar-dhealachadh ann an gnè no ann an tomhas o ghlòir nan uile naomh eile. Oir eadhon 'nam measg-san tha sinn gu saor a' ceadachadh gu bheil tomhasan eadar-dheal-aichte glòire, a tha neo-sheachanta o riaghait shiorruidh nan uile nithe, eadhon, toil Dé ann am buileachadh nan uile nithe chum a ghlòire féin.

1. Tha cuid de nithibh anns am bheil glòir daonnachd Chriosd a nis air nèamh ag eadar-dhealachadh, *ann an gnè agus ann an nàdur*, o'n ghlòir a bhuineas do neach air bith de na naomhaibh, aon chuid a nis no an deigh na h-aiseirigh. Agus is iad sin,—

(1.) Am *bith siorruidh* a tha aig a dhaonnachd-san ann am pearsa Mhic Dhé. Mar a bhuineas so d'a h-inbhe agus d'a h-urram, is amhuil a bhuineas e mar an ceudna d'a glòir àraidh féin. Ann an so bithidh e gu siorruidh gun choimeas, air eadar-dhealachadh agus air àrdachadh os ceann cruthachaidh Dhé gu léir, ainglean agus daoine. Iadsan a tha 'g àicheadh so, an àite dhoibh a bhi gairm dheth "Iongantach, Comhairliche, an Dia cumhachdach, an t-Athair siorruidh, Prionnsa na sithe," is ann a tha iad a' toirt "Ichabod" mar ainm air, "C'ait am bheil a ghlòir?" no, cha-n 'eil glòir àraidh sam bith aige. Ach rinn sinn an diomhaireachd so a chur an céill a cheana, a réir ar tomhais, agus coimhfhreagarrach ri ar rùn. Agus, gun amharus, bha a ghlòir so aige anns an t-saoghal so féin, o'n cheud thiotadhl anns an do ghabhadh anns a' bhroinn e. Ach a thaobh foillseachaidh na glòire sin, dh'fhalmaich se e féin, chuir se e féin ann an dimeas, a' gabhail air féin cruth seirbhisich. Ach a nis tha i 'dealradh gu ro òirdheire ann an sealladh a mhuintir naomha gu léir. Bitidh cuid a' feòraich, am bheil breithneachadh ionlan aig na naomhaibh ann an diomhaireachd Mhic Dhé 'nar nàdur. Cha-n 'eil sinn a' tuig-sinn ro mhaith ciod a tha air a chiallachadh le "*breithneachadh ionlan*";" ach tha so fior, gu'm bi sin a tha nis agaim a réir creidimh air a mhealtuinn leinn air nèamh a réir scallaidh. Oir mar a tha sinn a nis beò tre chreidimh, is amhuil a bhitheas sinn beò 'na dhéigh so a réir seallaidh. A nis cha-n 'eil creutair criochnach sam bith a's urrainn breithneachadh ionlan a bhi aige ann an ni a tha neo-chriochnach. Cha-n fhaighear gu bràth an t-Uilechumhachdach a mach gu h-ionlan, a thaobh aoin air bith a dh' oibribh a' ghliocais neo-chriochnaich. Uime sin, is e so a mhain na their sinn, gu bheil firinn agus nàdur na diomhaireachd so a' faotainn làn-dhearbhaidh air nèamh, a riaraicheas gu h-ionlan an t-anam, ionnuis gu bheil glòir Chriosd ann soilleir, mar chuspair siorruidh an aoraidh agus an urraim dhiadhaidh. Goirear de shonas na glòire air uairibh an *taisbeannadh àrd-bheannaichte*; is e sin, a leithid de shealladh agus de mheasrachadh inntinn de

Dhia agus d'a ghlòir, gu sonruichte mar air fhoillseachadh ann an Criosc, as a nì beannaichte sim gu saoghal nan saoghal. Uime sin, bithidh earrann mhòr de'r sonas a' coimh-sheasamh ann an beachdachadh na diomhaireachd so, agus tuilleadh na so cha-n 'eil 'nar comas a rádh. Is e so, ma seadh, anns am bheil glòir daonachd Chriosd a' toirt barrachd a thaobh a gnè, agus ag eadar-dhealachadh o ghlòir creutair beannaichte sam bith eile. Agus air a so tha nithe eile an crochadh. Oir,—

(2.) Uaith so tha an t-aonadh a tha aig nadur an duine ann an Criosc ri Dia, agus na h-uile comhpairteachadh a tha e faotainn o Dhia, de ghnè eadar-dhealaichte o sin a tha aig na naoimh bheann-aichte. Is iad na nithe so—eadhon, an t-aonadh a tha againn ri Dia agus an comhpairteachadh a tha sinn a' faotainn uaith—anns am bheil ar sonas agus ar glòir gu léir a' coimh-sheasamh.

Anns an t-saoghal so, tha na naoimh ar an aonadh ri Dia tre chreidlimh. Is ann tre chreidlimh a tha iad a' dlùth-leantuinn ris le rùm cridhe. Air nèamh bithidh so deanta leò tre ghràdh. Gràdh dian-thogarraich, maille ri tlachd, agus toil-imtinn, agus aoibhneas, o bheachd shoilleir de mhaiteas neo-chriochmach agus de mhaise Dhè, a nis a làthair againn, a nis air a mhealtruinn leinn, —is e so an cleachdadh anama trid am bi simu gu siorruidh 'ga leantuinn, agus air ar n-aonadh ris. Anns a' bheatha so tha e comhpairteachadh nan uile nithe ruinn ann an cleachdadh a chumhachd eifeachdaich o'n leth a muigh. Tha e' ga fhrithdealadh fein oirnn, ann an toraidhlibl a mhaiteis, agus a ghràis, agus a thròcair, le oibreachadh a Spioraid fein annainn. Agus is ann de'n nàdur cheudna a bhitheas na h-uile comhpairteachadh a shealbhhaicheas sinn o nàdur na Diadhachd gu saoghal nan saoghal. Bithidh e uile tre oibreachadh a Spioraid agus a chumhachd annainn. Cha-n 'eil doigh sam bith eile anns am bheil feartan a' sruthadh o Dhia do chreutair sam bith. Ach ann an Criosc tha na nithe so de nàdur eile. An t-aonadh a tha aig a dhaonnachd-san ri Dia, is aonadh neo-mheadhonach e ann am pears' a' Mhic; tha ar n-aonadh-ne 'na aonadh eadar-mheadhonach, tre'n Mhae'nar nàdur. A thaobh doigh a' chomhpairteachaidh a tha eadar an Diadhachd agus an daonnachd ann am pearsa a Mhic, cha-n urrainn sinn a thuigsinn, tha e os ceann ar comasan, cha-n 'eil meadhon sam bith againn a chuireas solus air. Is ni so a tha gu h-ionlan gun choimeas 'am measg uile oibre Dhé. Tha daonnachd Chriosd, mar is creutair i, an crochadh gu siorruidh air Dia; cha mhò a tha ni sam bith aice ach sin a tha i faotainn uaith. Oir is ann do nàdur na Diadhachd a mhain a bhuiteas e a bhi 'na aon thobar siorruidh agus saor gach uile bliith agus gach uile mhaiteas. Cha mhò is urrainn an t-Uile-chumhachdach fein creutair 'ardachadh dh' ionnsuidh suidheachaidh sam bith anns nach bitheadh

e a ghnàth agus anns na h-uile ni an crochadh gu h-iomlan air Dia fein. Ach a thaobh ðoigh a' chomhpairteachaidh eadar an Diadhachd agus an daonnachd anns an aonadh phearsanta, cha-n aithne dhuinn e. Ach eo dhiù is comhpairteachadh beatha, no cumhachd, no soluis, no glòire e, tha iad uile de nàdur eadar-dhealaichte o dhòigh sam bith anns am bheil sinne gu bràth gu bhi faotainn nan uile nithe. Oir, mar a dh' ainnmicheadh a cheana, tha na h-uile ni air am buileachadh oirnne, agus air an oibreachadh annainn, tre chleachdadhl éifeachdach cumhachd o'n leth a muigh. Ach a thaobh nam feartan glòrmhor a tha 'sruthadh gu neomheadhonach o'n Diadhachd do'n daonnachd ann am pearsa Chriosd, cha-n 'eil e 'nar comas an tuigsinn. Gu cinnteach, tha cleachdailhean dà ghnè eadar-dhealaichte, gach aon d'a chéile, cruaidh an tuigsinn, eadhon far am bheil iad araon crìochnach agus anns an aon phearsa. Cò d'an aithne mar a tha éifeachd seòlaidh a' sruthadh o'n anam, agus air a chomhpairteachadh ris a' chorpa, anns na h-uile gluasad agus gniomh a's lugh a tha anns gach ball fa leth,—air chor as nach 'eil astar sam bith eadar an seòladh agus an gniomh? no, air an làimh eile, mar a tha an t-anam air a chur fo thrioblaid no fo bhròn anns a' cheart thiotadh anns am bheil an corp a' fulang cràidh, ionnus nach urrainn eadar-dhealachadh a bhi deanta eadar cràdh a' chuirp agus comh-fhulangas an anama? Nach mò gu mòr na sin a tha comhpairteachadh so an dà nàdur eadar-dhealaichte ann an aon phearsa Mhic Dhé os ceann ar breithneachaidh, far am bheil a h-aon diubh gu h-iomlan neochriochnach? Bithidh ni-eigin air a labhairt uime an déigh so. Ann an so, ma seadh, tha glòir shiorruidh so an duine Iosa Criosd ag eadar-dhealachadh o sin a bhitheas aig na h-uile creutair glòraichte eile. Agus,—

(3.) Do bhrigh so is e daonnachd Chriosd, anns a' phearsa dhiadhaidh agus maille ris a' phearsa, *cuspair gach uile aoraidh agus molaidh dhiadhaidh* gu léir, Taisb. v. 13. Tha gach uile chreutair air bith a' cur "molaidh, agus urrainm, agus glòir, agus cumhachd" gu siorruidh as leth an Uain, coimh-ionann ris-san a tha 'na shuidh air an righ-chaithir. Rinn sinn so a chur an céill a cheana. Ach cha-n'eil creutair sam bith eile a tha, no a's urrainn a bhi, air àrdachadh dh'ionnsuidh a' leithid sin a dh' inbhe glòire, as gu'm bitheadh e 'na chuspair an aoraidh dhiadhaidh ann an tomhas air bith, eadhon o'n chreutair a's isle d'an comasach aoradh a choimhlionadh. Iadsan a tha toirt aoraidh no urrainm dhiadhaidh do naoimh no do ainglean, mar a tha deanta ann an Eaglais na Roimh, tha iad araon a' spùinneadh Chriosd de phriomh nèamhnuid a choroin rioghail, agus ag oidhirpeachadh gu mi-naomh a bhi 'sgeadachadh mhuinnitir eile leatha;—a tha 'na ghràineileachd dhoibh.

(4.) Tha a' *ghlòir sin gu léir a rùnaich Dia a bhi coimhlionadh ann agus leis*, a nis air a taisbeanadh gu soilleir do'n mhuinntir naomh a tha 'euariteachadh na righ-chaithreach. B'e rùn mòr glio-eais agus gràis Dhé o shiortnuidheachd, a bhi eur an cùill agus a bhi taisbeanadh uile bhuadhan naomha agus glòrmhor a nàduir, ann agus trid Iosa Criod. Is e so an ni anns am bheil a thlaechd, agus leis am bheil e làn-toilichte. 'Nuair a bhithreas so air coimhlionadh ionlan fhaotaim, cha bhi meadhon sam bith eile gu bràth air a ghnàthachadh leis air son a bhi foillseachadh a ghlòire. Ann an so tha crioch dheireannach agus beannachadh nan uile.

Air an aobhar sin is e priomh obair a' chreidimh am feadh a tha sinn anns an t-saoghal so, a bhi 'g amhare air glòir so Dhé, mar a tha i air a taisbeanadh dhuinn ann an Criod. Is e so an cleachdadhbh trid am bheil ar comh-chumadh ris a fas suas ehum fairfeachd, 2 Cor. iii. 18. Agus chum na crìche so, tha e comhpairteachadh soluis shlainteal gu h-éifeachdach r'ar n-inntinnibh anns an leth a stigh ; as eugnhais nach urrainn sinn aon chuid a ghlòir fhaicinn no glòir a thoirt dha. An ti sin "a thubhairt ris an t-solus soillseachadh á dorchadas," tha e 'dealradh ann ar eridheachaibh-ne, a thoirt dhuinn "soluis eòlais glòire Dhé, ann an gnùis Iosa Criod," 2 Cor. iv. 6. Is i a' chrioch, tha sinn ag radh, air son am bheil Dia a' comhpairteachadh soluis spioradail agus nèamhaidh ri inntinnibh nan creideach, gu'm bitheadh iad comasach air foillseachadh agus taisbeanadh a ghlòire a bheachdachadh ann an Criod ; a tha folaithe o'n t-saoghal, Eph. i. 17-20 ; Col. ii. 2. Gidheadh, am feadh a tha sinn anns a' choluinn, cha-n'eil sinn a' faicinn a ghlòire ach "gu dorch mar tre ghloine ;" cha-n'eil i soilleir dhuinn 'na maise dhealrach fèin. Seadh, is e fuigheall ar dorchadais a thaobh an ni so a's ceann-aobhar ar laigse, agus ar n-eagalan, agus ar dubhachais gu léir. C'uime am bheil e cho soirbh do ar buairidhean uile a bhi 'fagail an lorg 'nar n-anamaibh, ach gu bheil sinn a dhùth seallaидh sheasmhaich de ghlòir so Dhé ann an Criod. Agus is ann le solus spioradail na glòire so 'nar n-inntinnibh a tha sinn air ar n-atharrachadh dh' ionnsuidh cosmhuiileachd Criod.

Ach ar *nèamh* tha so air 'fhoillseachadh gu follaiseach agus gu glòrmhor do'n mhuinntir bheannaichte sin gu léir a tha fa chomh-air na righ-chaithreach. Cha-n'eil iad ag amhare air tre chreidimh ann an tomhasaibh eadar-dhealaichte soluis, mar a tha sinne 'deanamh air thalamh. Cha-n e *beachdan* annibhun na h-inntinn a tha aca inn chomharaidhibh sin na glòire diadhaidh a tha r'am faicinn ar pearsa Criod, agus air nàdur an duine ann, maille ris an obair a choimhlion e ; a chuid a's mo air an ruig sinne air thalamh. Aeh 'an àite sin, tha an t-ionlan de ghlòir Dhé *fosglaitte* dhoibh, agus air fhaicinn *gu soilleir* leò—seadh, uile chomh-

araidhean a ghlòire, 'gan taisbeanadh féin air dhòigh ro òirdheire ann, 'na phearsa, anns na rinn e, agus anns na tha e 'deanamh. Tha gliocas, agus gràs, agus maitheas, agus gràdh, agus cumhachd na Diadhachd a' dealradh a mach ann, mar chuspair beachdachaidh nan naomh uile, anns am bheil e air a dheanamh iongantach. Agus cha bheag an earrann de ar sonas bhith-bhuan a tha 'coimh-sheasamh anns an t-sealladh so. Oir ciod eile is mò a bheir de riarachadh do anamaibh nan naomh—ciod eile anns am bheil a leithid a ghlòir dhoibh—ri breithneachadh soilleir a bhi aca de dhìomhaireachd gliocais, agus gràis, agus gràidh Dhè ann an Criosd? B'e so cuis-raunsachaidh nam fàidhean o cheann iomadh linn; is e so an ni air am miann leis na h-ainglean a bhi beachdachadh,—a tha eur beatha agus glòire ann am frithéalaadh an t-soisgeil. Is e so am frithéalaadh a's glòr-mhoire, agus a's beann-aichte, agus a's sona, a's urrainn a bhi air a mhiannachadh air thalamh ann an solus a' chreidimh,—eadhon, a bhi 'faicinn a dh' aon seallaith fior bhrìgh nan samhlaidhean sin gu léir a bha air an taisbeanadh ann an aitreachb mhaisich a' phàilliun, agus an teampuill a thàinig 'na dhéigh—'nan soithichibh naomha gu léir, agus anns an t-seirbhis a choimhlionadh anna,—mar an ceudna brigh nan uile nithe a thaisgeadh ann an geallaidhible an t-Seann-tiomnaidh, no a chuireadh an eáill anns an Tionmadh Nuadh; ni a tha mar an ceudna a' dearbhadh gu bheil glòir ann an Criosd a tha de *għné agus de nàdur* eadar-dhealaichte o sin a dh' fheudas creutair sam bith 'fhaotainn. Ni sinn uime sin a thoirt fainear anns na beagan bheachdan a leanas:—

[1.] *Tha na h-uile creideach anns a' bheatha so a' faicinn òirdheirceis agus glòire ann an diomhaireachd so Dhè ann an Criosd.* Tha iad a' faicinn sin ann an tomhasaibh eadar-dhealaichte; is e sin, mur 'eil iad fo oibreachadh buairidh, a' siubhal ann an dorchadas, gun sholus a bli aca. Tha euid aig am bheil sealladh ni's ro shoilleire de'n diomhaireachd so, agus tha tomhas ni's ro mhò de dhearbh-bheachd 'na chomh-chuideachd do chuid na tha do chuid eile, a réir tomhais eadar-dhealaichte an creidimh agus an soluis. Tha sealladh spioradail chuid gle anmhunn, agus na beachdan a tha aca de ghlòir Dhè ann an Criosd gu mòr air an dorchachadh a dhùth soluis, agus dearbh-bheachd, agus seasmhachd. Tha so fior a thaobh chuid o laigse an comasan nàdurra, ach a thaobh a chuid a's mò o mhàirnealachd agus o leisg spioradail; muinntir aig nach 'eil "an ceudfaidh, tre għmat-hachadh fada, air an cleachadh ri eadar-dhealachadh a chur eadar maith agus olc," mar a tha an t-abstol a' labhairt, Eabh. v. 14. Tha euid nach 'eil a' faotainn teagaisg, agus tha inntinnean chuid eile air an truailleadh le beachdaibh meallta. Gidheadh, a thaobh nan uile a tha 'nam fior chreidich, tha "sùilean an inntinn air an soillseachadh" ann

an tomhas, chum a bhi faicinn glòire Dhé, mar air a taisbeannadh dhoibh anns an t-soisgeul. Do mhuinnitir eile tha so na amaideachd ; no tha iad a' meas gu bheil a leithid a dhorehadas ann as nach urrainn iad idir teachd 'am fagus dha. Ach is ann a tha an dorehadas gu h-ionlan annnta féin. Is e so ma seadh buaidh agus eomharadh áraidh a' chreidimh shlàinteil—tha e 'faicinn glòire Dhé ann an gnuis Iosa Criod ;—bheir e dhuinn a bhi 'g aithneachadh an fhoillseachaidh a thugadh de ghlòir Dhé ann an Criod, mar air a chur an céill anns an t-soisgeul.

[2.] Is e tomhas ar breithmeachaidh de'n ghlòir so *freumh* ar n-uile ùmhlaich, agus ar eomhfhurtachd, agus ar dòchais anns an t-saoghal so. Air do'n chreidimh sealladh fhaotainn de ghlòir so Dhé air a foillseachadh ann an Criod, tha e 'brosnachadh suas an anaima chum gach uile ùmhlaichd, a' faicinn reusona na's leòir air a son, agus aobharan misnich ro eifeachdach air son a dhol 'na ceann. Is ann an sin a tha i da rireadh 'na h-ùmhlaichd shoisgeul-aich, 'nuair a tha i sruthadh o chleachdadh so a' chreidimh, agus air a eoinbhliadh le saorsa spioraid agus buidheachas eridhe. Agus is ann an so a tha stéidh ar n-uile chomhfhurtachd air a leagadh air son na beatha ta lathair, agus ar n-uile dhòchais air son an t-saoghal ri teachd. Oir tha seasmhachd ar staid gu léir a nis agus tre'n t-siorruidheachd an crochadh air cleachdaidhean gràsmhor Dhé d'ar taobh, mar a dh' fhoillsich se e féin ann an Criod.

[3.] Is ann o chleachdadhl a' chreidimh aon an so a tha an *gràdh diaultaidh*, no gràdh do Dhia, a' sruthadh ; is ann an so a mhain a tha e 'faotainn beothachaidh agus neartachaidh. Is ann o bhreithneachadh spioradail de'n ghlòir so a tha anam a' chreidieh a' glaodraich a mach, "Cia mòr an soirbheachadh ! cia mòr am maise !" Is e Dia ann an Criod, a' deanamh an t-saoghal réidh ris féin, aon chuspair a' ghráidh dhiadhaidh. Is ann a mhain mar a tha Dia air a thaisbeannadh ann an Criod is urrainn an t-anam dlùth-leantuinn ris le gràdh dian-thogarrach, le tlachd seasmhach, agus le aigne laiste suas. Cha-n'eil anns na h-uile beachd eile mu ghràdh a bhi aig peacaich do Dhia—mar is peacaich sinn uile—ach smuaintean diomhanais. Uime sin,—

[4.] Tha na h-uile creideach, eo dhiù bu chòir do na h-uile creideach, a bhi eòlach 'nan inntinnibh air na nitibh so, a' miannachadh, agus a' sealltuinn suas le dian-thogarrach an deigh *comuinn nì's ro dhlùithe* riu gus an tig iad gu bhi 'gan làn-mheal-tuinn. Agus mur 'eil so fior d'ar taobh, tha sinn talmhaidh, agus feòlmhor, agus neo-spioradail ; seadh, c'ar son a tha luchd-aideachaidh cho feòlmhor 'nan inntinnibh, agus cho saoghalta 'nan caithe-beatha, ach a mhain do bhrígh gu bheil iad 'nan coigrich do'n t-suidheachadh anama so, agus 'nan luchd-dearmaid air an dleasdanas a tha coimlicheangailte ris. Gidheadh is e so cor na

muinntir sin a tha bò ann an cleachdadhl dligheach a' chreidimh —is e so an déigh am bheil an eridheachan a' plosgartaich—eadhon, a bhi air an làn shaoradh o gach uile dhorchadas, o gach smuan neo-sheasmhach, agus o gach beachd mhi-ionlan, mu ghlòir Dhé ann an Criosd. Is ann an déigh nan nithe so a tha iadsan a fhuair “ceud-thoradh an Spioraid” ag osnaich anna féin. Bu mhiann leò a bhi ‘faicinn na glòire so “le aghaidh gun fholach ;” cha-n ann mar anns a’ bheatha so, “mar ann an sgathan,” ach ’na maise dhealrach féin. Ciad a tha clìth oirnn ? ciad a b’ àill leinn a bhi ‘faotainn ? ciad a tha ar n-anaman a’ miannachadh? Nach e so e—eadhon, gu’m bitheadh breithmeachadh ni’s coimhlionta, agus ni’s soilleire, agus ni’s seasinhaiche againn de ghliocas, agus de ghràdh, agus de ghràs, agus de mhaitheas, agus de naomhachd, agus de cheartas, agus de chumhachd Dhé, mar a tha iad sin air an taisbeanadh agus air an àrdachadh ann an Criosd, air son ar saorsa agus ar slàinte shiorruidh ? Ciad a gheall e dhùinn ? ciad an déigh am bheil ar n-anaman a’ leantuinn ? Nach e so e—eadhon, gu faiceamaid glòir Dhé ann an Criosd, agus gu’m bitheamaid a’ tuigsinn a ghràidh dha agus a mheas air, agus gu’m bitheamaid a breithneachadh cho fagus as a tha e do Dhia; agus sin mar a tha na nithe so a’ faotainn fianuis ’na eadar-mheadhonaireachd ? Faic Eoin xvii. 23, 24.

[5.] Air nèamh sàsnuichear na tograidhean agus na dòchasan spioradail so gu léir. Ciad a th’ ann an sonas bith-bhuan na glòire, ach a bhi ‘gam faotainn air an làn-shàsuchadh ? Tha so a’ lionadh anama nan naomb a choidil a cheana ann an Iosa, le h-iomantas, agus aoibhneas ann an cleachdadhl a’ mholaidh. Faic Taisb. v. 9, 10. Ann an so tha glòir Chriosd de nàdur agus de ghné gu h-ionlan eadar-dhealaichte o sin a bhitheas aig creutair sam bith eile. Agus is ann do bhrigh so a bhitheas ar glòir-ne air mhodh áraidh a’ coimh-sheasanh ain a bhi faicinn a ghlòire-san, air do ghlòir Dhé a bhi air a foillseachadh ann.

Agus, anns an dol seachad, feudaidh sinn ‘faicinn naith so gur diomhanas agus iodhol-aoraidh uile chleachdaidhean na muinntir sin le’im b’ail a bhi taisbeanadh Chriosd mar chuspair ar n-aoraidh ann an dealbhaibh agus ann an ionhaighbhb. Tha iad a’ cumadh fiodha no cloiche chum coslais duine. Ni iad a sgeadachadh gu h-ealanta le daithibh, agus cuiridh iad snas e ri aghaidh sùilean agus inntinnean amaideach luchd an saobh-chràbhaidh mar ni aig am bheil coslas glòire. Agus air dhoibh an obair a chriochmachadh, “taomaidh iad òr as a’ mhala,” mar a tha am fàidh a’ labhairt, a’ meudachadh ann an iomadh gné sgeadachaidh, anns nach ’eil maise sam bith ach ann an suilibh nan amadaidh am measg dhaoine, agus an sin cuiridh iad suas e mar dhealbh no mar thaisbeanadh de Chriosd ann an glòir. Ach ciad idir a tha ann

aig am bheil an dàimh a's lugha dha, no an coslas a's lugha ris ? mi h-eadh, nach e so am meadhan a's éifeachdaich a dh' fheudar a smuaineachadh chum a bhi 'claonadh inntinnean dhaoine o bhreathneachadh firinneach agus ceart fhaotainn d'a ghlòir ? An toir an dealbh teagaisg do dhaoinibh mu'n bhith a tha aig daonnachd Chriosd ann am pearsa Mhic Dhé ? an àite sin, nach ann a tha e dubhadh a mach na h-uile smuain m'a thimechioll ? An taisbean e do dhaoinibh an t-aonadh a tha aig nàdur an duine ann an Criosd do Dhia, agus an comhpairteachadh neo-mheadhonach a tha e 'faotainn uaith ? Tha aon ni, gun amharus, a tha iad a' cur as a leth a bhuineas mar dhlighe do Chriosd,—eadhon, gu bheil urram agus aoradh r'a thoirt da ; trid am bheil iad a' leasachadh an amaideis le gniomh an iodhol-aoraidh. An dream sin d'a nach aithne ciod e sin a bhi bed beath' a' chreidimh —aig nach 'eil an inntinnean gu bràth togta suas ann an cleachadh a bheachd-smuaineachaidh spioradail agus nèamhaidh, agus aig nach 'eil crioch sam bith anns an diadhachd ach a bhi 'riarachadh an saobh-chràbhaidh o'n leth a stigh le sealladh an sùl o'n leth a muigh—feudaidh iad a bhi air an toileachadh ré tamuill, agus air an sgrìos gu siorruidh leis na meallaidhíbh so. Ach d'an taobh-san aig am bheil fior chreidimh ann an Criosd, agus fior ghràdh dha, tha cuspair nì's ro ghlòrmhoire aca air an dean iad an cleachadh.

Agus le so feudar sinn féin a cheasnachadh araon a thaobh ar beachdan mu staid na glòire agus tomhas ar deasachaidh air a shon, agus eo aca a tha sinn ann an tomhas air bith air ar deanamh "iomchuidh chum a bhi 'nar luchd-comhpairt a dh' oighreachd nan naomh anns an t-solus." Bithidh nithe eile aih an toirt fainear an déigh so mar stéidh an fhéin-cheasnachaidh so : aig an àm cha-n fheudar iad so a dh' ainmicheadh a leigeadh seachad. Is lionmhòr na smuaintean eadar-dhealaichte a bhitheas am measg dhaoine mu staid an t-saoghail ri teachd,—na nithe nach faicear, agus a tha siorruidh. Tha euid nach eirich os ceann an dòchais gu'm bi iad air an saoradh o ifrim, no o thruaighibh siorruidh, 'nuair a thig am bàs. Bha tuilleadh na so aig na cinnich agus aig an thàidh-bhréige féin. A thaobh chuid eile, cha-n 'eil fios agam ciod a ghné de ghlòir bhoillsgeich leis am bheil iad a' smuaineachadh a bhi 'gan toileachadh agus 'gan riarachadh féin, gun fhiros aca ciamar, 'nuair nach fheud iad fantuinn 'an so nì's fhaide. Ach tha an staid so de nàdur eile gu h ionlan, aig am bheil a shonas 'na shonas spioradail agus inntinneil. Gu bhi 'g ainmeachadh eisampleir o aon de na nitibh a chuireadh sios roimh. Tha glòir nèimh a' coimh-sheasamh ann an làn-fhoill-seachadh a' għliocais, agus a' mhaitheis, agus a' għrajs, agus na naomhachd dhia-thaidh—eadhon uile bhuadhan nàduir Dhé ann an

Criosd. Tha earrann nach 'eil beag de shonas na siorruidheachd a' coimh-sheasamh ann am breithneachadh shoilleir agus ann am beachdachadh sheasmhach a bhi air fhaotainn de na buadhaibh glòrmhor so. Ciod iad, ma seadh, a nis ar smuaintean mu na nitibh so? Ciod an tomhas aoibhneis, ciod an riarachadh anama a tha againn anns an t-sealladh sin dhiubh a tha r'a fhaotainn tre chreidimh ann an taisbeanadh diahdhaidh an Sgriobtuir? Ciod e meud ar n-ionndrain an déigh breithneachaidh iomlain fhaotainn dhiubh? An e so an nèamh air am bheil ar déigh? Ciod a tha sinn a' faotainn annainn féin a bhitheas air a shásuchadh gu siorruidh ann? Cia b'e air bith tomhas ar n-ionndrain an déigh nan nithe so, is e sin a mhain tomhas ar n-ionndrain an déigh an fhior nèimh—ionad-còmhnuidlh a' bheannachaidh agus na glòire siorruidh. Cha dean Dia ar toirt do nèamh a dhéan no dh'aindeoin. Ma tha aineolas agus dorchadas a' còmhdaidh ar n-inntinnean,—ma tha ar n-aigne saoghalta agus collaidh,—ma tha ar smuaintean air an lionadh suas le gnothuichibh na beatha ta làthair,—ma tha ar cridheachan a' gràdhachadh thoil-inntinnean an t-saoghail, ionnus gu bheil sinn 'nar coigrich do na nitibh so—mur 'eil eòlas againn orra no ionndrain 'nan déigh,—cha-n 'eil sinn air an t-slighe gu bhi 'gam mealtuinn. Cha-n 'eil dearbhadh eile a's fearr air còir chinntich a bhi againn annta, na gu bheil iad a' toirt riarachaidh anama dhuinn tre chreidimh anns an àm a tha làthair. Cia cho amaireach as a tha e a bhi 'call cheud-thoraidhean nan nithe so 'nar n-anamaibh féin, agus an dol a steach sin do shonas a bhitheadh air 'fhosgladh dhuinn tre chreidimh ann an cleachdadh a' bheachd-smuaineachaidh orra, agus sin aum an rathad a bli cur ar maith siorruidh ann an eunnart le bhi 'dian-leantuinn an déigh nithe bàsmhor na beatha so tha làthair! Is e so a tha sgrios anama mhòran, agus a' cumail creidimh mhòran eile cho lag-chuiseach, ionnus gur duilich tomhas air bith d'a fhìor chleachdadh nàdurra féin a bheachdachadh idir.

2. Tha glòir daonnachd Chriosd ag eadar-dhealachadh o ghàidhnan naomh an déigh na h-aiseirigh a thaobh a *tomhasaibh*. Oir,—

(1.) Is i glòir a chuirp-san eisimpleir agus saimpleir na glòire sin ris am bi iadsan air an deanamh comh-chosmhui: "A chruth-atharraicheas ar corp diblidh, clum gu'n deanar e comh-chosmhui r'a chorp glòrmhor féin, a réir an oibreacaidh leis am bheil e comasach air na h-uile nithe a chur fo 'cheannsal féin," Phil. iii. 21. Rinneadh ar cuirp 'nan corporaibh diblidh tre'n pheacadh, ionnus gu'n d' rinneadh iad 'nam bràithribh do na cnuimhibh, agus 'nam peathraichibh na truaillidheachd. Chomharaicheadh iad do'n bhàs, am maise do lobhadh na h-uaighe. Aig an ais-eirigh bithidh iad air an dealbh as ùr, air an sgeadachadh agus air

an nuadh-chumadh. Cha-n-e mhain gu'm bi na h-uile eiorram agus dochann a thugadh orra tre'n pheacadh air a ghiùlain air falbh, ach bithidh ionadh feart glòrmhor air an cur riu, nach robh idir aca 'nan ceud chomh-shuidheachadh nàdurra. Agus bithidh so deanta le oibreachadh uile-chumhachdach sin Chriosd, leis am bheil e comasach air na h-uile nithe a chur fo 'cheamusal fèin. Ach is e a chorp fèin eisampleir agus saimpleir na h-inbhe cuirp sin chum am bi sinne air ar n-atharrachadh le a chumhachd. Cha ruig sinn ach air cosmhuiileachd ris. Agus cia b'e air bith ni a tha 'na àrd-shaimpleir ann an staid sam bith, is e sin fèin a's riaghailt do na h-uile neach eile ann. Is amhuil sin glòir Chriosd ;—tha ar glòir-ne ag coimh-sheasamh ann an comh-chumadh rithe ; ni a tha toirt an àrd-cheannais dha-san.

(2.) Mar a tha staid cuirp Chriosd ni's ro ghlòrmhoire na sin a bhitheas aig ar corpaibh-ne, is amhuil sin a nochdar gu bheil staid 'anama ann fèin ni's ro òirdheire na sin air an ruig sinne. Oir tha lànachd sin an Spioraid a thugadh dha os ceann tomhais, maille ri lànachd sin nan uile ghràs air son an d' rinneadh a nàdur comasach tre'n aonadh phearsanta, a' dealradh a mach a nis ann 'nan òirdheirceas agus 'nan glòir. An gràs sin a bha ann an Criosd anns an t-saoghal so, is e sin fèin an gràs ceudna a tha nis ann air nèamh. Cha d' atharraich e a nàdur 'nuair a chriochnaich e a réis, is ann a thugadh cleachdadadh ni's ro ghlòrmhoire dha nis gu'n do ghlac e an crùn. Agus tha a ghràsan uile nis air an cur am follais, air do'n fholaich a bhi togta aïn falbh dhiubh, agus solus a bhi air a chomhpairteachadh anns am faicear iad. Mar nach robh sgèinn no grinneas aige ann an sùilibh mhòran anns an t-saoghal so gu'n iarradh iad e,— ann an euid do bhrìgh am folach a chuireadh air a mhaise o'n leth a stigh le a chor o'n leth a muigh, ach gu h-àraidh do bhrìgh an dorchadas a bha air innt-innibh dhaoine, air chor as nach b' urrainn iad glòire nithe spior-adail a bheachdachadh ; (ged a bha euid ann an solus a' chreidimh a chunnaic a ghlòir, "mar ghlòir aom-ghin Mhic an Athar, làn gràis agus firinn ;")—is amhuil sin a nis a tha am folach air a thogail air falbh, agus an dorchadas gu h-iomlan air teicheadh o inutinnibh nan naomh, ionnus gu bheil e air 'fhaicinn leò ann an glòir a ghràis mar an ti a tha gu léir ionmhuinn agus ion-mhiann-achte. Agus ged a tha gràs nan creideach de'n nàdur cheudna ri sin a tha ann an Iosa Criosd, agus ged a bhitheas iad air an atharrachadh dh' ionnsuidh coslais na glòire ceudna ris-san, gidheadh bithidh gràs agus glòir nan nacmh a' teachd gearr ann an tomhas do-mheasrachaidh air sin a tha chòmhnuindh annsan. Ann an so, ma seadh, mar an ceudna, tha a ghlòir-san a' toirt barrachd gu ro mhòr air glòir nan uile chreutair eile.

Ach feumar ann an so folach a tharruing thar na dh' fhagadh

fathast. Oir cha-n 'eil e fathast soilleir ciod a bitheas sinn annainn féin ; agus is ro lugh na sin a tha e soilleir ciod iad iomlanachdan na glòire sin a tha agus a bhitheas aig a' Cheann bheannaichte os ceann nam ball gu léir, eadhon, an uair a bhitheas sinn air ar deanamh cosmhuiil ris. Ach air dhuinn, ann an toiseach a' chaibideil so, staid an Tighearna Iosa Criod a nis air nèamh a thoirt fainear mar ni a sguireadh 'nuair a thigeadh " crìoch dhei'reannach nan uile nithe ; " feumar a chuimhneachadh ann an so, gu bheil na h-uile ni a labhradh mu ghlòir daonnachd Chriosd de làdur eadar-dhealaichte uaith so, agus gur ni e a mhair-eas tre'n uile shiorruidheachd. Na h-uile ni e dh' ainmicheadh, fanaidh iad ann agus dha gu saoghal nan saoghal.

II. Is e an dara ni a tha r'a bheachdachadh ann an staid Chriosd a nis air nèamh 'àrdachadh mar Eadar-mhealhonair. Agus tha dà ni a dh' theudar a thoirt fainear d'a thaobh :—1. An dòigh air an deachaidh e steach chum an staid sin shuas; 2. An staid ann féin, agus a ghlòir a bhuiteas da.

1. Tha dòigh a dhol a steach do nèamh chum a bhi cleachdadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair air a chur an céill, 1 Tim. iii. 16, " Ghabhadh suas e chum glòire," no mar is fearr a dh' fleudar a rádh, " Ghabhadh suas e gu glòrmhor ; " agus a rìs, Lucas xxiv. 26, chaidh e " steach d'a ghlòir." Ghabhadh mar so suas e agus chaidh e steach d'a ghlòir 'nuair a thogadh suas e gu nèamh, mar ann an Guiomh. i. 9–11. " Thogadh suas e gu nèamh," le guiomh cumhachd dhiaidhaidh ; agus chaidh e suas air nèamh, le roghainn agus o a thoil féin, mar an staid sin chum an robh e nis air 'àrdachadh. Agus tha dol suas so Chriosd air nèamh 'na earrannu bhunaitich de chreidimh na h-eaglais. Agus tha e r'a bheachdachadh ann an rathad dhà-fhillte :—(1.) Mar a bha e 'na dhol suas *buadhach*, mar *Righ*; (2) Mar a bha e 'na dhol suas *gràsmhor*, mar *Shagart*. Bha a dhol suas, ann féin, o'n talamh gu nèamh, agus a thaobh a dhòigh o'n leth a muigh, coimh-ionann anns an dà sheadh, agus air a choimhlionadh aig an aon àm ; ach a thaobh erich a dhol suas, eadhon cléachdadh a dreuchdan gu léir, bha so eadar-dhealaichte, agus coimh-fhreagarrach ri iomadh roimh-shamhlaedh eadar-dhealaichte ann an coimh-cheangal riu.

(1.) Fendar tri nithe a bheachdachadh 'na dhol suas, mar a bha e *buadhach* :—[1.] A *dhòigh*, agus mar a shamhlaicheadh e o shean; [2.] An *t-àite* chum an deachaidh e suas; [3.] A' *chrioch*, no an obair a bha aige r'a coimhlionadh ann.

[1.] A thaobh a dhòigh, bha e *buadhach* agus glòrmhor ann an rathad follaiseach. Is amhuil a chuireadh an céill e, Eph. iv. 8, " Air dol suas da an àirde, thug e bruid 'am braighdeanas, agus thug e tiодhlacan do dhaoinibh." Tha sùil aig na briathran ri sin leis an do roimh-shamhlaicheadh e aig tabhairt an lagha,

Salm lxviii. 17, 18, far am bheil glòir a dhol suas air a cur an cùill 'am farsuinnmeachd, "Tha carbaid Dhé 'nam fishead mìle, le miltibh de mhìltibh aingeal; tha an Tighearn 'nam measg, mar ann an Sinai, 's an ionad naomh. Chaidh thu suas air ionad àrd, thug thu bruid ann am braighdeanas." Bha an sealladh a bu ghàormhoire a thug Dia dheth féin air thalainn fo'n t-Seann-tiommadh, air a thabhairt air sliabh Shinai, aig tabhairt an lagha. Agus mar a rinneadh frithealadh d'a làthaireachd aig an àm sin leis na h-ainglibh glòrmhor uile, is anhuil sin, air do'n obair sin coimhlionadh fhaotainn, a phill e suas gu buadhach do nèamh, ann an comh-chuideachd an luchd-frithealaidd rioghail sin. Agus bha so, tha sinn ag ràdh, a roimh-shamhlachadh dol suas Chriosd air nèamh, air do'n lagh coimhlionadh fhaotainn leis, anns gach ni a bha air iarraidh ainn, no air a chiallachadh leis. Chaidh e suas gu buadhach air dha an lagh a thabhairt, mar shamhlachd air a dhol suas gu buadhach an déigh do'n lagh coimhlionadh 'fhaotainn. Air dha an sin "uachdaranaichdan agus cumhachdan a chreachadh, rinn e ball-sampuill dhiubh gu follaiseach, a' deanamh buaidh-chaithreim os an ceann," Col. ii. 15. Mar sin thug e bruid 'am braighdeanas; no thug e 'am braighdeanas uile chumhachdan naimhdeil sláinte na h-eaglais gu buadhach aig rothaibh a charbaid. Tha sinn ag aideachadh gu bheil air mhodh àraidh air a chiallachadh le bhi 'toirt "bruid 'am braighdeanas," a' bhuaidh spioradail a thug e air Satan, agus an sgrios a rinn e air a chumhachd; gidheadh, a mheud 's gu bheil e sgriobhta gu'n d' rinn e "uachdaranaichdan agus cumhachdan a chreachadh, a' deanamh ball-sampuill dhiubh gu follaiseach," agus gu'n d' rinn e buaidh-chaithreim os an ceann, cha-n'eil sinn idir an teagamh nach robh Satan, ceann-feadhna na ceannairce, agus priomh phrionnsachan an dorchadair, air an tarruing gu follaiseach 'na dhéigh mar bhraighdibh ceannsaichte, 'am fianuis nan aingeal naomha gu léir,—air do "shiol na mnà" a nis "ceann na nathrach" a bhruthadh. Is e so féin a tha air a chur an cùill air dhòigh cho brigh-mhor ann an Salm xlvii. air fad. Tha an eaglais ann an sin a' deanamh aoibhneis gu buadhach, do blàrig gu'n deachaidh "Dia suas le caithream, an Tighearn le fuaim trompaid," rann 5; is e sin dol suas Chriosd gu ro ghàormhor air nèamh; agus theirear gu'n robh e le caithream agus le fuaim trompaid—comharaidhean a ghàirdeachais bhuidhaich—do blàrig nan iolach glòrmhor a rinneadh an sin, le uile luchd-frithealaidd righ-chaithreach Dé.

[2.] Is e an *t-ionad* chum an deachaidh e mar so suas "an àird." "Air dol suas da an àird," Eph. iv. 8,—is e sin nèamh. Chaidh e suas "gu nèamh," Gníomh. i. 11,—agus "is éigin do nèamh a ghabhail," caib. iii. 11; cha-n e na nèamhan so-leirsinneach sin a tha sinne a' faicinn, oir, air dol suas dho, chaidh e troimh na

nèamhaibh sin, Eabh. iv. 14, agus rinneadh e “ni's àirde na iad,” caib. vii. 26,—ach do'n ionad anns am bheil Dia féin a chòmh-nuidh ann an glòir agus ann ain mòralachd, caib. i. 3, viii. 1, xii. 2. Ann an sin, air “rìgh-chaithir Dhé,” Taisb iii. 21,—air deas làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh,” shuidh e sios ann an làn sheilbh agus chleachdadhl gach uile ùghdarrais agus chumhachd. Is e so an lùchaint a tha aig Righ so nan naomh agus nan uile chinneach. Is ann an so a tha a chaithir rioghail agus shiorruidh togta suas, Eabh. i. 8. Agus air a cheann tha “mòran chrùn,” Taisb, xix. 12,—no gach uile inbheachd agus urram. Agus air do'n Phapa a bhi 'g ionchar crùin 'thri-fille air a cheann, a' leigeadh air a bhi 'leantuinn eisempleir Chriosd, is e a tha sgriobh-ta air “ainm toibheim,” Taisb. xiii. 1. Fa chomhair an Righ so tha a “shlat cheartais,” agus a “shlat iaruinn,”—suaicheantas rioghail a rioghachd ro ghàidhleachd uile. Oir le *samhlaidhean* so a chumhachd tha an Sgriobtuir a' taisbeanadh dhuiinn 'ùghdarrais àrd-nachdaranaich agus dhiadhaidh ann an cleachdadhl a dhreuchd rioghail. Mar so, ma seadh, chaidh e suas gu buadhach, le a naimhdibh uile air an ceannsachadh; agus mar so tha e rioghachadh gu glòrmhor os ceann nan uile.

[3] Tha a' *chrìoch* air son an deachaidh e mar so suas gu buadach do nèamh, dà-fhillte:—*Anns a' chend àite*, Chum a bhi 'sgrios agus a bhi 'cur bun os ceann fuigheall sin a' chumhachd a dh' flagadhl fathast aig a naimhdibh. Tha e 'gan riaghladh “le slait iaruinn,” agus 'na àm maith féin “pronnaidh e iad 'nam bloighdibh mar shoitheach criadhadar,” Salm ii. 9; oir is éigin gu'n riogaich e, gus an cur e a naimhdean uile fo a choasaibh,” 1 Cor. xv. 25, 26; Salm ex. 1. Ged a tha iad a nis mar is tric a' cur 'ùghdarrais ann an neo-shuim, gidheadh tha iad gu h-ionlan 'na chumhachd, agus tuitidh iad fa dheòidh fo a chorruich shiorruidh. *Anns an dara àite*, Chum a bhi 'dòn, agus a gleidheadh agus a riaghladh na h-eaglais, an dà chuid a thaobh coir anama nan creideach *anns an leth a stigh*, agus a thaobh a h-ordugh ann an aoradh agus ann an ùmhachd o'n leth a muigh, agus mar an ceudna chum a gleidheadh fo na h-uile, agus o na h-uile geur-leanmhuinn agus naimhdeas anns an t-saoghal so. A thaobh gach aoin fa leth dhiubh so, tha an gliocas, agus an cumhachd, agus an cùram diadhaidh, a ghnàth air an cleachdadhl air a leithid a dhòigh, agus an gniomharan cho mòr agus cho iongantach, agus an toraidhean cho ro phait chum glòire Dhé, as “nach cumadh an saoghal féin na rachadh a' sgriobhadh de leabhrachaibh” m' an timchioll; ach cha-n e ar rùn aig an àm an toirt fainear gu h-eadar-dhealaichte.

(2) Feudar a *dhol suas* a bheachdachadh mar a bha e *gràs-mhor*, mar *dhol suas Ard-shagairt*. Agus ann an so mar an ceudna

tha na nithe a dh' ainnmicheadh roimh r'a thoirt fainear gu h-eadar-dhealaichte.

[1.] A thaobh *dòigh* a dhol suas agus a rùin ann, tha e féin 'gan eur 'an eéill, Eoin xx. 17. Cha b'e a rùn ann an so a bhi 'gabhair cleachdaidh a chumhachd, agus a rioghachaidh, agus a riaghlaidh ghlòrmhoir d'a ionnsuidh féin; ach a bhi 'ga chleachdadh féin maille ri Dia as leth a dheisciobul. "Tha mise dol suas," tha e 'g ràdh, "ehum m' Athar féin agus bhur n-Athar-sa, agus chum mo Dhé féin agus bhur Dé-sa"—cha n e a Dhia féin agus 'Athair féin ann an seadh a ghineamhuinn shiorruidh, aeh mar Dhia agus mar Athair nan deisciobul mar an ceudna. Agus bha e mar sin, mar a bha e 'na Dhia agus 'na Athair dhoibh anns an aon ehoimhcheangal chendna ris-san; anns an robh e gu bhi 'faotainn o Dhia na h-uile ni maith air an son. Is ann tre fhuil a' choimhecheangail shiorruidh so, eadhon 'fhuil féin, trid an robh an coimhcheangal air a dhaingneachadh, agus na h-uile ni maith a bha ann air a dheanamh cinnteach do'n eaglais, "thugadh air ais o na mairbhíb ar Tighearn Iosa," chum gu'm bitheadh e beò gu siorruidh gu bhi 'gam frithealadh air an eaglais, Eabh. xiii. 20, 21. B'e rùn so a dhol suas, maille r'a thoraidhíb, leis an robh e gu tric a' toirt eomhfurtachd agus neirt do chridheachan nan deisciobul, 'nuair a bha iad air tuiteam fo dhìobhail misneich ri smuaineachadh air a bhi dealachadh ris, Eoin xiv. 1,2, xvi. 5-7. Agus bha so air a roimh-shamhlachadh o shean le dol suas an àrd-shagairt do'n teampull. Bha an teampull air a shuidheachadh air mullach tulaich àird : agus chais, air chor as nach robh slighe d'a ionnsuidh ach le bhi 'direadh staidhire. Uime sin ann an eogannaibh nan Iudhach bha e air a mheas mar dhaingneach nach fheudtabh a ghlacadh. Agus bha dol suas an àrd-shagairt d'a ionnsuidh air là mòr na réite, a' giùlan cosmhuiileachd éigin ri dol suas so Chriosd air nèamh. Oir air dha iobairtean a thoirt suas anns a' chuirt a mach, agus réite 'dbeanamh air son peacaidh, ehaidh e steach do'n ionad a bu ro naoimhe, a bha 'na shamhladh air nèamh féin, mar a tha an t-abstol a'eur an eéill, Eabh. ix. 24, —agus sin mar an t-ionad chum an robh ar n-àrd-shagart-ne gu dhol a steach. Agus bha e 'na dhol suas *aoibhneach*, ged nach robh e na dhol suas *buadhach*. A thaobh nan Salm sin uile, o Shalm cxx. gu ruig Salm cxxxiv., d' an goirear "Laoïdh nan ceum," agus a tha gu eoitchiomh 'nan laoidh nibolaidh agus nan laoidh a tha 'g earalachadh chum meas a chur air an ionad naomh—bha iad so air an seinn do Dhia aig àitibh-socair na staidhreach anns an del suas. Bha so air mhodh àraidh air a thaisbeanadh air là na h-Iubile. Bha trompaid na h-Iubile air a séideadh air an là cheudna air an deachaidh an t-àrd-shagart a steach do'n ionad a bu ro naoimhe; agus aig an àm cheudna—eadhon, "air an deicheamh

là de'n t-seachdamh mios," Lebh. xvi. 29, xxv. 9. An sin thugadh fainear an trompaid a shéideadh air feadh na tire, no an eaglais uile; agus ghairmeadh saorsa do gach vile sheirbhiseach agus neach a thugadh 'am braighdeanas, agus bha gach duine a reic a sheilbh gu pilleadh a ris d'a h-ionnsuidh. Do bhrigh gu'n robh so 'na shamhladh mòr air saorsa spioradail na h-eaglais, bha fuaim na trompaid air a ghairm "Am fuaim aoibhneach," Salm lxxxix. 15, "Is beannaichte an sluagh d'an aithne an fhuaim aoibhneach; imichidh iad, a Thighearn, ann an solus do ghnùis." Iadsan d'an d' thugadh saorsa spioradail, imichidh iad fa chomhair Dhé ann an solus gnùis a ghràidh agus a ghràis. Is e so dol suas ar n-Ard-shagairt-ne d'a ionad naomh féin, 'nuair a dh' éigh e "bliadhna thaitneach an Tighearna, agus là dioghaltais ar Dé-ne; a thoirt connhfhurtachd dhoibh-san uile a tha ri bròn; a dh' orduchadh do luchd-caoineadh Shioin, a thoirt dhoibh maise 'an àite luathire, oladh aoibhneis 'an àite bròn, eiddidh molaidh 'an àite spioraid airsneil: a chum gu'n goirteadh dhiubh Craobhan fireantachd, a shuidhich an Tighearn air sgàth a għidire," Isa. lxi. 2, 3. Oir ann an dol suas Chriosd air nèamh, dh' éigheadh tròcail, agus maitheanas, agus sith, agus aoibhneas, agus sòlasan siorruidh anns an t-soisgeul, do na h-uile neach a shàruicheadh leis a' pheacadh, anns an robh fireantachd mar an ceudna air a comhpairteachadh riu, chum glòire siorruidh Dhé. B'e so, ma seadh, dol a steach ar n-Ard-shagairt-ne do nèamh, le caithream an aoibhneis agus a' mholaidh do Dhia.

[2.] B'e an *t-àite* chum an deachaidh e mar so a stigh an *t-ionad naomh* suas, "am pàilliun nach d' rinneadh le làmhaibh," Eabh. ix. 11. B'ann do nèamh fein a chaidh e suas, agus sin air a bheachdachadh mar theampull Dé anns am bheil righ-chaithir nan gràs agus na tròcail; air am feumar labhairt air ball.

[3.] B'i a' *chròch* air son an deachaidh an Tighearn Chriosd mar so suas dh' ionnsuidh an ionaid naoimh, e féin a nochdadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne," agus "eadar-ghuidhe a dheanamh air an son-san a thig dh'ionnsuidh Dhé trid-san," Eabh. vii. 26, 27, ix. 24, 25.

Chaidh e suas gu buadhach do nèamh, mar a chaidh Solamh suas do righ-chaithir għlormhoir a bhreitheanais, air a chur an ceilidh, 1 Righ x. 18-19. Mar a bha Daibhidh 'na shamhladh air buaidh Chriosd os ceann uile naimhdean 'eaglais, is amhuil a bha Solamh 'na shamhladh air glòir a rioghachaidh. Bha na samhlaidhean air an eur an lionmhoireachd do bhrigh nach robh aon sam bith dhiubh coimhlionta. 'An sin thàinig d'a ionnsuidh ban-righ Sheba, a bha samhlachadh eaglais nan Cinneach; 'nuair a chruinnicheadh muinntir thoileach nan sluagh —iadsan a rinneadh "toileach ann an là a chumhachd." Salm ex. 3,— "le chéile chum

slòigh Dhé Abrahaim," agus a ghabhadh a steach iad d'a choimhcheangal, Salm xlvi. 9. Ach chaidh e mar an ceudna suas gu gràsmhor, mar a chaidh an t-àrd-shagart a steach do'n ionad a bu ro naoimhe; cha-n ann chum a bhi riaghlaadh nan uile nithe gu ro ghlòrmhor le mòr chumhachd, cha-n ann chum a bhi 'cleachdadh a *chlaintheimh* agus a *shlait-rìoghail*—ach a chum e fèin a nochdadadh mar àrd-shagart, *ann an eudach a thu 'ruigsiun sios gu shàiltibh, agus a thu crioslaichte le crios òir m'a chwochaibh*, Taibh. i. 13,—mar ann am pailliuin, no ann an teampull, fa chomhair righ-chaithreach gràis. Air dha suidh sios aig deas làimh na Mòrachd aums na h-àrdaibh, tha sin a' leasachadh glòir a dhreuchd mar shagart, ged nach buin e do chleachdadadh na dreuchd sin. Is amhuil a rinneadh faidheadaireachd uime, gu'm bitheadh e "na shagart air a righ-chaithir," Sech. vi. 13.

Feudar a chur ri so, air dha a bhi fagail an t-saoghal so, agus a bhi triall chum a ghlòire, gu'm b'e an gealladh mòr a thug e d'a dheisciobluibh — mar a bha iad 'nan teachdairean an t-soisgeil, agus anna-san do na h-uile a thigeadh nan déigh anns an dreuchd sin — gu'n cuireadh e an Spiorad Naomh d'an ionnsuidh, chum an teagastg, agus an treòrachadh chum gach uile flìrinn, agus gu bhi eur 'an céill dhoibh uile rùintean-diomhair gràis, agus gràidh, agus toil' Dé, air son math na h-eaglais gu léir. Gheall e so dhoibh, agus choimhlion se e, ann an cleachdadadh a dhreuchd mar fhàidh. Agus ged a bhuicadh e do chleachdadadh a chumhachd rioghail a bhi toirt "thiodhlaican do dhaoinibh," gidheadh bha e deanta leis air son chriochan a dhreuchd mar fhàidh.

Uime sin, tha e soilleir o na nithibh a labhradh, gu'n deachaidh an Tighearn Criod suas do nèainh, no gu'n do ghabhadh suas e chum glòire, air son na crìche so,—eadhon, gu bhi cleachdadadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair as leth na h-eaglais, gus an tig a' chrioch. Mar a bha e 'na thoradh a ghràis, air dha a bhi *saoibhir* gu'n d'rinneadh *bòchd* e; air mhodh cheudna, air bhi dha air a dheanamh saoibhir a ris air a sgàth fèin, tha e nis a' frithealachd a mach uile shaoibhreas a ghlòire agus a chumhachd as ar leth.

2. Is e a tha r'a bheachdachadh, anns au dara àite, *glòir* an staid agus an t-suindheachaide sin chum am bheil Criod mar so air dol a steach; oir shuidh e sios aig deas làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh. Agus mar a bha araon a dhol suas, agus crìochan a dhol suas, dà-fhìllte, no fo bheachdachadh dhà-fhìllte, is amhuil sin a bha a' ghlòir a lean sin dà-fhìllte mar an ceudna. Oir tha staid eadar-mheadhonaireachd Criod a nis air neamh a' coimh-sheasamh aon chuid ann an glòire a *chumhachd* agus 'ùgh-darras' no ann an glòir a *ghràidh* agus a *ghràis*, — a ghlòir mar Rìgh, no a ghlòir mar Shagart. A thaobh a ghlòire rioghail, ann an cumhachd agus ann an úglidarris àrd-uachdaranaich os ceann

cruthachaidh Dhé gu léir—gach ni agus neach air nèamh agus air thalamh, ainglean agus daoine, maith agus ole, bò agus marbh, —gach uile ni spioradail agus siorruidh, gràs, tiodhlacan, agus glòir; mar an ceudna a *chòir* agus a *chomas* air a bhi 'buil-eachadh nan uile nithe a réir a thoile agus a dheadh-ghean fén, —rinn sinn iad uile a chur an céill gu h-eadar-dhealaichte agus 'am farsuinneachd 'nar n-eadar-mhineachadh air Eabh. i. 3, air chor as nach dean sinn an toirt fainear a ris anns an àite so. Nochdaidh sinn anns a' chuid a leanas a ghlòir a nis ann an rath-ad *gràidh* agus *gràis*, no a ghlòir mar Shagart.

CAIBIDEIL XX.

Cleachdadadh Eadar-mheadhonaireachd Chriosd air Nèamh.

III. Is e an treas ni agus an ni mu dheireadh air an robh sinn a' rùnachadh a bhi beachdachadh, ann an toirt fainear staid agus suidheachaidh pearsa Chriosd a nis air nèamh, *cleachdadadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonaир* as leth na h-eaglais;—gu h-àraidh mar a tha e 'leantuinn air a bhi “'na mhinisteir nan ionad naomha, agus an fhìor phàlliuin, a shuidhich an Tighearn, agus cha bu duine.”

Tha gach uile Chriosdaidh ag aideachadh gu bheil *staid Chriosd a nis air nèamh* 'na staid d' am buin a' ghlòir a's ro airde; anns am bheil e air 'ardachadh os ceann cruthachaidh Dhé gu léir, os ceann gach ainn a dh' ainmichear no dh' fheudar 'ainmeachadh; agus is ann air so a tha iad a' me s an onoir agus an tèaruinteachd fén a bli an crochadh. Cha mhò a tha iad a' cur an teagamh a chumhachd, ach tha iad a' meas gu bheil comas aige ni sam bith a dheanamh a's àill leis; ni a's e stéidh na mungin sin gu léir a tha iad a' cur ann. Ach, os bàrr, feumaidh sinn a nochdadadh gu bheil staid Chriosd a nis air nèamh 'na staid anns am bheil cumhachd, agus obair, agus dileasdanas air an coimhlionadh ann an rathad *drenchdla*. Cha-n 'eil e 'caitheadh beatha na mòralachd, agus na glòire, agus a' bheannachaidh a mhain, ach tha e mar an ceudna bò ann an cleachdadadh dreuchda, agus gràidh, agus cùraim. Tha e bò mar *Eadar-mheadhonaир* na h-eaglais—a Righ, a Sagart, agus a Fàidh. Is ann air so a tha ar tèaruinteachd a nis agus ar slàinte shiorruidh an déigh so an crochadh. Cha b' urrainn an eaglais a bhi air a gleidheadh ré aon tiota, as engmhais *cumhachd-dreuchd* agus cùraim Chriosd a bhi air an cleachdadadh a ghnàth d'a taobh. Agus is e dorchadas ar creidimh a thaobh so a's ceann-

aobhar ar dubhachais gu h-iomlan, agus a' chuid mhòir de'r n-anmhuiinneachd ann an cleachdadhd ar n-ùmhachd. Cha-n 'eil aig daoinibh mar is trice ach smuaintean agus beachdan coitchionn agus dorcha mu staid Chriosd a nis air nèamh, 'na dhàimh ris an eaglais. Agus, a thaobh chuid, is ann a tha na beachdan so gu leir air an dimeas agus air am maslachadh leò. Gidheadh buinidh nithe foillsichte dhuinne ; gu h-àraidh iad sin air am bheil glòir Dhé agus slàinte ar n-anama féin cho mòr an crochadh,—mar a tha an teagastg so a tha r'ar n-aghaidh timechioll staid pearsa Chriosd a nis air nèamh, ann an coimh-cheangal ri cleachdadhd a chumhachd agus a chùram mar eadar-mheadhonair.

Air a' mhodh so tha e air a thaisbeanadh dhuinn còmhla 'na dhreuchdaibh uile, Taisb. v. 6, "Agus dh' amhaire mi, agus feuch, ann am meadhon na rìgh-chaithreach, agus nan ceithir bheò-chreutairean, agus ann am meadhon nan seanairean, Uan 'na sheasamh mar gu'm bitheadh e air a mharbhadh, aig an robh seachd adhaircean, agus seachd sùilean, a's iad seachd spioradan Dhé, a chuireadh a mach chum na talmhainn uile." Tha an tiomlan de thaisbeanadh glòire Dhé, maille r'a luchd-frithealaidh naomha uile, air a ghairm ann an so a "rìgh-chaithir;" agus Chriosd air a thaisbeanadh ann am "meadhon" na rìgh-chaithreach sin. Agus tha e ann am meadhon na rìgh-chaithreach a thaobh a ghlòire rioghail ; agus coimhcheangailte ri sin theirear gu bheil "seachd adhaircean" aige, no cumhachd ionlan chum a bhi coimhlionadh a thoile. Agus a thaobh a shagartachd, tha e air a thaisbeanadh mar "Uan a bha air a mharbhadh ;" do bhrigh gur iad feartan a thabhartais a tha a ghnàth éifeachdach chum slàinte na h-eaglais. Oir mar "Uan Dé," 'ga thoirt féin suas, tha e "toirt air falbh peacaidh an t-saoghal." Agus mar fhàidh theirear gu bheil "seachd sùilean" aige, "a's iad seachd spioradan Dhé," eadhon lànachd ionlan gach uile sholuis agus ghliocais spioradail ann féin, maille ri eunhachd air son a bhi comhpait-eachadh thiodhlacan agus ghràsan chum a bhi 'soillseachadh na h-eaglais.

Mar a dh' ainmicheadh a cheana, rinn sinn nàdur dreuchdan so Chriosd, maille ris na bhuiineas dhoibh féin agus d'an cleachdadhd, a chur an céill a cheana ann an àite eile. Cha-n 'eil sinn 'gam beachdachadh aig an àm, ach a mhain mar a tha iad coimhcheangailte ri staid agus ri suidheachadh pearsa Chriosd a nis air nèamh. Agus do bhrigh gu'n togadh e mòran ùine an toirt fainear uile gu h-eadar-dhealaichte, gabhaidh sinn beachd a mhain air dreuchd a shagartachd, agus air na tha an crochadh oirre. Agus a thaobh so feudar na nithe a leanas a bheachdachadh :—

1. Chaidh an Tighearn Iosa Chriosd steach do nèamh, ionad-còmhnuidh glòire Dhé, mar do *theampull*, agus do phàilliun, ionad

an aoraidh naoimh. Rinn e sin mar àrd-shagart na h-eaglais, Eabb. ix. 24. "Cha deachaidh e steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithe a tha 'nan samhlachas air an fhìr ionad ; ach do nèamh féin, chum a nis e féin a nochdadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne." Chaidh e steach do nèamh, mar a bha sin air a shamhlachadh leis a' phàilliun o shean ; an t-ionad anns an robh gach uile aoradh naomh air a choimhlionadh. Agus uime sin theirear gu'n deachaidh e steach do nèamh "tre'n roinn-bhrat," Eabb. vi. 18, 20, x. 19, 20 ; oir b'e sin slighe an dol a steach do'n ionad a bu ro naoimhe, an dà chuid anns a' phailliun agus anns an teampull. Cha-n e mhain gu bheil nèamh 'na lùchaint agus 'na rìgh-chaithir, oir is rìgh-chaithir Dhé e, Mata v. 34, ach is teampull e mar an ceudna, anns am bheil Dia a chòmhnuidh, cha-n e mhain ann am mòralachd agus ann an eumhachd, ach mar an ceudna ann an gràs agus ann an tròcair. Is e ionad nan orduigh-ean agus an aoraidh naoimh e. Mar sin tha e air a thaisbeanadh, Taisb. vii. 15, 17. Theirear mu na naoimh uile air nèamh a chaidh tre àmhgharaibh na beatha so, gu bheil iad "an làthair rìgh-chaithreach Dhé, agus a' deanamh aoraidh dha a là agus a dh' oidhche 'na theampull ; agus gabhaidh an ti a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir còmhnuidh 'nam measg ;" agus "beathaichidh an t-Uan a tha ann am meadhon na rìgh-chaithreach iad, agus treòraichidh e iad gu beò-thobraichibh uisge." Faic mar an ceudna caib. viii. 1-4. Feudar aoradh na h-eaglais a bhos a ghabhail a steach ann an so mar an ceudna ; ach is ann do bhrigh a comh-chomuinn ris an eaglais shuas. Is e so an nèamh sin d' am bheil anama nan creideach a' miannachadh dol a steach. Cha-n 'eil anns na smuaintibh eile a bhitheas aig daoinibh uime ach barailean neochinnteach.

2 Ann an teampull so, agus anns an i nad-naomh so, tha an Tighearn Criod a ghnàth *ri frithdealadh gu ro ghormhor fù chomh-air rìgh-chaithreach nan gràs*, ann an cleachdadh a dhreuchda. Faic Eabb. iv. 14-16, ix. 24. Mar a chaidh an t-àrd-shagart a steach do'n ionad a bu ro naoimhe a' frithdealadh as leth na h-eaglais do Dhia, fa chomhair na h-airce agus caithir na tròcair, a bha 'samhlachadh rìgh-chaithreach nan gràs ; is amhuij sin a tha ar n-Ard-shagart-ne ri frithdealadh air ar son 'an làthair Dhé féin. Cha deachaidh e steach do'n ionad naomh chum còmhnuidh a ghabhail ann ann an rathad glòire a mhain, ach chum a bhi 'coimhlionadh seirbhis-teampuil, agus chum a bhi toirt suas an aoraidh, agus an urraim, agus na glòire sin gu léir do Dhia, a bhitheas e 'faotainn o'n eaglais. Agus feudaidh sinn a thoirt fainear, an dà chuid—(1.) *Ciod* an t-seirbhis a tha ann an so, agus (2.) *Cionnus* a tha i air a coimhlionadh.

(1.) Ann an rathad coitchionn ; tha Criod anns an t-seirbhis

so a' cleachdadadh a *ghràidh*, agus a *thruais*, agus a *chùraim* gu léir as leth na h-eaglais, agus as leth gach buill fa leth dhi. Tha so gu tric air a chur r'ar n-aghaidh, mar bhunait ar comhfhurtachd gu léir, agus mar thobar ar n-ùmhlachd. Faic Eabh. ii. 17, 18, iv. 15, 16, v. 2. Is iad smuaintean uime so anns am bheil creidich a' faotainn fuasglaidh 'nan àmligharaibh agus 'nam buairidhibh gu léir; agus is ann uaith a tha gach leasachadh gràis a' sruthadh d' an ionnsuidh, trid am bheil iad a' leantuinn air an aghaidh ann an slighibh na h-ùmhlachd. Tha e 'ga thaisbeanadh féin air an son mar fhear-ionaid mòr na h-eaglais, chum a bhi gabhail os làimh as an leth 'an lathair Dhé. Agus sin le suil ris na tri crìoch-aibh a leanas:—

[1.] Chum a bhi 'deanamh éifeachlach na réite sin a rinneadh leis air son peacaidh. Do bhrigh gu bheil e taisbeanadh na réite so a ghnàth fa chomhair Dhé, agus 'ga thaisbeanadh féin mar "Uan a bha air a mharbhadh," tha e 'faotainn a feartan agus a buannachdan gu léir, ann an réite agus ann an sìth ri Dia, air an comh-chur r'an anamaibh agus r'an coguisibh. Uaith so tha na creidich uile anns gach linn air an ionnlad le 'fhuil air a crathadh orra,—ann a bhi comh-chur a feartan riu, mar a dhoirteadh i air an son.

[2.] Chum a bhi 'gan *dion*, agus a bhi 'tagradh an cùis an aghaidh uile chasaidean Shatain. Tha e fathast 'gan casaid agus a' cur nithe as an leth 'an lathair Dhé; ach tha Criod 'na fheartagraidh dhoibh aig righ-chaithir nan gràs, far am bheil e 'tioann-dadh a chuid ionnsuidhean uile bun os ceann, Taisb. xii. 10; Sech. iii. 2.

[3.] Chum a bhi 'g eadar-ghuidhe air an son, gu'm bitheadh gach uile ghràs agus glòir, agus uile bheannachdan an Spioraid, air an comhpairteachadh riu—eadhon, gu'm bitheadh uile gheallaidhean a' choimhcheangail air an coimhlionadh d' an taobh, 1 Eoin. ii. 1, 2. Is e so obair Criod air nèamh. Annas na nitibh so, tha e buanachadh, mar àrd-shagart na h-eaglais, ann an cleachdadadh a dhreuchd mar eadar-inheadhonair as an leth. Agus ann an cleachdadadh na h-oibre tha e air a chuairteachadh le òranaih molaidh agus caithream aoibhneis na muinntir naomha sin gu léir a tha'n lathair Dhé, a' toirt glòire do Dhia d'a thrid.

(2.) A thaobh *dòigh* an fhrithealaidh ghlòrnihoir so, tha ionadh ni r'a thoirt fainear. Mar,—

[1.] Gu bheil na nithe so a tha nis a' faotainn cleachdaidh air nèamh, air bhi dhoibh air an coimhlionadh ann an teampull Dé, agus fa chomhair righ-chaithreach nan gràs, 'nan dòigh an aoraidh dhiadhaidh a sguireas aig erich an t-saoghal. Is aoradh diadhaidh a ta ann, no sin ann agus trid am bheil na naoimh uile air nèamh a' toirt glòire do Dhia. Agus is aoradh e a chaidh a

shuidheachadh, cha-n e aoradh nàdurra a mhain, agus sin anns gu bheil e de chomharachadh àraidi Dhé, ann agus trid Chriosd an t-eadar-mheadhonair. Is e staid-eaglais a tha ann, air a chomh-shuidheachadh da thrid, anns am bheil na h-orduighean glòrmhor aoraidh so air an coimhead ; agus is staid i nach bi siorruidh, ach aig am bheil a h-aimsir féin air a chomharachadh. Agus tha dol a steach a nis tre chreidimh aig na naoimh air thalamh dh' ionnsuidh comh-chomuinn ris an eaglais shuas 'na h-aoradh dhiadhairidh gu léir. Oir tha sinn "air teachd gu sliabh Shioin, agus gu caithir an Dé bheò, an Ierusalem nèamhaidh, agus cuideachd do-àireamh a dh' ainglibh, gu làn-choimhthional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgriobhta 's na nèamhan, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradaibh nam firean air an deanamh fairfe, agus gu Iosa eadar-mheadhonair a' choimhcheangail nuaidh, agus chum fol a' chrathaidh, a tha labhairt nithe a's fearr na fuil Abeil," Eabh. xii. 22-24. Is e staid-eaglais a tha an t-abstol gu soilleir a' taisbeanadh dhuinn ann an so,---Sion, Ierusalem, làn-choimhthional nan ceud-ghin—ainmean a thugadh do'n staid-eaglais a bha fo'n t-Seann-tiomnad. Agus is staid i a tha shuas, an Ierusalem nèamhaidh, far am bheil na h-ainglean naomha gu léir, agus sporadan nam firean air an deanamh fairfe annta féin, ged nach 'eil iad mar sin fathast a thaobh ath-shuidheachaidh a chuirp aig an aiseirigh. Agus is aoradh ro naomh a tha anns a' choimhthional mhòr so ; oir cha-n e mhain gu bheil Iosa 'an sin mar eadar-mheadhonair a' choimhcheangail, ach 'an sin mar an ceudna tha "fuil a' chrathaidh, 'na comh-chur éifeachdach ris an eaglais. Chum an staid so, ma seadh, tha dol a steach againne. Ann an làn-choimhthional naomh so agus 'na aoradh tha comh-chomunn againn tre chreidimh am feadh a tha sinn air thalamh, Eabh. x. 19-22. O gu'n robh còmhnuidh aig m' anam ann an cleachdadadh so a' chreidimh, a' meudachadh ann gun tàmh!—gu faicinn fathast sealladh ni's ro shoilleire de'n ghlòir so, agus gu'n amhaircinn air maise agus air ordugh a' chomh-chruinneachaidh bheannaichte ! Cò a dh' fheudas meud an taisbeanaidh sin a mheasrachadh a tha Dia a foillseachadh ann de ghlòir a ghliocais, agus a ghràidh, agus a ghràis, agus a mhaiteis, agus a thròcair, ann an Criod ! Cia cho òirdheirc as a tha foillseachadh glòir agus onoir Chriosd 'na phearsa agus 'na dhreuchdaibh !—a ghlòir a thugadh dha o'n Athair ! Cia dorch ar n-eòlas ! cia fann ar féin-shiosrachadh, a thaobh frithealaidhean mòra sin a mhaith-eis agus a' ghràidh dhiadhairidh, a tha 'sàsachadh agus ag ùrachadh nan anama beannaichte sin gu léir a tha anns a' chomh-chruinneachadh so ! Ciòd air an ruig sinn de'n tlachd neo-chaochlaidheach a tha aca ann an amharc air glòir Chriosd, agus glòir Dhé ann ! Ciòd is aithne dhuinn de dhéinead naomh **an**

aigne ann an dlùth-leantuinn ri Dia, no de'n ghàirdeachas spioraid sin anns am bheil iad a' deanamh buaidh-chaithreim ann an cleachadh a' mholaidh! Is e dleasdanas eaglais nan creideach air thalamh, agus ni a bu chòir a bhi ghnàth 'na rùn, a bhi 'faotainn dol a steach tre chreidlimh do'n han-choimhthional so shuas,—a' dol làmh air làimh riu ann an cur urrain agus molaidh as leth "an ti a tha na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoglal," agus a bhi 'saothrachadh an déigh suidheachaidh eridhe sin nan aigne naomha, maille ri toil-inntinn spioradail, a bhithheadh ann an tomhas coimh-fhreagarrach ri sin a tha 'faotainn cleachdaidh anns na naomhaibh shuas. Cia b'e air bith tomhas anns am bheil sinn a' faotainn cuideachaidh air son an dleasdanais so o ar n-orduighibh aoraidh air thalamh, is e sin fein a mhain an tombas anns am bheil iad d'a rireadh tarbhach dhuinn. Bithidh sealladh seasmhach de'n ghlòir so a' tilgeadh tair air uile nithibh taitneach an t-saoghail agus a' crionadh an àille, agus bithidh ar n-inntinnean air an saoradh o smuaintibh eagalach sam bith timchioll nan àmhígharan a's mò a tha ann.

[2.] Tha an t-aoradh nèamhaidh so, anns an ionad naomh shuas, a tba air a fhrithealadh ann leis an Ard-shagart os ceann tigh Dhé, 'na aoradh a tha ro *chomharaichte ann an glòir*. Is e foillseachadh glòire Dhé a' chrioch mhlòr a tha aige, mar a chuireas sinn an céill air ball. Tha foillseachadh gloir Dhé a' coimh-sheasamh *ann fein* ann an toraidhibh a għliocais, agus a mhaitheis, agus a għrajs, agus a chumhachd neo-chriochnaich; agus tha 'glòir sin air a cur an céill ann a bhi 'cur nan toraidhean sin as leth Dhé ann an cleachdad a' mholaidh. Ann an so, ma seadh, tha aoradh mòr Dhé anns an ionad-naomh shuas a' coimh-sheasamh,—a mhain nach 'eil sinn a' labhairt aig an àm mu chleachdaidhibh neomhheadhonach Chriosd 'na eadar-ghuidhe. Is aoradh e anns am bheil aideachadh glòrmhor agus comħaraichte air a dheanamh air gliocas, agus air gràdh, agus air maitheas, agus air gràs, agus air cumhachd Dhé ann an saorsa, ann an naomhachadh, agus ann an sláinte na h-eaglais tre Iosa Chriosd, agus anns am bheil gach uile urram diadhaidh air a chur as a leth ann an cleachdad a' mholaidh. A thaobl ì an doigh air am bheil an t-aoradh so a' faotainn coimhliionaidh, cha-n'eil ar solus anns a' bheatha so ach dorch agus fann. Tha cuid a nithibh dearbhta d'a thaobh. Mar,—

Anns a' cheud àite,—Nach 'eil ni sam bith feòlmhor ann, no a tha 'coimh-fhreagairt ri beachdaibh agus ri smuaintibh dìomhain dhaoine. Tha daoine mar is tric, ann a bhi smuaineachadh air nèamb, ullamh air a bhi 'dealbh ionhaighean 'nan inntinnibh de nithibh feòlmhor a tha iad a' meas a bheireadh toil-inntinn dhoibh. Ach tha iad gle eadar-dhealaichte o fhior aoradh a' chomh-chruinneachaidh naoimh so air nèamh. Tha aoradh an t-soisgeil, anns

am bheil glòir spioradail, ceum ni's faigse dha na bha aoradh an teampuill, anns an robh glòir o'n leth a muigh.

Anns an dara aite,—Cha-n'eil e 'na aoradh *inntinneil* a mhain, no air a choimhlionadh a mhain ann an smuaintibh uaigneach gach neach fa leth ; oir, mar a rinn sinn a nochdadhbh, is aoradh comb-chruinneachaidh eaglais a tha ann, anns am bheil comh-chomunn aca uile, agus anns am bheil iad uile 'an láimh a chéile chum a bhi 'ga choimhlionadh. Cha mhaith a tha fios againn ciod e dòigh a' chomhluadair a tha eadar ainglibh agus spioradaibh nam firean air an deanamh fairfe. Tha e air a chur an céill anns an Sgriobtuir le guthannaibh, agus le gluasadaibh faicsinneach ; agus ged nach 'eil iad gu h-iomlan de'n aon nàdur r'ar cuid-ne, gidheadh tha iad a' giùlan seadh nan nithe sin a bha r'a chur an céill leò, agus bha iad 'nam meadhonaibh comb-labhairt gach aon r'a chéile. Seadh, cha-n'eil fios againn nach fheud Dia guth agus briathran a thoirt dhoibh r'a chleachdadh chum a bhi cur an céill a chliù, mar a labhair Maois ri Criosd air beinn a' chruth-atharrachaidh, Mata xvii. 3. Ach tha dòigh a' chonaltraidh a tha eatorra de leithid a nàduir as gu bheil an comh-chruinneachadh shuas uile comasach air a bhi 'cur an céill agus a bhi coimhlionadh chliù mòr Dhé maille r'a cheile. Agus tha 'ghlòir a bhuineas da a coimh-sheasamh ann an tri nthibh.

An ceud ni,—*Ordugh beannachte agus maiseach* nan uile nithe anns an ionad naomh air nèamh. Air do Iob a bhi labhairt mu'n uaigh, tha e 'ga cur an céill mar ionad "as eugmhais gach riaghailt, far am bheil an solus mar dhorchadas," caib. x. 22. Ach is ordugh agus solus na h-uile ni shuas,—tha gach ni agus neach 'na àite fein agus 'na chleachdadh fein. 1. Tha nèamh fein na *theampull*, 'na ionad naomh, air a dheanamh mar sin le làthaireachd àraidh Dhé, agus le ministreileachd Chriosd ann am pàilliun a dhaonnachd. 2. Tha Dia 'na shuidh air *righ-chaithir nan gràs*, àrdaithe gu ro ghìormhor do bhrigh a ghràis, agus chum a bhi 'frithealadh a mach a ghràis. Do na naoimh shuas tha e air righ-chaithir nan gràs, a mheud 's gu bheil iad a' làn-mhealtuinn thoraidhean a ghràis, agus do bhrigh gu bheil iad a' toirt glòire dha air a shon. Tha e air righ-chaithir nan gràs mar an ceudna a thaobh na h-eaglais air thalamh, anns gu bheil e frith-ealadh gràis agus tròcair orra a ghnàth tre Iosa Criosd. 3. Tha an Tighearn Iosa Criosd ann an nàdur an duine *fa chomhair na righ-chaithreach*, a' cur an cleachdadh a dhrenchd agus a chumhachd mar eadar-mheadhonair as leth na h-eaglais. 4. Tha na h-ainglean naomha uile, ann an ordugh agus ann an ceumaibh eadar-dhealaichte am *frithealaidh*, a' cuairteachadh na righ-chaithreach a ghnàth. Mar a tha mar an cendna—5. *Spioradan nam firean air an deanamh fairfe*, 'nan tomhasaibh eadar-dhealaichte

soluis agus glòire. Agus bha na nithe so air an taisbeanadh gu dorch ann an ordugh na h-eaglais 'na ceud shuidheachadh anns an fhasach ; oir bha orduighean Dhé 'nam measg-san a' samhlachadh nan nithe nèamhaidh, Eabh. xi. 23. (1.) Anns a' mheadh-on bha am *pailliu*n no an t-ionad naomh,—a bha samhlachadh an ionaid naoimh no an teampuill shuas. (2.) Anns an ionad a bu ro naoimhe bha an *aire agus caithir na tròcair*,—a' taisbeanadh righ-chaithreach nan gràs. (3.) *Ministreileachd an àrd-shagairt*,—a' nochdadh ministreileachd Chriosd. (4) *Na Leibhidhich*, luchd-frithhealaidh an àrd-shagairt,—a' coimh-fhreagairt ri ministreileachd nan aingeal a' feitheamh air Criosd ann an cleachdadh a dhireuchda. Agus, (5.) Timchioll air gach taobh bha na *treubhan* 'nan ordugh féin.

An dara ni,—Tha glòir an staid so a' coimh-sheasamh, anns an dara àit, anns a' *bhreithneachadh shoilleir agus làn* a tha aig a' muinntir bheannaichte so gu léir de ghlòir Dhé ann an Cr osd, agus de ghlòir 'oibre agus uile thoraidhean a ghlioncias agus a ghràis a thaobh chloinn nan daoine. Is iad so stéidh an aoraidh dhiadhaidh gu h-iomlan. Agus do bhrìgh gu bheil ar smuaintean agus ar breithneachadh d'an taobh gle dhorch, agus ional, agus anmhunn, tha ar n-aoradh anmhunn agus neo-fhoirfe mar an ceudna. Ach tha na h-uile ni soilleir do bhreithneachadh nan naomh shuas. Tha sinne fathast ann an duslach, ann am ful, agus ann an iorghuill a' chatha ; tha iadsan gu buadhach a' meal-tuinn na sìthe, le sealadh choimhlionta aca de na h-uile ni tre'n deachaidh iad, agus de na h-uile ni air an d' ràinig iad. Tha iad air suidh sios aig tobraichibh na beatha agus an t-soluis, air an lionadh le h-iongantas a thaobh gràis Dhé anna fein agus ann an aon a chéile. Tha na h-uile ni a tha iad a' faicinn ann an Dia agus ann an Iosa Criosd,—na h-uile ni a tha iad a' fiosrachadh anna fein,—na h-uile ni a tha iad ag aithneachadh agus a' fòghlum o muinntir eile,—tha iad so uile 'nan nithe a tha do-mheasrachaidh agus do-labhairt. Is maith ann ni dhuinne, ma tha tomàs de fhéin-fhiosrachadh againn de na nitibh so a bheir sinn gu bhi faicinn fior ghlòir 'nan iomlanachd. Tha iadsan 'gam breithneachadh a nis a réir sealaindh, gun choimh-mheasgadh sam bith dorch-adais no luaineachd sam bith innse, gun ghrabadh tuilleadh o eagal no buaireadh, agus mothachadh do-labhairt a' luidh r'an eridheachaibh de na nitibh fein ; agus is iad so na meadhona éifeachdach a tha 'gan gluasad dh' ionnsuidh cleachdaidh an aoraidh naoimh air nèamh.

An treas ni,—An *dòigh glòrmhor* anns am bheil so air a choimh-lionadh leò. A nis, a mheud 's gu bheil so ag éirigh o shealladh agus o bhi làn-mhealtuinn nan uile nithe, is éigin gu bheil e 'coimh-sheasamh ann an cur glòire agus molaidh a ghnàth as leth Dhé,

eadhon mar a tha e air a chur an céill anns an Sgriobtuir. Faic Taib. iv. 9-11, agus Isa. vi. 3. Agus cia cho beag as a ta an earrann de ghlòir na nithe so a dh' fheudar a thuiginn idir leinn.

3. Anns a' chomh-chruinneachadh naomh so fa chomhair righ-chaithreach nan gràs, tha an Tighearn Iosa Criod — an t-Ard-shagart mòr — a' taisbeanadh agus a' deanamh taitneach do Dhia aoradh na h-eaglais air an talamh. Is amhuil a tha sin air a chur an céill, Taib. viii. 3, 4. "Agus thàinig aingeal eile, agus sheas e aig an altair, agus tuisear òir aige; agus thugadh dha mòran tùise, chum gu'n tugadh se e maille ri ùrnuighibh nan uile naomh air an altair òir, a bha'n làthair na righ-chaithreach. Agus chaidh deatach na tùise suas maille ri ùrnuighibh nan naomh, o làimh an aingil, an làthair Dhé." Tha so 'na thaisbeanadh de'n àrd-shagart a' losgadh tùise air an altair òir air là na réite, 'nuair a chaidh e steach do'n ionad a bu ro naoimhe; oir bha an altair sin air a suidheachadh aig an dol a steach do'n ionad sin, mu choinneann na h-airce agus caithreach na tròcair, a bha samhlachadh righ-chaithreach Dhé. Is e an t-aingeal so, ma seadh, ar n-Ard-shagart-ne; cha robh neach sam bith eile a dh' fheudadh teachd am fagus do'n altair sin, no tùis a losgadh oirre, aig an robh a deatach gu dhol a steach do'n ionad a bu ro naoimhe. Agus tha "ùrnuighean nan naomh" ann an so 'na dhòigh-labhairt a tha 'filleadh suas ann aoradh na h-eaglais gu h-ionlan. Agus tha so air a thairgseadh 'an làthair righ-chaithreach Dhé leis an Ard-shagart so. Cha-n'eil e air a ràdh gu'n deachaidh an *ùrnuighean* 'nan aonar suas an làthair Dhé, ach gu'n deachaidh deatach na tùise suas maille ri, o làimh an aingil; oir is e tùis eadar-gluidhe Chriosd a mhain a tha 'gan deanamh taitneach 'an làthair Dhé. As eugnhais so, cha bhithheadh ùrnuigh, no moladh, no buidheachas, a thigeadh uainne, a gheibheadh gu bràth a steach 'na làthair, no do righ-chaithir nan gràs. Beannaichte gu robh Dia air son an t-sochair so, ri aghaidh annmuinneachd agus mi-ionlanachd ar n-uile dhleasdanas! Uime sin, is ann annsan agus tridsan a mhain a tha sinn a' tairgseadh ar n-ùrnuighean agus ar n-aoradh gu léir do Dhia. Agus ann an so, 'nar n-aoradh uile, tha sinn fèin mar an ceudna "a' dol a steach do'n ionad a's naoimhe," Eabh. x. 19. Tha sinn a' dol a steach ann an cleachdadh àraidih sin a' chreidlimh trid am bheil sinn a' cur ar n-ùrnuighean ann an làimh an Ard-shagairt so.

Tha tri nithe 'nar n-aoradh gu h-ionlan a dheanadh a bhacadh o bhi faotainn a steach 'an làthair Dhé chum a bhi gabhta leis, agus a dheanadh comhfhurtachd agus sith a chumail o ar coguisibh fèin. Is e an ceud ni, Am *peacadh* no an aingidheachd a tha dlùth-cheangailte ris; is e an dara ni, An *annmuinneachd* no am mi-

iomlanachd a tha ann aig a chuid a's fearr ; agus, is e an treas nì, *Neo-airidheachd* na muinntir leis am bheil e air a choimblionadh. Do bhrigh nan nithe so cha b' urraim an *lugh* gu bràth coguissean na dream sin a dhéanamh coimhlionta a bha teachd do Dhia trid iobairtean an lagha. Ach tha tri nithe ann am ministreileachd Chriosd mar shagart, a tha giùlan nan nithe so gu h-ionlan air falbh, ionnus gu bheil dol a steach air a fhrithdealadh dhuinn le dànaechd dh' ionnsuidh Dhé. Agus is iad sin—(1.) *Fearnan* a thabhartais; (2.) *Eifeachd* 'edar-ghuidhe; agus, (3.) *Iubheachd* a phearsa. Leis a' cheud nì, tha e giùlan air falbh aingidheachd ar nithe naomha gu léir, mar a rinn Aaron ann an seadh samhlach o shean, leis an leac a dh' òir fhìor-ghlan air an robh ainn Dhé,—a bha samhlachadh Chriosd—agus a bha air clàr 'eudain, Eesod. xxviii. 36–38. Rinn e réite air an son ann am faul a thabhartais, ionnus nach tig iad suas an lèathair Dhé. Leis an dara nì, no éifeachd 'edar-ghuidhe, tha ar n-ùrnuighean agus ar n-aoradh air an deanamh taitneach, air chor as gu bheil iad a' faotainn buaidh 'na fhiannuis. Oir is e so deatach sin na tùise no am boltrach deadh fhàile a tha 'dol suas maille ri ùrnuighean nan uile naomh do righ-chaithir Dhé. Leis an treas nì, no inbheachd a phearsa, anns am bheil e air a thaisbeanadh mar flear-ionaid a' chuirp dhiomhair uile, tha e 'giùlan air falbh o ar coguisibh am mothachadh sin de ar graineileachd agus ar neo-airidheachd fèin nach cead-aicheadh dhuinn teachd le dànaechd do righ-chaithir nan gràs. Is iad so na nithe a tha 'eur beatha anns an ionlan de aoradh eaglais nan ereideach ; oir, mar nach b' urrainn e bhi taitneach do Dhia as an eugmhais, cha mhb à b' urrainn aon chuid sith no comhfhurtachd a bhi againn fèin ann.

4. Ann an so tha comh-chomunn aig an eaglais *bhuidhach* air nèamh ris an eaglais air thalamh a tha fathast anns a' *chath*. Cha do chaill an comh-chruinneachadh mòr shuas an èuram a thaobl na h-eaglais air thalamh. Ar a tha sinne 'deanamh gairdeachais 'nan glòir-san, 'nan tèaruinteachd, agus 'nan sonas—anns gu bheil iad air dol troimh uile stoirmean, agus bhuaireidhean, agus àmhígharan, agus chumartan, na beatha so tha lèthair, agus gu bheil iad fo dhidean shuaimeineich na glòire siorruidh, chum eiliù Dhé ann an Iosa Criosc ; is amhuil sin a tha iadsan air ionairt 'nan aigne air son an comh-bhùraithrean a tha air an cleachdadh anns na buairidhibh, anns na càsaibh, agus anns na cunnartaibh ceudha anns an robh iad fèin—gu ro dhùrachdach a' miannachadh gu'm bitheadh iad air am fuasgladh agus air an teasairginn. Uime sin, 'nuair a tha iad a' faiceann an Tighearn Iosa Criosc, mar an t-àrd-shagart mòr os ceann tigh Dhé, a toirt suas an ùrnuighean, maille r'an aoradh naomh gu léir 'na lèthair, agus 'gan deanamh taitneach le tùis dheadh-fhaile 'edar-ghuidhe

féin, tha so a' toirt toil-inntinn ro mhòr dhoibh, agus a' mosgladh suas an anama a ghnàth ann an cleachdadhbh a' mholaidh, agus a ghlòrachaidh, agus an urrainachaiddh, air aimm. Is e so suidheachadh na h-eaglais shuas, a thaobh na h-eaglais air thalamh. Agus tuilleadh na so cha-n fheudar a chur as an leth; agus feudair so a ràdh m' an timchioll gun amharus sam bith. A thaobh sin a bhithseas euid ag ràdh mu eadar-ghuidhe phearsanta nan naomh shuas air son mhuinntir air leth, cha-n'eil ann aeh diomh-anas na h-inntinn, a tha 'eur làimh ann an glòir Chriosd, agus a tha neo-fhreagarrach d' an suidheachadh a nis air neamh; aeh is iad na nithibh sin a dh' ainnmicheadh anns am bheil an comh-chomunn ris an eaglais air thalamh a' coimh-sheasamh. Tha gràdh aca dhi, do bhrigh an aonaidh a tha aca rithe anns an aon chorp dhiomhair, Eph. i. 10. Tha mothachadh aca d'a cor, o'n fhéin-fhiosrachadh a tha aca de'n chor cheudna ann an làithibh am fèola. Tha cùram mòr aca mu ghlòir Dhé innte, agus miann dhùrachdach air son a slàinte shiorruidh. Tha fios aca nach bi iad féin gu h-ionlan coimhlionta as an eugmhais, no air an deanamh fairfe nam pearsaibh ionlan, Taisb. vii. 11. Ann an suidheachadh so nithe, ma seadh, tha iad a ghnàth a' faicinn an Tigh-earna Iosa Chriosd a' taisbeanadh an urninghean 'an làthair righ-chaithreach nan gràs,—ag eadar-ghuidhe air an son,—'ga nochdadh féin chum a bhi 'tagradh an cùis an aghaidh an uile nàimh-dean,—a' gabhail os laimh air an son a ghnàth 'am fianuis Dhé, —agus a' gabhail eùraim d' an slàinte, chum nach caillear a h-aon diubh gu bràth. Tha so 'gan lionadh a ghnàth de thoil-inntinnibh naomha, agus is earrann nach beag e de cheann-aobhar a' mholaidh agus a' ghlòrachaidh a tha iad gun tòmh a' cur as a leth. Ann an so, ma seadh, tha cùram na h-eaglais shuas anns an eaglais a bhos a' luidh; is e so an comh-chomunn a tha eatorra, agus sin ann am pearsa Chriosd, ann an cleachdadhbh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair.

5. Anns an teampull so shuas tha *taisbeanadh soilleir* air a dheanamh de ghliocas Dhé ann an uile ordughibh naomha a' phàilliuin agus an teampuill o shean. Ann an so tha am folach air a thogail gu h-ionlan air falbh dhiubh, agus taisbeanadh dorch sin nan nithe nèamhaidh air a chur 'am follais ann an solus agus ann an glòir. Tha e fior, gu bheil so deanta ann an tomhas mòr ann am frithealadh an t-soisgeil. Air do Chriosd teachd anns an fheòil ann an cleachdadhbh a dreuchd mar eadar-mheadhonair anns an t-saoghal, tha brigh nan nithe sin a roimh-shainhlaicheadh leò air faotainn coimhlionaidh; agus tha nàdur agus crìoch nan nithe sin air an cur 'an céill ann an solus an t-soisgeil. Gidheadh, tha seadh nan ordughian sin a ruigheachd dh' ionnsuidh nithe 'an taobh a stigh de'n roinn-bhrat, no cleachdadhbh sagartachd

Chriosd anns an ionad-naomh nèamhaidh, Eabh. ix. 24. Uime sin, mar nach 'eil solus ionlan againn fathast anns an tñig sinn doimhne nan diomhaireachd a tha anna ; cha mhò a fhuair iad coimhlionadh ionlan anna fèin gus an d' rinn an Tighearn Criod a dhreuchd a chleachdadh anns an ionad-naomh shuas. Is e so glòir an t-saimpleir a nocht Dia do Mhaois air an t-sliabh, air a deanamh follaiseach agus soilleir do na h-uile. Ann an so, air mhodh àraidh, tha naoimh an t-Seann Tiomnaidh, a bha air an cleachdadh ré an làithean uile anns na h-orduighibh samhlach sin, nach b' urrainn iad a bhi län-thuigisinn a thaoblh an crìche, a nìs a' faicinn glioceas agus maitheis eugsamhul Dhé anna uile, ionnus gu bheil iad a deanamh gairdeachais anna gu bràth.

6. Tha *ȝyhdurras àrd-uachdar anach* agus *cumhachd neo-chrioch-nach* air aon deanamh thairis do'n Tighearn Iosa Criod ann fèin, chum a bhi coimhlionadh agus a' eur an guiomh nan uile nithe a tha e faotainn o'n Athair, air sgàth na h-eadar-mheadhonaireachd naoimh a ghabh e os làimh as leth na h-eaglais. Air an aobhar sin, theirear uime mar shagart, gu'n "d' rinneadh e nì's àirde na na nèanhan ;" agus mar shagart gu bheil e "air suidhe air deis righ-chaithreach na Mòrachd anns na nèanhan," Eabh. viii. 1. Cha bhuin an cumhachd glòrmhor so dha gu neo-mheadhonach do bhrigh a shagartachd, ach buinidh e do dheasachadh sin a pearsa a tha feumail chum a bhi coimhlionadh na dreuchd sin air mhodh eifeachdach. Uaith so theirear uime, "Gheibh e glòir, agus suidhidh e, agus riaghlaichidh e air a righ-chaithir ; agus bithidh e 'na shagart air a righ-chaithir," Sech. vi. 13. Is e suaicheantas rioghail a th' ann an righ-chaithir, agus buinidh so do Chriosd air mhodh àraidh a thaoblh a dhreuchd rioghail, Eabh. i. 8, 9. Gidh-eadh, air do'n chumhachd a th' ann an comh-chuideachd a righ-chaithir, agus a bluineas dhi, a bhi neo-sheachanta chum a bhi coimhlionadh a dhreuchd mar shagart gu h-eifeachdach, theirear uime gu bheil e "'na shagart air a righ-chaithir," eadhon mar a tha e 'na shuidh agus a riaghlaich air a righ-chaithir mar an ceudna.

Ann an so, ma seadh, tha aon sealladh de shuidheachadh Chriosd a nìs air nèamh, agus de'n obair a tha e' coimhlionadh ann ; cha mhò a tha sinn a' rùnachadh eisampleir eile d' a thaoblh a thoirt fainear aig an àm. Rinneadh e 'na shagart "a réir cumhachd beatha gun chrìch,"—a' bheatha sin fèin a tha e nìs a' caitheadh air nèamh ; agus a "tha e bò gu siorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son." Bha e marbh, ach tha e bò, agus, feuch, tha e bò gu saoghal nan saoghal, agus tha iuchraighean ifrinn agus a' bhàis aige ; eadhon gach uile chumhachd os ceann uile naimhdean na h-eaglais. Uime sin, is e so an taisbeanadh de nèamh agus d' a ghlòir anns an àm a tha làthair a tha an Sgriob-

tuir a' cur r' ar n-aghaidh,—eadhon, Dia air righ-chaithir gràis ;—Criod, an t-àrd-shagart air a làimh dheis ann an glòir agus ann an cumhachd, air a leithid a dhòigh as gu bheil e aig an àm cheudna “an làthair na righ-chaithreach,” ann am feartaibh a shagartachd, le cùram na h-eaglais gu h-ionlan air a làimh, agus a' gabhail os làimh air an son am fianuis Dhé ;—na h-ainglean naomha, agus “spioradan nam firean air an deanamh fairfe,” a' cuairteachadh na righ-chaithreach, a' moladh Dhé, eadhon an Athar agus e féin a ghnàth, do bhrìgh oibre sin a' ghliocais, agus a' mhaitheis, agus a ghràis neo-chriochnaich a choimhlionadh 'na theachd 's an fheòil, 'na eadar-mheadhonaireachd, agus ann an sláinte na h-eaglais d'a thrid ;—agus e féin a' sìor-bhuanachadh ann an riaghlaidh chùisean na h-eaglais 'an làthair Dhé, a' tairg-seadh an urninghean agus an seirbhis dha, air an deanamh taitneach le deataich chùbhraidh 'eadar-ghuidhe féin as an leth. Ach, mo thruaighe ! cia cho annhunn, cia cho dorch, cia cho diblidh, as a ta ar breithneachadh agus ar measrachadh anns na nithibh nèamhaidh so ! Cha-n 'eil sinn a faicinn fathast ach gu dorch, mar ann an sgàthan, agus cha-n aithne dhuinn ach ann an euid. Tha an t-àm a' teannadh 'nuair a chi sùm na nithe so “le aghaidh gun fholach,” agus a dh'ainthicreas sinn eadhon mar a tha aithne oirnu. Is e am buileachadh a's fearr a dh'fheudas sinn a' dheanamh de'n t-sealladh so, am feadh a tha creidimh a' deanamh suas àite seallaidd air nèamh, a bhi air ar brosnachadh suas d'a thrid gu bhi 'miannachadh comhpairt fhaotaimh de'n ghàbhar so, agus a bhi a ghnàth 'meudachadh gu dichiollach ann an cleachdadhd na h-ùmhlaichd naoimh sin trid am feud sinn teachd d' a h-ionnsuidh.

A thaobh na dh' ftagadh againn fathast r'a thoirt fainear mu'n teagasc so bithidh e air a labhairt ann an coimh-cheangal ris an dà ni a leanas :—

1. Gu bheil uile thoraidhean eadar-mheadhonaireachd Criod, araon iad sin a th' anns an *leth a stigh*, a tha *spioradail* agus *siorruidh*, agus mar an ceudna na tha 'gan leantuinn 'nam frithealadh o'n leth a muigh anns an fhreasdal, a thaobh na h-eaglais no a thaobh a naimhdean,—air an oibreachadh le cumhachd diadhaidh ; no tha iad a' sruthadh mar thoradh o chumhachd mòr Dhé. Tha iad uile air an oibreachadh le “ro-mheud a chumhachd,” a dh'oibrich e ann an Criod féin 'nuair a thog e o na mairbh e, Eph. i. 19, Oir tha oibre sin Dhé gu léir a tha o'n leth a muigh, mar a tha iad sin uile a tha air an oibreachadh ann agus as leth na h-eaglais, gu neo-sheachanta 'nan toraidhbih neo-mheadhonach a chumhachd dhiadhaidh,—cha mhò a dh'fheudas iad a bhi de nadur eile.

2. 'Nuair a bheirear fainear *ùmhlaichd* Criod anns a' bheatha

so, agus an *réite* air son peacaidh a rinmeadh 'na fhuil, maille r'a àrdachadh féin 'an lorg sin, cha-n'eil ni sam bith ann an aon air bith de bluadhaibh siorruidh nàduir Dhé, no ann an lagh shiорuidh agus neo-chaochlaidheach na h-ùmhachd, a chuireadh bacadh air oibreachadh nan nithe so uile le Dia amainn chum a ghlòire agus 'onoir féin, ann an slàinte shiорuidh na h-eaglais agus ann an sgrios a naimhdean uile, *gel nach bitheadh frithdealadh dhreachdan Chriosd a' buanachadh idir air nèamh*, maille ris a ghreadhnachas naomh aoraidh sin a tha 'na chomh-chuideachd.

Air do na nithe so a bhi ciimteach agus soilleir, feudaidh sinn 'fheòraich d'an taobh, cia uaith a dh' eirich e gu'n d' òrduich Dia gu'm bitheadh na *nithe so uile fathast a' buanachadh* air nèamh shnas, agus gu'm feudadh na críochn sin uile coimhlionadh fhaotainn as an eugnbais, le guiomharaibh neo-mheadhonach a' chumhachd dhiadhaidh.

"Tha guiomharan an Tighearna mòr ; ramhsaichear iad leo-san uile aige am bheil tlachd anna," Salm exi. 2. Do bhrigh, uime sin, gu bheil so 'am measg oibre mòra Dhé, a dh' oibrich e agus a dh' fhoillsich e dhuinne, gu h-àraidh 'na thoraidhribh, agus sin chum a bhi taisbeannadh a għliocais agus a għräis féin, tha e mar fhiachaibh oirne a bhi 'ga rannsachadh gu diciollach agus gu h-iriosal ; oir buinidh na nithe sin a tha foillsichte dhuinne, agus d' ar cloinn, chum a thoil a dheanamh air son ar maithe. Uime sin,—

(1.) Bu toigh le Dia a chùis a bhi mar so, chum a bhi *'foillseachadh a għlōire féin*. Is e so cend chrioch mħor uile oibre Dhé. Agus tha e 'na eariam bhunaiteach d'ar creidimh gu bheil a' chùis mar sin. Air an aobhar sin tha e mar fhiachaibh oirne a bhi rannsachadh cionnus a tha oibre Dhé a' eur glòire air. A thaobl glòire siorruidh Dhé imte féin, tha i a għnàtħ an ni ceduna,—gun tuis, gun chirich, gun chaocħla. Is i a għlōir a bhith, ann an coimh-cheangal ris an dàimh anns am bheil gach uile chreutair a' seasanh dhi. Oir far am bheil glōir air a h-ainnmeachadh coimhcheangal te ri bith, tha dàimh r'a smuaineachadh ann. Ach tha foillseachadh na glòire sin eugħsam huil, a' réir deadh-għean a thoile. Uime sin, an ni sin anns an ħall le Dia a bhi foillseachadh a għlōire aig aon àm, feudaidh e sguir de bhi 'ga għnàtħachadh chum na eriċe sin aig àm eile ; oir feudaidh sin trid am bheil e 'na mheadħon foillseachaidh a għlōire a bhi an crochadh air a leithid de shuidheachadh freasdail, as gu bheil am foillseachadh sin a sguir 'nuair a tha an suidheachadh àraidh sin air a chur a thaobh. Mar sin dh' fhoillsich e agus thaisbean e a għlōir o shean anns a' phaċċiun agus anns an team-pull, agus ann an comħaraidhibh naomha a lāthaireachd anna, agus thugadha glōir dha ann an aoradha an lagħa gu léir. Ach a

nis tha sin air sguir, ionnus nach 'eil e tuilleadh a' faotainn urrainm le seirbhis an lagha, no le aoradh nan deas-ghmath a chuireadh sios ann. Ged robh aitreachb an teampuill gu léir agus a sheirbhis mhaiseach uile a nis air an thalamh, cha bhitheadh glòir sam bith ag éirigh do Dhia uaith—cha bhitheadh e a' faotainn urrainm leis. Cha bhitheadh ann ach eas-onoir mòr do Dhia a bli 'sealltuinn air son a ghàire anna. Agus feudaidh Dia tòiseachadh aig àm sam bith air a ghàlor 'fhoillseachadh tre mheadhonaibh nach do ghnàthuicheadh riabh roimh air son na criche sin. Is amhlui sin a rinn e ann an uile ordughibh an t-soisgeil—frithealadh a chumar suas gu crich nan uile nithe air thalamh, agus cha chumar ni's fhaide; oir an sin sguiridh iad uile,—cha bhi Dia tuilleadh air a ghàbrachadh anna no leò. Air a' mhodh cheudna bu toigh le Dia e féin a ghàbrachadh a nis air nèamh le frithealadh so nan uile nithe ann agus trid Iosa Chriosd; d' am bheil crìoch air a comharachadh mar an ceudna.

Agus ann am buanachadh an aoraidh naoimh so anns an ionad-naomh shuas, tha Dia a' taisbeanadh a ghàire air iomadh aobhar, agus a' foiseachadh ann. Tha e 'deanamh sin, anns a' cheud àit, ann agus *do na naomhaibh a fhair bàs fo'n t-Seann Tiomnadh*. Thàinig iadsan gearr ann an glòir air sin a tha na naoimh a nis a' sealbhachadh a tha 'faotainn bàis ann an creidimh ar Tighearna Iosa Criosd. Oir—gun a dhol a chonnsachadh no a rádh le dearbh-chinne, ciod e an staid agus an suidheachadh anns an robh iad mu'n deachaidh Criosd suas air nèamh, no ciod e a bu nàdur do ionad-còmhnuidh bheannaichte an anama—tha e soilleir nach robh iad, agus nach b' urrainn iad a bli 'faicinn glòire Dhé, agus coimhlionadh ruin-diomhair a għliocais agus a thoile, ann an Iosa Criosd; cha mhò a rinneadh aithnichte dhoibh e ann an tomhas fairfe. Cia b'e air bith ni anns an robh iad a' faotainn suaimhneis, agus toil-inntinn, agus beannachaidh,—cia b'e air bith dòigh anns an robh iad a' sealbhachadh làthaireachd Dhé; gidheadh cha robh rìgh-chaithir gràis air a cur suas fathast air nèamh,—cha robh Ard-shagart fathast 'ga nochdadhl féin 'na làthair, no Uan mar gu'm b:theadh e air a mhabhdh,—cha do sheinneadh fathast an t-òran molaidh sin araon dha-san a tha 'na shuidh air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan, gu saoghal nan saoghal: "air do Dhia ni-éigin a's fearr a sholar dhuinne, ionnus nach bitheadh iadsan air an deanamh fairfe as ar n-eugmhais-ne." Faic Eph. iii. 9, 10.

Is ann an so a mhain, cho fad as a tha an Sgriobtuir 'ga fhoillseachadh, a thàinig iad gearr air a ghàlor sin a tha nis air a meal-tuinn air nèamh. Agus is ann an so a tha toiseach aig na *naomhaibh* sin orra a tha nis a' faotainn bàis anns a' chreidimh. Bha an staid-san air nèamh coimh-flreagarrach r'an creidimh agus r'an aoradh air thalamh. Cha robh solus glan agus soilleir aca

trid nan taisbean agus nan seirbhis a thugadh dhoibh, timechioll teachd Chriosd anns an fheòil, agus cleachdadadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair; a mhain gu'n robh iad a' creidsinn gu'm bitheadh gealladh na saorsa, agus a' ghráis, agus an tròcair, a' faotainn coimhlionaidd annsan agus leis. Bha ionad an suaimhneis air nèamh—an t-ionad air son an do dheasaicheadh iad le'n creidimh agus an aoradh air thalamh—coimh-flreagarrach ris an t-solus sin. Bha suaimhneas agus sonas beamnaichte aca, os ceann na dh' fleudas sinne a mheasrachadh; oir eo d'an aithne ciod e sin a bhi ann an lathareachd ghliòrmhoir Dhé, eadhon anns an tomhas a's fhaide mach? Air dhoibh dol do nèamh, cha do ghlaeadh iad gu h-obann ann an ioghnadh le taisbeanadh sam bith glòire nach do bhreithmich iad ann an tomhas sam bith air thalamh. Cha robh eòlas soilleir aon chuid aca fèin no aig na h-ainglibh air fulangasaibh Chriosd agus a' ghliòir a bha gu'n lean-tuinn. Ach bha iad a' faicinn agus a' tuigsinn gu'n robh ni-éigin fathast r'a dheanamh chum a bhi 'g árdachadh glòire Dhé ann an sláinte iomlan na h-eaglais, a bha fathast foluichte ann an còmh-airlibh a thoile féin. Ri so bha iad a' feitheamh ann an ionad-bheann ichtie an suaimhneis shuas. Bha creidimh a' toirt dhoibhsan—mar a tha e toirt dhuinne—dol a steach dh'iomsuidh lathareachd Dhé, agus 'gar deanamh ionchuidh air a shon. Ach cha robh a' ghliòir sin a bha iad gu neo-mheadhonach a' sealbhachadh a' toirt barrachd, a thaobh a gnè gu léir, air sin chum an robh solus an creidimh a' treòrachadh. Agus tha an ni ceudna fior d'ar taobh-ne. Uime sin, cha robh iad air an ulluechadh air son seallaidh de'n ghliòir sin a tha nis air nèamh; cha mhò a bha iad 'ga mhealtruinn. Ach a thaobh nan naomh fo'n Tiomadh Nuadh, a tha air an teagast gu soilleir leis an t-soisgeul, ann an diomhaireachd eadar-mheadhonaireachd Chriosd 'nar nàdur, tha iad air an deanamh ionchuidh, trid an creidimh agus an aoradh, air son a dhol a steach air ball do'n ghliòir sin. Is e so a tha an anama a' miannachadh, is ann ri so a tha an dòchas, so rinneadh cinteach dhoibh le eadar-ghuidhe ar Slànuighir,—eadhon, air dhoibh an saoghal so 'fhagail, gu'm bitheadh iad far am bheil e, chum a bhi 'faicinn a ghliòire.

Ach a nis, air do Chriosd *a dhol a steach do'n naomh-ionad nèamh-aidh*, bha a' mhuinntir naomh so gu léir air an gabhail a stigh do'n ghliòir cheudna sin a tha na naoimh fo'n Tiomadh Nuadh a' mealtuinn. Air a so, mar le gnùis gun fholach, tha iad a' faicinn feum' agus criche nan seirbhis agus nan orduighean samhlach sin anns an robh na nithe so air an taisbeanadh dhoibh. Cha-n urrainn eridhe duine a smuaineachadh ciod an leasachadh dolabhairt glòire a thugadh dhoibh d'a thrid. Bha diomhaireachd gliocais agus gráis Dhé 'nan saorsa agus 'nan sláinte tre Iosa

Criosd a nis gu soilleir air a taisbeanadh dhoibh ; bha sin air son an robh iad ag urningh, agus an déigh an robh iad a' miannachadh ann an làithibh am feòla air thalamh, agus air son an robh iad a' feitheamh cho fada air neamh, a nis air 'fhoillseachadh gu ro ghlòrmhor d'an sealladh. Air a so dh' éirich solus òirdheire, agus thaom toil-inntinnean beannaichte, steach air na h-anamaibh naomha sin gu léir, a fhuair bàs anns a' chreidimh ach nach d' fhuair an gealladh, a mhain gu fac iad e fad o làimh. Agus le so dh' fhoillsich Dia gu ro mhòir a ghlòir féin anna agus dhoibh ; ni a's e an ceul chrìoch air son suidheachaidh so nithe a bhi buanachadh air nèamh. Tha so a' toirt dhomh a bhi 'meas gu'm b'e aimsir dol a steach Chriosd do nèamh, mar naomh-ionad Dhé, an taisbeanadh a b'airde do ghlòir chruthaichte a bha riabh air a thabhairt, no a bhithreas gu bràth air a thabhairt, gu ruig crich nan uile nithe. Agus sin, mar air iomadh aobhar eile, do blàrigh gu'n robh na h-anama naomha sin gu léir a fhuair bàs anns a' chreidimh o thoiseach an t-saoghail, air an gabhall a steach aig an àm sin do sholus glòrnhor chomhairleán Dhé, agus chum eòlais fhaotainn air toraidhribh eugsamhui a ghràis tre Iosa Chriosd.

Tha mòran 'am measg dhaoine, gu h-àraidh ann an eaglais na Roimhe, air dhoibh a bhi gun bhrithneachadh dligeach na firinn anns an ni so, a tha air clàonadh air falbh an déigh diomhanais na h-inntinn amaidich mu staid anama nan naomh a fhuair bàs fo'n t-Seann Tiomnad. Tha iad gu coitchiomh 'gan dùnadh suas ann an ionadaibh dorchà air crìochaibh na h-ifrinn, o'n robh iad air an saoradh air do Chriosd a dhol sios 'an sin. Ach tha so an aghaidh na h-uile beachd agus taisbeanadh a tha againn de spòis Dhé d'a phobull—tha e 'an aghaidh beatha agus nàdur a' chreidimh, a bhi smuaineachadh nach bitheadh iadsan a dh' imich troimh shlighe na h-ùmhlachd anns an t-saoghal so, agus a choimhlion an obair a thugadh dhoibh r'a deanamh, air an gabhall a steach aig a' bhàs do shuaimhneas bheannaichte maille ri Dia. Ma bhuinear air falbh dearbh-chinnte na firinne so, tha nàdur a' chreidimh gu h-ionmlan air a sgrios. Ach cha b' urrainn iad a bhi air an gabhall a stigh do lanachd na glòire a tha nis air nèamh ; mar a chuireadh an céill.

Os barr, tha Dia le so a' foillseachadh a ghlòire do na *h-ainglibh naomha féin*. Bha na nithe sin anns am bheil a' ghlòir a' coimh-sheasamh foluichte ann an Dia féin eadhon o na h-ainglibh, o thoiseach an t-saoghail—foluichte ann an comhairlibh naomh' a thoile, Eph. iii 9. Uime sin, "do na h-uachdaranaichdaibh agus do na cumhachdaibh sin ann an ionadaibh nèamhaidh, rinneadh aithnichte, leis an eaglais, gliocas eugsamhui Dhé," rann 10. Air do'n eaglais a bhi air a saoradh le ful Chriosd, agus air dha féin a bhi air àrdachadh anns a ghlòir so, thàinig iad gu bhi 'gabhall eòlais air "gliocas eugsamhui Dhé" leis na toraidhribh a lean sin ;

nithe a bha iad roimh a' miannachadh a bhi beachdachadh, 1 Plead. i. 12. Le so, ma seadh, tha glòir uile chomhairlean Dhé, ann an Criod air an eur am follais dhoibh; agus cha bheag an leasachadh d'an glòir féin a tha iad a' faotainn d'a thrid. Oir tha an sonas a' coimh-sheasamh ann a bhi nis a' breithneachadh imintinn Dhé, agus ann an deanamh a thoile.

Cha robh nèamh féin an ni sin a tha e, gus an deachaidh Criod a steach do'n ionad-naomh chum a bhi frithealadh a dhreuchd mar eadar-mheadhonair. Cha robh aig na naoimh a dh' fhálbh no aig na h-ainglibh féin an tomhas glòire sin a tha nis aca. Gidheadh cha-n fheudar a thuigsinn o so gu'n robh easbhuidd sam bith ann an nèamh, no uireasbhuidd sam bith 'na staid, anns a' cheud shuidheachadh; oir tha foirfeachd staid sam bith a' coimh-sheasamh ann an ordugh sin nan uile nithe a tha ann air son an d' rinneadh freagarrach e air tús. Ma dh' amhaircear air na h-uile ni ann an ordugh a' cheud chruthachaidh, bha nèamh, a thaobh an ordugh sin, coimhlionta o'n fhior thoiseach. Gidheadh, ged a bha a' chiuis mar sin, bha dàimh agus spéis ann fathast do eaglais a' chinne-dhaoine air thalamh, a bha gu bhi air a h-atharrachadh 'an sin. Aeh air do'n pheacadh briseadh a stigh, chuireadh an t-ordugh so gu léir troimh chéile, ionnus gu'n robh an dàimh so gu léir air a sgaoileadh. Agus 'an lorg sin thàinig mi-ionlanachd a steach do staid nèimh féin; oir bhriseadh an dàimh agus an comh-chomunn sin a bha eadar e agus iadsan a bha air thalamh, cha mhò a bha e 'na chòmhnuidd freagarrach do dhaoinibh a bha 'nam peacach. Uime sin, "tre fhail a' chroinn-cheusaidh," rinn Dia "na h-uile nithe réidh ris féin, ma's nithe iad a tha air thalamh, no nithe a tha air nèamh," Col. i. 20,—no chruinnich e ann an aon na h-uile ni ann an Criod, "araon na nithe a tha air nèamh, agus na nithe a tha air thalamh," Eph. i. 10. Bha eadhon na nithe nèamhaidh féin 'an aire a bhi air an deanamh réidh anns an t-seadh anns am b' fheumail dhoibh a bhi air an cruinneachadh 'nan aon riù sin a bha air thalamh; aig am bheil a ghlòir air a foillseachadh anns a' mhinistreileachd nèamhaidh shuas. Agus, os bàrr, tha an t-abstol a eur an eáill gu'n robh "na nithe nèamhaidh féin" air an glanadh le iù baile Criod, Eabhd. ix. 23. Cha-n e gu'n robh iad *da rireadh neo-ghlan* ainta féin, aeh as eugmhais a għlanaidh so, cha robh iad ionchuidh air son comuinn an rūn-diomhair so ann an aoradh choitċiomni an teaghlaich air nèamh agus air thalamh, tre Iosa Criod. Uaith so, ma seadh, tha foillseachadh air fhaotainn a għnàt de għlòir Dhé leis na h-ainglibh féin. Tha iad a' faicinn a ghliocais agus a għräßi eugħsamhuil 'nan toraidħibb beannaichte, a bha foliuchte ann an comħairlibh naomh a' thoile o'n uile shiorr-uidheachd. Le so tha solus agus sonas na muinntir bheannaichte sin gu mòr air an leasachadh, ionnus gu bheil iad air an lionadh

le h-iongantas mu ghniomharadh mòra Dhé, a' cur glòire, agus onoir, agus molaidh as a leth gu saoghal nan saoghal; oir is e bhi 'g amhare air diomhaireachd gliocais Dhé ann an Chriosd—air am bheil tair air a dheananmh air thalamh ann am frithealadh an t-soisgeil—priomh earrann sonais nan aingeal ar nèamh, a tha 'gan sàsachadh le toil-inntinnibh siorruidh, agus a' mosgladh a' ghlòrachaidh agus a' mholaidh sin air Dia anns am bheil iad gun tamh air an cleachadh.

Is i so *glòir fhoillseachail* sin Dhé leis am bheil e 'ga riarachadh féin gus an tig a' chrioch a chomharaicheadh. Air a shon so giùlainidh e le nithibh anns an t-saoghal, gu ruig na h-aimsir suidhichte. Oir am feadh a tha an cruthachadh anns an t-suidheachadh anns am bheil e, feumár *riail de ghlòir* fhaotainn as do Dhia; agus an uair a sguireas sin cba-n fheudar giùlain leis ni's fhaide. Ach tha an saoghal cho làn dorchadais, agus aimhreite, agus peacaidh, agus aingidheachd, agus naimhdeis an aghaidh Dhé—air a thoirt thairis cho mòr do gach do-bheart agus slighe aingidh anns an urrainn daoine eas-onoir a chur air—as nach 'eil e coltach gu bheil a bheag de ghlòir ag éirigh dha uaithe. Mur bitheadh criochan diomhair a' ghliocais dliadhaidh coimh-chean-gailte ris, bhitheadh e gu h-obann air dhìol Shodoim agus Ghomorrah. Tha iarmad beag sin oighreachd Chriosd a tha ann, air a dhruideadh suas mar gu'm b' ann as an t-sealladh, ionnus nach 'eil e air dhùigh sam bhith r'a choimeas, a thaobh ni sam bith a chithear, ri meud an eas-onoir a bheirear dha leis a' chuid eile de'n t-saoghal. Ach am feadh a tha nithe anns an t-suidheachadh so air an talamh, tha onoir, agus glòir, agus aoradh naomh, air an toirt do Dhia shuas, 'an lathair a mhuiuntir naoimh gu léir, anns am bheil e 'gabhair suaimhneis agus toil-inn'inn. Annus an riarachadh a tha e faotainn ann an so, giùlainidh e le nithibh anns an t-saoghal so chum criochan a ghliocais, agus a mhaitheis, agus a cheartais, agus fhoighidin, ged a robh e air chuthach mar is àill leis a' cur do-bheart ri aingidheachd. Agus mar sin, a thaobh neach sam bith de na naoimh a tha sgì'h, agus eadhon air a chlaoidheadh, ie suidheachadh so nithe anns an t-saoghal, agus, theagaunh, nach 'eil a' tuigsinn nan criochan a tha aig fad-flulangas Dhé ann, 'nuair e theid a steach do'n staid nèamhaidh so, chi e glòir 'an sin gus am bheil e riaraichte, anns am bheil ath-dhol ro phait air son an eas-onoir a tha Dia faotainn air thalamh.

(2.) Tha suidheachadh so nithe a' mairsinn air nèamh *air son glòir Chriosd féin*. Dh' earb Dia an t-Athair dreuchd na h-Eadar-mheadhonaireachd r'a aon-ghlin Mhic féin, oir cha robh neach eile ann a b' urrainn an dreuchd aon chuid a ghiùlan no a' choimh-lionadh. Faic Isa. ix. 6; Taisb. v. 1-5. Ach ann an coimhlionadh

na dreuchd so b' eigin da e féin isleachadh dh' ionnsuidh inbhe dhíblidh agus iosail, agus nithe doirbh, agus cruaidh, agus eagalach a ghiùlan ann, Phil. ii. 6-8. B' iad an samhail so de nithe a ghiùlan ar Tighearn Iosa Criosd anns an t-saoghal so ; bha e neo-sheachanta do choimhlionadh a dhreuchd gu'm bitheadh iad air an giùlau; seadh, is ann annta a bha a dhreuch a' coimh-sheasamh. Anns an t-suidheachadh so rimmeadh e 'na bhalla-mais gach tarenis, agus maslaidh, agus nàire, agus uile a b' urr-ainn Satan no an saoghal a leagadh air. Agus, os barr, dh' fheumadh e "mallachadh an lagha" a ghiùlan air ar son-ne agus as ar leth, maille ris na h-àmhgharaibh agus na h-uamhasaibh a bu mhò 'na anam, gus an d'thug e suas a spiorad. Bha na nithe so neo-sheachanta do choimhlionadh a dhreuchd, cha mhò a b' urr-ainn slàinte na h-eaglais a bli air a h-oibreachadh as an eugmhais. Ach am bheil e r'a smuaineachadh gu'n earbadh Dia dreuchd cho glòrmhor r'a aon-ghin Mhie féin chum a cur an gniomh air an dòigh àmhgharach so a mhain? Ged a smuainicheamaid gu'n rachadh e féin a steach do ghloir an déigh dha toil Dé a choimhlionadh air an doigh so anns an t-saoghal ; gidheadh na'n sguireadh e 'an sin de bhi frithealadh na dreuchd, dh' fheumadh sinn amhare oirre mar an dreuchd a b' àmhgharach agus a bu doil-gheasaich a chuireadh riamh 'an cleachdadh. Aeh b' e rùn Dhé a bhi glòrachadh na *dreuchd féin*, mar thoradh a ghliocais, agus a bhi 'ga ghlobrachadh féin innte; seadh, ionus gu'm bitheadh an dearbh dhreuchd féin 'na h-urram shiorruidh d' a Mhae 'nar nàdur. Chum na crìche so, ma seadh, tha frithealadh na dreuchd a' mair-sinn 'na làimh ann an glòir, agus e féin air 'àrdachadh ann a bhi 'ga coimhlionadh. Oir is ann chum a bhi 'faicinn na glòire so a tha e 'guidhe gu'm bitheadh a dheisciobuil maille ris far am bheil e. Tha an aimsir sin a tha eadar dol suas Chriosd agus crìch nan uile nithe, air a cur air leth chum a ghloire ann am frithealadh a dreuchd anns an naomh-ionad nèamhaidh. Agus is ann uaith so a tha an t-abstol a' dearbhadh gu bheil esan, mar "Ard-shagart," nì's ro ghloirmhoire na iad sin a ghairmeadh chum na dreuchd cendna fo'n lagh, Eabh viii. 1-3. Is ann an so a tha e soilleir do ainglibh agus do dhaoinibh, cia cho glòrmhor as a tha e do Chriosd a bhi 'na aonar 'na righ, agus 'na shagart agus 'na fhàidh na h-eaglais. Air an aobhar sin mar a b' fheumail do Chriosd a bhi fulang ann an cleachdadh a dreuchd air thalamh, is amhail sin air do na fulangasabhbh coimhlionadh fhaotainn, b' fheumail dha, ann an cleachdadh na dreuchd ceudna, a dhol a steach d'a ghloir, Taibh. i. 18.

(3.) Tha na nithe so air am buanachadh, anns an treas àit, air an sgàth-san, 'nan ginealachabhbh fa leth, a' *tha faotainn bàis anns a' chreidimh*, gu h-araidh iad sin a fhuair bàs anns na ceud

linntibh, mar na h-abstoil agus na ceud Chriosdaidhean : anns am bheil nithe fa leth r'a thoirt fainear.

[1.] Tha dà ni a tha ro luachmhor do chreidich, agus air am bheil iad a' cur mòr mheas anns an t-saoghal so, agus a tha 'cur millseachd anns na h-uile cor dhoibh. As an eugmhais cha bhith-eadh anns an t-saoghal so dhoibh ach priosan dorch agus cianail, cha mhò a b' urrainn iad a bhi toileach fantuinn idir ann. Is e an ceud ni *seirbhis Chriod*. Mur bitheadh cothrom air a fhrith-ealadh orra chum a bhi 'gan cleachdad fèin innte, cha b' urrainn iad còmhnuidh a ghabhail ann an so le toil-inntinn sam bith. Iadsan nach 'eil a' faotainn chùisean mar so d'an taobh fèin, tha iad fo chumhachd na h-inntinn saoghalta. Tha toil-inntinn r'a mealtuinn anns an t-seirbhis a's isle a bhuineas do Chriod. Agus d'an taobh-san aig am bheil cothroman agus comasan air son ghniomharan mòra seirbhis, tha obair an Tighearna Iosa 'na ni cho glòrmhor agus cho òirdheire, as nach urrainn iad a rádh ann am firinn, no breth a thoirt anna fèin, co ac is fearr dhoibh fantuinn 'nan obair air thalamh, no dhol a steach do sheirbhis neo-mheadhonaich Chriod air nèamh. B'e so cor an abstoil, Phil. i. 21-26 ;— agus feudaidh chùisean a bli air an doigh chendna maille ri muinn-tir eile, ma tha iad a' coimhlionadh seirbhis dha anns an spiorad agus leis an treibhdhireas cheudna, ged nach bitheadh an comasan r'an coimeas r'a chuid-san ; agus eadhon aige-san cha robh ni sam bith ach sin a fhuaire e. Is e an dara ni, gu bheil iad a meal-tuinn Chriod ann an ordnighibh an aoraidh shoisgeulaich. Troimh na nithe so tha iad bed,—anns na nithibh so tha beatha an spioradan.

Air do nithibh a bhi mar so, cha dean Dia an gairm air falbh chum calldaich dhoibh ; cha dean e am buntuinn air falbh o na sochairibh so, gun ath-dhiol ro phait agus tharbhach a thoirt dhoibh. Cia b'e air bith na dh' fheudas sinn a bhi 'meal-tuinn ann an so, gidheadh is e siubhal a's ro fhearr chum a bhi maille ri Criod, Phil. i. 23. Oir,—

Anns a' cheud àit,—Ged a sguireas an *t-seirbhis* air thalamh, agus ged a dh' fheumar a toirt suas do làmhaibh mhuinntir eile aig am bheil comh-roinn gu bhi innte mar an ceudna ; gidheadh, air do nithibh a bhi buanachadh fathast air nèamh, tha mar an ceudna seirbhis do Chriod a' buanachadh ann, agus sin ann an rathad a tha do-labhairt ni's glòrmhoire na sin a tha idir comasach dhuinn a choimhlionadh anns a' bheatha so. Air do na naoimh a bhi air an gabhail suas chum an staid so, tha iad “an làthair rìgh-chaithreach Dhé, agus a' deanamh aoraidh dha a là agus a dh' oidhche 'na theampull ; agus gabhaidh an ti a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir còmhnuidh 'nam measg,” Taisb. vii. 15. Tha suidheachadh an aoraidh ghlòrmhoir sin uile a chuir-

eadh roimh 'an céill air 'filleadh ann an so; agus tha seirbhis air a coimhlionadh ann a ghnàth do'n ti a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan. Uime sin, 'an àit a bhi 'na chall a bli air ar gairm o'n t-seirbhis air thalamh, is ann a tha e, a thaobh na seirbhis fén, 'na leasachadh do-nheasrachaидh.

Anns an daru àit.—Is e'bhi mealtuinn Chriosd a' n agus trid ordughibh'aoraidh, tobar neo-mheadhonach ar comhfhurtachd agus ar sòlais gu léir anns an t-saoghal so, Salm lxxxvii. 7; ach ciod e sin 'an coimeas ris a' mhealtuinn bheannaichte agus neo-mheadhonach a tha r' a fhaotainn air nèamh! Uaith so tha beamachadh an staid sin shuas air a chur an céill le bhi *maille ri Criosd*—*gu siorrnidh maille ris an Tighearn*,—'na làthair a ghnàth agus 'ga mhealtuinn gu neo-mheadhonach. Tha solus nan reultan feumail agus saorsail ri oidhche dhorch 'mhair a tha sinn a' gabhail na slighe; ach ciod an tairbhe tha am:ta 'nuair a dh' éireas a' ghrian! Cò an neach a mheasadh 'na chall e, fo dhealradh na gréine, nach sealbhaich e solus nan reultan tuilleadh, ged nach b' urrainn e an oidhche ghabhail as an eugmhais? Theagamh nach 'eil e 'nar comas-ne a smuaineachadh ciomus a bhithreas e ni's ro flearr air ar son dealachadh ri ordughibh an t-soisgeil, ris a mhinistreileachd, agus ris an Sgriobtuir fén. Ach cha-n 'eil feartan sam bith anns na sruthaibh nach 'eil r'am faotainn anns an tobar, agus tha a bhi 'mealtuinn Chriosd gu neo-mheadhonach a' toirt barrachd do-labhairt air ni sam bith a dh' fheudar a shealbhachadh air thalamh.

Anns an staid bheannaichte so tha na h-abstoil naomha maille ris na ceud inhartaraich agus chreidhich uile, a' sealbhachadh toilinntinn agus sonais ionlain, riabh o fhuair iad bàs, anns an lànchoimhthional ghàidhlig a tha shuas, Taisb. vii. 15–17.

[2.] Le so tha comh-chomunn a' buanachadh eadar an eaglais *bhuadhach* air nèamh agus an eaglais air thalamh a tha fathast *anns a' chath*. Oir tha e'na carrami de'r creidimh gu bheil a' leithid so de chomh-chomunn eadar na naoimh ann an glòir agus creidhich air thalamh. Cha'n 'eil anns an dà bhuidheann ach aon eaglais—aon chorùn dhòmhair, fo aon Cheann, aig am bheil cùram gach aon d'a chéile. Seadh, tha carraim nach 'eil beag de ghàidh an t-soisgeil a' coimh-sheasamh ann am freunh agus ann am meadhonaibh a' chomh-chomuinn so. Oir gus an d' fhoillsicheadh run-diomhair glòire Dhé ann an saorsa na h-eaglais tre Josa Chriosd, do na naomhaibh fo'n t-Seann Tiomad, bha an comh-chomunn so gle dhorch; ach a nis tha a sholus agus a ghàidh air éirigh oirnn, mar a tha an t-abstol a' cur an céill, Eabhl. xii. 22–24.

Tha fios againn gu'n d' rinn enid teagascg a' chomh-chomuinn so fhiaradh dh' ionnsuidh saobh-chreidimh agus iodhol-aoraidh; ach cha-n 'eil firinnean sam bith anns an Sgriobtuir nach d' rin-

neadh fbiaradh air a' mhodh cheudna, ann an rathad caillteach do anamaibh dhaoine, 2 Phead. iii. 16. Gidheadh, cha robh iad ach 'gam mealladh féin anns a' chùis so, cha-n 'eil an fhìrinn a' mealladh neach sam bith. Air do theagasg a' chomh-chomuinn so a bhi air a cheadachadh, bha iad a' smuaineachadh gu feumadh comhluadar neo-mheadhonach a bhi eadar iad sin air nèamh agus sinne air thalamh. Agus cha b' aithne dhoibh dòigh no meadhon sam bith air a shon, ach trid a bhi '*y ùrnigh riu*', agus iadsan a bhi '*y ùrnigh*' air an son. Ach bha iad air an ribeadh 'nam meal-laidhibh féin. Cha-n 'eil e neo-sheachanta do chleachdadh comh-chomuinn gu'm bitheadh comhluadar neo-mheadhonach eadar muinntir, ach a mhain d'an taobh-san a tha anns an aon staid, agus sin ann an gniomharaibh anns am feud iad a bhi comh-chuid-eachail gach aon d'a chéile. Ach cha cheadaich staid eadar-dhealaichte na h-eaglais shuas agus na h-eaglais a bhos a' leithid so de chomh-chomunn idir; cha mhò a tha sinn 'an aire cuideachaidh sam bith natha, agus cha dean eleachdadh sam bith an gràidh ar cor a leasachadh, mar a dh' fheudas sinn gach aon a chéile a chuideachadh air thalamh. Uime sin, tha *meadhon* a' chomh-chomuinn so a mhain ann an Chriosd, agus is ann air-san a mhain a tha e air a chleachdadh leinn d'an taobh.

Gidheadh tha cuij, air an làimh eile, a tha 'g àicheadh gu bheil a' leithid so de chomh-chomunn idir eadar buill na h-eaglais no corp diomhair Chriosd aums an dà staid eadar-dhealaichte so. Agus tha iad a 'meas gu bheil sin air a chur an céill leis an fhàidh, Isa. Ixiii. 16, "Gu deimhin is tusa ar n-Athair, ged nach aithne do Abraham sinn, agus nach 'eil Israel a' gabhail ruinn." Ach cha-n 'eil na briathrau so ann an seadh sam bith 'ga àicheadh. Tha an eaglais ann an so, air dhi a bhi mothachadh a' choir anns an robh i ar tuiteam, leimeachd mhi-chùramach agus ionadh aobhar brosnachaидh a bhi meudachadh air a làmhaibh,—ag aid-eachadh d' a taobh féin, gu'n robh i air claoannah cho mòr a thaobh o'n Tighearn, as nach gabhadh an roimh-aithrichean anns a' choimhecheangal riu mar an cloinn no mar an sliochd anns a' chreidimh. Air a so tha iad 'gan tilgeadh féin air tròcair neo-chriochnach agus air dilseachd Dhé, a tha sìnte mach dhoibh eadlion anns a' chor neo-airidh sin anns am bitheadh iad air an cur air cùl leis na daoinibh a bu bharraichte, cia b'e air bith spéis a bhithheadh aca dhoibh air sheòl eile. Ach d'an taobh-san a tha smuaineachadh gu bheil an eaglais shuas, a chriochnaich turus a creidimh agus a h-ùmhlaichd tre àmhgharaibh, agus thrioblaidibh, agus gheur-leannmuinnibh, aineolach agus mi-chùramach mu staid choitchionn na h-eaglais air thalamh—gu bheil i gun iarrtuis air son buaidh, agus saorsa, agus soirbheachaidh dhi, chum glòire Chriosd,—cha-n 'eil iad ach 'ga cur 'na codal ann an staid gun

mhothachadh, gun cleachdadhl gràis sam bith, agus gun shuim do ghlòir Dhé. Agus ma tha iad a' glaodraich air son dioghaltais orra-san a tha air cruadhachadh ann an cleachdadhl na geur-lean-mhuinn, Taisb. vi. 10, am bheil e r' a smuaineachadh gu bheil iad gun mhothachadh agus gun eòlas a thaobh staid na h-eaglais a bhos, a tha fulang na nithe ceudna a dh' fhuiling iad féin? Agus, chum so a chur o theagamh, tha Criosd féin 'ga chur an euimhne dhoibh, anns an ath rann, rann 11.

Ach is e a tha sinn a' ciallachadh aig an àm, comh-chomunn na h-eaglais shuas agus na h-eaglais a bhos maraon, ann an aoradh Dhé ann an Criosd. Nam bitheadh iadsan uile a tha faotainn bàis anns an Tighearn air an gabhail a steach air ball do'n staid dheireannach sin anns am bi Dia "na h-uile anns na h-uile," gun fheum do eadar-mheadhonaireachd Criosd, no do aoradh sin a mholaidh a bheirear do Dhaidh d'a thrid,—gun a bhi air an cleachdadhl gus an tig a' chrioch ann an 'eur urrainn, agus glòir, agus cumhachd, agus uachdaranaachd as a leth-san, do bhrigh a bhi coimhlionadh a dhreuchd anns an àm a dh' fhalbh agus anns an àm a tha làthair,—cha b' urrainn comh-chomunn sam bith a bhi eadar iad agus sinne. Ach am feadh a tha iad anns an ionad-naomh shuas, ann an teampull Dhé, ann an cleachdadhl an aoraidh naoimh do Criosd agus do Dhaidh ann, agus am feadh nach e mhain gu bheil sinne air ar cleachdadhl anns an obair cheudna, ann an òrduighibh naomha coimh-fhreagarrach r'ar suidheachadh, ach, ann an coimhlionadh ar dleasdanas, gu bheil sinn a' dol a steach tre chreidimh "do'n ionad sin a tha'n taobh a stigh de'n roinn-bhrat," agus a' teachd am fagus do'n aon righ-chaithir gràis riù-san anns an ionad a's ro naoimh, —tha comh-chomunn spior-adail eadar iad agus sinne. Is amhuil a tha an t-abstol 'ga chur an eill, Eabh. xii. 22-24.

[3.] Is e so an òrigh a chomharach Dia air son a bhi 'g ullach-ath nan anama naomha shuas air son abhi mealtuinn an staid shiorruidh sin a leanas aig erich nan uile nithe. Mar a tha sinne air thalamh air ar deasachadh agus air ar deanamh ionchluidh, leis an fhocal agus le òrduighibh eile, air son an t-suidheachaidh sin a tha nis ann an glòir; is amhuil sin a tha iadsan, leis an aoradh-thecampuill a tha air nèamh, air an deasachadh air son an staid sin anns an toir Criosd suas an rioghachd do'n Athair chum gu'm bi Dia na h-uile anns na h-uile.

(4.) Tha suidheachadh so nithe a' buanachadh air nèamh, anns an àite mu dheireadh, air son creidimh na h-eaglais a tha fathast air an talamh, agus sin, 'am measg chriochan eile, air son an dà chrich so:—

[1.] Chum a bhi misneachadh an creidimh. Air do réite bhi air a coimhlionadh ann am ful Criosd, b' urrainn Dia, mar a thug-

adh fainear, an eaglais a thèarnadh le gniomharaibh àrd-uachdaranach a chumhachd a mhain. Ach a mheud 's gu'n robh e chum a ghòire gu'm bitheamaid air ar tèarnadh ann an rathad a' *chreidimh agus na h-ùmhachd*, bha suidheachadh so nan nithe nèamhaidh feumail chum ar misneachadh ann. Oir buinidh e do nàdur a' chreidimh, is gràs e a tha freagarrach air son na crìche sin, eadhon, a bhi 'g iarraidh agus a bhi faotainn cobhair, agus cuideachaidh, agus saorsa, o Dhia a ghnàth, chum ùmhachd a choimhlionadh dha.

Chum na crìche so tha Criosd a' buanachadh ann an cleachdadhd a dhreuchd, trid am bheil e comasach air ar tèarnadh gus a' cheum a's fhaide mach, chum gu'm bitheadh an cuideachadh so air a fhrithealadh oirnn leis agus uaithe. A thaobh am feum a tha an creidimh a' deanamh a ghnàth de Chriosd chum na crìche so, mar a tha e cleachdadhd 'eadar-mheadhonaireachd gu glòrmhor air nèamh, cha ghabh e cur gu h-iomlan an ceill. Cha mhòi is urrainn creideach sam bith, a tha fo bhuaidh soluis agus gràis an t-soisgeil, a smuaineachadh cionnus a dh' fheudas beatha a' chreidimh a bhi air a cleachdadhd no air a gleidheadh as eugmhais so. Cha-n 'eil dleasdanas sam bith chum am bheil sinn air ar gairm,—cha-n 'eil buaireadh sam bith anns am bheil sinn air ar cleachdadhd,—cha-n 'eil fulangais sam bith a tha sinn a' giulan,—cha-n 'eil teanntachd, no cunnart, no eagal sam bith ris am bheil sinn a' gleachdadhd,—cha-n 'eil ni sam bith ann am beatha no ann am bàs, ris am bheil glòir Dhé no ar slàinte fèin coimhcheangailte,—anns nach 'eil an creidimh a' tarruing saorsa agus comhfhurtachd o eadar-mheadhonaireachd agus o chumhachd Chriosd a nis air nèamh, maille ri cleachdadhd a ghràidh, agus a chùram, agus a thruais ann. Is amhul a tha e 'ga thaisbeanadh fèin d' ar creidimh, Taisb. i. 17, 18.

[2.] Chum gu'm bitheadh ar creidimh air a *threòrachadh 'nar n-ùile dhol a steach do Dhì* ann an cleachdadhd an aoraidh. Mur bitheadh ni sam bith air a chur r'ar n-aghaidh ach *neo-chriochnachd bith Dhé*, cha bhithheadh fios againn cionnus a thigeamaid am fagus da. Agus is e so an t-aobhar gu bheil iadsan aig nach 'eil eòlas air glòir an fhrithealaidh so, no fios cionnus a ni iad feum de Chriosd 'na dhreuchd a nis air nèamh chum dol a steach 'fhaotainn do Dhia, a ghnàth a' cleachdadhd dhòighean de'n dealbh fèin (mar a tha naoimh, agus ainglean, agus iomhaighean) chum na crìche sin; oir a thaobh dol a steach neo-mheadhonach fhaotainn do bhith Dhé, cha-n urrainn iad a smuaineachadh. Uime sin, gu bhi 'toirt so gu crìch ann am focal, tha creidimh na h-eaglais gu léir agus a h-aoradh do Dhia air thalamh,—tha gach uile dhol a steach d'a ionnsuidh air son gràis, agus gach uile chleachdadhd thaitneach a' mholaidh agus a' ghlòrachaidh air a Mhòrachd

dhiadhaidh,—an crochadh gu h-iomlan, a thaobh am bith agus an cleachdaidh, air buanachadh eadar-mheadhonaireachd Chriosd air nèamh.

Dùnaidh sinn suas an teagasg so gu léir le ath-shealladh aith-gearr a' ghabhail de ni-éigin a labhradh roimh. Ann am beachdachadh bhriathran sin an abstoil anns am bheil e 'g ràdh, *aig a' chrich gu'n toir Chriosd snas an rioghachd do'n Athair*, chur sinn an céill gu'n sguireadh suidheachadh sin nan uile nithe air an robh sinn a' labhairt, agus gu'n criochnaic eadh na h-uile ni ann a bhi mealtuinn Dhé féin gu neo-mheadhionach. Cha-n'eil sinn a' ciallachadh le sin ach a mhain na tha coimhcheangailte ri cleachdadh eadar-mheadhonaireachd Chriosd a thaobh na h-eaglais air thalamh, agus a naimhdean. Ach tha cuid de nithibh a bhuineas do fhìor nàdur an staid so air nèamh a bhuanacheas tre'n t-siorruidheachd ; mar,—

Anns a' cheul aite,—Gu bheil sinn a' creidsinn gu'm bi pearsa Chriosd, ann agus trid nàdur a dhaonnachd, *'na cheann neo-mheadh-onach gu brath do'n chruthachadh ghlòraichte uile*. Air do Dia na h-uile ni a chruinneachadh do aon cheann annsan, cha bhi ceangal a' chruinneachaidh sin air a sgaoileadh gu bràth as a chéile. Cha chail sinn gu bràth ar dàinひ ris, no esan a dhàinひ féin ruinne.

Anns an dara aite,—Tha sinn mar an ceudna a' creidsinn, gur esan meadhon agus slighe a' chomhpairteachaidh eadar Dia agus a naoimh ghlòraichte gu saoghal nan saoghal. Cha bhi sinn a' fèòraich aig an àm, ciod anns am bheil, no ciod anns am bi, comhpairteachadh glòrmhor Dhé r'a naomhaibh, ann am beatha, ann an solus, ann an cumhachd, ann an aoibhneas, ann am fois, agus ann an riarachadh do-labhairt gu bràth, a' coimh-sheasamh. Ach so tha sinn ag ràdh, bitidh iad uile deanta ann agus trid pearsa a' Mhic, agus nàdur an duine ann. Cha bhi am *pailiun* sin gu bràth air 'filleadh suas, cha chuirear gu bràth a thaobh e mar ni gun tairbhe. Agus ma theirear, nach urrainn sinn slighe agus dòigh nan comhpairteachadh siorruidh a tha Dia a' frithealadh air a naomhaibh ann an glòir tre Chriosd a chur an céill ; is e a mhain na their sinn, nach urrainn sinn an dòigh anns am bheil e 'ga chomhpairteachadh féin ann an glòir tre Chriosd ri anamaibh dhaoine anns an t-saoghal so a chur an céill, agus gidheadh tha sinn 'ga chreidsinn. Cia mò gu mòr na sin is éigin duinn a bhi riaraichte le dearbhadh a' chreidimh a mhain, anns na nithibh sin a tha fathast ni's ro mhlò os ceann ar breithneachaidh ! Agus is ann a ghnàth tre Chriosd a bhitheas sinn a' dlùth-leantuinn ri Dia ann an gràdh agus ann an tlachd. Oir bitidh ar beachdan mu Dia tre'n t-siorruidheachd, a mhain a réir an fhoillseachaidh a thug e dheth féin ann. Gidheadh cha bhi sinn a' dlùth-lean-tuinn ris ann an cleachdadh a' chreidimh tre eadar-mheadhon-

aireachd Chriosd, mar a tha sinn a nis a' deanamh ; ach ann an cleachdadadh làn-bheannaichte a' ghràidh do Dhia, mar a rinn agus mar a ni se e féin 'fhoillseachadh ann an Criosd.

Anns an treas òit.—Bithidh pearsa Chriosd, agus nàdur na daonnachd anns a' phearsa *gu siorruidh 'na chuspair a' ghlòrachaidh*, agus a' mholaidh, agus an aoraidh dbiadhaidh. Cha-n 'eil beatha na glòire na staid beachd-smuaineachaidh a mhain. Tha gnè na beatha sin a réir *seallaidh*, mar a tha beatha nan gràs a réir *creidimh*. Is e gràdh anns am bheil a' ghnè sin 'ga cleachdadadh féin, ann an dlùth-leantuinn ri Dia le tlachd shiorruidh. Ach tha cleachdadadh so a' ghràidh gniomhach ann mar an ceudna. Bithidh e air a chleachdadadh ann an cur glòire, agus molaidh, agus urraim as leth Dhé maille ri cleachdadadh glòrmhor gach uile ghnè gràis ; agus is e an t-Uan, pearsa Chriosd, cuspair siorruidh a' mholaidh so maille ris an Athair agus ris an Spiorad Naomh ; air do nàdur na daonnachd anns a' Mhac a bhi air a ghabhail a steach do chomh-chomunn na glòire siorruidh ceudna.

